








Hall. 191. d.

1163

National Library of Scotland



B000082866





Donnacha Mac 'Illembhicheil,
Sràid Earra-ghàel,
GLASGHO.



CUAIRTEAR

N A N G L E A N N,

O MHÀIRT 1842—GU MÁIRT 1843.

AN TREAS LEABHAR, ANNS A' BHEIL DÀ CHUAIRTEAR
DHEUG.

GLASGOW:

J. & P. CAMPBELL, 24, GLASSFORD STREET.

MDCCCXLIII.

CONTENTS.

	PAGE		PAGE
Address to the Highlanders regarding <i>Cuairtear nan Gleann</i>	115	Familiar Dialogues—	
Affecting True Story	250	General News	159
Aged Man and the Young Boys	111	Queen's Visit to Scotland	196
Ailean Mac-Ruairidh, (Ac- count of this Chief)	80	Extravagance in the High- lands at the New Year —Peace with China— Account of China— Peace in Upper India— Prospects of Trade— Duty of sending the Gospel to China and India	304
Allan M'Ruairidh, who fell in the Battle of Sheriffmuir, (Account of)	193	Feud between Lochiel and the Laird of M'Intosh	243
Answers to Correspondents	85, 142	Father Mathew	253
Ancient Feudal Custom in Skye	156	Gavin, (James) the Covenanter, (Account of)	318
Ants, (Interesting account of)	327	Generosity of the African Woman to Mungo Park	135
Arabian Horse, (The)	195	Grants of Strathspey	182
Bad Practiees	192	Highland Superstition	137
Banquet at the Christening of the Prince of Wales	24	Highlanders in South America, (The)	164
Battle of Waterloo	14	Hymn of Praise	158
Battle of Inverkeithing	95	Hymn	321
Battle of Invernahaven in Bade- noch	331	Inverness Sheep and Wool Market	170
Beggar's Bridge, (The), an Irish Legend	40	Indian Chief, (The)	272
Bible, (The), a Poem	25	Indian War	277
Boat Song	249	Irish Harper, (The)	169
Broken Fiddle, (The)	20	Irish Fairies, a Legend	187
Carrier Pigeons, (Account of)	334	Irish Legend regarding the Great Plague of 1439	261
Christening of the Prince of Wales	23	Iron Shoe of the M'Donald's, (The)	138
China, (Account of)	276, 304	Isle of Skye Story	251
Condition of the Lewis Emi- grants in Canada	335	James Gavin, the Covenanter, (Account of)	318
Deaths of the Apostles	184	Judea and the Jews, Part I.	177
Death of the Duke of Orleans	163	Do. do. Part II.	237
Dennis Costello, the Irishman	98	Lament for an Aged Father	322
Dreadful Effects of Intemperance	300	Laws of Nature	108
Dream, (A)	262	Letter to the Editor on Emi- gration to New Brunswick	49
Dumb Man and his Son, (The)	151	Letter to the Editor—Ready Answers	78
Duty of Sending the Gospel to China and India	304	Letter to the Editor regarding a Gaelic Society formed in New Brunswick, to aid Emi- grants from Scotland	49
Emigration to New Brunswick —formation of a Gaelic So- ciety there to aid Highland Emigrants	49	Letter from New Zealand	245
Emigration to Canada—condi- tion of the Lewis Emigrants there	335		
Familiar Dialogues— Sir Robert Peel's Finan- cial Measures, New Tariff, &c.	51		

	PAGE		PAGE
Life of Sir William Wallace,		Account of,) occupying the	
Part I.	64	whole of No. 32	199
Do. do. Part II.	103	Red Rover and the Scandina-	
Do. do. Part III.	123	vians	165
Do. do. Conclusion	149	Review of a New Gaelic Work	196
Life and Exploits of Rob Roy		Do. do. do.	321
M'Gregor . . . Part I.	233	Russian Empire, No. 2.	6
Do. do. Part II.	267	Saint John the Evangelist	121
Do. do. Part III.	294	St. Catherine's Church, near	
Do. do. Part IV.	322	Edinburgh	274
Little John M'Andrews, the		Sermon for the Young, Mat.	
Strathspey Archer	131	vi. 28.	87
Locheil and the English	167	Sermon for the Young, John	
Lough Dearg in Ireland, (Su-		i. 18.	143
perstitutions regarding it)	129	Sermon for the Young, Heb.	
Michael Connel, an Irish Story	75	ix. 6.	171
Nankin in China	276	Sermon for the Young, 1 Kings	
New Brunswick—formation of		xxii. 34.	227
a Gaelic Society in, to assist		Sermon for the Young, Luke	
Emigrants from Scotland to		xv. 10.	255
reach that country, by in-		Sermon for the Young, Heb.	
forming them previous to		ii. 9.	283
leaving their native country		Sermon for the Young, Heb.	
where to settle to most ad-		vii. 25.	311
vantage, and to aid and guide		Song of Solomon, Preface to,	
them on their arrival	49	and Metrical Version of	
Old Man's Advice, (The)	112	Chapter i.	37, 39
Origin of the Surname M'Gre-		Song of Solomon, Metrical	
gor	134	Version of Chap. ii.	73
Patrick's Well in Tyree	185	Do. of Chapter iii.	107
Prince Edward's Island, (Ac-		Do. of Chapter iv.	127
count of)	71	Do. of Chapter v.	155
Public News—		Do. of Chapter vi.	186
——Meeting of Parliament—		Do. of Chapter vii.	228
War in Afghanistan—		Do. of Chapter viii.	298
China, &c.	26, 28, 29, 30	Song to the Cuckoo	112
——China — Afghanistan —		South American Sheep Dog	166
——Melancholy loss of the		Story of a Witch	152
Steamer Telegraph	56—58	Story of the Year 1746	81
——Parliament—India, &c.	84	Superstitions still Prevalent in	
Emigration Meeting at		the Western Isles	9
Glasgow — Parliament		Tales for the Young—Warning	
——Burning of Hum-		to Highlanders coming to	
burgh	114	the Low Country	31
——Attempt to Assassinate		——The Two Paths, an	
the Queen—America—		Allegory	59
East Indies	139, 140	——The Young Israelitish	
——Peace with China—Cap-		Maid	1
ture of Ghuze and Ca-		Thugs in India, (The) account of	92
bool—Relief of the pri-		War in India, Peace concluded	279
soners, &c.	281	Young Israelitish Maid, (The),	
Queen's Visit to Scotland, (Full		a Tale for the Young	1



AN LA A CHI 'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÌOS-MEADHOIN AN EARRAICH.

AN 25 ÀIREAMH.]

MARCH 1, 1842.

[PRÌS 6 SGILLEAN

CONTENTS:—The Young Israelitish Maid, page 1.—Russian Empire, No. 11., 6.—Superstition Still Prevalent in the Western Isles, 9.—Battle of Waterloo, 14.—The Broken Fiddle, 20.—Christening of the Prince of Wales, 23.—Banquet on that Occasion, 24.—The Bible (a Poem), 25.—Public News—Meeting of Parliament, 26; War in Afghanistan, 28; China, 29; Emigration, 30.

A' BHAN-ISRAELACH BHEAG.

SGEUL AIRSON NA H-ÒIGRIDH.

Tha freasdal an Tighearna do thaobh a chinne-daoine araon òdr agus iongantach. Tha gach neach a bheachdaicheas gu ùramach air oibribh mìorbhuileach an Fhreasdail, 'gam faicinn araon lionnhor agus cudthromach. Ach, air an làimh eile, tha iadsan nach 'eil 'gan toirt fa'near, agus nach 'eil idir a' beachd-muaineachadh orra, a' teachd beò "gun Dia, gun Chrìosd, agus gun dòchas, anns an t-saoghal." Nach dall an neach sin nach 'eil 'faicinn riaghailt, òrdugh, agus maise, ann an uile ghnìoinharaibh Dhé do thaobh an t-saoghail? Gidheadh, tha'n Salmadair ag innseadh dhuinn gu'n robh so 'ga chur fèin fo thrioblaid, agus gu'n robh farmad aige ri soirbheas an aingidh. Tha e ag ràdh: "Ghabh mi tnu ri h-amadanaibh, ri faicinn soirbheis dhaoinne aingidh. Oir cha'n 'eil cuibhrichean 'nam bàs, ach a ta an neart a' dìridh. Ann an docair mar dhaoinibh eile cha'n 'eil iad agus mar dhaoinibh eile cha'n 'eil iad air an sàruchadh," (Salm lxxiii. 3-5.) Ach 'nuair a smuainich e gu ceart mu'n chùis, chunnaic e annidh



eachd féin, agus thubhairt e, “ ’Nuair a sinuainich mi air so a thuigsinn, bu chroaidh an gnothach e ann am shùilibh, gus an deachaidh mi steach do naomh ionad Dhé: an sin thuig mi an crìoch-san,” (Salm lxxiii. 16, 17.) A nis, c'àit an do sinuainich Daibhidh gu ceart air cùisibh freasdail an Tighearna, a bha an toiseach co cruaidh 'na shùilibh? C'àit ach ann an naomh ionad Dhé, far am bheil gach maitheas a' sruthadh do'n chinne-daoinne! Tha eòlas air Dia, agus air oibribh a fhreasdail, gu bhi air am faotuin ann an naomh ionad Dhé, far am bheil focal Dhé gu sònraichte air a mhìneachadh. Feumaidh freasdal Dhé a bhi air a mhìneachadh amlàin le focal Dhé. Cha'n 'eil anns na Sgrìobtuiribh ach eachdraidh air caomh-fhreasdal Dhé; agus ma lenghas sinn iad le miann dhùrachdaich chum eòlas fhaotuin, chì sinn anns gach cuibhrionn dhiubh am freasdal sin air fhòillseachadh gu soilleir. Chì sinn e air fhòillseachadh air mhodh a ta dol oscionn ar n-eòlais agus ar tuigse! Tha e 'ga nochdadh féin air mhodh sònraichte ann an eachdraidh ghoirid na Ban-Israelach bhig sin air am bheil a mhiann oirnn beagan a nis a labhairt.

Tha Siria, rìoghachd mhòr agus chumhachdach, air an taobh tuath do Indea; agus mar bu tric, bha naimhdeas mòr eadar rìghrean na tìr sin agus rìghrean Israel. Is lionnìhor cath fuilteach agus faobh mhìlteach, a bha eadar an dà rìoghachd so! Bha na h-Israelach air nairibh gu searbh air an claidh le feachd Shiria, gu sònraichte ri linn Ahaib agus Iehorain. Ged bha Benhadad, rìgh Shiria, 'na dhuine eagnuidh agus cumhachdach, gidheadh, air de Dhia a bhi air taobh nan Israelach, chuireadh as gu minic do àrmaitibh an rìgh sin, le sgrios uamhasach! Ann an aon do na blàraibh fuilteach a bha eatorra, mharbh na h-Israelach ann an aon là cend mìle do fheachd Bhenhadaid, a thuilleadh air seachd mìle fichead eile a chuireadh gu bàs le balla a thuit orra aig Aphec (1 Rìgh xx. 29.) Gidheadh, is minic a bha clann Israel ann an fìor theanntachd leis an sgrios a thug feachd Shiria orra. Aig aon àm gu sònraichte, chrìnnich Benhadad 'armait féin uile, agus theannaiche Samaria; air chor 's gu'n d'éirich gorta co mòr anns a' bhaile sin, 's gu'n robh ceann asail air a reiceadh air cheithir fichead bonn airgid. Bha 'ghorta co eagallach aig an àm sin ann an Samaria, 's gu'n robh na mnathan a' bruicheadh agus ag itheadh an cloinne féin!

Uair do na h-uairibh, 'n àm do na Sirianaich a bhi ri renbainn agus sgrios ann an tìr Israel, rinn iad greim air cailleig bhig, agus thug iad leo i a'm braighdeanas á tìr a dùchais dh'ionsnuidh rìoghachd Shiria! Gu cinnteach, bu chroaidh-chridheach an gnìomh rinn iad, 'nuair a spìon iad a' chaileag bheag so air falbh o a dill-sibh, agus a rinn iad i 'na tràill mhuladaich ann an dùthaich chéin agus naimhdeil! Cha'n 'eil cùntas againn cìod b'aois dí, ach cha robh i ach òg, oir bu chaileag bheag i; agus gun teagamh b'an iochdnìhor an gnìomh nigheanag mar sin a spìonadh air falbh o pàrantaibh; ma bha iad beò; agus mar robh, cha robh ciont na Sirianach idir air a lughachadh le bhi buntainn mar a rinn iad.

dilleachdan truagh! Gidheadh, biodh sin mar a dh'fheadas, cha d'rinn iad bàigh sam bith rithe, ach thug iad leo a'm braighdeanas i chum an dùthcha féin. Ach c'àit an do stiùir freasdal an Tighearna i chum còmhnuidh a ghabail ann an tìr nan coigreach? Stiùir chum tigh Naamain, àrd-cheannaird Bhenhadaid, far an robh i mar bhan-òglach aig a mhnaoidh. “Agus chaidh na Sirianaich a mach 'nam buidhnibh; agus thug iad leo a'm braighdeanas á tìr Israeil caileag bheag, agus bha i a' feitheamh air innaoidh Naamain.” (2 Rìgh v. 2.)

Dh'àraicheadh a' chaileag bheag so snas gn cùramach, a réir coslais, ann an eagal an Tighearna. Bu mhòr, gun teagamh, a sochair gu'n d'rugadh i ann an gleann an taisbein, ann an tìr a' gheallaidh, far an d'fhnair i eòlas air an aon Dia bheò agus fhìor; gidheadh, cha robh a' chaileag thruagh so as eug'ais a h-ainmhair féin! Bha i a'm braighdeanas ann an dùthaich choimhlich! Thugadh i an aghaigh a toil á tìr a h-eòlais, agus ghiùlaineadh i 'na daor bhan-òglach mhaoth do thìr nan coigreach! Nach bu mhuladach a staid? Cha robh aice ni b'fhaide caoimhneas athar no màthar, agus cha mhothuicheadh i tuilidh gràdh peathar no bràthar! O! a' chaileag bhoehd! nach bu truagh a cor? Có a nis nach sìleadh deur an truacantais air a son? Bha, gidheadh, aon charaid aice—caraid a leanas ni's dlùithe na bràthair! Bha Dia Israeil—seadh, Dia a h-aithriche—maille rithe. Bha eòlas aice air, agus fo sgàil a sgiathan bha a dòchas!

Bha Naaman ann an àrd-inbh, agus 'na dhuine mòr aig rìgh Shiria; ach an deigh sin nìle, bha ni's leòir dlùth-cheangailte ris chum a dheanamh mi-shona, oir “bu lobhar e!” Ged bha e mealtuinn gach urram a b'urrainn a thighearn' a bhuileachadh air, agus a sealbhachadh gach caoimhneas a bha 'na chomas a thaisbeanadh dha, an deigh sin “bu lobhar e.” Ged a dh'oibrich an Tighearna leis anns a' chath, agus ged 'san leis-san thug e saorsa do Shiria, gidheadh “bu lobhar e.” Mar sin, ann am meadhon gach greadhnachas, urram, agus soibhreas, bha Naaman as eug'ais toil-inutinn, air da 'bhi air a chlaoidh le h-éucail ghràineil, oir “bu lobhar e;” agus dh'fhairtlich e, gun teagamh, air uile léighibh Shiria a leighis!

Chum tigh an àrd-cheannaird so, mata, stiùir freasdal Dé a' bhan-Iudhach bheag so, chum a bhi feitheamh air a mhnaoidh! Nam biodh i air tuiteam ann an làmhaidh dhaoine air an robh eagail Dé, dh'fhendadh a tràillealachd a bhi 'na comhfhurtachd dhi féin agus d'a càirdibh! Ach cha robh a' chùis mar sin, oir thuit i ann an làmhaidh nàimhdean Dé, agus am measg sluaigh iodhal-aoradh; agus ged a bha i a' feitheamh air mhaoidh Naamain, cha ruigeadh i leas dùil a bhi aice ri fìor shonas sam bith a mhealtuinn! Bha i fad o 'càirdibh agus o 'pàrantaibh, a thairg suas i gu utoch do Dhia Israeil. Theagaisg iad i gu cùramach ann an slighibh a dleasnais; ach thugadh air falbh i dh'ionusuidh tigh far nach robh aoradh 'ga dheanamh do'n Dia bheò agus fhìor, ach do Rìmon, iodhol nan cinneach! 'N' àm di a bhi ann an tigh Naamain, bha i

gun teagamh cùramach m'a dleasnas, agus a toirt aire shònraichte d'a dreuchd. Am measg nithe eile, bha iomaguin oirre mu'n staid mhuladaich anns an robh a maighstir, a thaobh na h-éucail leis an robh e air a chlaoidh! Chunnaic i, cha'n e 'mhàin gu'm bu lobhar e, ach nach b'urrainn uile léighean Shiria a dheanamh slàn! Ged a shàruicheadh a' chaileag bho chd, agus ged a bhuineadh rithe gu h-an-ìochdmhior leo-san a thug air falbh i á dùthaich a sinnsearachd, gidheadh cha do dli-chuimhneach i a dleasnas, agus cha do dhearmad i a bhi feumail far an do thilg freasdal Dhé a crannchur. Ged bha i 'na ban-tràill aonaranaich ann an teaghlach iodhal-aoradh, agus ann an dùthaich chéin, bha teas-ghràdh d'a maighstir a' lasadh 'na cridhe! Cha robh a staid féin a' cur a' bheag do thrìoblaid oirre, an coimeas ris a' chùram a bha oirre mu'n chor thruagh anns an robh Naaman.

Là do na làithibh, “thubhairt i r'a ban-mhaighstir, B'fhèarr leam gu'm biodh mo thiaghearna maille ris an fhàidh a tha ann an Samaria; an sin leighiseadh e o 'luibhre e,” (2 Rìgh v. iii.) Cò am fàidh a bha 'n so? Cò am fàidh ann an Samaria as an robh earbsa cò mòr aig a' chaileig bhig so? Bha am fàidh urramach Elisa, a chunnaic i ag oibreachadh mhìorbhuil 'na dùthaich féin! Bha cuimhne aice mar a roinn e uisge Iordain le falluinn a mhaighstir, Eliah—mar a thug e air dà mhath-ghamhainn bhoirionn teachd a mach as a' choille, chum dhà agus da-fhichead duine cloinne a reubadh a bha 'deanamh fanoid air—mar a mheudaich e oladh na bantraich—mar a dh'ath-bheothaich e mac na ban-Sunamaich o na mairbh—agus mar a bheathaich e ceud fear le fichead bnìon! Bha na nithe so uile, gun teagamh, 'na cuimhne; agus air dì a bhi creidsinn gu'm b'ann o Dhia a bha e, ghuidh i gu'm biodh a maighstir “maille ris an fhàidh a tha ann an Samaria, oir leighiseadh e o 'luibhre e.”

Tha còir aig na h-nìle air maith a dheanamh, cia aca is maighstirean, no seirbhiseich, no tràillean iad. Na cuireadh am maighstir ann an neo-speis comhairle a sheirbhiseich. Faodaidh fios a bhi aig caileig bhig nì's fearr na againn féin ciod bu chòir duiun a dheanamh. Faodaidh daor bhan-òglach mhaoth a bhi 'na h-iùneal ann an làimh an Fhreasdail air saorsa, agus beatha, agus slàinte a chur an car a maighstir! Cha'n eil nì air bith neo-chomasach do Dhia.

Ghabh bean Naamain beachd sònraichte air briathraibh na caileig beig. Dh'innis i iad d'a fear, agus dh'innis esan iad do Bhenhadad, an rìgh. Thug an rìgh comhairle air dol dh'ionnsuidh an fhàidh, agus gu'n cuireadh e féin litir leis chum rìgh Israeil. Rinn Naaman gach nì gu h-ealamh deas, agus dh'fhalbh e le òr, airgid, agus aodach nì's leòir airson na slighe; agus thug e litir Bhenhadaid do rìgh Israeil. An uair a leughadh i, ghabh an rìgh eagal mòr, an dùil gu'n robh rìgh Shiria a leigeadh riob air a shon, agus ag iarraidh aobhar 'na aghaidh! Bha e ann an staid dhòlasaich mu thimcheall na litireach; ach an uair a chual Elisa, fàidh na caileig bhig, mar a bha 'chùis, chuir e fios a dh'ionnsuidh an rìgh,

agus dh'iarr e gu'n tigeadh Naaman far an robh e, agus gu'm biodh fios aige gu'n robh fàidh ann an Israeil. Thug Naaman tigh an fhàidh air, ann am mòr ghreadhnachas le h-eachaibh, carbadaibh, agus seirbhisich ! Sheas e aig an dorus, an dùil gu'n tigeadh am fàidh a mach a dh'fhaicinn neach co h-urramach ri àrd-cheannard rìoghachd Shiria ! Cha d'thainig, gidheadh, am fàidh a mach ; ach chuir e teachdair a dh'iarraidh air e féin a nigheadh seachd uairean ann an Iordan, agus gu'm fàsadh e slàn ! Ghabh Naaman tàmailt agus corruich do brìgh nach b'fhiù leis an fhàidh teachd a mach gu fàilt a chur air, agus gus an luibhre a leigheas le a làmh a chur air, agus le bhì 'gairm air Dia. Cha d'fhuirich e nì b'fhaide aig an dorus, ach dh'fhalbh e le feirg, ag ràdh gu'n robh Abàna agus Pharpar, aibhnichean am fagus d'a dhùthaich féin, nì b'fhearr na uile uisgeachan Israeil ; agus nan rachadh a leighis le e féin a nigheadh seachd uairean, gu'm faodadh e sin a dheanamh aig a' bhaile, gun tighinn co fad as ri uisge Iordain chum e féin ionnlad. Le cainnt mar so 'na bhilìbh, dh'fhalbh e roimhe ann an corruich ! Chunnaic a sheirbhisich amaideachd a ghiùlain, agus thòisich iad ri reusnachadh ris, ag ràdh, nan iarradh am fàidh nì mòr, gu'n deanadh se e ; ach o nach d'iarradh air ach nì beag, gu'm b'ann o sin a b'fhas' a dheanamh ! Chunnaic e gu'n robh a sheirbhisich a' labhairt gu glic, agus air ball dheònaich e air denchainn a thoirt do leighis an fhàidh. Chaidh e dh'ionnsuidh na h-aibhne ; thùm se e féin seachd nairean, mar a dh'fhàithneadh dha, agus gu h-ealamh rinneadh slàn e. "Thainig 'fheòil a ris mar 'fheòil leinibh bhig, agus ghlanadh e." Air ball rinneadh e 'na dhuine nuadh, cha'n e 'mhàin do thaobh a chuirp, ach mar an ceudna do thaobh 'anma ! Dh'aidich e a chreidimh ann an Dia nèimh agus na tahnainn ; "agus thubhairt e, Feuch, a nis tha fios agam nach 'eil Dia anns an talamh uile ach ann an Israeil."

Mar so, bha 'chaileag bheag so, a thugadh a'm braighdeanas á tìr Israeil, 'na meadhon ann an làimh an Fhreasdail chum duine a shlànachadh o ghalar gràineil, agus mar an ceudna chum 'iompacladh o ghràineileachd a pheacaidh agus an iodhol-aoraidh !

'Nuair a ta eachdraidh na ban-Israelich bhig so chum mòr bhuanachd do na h-uile, air di bhì 'na foillseachadh soilleir air oibreachadh miorbhuileach freasdal Dhé, bu chòir di drùghadh air mhodh sònraichte air an òigridh. Thugadh iad fa'near, inata,—

I. MACANTAS na caileig bhig so. Chuir i deagh eiseimpleir rompa-san as sine na i féin. Ged bu mhiann leatha maith a dheanamh, an deigh sin cha robh i dàn no ladarna 'na giùlan. Air di a bhì fo mhulad airson staide a maighstir, labhair i mu'n chùis r'a ban-mhaighstir, agus dh'iunnis i mu'n fhàidh a bh'ann an Samaria. Faodaidh e bhì nach leigeadh a nàire leatha labhairt ri Naaman féin, no theagamh gu'n robh dùil aice gu'n gabhadh e comhairle a mhnatha nì's luaithe na comhairle neach eile. Air an aobhar sin, "thubhairt i r'a ban-mhaighstir, B'fhearr leam gu'm biodh mo thighearna maille ris an fhàidh a tha ann an Samaria ; an sin leighiseadh e o 'luibhre e."

Thugadh an òigridh fa'near,—

II. CREIDIMH na caileig bhig so. Ged bu bheag i, nochd a briathra gu'n robh a creidimh mòr! C'arson a thubhairt i ri mnaoidh Naamain gu'n leighiseadh am fàidh ann an Samaria a maighstir o 'nibhre, oir cha'n fhac i riamh lobhar air a leighis leis an fhàidh sin ann an Israeil uile? Tha Lùcas ag innseadh dhuinn, nach do leigheas Elisa lobhar riamh ach Naaman an Sirianach. “Bha mòran lobhar,” deir Lùcas, “ann an Israeil ri linn Elisenis ('se sin Elisa) an fhàidh, agus cha do ghlanadh a h-aon aca ach Naaman an Sirianach,” (iv. 27.) Gidheadh, ged nach fhac a' chaileag bheag lobhar air a leigheas le Elisa, chunnaic i am fàidh sin a' deanamh mòran mhìorbhuilean eile, a bha 'nochdadh a' chumhachd a thug Dia dha; agus trid creidimh, thubhairt i r'a ban-mhaighstir gu'n leighiseadh e Naamain o 'nibhre. Mar so, trid a creidimh, bha i 'na beannachd do'u teaghlaich iodhal-aoradh anns an robh i, le bhi 'g innseadh mu ghloir agus mu chumhachd an Dé bheò agus fhìor.

Thugadh an òigridh fa'near—

III. NAOMHACHD na caileig bhig so. Tha e follaiseach 'na h-aid-eachadh agus 'na comhairle. Ged bha i ann an teaghlach iodhal-aoradh, cha do dhi-chuimhnich i Dia a h-aithrichean, agus cha d'aidich i mar Dhia ach esan a mhaìn. An nair a bhiodh Naaman agus a thigh a' sleuchdadh sìos do Rimon, dia-bréige nan cinneach, bhiodh ise 'na h-aonar a' sleuchdadh sìos do Iehobhah, Dia uile-chumhachdach Israeil.

Chuir an Tighearn a' chaileag so gu ruig tigh Naamain, ceart mar a chuir e Ieosaph do'n Eiphit, chum a bhi 'na bheannachadh do'n àite. Tha a comhairle a' nochdadh gu'n robh i féin a' creidsinn ann an cumhachd an fhàidh; agus ged nach robh innte ach caileag bheag, cha do shaoil i tuilleadh 's tràth e gu bhi smuain-eachadh air Dia, air creidimh, agus air naombachd.

Sibhse a ta fathast òg, beachd-smuainichibh air an eachdraidh ghòirid so; leanaibh eiseimpleir na caileig bhig so; agns “cuimhnichibh a uis bhuir Crnithear ann an làithibh bhuir 'n-òige, mu'n tig na droch làithean, agus an druid na bliadhnaich ruibh anns an abair sibh, Cha'n 'eil tlachd againn aunta.”

SGIATHANACH.

Clachan Chìllmhuire,
Toiseach an Earraich, 1842.

RIOGHACHD MHÒR RUSSIA.

EARRANN II.

Tha tràillelachd cumant' an *Russia*—'se sin, buinidh an sluagh do dh'òighre an fhearrainn. Tha iad air an reic leis an fhearrann, mar tha crodh a's caoirich. Ach 's éigin a ràdh, ged tha so sgrèamhail leinne, gu bheil iad féin am bitheantas làn riarichte. Tha cùram mòr air a ghabhail dhiùbh. Tha lighichean a' frithealadh orra 'nan tinneas, agus a h-uile cothrom aca 'tha feumail chum am fàgail

toilichte. Cha'n eil bochduinn 'nam measg; tha pailteas do lòn a's do dheagh éididh aca; ach tha iad air an reic 's air ceannach dìreach mar tha crodh agus caoirich.

Tha'n t-arm air a thogail á sluagh na dùthcha, a li-uiread so as gach ceud no mìle fear, réir an fheum a th'orra. Tha croinn air an tilgeadh, mar b'abhaist 'nar dùthaich féin, an àm togail na *militia*. 'Nuair bha'n t-an-tighearna mòr *Bonaparte* air dol do *Russia* le 'fheachd sgriosach, dh'éirich an dùthaich uile; 's cha b'i cheisd air an àm có dh'éireadh, ach có nach gabhar. Thainig an dùthaich uile gan tairgse féin, chum seasamh mach 'na aghaidh agus a sgrios. Tha e mar mhàl air mòran 'san rìoghachd sin, an uiread so do dhaoine 'bhi deas airson cogaidh uair sam bith air an gairmear a mach iad.

Tha aon dùthaich gu h-àraidh ann an *Russia* ('sì sin tìr nan *Cossacks*) as am bheil a' chuid a's mòr de'n arm Russianach air a thogail. Tha tìr nan *Cossacks* anbharr farsuing—osceann leth-cheud mìle de mhiltean ceithir-oisinneach—dlùth air meudachd Albainn, Éirin, agus Shasainn, agus gu mòr ni's tarbhaicheadh a's ni's comhnaird. 'S gann gu bheil srath no beinn 'san tìr uile, ach co comhnard ri ùrlar seòmair. Cha'n eil mòran dhi fo'n chraun na fo bhàrr, ach fo threudan lìonmhor, aig am bheil an t-ionaltradh is àillidh agus is feuraiche 's urrainnear a smaoineachadh. Cha'n eil luchd nan cosag ('se sin, na *Cossacks*) fo dhaorsa sam bith; tha iad co saor ri aon shluagh air thalamh. 'Se eich an spréidh is prìseileadh leo. Cha'n eil daoine air an t-saoghal aig am bheil bàidh co mòr do dh'eich. An duine is bochda 'nam measg, tha aige leth-dusan each, agus mòran aig am bheil osceann mìle. Faodaidh iad a chumail dhiùbh mar is àill leo. Tha farsuinn-eachd aca mar is urrainn dhoibh iarraidh; agus cha'n eil aon dhiùbh sin nach fhaod Rìgh mòr *Russia* 'ghairm a mach gu cogadh là air bith a thogras e. Na chunnaic iad riamh airson saighdearachd a's marcachd! 'S fìor thruagh cor na dùthcha air an leigear sgaoth dhiùbh so mach a thogail creich.

Tha dùthaich eile ann an *Russia*, ris an canar an Tìr Àluinn, no *Ukraine*—tìr co tharbhach, thaiceil, thorrach, ghrianach, 'sa tha air aghaidh an t-saoghail mhòir. Tha aghaidhean an so fo chruineachd ni's farsuing na tha ri fhaotainn an tìr sam bith air an cuala sinn iomradh; agus airson feurachadh a's ionaltradh, cha'n eil tìr is urrainnear a choimeas ris. Tha luchd-àiteachadh na tìre so dealaichte o mhuinntir *Russia* 'nan dreach 's 'nan coslas. Tha iad làidir, eir-eachdail, snasmhor 'nan pearsannan; tuigseach, sàmhach, glic, seòlta. Tha iad anbharrach onorach, fialaidh, càirdeil; agus airson aoidheachd do choigrich, cha'n eil daoine a bheir bàrr orra.

Tha na *Cossacks* nan daoine co thapaidh, mìlisneachail, sheòlta, 'sa tha ri fhaotainn ann an aon tìr air thalamh. Bu bhitheanta leo so falbh air astar, na ceudan dhiùbh ann an aon bhuidheann mhòr, air an steudan luath neo-fhoighidinneach, a thogail creich, 's ma dh'fheudta coig ceud mìle o'n dùthaich féin, agus thigeadh iad dhachaidh le stòras!

'Nuair dh'éirich an dùthaich an aghaidh *Bhonaparte*, chaidh ceud mìle de na *Cossacks* a mach fo airn; agus dh'aidich an duine ainmeil

sin nach do thachair an leithid riamh air. “Ged a sgapar an nochd iad,” ars’ esan, “bithidh iad co lìonmhor am màireach ’sa bha iad riamh.” Bha iad air a thòir, roimhe agus ’na dheigh; cha do dhìrich e mullach nach d’fhuir e roimhe iad; bha iad mar na meanbh-chuileagan ’ga lotadh air na h-uile ceum. Cha’n eil an t-saighdearachd ach na fearas-chuideachd leo. Co luath ’sa thogas iad spàin ri’m beul, tha claidheamh beag air a chur an làimh an leinibh. Tha iad air an togail gu marcachd ’s gu iomairt arm o’n òige. Aig a’ bhaile, ’s ’nan tighean féin, cha’n eil daoine is bàigheil agus is ceanalta na iad; ach cha’n eil nàimhdean is fuileachdaich agus is eagalich na iad. Cha’n eil eich idir a sheasas cruadal coltach ri eich na dùthcha sin. Anns a’ chogadh ma dheireadh, ’s minig a chaidh na *Cossacks* ceud mìle anns na ceithir-uaire-fichead, a’ giùlan arm a’s creich—suàmh thairis air aibhnichean—troimh mhòintich a’s thar mhonadhan—suarach mu theas an t-samhraidh ’s mu ghaillionn a’ gheamhraidh.

Tha cabhlach làidir aig *Russia*. Tha mu thimchioll ceud long mhòr cogaidh aice air an àm, le sgioba de sheoladairean co chruadalach, thapaidh, mhisneachail, ’sa bha riamh air clàr luinge. Ach cha’n aon ’nan luingeas-cogaidh tha’n earbsa, ach ’nan arm-tìre.

’Se’n ni is mò tha’n aghaidh *Russia*, cion guail. So an ni do bheil sinne fo chomain airson ar beartas, agus ar cumhachd. Le cion guail, cha’n urrainn *Russia* gu bràth a bhi na rìoghachd chumbachdaich na beartach. ’Se pailteas a’ ghual agus an iarainn do bheil sinne fo chomain airson ar màlairt. ’Se so rinn Sasunn na ceardach do’n t-saoghal.

Cha’n eil laghannan ro chothromach an *Russia*. Faodar lagh a cheannach ’san rìoghachd siu. Ma tha sporan tròm aig duine, faodaidh e aon bhinn a thogras e féin fhaotainn, le duais a thoirt do’n bhreith-eamh.

Tha sgoilean mòr ’san rìoghachd—òigridh a faotainn foghlum air cosd na rìoghachd—’se sin, òigridh nan daoine mòr. Tha air an àm trì cheud mìle òganach ’gan àrachadh anns na sgoilean mòra so; agus mach asda so, tha cuid a nis tighinn de na daoine is foghlumte, agus is tuigsich, agus is tapaidh, is urrainnear fhaotainn an rìoghachd air bith.

Am bitheantas, tha muinntir *Russia* nan daoine cràbhach—meas mòr aca air creideamh, air eaglaisibh, a’s air cléir. ’Si ’n Eaglais Ghreugais, mar theirear rithe, eaglais shuidhichte rìoghachd *Russia*. Tha teagasgan na h-eaglais so co-iunnan ri teagasgan Eaglais na Ròimhe, agus an t-aoradh dìreach anns gach càs cosmhuil ri aoradh nam Pàpanach. Tha eadar-dhealachadh ann an dà ni—tha na sagartan pòsda, agus cha’n eil an eaglais ag aideachadh cumhachd na ùghdarras a’ Phàpa. Tha mòran de’n chléir ’nan daoine foghlumte, diadhaidh, tuigseach; ach tha, ’san àm cheudna sagartan air feadh na dùthcha, aineolach, misgeach, mi-bheusach. Tha fearann aig a’ chléir a bhuineas do’n eaglais; agus am bitheantas, tha mic na cléire a’ tighinn a mach gu àite an athar a lìonadh, agus an oifig a ruith o linn gu linn ’san teaghlach. Tha mòr chumbachd aig a’ chléir thairis air an t-sluagh, agus anbharras meas aig an t-sluagh orra.

Cha'n fhaodar àicheadh nach i *Russia* an rìoghachd o bheil an t-aobhar eagail is mò, cha'n e 'mhàin do Bhreatunn, ach do'n t-saoghal. Cha cheannsaich armailtean na Roinn-Eorpa *Russia*. Dh'fheuch an duine bu chumbachdaich 'bha rimh thairis air an Fhraing so, le feachd nach deach a leithid riamh roimhe sin fo uidheam, agus sgiùrs iad dhachaidh e le tàmailt 's le call. Cha d'éirich rìoghachd riamh gu cumhachd 's gu uram mar rinn *Russia* ann an ùine co goirid, agus gu àirde co mòr. Ceann-bhaile na rìoghachd (*St Petersburg*), cha'n eil osceann ceud bliadhn' o na bha e na lòn mòr, fo uisge a's mòin-teach—aon bhoglach mòr, gun tigh gun duine, fo shàile darna leth na bliadhna. Nis cha'n eil baile-mòr r'a fhaicinn is dreachmhor na e—tri cheud mìle sluagh—pàileannan, a's tighean, a's sràidean, a's eaglaisean, nach eil an coimeas ri fhaicinn an tìre na'n rìoghachd fo'n ghréin. Thig loingeis mhòr suas do *Phetersburgh*—doimhneachd ann air an son; agus cala air a dheanamh anns am faod cabhlach na rìoghachd a bli tearuinte, agus far nach 'eil e comasach olc, no call, no dochann, a dheanamh orra.

Smuainich sinn nach bu mhisd le luchd-leughaidh a' Chuairtear an eachdraidh ath-ghearr so fhaotainn air an rìoghachd anbharra so. Bheir sinn o àm gu àm cumntas air rìoghachdan eile air an dòigh cheudna

C.

SAOBH-CHRÀBHADH NAN GÀIDHEAL.

A Chuairteir urramaich,

Chunnaic mi, anns an àireamh mu dheireadh de'r leabhar luachmhor, pàipeir mu shaobh-chreideamh nan Gàidheil, 'sam bheil e air a ràdhuinn gu'm bheil gach nì mu shènn, mu ghisreagan, mu gheasan, agus mu dhruidheachd, air a leigeil a nis gu buileach air dì-chuimhn 'nam measg. Bu ro thaitneach leam so a chluinntinn, nam b'urraim domh a chreidsinn gu'n robh e fìor; ach tha dearblichinnte agam gu'm bheil mòran de na nithean faoin agus peachdach so fathast air an cleachduinn air feadh na Gàidhealtachd, agus gu'm bheil sluagh lìonmhor a toirt làn ghéill dhoibh.

Ainmichidh mi'n toiseach dhuibh nithean a tha dol air an aghaidh 'san Eilean Sgiathanach, far an robh mi chòmhnuidh fo cheann treis. Fhuair mi'n cumntas a leanas, air *eòlas na clupaid*, bho dhuine co creidmheasach 'sa tha 'san eilean; agus mar 'eil e air a chleachduinn fathast, cha'n eil ach ro bheag ùine bho na bhà. 'Se chlupaid galar a tha tighinn air spréidh bho chaoile, no bochduinn, agus a tha 'gam fàgail gun chomas gluasaid, agus a togail át fo'n smeachan, no'n smig. Tha'n dòigh leigheis a dh'inneadh dhomh ro thaitneach do'n lighiche, ciamar air bith a tha e do'n bheathach. An uair a tha'm beathach gun chomas car aige, tha fios air a chur air fear aig an bheil an t-*eòlas*. An deigh dha ruigheachd, tha *ceapair* tiugh tarblach air a thoirt dha, air a dheagh chomhdach thairis le ìm agus càise; agus cuide ri so, tha cuman no gogan làn

uachdair air a chur lamh ris. Tha e an sin a dol *casa-gòlach* tarsuinn air a' bheathach, a gabhail greim agus balgum de'n stngh mhaith a tha air a bheulthaobh. Eadar gach greim agus balgum, tha e a beireachd air adhaircean no air cluasan a' bheathaich, a toirt crathadh air a cheann, agus a cautuinn nam briathran a leanas:—

“ Greim agus glug,
Greim agus glug :
Ma bhios tu beò, 's maith ;
'S mar a bi, leigear dhuit.”

So agaibh *eòlas na clupaid* ; agus an deigh so a labhairt, tha'n lighiche a falbh, gun tuille a dheanamh air a bheathach, ach gun teagamh a smuineachadh gur “ maith an spòrs a lìonas a' bhrù.”

A bhàrr air a so, tha dearbh-chinntè again gu'm bheil e gus an là 'n diugh cleachdta aig iomad aon, 'uair a tha galar air bith am measg an spréidh, fios a chur air aon de luchd nan *gisreagan*, na'n *colais*, gu'n leigheas ; agus gu'm bheil iad so a gnàthachadh “ uisg airgid ” airson leigheis, co maith ri bli a labhairt na briathran ri'n can iad *eòlais*. Is aithne dhomh duine gle thuigseach foghlumte, a sgrìobhas 's a labhras Beurla 's Gàilig co maith ri aon fhear 'sna trì dùthchanan, a chuir air a' bhliadhn' an uiridh fios air aon de'n t-seòrsa so, a leigheas mairt a bha gu tinn aige ; ach cha b'urrainn dhomh fhaighinn a mach ciod na *gisreagan* a chaidh a ghnàthachadh.

O chionn ghoirid, thuit gu'n d'at agus gu'n do leannaich ùgh te de'n dà mhart bho chd a bh'agam féin. Chuir mi fios air buachaill a bha aig duin'-uasal dlùth làimh, aig an robh mòran cruidh fo 'stùiradh, agus a bha mi'm beachd a bhiodh eòlach air gach galar a bhiodh 'nam measg. Thàinig e. Sheall e air a' mhart. Thubhairt e gur e uathair a lot i ; agus thug e as a phòca *clach* bheag chruinn, mu lènd bonn fàirdein, beagan a thuilleadh air ceithreamh an òrlaich air tinghad, agus toll beag 'na teas-meadhoin. Thuirte gu'n robh so *clach-nathrach*, 'san robh mòr éifeachd, a bhuineadh aon uair do mhnaoi uasail ainmeil ; agus nam biodh a' chlach so air a suaghadh (no air a *rubaigeadh*, mar a thuirte e) ri ùgh na bò, gu'n leighiseadh e a thiota ; no nam biodh misge bharr na cloiche air a chur air, gu'n deanadh e'n gnothach co maith. Thuirte mi ris, mar a robh leigheas ni b'fhèarr aige, gu'm faodadh e dol dachaidh ; agus dh'fhalbh e, a smuaineachadh gun robh mise air fìor bheag tùir, nach gabhadh ri leigheas a bha co furasda 's co cinnteach.

Tha e na bbeachd ro choitchionn am measg an t-sluaigh, mar an ceudna, gu'n dean *ceann nathrach* a shuaghadh ris an ùgh, no uisge 'sam bheil an ceann am bogadh, leigheas air lot nathrach ; agus ma thig sibh do'n Eilean, agus gu'n taghaoil sibh orm, bheir mi do thighean sibh 'sam bheil cinne nathraichean air an gleidheil gu cùramach, mar nithean ro hachumhor.

Tha e na bharrail bhitheanta feadh an Eilein gu'm bheil an losgunn dubh air uairibh a feuchainn ris a' chrodh a dheoghal, agus

an uair a tha iad a deanamh so, gu'n bheil iad a lot nan sinean gu h-olc. Cha chuala mi so an àite air bith eile; ach bha e air inns-eadh dhomh le daoine co creideasach, 's nach b'urrainn dhomh a chuir an teagamh. Ach 'se'n dòigh leighis a bheirinn gu sònruichte fa'r comhair, agus 'se sin, an losgunn a shuadhadh ris an ùgh—nà a tha iad a làn chreidsinn a chuireas air falbh gach át agus cràdh.

Tha dòigh leighis aca air eich a tha cheart co amaideach. An uair a tha druim eich ro ghoint, air dhòigh 's nach urrainn e carachadh—'nuair tha e coltach ri bhi *as an druim*—tha iad a smuaineachadh gur e'n *luch-fheoir* (*field-mouse*) a dhol thairis air an nair a bha e na luidhe is coireach ris a' ghoirteas, agus gur e an aon dòigh air a chur ceart, an luch so a shuadhadh ri dhruim.

Tha na dòighean leighis so nile amaideach agus faoin am beachd gach duine tuigsich; ach is iongantach ri thoirt fa'near cia liuthad aon a tha creidsinn 'nan eifeachd. Is aithne dhuibh féin gu maith gu'n robh barailean cosmhuil rintha so lionmhor am measg fhuineachan bho shean, agus gus bho chionn beag ùine ann an Sasunn 's an taobh deas na h-Alba. Is snarrach an aimsir bho na bha e cleachdta 'sna cearnaibh sin, 'nuair a gheibheadh duine droch leòn bho chlàidhimh, no bho shleagh, a chrenchd a nigheadh le nisge anns an deachaidh an lann a thumadh; agus an uair a bha duine air a ghearadh le cù cuthaich, b'e chleachdunn roinneag de fhionnadh a' choin a thoirt gu suadhadh ris an lot.

Tha e duilich a ràdhuinn ciod e a thog a leithid so do bharail an toiseach—gu'n robh leigheas anns an nà a rinn an leòn; ach tha e soilleir gur barail ro choitcheann i an measg sluaigh aineolaich shaobh-chreidmheach, agus a cheart co soilleir gur barail mhearachdach mhi-thuigseach i.

Tha cleachdunn eile 'san Eilean Sgiathanach a tha co amaideach ri aon a dh'aimnich mi fathast, agus 'se sin, an deigh do bhò laogh a bhreith, snaitheadh clòidhe dearg a shuaineadh 'na h-earball, 'ga gleidheil o thubaist 's o dhrid-fhortain. Cha chuala mi c'arson a bha'n t-snàth dearg air a thaghadh roimhe gach snàth, no c'arson a bha e air a chur 'san earball an àite a bhi air a chur air a' cheann. Ach tha làn fhios agam gu'n robh so air a dheanamh o chionn beagan bhliadhuachan le duine aig am bu chòir, bho fhoghlum, tuille tuigse a bhi.

Agus fhuair mi féin bho chionn ghoirid seòladh a thaobh bainne a tha dùil agam a bheir bàrr air gach nà a dh'aithris mi fathast. An àm teas an t-samhraidh, bha'm bainne agam a h-uile latha a goirteachadh 's a *plumbachadh*, air dhòigh 's gu'n robh e gum mhaith air bith. Thainig boirionnach a bha sa' choinhearsnachd rathad an tigh; agus 'nuair a chunnaic i mar a bha'm baine, thubhairt i gur e bu choireach ris, gu'n d'fhuair *seilcheag* (*a snail*) blasad dhe air chor-eiginn bho'n mhart, 's nach robh dòigh air a thoirt chuige ach an t-seilcheag a chàramh air an teine, beagan de'n bhainne a chur ann am poit os a cionn, agus a ghoil gu maith 's gu ro mhaith—nan deanta sin, nach biodh dad tuille air aimh-

reit air denr dhe! Gu cinnteach cha deachaidh mi a pheanasachadh na seilcheig bho chd; ach 'nuair a dh'fhàs an t-sid fionnar, bha'm bainne agam co milis bhlasda 'sa b'urrainn a bhith.

'Sann an leigheas spréidh is mò tha de na h-upagan is gisreagan so air an cleachduinn, ach tha iad air uairibh fathast 'gan gnàthachadh airson leigheas dhaoine mar an ceudna. Bha ann an nàbuidheachd, o chionn còrr beag agus bliadhna, duine a bha ann an staid ro bho chd—a réir coslais, dlùth do'n bhàis. Bha a shròn a *leum*, mar a their iad—'se sin, silleadh fola—gus an robh aobhar eagail gu'n diobreadh e buileach. Thug mi seachad gach seòladh a b'fhèarr a b'aithne dhomh; ach thuirt a bhean aige rinn gu'n d'fhuair i seòladh bho dhuin' eòlach a bha fios aice a chuireadh cosg air an t-silleadh gun dàil, agus 'se sin, làn soithre de uisge fhaotainn á sruth a bha ruith ris an àirde deas, agus an duine tinn a thumadh a *dha lùdaig* ann, agus a nigheadh iochdar a chuirp leis.

Dh'ainmich mi dhuibh mar so beagan nithean air am bheil làn-chinnt e agam, agus air am b'urrainn mi dearbhadh gu leòir a thoirt seachad, nam b'fhenmail e; agus tha fios agam gu'm bheil na ficheadan barail agus cleachduinn eile, a cheart co faoin agus co saobh-chreidimheach, lionmhor am measg an t-sluaigh—gu'm bheil *eòlais* agus *gisreagan* air an gnàthachadh gach là, agus gu'm bheil na mìltean 'san Eilein a tha làn chreidsinn 'nan eifeachd. Tha na mìltean mar an ceudna a tha creidsinn 'san *dara sealladh*; agus is urrainn dhomh an ainneachadh dhuibh a tha creidsinn, agus a cantuinn gu'm bheil a' bhuaidh iongantach agus chràiteach so aca féin.

Tha na nithean so làn fhìor mu thimchioll an Eilean Sgiathanach; ach ged is e so an cearn mu'n do thuit domh labhairt, cha'n eil mi idir ag ràdhuinn gu'm bheil tuille de'n t-saobh-chreidimh so ann no tha'n iomad cearn' eile de'n Ghàidhealtachd. Tha buids-eachd agus geasan 'gan cleachduinn feadh an Eilein Fhada gach latha. Tha Muile ainmeil air a shon so bho chionn fhada. Tha e feadh nan Eileanan uile, agus cha'n eil an tìr-mòr féin saor naith. Tha'm pailteas dhe dol air aghaidh an Cinntàile, feadh na Mòr-thìr, Arasaig, agus Mhùideart, agus an Earraghàidheal cuideachd. Is cuimhne leam féin, bho chionn beagan bhliadhnaich, tuathnaich inbheach chothromach, ann an siorramachd Earraghàidheal, a bhi gach bliadhn' a toirt dnais mult maith reamhar do sheann chaillich aig an robh ainm a bhi na buidsich, a chum 's nach deanadh i cron orra féin no air an spréidh; agus cha'n eil teagamh agam, nam biodh i beò fathast, nach leanadh iad air a' chleachduinn cheudna; a's cha robh mi riamh an cearna de'n Ghàidhealtachd nach cnala mi e mar bharail choitchionn gu'n robh cumhachd aig *droch shùil* coire a dheanamh do dhaoine, 's gu sounichte do chrodh. 'Se'n fhìrinn gu'm bheil ro mhòran saobh-chreidimh de'n t-seòrsa so air feadh na Gàidhealtachd 's na Galldachd—feadh Albainn gu léir, agus Shasunn cuideachd—feadh gach dùthaich air uachdar an t-saoghail; agus mairidh a' chùis mar so gus am faigh daoine

foghlum ceart, agus an ionnsaich iad làn earbs' a chur a'm freasdal an Tighearna—gus an toir iad làn ghéill do'n t-soisgeul.

Tha aineolas a thaobh nithean nàdurra, agus gu ro shoilleir ascreideamh agus an-earbs' a thaobh an Tighearna, aig steigh gach barail mu mhòr chumhachd bhuidisichean agus dhruidhean. Nam biodh fiosrachadh ceart aig daoine, cha chreideadh iad gu'n deanadh ceann nathrach ùgh mairt a leigheas ni's mò na dheanadh ceann radain, no ceann créutair air bith eile, agus sguireadh iad de leithid a bhuirreais. Nam biodh fìor earbs' aca á freasdal gràsmhor an 'Ti nìle-chumhachdaich, nìle-làthairich, agus nìle-léirsinnich, cha bhiodh eagal orra gu'n deanadh *droch shùil* no droch ghuidhe coire dhoibh féin no do'n cuid—cha bhiodh eagal orra roimh bhòchdan no bodaich, roimh thaibhs' no roimh ghlaistig; ach bhiodh misneach agus sìth aca an comhnuidh, air dhoibh fios a bhì aca gu'n robh Eisan 'gan dìon—fios gu'm bheil Eisan a riaghladh os-ceann nan uile, agus ag ordnachadh gach nì a reir comhairle a dheagh thoil féin.

Tha 'mhuinntir a tha cur an géill gu'm bheil cumhachd bhuidis-each aca—gu'n teid aca le *gisreagan* agus *eòlais* air nithean a thoirt mu'n cuairt an aghaidh nàdur—cìontach ann an iomad peacadh ro throm agus gràineil. An toiseach, tha iad cìontach ann am bréig, 's tha iad a teachd beò air a' bhréig; oir tha deagh fhios aca féin nach 'eil ach mealtaireachd a's faoineis 'nan sgledò. A rithist, tha iad gu follaiseach ag àicheadh Dhé—a cur an géill gu'm bheil cumhachd aca nach d'fhuaradh uaitheasan, agus gu'n teid aca air cur an aghaidh a thoil—air na laghannan sin a shochedruich esan athar-rachadh, 's a thilgeil bann os cionn. Mar so tha iad 'gan druid-eachd féin a mach uaitheasan; seadh, 'gan cur féin calg-dhireach 'na aghaidh—a gleachd ris an 'Ti uile-chumhachdach. Agus 'nuair a tha iad a gabhail airgid airson an gisreagan bho dhaoine 'tha co amaideach 's gu'n toir iad dhoibh e, cha'n e 'mhàin gu'm bheil iad cìontach ann an carachd 's ann an sloight, ach tha iad 'gan reic féin ri Satan airson beagan de stòras an t-saoghail. Bu ro cheart, matà, a bha e air ordnachadh leis an Tighearna do shluagh bho shean, gach buidseach ('se sin, gach aon a bha cur mar fhiachadh gu'n robh iad 'nam buidsichean) a chur gu bàs, oir bha iad cìontach air iomad dòigh. Agus tha'n fheadhainn a tha 'g iarraidh cuid-eachadh uatha so no a toirt duais dhoibh, dlùth air co cìontach riutha féin. Tha iadsan, mar an ceudna ag àicheadh freasdail agus maitheas an Tighearna. Tha iad a dol airson còmhuidh agus dìon chum a nàimhdean. Tha iad a cur an làmh ris gach barail mhearachdaich, bhrengaich, mhi-dhiadhaidh, a tha aig luchd nan gisreagan: agus an aon seadh, 's iad is coireach ann am peacaidhean na muinntir eile; oir mar biodh iadsan a toirt duais seachad airson *upagan* a's *eòlais*, cha b'fhada gus an sguirte dhiubh. Cha'n eil buidseach 'san dùthaich a bhiodh aig an dragh dol troimh a cleasan mar faigheadh i pàigheadh air a shon.

Ach is sibh féin is comasaich gu mòr na mise air amaideachd

agus peacadh nan cleachduinnean so a leigeil ris do'r luchd-dùthcha; uime sin cha chan mi tuille 'san àm, ach gur mi

'Ur seirbhiseach umhal dileas,

G—— C——.

Mios-Deirionnach a' Gheamhraidh, 1842.

GUTH BHO MHACTALLA.

BLÀR WATERLOO.

A Chuairear uiseal,

Ann an àireamh na bliadhn'-ùir, gheall mi mion-chunntas a thoirt dhuibh air blàr mòr *Waterloo*—blàr cho ainmeil 'sa thugadh bho linn Adhaimh—blàr ris an robh, cha b'e eilean, no dùthaich, ach an Roinn-Eorp' a feitheamh le fiamh agus tosd—blàr anns na choinnich an dà sheanalair a b'airde agus a b'èlaich a chaidh riamh sìos do chath air ceann airm, *Bonaparte* agus *Wellington*!

Tha cuimhne aig a' chuid is mò de luchd-leughaidh a' Chuaireir gu'n deach *Bonaparte*, an deigh iomad blàr mòr agus fuileachdach, a chiosnachadh, agus a chur air fogar do Eilean *Elba*. Air an dara mìos de'n bhliadhna 1815, rinn e saod air teicheadh á *Elba*, le còig soitichean, agus mu thuairm mìle fear. Air a' cheud là de'n treas mìos, thilg e acair air cùrsa na Frainge; agus air an fhicheadamh là bha e ann am baile-mòr na Frainge, air do'n ochdamh-glun-deug de Luthais an crùn a threigsinn agus teicheadh. Bha'n Roinn-Eorpa gu léir a nis, bho thaobh gu taobh, aon uair eile fo ghluasad. Cha robh cinneach na treubh nach robh a' dol 'nan arm. Bha picean 'gan geurachadh—pioban 'gan gleusadh—fùdar a's luaidhe a'm miagh—agus an saoghal, mar gu'm b'è, air chorrabiod!

Mu'n d'thainig ach beagan laithean, bha

<i>Wellington</i> air cheann	-	-	120,000 fear,
<i>Blucher</i> air cheann	-	-	120,000
<i>Schwartzenberg</i> air cheann	-	-	300,000
<i>Trimont</i> air cheann	-	-	80,000

620,000 fear.

Chuir an armailt mhòr so romhpa, m'an tugadh iad claidheamh truail, gu'n tugadh iad comas do ròghachd na Frainge *Bonaparte* 'thoirt suas doibh; agus mar tugadh, gu'n dòirteadh iad air an Fhraing mar thuil sgriosaich, bho gach cearn', g'a smàladh mar choinneal.

Coma, fhad 'sa bha iadsan a' tional 'sa rùnachadh, cha robh *Bonaparte* 'na thàmh. Chunnaic e nach robh mionaid r'a chall. Chuir se e féin, uime sin, air cheann trì cheud mìle fear-cogaidh, blàth agus gaisgeadh na Frainge; agus air thrl uairean sa' mhaduinn Di-luain, air an dara-là-deng de mhìos mheadhonach an t-samhraidh, dh'fhàg e *Paris*, is 'aghaidh air na *Netherlands*, far an robh *Wellington* a's *Blucher*, an dùil gu'n dòirteadh e orra mu'm biodh iad 'nan omhail,

agus mu'm faigheadh an dà sheanalair eile, le'n cuid miltean, tighinn gu'n cobhair. 'Sann mar sin a bha 'chùis. An ceann beagan làithean thainig e air scùit de na Prussianach; chuir e'n rùaig orra; mharbhadh deich ceud dhiubh, agus chaidh deich ceud eile 'ghlacadh. Air aghaidh a ghabh e; agus air a' chòig-là-deug, ràinig an naigheachd *Brussels*, far an robh *Wellington* agus oifigich an airm Bhreataineach, mar a dh'innis mi roimhe, aig *ball-dannsa*, gu'n robh an t-arm Frangach mar fhlichead mìle dhoibh, agus gu'n do ghlacadh an daingneach làidir *Charleroy*! Sheid a nis-an trompaid, bhuail an drama, dhùisg am baile, 's thòisich gach coirneal r'a reisimeid a chur an òrdugh mèirsidh. B'iad na reisimeidean Gàelach, an dara te 'san dà fhlichead (42d), agus an dara te deug 'san ceithir fichead (92d), a bha deas an toiseach. B'iad a thog a' chiad iollach, 's a mhèirs fo'm brataichean, 's am ficheada pìob-mhòr a' cluich "Thigibh an so, chlanna nan con."

Bha'n cath' a cheana air tòiseachadh eadar *Bonaparte* agus *Prionns' Orange*. A chuire reisimeid mar ràinig an làrach, uime sin, cha robh dàil ann, ach tòiseachadh ris an luagh-làmh!

Far an robh an t-arm Breatunnach, bha, air a' char bu lugha, trì Frangaich mu'n aon; ach ged a bha, 's iad na Breatunnaich nach do ghabh meatadh. Thainig an nàmhaid orra 'nan tonnan; ach thachair carraig riutha—'nuair choinnich iad an stàilinn fhuar, bu bhuidhe leo teicheadh. Phill iad a rithis; ach ma phill, b'ann gu teicheadh a rithis. Thainig iad an treas uair le tuilleadh agus tuilleadh feachd, le eachraidh 's gu léir. 'Nuair chunnaic an Seanalair so, dh'òrduich e an reisimeid rìoghail agus an da-fhichead-'sa-dhà gu coinneamh a thoirt dhoibh. Rinn iad so gu duineil; ach ma rinn, cha b'ann gun dìobhail. Bha obair a' blàis, gun lasachadh, a' dol air a b-aghaidh 'san àite so fad thrì uairean an uaireadair, gun bhuinginn air taobh seach taobh. Ma dheireadh thuit an Diùc, ceann nan Gearmailteach, 's e brosnachadh a dhaoine fo mhothar nan canan. 'Nuair chunnaic na Gearmailtich gu'n do thuit an ceatharnach, ghabh iad miapadh, 's thòisich iad ri dol air an ais. 'Nuair chunnaic an nàmhaid so, lean e iad le buaidh-chaithream, an dùil gu'n robh an latha leis. Ach bha e'm mearrachd; bha reisimeid dlùth, 's cha bu Ghearmailtich, nach fhac' iad, ullamh gu di-bheatha 'thoirt dhoibh—bha'n 92d, reisimeid Mhorair Shundai, le'n eileadh 's le'n osain ghearr. Leig an reisimeid so na Gearmailtich seachad orra; agus a nis dh'fhosgail iad làmbach uamhasach air an nàmhaid, a thug air a' chuid nach do thuit dhiubh an cùl a nochdadh! Mu cheithir uairean, phill iad a rithis le feachd ùr; ach ma phill, fhuair iad an tombas ceudna. Bha reisimeid Ghàelach eile aig làmh a nis—an 79th. Thug iad so aon dararach dhoibh; agus an sin, le rinn na stàilinn, mar ghàradh aon-fhìlte a lùbh a ghaoth e, chaidh iad troimh bhalla an nàmhaid. Fhuair an commandair, Coirneil *Douglas*, trì peileirean 'na chorp air an là so; ach air a shon so, sheas e 'àite gu feasgar. Dhoirt cho liuthad de'n nàmhaid aon uair air an Reisimeid-Duibh, 's gu'n saoiladh neach gu'n slugadh iad suas i. Am measg chaich, thainig reisimeid each le'n clogada cruadhach, 's le'n eideadh stàilinn, 'nan cruinn-leum. Dh'fhosgail an Reisimeid-Dubh, 's leig i troimpe iad; agus ma leig,

cha do phill a h-aon diubh beò—ghearr iad féin agus na h-Eich-Ghlais 'nam bloodhibh iad !

Mu sheachd uairean 'san fheasgar, ghabh an nàmhaid mire-chatha. Chunnaic *Wellington* troimh thoit fùdair nan gunnacha-mòra iad a' tighinn, sreath air shreath, 's ghlaoidh e 'mach ris an 92d—"A 92d, cuiribh stad air na balaich, 's gabhaibh 'ur dòigh féin !" 'S iad na Gàidheal nach obadh. Nochd iad rinn na stàilinn dhoibh ; agus 'nuair chunnaic iad an coirneal (Iain Cameron an Fhasaidh-fhearna) a' tuiteam, chuir e'n euthach orra gu buileach. Bhrùchd iad air an nàmhaid a thoirt a mach 'eirig-fhola, agus chuir iad an ruaig orra mar dhealan ri oidhche dèilinn, a sìor iomain romhp' na naimhdean, 's nial na fol' air rinn na picean ! Chaidh fear de na pìobairean a leòn ; ach ged nach b'urrainn da seasamh, cha do sguir e do chluich, 'na shuidhe air an làr, 's an fhuil a craobhadh bho 'chreuchdan !

Thuit a nis an oidhche. Mharbhadh de na Frangaich air an latha so, eadar *Ligny* agus *Quatre Bras*, cóig-mìle-deug ; agus cha'n eil *Waterloo* fathast ach a tòiseachadh !

Sheas *Wellington* agus an t-arm Breatunnach an làrach fad na h-oidhche ; ach 'nuair thainig a' mhaduinn, 'sa fhuair e fios mar thachair do *Blucher*, smaointich e dol air aghaidh gu frith-bhaile ris an canar *Waterloo*, mu thuairm naoidh mìle bho *Brussels*. Ann an so leag e 'chairtealan ann an tigh-òsda suarach re na h-oidhche ; agus b'i sin an oidhche le stoirm, 's le dèilinn, 's le dealan, 's le tàirneanach !

Dh'éirich a nis maduinn an ochdamh-là-deug ; ach ma dh'éirich, cha d'éirich grian. Dh'fholaich i 'h-aghaidh, mar gu'm b'e, bho'n chosgairt a bha dlùth !

Bha fathast an làthair de'n arm Fhrangach 150,000. Dhiubh so, bha 25,000 'nan eachraidh cho treun 's cho deas-lamhach 'sa chaidh riainn sìos do bhlàr. Cha robh air an taobh againn ach mu thuairm 75,000 gu léir beò !

Mu naoidh uairean, 'nuair bha'n camp Breatunnach a deasachadh am biadh-maidne, chuinnacas an camp Frangach so ghluasad mar thom sheangan. Bha iad a' dol an òrdugh cho luath 'sa ghabhadh iad. Chualas a nis sgàl nan trompaid ag éigheach, "Seasadh gach fear ri arm !" Shuidhicheadh na gunnacha-mòra air beulthaobh nan daoine, mar neòil dhubh, 's gach aon diubh torrach le bàs !

Mu aon-uair-deug, thòisich an iomairt. Thug *Bonaparte* a' cheud ionnsuidh air aonach ris an abrar *Hougoumont* ('se sin, Beinn-houg) ; ach dh'fhosgail na gunnacha-mòra Breatunnach air le làmhach cho millteach, 's nach tigadh a dhaoine ni b'fhaide air an aghaidh. Dh'òrduich e nis a ghunnacha-mòra chum an dìon. Bha'n cath 'san àite so teth re iomad uair ; ach sheas na Breatunnaich an làrach. 'Nuair sguab a' ghaoth leatha toit an fhùdair, chìte na mairbh 'nan dùn breac, muin air mhuin 'nam mìltean !

Ma bha iomairt aig Beinn-houg, cha robh an lamhan a'm pàsgadh sa' chuid eile de'n làraich ; oir bha sreath a' bhlàir còrr 'us dà mhìle gu leth air fad. Cha robh àite am faiceadh *Bonaparte* a dhaoine 'dol air an ais, nach orduicheadh e reisimeid fhuar 'gan cuideachadh. Bha àite àraidh, far an robh Seanalair *Ponsonby* a' dol air aghaidh, 's a

sgathadh sìos roimhe. 'Nuair chunnaic *Bonaparte* so, dh'iarr e na *Cuirassiers* a leigeadh annta. B'iad so eachraidh a shaoil e a bha do-chìosnaichte. Cha robh marcaich dhiùbh fo shia troidhean air àirde; agus b'éiginn gu'n robh thu ann an trì blàir, agus dà-bhliadhna-dheug 'san arm, mu'n gabhte idir thu. Bha gach mac màthar dhiùbh air an éideadh ann an clogad 'san lùirich mhaile bho 'mhullach gu'n rumpull, air chor 's nach deanadh peileir na claidheamh aideachadh orra! Bha'n eich air an taghadh, agus cho ionnsaichte 'sa ruith riamh an aodann teine. 'Nuair thainig iad so air an arm Bhreatunnach, rinn iad sgrios uamharra! Mu dheireadh, dh'òrduicheadh reisimeid nan each glas Albanach 'thoirt sreanadh asda; ach, mo chreach! cha deanadh an claidheamh mòr ach ghiong air an eideadh, gus na ghlaodh fear, "Gearramaid an speirean!" Thòisich iad a nis ri gearradh speirean nan each Frangach, agus an ceann leth-uair chuir iad an ruaig orra. 'Nuair chunnaic *Bonaparte* so, thòisich e ri 'lànbhan a shuathadh, agus ri oiteagan snaoisein an deigh oiteig a ghabhail, mar gu'n abradh e 'na inntinn, "Chaill sinn an latha!"

Tha fear a bha làthair ag ràdh nach urrainn duine smaoineachadh sealladh bu mhòralaich na'n coinneachadh so: eadar éigh nan daoine leònta—tàirneanach a' bhomb 'sa chanain—gleadhraich agus slachdraich nan claidhean—gàireachdaich agus sìtrich nan each—*huzza* nan arm—"Gu ma fada beò an t-ìmpire," an sud—"Gu ma fada beò an Rìgh," an so—"Albain gu bràth," 'san treas àite—bu mhòralach an sealladh, bu mhòralach an ceòl!

Bha'n sgathadh muladach so a' dol air aghaidh a nis ceithir uairean an uaireadair. Bha 'bhuaidh, mar gu'm b'e, meidh air mheidh. Chunnaic *Wellington* reisimeid a' dol air an ais. Ruith e thuca, a' glaothaich—"Illean, ciod e sol Ciod a their iad an Sasunn!" Thainig aon uair seanalair thuige, ag ràdh gu feumadh iad an anail a tharruing, oir nach robh an treas duine da 'chuid daoine-san beò. "A' bheil an cuthach ort?" ars' an Diùc. "Tuitidh tusa agus mise, agus gach Sasunnach a tha'n diugh air *Waterloo* maille ruinn, mu'n dean sinn strìochdach!"

An deigh cheithir uairean, thainig buidheann no dhà de na Prusianaich, fo chommanda *Blucher*, a bha mèarsadh fad an latha. Thòisich iadsan air na Frangaich; ach na thòisich, bu bheag an sgath orra. Mu sheachd uairean, chunnaic an Diùc nach robh mìonaid ri chall. Thug e òrdugh gu'n rachadh gach mac màthar an sàs aunta. Ghabh e 'ad 'na làimh, agus, 'ga cur mu chuairt a chinn, thug e *huzza* àrd a chinn. 'Nuair chunnaic an t-arm Breatunnach so, rinn iad an nì ceudna; agus a nis thug iad an sàs 'san nàmhaid, duine ri duine, le mire-chatha cho oilteal 's gu'n do ghabh an t-arm Frangach briseadh! Threig iad an gunnacha-mòra; thilg iad uatha an airm, 's thug iad an aghaidh air an rathad-mhòr—nì 'nuair chunnaic an t-arm againn, thug iad aon ghaor-chatha iollagach, a reub an t-athar. Chluich gach buidheann ceòl an dùthcha; agus bu bhinn air a' mhìonaid-sa Didomhnaich, mar bha "Gillean an éilidh" air a' phìob. Lean *Wellington* 'us *Blucher* an ruaig fad choig mìle, sgìth agus acrach mar a bha iad; agus na lean, 'sann an sin a bha'n dortadh-fala, 'sann

an sin a bha'n casgradh!—prionnsan, 'us seanalairan, 'us oifigich, 'us saighdearan, 'gan saltairt fo chasan, na mìltean! Mu dheireadh, chuir *Wellington* roimhe gu'n gabhadh e féin agus 'arm fois na h-oidhche (cha b'ìoghnadh e, an deigh naoidh uairean do dhearbhb obair); ach lean na Prussianach an ruaig ri solus na geallaich. 'Nuair ràinig na Frangaich baile-mòr *Genappe*, chrann iad na geatachan; dhruid iad suas na sràidean le cairtean, 's le carbadan 's gunnacha-mòra, an dùil gu'm faigheadh iad fois na h-oidhche, agus càileiginn r'a itheadh. Ach cha robh iad a bheag a's leth-uair air an cluaisaig, 'nuair b'èiginn leum suas—chualas gunnacha-mòra nam Prussianach! Thòisich a nis greadan goirid nach robh fion-fhuar. Ma dheireadh ghéill na crainn, 's ghabh *Blucher* sealbh air a' bhaile. 'Sann á so a theich *Bonaparte* le 'anam, a' fàgail a charbad le 'shia eich lurach, 'ad, 'sa chlàidheamh, 'sa chleòca ìmpireil, 'sa ghlaime-pòca, 'na dheigh, an lamhan an nàmhaid.

Tilleamaid a nis, agus gabhamaid gearr-shealladh air làrach a' bhàir—air an àraich fhuileachdaich, *Waterloo*! Ged tha iomad mìle treun an so a chaith an oidhche gu sàmhach ciùin, fo thròm-chadal a' bhàis, tha mìltean ann, mo chreach! nach do chaith i ach gu an-shocrach! Tha fhios aig an t-saoghal gu'n do chaill na Frangaich an là so còrr 's trì-fichead mìle fear, agus an taobh againn mu thuairm deich-mìle-fichead. Abramaid, mata, gu bheil a nis a' caithe na h-oidhche 'nan sìneadh air an fhliuch-raon—*marbh*, dà-fhichead mìle; agus dà-fhichead mìle eile *leòinte*, a'm breislich a' toirt òrdugh commanda, ag éigheach airson boinne dìbhe, no a' tilgeadh an deò, gun charaid no fear-cinnich a chur na corraig air an sùil! Cuir ris a so còrr 'us còig-mìle-fichead each, eadar mharbh 'us leònta, agus ar-leam gu'n aidich thu nach obair bheannaichte an cogadh. 'Nuair dh'éirich a' mhaduinn, b'uamharra, gun bhriag, an t-sealladh! Cha'n e amhain gu'n robh na mairbh air an rùsgadh, ach bha na mìltean diubh air am pronnadh fo chassan nan each, air an riasladh as a chéile le cuibhlean nan gunnach-mòra, no air an toladh mar chriathar leis na peileirean an deigh dhoibh tuiteam. Thug e gu leòir ri dheanamh do mhiltean de mhuinntir na dùthcha fad iomad latha an amblac. Chladhaich iad sluic mhòra, mar thuirt mi roimhe, a chumadh dà no trì dhusain. Mu dheireadh, bha uiread do dh'eagal orra na cloaichean breòta a lannhseachadh, 's gu'n d'rinn iad cromagan mòr iarunn, leis na shlaod iad na cuirp, 'gan tilgeadh 'san t-sloc, mar gu'm biodh tu scaradh mòine! Cha robh tobar, na sruthan, na abhainn, mar mhiltean mu'n cuairt, nach robh a ruith le fuil fad iomadh latha. Cha robh craobh air an robh duilleach; cha robh achadh nach robh mar fhasbhuan! Bha e ceithir latha gu leth m'an d'fhuaireas an t-iomlan de na daoine leòinte a thoirt bhàrr na làraich; ach ma dheireadh lìonadh gach sabhal, gach bàthach, 's gach eaglais a'm baile-mòr *Brussels*, agus mar mhiltean mu'n cuairt. Dh'ealaidh iomad dhiubh féin air am mangan, cuid diubh trian de'n rathad, 's cuid diubh leth an rathaid, ach an so a leig rompa, agus a thilg an deò! Chladhaicheadh sluic dhoibh so ri taobh an rathaid, fad na naoidh mìle gu *Brussels*—baile anns an robh a nis trì-mìle-fichead do shaighdearan leòinte, iomad dhiubh a' tighinn beò air cuirp mharbh an companaich!

Thigeadh sibhse an so, a Chuairtear, a charaid nan Gàidheal; 's fhiach e'n t-saothair. Ma tha 'ur cridhe làn cheana, mar a tha, cuiridh e thairis 'nuair thig sibh an so. Chì sibh fathast mar chaidh an làrach a threubhadh le peileirean chanan. Rinn an soc, their sibh, 'obair féin; cha robh di-sannt air a' choltair; ach bha aon chuid, an donus no'n daorach air an airean a bh'air a' chrann. Chì sibh mìle pollag dhòmhail; cha phollagan buntàta, ach uaignean nan treun. Chì sibh fiar fada uaine; talamh reamhar sultmhor, air a thodhar, cha'n ann le inneir chaorach na ghobhar, ach le fuil laochraidh cho neo-mheachranach, cho misneachail 'sa sheas riamh air balt broige. Chì sibh—(c'aite an sguir mi?)—chì sibh clach-chuimhneachain, air am bheil air a ghearradh mar so:—"Air a coisrigeadh mar bhuan-chuimhne air Caiptin Nial Caimbeul, Caiptin Iain Sinclair, Caiptin Iain Cameron, Lieut. Dòmhnall Cameron, Lieut. Donnacha MacPherson, Lieut. Iain Kynock, Lieut. Iain Rowling, Lieut. Eòghan Kennedy, agus naoidh oifigich òga eile, agus trì-fichead-'sa-deich saighdear de'n reisimeid Ghàelach an naoidh-deug 'san trì-fichead (79th), a thuit eadar *Quatre Bras* agus *Waterloo*—blàir anns an deach a leònadh de'n reisimeid sin, a thuilleadh orra so a chaidh a marbhadh, ceithir thar fhichead oifigich, agus trì cheud trì-deug agus trì-fichead saighdear! Chaidh an leac so a thogail, mar chuimhne air an éuchd fo'n arm, le oifigich eile na reisimeid nach do thuit.

"Cia sàmhach cadal tròm nan tréun

A thuit!—ma thuit, cha b'ann gu'n éuchd!"

'Nuair a thuit na h-uiread so de aon reisimeid Ghàelach, bheir e beachd dhuinn air na thuit do chàch—an dara te 'san dà-fhichead (42d), agus an dara-te-deug 'san ceithir-fichead (92d)! Chì sibh gàradh mòr Beinn-houg, no cnoc na h-abhaig, sgiath-dhion an airm Bhreatunnach, far an robh *Jerome*, brathair *Bhonaparte*, ag obair fad an latha le 'dheich mìle saighdear-guinneach, ach a thug dùlain da, gus ma dheireadh na ghlaodh e gu'm bu dèe no deamhain a bha ann am balaich an fhéile-bhig, a bha 'ga dhion!

Theagamh gu'n abair cuid, "Nach breagh 'chaidh *Wellington* as?" Ma chaidh an duine àrd so as, cha b'ann le sian no le gealtachd! Cha mhòr gu robh seanalair dlùth dha nach deach a thilgeadh no leòn. Bha Coirneal *Gordon* aon uair a' gnidhe air gun e fein a chur an cunnart mar bha e deanamh, 'nuair thainig peileir 'san fheadaireachd, 'sa chaidh e troimh 'cheann. 'Nuair bha Coirneal *Canning* dlùth dha le teachdaireachd bho sgéith de'n arm, thainig peileir gunna-mhòir, 's rinn e dà-leth dheth. Chaidh peileir troimh lethcheann Sheanalair *Picton* bho thaobh gu taobh, agus mar sin sìos; air chor 's ma chaidh an Diùc as, gu'n b'ann a chionn nach robh 'uair fathast air teachd.

Bhithinn na bu mhìonadaiche, ach nach toil leam a bhi leamh. Cha'n abair mi, uime sin, ach ma thig sibh, a Chuairtear, O! seidibh a' phìob, agus dùisgidh

MACTALLA.

AN FHIODHULL BHRISTE.

SGEUL FÌRINNEACH.

Seann Mhurcha *Connor* bochd! Cha chuala 's cha chluinn mi fiodhlair a chuireas mi'n coimeas ris. 'Se mo bharail féin nach robh air fonn glas na h-Éirín lámh a bheireadh ceòl á clàr fiodhle cosmhail ris. 'S minig a shuidh mi fad oidhche gheamhraidh 'ga éisdeachd, gun sgìos gun fhadal; 's nìar chluicheadh e'm port tiamhaidh muladach so, 's am port ud eile, a chas a falbh mar bha 'uileann, chluinnear an osnadh thròm an dràsd 'sa rithist; cha nàir leam aideachadh gur bitheanta 'shìl mi gu frasach na dedòir. Ach thusa 'tha leughadh so, 's dòcha nach cual thu riamh eachdraidh an duine bhochd so, Murcha *Connor*. Éisd, mata, a's innsidh mise sin dhuit, gun fhacal ach an fhìrinn.

Cha robh ann an *Connamora*, no theagamh an Éirín gorm uile, duine bu shona 'na òige na Murcha. Bu ghrianach sòlasach madninn a laithean. Phòs e annsachd a chridhe, a thogadh san aon àite leis féin—boirionnach co ciallach, banail, boidheach, 'sa b'urrainn neach fhaicinn; 's cha robh 'san tìr càraid bu shona air gach dòigh. Bha'n tigh 'san robh iad a còmhnuidh do ghnàth seasgair, glan, taitneach—a h-uile nì co òrdail, cuimear grinn, 's gu'm bu chulaidh-sheanachais 'san àite tigh Chonnoir. Bha e féin na chosnaich dìleas; bha meas air, 's cha robh dìth no dearas air. 'Nuair thigeadh e dhachaidh o 'obair, choinnicheadh Màiri e le fiamh gàire, 'giùlan a phàisde bhig. Bha gach nì deas air a shon—teine suilbhear, agus nì-eiginn aig Màiri ri iunseadh do Chonnoir mu na thachair o na dh'fhalbh e. Chaidh bliadhna seachad an deigh bliadhna; 's ged a shìl an dedòir thairis air dithis do'm pàisdean a chuir iad fo'n fhòid, bha iad sona strìochdta—cha chualas gearan no casaid. Bha aon chaileag bhoidheach aca, a' cheud aon a rugadh dhoibh—caileag bhoidheach, samhladh a màthair air gach dòigh, 'na coslas agus 'na dòigheanan. Agus rugadh leanabh mic dhoibh, tamull beag an deigh do'n bhalachan mu dheireadh a chaochail a chuir fo thalamh. Ach mo thruaighe! Màiri bhochd! Eudar cairis, a's sgìos, a's iomagain, a's bròn, thainig bristeadh air a slàinte. Fhuair i fuachd; thainig casdaich a's laigse; dh'fhalbh an t-slàinte; shearg i as; ghlac cuinge analach i; 's mu dheireadh caith-eamh, a thug gu grad air falbh i. Chàirich *Connor* fo'n fhòid i, a's phill e dhachaidh le guin 'na chridhe nach d'thainig riamh as. O cia mi-chinnteach sòlas an t-saoghail so! Cia caochladaich bochd gach nì cruthaichte air am faod mac an duine a chridhe 'chàramh!

Sia bliadhna na dheigh sin, ghabh *Connor* a' bhreac-nàdurra o 'mhac féin, a bha air eiridh. Ghabh an duine bochd a leaba, agus cha robh dùil gu'n eireadh e aisde. Cha do ghluais a nighean, a bha nis dà-bhliadhna-deug a dh'aois, o thaobh a leapa. Fhritheil i dha là 'sa dh'oidhche, leis a' chùram agus an fhaicill bu mhò. Cha d'fhuair e deoch, 's cha do charaicheadh a cheann-adhairt, ach mar 'rinn a chail-eag ghaolach. Fhuair e 'chuid h'fhearr do'n tinneas. Dh'eirich e,

a's dh'fhàg e 'leaba; ach bha *Connor* bochd dall! Cha b'urrainn da aon lèus fhaicinn; chaill e a shealladh gu tur 's gu dìlinn!

Air feasgar àillidh sambraidh, mar bha *Connor* bochd 'na shuidhe air cloich aig dorus an tigh—a nighean ri 'thaobh a fuaigheal—blàs na greine, mar bha i 'trial sìos o àirde nan speuran, 'gan ruigheachd—na h-eòin bheaga ri ceileireachd bhinn—"Athair," ars' a chaileag chaomh, "nach e Dia bha gràsmhor dhuinn, a thug mu'n cuairt gu bheil sibhse an diugh an tìr nam beò? Cia gràsmhor a bha e dhuinn fhad 'sa bha sibh gu bochd! Nach iomada carraid a thug e dhuinn, a's dìth no dearas cha do leig e stigh air dorus ar tigh! Cia taingeil bu chòir dhuinn a bhì do'n teaghlach a thug cosnadh dhuibh riamh, 's nach do threig sibh 'nuair nach robh sibh an urrainn cosnadh a dheanamh!"

"Tha thu ceart, 'fheudail," arsa *Connor*; "tha, chuisle mo chridhe. Gu'm bu beannaichte gu'n robh 'ainm! tha Dia maith; 's ged a thainig iomada deuchainn 'nar rathad, tha mi sona taingeil—seadh, sona, anbharrach sona; oir tha thusa 's do bhràthair beag air ar caomhnadh. C'àite a' bheil am buachaill bochd? Thig an so; pòg mi. An t-Athair àrd a bheannachadh mo phàisdean!"

Gblac Màiri (oir b'e sin ainm na cailinn) làmh a h-athar 'na làimh féin, 's mhothaich *Connor* na deòir a tniteam orra.

"Thoir dhomh," ars' esan, "a nuas an fhiodhull, 's cluichidh mi h-aon de na puirt b'abhaist faochadh a thoirt do m' anam—cluichidh mi '*Ailean, a rùin*.'"

Bha *Connor* na fhìodhlair comharaicht' an làithean 'òige; agus an fhìodhull a dh'iar e, fhuair e i o'n tè nach bu mhaireann—o 'mhnaoidh; 's cha robh nì eile aige air uachdar an t-saoghail mhòir co prìseil 'na bheachd. O na chaill e 'shealladh, b'abhaist dha gu tric cuid de'n fheasgar a chuir seachad a' cluich air an fhìodhull cuid de phuirt bhìnne na h-Erin.

Bha'n caitheamh an teaghlach a mhnatha. Mo thruaighe! bha so ri fhaicinn an aodann Mhàiri òig. Cha b'urrainnear a chleith; thainig an casd agus cuing-anallach. Ciod am feum a bhì tighinn thairis air sgeul a' bhlòin? Chaochail nighean a ghràidh, annsachd 'anma. Ghiulanadh corp na caileag bu chùin, bu mhilse, 's bu bhòidheche, dh'ionnsuidh na h-ùrach. Cha do labhair *Connor* a bheag fad latha no dhà. Chìtheadh e 'na shìneadh air tolman uaine, ceann an tigh, 'sa bhalachan beag ri 'thaobh, gun mhonmhor, 'na thosd!

Latha de na làithean, dh'fhalbh e, an balachan beag air an dara làimh, 's an fhìodhull anns an làimh eile, agus dh'fhàg e an tigh anns na chuir e seachad ioma latha sona; ach a nis bha gach snuim a cheangail a chridhe ris, agus ris gach nì air aghaidh an t-saoghail, air am bristeadh. Cha dùraichdeadh e 'bhì na uallaich air an teaghlach a bha 'ga chumail suas, 's chuir e roimh e féin 'sa mhac a chumail o dh'ith le 'fhìodhuill—fàbh na dùthcha, a cluich o àite gu àite. Cha robh dorus nach fhosgladh dha; b'e 'bheath' anns gach baile a's anns gach bothan. Cha robh caoimhneas, na càirdeas, na faodaidh sinn a ràdh onair, a b'urrainn muinntir na dùthcha thaisbean dha, nach d'rinn iad. Cha cheòl-dannsaidh a chluicheadh *Connor*, ach ceòl ciùin, ath-aiseach, brònach, eadhon seann phuirt na h-Erin. 'Nuair shuidheadh

Connor le 'fhiodhuill, 'san teaghlach mu'n cuairt da, cha chluinnte guth, na facal, na cagar, gus am biodh an ceòl seachad; agus an sin chluinnte iomadh osnadh thròm!

Bha Connor 'sam balachan air latha àillidh fogharaidh a gabhail ath-ghoirid troimh mhachraichean farsuing; 's latha na bu ghrianaich 's na bu shunndaich cha'n fhaca riamh. Bha 'ghrian a' dearsadh gu glòrmhor air gach sliabh, a's gleann, a's srath. Bha'n uiseag gu h-àrd a cuir dhith gu ceòlmhor binn. Chluinnte òrain nam buachail-ean, 's fead an airean, a giùlan dhachaidh 'nan slaod, na sgnaban tròm. Bha aoibhneas, a's aighear, a's toilleachas-inntinn, a mach air aghaidh an t-saoghail. Ma's e ainmhidhean na machrach, bha coslas sòlais orra, agus fonn taingealachd 'nan geum 's 'nam mèilich. Cha bu chulaidh-fharmaid esan nach togadh a' chridhe 'nàird osceann an t-saoghail-sa, 's nach tngadh cliù do'n Ti glòrmhor a thug' so uile mu'n cuairt.

Bha aon fhear a' siubhal na machrach, 's ged nach bu léir dha 'n sealladh glòrmhor, dh'fhairich e 'chridhe ag at le taingealachd, agus thogadh e 'nis agus a rithist a bhathais gu nèamh, a tairgse cliù do'n Chruithear mhòr. B'e so Murcha Connor, air a threorachadh air an t-slighe le 'mbac, a's greim aige air a làimh. Bha iad a gabhail air an aghaidh gu tigh tuathanaich chòir a chuir fios air, 's bha iad a nis dlùth do'n blaile. Chualas tathunnaich chon, 's gleadhraich mhòr 'uaislean, a's fuaim na seilg, a tighinn. Chaidh maigheach seachad 'na làn luathais, na gaothair 'na deigh, agus sluagh mòr de dh'uaislean air steudan a tighinn le luathas na gaoith. "As an rathad, a shlaigh-dearan!" arsa guth garg, fiadhaich, an-ìochdmhor. "As an rathad!" ars' esau a rithisd, 's e mionnachadh 'sa mallachadh gu oilteil. "O athair," ars' am balachan, "greas, greas; mar so; tiugainn gu luath; bithidh iad thairis oirnn!" Thuislich an duine bochd; thuit an fhiodhull as a làimh; shaltair an t-each cruideach orra; 's a'm priobadh na sùil bha i 'na mìle spealg!

"Tha do cheòl seachad," ars' a' bheisd a rinn so, le gàire àrd, 's le mionnan uambasach, gun uiread a's amharc na dheigh. Ach có 's urrainn innseadh am mulad agus am bròn a lìon cridhe an fhiodhlair thruaige! Bha e mar gu'n tigeadh na h-uile nì thachair dha riamh mar aon bhuile bàis air. Cha ghabhadh e soireadh làn òir air an inneal chiùl phriseil thug a Mhàiri ghaolach dha. 'S iomad latha 'chluich e orra dhise, 's do na pàisdean a dh'fhalbh. 'S minig a thog e'n t-òran binn leatha; 's minig a thug i faochadh da 'chridhe seargta, 'sa thug i e féin 'sa bhalachan troimh 'n t-saoghal' gun bhi nan uail-leach do dhaoine eile.

"'Bheil i briste?" arsa Connor, 's e feuchainn a faotainn air an làr; "'bheil i briste, a mhic?" Labhair e so le reachd.

"Tha i briste, 'athair," ars' am balachan bochd, 's e guil 'sa còineadh; "tha i 'na mìle spealg air an làr."

Phaisg Connor a dhà làimh air 'uchd, agus sheas e gun fhacal as a bheul, gu crom brònach. Bha'm balachan a guil gu h-àrd. Chunnaic an tuathanach iad. Bha dùil aige riutha, 's chaidh e 'nan còmhail. Mhothaich e mar a thachair. Chual e an fhocheid a rinn am bèist

an-ìochdmhor bh'air an each, 'sa thug so uile mu'n cuairt; agus, a' chuid bu mheasa, 'rinn an domail air an duine bhoichd le 'dhian thoil, 's le 'fhosrachadh; oir bhfurasda dha 'sheachnadh, nam l'àill leis. 'Nuair chunnaic an tuathanach còir mar bha, las a chorruich; 's cha b'ìongantach sin. "Mallachd, deich mìle mallachd, air an t-shlaigh-dear an-ìochdmhor a rinn so," ars' esan. "Gu'n robh"—

"Stad!" arsa Connor; "na lathair air an dòigh sin. O, na mallach neach air bith! Cha bhuin dòghaltas na aicheadhail do mhac an duine. Gu'n tugadh an Tighearna maithneas dha! Tha mise toirt maithneas dha, làn mhatheas o ghruind mo chridhe, ged rinn e mo chridhe, 'bha roimhe so briste, a sgàineadh 'sa bhristeadh gu tur."

"So, so," ars' an tuathanach, "thig a nuas dh'ionnsuidh an tigh. Coma leat na thachair. 'Se làn do bheatha 'san tigh fhad 'sa thogras tu. Dhomh do làmh. Gabh misneach; cha teid seachduinn mu'n cuairt gus an cuir mi fiodhull a'd' làimh co binn 's co maith ris an aon a spealg an trusdar."

"Cha chuir, cha chuir," arsa Murcha; "gu dìlinn cha laimhsich mise fiodhull cosmhuill rithe. Bu luachmhoir gu mòr a'm' bheachd i na sealladh nan sùilean a chaill mi. 'Nuair ghabh mi a'm' làimh i—'nuair chuala mi a ceòl inilis binn, thainig ciùin a's sìth air m'anam—thainig sòlas nan làithean a dh'fhalbh gu griananach ùrar air m' inn-tinn—thainig mo bhean, mo chlann, mo phàisdean beag lurach, mo shòlas—thainig na h-uile ni bu taitnich leam air uachdar an t-saoghail air an ais mar aisling chiùin do m' anam. 'Se Màiri 'thug dhomh an fhiodhull. Ah! 's beag a smuainich esan a mharcaich thairis orra, 'sa bhriste 'na bloighdean an t-inneal ciùil luachmhor, gu'n do spealg e 'san àm cheudna cridhe truagh an fhir a bha 'ga giùlan."

Agus rinn e sin. Rinn an tuathanach còir na b'urrainn dha chum a spiorad a thogail, agus sòlas a thoirt dha; ach bu diomhainn an oidheirp. Cha d'éirich e tuile as an leaba anns na luidhe e'n oidhche sin. Gheall an tuathanach dha air a leaba-bhàis gu'n gabhadh esan cùram de 'mhac. Dhuig so a thaingealachd; agus rinn an tuathanach mar a gheall e. Cha robh mac aige féin; 's an ceann ùine, phòs mac an fhiodhlair nighean an tuathanach, 's bha iad nan càraid co measail 'sa bha air taobh na h-àird an iar do dh-Erin.

Sin agaibh eachdraidh an doil; 's cha tachair a h-aon orm a giùlan fìdhle, 's ag iarraidh deirce, nach cuimhuich mi air Murcha Connor.

C.

BAISTEADH A' PHRIONNSA ÒIG.

'Sann an caisteal rìoghail Windsor bha 'chuideachd mhòr, 's an greadhnachas, air an latha 'bhaisteadh am Prionnsa òg! Bha'n aimsir fabhorach—an latha grianach soilleir—feachd lionmhor fo airm, a's gathan na greine 'dealradh air an stàilinn lìombaidh 's air an glogaidibh àrd—iomada bratach gu h-àrd ri crann, a's caitheam-chiùil de gach seòrsa ri eisdeachd air gach taobh. Bha cuideachd an deigh cuideachd de chùirtearan, àrd-flaithean, is mòr-fhearan na tìr, ann an carbadan eireachdail rìomhach, is uaislean, is àil-

neachd, is urram nan trì rìoghachdan, a nis ri fhaicinn mu luchairt-ean a' chaisteal àird.

Beagan an deigh mheadhon-latha, thòisich an eaglais rìoghail ri lionadh leis an fheadhainn a fhnair comas uapsan ris an robh na riaghailtean an carbsa. Lionadh e gach duileag a th'againn mion-chuuntas a thoirt air gnothaichean an latha so. Ach da rìreadh bu shealladh e a b'fhiach fhaicinn, mar bha 'chuideachd urramaichte a' gluasad o'n chaisteal do'n eaglais.

Bha'n naoidhean òg, an Prionnsa, air a ghiulan ann an carbad rìomhach, le 'mhuime is mnathan uasal eile. Thog a mhuime suas e an dràsd 'sa rithist, gu sealladh a thoirt dhe do'n t-sluagh, a chuir fàilte cridheil, shuundach, rìoghail air, mar bha'n carbad a' gabhail seachad; agus dh'fhàiltich am feachd a bha fo arm e 'nuair dhlùthaich e orra. Bha 'Bhan-rìgh agus Prionns' *Albert* ann an carbad le chèile. Leth-uair an deigh mheadhon-latha, chualas na gunnaichean-mòr a toirt sanas gu'n robh iad air a' chaisteal fhàgail. 'Nuair chaidh ise stigh, lean Rìgh Phrussia agus flaithean na cùirt i. Dh'èirich gach aon a bha 'san eaglais, is thog na h-orgain bu bhinn pong a suas—an ceòl bu shluimte.

Dh'fhosgail àrd easbuig Shasunn an leabhar mu choinneamh na h-altraich, agus leugh e seirbheis a' bhaisteadh, do reir gnàth Eaglais Shasuinn. Fhad 'sa bha esan lenghadh so, bha 'Bhan-rìgh agus a céile prionnsail air air an glùnaibh. B'e Rìgh Phrussia an t-àrd ghoisdidh. Thainig iad air an aghaidh, agus ghabh iad na bòidean orra féin. Fhreagair Rìgh Phrussia, 'na ainm féin, 'san ainm na goisdidhean eile, le guth làidir pongail. Thainig an sin Ban-Diùc *Bhucleugh* a stigh, 's an naoidhean òg aice air a dà ghairdean, 'ga ghiulan suas dh'ionnsuidh an àite 'san robh an t-àrd easbuig 'na sheassmh. Thug i an leanabh dha; chàirich i e 'na uchd. Dh'fheòraich e an sin ciod an t-ainm a b'àill leo thoirt air an leanabh, agus fhreagair Rìgh Phrussia *Albert Edward*. An sin thubhairt an t-Easbuig, "Abhairt Imhear, tha mise ga d' bhaisteadh an ainm an Athair, a Mhic, 'san Spiorad Naoimh. Tha sinn," ars' esan "a nis a gabhail an leinibh so a stigh am measg sluagh agus treud Chrìosd." An deigh dha an ùrnuigh gnàthaichte a thairgse suas, bhaiste e am Prionnsa. Thug e an sin am pàisd air ais do'n Bhan-Diùc, agus dh'fhalbh i null leis far an robh a' chàraid rìoghail nan suidhe, far an d'fhan i leis gus an robh seirbheis an latha seachad. Thog na h-orgain a's luchd-ciùil suas an halleluidhadh bu bhinn, mar bha 'chuideachd a gabhail mach as an eaglais. Bhaisteadh am Prionnsa òg le uisge a thugadh fad an rathaid o abhuinn iomraiteach Iordan!

A' CHUIRM AN DEIGH A' BHAISTEADH.

Cha robh cuirm riamh an caisteal àrd *Windsor* a thug bàrr air an aon so. Cha robh soithichean òir no airgiod a bhuineadh do theaghlach rìoghail Shasuinn nach robh mach air a' bhòrd, 's b'e sin an bòrd eireachdail. Tha'n seòmar mòr 'san robh a' chuirm so

dà cheud troidh air fad, agus do reir sin air leud. Cha robh soitheach de sheòrsa sam bith—mar na truinnsearan, na spàinean, na ladair, na sgeanan, na forcan—nach robh an darna cuid do dh'òr, airneo do dh'airgiod air òradh thairis. Shuidh a' chuideachd leth-uair an deigh seachd, a' Bhan-rìgh air an darna taobh de'n bhòrd, le Rìgh Phrussia air a làimh dheis, agus Prionns' *Albert* m'a coinneamh air an taobh eile. Mu'n d'éirich a' chuideachd, thainig dù phìobaire stigh, a's chluich iad cuairt air a' phìob mhòir Albanaich, a' siubhal ceithir-thimchioll an t-seòmair. Cha chuala sinn ciod am port a chluich iad, ach 's dòcha gu'm b'e fàilte a' Phrionnsa òig. Bha 'Bhan-rìgh agus Rìgh Phrussia barrachd toilliche leis a' phìob.

Thug Diùc *Shussex*, brathair-athar na Ban-rìgh, cnirm mhòr, mar urram air Rìgh Phrussia; agus bha Mac-Aoidh (*Mackay*), ar fear-dùthcha, pìobaire an Diùc, a cluich mar dh'fhàg an Rìgh a' chuideachd. Thug e air a' phìobaire iomachd roimhe, a cluich gu sùrdail. Cha b'iongantach leinn ged bhiodh a' phìob-mòr Albanach fasanda, 's fo onair an Sasunn agus an rìoghachdan coimheach.

C.

A M BÌOBULL.

Lòchran ar cas! a stiùras sinn
'San t-slighe an còir dhuinn falbh;
Sruth pailt o thobar gràsa Dhé,
Fior uisge do'n t-siùbhlach fhann.

Aran ar n-anaim! tha 'toirt neart;
Úr mhàna nuas o nèamh;
Ar deagh chairt-iùil, a sheòlas sinn
Gu dùthcha sona sèimh!

Meall teine 'san dubh-oidhech dhorch'
Neul-soluis fèadh an là!
'Nuair shluigeadh tonnan-cuain ar lorg,
Ar n-acair a's ar sgàth!

Reul-iùil fèadh chuanta garbh na beatha!
Tigh-soluis an àm teinn!
Compaist a stiùras sàbhailt sinn!
Luaidh-fhiachainn doimhne cuain!

Beartas am bochdain! Ar cùl-taic
'N àm an-shocair 's dìth!
Carraig dhaingean do'n fhògrach lag!
Do'n t-saighdear, daingneach sìth!

Ar sgiath 's ar targaid anns a' chath!
Ard-shuaicheantas na buaidh!
Sòlas a'm bròn; an laigse neart!
Ioc-shlàint an doruinn chruaidh!

Fear-teaguisg òig a's fearachas ;
 Dlùth charaid na h-aois thruim !
 Ar dòchas, 'nuair dol sìos do'n uaigh,
 Air beatha shona bhuan !

Naomh fhocal an Dia shìorruidh mhòir ;
 Rùn gràsmhor a Mhic chaoimh !
 As eugmhais, ciamar shiubhlamaid,
 Na ruige-mid gu nèamh ?

Ead. le J. L.

NAIGHEACHDAN COITCHIONN.

Chruinich a' Phàrlamaid, agus tha dòchas againn gu'm bi gnothaichean na dùthcha air an cuir fo riaghailtean nìs fearr na bha iad 'san àm 'chaidh seachad.

Dh'fhosgail a' Bhan-rìgh a' Phàrlamaid le òraid a thug mòran taitneas do gach h-aon. Leugh i na chuireadh m'a coinneamh le a luchd-comhairle. Bitheadh an òraid maith no olc, 'se iadsan tha freagarrach air a son. Ach 'sann aice féin tha làmh air leughadh. Cha'n eil uasal no iosal, fear na bean, 'san rìoghachd uile aig an bheil guth co slàn, soilleir, fallain, pongail rithe, agus anabharrach milis.

Bha greadnachas mòr ann an àm fosgaladh na Pàrlamaid. Bha Rìgh Phrussia agus mòran de dhaoine urramach o rìoghachdan còin 'san làthair. Thainig i féin a stigh le coron rìoghail air a ceann, a dealradh le clachan boisgeanta luachmhor, Ban-Diuc Bluecleugh a' giùlan iomal a falluing, agus flaithean àrd na cùirt roimpa 's na deigh, a reir an oifig. An deigh dhi suidhe sa' chathair, ghairm àrd mhaor na slaite diubhe (*Usher of the Black Rod*) a nuas uaislean an tigh iosail ; 's air dhoibh tighinn le fear na catharach aca fein air an ceann, dh'eirich na bha làthair, agus leugh i a òraid-fhosglaidh. Na dbeigh sin, phill uaislean an tigh iosail air an ais, agus phill ise mar an ceudna dh'ionnsuidh a pàilliu fein. Bha anabharra sluaigh a mach a dh'fhaotainn sealladh dhi ; agus dh'fhàiltich iad i le aon iolach dhealasach, chridheil, shunndach o'n àm an d'fhàg i Tigh na Mòr-fhearan gus an d'ruig i a dachaidh rìoghail fein.

Thoisich a nis guothaichean na Pàrlamaid. 'Se an ni is cudthromach a tha air an àm fo'm beachd, na laghanan a thaobh cruinneachd, is eorna, is coire—gach seorsa teachd-an-tìr a leigeil a stigh o rìoghachdan eile. 'S anbharrach cudthromach a' cheisd so—ceisd a tha fìor dhuilich a shocrachadh na reiteachadh. Bha cìs, na *taxes*, air na h-uile bolla sìle, de sheors' air bith, a bha tighinn thairis á duthchanan eile do Bhreatunn. Am bitheantas, tha gràinne nìs saoire ann an cuid do rìoghachdan eile na tha e ann am Breatunn. Tha cosnadh is obair nìs saoire ; agus nam biodh cead aig na h-uile fear a thogradh dol thairis le luingeis, agus gràinne a cheannach far am b' àill leis, agus a reic an so a ritlist, cha'n eil teagamh sam bith nach fhaodadh e a reic air uairibh ann am Breatunn air prìs gu mòr nìs ìsle na tha e comasach do thuathanaich na dùthcha so a thogail, na thoirt gu margadh. Agus 'se thigeadh as a so, tha cuid ag ràdh, gu'n sguir-eadh tuathanaich Bhreatunn air bàrr a thogail idir, 's gu'n cuireadh

iad am fearran fo fheurachadh. Dh'fhāgadh so sinn an eisiomail rioghachdan eile, agus 'nuair a thogradh iad na puirt 's na calachan aca 'dhùnadh, 's gun chead a thoirt dhuinn boll' a thoirt air falbh, 'se thachradh gu'n tigeadh gort air ar dùthaich. Chum so shocrachadh, bha cìs air a thogail o gach boll' a thainig á rioghachd eile, agus a' chis so ag éiridh 'sa tuiteam, dìreach mar bha prìs a' chruinneachd na 'choire ag éiridh 'sa tuiteam 'san rioghachd so. Mar bu daoire bha cruinneachd is gràinne eile a'm Breatunn, 'sann is isle bha chis air na thigeadh á àitean eile; agus 'nuair a dh'éireadh gràinne an so gu bhì ro dhaor, an sin cha robh cìs idir air na thigeadh thairis. Tha mòran dhaoine airson na cìs so thoirt air falbh gu buileach, agus gun sgillinn ruidh a bhì air—dìreach leigeil le daoine dol air tòir gràinne air feadh an t-saoghail, a cheannach, 'sa reic a bhos mar thogras iad. Ach tha e air a ràdh nach 'eil so cothramach airson luchd-oighreachd an fhearainn, agus na tuathanach. Tha cìs air gach nì eile tha tighinn a nall á rioghachdan eile, mar dhìon do mharsandan; agus c'arson nach biodh dìon air an tuathanach mar an cendna. Ma bheirear a' chis deth gach marsandachd eile, nithear baigearan de luchd-màlairt nam bailtean mòr. 'S iadsan tha cumail suas cosd na rioghachd, 's cha'n fhaodar leigeil le Frangaich, is Dudsach, is Turcaich, is Spàinteach tighinn a nall leis gach goireas a th'aca, fo làimh na marsandan againn féin, agus am milleadh. "Nis," arsa luchd an fhearainn agus na tuathanach, "tha sinn aig diol cìs airson cosd na rioghachd a chumail suas, agus cha'n fhaodar baigearan a dheanamh dhinn nì's mò na do chach." Mar so, taobh air thaobh, tha iad a conusachadh; agus ma chaomhnear sinn, bheir sinn an argumaid seachad gu fìrinneach, agus baralaicheadh ar luchd-leughaidh air an son féin.

'S maith leinn fhaicinn gu bheil a' chis tha air a togail air an àm gu bhì air a lughachadh gu mòr—nì nach fhaod gun isleachadh a dheanamh air fiach a' chruinneachd as a so mach. Cha'n eil a' chis uile gu leir air a socrachadh fhathast; ach 'sì 'ur barail féin gu'm bì an lagh ùr so, na riaghailtean ùr, tha'm beachd *Sir Robert Peel*, air an cuir air bonn a dh'aon chuid car bliadhna no dhà. Chum's gu'm bì scòrs do bheachd aig ar luchd-leughaidh air an isleachadh tha e cuir roimh a dheanamh, cuiridh sinn a sìos an so an t-athrachadh eadar a' chis a bha coire is eòrn' a pàigheadh roimh so, agus na tha'm beachd *Sir Robert Peel* a nis a thogail; agus tha isleachadh ri bhì air cìs a' chruinneachd do reir sin.

'Nuair tha prìs a' choire 19s. am bolla, pàigheadh e 19s. 9d.; ach a nis tha 'chis ùr ri bhì air a h-isleachadh gu 8s.—'se sin, an àite naoidh tasdain deug a's naoidh sgillinn, cha'n eil a nis ri bhì air a thogail ach ochd sgillinn Shasunnach.

'Nuair tha'm bolla 20s., an àite 18s. 3d., tha 'chis ùr 7s.

21s.	16s. 9d.	6s.
22s.	15s. 3d.	6s.
23s.	13s. 9d.	6s.
24s.	12s. 3d.	5s.
25s.	10s. 9d.	4s.
26s.	9s. 3d.	3s.
27s.	7s. 9d.	2s.
28s.	6s. 3d.	1s.

Tha atharrachadh mor an so, agus cha'n fhaod e gun phrìs na min ìsleachadh gu mòr.

Tha leithid cheudna thaobh a' chruinneachd. A' chis a bha roimh so, agus air an àm, 36s. 8d., tha i gu bhi air a h-ìsleachadh gu 20s.; 34s. 8d. gu bhi 18s.; 32s. 8d. gu bhi 9s.; 29s. 8d. gu bhi 6s.; 13s. 8d. gu bhi 3s.; 's mar sin sìos, gus an ruig prìs a' chruinneachd 73s. An sin cha bhi eis idir air.

Tha eorna 'san dòigh cheudna. 'Nuair tha fiach an eorna aig an tigh còig sgillinn fichead Shasunnach am bolla, tha'n eis air bolla eorn' a thigeadh thairis á rioghachd eile ceithir sgillinn fichead Shasunnach. Tha so ri bhi air ìsleachadh gu aon sgillinn deug Shasunnach. 'Nuair tha'n t-eorna aig an tigh

28s. am bolla, tha 'chis, 21s. 4d., nis gu bhi 9s.		
31s.	16s. 10d.	8s.
34s.	12s. 4d.	5s.
36s.	9s. 4d.	3s.
37s.	6s. 4d.	1s.

'Nuair theid eorna osceann so, cha bhi eis idir air.

So cuid do na riaghailtean ùr a tha a'm beachd *Sir Robert Peel*. Tha chùis fo bheachd na Pàrlamaid, agus bheir sinn cunntas air gach nì dhi mar is fhearr a dh'fhaodas sinn o àm gu àm. Ma tha na riaghailtean ùr so dol gu prìs an arain a lughachadh, agus lòn ìsleachadh, 'se ar togradh gu'n soirbheachadh am Freasdal leis-san a tha 'ga thoirt mu'n cuairt. Ach da rìreadh, bhithreamaid làn thoilichte ged a dh'àrdaicheadh iad eis an eorna—ged a dhùblaicheadh e rithisd agus a rithisd—uiread dheth 'sa tha dol a dheanamh uisge-beatha, na spiorad làidir eile. Na faigheamaid ar mian, cha bhiodh sgillinn ruadh air coire tha dol a dheanamh min do dhaoine bochd. Nam b'urrainnear a dheanamh, b'e mian ar cridhe gu'n robh màlart a' choire co saor ri gaoithe nan spéur. Ged bhiodh eorna tha dol gu spiorad làidir a dheanamh air a dhùblachadh, cha bhàsaicheadh daoine le dìth spioraid—cha ghlaodhadh clann agus pàisdean beag air a shon. Ma's éiginn do dhaoine, na do thruasdair mnathan, an daorach a bhi orra, agus misg is òl a leantuinn, pàigheadh iad air a shon; ach a' mlin bhàn, gu'm beannaicheadh am Freasdal gach riaghailt tha air a dheanamh chum a fiach a lughachadh, agus 'ìsleachadh sa' mhargadh.

INNSEAN NA H-AIRD AN EAR.

Cha'n eil an naigheachd mu dheireadh a ràinig Breatunn o'n chearn so de'n t-saoghal idir taitneach. Tha dùthaich fharsuing ris an canar *Affghanistan*, nach buin diuinn idir, asdar mòr o na ceannan sin a tha fo uachdranachd Bhreatunn, agus cadar sinn is rioghachd chumhachdach *Phersia*. Bha e 'na nì cudthromach dhuinn càirdeas na dùthcha so a chumail, mar dhìon an aghaidh gach oidheirp a b'urrainn rioghachd *Russia* na *Phersia* 'thoirt air goid a stigh orra, agus na h-Innsean beartach a thoirt uainn. Chum càirdeas na dùthcha so chumail, chuir sinn àrmait suas a sheasamh rìgh na dùthcha an aghaidh cuid do dh'fhineachan agus do dhùthchanan eile a bha 'g iarraidh a chrùn a thoirt uaithe, agus fear eile a chur 'na àite. Fhuair an t-arm Sasunnach suas, agus bhuaidhich iad an aghaidh nàimhdean an fhir a bha càrdeil duinn; agus dh'fhan iad dìth dha, chum gach nì 'chumail sàmhach, agus, gun teagamh sam bith, chum sùil a bhi aca air na Persianaich.

Tha muinntir *Affghanistan* nan daoine tréim, misneachail, seòlta—anabharrach cealgach, dìorasach, agus dìoghaltach. 'S daoine iad cosmhuil ris na *Cossacks* ann an *Russia*, fìor dhéigheil air cogadh is aimhreic. Tha'n dùthaich aca làn do bheanntan mòr, 's cha'n eil e comasach do dh'arm riaghailteach an ceannsachadh. Tha luchd-eachdraidh ag ràdh gur iad so

slìochd nan deich trenbhan Iùdhach a chaidh air seachran, agus air nach 'eil cunntas. Tha eachdraidh 'nam measg féin gur ann o Iùdhaich a thainig iad, agus tha mòran Iùdhach fhathast 'nam measg.

Ged tha rìgh thairis air an dùthaich, gidheadh cha'n eil mòran cumhachd aige thairis air an t-sluagh. Tha treubh is ceannard air leth anns gach gleann, a's anns gach cearn an ceann-scadhna féin aig gach treubh—dìreach mar bha na finneachan Gàidhealach o shean, ged a bha rìgh an Albainn.

O cheann ghoirid, mata, dh'èirich ceannaire an aghaidh an rìgh so bha sinn a' seasamh; agus bha'n gnothach air a chumail eo sàmbach 's nach robh amharas air bith gu'n robh a leithid 'nam bealach, gus an do bhrist sluagh mòr de nheimtìr an àite stigh air buidheann de na h-oifigich againn, a bha'n deigh dol a mach á tigh an rìgh, 'sa bha coiseachd air na sràidean. Mhillear ecathrar no còignear de oifigich co misneachail, treun, 'sa bha 'san arm Bhreatunnach, agus an rìgh féin ag amharc air an gnothach, gun chomas air cuideachadh sam bith a thoirt seachad. Dh'èirich am baile-mòr agus an dùthaich; thòisich creach, is àr, is losgadh. Bha'n t-arm beag againn ann an campa dlùth do'n bhaile. 'Nuair thainig an cunntas ma dheircadh, cha do sgriosadh iad, 's cha mhò 'striochd iad. Bha sluagh mòr a' cruinneachadh mu'n timcheall, 's bha iomadh blàr air a chur; agus is duilich ri ràdh gu'n do mhilleadh mòran. Tha aobhar a bhi fo ionagain mu dhéibhinn an airm so. Tha iad air an cuairtachadh le mìle an aghaidh gach fir dhiubh. Bha aon Ghàidheal treun a chloim Mhic-Coinnich aig nach robh ach ceud gu leth do shaighdearan na tìr leis, agus sheas e mach còig làithean leo an aghaidh dà mhìle, a bha 'latha 'sa dh'oidheche ag éiridh air!

'Nuair thainig am fios ma dheircadh o'n àite, bha'n t-arm Breatunnach a' fàgail na dùthcha, agus a gabhail air an àis do na ceannan sin a bhineas dhuinn féin. Ach tha aca ri coiseachd thar beanntan àrd, is naimhdean air gach taobh—naimhdean seòlta, treun, dàn—eòlach air gach bealach, is ath-ghoirid, is beul-atha. Chuirceadh àrmailt nan coineamh, 's tha aobhar dochais gu'n tig a' chuid is mò dhiubh fathast tearuinte as a' chunnart so; ach bhàsaich mòran a cheana. Bha aon duine foghainteach Albannach, *Captain Woodburn*, agus seachd fichead saighdear fodha. Chuairtich eadar ceithir is còig mìle e, agus ghearradh a's e féin 'sa h-uile mac mathar a bha maille ris. 'S fhada o nach robh naigheachd co hrònach againn ri innseadh mu'n arm Bhreatunnach, ach tha dòchas againn nach 'eil a' chùis uile gn leir co ole 'sa tha air innseadh. Tha e air a ràdh gu'n d'thainig litrichean do Shasunn o chionn latha no dhà. 'tha toirt cunntais gu'n d'fhuair an t-arm againn buaidh air muinntir na dùthcha, 's gu bheil a' chùis air a shocrachadh, ged a mhillear mòran.

'S cuimhne leinn, 'nuair 'chuala gu'n deach an t-arm againn air tùs do'n dùthaich sin, gu'n d'thùbhairt Diùe *Wellington* nach robh ann ach amaid-eachd làn an dùirn de dhaoine a chuir thairis air na bailtibh mòr sin, 's gu'n robh eagal air gu'm biodh droch sgeul air a' ghnathach ma'n sochruicht' e.

CHINA.

Ma tha droch naigheachd á Innscan na h-àird an ear, tha naigheachd taitneach mu chogadh *China*. Tha'n t-arm againn a' gabhail air aghaidh, a' buadhachadh thairis air gach duilgheadas. Ghlac iad Eilean *Chusan* air àis a rithisd, agus dà bhaile-mòr cumhachdach agus beartach, *Chinhæ* agus *Ning-po*. Tha 'cheud aon de na bailtean mòr a dh'ainmich sinn anabharrach làidir. Smuainich na Chinesich bhochd nach robh do dh'arinn 'san t-saoghal mhòr na ghlacadh e. Tha dìon-bhalla làidir ma thinnicholl a tha dà throidh thar fichead air àirde, agus dlùth air dà fhichead troidh air leud; ach cha do sheas e ach tiota an aghaidh an airm Shasunnaich. Bha ceud gu leth gunna mór prais air na ballachan, gun labhairt air na

bh'ann do ghunnaichean iarruinn ; agus ghlacadh iad uile. Tha'm baile-mór so air taobh aibhne air an robh luingeis Shasuinn a' seòladh, agus 'se barail dhaoine gu'n d'fhuaras mòran stòrais 'san àite. 'Nuair thainig an cunntas ma dheireadh air falbh, bha eith is sàmhchair sa' bhaile-mhór so, agus na Chinesich làn thoilichte 'bhi fo dhìon nan Sasunnach.

An deigh do'n arm againn an baile-mór so a ghlacadh, chaidh iad air aghart gu baile-mór eile, do'n ainm *Ning-po*, air taobh na h-aibhne cheudna. Cha do leig na Chinesich thruagh urchair. Bha cuid fo uamhas, 's 'nam breislich. 'Tha sluagh mór sa' bhaile so, osceann trì chend mìle, is tha e còig mìle air chuart, le balla làidir ; ach cha d'thug iad oidheirp air a dhìon. Chaidh an t-arm againn stigh, is ghlac iad e, gun duine a chall na mhilleadh.

Ach ged a tha gach nì 'dol leo mar so, 's duilich a ràdh c'uin a thig an cogadh gu crìch. Rinn iadsan ris an robh a' chùis an carbsa air tùs mearachd, 's tha so nis fàgail a reiteachadh nì's duilicheadh. Bithidh fadail mhór air daoine airson an ath chunntas.

IMRICH DO DHÙTHCHANNAN CÉIN.

Cha'n eil dùil againn gu'm bi enidcachadh air a thoirt do dhaoine 'dol thairis do dh-America. Tha riaghailtean ùr ri bhi air an toirt a stigh a thaobh na h-uile imrich do dùthchannan céin, ach 's mór ar n-eagal nach bi nì air bith air a dheanamh a thaobh America. Ach beag no mhór 'sa nìthear anns a' Phàrlamaid a thaobh na cùis so, bithidh ar sùil air ; is faodaidh ar luchd-dùthcha bhi làn chiunteach gu'n leig sinn fios da'n ionnsuidh.

Tha'n t-slighe iaruin eadar Dunéidean is Glaschu a nis air a fosgladh.

GLASGOW :

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh : M'Lachlan, Stewart, & Co. ; Tullymet : C. Morris ; Dingwall : A. Keith ; Dornoch : Wm. Munro ; Thurso : Mrs Russell ; Inverness : J. Bain, & Co. ; Dundee : Wm. Middleton ; Oban : J. Miller ; Greenock : A. A. M'Iver ; Grantown : A. Cumming ; Abernethy : D. Gordon ; Dunkeld : D. M'Donald ; Portree : A. M'Donald ; Balachulish : J. M'Innis ; Lochgilphead : N. Gillies ; Argyle Furnace : A. Gillies, Schoolmaster ; Lochdonhead, Mull : D. Fletcher ; Bonaw : John Cameron, Postmaster ; Aberfeldy : D. Cameron, Bookseller ; Port Ellen, Islay : D. Hunter ; Glencarradale : N. M'Donald, Schoolmaster ; Bunessan, Mull : Donald M'Lean, Postmaster ; Portmahaven : Norman M'Lean ; Kilchoman : Angus M'Leod ; Strontain : D. Cameron ; Tirolan, Mull : John M'Donald ; Caolbor, Nairn : J. Robertson ; Pitlochry : D. Robertson ; Fortingall : D. Campbell ; Laggan : J. M'Pherson ; Alness : D. M'Diarmid ; Doune : D. M'Diarmid ; Barra : A. M'Donald, Esq ; Ormsary : G. Ross ; Tayinloan : A. Sutherland ; South Uist : A. Chisholm ; Callander : P. M'Kinlay ; Balquhider : J. Carlton ; Dunvegan : D. M'Donald ; Carbost : A. Cameron ; Glendaruel : D. M'Lean ; Fort-Augustus : J. Forbes ; Stratherrick : J. Frazer ; Kilmorack : J. Rose ; Easdale : D. M'Intyre ; Nova Scotia : Rev. R. Williamson, Pietou ; General Agent for North America, John M'Neil, Esq. Charlotte-town, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI 'S NACH PHAIC

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÌOS-DEIRIDH AN EARRAICH.

AN 26 ÀIREAMH.]

APRIL 1, 1842.

[PRÌS 6 SGILLEAN

CONTENTS:—Tale for the Young (Warning to Highlanders Coming to the Low Country), page 31.—Song of Solomon (Preface to, and Metrical Version of Chapter I.), 37, 39.—The Beggar's Bridge (an Irish Legend), 40.—Letter to the Editor concerning Emigration to New Brunswick, 49.—Familiar Dialogue (Sir Robert Peel's Financial Measures, New Tariff, &c.), 51.—Public News—China, Afghanistan, 56; Melancholy Loss of the Steamer Telegraph, 58.

SGEUL AIRSON ÒIGRIDH NA GAIDHEALTACHD.

[Eachdraidh mhulaideach, ach fhìrinneach, air bàs cianail òganaich thruaigh a chaochail sa' bhaile mhòr so. Gu'n robh an eachdraidh so 'na sanas feumail do dh'ògraidh na Gàidhealtachd a tha tighinn do'n àite! oir 's mòr an t-aobhar eagail gu bheil iomadh aon air an tarruing air falbh 'san dòigh cheudna.]

A Chuairtear ionmhuinn,

Tha mi fìor thoilichte a bhi faotainn gach fiosrachadh feumail a tha sibh a faicinn iomchuidh a chur d'ar n-ionnsuidh o mhòs gu mìos; agus da rìreadh cha'n e na sgeulan taitneach sin a tha sibh a cur gu òigridh na Gàidhealtachd a' chuid as lugha orm. Cha'n e a mhàin gu bheil na sgeulan sin fìor fheumail do'n mhuinntir òg; ach feudaidh, mar an ceudna, a' mhuinntir aosda, agus luchd a' chinn lèithe, gliocas a tharruing uatha. Ma chì sibh iomchuidh an sgeul a leanas a chur an ceil d'ar luchd-dùthcha an ath uair a theid sibh air chuairt 'nam measg, tha dòchas agam gu'm faod e bhi na mheadhon sonraichte a chum na muinntir a tha òg agus aon-fhillte a chumail o iomad buair-

eadh a dh'fheudas teachd 'nan rathad, 'nuair thig iad do'n bhaile-mhòr so; ach air an bheil a' mhuinntir nach d'fhàg riamh tìr nam beann tur aineolach.

Dh'fhàg an neach mu'm bheil mi nis a dol a dh'innseadh dhuibh tigh 'athar air an dùthaich mu'n robh e ach gann còig-bliadhna-deug a dh'aois. Bha 'mhàthair na boirionnach diadhaidh, agus theagasg i dhàsan gu moch an t-slighe anns am bu chòir dha gluasad. An deigh dha teachd gu bli fuireach sa' bhaile-mhòr, a reir seòladh a' mhàthar, bha e feitheamh air meadhonan nan gràs, agus bha e car ùine mar neach a bha fo gheur mhothachadh. Gidheadh, dh'fhuirich e air ais o na dleasnais sin a tha mar fhiachaibh orrasan a tha leantuinn Criosd, leis a' bheachd so, gu'n feitheadh e orra aig àm eile a bhiodh na bu fhreagaraiche dha. M'an d'thainig an t-àm sin, fhuair e eòlas air muinntir a bha "gun eagal Dé fa chomhair an sùil." Leo so chaidh e air aghaidh ann an sligheachan seachranach ré chòig bliadhna, ged a bha 'chogais 'ga dhìtheadh, agus ag innseadh dha gu'n robh e leagail bunait a chum sgrios siorruidh. Fhuair e gu minig litrichean o a mhàthair, a' cur a dh'leasnais 'na chuimhne, agus 'ga bhrosnachadh ga'n ionnsuidh. Thairis air na litrichean so, 's tric a shil a dheòir, agus cho tric chuir e roimhe gu'n gluaiseadh e ann an slighe ni b'fhearr 'san àm ri teachd. Ach a dh'aindeoin gach nì dheth so, bha 'chridhe do ghnàth a sleamhnachadh o Dhia; bha gach mìos 'ga chruadhachadh 'na mhi-dhiadhaidheachd. Ma dheireadh leig e srian le 'ana-mhianan. Thòisich e air a bli dol do'n tigh-chluiche, agus do chomuinn eile, far an robh fearas-chuideachd ghòrach air a chumail air aghart. Bha 'àite-suidhe ann an tigh an Tighearna gu minig falamh, gu sònraichte air feasgar latha an Tighearna. Leughadh e nis litrichean a' mhàthar le na bu lugha aire na b'abhaist da; oir thòisich e air saolsinn gu'n robh e comasach air breithneachadh air a shon féin, gun a cuideachadh sa—gu'n robh i na màthair chaoimhneil ni's leòir, ach nach robh i eòlach air gnàthanan a' bhaile-mhòir, agus leis a sin nach robh fios aice mar bu chòir dha gluasad cho maith 'sa bh'aige féin. Mu'n àm so thachair e air sgrìobhanaibh luchd-àicheadh Dhé. An toiseach, bha e an ag mu'n leughadh; ach do bhrìgh gu'n robh e làthair aig an coineamhan uair no dhà gun a bheag do dhochair fhulang, smaoinich e nach robh cunnart air bith ann am faicinn ciod a bh'aca r'a ràdh, gu sònraichte o na b'e 'chleachdadh a' chùis a rannsachadh air gach taobh. Leugh e an toiseach; an sin chuir e'n teagamh; an sin dh'fhàs e nì bu ghlice na luchd-teagaisg; agus mu dheireadh shleamhnaich e sìos do'n t-slugan eagalach sin a shluig na mìltean. Bha 'àite-suidhe ann an tigh an Tighearna an toiseach falamh air uairibh, ach a nis bha e gu buileach air a threigsin. Bha e nis air ullachadh airson ceumanan bu mhi-riaghailtiche; agus airson a ghiulan mhi-stuama, chail e obair agus fabhar a mhaighstir. Air dha bhi fada na thàmh, shoirbhich leis mu dheireadh ann an àite eile fhaotainn, ach fada ni bu mhiosa na'n t-àite 'san robh e'n toiseach—bha e'n dà chuid ni b'riosaille agus ni bu tràilleile. Bha nis 'uabhar air a bhriseadh sìos. Thug so e ni b'isle, agus fo chumhachd nan dubhailcean sin as suarache. Dhoibh sin strìochd e, gus ma dheireadh an do chail e gach meas air féin.

Cha'n ainmich mi an so na gnothaichean muldach a thachair dha. An deigh iomad oidheirp gun torradh airson a chor a leasachadh, dh'atharraich e mu dheireadh 'àite-tàimh, an dòchas gu'n deanadh e ni b'fhearr; ach chaidh a chliù agus a chleachdainean maile ris. Ré chòig bliadhna, cha do sgrìobh e uiread is aon litir gu 'phàrantan; agus a reir a' chunntais a thug e seachad, cha robh fios aca uiread is c'àite an robh e, ged nach robh e cuid do'n tìne ach ciad-gu-leth mìle uatha. Ach chuir e roimhe nach biodh fios, aon chuid aig a phàrantan no aig a luchd-eòlais, c'àite an robh e, no ciod a bha e deanamh. Cionnas a sholair e 'lòn ré nam bliadhnachan strodhail so, acasan a tha eòlach air a leithid so do chaithe-beatha a mhàin a tha fios. Bha e na fhògarach o àite gu àite—strodhail, aonaranach, agus gun chreideas—a shlàinte gach là dol ni bu mhiosa, gus ma dheireadh an d'thainig e gus an staid anns am faca mise an tìs e.

Air aon là, thainig neach far an robh mi, ag ràdh, “Tha duine òg aig mo thigh, agus bu mhaith leam thu thighinn 'ga fhaicinn.” Thug sinn a stigh e, trì no ceithir a sheachduinnean roimhe so, airson trua-càntais; oir tha e gun dachaidh, falamb, agus tinn, ged nach 'eil ann ach duine òg, agus a reir coslais a chunnaic laithean is fear. Ach cha'n urrainn duinn mòran fhaotainn uaithe. Cha'n eil iarrtas aige air bruidhinn. Tha'n lighich' a saolsinn gu bheil e ann an caitheamh tròm, oir tha fìor dhroch casadaich air. Tha e mar an ceudna fo dhubhachas mòr, agus, a reir coslais, aig amanan ann an cruaidh-ghleachd inntinn.”

Ghabh mi gun ag cothrom air dol 'ga fhaicinn cho luath 'sa dh'fhaod mi, agus fhuair mi a staid eadhoin ni bu mhiosa na bha air innseadh. Bha 'ghnùis gu tana glas-neulach, a shùilean domhainn 'na cheann, a ghuth fosgailte—a dh'aon fhacal, bha gach ni 'na choslas a cuir an ceil an staid bu trioblaidiche. Bha e an toiseach neo-thogarrach air bruidhinn; bha e, mar gu'm b'ann, air a dhùnadh suas ann féin, air chor 's nach d'thugadh ni air bith air a staid a dheanamh folaiseach. Labhair mi beagan fhacail a shaoil mi 'bhiodh freagarrach 'chum inntinn a tharruinn dh'ionnsuidh an Fhir-Shaoraidh, agus le a chead chuir mi suas ùrnuigh ghoirid as a leith.

Goirid na dheigh so, chaidh mi air m'ais a rithist. Bha e na luidhe air a leabaidh, agus e dìreach an deigh faochadh fhaotainn á treis ghoirt chasadaich. An deigh beagan mhionaidean, smèid e orm da ionnsuidh; agus ann an guth ìosal, thubhairt e gu'm bu mhaith leis labhairt rium gu h-uaigneach. Dh'fhàg a bhan-altrum agus bean-antighe an seòmar. 'Nuair bha sinn leinn féin, shuidhich e a shùilean orm ann an ciùneas car tiota; ach bha e eadar dà chombairle, co dhiubh a labhradh e na bhiodh e tosdach. Ma dheireadh bhrùchd e mach, agus thòisich e air cuid d'a eachdraidh féin innseadh.

Bha e nis anns an t-siathamh bliadhna fichead d'a aois. Bha e fagusg do chòig bliadhna na fhear-àicheadh Dhé. Bha e na fhògarach o phàrantan. Cha robh fios aca uiread is c'àite an robh e, ni mò bha e toilleach gu'm bitheadh. Mhothaich e gu'n do mhill se e féin. Chunnaic e gu soilleir far na thòisich obair an sgrios—'sann an e féin a chruadhachadh an aghaidh a mhothachaidh air an fhìrinn, agus a

dhearmad air a dhleasnais. Cha robh 'athair diadhaidh, ach bha 'mhàthair; agus cha robh teagamh air bith aige nach do shil a sùilean aibhnichean do dheòir airson a mhi-ghnàthachaidh-san.

'Na dheigh so, bhrùchd e mach leis na briathran a leanas:—

“Cha'n e àicheadh Dhé a sgrios mi; thòisich obair an sgrios ni bu tràithe na sin. B'e mi chur an aghaidh àitheantan an Tighearn' a thug mi gus an staid so; ach chuidich so mo thilgeil ni bu doimhne ann an coireanan folaiseach, agus mar an ceudna uamharra. O na thòisich mi air àicheadh Dhé, chuir mi an gnìomh nithe roimh 'n crìothnaichain ann an làthaibh m'òige—b'e sin slaoighteireachd, misg, striopachas; agus a bharr air sin, bha mi 'm mheadhon gu muinntir eile a thoirt gus an staid cheudna.

“Ach cha'n eil an sin,” ars' esan, “ach nitheanan suarach a tha leantuinn ri m' chliù. Tha obair an sgrios 'na luidhe ni's doimhne 'san anam, agus tha'n truaighe 'sam bheil mi an dràs ag innseadh ro-làimh ciod a ta feitheamh orm an taobh thall do'n uaigh. Ré iomad bliadhna dh'fheuch mi ri mì-chreideas a thoirt do'n Bhìobull. Shoirbhich leam sin a dheanamh. Bha mi 'nam fhear-àicheadh Dhé. Bha mi air mo thoirt thairis do mhealltaireachd nàmhaid an anama, chum 's gu'm bithinn air mo dhiteadh, do bhrìgh nach robh mi umhal do'n fhirinn, ach gu'n do ghabb mi tlachd ann am mì-dhiadhachd. Ach cha'n eil mi ni's fhaide a'm fhear-àicheadh Dhé. Tha mi nis làn chinnteach gu bheil Dia ann; tha mi mothachainn, tha mi fiosrach, gu bheil breitheanas cothromach a' feitheamh orm ann an sìoruidh-eachd!”

An deigh tàmh car tiotadh, dhorchaidh a ghnùis agus las a shùilean, agus an sin thòisich e leis na briathran a leanas:—

“Ach 'se'n nì is uamhasaiche a thagam ri thoirt fa'near, nach e 'mhàin gu'n do sgrios mi mi féin, ach gu'n robh mi a'm mheadhon gu muinntir eile a tharruinn gu sgrios mar an ceudna. O! tha mi cinnteach gu'n lean mallachd sìoruidh anmanan sgrìosta mi gu bi-bhuntachd. O! b'fhearr nach d'rugadh riamh mi!—b'fhearr gu'n do bhàsaich mi 'nuair a bha mi air gairdeanan mo mhàthar!”

Dh'oidheirpich mi an so r'a spiorad buairesach a chiùineachadh, le cur an ceil da mòr-thròcair Dhé ann am maitheanas a thoirt eadhoinn do cheann-feadhna nam peacach.

'Se'n fhreagairt a thug e—“Cha'n eil maitheanas ann dòmhsa; cha'n urrainn mise aithreachas a ghabhail; tha là nan gràs agamsa seachad. Ach tha mi mothachainn aotromachadh mòr o na leig mi ris dhuìt mo sgeul. Tha mi taingeil gu'n d'thainig thu. Truagh's mar tha mi, 'se so feith is fearr a fhuair mi o chionn fada. Gus a so, chum mi gach nì agam féin. Bha e dhomh mar theine air fhadadh ann am bhroileach. Cha do shealbhaich mi aon uair thoil-inntinn o na dh'fhàg mi slighe na sìth; agus re dhà no trì bhliadhnachan, bha mi gu h-iomlan truagh. Bha mi gu minic an impis cur as domh féin.”

An deigh beagan bhriathran, leis an d'oidheirpich mi 'aire a tharruinn gu “cuspair dòchais Israeil, agus slàn-fhear ri àm airc,” dh'fhàg mi e, a' gealltain gu'm faicinn e air a' mhaduinn a b'fhaisge, na'm b'e

's gu'm biodh e làthair gus a sin. Bha e làthair. Thainig a' mhaduinn; ach cha bu mhaduinn dhàsan i. Cha do dhears gathan òir-bhuidhe grein na fìrinn-teachd, le slàinte ann na sgiathaibh, air anam dorch' agus buaireasach-san. Bha dòchas agam, bha eadhoin fughair orm, 'fhaotainn air atharachadh.

"Gu de mar tha thu, 'charaid, air a mhaduinn so?" deir mi. B'e am freagradh, "Cho truagh agus is urrainn peacadh mo dheanamh." Na briathran so labhair e le leithid do chudthrom, 's gu'n do chuir e iongantas agus uambas orm. "Agus an d'fhuair thu tàmh air bith air an oidhche a chaidh seachad?" "Cha d'fhuair," ars' esan, "aon mhionaid; bha m'anam ann an truaighe iomlan re na h-oidhche." "Bù chòir dhuit thu féin a chiùineachadh, agus teachd a dh'ionn-suidh an 'tobair a chaidh fhosgladh do thigh Dhàibhidh 's do luchd-àiteachaidh Irusaleim, chum peacadh agus neo-ghlan a ghiùlain air falbh,' 'sa tha fathast fosgailte dhuitse, ma 'se 's gu'n gabh thu aithreachas agus creidsinn." "Cha socraich, cha socraich; cha'n eil e an comas domhsa mi féin a chiùineachadh. Tha mo chorp ceart gu leòir, ach bha m'anam ann an ifrinn ré na h-oidhche! Dh'àicheadh mi gu'n robh ifrinn ann. Chuir mi iompadh air muinntir eile gu sin a dheanamh mar an ceudna; agus a nis tha Dia 'nochdadh dhomh gu'n robh mi sa' mhearachd. O! tha fios again a nis gu bheil ifrinn ann; tha mi 'ga mhothachainn ann am chogais. Tha mi toilichte gu'n d'thainig thu 'gam fhaicinn, 'chum 's gu'n innsinn duit cho truagh 'sa tha mi. 'Se so an aon fhois 'tha mi faotainn. 'S tu an ceud fhear da'n d'rinn mi aithnichte mo thruaighe. Chum mi agam féin e co fhad 'sa b'urrainn domh; ach cha robh e'n comas domh a chleith ni b'fhaide."

"'S maith dhuit do pheacanan aideachadh, ach bu chòir dhuit an aideachadh do Dhia cho maith ri d' cho-chreutair; oir thubhairt e féin, 'A mhàin aidich do pheacana; agus os-barr, 'Esan a dh'aidicheas a pheacana, agus a threigeas iad, gheibh e tròcair."

"Cha'n urrainn, cha'n urrainn mise teachd an làthair Dhia—cha'n urrainn mi a choinneachadh—cha'n urrainn! O gu'n deanadh an uaigh a chodaicheas mo chorp ann an ùine ghoirid m'anam a chodachadh mar an ceudna! O gu'm bithinn gu tur air mo chur as an t-sealladh! 'Sann ris a so bha fughair agam re ùine fhada; ach dh'fhàilnich an dòchas so. Cha d'fhiosraich mi riamh roimh so an sgriobtur so, 'Nuair a bhàsaicheas an t-aingidh, theid a dhòchas a mughadh.' Chaidh mo dhòchas-sa a mughadh. Bha mi o chionn treis ag ath-bheachdachadh air na chaidh seachad do m' bheatha. An raoir fein, hha'n earran sin do'n sgriobtur a ghnà dol troimh m' spiorad mar shaighhead theinntich, 'Dean gàirdeachas, a dhuine òig, ann a t-òige, agus deanadh do chridhe subhach thu ann an lathaibh t-òige, agus siubhail ann an slighibh do chridhe agus ann an sealladh do shùl; ach air a shon so uile, biodh fios agad gu'n toir Dia chum breitheanas thu.' Gun ag, dh'imich mise ann an slighe mo chridhe, agus ann an sealladh mo shùl; agus a nis tha Dia ga m' thoirt gu breitheanas. Tha saighdean an uile-chumhachdaich an taobh a stigh dhìom; tha'm puinsean ag òl suas mo spiorad. Faodaidh sibh ar

fad ùrnuigh a dheanamh air mo shon; ach cha'n eil feum ann. Tha sibh uile làn chaoimhneil rium. Tha mi toirt buidheachas dhuibh uile; ach cha'n urrainn sibh mo thearnadh. Tha m'anam air a dhamnadh; tha seala neach a chuireadh air cùl orm, 'cheanna!"

Na briathran so mu dheireadh, labhair e le leithid do chudthrom 's do shaothair, 'sa chuir da rìreadh uamhas orm. Cha'n urrainn mi am feascl an sealladh a bha 'na ghnùis a dhi-chuimhneachadh, mar a shuidhich e 'shùilean dorch' agus luaimneach orm, agus a labhair e na briathran so ma dheireadh. A' saòilsinn a nis gu'n robh e diomhainn ni air bith a labhairt ris air an àm so, dh'fhàg sinn an seòmar, chum, nam bu chomasach e, gu'm faigheadh e tàmh.

Thaghail mi'n ath-latha chum fhaicinn. Bha e ann an staid laig. Cha mhòr nach do dheallaich a chainnt ris. Rug mi air làimh air, a's thubhairt mi ris gu'n d'thugadh e mòran toil-inntinn dhuinn fios fhaotainn an robh e fàgail an t-saoghail reidh ri Dia, agus ag earbsa á gràs an Fhir-Shaoraidh. 'Se an fhreagairt a thug e dha so, agus b'iad na briathran ma dheireadh a chuala mi e labhairt,—“Nan comhdaicheadh an uaigh m'anam maille ri m'chorp, chunntain i mar mo charaid is fearr; bhiodh e fada ni b'fhearr na'n staid anns am bheil mi, no nì air bith a tha còir agam air a bhi.” An deigh dhomh a thoirt suas ann an ùrnuigh ghoirid do thròcair Dhia, b'éiginn domh fhàgail. Mu'n cuairt do uair na dheigh so, chaochail e. An latha na dheigh so, bha mi làthair aig a thorradh. B'e sealladh bu mbulad- aiche da'n robh mi riamh air m'iarraidh. Cha robh caraid a làthair. Ann a so bha duine òg aig an robh, a reir coslais, buaidhean nàdurra 'bha finealta—a dh'fhaodadh a bhi 'na chomhfhurtachd d'a plàrantan, 'na mhaise do 'chomunn, agus 'na bheannachd do'n chiuneadh-daoine —a dh'fhaodadh beatha fheumail agus shòna 'leantuinn, a choisneadh dha fein cliù a chuireadh e am measg reultan nèimh, chum dealradh an sin gu sìorruith—air a ghearradh air falbh o bheatha, o shonas, agus o dhòchas, ma'n d'ràinig e ach gann sia-bliadhna-fichead a dh'aois.

A leughadair, mar do raognaich thusa fathast có 'n Dia da'n dean thu seirbheis, ghuidhinn ort aire shònraichte a thoirt do na leugh thu. Na smaointich gur sgeul e th'air a dhealbh gu h-innleachdach chum uamhas a dhùsgadh suas ann a d' inntinn, no chum deur a' mbulaid a mhealladh o d' shùil. A charaid, cha'n ann mar so a tha. 'Se th'ann fìrinn neo-mhearachdach, a tha, mo thruaighe! ri fhaicinn ro' bhith-eanta. Bha'n sealladh eagallach so air a chuartachadh le leithid do dh'uamhasan, 's nach urrainn teanga 'chuir an ceil. Ach mar dean an oidheirp lag so ach buintinn ri d' fhaireachdainean a mhàin, gun buaidh air bith fhaotainn air do choimhseas, tha mo shaothair ann an diomhain. A nis, ann an latha do shlàinte agus do neirt, tha mi guidhe ort gu dùrachdach sìth a dheanamh ri d' eas-caraid am feadh a tha e maille riut 'san t-slighe, ma'n toir am breitheamh thairis thu do'n mbaor, agus ma'n tilg am maor do'n phrìosan thu; oir as a sin cha'n fhaigh thu mach gus an òc thu'n fheorlaing dheireannach. Tha ullachadh airson sìorruidheachd feumail do gach creutair aig am bheil anam neo-bhàsmhor. Air an aobhar sin, dean spàirn chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhan am feadh 'sa tha e a'd

chomas, air èagal, le dàil neo-ghlic agus peacach a bhi 'ga chuir sa' chùis, gu'm faigh thu an dorus air a dhùnadh nad' aghaidh—"ma'n caidil thu cadal a' bhàis, 's ma'n teid thu sìos do'n uaigh le breug a'd' làimh dheis."

Bitheadh mi air an àm so fàgail beannachd agaibh, ann an dòchas gu'n gabh sibh mo' leisgeul airson na h-urad do'r ùine a thoirt suas;

Agus creidibh gur mi ar caraid dileas,

An là a chì 's nach fhaic,

G. M. C.

Glaschu, Mios-Meadhoin an Earraich, 1842.

DÀN SHOLAIMH.

Tha'n Sgrìobtar uile air a dheacadh le Spiorad Dhé, agus tha gach earrann dheth tarbhach chum teagasg. Do sluagh taigha Dhé anns gach linn do'n eaglais, bha Dàn Sholaimh luachmhor. Bha e 'nan fìosrachadh féin mar ghathan grianach soluis o nèamh, anbharrach drùiteach air an anmanna—cumhachdach ann an dùsgadh smuaintean àrd, diadhaidh, cràbhach—ann an tarruing a mach tograigh dùrachdach a' chridhe, agus 'gan àrdachadh dh'ionnsuidh Dhé—ann an meudachadh an sòlais ann an Dia, agus cnideachadh leo, air mhodh sònraichte, chum co-chomunn spioradail a chumail ris.

'S cosmhalachd, air neo samhladh spioradail, an Dàn so. Tha e air a shàr-thuigsinn leòsan aig a' bheil an gràdh socraichte air an Fhear nuadh-phòda. Tha iad a' faotainn cainnt 'san Dàn so freagarrach chum tograidhean dùrachdach a' chridhe 'chuir an géill, 's na smuaintean sin leis an bheil an anmanna laiste. Ged tha cuid do nithe dorch dìomhair 'san Dàn so, 's iomad aon aig an robh aobhar taingealachd do Dhia gu'n robh e na leabhar naomh. Fhuair cuid e 'nam fìosrachadh féin, milis, tarbhach, taitneach. B'èdar muinntir an Tighearn anns na linntean a chaidh seachad air an Dàn so. Bu luachmhor e leis na Mairtirich naomh, agus leis na Cùmhnantaich dhìleas. 'S minig, ann an leughadh an leabhar so, fhuair an annan brònach bochd faochadh agus sòlas; bheothaich e iad 'nam bròn 's 'nan deuchainn. 'S minig a las e an anmanna seargte sa' phrìosan. Thug e misneachd do na fògraich thruagh 'san uaidh, an measg garbhach nan creag is uamhanan a a' mhonaidh. Fhuair iadsan an Dàn so làn do bheachd air gràdh Chrìosd, agus air dìlseachd na h-eaglais dha—air a' cho-chomunn dhealasach a bh'atorra; 's bheothaich e iad chum gach deuchainn a chuir gu suarachas, agus bàs fhaotainn le sìth 's le buaidh!

Tharruing na daoine maith air a' bheil cunntas againn ann an eachdraidh Eaglais na h-Alba 'san àm a dh'fhalbh, mòran do'n cainnt as an Dàn so, mar a chìthear leòsan 'tha eòlach air an saothair, agus air na leabhraichean a dh'fhàg iad nan deigh. Is ciod a' chainnt bu fhreagaraich 's bu bhuadhair a b'urrainn doibh

a chleachdadh, chum an dìlseachd, an gràdh, an t-eud, leis an robh an annanna laiste, a chuir an géill?

Tha fathast, buidheachas do Dhia, mòran do luchd-muinntir an Tighearna, tha dòchas againn ri fhaotainn, do'm bheil an Dàn so air mhodh àraid taitneach, milis, luachmhor.

Ann an cleachdadh cainnt àrd an Dàin so, tha'n duine cràbhach diadhaidh air a thogail, mar gu'm b'ann, oscionn an t-saoghal so, air sgiathan a chreidimh agus a ghràidh, agus air fhàgail comasach an Tì do'n d'thug e gaol a mholadh mar bu mhiann leis.

Anns an Dàn naomh so, tha'n duine spioradail air a thoirt a stigh do ghàradh, na do lios àlluinn, làn do na blàithean is cubhraidh agus is bòidheche, anns an bheil craobhan làn do'n mheas is taitnich do'n t-sùil, agus is blaisde ri ithe. Tha'm meas sin dhàsan mar bha dearcana-fìona Escoil do na h-Israelich, 'ga bheothachadh chum iarraidh dol air aghaidh, agus sealbh a ghabhail anns an dùthaich nèamhaidh, air an robh fearann Chanàain 'na shamhladh.

Ann an Gàidhealtachd na h-Alba, tha fios againn gu bheil cuid do dhaoine diadhaidh spioradail gun mhòran foghlum—aig nach 'eil ach beag cothrom, air uairibh, air eòlas spioradail fhaotainn—'tha tarruing mòran do'n chainnt tha iad a cleachdadh ann an ùrnuigh, agus ann an co-chomunn ri Dia, mach á leabhar nan ceisdean, á laoidhean spioradail, agus gu h-àraid o Shailm Dhaibhidh, a dh'fhoghlum iad air an teanga, agus is urrainn dhoibh aithris. Tha mòran ùine aig ar luchd-dùthcha chum breithneachadh agus beachd-smuaineachadh—mach anns a' bheinn, a'm fasgath na creige, agus gu sònraichte 'san oidheche fhada geamhraidh.

Smuainich sinn gu'm faodadh an oidhirp tha sinn a' toirt air cuir Dàn Sholaimh mach ann an rannan, na'm bàrdachd, a bhi taitneach le cuid do'r luchd-dùthcha. Anns an oidhirp so, feuchar focal Dhé a leantuinn co dlùth 'sa tha e comasach a dheanamh—gun fhocal a chumail air ais na chuir ris, ach mar tha e m'ar coinneamh ann am focal Dhé. Ged nach 'eil a' bhàrdachd co maith 's bu mhiann leinn, tha dòchas againn gu'n gabhar ar leisgeul, 's gu'm bi an oidhirp 'tha air a thoirt 'na chulaidh-bhrosnachaidh do fheadhainn eile an t-saothair cheudna a ghabhail os-làimh, agus a dheanamh air dòigh is fìnealta.

Chuireamaid luchd-leughaidh an Dàin so 'nan earalas a bhi stòlda, suidhichte, ciallach. Cuimhnicheadh iad gu bheil e air a dheacadh le Spiorad Dhé. Thugadh iad fa'near gu bheil na h-uile nì glan do'n drèam a ta glàn; agus na di-chuimhnicheadh iad an inntinn fheolmhor gur bàs i, ach an inntinn spioradail gur beatha agus sìth i.

Cha'n urrainn sinn a ràdh aig an àm c'uin a gheibhear an leabhar so nìle ('se sin Dàn Sholaimh) a chuir a mach ann am bàrdachd. Tha'n oidhirp air a thoirt, a dh'fheuchainn ce'mar a chòrdas e ri'r càirdean. Ma chluinneas sinn gu bheil i taitneach le cuid a dh'ionnsuidh an do sgrìobh sinn m'a timchioll, 's dòcha gu'm faodar dol air ar n-aghaidh, ann an dòchas gu'm bi an oidhirp air

a bheannachadh do chuid, agus na chulaidh-shòlais agus comhfhurtachd dhoibhsan aig a' bheil an inntinn spioradail.

DAN SHOLAIMH.

CAIB. I.

'Se dân nan dân a chanainn féin,
'Se'n dân rinn Sola 'n rìgh ;
Pògadh e mi le pòg a bhéil,
Oir 's maith do ghràdh seach fìon.

Mar oladh-ungaidh mhaiseach ùr,
Tha t'ainm co cùbhraidh tlàth ;
Tha gràdh nan òighean, uime sin,
A cuimhneach ort gach tràth.

Dean mise a tharruing. 'S ruithidh sinn
Gu sunndach air do dheigh ;
Thredraich an Rìgh gu gràsmhor mi
D'a sheòmrachibh le deigh.

Anadsa ni sinn luathghair àrd,
Na d' ghràdh is fearr na fìon ;
Oir thug na fireana an gaol
Do'n Tì a ta 'gan dìon.

O nigheana Ierusalem !
Gur dubh ach sgiamhach mi ;
Mar bhuthaibh Chedair ciar nan treud,
'S mar cùrteanibh an Rìgh.

Na gabhaibh fiamh na umhail fòs,
Ged tha mi dorch' is dubh ;
'Si ghrian 'na teas a dh'amhaire orm,
'Sa dhoillerich ma chruth.

Bha mic mo mhàthar feargach rium ;
Fear coimhead lios riun dhiom ;
Aeh m' fhìon-lios féin, a dh'earba rium,
Nior choimhead mi gu dian.

Nach inns' thu dhòmhsa, fhir mo ghaoil !
Ce'n t-àite 'bheil do threud
Ag ionaltradh air eluainibh glas,
Gun uircasuibh, gun bheud ?

C'àite am bheil iad luidhe sìos
Ri teas a' mheadhon-là ?
C'arson, mar so, air faondradh mi
Co fhad o threud do ghràidh ?

O thusa 's àillidh 'mcasg nam ban !
Imich air luirg nan treud ;
'San taic ri buthaibh m' aodhair-sa,
Beathaich do mheannain féin.

Ri eachaibh Pharaoh samhlaichead,
Thusa, a bhean mo ghràidh;
Na steud-eich chuimhir àrd tha ruith
'Na charbadaibh gach là.

Do ghruidhean tha le sreathaibh sheud,
'S do mhuineal àillidh fòs
Le ballachaibh do dh'airgiod glan,
'S le slabhraidhibh do dh'òr.

Am feadh tha'n Rìgh 'na shuidhe sìos
Aig fheadh le 'chàirdibh gràidh,
Tha fàil' mo luithean cùbhraidh ùr
A sgaoileadh mach gu tlàth.

Mar cheanglachan nìrr paisgte suas,
Tha m' aon ghràdh dhòmhs' a ghnàth;
Gu dlùth ri m' bhròilleach luidhe e
Fad re na h-oidhche gu là.

Mar bhagaid de'n chraoibh champhir thu,
'Nì anns an fhìon-lios fàs;
Do shùilean ciùin mar chalman caomh;
'S àillidh mo chèile gràidh!

Fench, 's àillidh thusa, fhir mo ghràidh!
'S taitneach air n-uirigh uain;
'Sailean ar tigh', 'se sheudair àrd—
'Mhulach do'n ghiuthais bhuan.

T.A.M.—Innsir uair-eiginn co dh'nidheamaich an dàn so mar
a ta e air a chuir a mach.

DROCHAID AN DEIRCICH RUAIDH.

SGEUL EIRIONNACH.

Cha'a eil drochaid, na beul àth, na eas, na uamh an Eirinn, nach
'eil a sgeul féin ri innseadh nu deibhinn; agus tha cuid diubh fìor
iongantach. Thachair dhomh a bhi, o chionn beagan bhliadhnachan,
an taobh na h-àird-an-iar do dh-Eirinn, ann an tìr nan tobraichean-
aoraidh (no, mar their iad féin, *Tipperary*), is chuala mi sgeul air
drochaid air an deach mi seachad is àiridh air eisdeachd. Feuch-
aidh mi an sgeul innseadh mar thug an seann duine o'n cuala mi
seachad e.

O chionn fhad' (ars' esan), an linn m'athar, cha robh drochaid
air bith air an abhainn sin, ach clacharan, air am b'abhaist do
dhaoine gabhail thairis 'nuair nach robh tuil 'san abhainn. Bha
na clachan mòr mu thrì troidhean o cheile, 's bha e cunnartach
oidhirp a thoirt air dol thairis 'nuair bha'n tuil osceann a h-aon
diubh. Chuireadh cleibh mhòr, làn do chlachan, na dheigh sin 'san
àth, agus bùird thairis orra, air am faodadh dithis dhaoine gabhail
thairis taobh a cheile. B'e so an seorsa drochaid a bha dlùth air

ceann-bhaile mòr na h-Eirinn, agus 'san uaithe so thugadh mar ainm dha *Baile-àth-chliabh*.

Dlùth do'n àth air a bheil sinn a nis labhairt, bha bothan beag seasgair, anns an robh teaghlach còir, càirdeil, fiadhlaidh a' fantuinn, anns an d'fhuair luchd-turnis nach b'urrainn dol thairis air an abhuinn gu tric cuid na h-oidhche. 'Se b'ainm dhàsan a bha fuireach sa' bhothan Nial Bàn O'Shea, agus Cathleen a b'ainm da mhnaoidh. 'S iomadach oidhche a dhùisgeadh iad as an cadal le glaoth nam feadhnaich bha 'g iarraidh thairis, a chaill ain misneach le eagal, agus a shuidh air a' chlacharan, a glaothaich airson cuid-eachadh.

Air oidhche àraidh, mu laithean na Nollaig, 'nuair bha tuil mhòr 'san abhuinn, chuala Cathleen, ar leatha, sgriach is glaoth. Dhùisg i Nial Bàn.

Amhaire a mach (ars' ise), a Nèil. Chuala mi glaoth mar o neach 'na éiginn.

Cha robh eadar dà mhaoil na h-Eirinn ceatharnach bu tréine 's bu neartmhor na Nial; agus 'san àm cheudna, cha robh cridhe an com bu bhlàithe na cridhe Nèil. Ghrad dh'eirich e. Thilg e a chasag ghlas mu thimchioll. Ghlac e lorg fhada làidir b'abhaist da 'ghinlan air leithid sin do dh'àmanan, agus thug e an clacharan air. Bha'n oidhche anbharrach doilleir dorch. Rainig e taobh na h-aibhne. Cha robh nì no neach ri fhaicinn. Rinn e fead—thug e iollach; ach cha robh nì ri eisdeachd ach fuaim nan misgeachan. Ghabh e null gu faicilleach; 's 'nuair bha e dlùth do'n taobh eile, chual e, ar leis, seòrsa do ghlaodh lag anfhann. Ghabh e air aghart. Chaidh e thairis; agus air taobh eile na h-aibhne fhuair e seann duine na shuidhe, ri cruban fo chreig mhòr agus air meileachadh leis an fhuachd.

Cò so? (arsa Nial.)

Mata, fhir mo chridhe (ars' am fear eile), tha mise.

Cò thusa?

Mata, chuisle mo chridhe (fhreagair e), 's coma có mi; ach 'se am Freasdal a chuir thusa 'san rathad chum mo theasairginn as a' chor bho chd anns a' bheil mi.

So, so (arsa Nial), eirich air do chasan, is tiugainn thairis. Dhomh do làmh.

Gu fòill, gu fòill (ars' esan); nì bheil agam ach an aon chas. Thuit mi an so, is bhrisd mi mo chas mhaide, 's cha'n urrainn mi ceum a dheanamh.

Thog Nial e, is thilg e air a dhruim e mar dheanadh e naoidhean na cìche, is ghabh e thairis leis. Rainig e an tigh, aig nach robh a dhorns riamh druidte an aghaidh an deircich. Leig e an eallach taobh an teine, air snidheachan comhlaich.

So agad, a Cathleen, 'fhendail, duine bochd, is gabh ris mar is abhaist dhuit ri 'sheòrsa, (deir e.)

'Se bheatha, 'se bheatha, (arsa Cathleen.)

Bheachdaich Nial air le mòr aire. Bu duine daicheil àrd e, gu maith aosmhor. Cha robh air ach droch aodach—air aon choise,

's gun chaisbheart air a' choise sin féin. Bha e sgìth lag, air a chlaoidh leis an oidhirp a thug e gu coiseachd an deigh dha a chas mhaid' a bhrisdeadh. Bha seann lùireach mar shumaig thairis air—seann ad mhòr leathan thairis air curachd-oidheche ruadh, a bha sìos thar a chluasan.

Fhad 'sa bha bean Nèil a deasachadh ni-eiginn airson an deircich, dh'innis e gu'n d'rugadh e an ceann mu thuath na h-Eirinn—gun do chaill e a chas air bòrd luinge—gun do chuireadh air tìr e gun sgillinn ruadh aige, 's gun charaid air aghaidh an t-saoghail—gu'n robh e a' gabhail an rathaid, ag iarraidh na deirc—'s mar biodh fear-an-tighe air dol 'na chombdail, agus aoidheachd chriosdail a thoirt dha, gu'n robh e air bàsachadh leis an fhuachd agus le dìth.

Rinn Cathleen leaba dha, far na luidhe e gu maduinn. Bha e air a chois gu moch, a' càramh na coise maide—nì rinn e gu h-ealamh, mar neach a bha eòlach air tuaigh agus sgian a laimhseachadh.

Tha uait (arsa Nial) fuireach far 'a' bheil thu fad latha no dhà; 'se làn do bheatha. Leig do sgìos dhiot; agus o'n tha thu a'd' dheircich, chomhairleachain dhuit suidhe aig a' bheul àth, agus a bhi gabhail mar a bheirear dhuit le luchd-turuis na dùthcha. Tha mòran sluaigh a null 'sa nall air a' chlacharan, agus cha'n eil deirceach eile air an àm dlùth do'n àite.

Mata, 'chuisle mo chridhe, ni am Bocadh-ruadh mar tha thu ag iarraidh. ('Se bocadh an t-ainm a th'aca an Eirinn airson diol-deirc.)

Thugadh am Bocadh-ruadh air do bhrìgh nach fhacar riamh e gun a churachd ruadh air a cheann,—a latha 'sa dh'oidheche,—'na leaba 's air a choise. Chiteadh am Bocadh-ruadh an sin 'na shuidhe air cloich o latha gu latha, le 'churachd ruadh air a cheann, ag iarraidh o gach neach a bha gabhail an rathaid—le lùireach ghilas air a dhruim, is lorg mhòr 'na làimh, a' faire gach aon a thigeadh 'na fhollais; agus is gann a chaidh duine fiachail seachad gun ni-eiginn a thilgeadh 'na aid. Chaidh bliadhna seachad, agus bliadhna, ach an so chiteadh am Bocadh-ruadh; agus bha 'leaba aige gu seisgear ann an tigh Nèil. 'S nì'n deach fear na bean, òg no aos-mhor, seachad nach cual' achuing a' Bhocaidh-ruaidh—"Tròcair, tròcair; air sgàth Mhuire 's na naoimh uile, cuimhnich an duine bochd; air sgàth t-ainm, tabhair deirc do'n duine bochd!

Nam faiceadh e caileag òg, bha facal briodalach aig air a son—"Àileag na h-Eirinn uile (ars' esan), beannachd is buaidh leat, a's cuimhnich am Bocadh truagh! Ach 'san air do ghruaidh féin, a chuisle, 'tha dearsa na greine!—'sann agad féin, a reul ruitich, tha'n àilneachd; ach cuimhnich an duine bochd! Nam biodh agam bonn airgid airson gach leannan 'tha gad' iarraidh, 's mise a bhiodh sona!

Mar so, cha robh neach a gabhail an rathaid air nach do chur e eòlas, 's airson nach robh aig facal thaobh-eiginn a bhiodh freagarach.

Ach ged a bha fios aig gach aon gu'n robh am Bocadh-ruadh a'

faotainn mòran o Inehd gabhail an rathaid, cha d'aidich e do dhuine beò gu'n robh sgillinn aige, 's clia mhò bhia fios c'àite an robh e a' fallach a chuid airgid.

Air Peadar, 's air Pòll, is air Muire féin (ars' esan), cha'n eil sgillinn rnadh agam. Eadar ceannachadh an tombac, 's na tha mi ag ithe, cha'n eil agam na cheannaicheas bròg na cuaran do'n aon chois. Cha'n eil agam cùl mo làimh na cheannaicheas coinneal a dh'fhaire mo chuirp, a dheanamh leinne-bhàis, no idir na clàraibh a ghiùlanas mo chorp do'n ùir.

Bha'n duine truagh co mìodhair spìocach 's nach dùrachdeach e biadh na teachd-an-tìr fallain a cheannachadh air a shìon féin; 's mar bhi coimhneas Chathleen, bhàsaich e. Cha robh do dh'aodach air na dheanadh buachaile-bréig air achadh eòrna, chum na h-eòin a chumail air falbh. 'S minig a dh'fheuch Nial fhaotainn a mach ciod a bha e deanamh le 'chuid airgid, ach cha robh e 'na chomas.

Bha Nial còir aosmhor. Luidhe e; chinn e gu ro bhochd; agus an deigh mòran tinneas is laigse, bhàsaich e. Latha an toraidh, lean am Bocadh-ruadh an giùlan do'n chladh, is ghuil e mar naoidhean a bhiodh air a sgiùrsadh. Shìn se e féin air an uaigh, a' gul 'sa caoidh, le ullalaich bhrònach is bas-bhualadh; agus b'ann air eiginn a thug iad dhachaidh e.

Ni bheil a nis caraid aig a' Bhocadh-ruadh (ars' esan) air aghaidh an t-saoghail!

Ach ged a chaochail Nial, cha do chaochail Cathleen chaomh; is gheall ise, fhad 'sa bhiodh mullach os a ceann, nach leigeadh i le mac no nighean an Deircich-ruadh a chuir a mach as a' bhothan.

Thug mo Nial féin an so e (deir i), agus 'se am bàs a chuireas a mach e.

Bha nis deich bliadhna fichead o'n thug Nial a stigh e. Bha clann Nèil air pòsadh, agus air sgaoileadh air feadh na dùthcha, ach am mac a b'òige, *Jerrie* donn—ceatharnach co trenn, is òganach co chaomh, choimhneil, thruacanta, 'sa bha an Eirinn ghlas uile. Bhòid *Jerrie* donn nach tigeadh an latha na'n t-àm anns an cuireadh e mach am Bocadh-ruadh.

Latha de na laithean, bha'n deirceach ni b'fhaide gun eiridh na b'abhaist da.

Ciod so th'ort? (arsa *Jerrie*); 'bheil an seann duine gu sunndach an diugh, 'nnair tha e co fada 'na leaba?

Och, 'fheudail! (ars' an seann duine)—a chuisle mo chridhe, mhic athar mo ghraidh, tha mise seachad. Cha'n eirich mi tuille as an leaba so, gus an togar mi chum mo chàranh anns a' chiste-mairbh!

Ciod air a bheil thu a' gearan? (arsa *Jerrie*.)

Mata, mhic an athar 'sa mhatar a thug fagadh dhomh iomad latha is bliadhna, tha mi mar nach robh mi riamh—tha ni-eiginn ag innseadh dhomh gu bheil mo bheatha traoghadh air falbh—gu bheil slighe an dorchadais a' tighinn, agus àm a' bhàis. Tha mo

spiorad a' sìoladh air falbh—tha mo chàil 's mo neart gam' threig-sinn. (Cha'n fhae' am Bocadh-ruadh an là maireach.)

An cuir mi fios air sagart? (arsa *Jerrie*, 's e fàsgadh a lamhan le bròn, agus a' sìlleadh na deuran goirt.)

Sagart! (ars' an seann duine)—sagart! Cha chuir thu air tòir sagart dhomhsa; cha'n eil déigh agam air a leithid, na iarrtas air a shon. 'S fhad o na ghabh mise suim de na nithe sin, 's tha fios agam gu bheil e nis tuille is anmoch.

Na labhair mar sin, (arsa *Jerrie*.) Anmoch! cha'n eil e anmoch! Có is urrainn a ràdh gu bheil e anmoch tròcair Dhé iarraidh? An cual thu riamh mar a labhradh thaobh an fhir a ghuidh tròcair mar bha e tuiteam as an diollaid?—

Eadar an diollaid 's an làr,
Ghuidh e tròcar, is fhuair gu sàr.

Chradh am Bocadh-ruadh a cheann.

Na abair diog, (ars' esan.) Cha tig sagart an so. Leig dhomh bàsachadh mar a tha mi.

Mar leig thu leam dol air tòir sagart, mata (deir *Jerrie*), leig dhomh dol air tòir lighiche, 's thoir dhomh na phàigheas a shaothair.

Las aodan an t-seann duine le corruich; chas e' fhiacalan; thainig boil air, mar gu'm biodh e as a bheachd.

Lighiche!—airgiod!—airgiod agamsa!—cha'n eil bonn!

Tha (deir *Jerrie*), 's gu leòr dheth. Na fàg an t-saoghal 'sa bhreng ann ad bheil, is ceilg ann ad chridhe!

Thòisich an deircich air mionnachadh nach robh sgillinn aig air aghaidh an t-saoghail mhòir.

Cha'n eil (deir e) uiread 'sa cheannaicheas anart-bàis do m' chorp truagh.

Bha oilt air *Jerrie*. Chritheanaich e le eagal is uamhas.

Tha thu dlùth do'n bhàs, (arsa *Jerrie*.) Nì sam bith tha agad ri ràdh na ri innseadh, labhair fhad 'sa tha comas agad.

Cha'n eil nì air bith ach so, (deir an seann duine.) Eisd rium agus tabhair aire. Dhomh do làmh. Geall dhomh gu'n cuir thu mi sa' chiste mar a tha mi—nach toir thu dhiom an currachd ruadh, ach ceart mar tha e nis orm, mar sin gu'n cuirear 'san uaigh mi.

Nithear gu cinnteach sin, (arsa *Jerrie*.) So mo làmh 's mo ghealladh.

Tiota beag na dheigh so, chaochail an seann Bhocadh-ruadh. Nighear e, is shìnear e air na deilibh, 's chaidh caithris na mairbh a dheanamh air le anbharra cùram, do reir cleachdadh na h-Eirinn. Tri làithean na dheigh sin, chuireadh fo'n fhòid e. Chruinnich sluagh an àite gu leir 'ga leantuinn, 'sa chuir onair air, 'sa chàramh anns a' chill, is fòid fhad' uaine a chuir thairis air.

Thogadh iomada sgenl mu thimchioll bàis a' Bhocaidh-ruaidh—gu'n d'fhàg e mòran airgiod, ged nach robh fios c'àite an robh e air a chleith. Bha *Jerrie* làn chinuteach gu'n robh an t-airgiod an àit-eiginn, nam b'urrainn dhoibh an t-àite sin fhaotainn a mach;

agus bi 'bharail gu'n do chleith am Bocadh-ruadh na bh'aige dlùth do'n bheul àth, fo chloich, no ann an toll a thaobh-eiginn; is chuir e roimhe rannsachadh mion a dheanamh. An oidhche an deigh dhoibh am Bocadh-ruadh a chuir fo'n fhòid, 's gann gum b'urraimn *Jerrie* bochd cadal fhaotainn. Cha robh uair a thuit e an seòrsa do chlo-shuain, nach do chlisg e, 's nach do leum e 'na leaba, brùadaradh—nì chur eagal mòr air.

Ciod so th'ort, a mhic? (ars' an t-seann bhean, a bha cadal san aon seòmar)—ciod so th'air t-aire? Tha thu leum, 'sa glaothaich, 'sa clisgeadh a'd' chadal. Ciod tha cuir buaireas ort?

Cha'n eil fios agam, a mhathair, (ars' esan.) Tha mi brùadar mu'n Bhocadh-ruadh. Cha mhòr mach 'eil mi as mo bheachd. Tha e, ar leam, air a' cheart mhionaid so mu choinneamh mo shùilean!

A Mhuire mhor! (ars' an t-seann bhean) cha'n iongantach sin, 's gu'n d'fhuair e bàs gun sagart, an duine truagh!—gun do bhàsaich e le breig 'na bheul, is ceilg 'na chridhe. Ach innis dhomh, a mhic, ce'mar a chuanaic thu e.

Tharruing *Jerrie* osann fhad o ghrunn d a chridhe.

Tha mi 'ga fhaicinn (deir e) dìreach mar a b'abhaist dha bhi, le 'churrachd-oidhche ruadh; ach gu bheil e do ghnàth a' cuir a chorraig air a' churrachd, mar gu'n biodh e ag iarraidh a thoirt dheth—mar gu'n biodh ni-eiginn 'ga thachdadh!

Tha mi faicinn, 's 'ga thuigsinn, (deir ise.) 'Bheil fios agads', a mhic, an d'fhuasgladh an t-sreang 'bha ceangal a churraichd fo 'smig, mu'n do chuireadh sa' chiste e?

Cha'n eil fhios agam, (deir esan.) Ciod e dhe sin? Nach coma co dhiubh?

An coma? (deir ise.) A mhic, nach 'eil fhios agad nach bi duine marbh samhach 'san uaigh gu bràth fhad 'sa tha snaim no ceangal air nì air bith tha nime?

Cha chuala mi sin riamh, (arsa *Jerrie*, le osann throm.)

Mata, fhir mo ghràidh (deir ise), falbh am màireach le d' shluasaid. Faigh fear-eiginn leat; fosgail an uaigh; fuasgail an currachd; 's mar so gheibh am Bocadh-ruadh sìth fo'n fhòid.

Moch sa' mhaduinn, agus fada roimh eiridh na greine, bha *Jerrie* 's fear eile aig an uaigh. Dh'fhosgladh a' chiste. Fhuaradh an currachd ruadh, air a cheangal gu cruaidh fo 'sinig le snaim làidir. Mar bha *Jerrie* 'ga fhuasgladh, mhothaich e bonn òir fo'n churrachd, is bonn eile r'a thaobh, an impis tuiteam a mach. Cha do leig e 'bheag air, 's cha do mhothaich am fear eile an t-òr. Ghrad dhùin iad a' chiste; thilg iad an ùir air a h-ais; sgaoil iad an fhòid; is dh'fhalbh iad dhachaidh. 'Nuair a phill *Jerrie*, dh'innis e da mhàthair mar a bha.

An seanu slaigh tear (ars' esan), tha mi tuigsinn a nis e'arson a dh'iarr e orm gun an currachd ruadh a charrachadh, ach a thiolacadh dìreach mar a bha e. Ach far an robh an dà bhonn òir, bha bharrachd. Bithidh mise aig an uaigh leam féin an nochd, is bheir mi an currachd ruadh dhachaidh, olc air mhaith.

Ach, a mhic, 'fheudail, nach 'eil eagal ort? (ars' an t-seann bhean.)

Eagal! (deir esan) ciod a chuireadh eagal orm? Tha mi làn chinnteach á dà bhonn òir air a' chuid is lugha.

Mu mheadhon-oidhche thog e air, le 'shluasaid air a ghualainn, do'n chladh, is pìob tombaca 'na bheul, gun duine leis, gun sgàth gun eagal. Rainig e a' chill. Bha'n oidhche àillidh sàmhach—a' ghealach 'na glòir a snàmh shuas anns na speuran—gun fhuaim ri eisdeachd—an saoghal na shuain. Cha robh e fad' ag amharc mu thimchioll. Dh'fhosgail e an uaigh agus a' chiste. Thog e an currachd ruadh, 's bha sòlas air, a mothachadh co trom 'sa bha e ri ghiulan. Dhùin e an uaigh; is b'eagalach an fhuaim a rinn a' chreadh, 's na clachan, 's na cnàmhan tioram, air clàraibh na ciste, mar bha iad a' tuiteam sìos. Ghrad dh'fhalbh e dhachaidh co luath 'sa b'urrainn dha. Dh'fhosgail e an dorus, 's fhuair e an t-seann bhean air a glùnaibh, far an robh i o'n àm an d'fhag e an tigh. Chuir e an crann air an dorus. Shrac e as a chéile an currachd ruadh, 's fhuair e trì cheud bonn òir air am fuaigheal gu teann sa' charaid phrìseil! Bha *Jerrie* mar neach as a bheachd, le sòlas.

Och, a mhic! (ars' an t-seann bhean) gheibh thu bean, a ghràidh, bean uasal a nis, agus baile fearainn; is bithidh mise moiteil a'm sheann aois mo mhaic fhaicinn a marcachd air steud each, le diollaid, spuir, agus bòtuinnean, mar dhùin'-uasal.

Chaidh iad a luidhe, 's ma dheireadh thuit *Jerrie* 'na shuain. Cha robh e fada 'na chadal, 'nuair a lenn e snas a' glaothaich le guth eagalach, "Am Bocadh-ruadh! am Bocadh-ruadh!"

Och! (ars' a mhàthair) tha e tighinn air tòir a churraichd ruaidh 'san òir!

Cha'n ann idir (deir a mac); ach bha mi brùadar mu dheibhinn, agus ar lean gu'n robh mi dol thairis air a' chlacharan dubh, 's gum faca mi am Bocadh-ruadh a' coiseachd air an uisge, a tighinn am chomhdhail—gu'n do sheas e dlùth do chloich mhòr tha sa' chlacharan, 's gu'n do thòisich e air a làimh chur foidhpa, mar gu'n biodh e ag iarraidh ni-eiginn 'bha air a chleith fo'n chloich. Ar leam, gu'n d'thainig mi dlùth dha, 's gu'n d'fheoraich mi dheth ciod bha e 'g iarraidh fo'n chloich. Thog e, ar leam, a cheann, le coslas uamhasach—le craos fosguilte o thaobh gu taobh de 'cheann. "Tha mi 'g iarraidh mo churraichd ruaidh (deir esan) 's mo chuid òir.

'Ne sin do bhrùadar, 'fhendail? (ars' an t-seann bhean.) Tha'm brùadar sin furasd a mhònachadh. Cha d'fhosgail am Freasdal riamh aon dorus, nach d'fhosgail e dhà. Eirich, is rannsaich gu math, agus gu ro mhath, fo'n chloich.

Mata, a mhàthair, cha dean e cron domh a' chomhairle a lean-tuinn, (deir *Jerrie*.)

Fada mu'n d'eirich a' ghrian, bha *Jerrie* air a' chlacharan dubh. Rannsaich e gu geur 's gu mìon. Chladhaich is tholl e fo'n chloich, gus ma dheireadh an d'fhuair e sporan làidir leathraich air a chleith

gu domhain, 's air fhalach fo'n chloich; agus bha'n sporan tròm. Ghiùlain e dhachaidh an ulaidh phrìseil; agus an deigh a fosgladh, fhuair e mu thimchioll ceud punnd Sasunnach innte, eadar òir agus airgiod!

B'e sin latha an àigh do thigh Nèil (ars' esan), an latha 'thainig am Bocadh-ruadh a stigh!

Och, 'fheudail! (ars' a mhàthair) cha latha idir a bh'ann, ach oidhche stoirmeil dhorchà.

'S coma co dhiubh, (deir *Jerrie*.) Latha na oidhche, tha mise an diugh a'm dhuine soibhre air a shàil. Sìth a nis d'a spiorad buairte!

Cha d'rinn *Jerrie* a bheag fad an latha ach cunntadh a stòrais, agus smuaineachadh ce'mar a chuireadh e mach a chuid airgiod. Thainig an oidhche, 's chaidh esan 'san t-seann bhean a luidhe. Cha robh *Jerrie* fad 'na leaba, 'nuair thug e sgreuch àrd eagalach.

O Mhuire na tròcair! (ars' esan) so am Bocadh-ruadh a rithisd. Tha mi cluinntinn tailinrich na coise maide air an ùrlar. Dh'aithn-ichain a cheum am measg mìltean—stumb, stumb, stumb!

Ciod so nis, a mhic? (ars' an t-seann bhean.) 'Bheil ulaidh eile aig a' Bhocadh?

A mhàthair (deir e), eisd ceum na coise maide!

Feòraich dheth, a ghaoil, ciod a th'air aire, (ars' ise.)

O! b'fhearr leam nach fhaca mi riamh e (deir esan), e féin na 'churrachd ruadh, na 'sporan leathraich! B'fhearr leam gu'n robh iad ceud mìle sa' chuan, taobh cùl na h-Eirinn. Ma chaomhnar mi gu maduinn, fàgaidh mi an currachd ruadh 'san sporan dìreach sa' cheart àite 'san d'fhuair mi iad.

B'e sin an amaideachd, (ars' an t-seann bhean.) Cha dean thu sin, a mhic.

Amaideachd ann no as (deir *Jerrie*), cha ghabhainn an saoghal 'san t-seann slaighdear bhì air ais 's air aghart air feadh an tigh—stumb, stumb, stumb! a' bualadh co riaghailteach ri aon uair-eadair 'san tìr. Nach eisd sibh fuaim na coise maide!

Eisd, a mhic (ars' a mhàthair), is innsidh mi dhuit ciod bu chòir dhuit a dheanamh. Falbh am màireach a dh'ionnsuidh an t-sagart, a's feòraich dheth-san ciod bu chòir dhuit a dheanamh leis an ulaidh, agus gabh comhairle an duine beannaichte. Cuiridh esan gu feum e airson anam a' Bhocadh-ruadh.

Ni mi sin, (deir *Jerrie*.) Caidlemaid. Nì-maith bhì maille ruinn.

Ach cha b'urrainn da a shùil a dhùnadh. Ar leis gu'n robh am Bocadh-ruadh air ais agus air aghart feadh an tighe, sìos agus suas—stumb, stumb, stumb, aig a' choise mhaide air an ùrlar. Dh'eir-ich e gu moch. Thug e an currachd ruadh 'san sporan leathraich, 'sa h-uile sgillinn a bh'anuta, leis; agus thug e an sagart air. Cha robh an t-sagart air a choise 'nuair rainig e, ach fhuair e cead dol a stigh do'n t-seòmar anns an robh e cadal.

'S moch a dh'eirich *Jerrie*, (ars' an sagart.) Ciod th'air t-aire?
Ciod an deifir a th'ort?

Dh'innis *Jerrie* mar a bha.

So (ars' esan) an currachd ruadh, 'san sporan leathraich, 's gach bonn òir agus airgiod a dh'fhàg e—fàgaidh mi 'n so e air a' bhòrd. Nì-maith eadar mi 'san t-slaighdear a bhàsaich le breig 'na bheul, 's ceilg 'na chridhe.

Cha bhi cuid no pàirt dheth agam, (ars' an sagart.) Cha bhean mi dha. Thoir air ais e.

'Ne mise? (deir *Jerrie*.) Cha toir mi bonn dheth gu bràth stigh air dorus mo thighe. Nach fheudar a chuir gu feum leis an eaglais, airson maith anam an duine thruaigh a dh'fhàg e?

Cha bhi cuid no pàirt agam dheth, (ars' an sagart.)

'S coma co dhiubh (fhreagair *Jerrie*), cha chuir mi làn lùth tuilidh air; cha chuir gu dìlinn. Cha ghabhainn heartas na h-Eirinn is fuaim na coise mhaide a chluinntinn o oidhche gu oidhche air feadh mo bhothain.

Mar toir thu leat dhachaidh e (deir an sagart), giùlan e do thigh t'nachdaran, sa' chaisteal gheal. Tha fios agad gur esan àrd shiorram na dùthcha, 's cniridh esan gu feum e gu grad.

Fabh! (arsa *Jerrie*) ghlan mise mo lamhan dheth. Sud e air a' bhòrd. Slàn leibh. Nì-maith a bhi maille ribh; agus slàn shìorruidh leats', a churraichd ruaidh 'sa sporain!

Leis a so, ghrad dh'fhàg e an seòmar, agus ruith e sìos an staidhir.

Thig air t'ais! (ghlaodh an sagart, a's e ann an àrd fheirg)—pill!

Ach bha *Jerrie* fad á eisdeachd. Dh'eirich an sagart, 's chaidh e do'n chaisteal gheal, a ghille a giùlan a' churraichd ruaidh 'san sporan leathraich, 's dh'innis e mar bha 'chùis. Chruinnich naislean 's luchd-ceartais an àite, agus thngadh a' chùis ma'n coinneamh. 'Si 'bhinn gus an d'thainig iad, drochaid chloiche a thogail air a' bheul àth. Mu'n deach bliadhna eile seachad, bha'n drochaid suas; agus gus an latha an diugh, 'se is ainm dhi, Drochaid a' Bhocaidh-ruaidh; agus aig ceann na drochaid, tha ri fhaicinn gus an latha an diugh a' chlach air an b'abhaist do'n deirceach suidhe.

Cha do chuir spiorad an deircich rian lùth tuilidh dragh air *Jerrie*, 's cha chnalas tuille fuaim na coise mhaide. Ach 's iomad aon, o'n àm sin, de dhaoine aineolach, a thubhairt gu'm fac iad taibhse an t-seaun duine a' falbh na h-aibhne le 'luirg fhada, 's le 'churrachd ruadh, a' tolladh 'sa rannsachadh fo bhun gach cloiche airson a sporan leathraich.

CAROLAN EIRIONNACH.

IMRICH-CUAIN.

Litir chudthromach bho A. MacIlleathain, ministear ann an America mu Thuath, gu Tormaid MacLeòid, D.D., ministear Eaglais Challum-Chille an Glaschu:—

St. Andrew's, New Brunswick,
27th January, 1842.

A dhiadhair urramaich agus ionmhuinn,

'Si 'phuinc a th'agam 'san amharc ann a bhi sgrìobhadh thugaibh air an am so, a' phuinc chudthromach, *Imrich-Cuain!* Tha fios agam gur caraid dileas do na Gàidheal sibh, agus, uime sin, gu'm bi e taitneach leibh nì air bith a chluinntinn 'chum an leas, agus leas an sliochd.

Bha cunntas cho bochd a' tighinn leis gach pacaid air cor na h-Alba, 's gu'n do chuir cuid againn romhainn oidheirp a thoirt air ni-eiginn a dheanamh airson ar luchd-dùthcha. Tha dearbh-chinnt againn, ged nach 'eil mòran a' tighinn thar a' chuan do'n àite so, nach 'eil àite eile ann an America cho math ris.

'Se rinn sinn, ghairm sinn coinneamh de luchd-àiteachaidh na siorramachd so (*Charlotte*); agus 'se thainig as a' choinneamh, gu'n deach comunn a dhealbhadh, air a' bheil mar ainm, "*Comunn Gàidhealach Siorramachd Charlotte, gu cuideachadh le muinntir tighinn thar chuan á Albainn, le fiosrachadh a thoirt doibh mu'm fàg iad an dùthach fèin c'àite am fearr dhoibh dol, agus seòladh agus cuideachadh a thoirt doibh 'nuair thig.*" Sgrìobh sinn a thiotadh gu Sir Uilleam M. G. Colebrooke, maor agus àrd-uachdaran a' chrùin, o na tha na h-uiread do fhearann math air gach làimh do rathad *Woodstock*, gu mathair-uisge na h-aibhne *Canous*, a' dol fàs, gu'm bu chòir do'n Phàrlamaid sùrd a chuir air a thomhas, agus a roinn 'na chroitean, chum a bhi deas airson muinntir a thig á Albainn.

Cuiream thugaibh am freagradh a fhuair sinn, focal air fhocal:—

"Fredericton, 11th Jan., 1842.

"A dhiadhair urramaich agus ionmhuinn,—Cha luaithe fhuair mi do litir na chaidh mi gu *Lieutenant Governor Colebrooke* leathia. 'S maith leam innse dhuibh gu'n do chòrd e ris ro mhath a chluinntinn na tha mhiann oirbh a dheanamh airson leas 'ur luchd-dùthcha ann an Albainn, agus nach 'eil nì air bith aige an aghaidh an deagh fhearann a chomharraich sibh a mach a thoirt doibh. Bheir e fainear a thomhas gun dàil; ach cha'n urrainnear a bheag tuilleadh a dheanamh gus am bi iarrtas air le muinntir air a' bheil a' mbian tighinn thairis, a gheibh e airson leth-chrun an t-acair, ma's e 's gu'm pàigh iad riadhan airgid-cheannaich an toiseach gach bliadhna. Gabhar am bann-urrais fèin airson so; agus ma phàigheas iad an riadh, cha'n iarrar an calpa! Cha ruig daoine leas, uime sin, dàil latha 'dheanamh, ma tha 'mhiann orra tighinn a nall; oir tha'm fearann deas, agus theid a chumail air an son. 'Nuair thig iad a nall, cha'n eil ac' ach an cinn a chuir cuid-eachd, agus cuir a stigh airson leth-cheud acair do dh'fhearann-beòil, an cois an rathaid. Theid leth-cheud acair do dh'fhearann-cùil a

chumail air an son gus am bi iad comasach air a cheannach. Bithidh taitneas orm cluinntinn uaibh o àm gu àm, a reir 's mar chluinneas sibh á Albainn; agus a' guidhe sonas leis a' chomunn,

“'S mi, &c.,

“EDMUND WARD,

“*Emigrant Agent.*

An t-Urramach Alasdair MacIlleathain,
Ceann-suidhe Chomuinn Ghàidhealaich *St. Andrews.*”

Ann an litir eile a chuir an duin'-uasal ceudna thugainn, tha e 'g ràdh mar so:—“Tha dòchas agam gu'n dearbh an litir a tha 'na cois so gu'n dean a' Phàrlamaid gach nì a laidheas 'nan comas airson muinntir air a' bheil a' mhiann tighinn thar chuain á Albainn. Cha'n ann a'm' ainm féin idir tha mi sgrìobhadh.”

Tha 'chirb fhearainn a th'aiginn 'san amharc ann an crìoch ri sgìreachd *Saint James*, far am bheil *Mr Reid*, ministear do Eaglais na h-Alba, agus bhlo Gàidhealtachd na h-Alba cuideachd; air chor 's drèam air bith a thig, nach bi iad fada o mheadhnan an t-soisgeul. Tha'm fonn anbharr tarbhiach, gu sònraichte airson coirce agus cruinneachd; agus airson a bhuntàta, cha'n eil a choimeas air uachdar an t-saoghail!

A thuilleadh air so, chuala gach neach nach 'eil cearn de America cho fallain ris a' chearn so (*New Brunswick*), agus e mar sheòladh cheithir-là-deug o Bhreatunn. Am fiabhras-critheanach a tha co bitheanta ann an Canada, cha'n eil iomradh 'an so air. 'S aithne dhomh tuathanaich a rinn airgid 'san àite, 'sa chaidh air imrich gu *Ohio*, agus àiteachan mar sin, an dùil gu'n deanadh iad beartas ni bu tràith, agus a thainig air an ais an ceann bhliadhnachan air an seann eòlas.

Dhi-chuimhnich mi a ràdh gu bheil mòran de'n àite so (*New Brunswick*) an cois na fairge. Tha e làn de phuirt, de acarseidean, de aibhnichean, agus de lochanan. Cha'n eil àite an urrainn duine a chairtealan a leagadh, nach 'eil e dlùth do abhainn air am faod e bàta 'chumail a bheir e féin 'sa chuid gu féill 's gu margadh. Tha rathadan-mòr agus foghlum a' dol air an agaidh gu foghainteach, fo shùilean maithean na dùthcha. Chuir iad air leth airson foghlum anns a' bhliadhna 1840, £13490 8s. 4d.; agus airson rathaid, carbadan, pacaidhean, agus bàtaichean-aisig, £56232.

O'n tha fhios agam gu bheil cùran mòr mu staid 'ur dùthcha ag éiridh 'sa laidhe leibh, gu sònraichte cor nan Gàidheal, cuiream so da'r n-ionnsuidh, au earbsa gu'n dean sibh e co follaiseach 'sa tha 'nar comas—nì chuireas an comunn so fo mhòr chomain, agus gu h-àraid

'Ur caraid dìleas,

ALASDAIR MAC-ILLEATHAIN,

Ceann-suidhe Comunn Gàidhealach

Sgìreachd Charlotte, N.B.,

America.

Theagamh gur h-i so litir cho cudthromach do Ghàidhealtachd na h-Alba 'sa thug sinn riamh dhoibh! Nach bu ghlic an nì nan cuir-eadh ficead na leth-cheud teaghlach an cinn 'san sporain cuideachd,

agus togail orra! Comunn Gàidhealach, agus ministear air an ceann, a' feitheamh ri furan a thoirt dhoibh! Pàrlamaid na dùthcha toirt misnich agus cuircadh dhoibh! Agus so uile mar cheithir-là-deug sheòlaidh o thràigh Albainn! Am fearann is fearr air LETH-CHRUN an t-acair; agus gun an leth-chrun féin ri iarraidh, ach a riadh! Taing do'n duin'-uasal a thug dhuinn am fiosrachadh, agus 'si ar guidhe gu'n soirbhich am Freasdal leis féin agus le 'chompanaich blàth-chridheach.

C Ò M H R A D H .

CUAIRTEAR NAN GLEANN AGUS EACHANN THIRISDNEACH.

Cuairtear. An là a chì 's nach fhaic! Eachann Thirisdneach, fàilte 's furan! Ciod so a' mhi-shealb a dh'èirich dhuit? 'S iomad litir tha 'gam ruigheachd, a fèdraich am beò Eachann.

Eachann. Cha d'èirich mi-shealbh na drid-fhortan air bith dhòmhsa, tha mi taingeil ri ràdh. Ach cò iad a bha 'g ionndrainn Eachainn?

Cua. 'Si 'eheids, cò nach 'eil ga d' ionndrainn? Tha muinntir America a tha leughadh a' Chuairtear a cantuinn, mar bi sgeul air Eachann 'san ath àireamh, nach ruigear a leas 'ehuir a null. Saoil nach i do bhean a bhios moiteil 'nuair a chluinnas i so?

Each. Cha bli moit no stràic orra. Cha'n urrainn dhoibh barrachd meas a bhi aca ormsa na th'aice féin; 's cha'n ioghnadh e, 'si 's eòlaich orm.

Cua. Gu'm meall thu do pheiteag rìomhaeh! 'Nan air tàile na luinge mòir a chaidh air tìr air cladaich Thiric sa' gheamhradh a dh'fhalbh, tha 'pheiteag bhasdalach sin?

Each. Sin sibh. An euala sibhse mu'n luinge mhòir?

Cua. Tha eun beag cladaich ann an Tirie 'tha air uairibh a toirt sanas dhuinn air na tha dol air aghaidh 'san eilean; agus chuala sinn ionnada sgeul a thug gàire oirun mu'n luing mhòir.

Each. Mar 'eil eun beag cladaich ann, tha ite coin cladaich ann—ite a' gheòidh ghlais; 's mar 'eil mi mcallta, tha fios agam co tha 'g iomairt a' phinn. Saoil nach 'eil dùil aca 'n Tirie gur mise tha 'g iunse gach nì tha sibh a eur sa' Chuairteir mu na dùthchanan sin! Naeh e am focal mu dheireadh a thubhairt mo bhean rium, 's mi falbh—"Nis, Eachainn," ars' isc, "thoir an aire nach abair thu focal ris a' Chuairteir mu dheibhinn na luinge mòir 's an *calico* Sasunnach. Ma chluinnas e mu thimchioll an dithis mhnathan a bh'air an suaincadh fad na h-oidhche, is e eagal nan seachd dual orra sa' *chalice* gu latha, faodar an t-cilean fhàgail." "'Ne mise?" ars' mi féin; "cha labhair mi diog ris. Ud, ud! eaidh e uaithe sin. Tha mi a'm earalas a nis." Ach, a Chuairteir rùnaich, fhad 'sa tha sinn le chéile, tha iarrtas mòr orm naigheadhdan na rìoghachd a chluinntinn uaibh. Cha'n eil fios aig duine bochd eiod a chreideas c, 's cha mhò tha mise tuigsinn gu math na tha iad a leughadh as na paipearan-naigheachd, leis an t-seòrsa do bheurla luideach bharnaeh a th'agam. 'Bheil e fìor gu bheil bàillidh mòr na Ban-rìgh, *Sir Robert Peel*, dol a chuir cìsean ùr, no *taxes*, mar their an Gaidheir Buidhe, air daoine?

Cua. Tha sin fìor gu leoir, a's cìsean tròm euideachd.

Each. Cùl mo làimh ris. Naeh e sin a' cheart nì thubhairt am Breab-adair fad-chasach. Gallda 'bha tighinn a mach maille rium air soitheach na smùid—nach luaithe 'gheibheadh a' bhuidheann ùr so stigh—na *Tories*—

agus gnothaichean na dùthcha 'n carbsa riutha, na leagadh iad cìsean ùr air daoine. Nach truagh gu'n do dhealaich a' Bhan-rìgh ris an t-seann bhàillidh, Moirear *Melbourne*, agus a chàirdean?

Cua. Air t'aithis, Eachainn. Eisd gu fòil, a's innsidh mi dhuit mar tha 'chùis, 's cha'n eil Breabadair Gallda na Gaidseir Buidhe 'san tìr is urrainn cuir a'm' aghaidh.

Each. Gabhaidh air 'ur n-aghaidh; 's mise nach cuir grabadh oirbh.

Cua. 'Nuair a chaidh a' bhuidheann innu dheireadh a mach, iadsan ris an robh gnothaichean na rìoghachd an earbsa, (agus cha'n i a' Bhan-rìgh idir a chuir air falbh iad, ach a' Phàrlamaid,) bha cosdas na rìoghachd fad' oscionn na bha tighinn a stigh. Bha iad a caitheamh muillion gn leth sa' bhliadhna' a bharrachd air a' mhàl 's na cìsean 'bha air an togail; agus bha'n t-anabarr caitheamh so dol air aghaidh o bhliadhna gu bliadhna, gus an robh deich muillionan do dh'ain-fhiach an aghaidh na dùthcha airson na deich bliadhna anns an robh stiùir na luinge mòir ris an canar Breatunn, ann an làimh *Mhelbourne*. Mu dheireadh, cha b'urrainn a' chùis dol ni b'fhaide.

Each. Cha'n iongantach leam. Bha creideas math aig an rìoghachd 'nuair nach robh i co briste ris an Droghair Chrùbach.

Cua. Cha ghabhadh a' chùis oibreachadh ni b'fhaide. Cha'n e 'mhàin gu'n robh an sporan mòr falainh; bha cosdas na rìoghachd a meudachadh—cogadh air tòiseachadh ann an *China*, an rìoghachd is lionmhor sluaigh air aghaidh an t-saoghail—cogadh eile ann an Innsean na h-Àird an Ear—agus deich muillionan do dh'ain-fhiach ri dhìol. Cha' robh e comasach àircamh a's cosdas ar luings-cogaidh a lughdachadh, na idir ar n-armailt. An àite so, 'sann a bha e feumail gu'm biodh iad air am meudachadh gu mòr. So, mata, an staid anns an robh an dùthaich 'nuair thainig na daoine tha nis oscionn gnothaichean na rìoghachd stigh gu oifig.

Each. Air m' fhocal onorach, fhuair iad iarna aimhreit ri reitcachadh. Cha bu chulaidh-fharmaid a bhàillidheachd a dh'fhàgadh aca. Tha e soilleir gu'm b'èiginn dhoibh airgid fhaotainn; ach 'sì 'cheisd, c'àite? Cha'n fhaodar leigeil leis an t-seann rìoghachd bristeadh, no leis na Frangaich no muinntir *China* saltaird oirrin, no tòim-coin a dheanamh de'n t-seann eilean. Ach cluinneamaid ciod a rinn bàillidh mòr Bhreatunn.

Cua. Cha robh e freagarach cìs a chuir air nithean bha daoine ag itheadh no caitheamh, do bhrìgh gu'm biodh so 'na chruadal air daoine bochd; co maith is air daoine beartach. Tha toil aig *Sir Robert Peel* an t-uallach ùr a chàramh air daoine saoihbhir na rìoghachd—na cìsean ùr a leagail air dòigh a ruigeas orrasan, agus na cìsean bha daoine a dlol airson nithean 'bha tighinn a stigh a rìoghachdan eile a lughdachadh. So an dòigh a tha 'na bheachd.

Each. Mo bheannachd air! Ach ciamar a dh'fheuch e sin a dheanamh?

Cua. Innsidh mi sin. Tha deich muillionan do dh'ain-fhiach ri dhìol; agus chum so a thogail, tha e dol a leagail cìsean air daoine aig a' bheil teachd-a-stigh do sheòrsa sam bith oscionn ceud gu leth punnd Sasunnach sa' bhliadhna. A h-uile punnd Sasunnach a th'aig neach air bith tighinn a stigh dha sa' bhliadhna oscionn ceud gu leth, tha e ri seachd sgillinn as a' phunnd dheth sin a dhìoladh 'sa phàigheadh a stigh do sporan mòr na rìoghachd. No ann am briathran eile, tha dlùth do thrì punnd Shasunnach as a' cheud ri bhì air a chàramh mar chis air a h-uile neach 'san rìoghachd aig a' bheil oscionn ceud gu leth punnd Sasunnach sa' bhliadhna. Leis a so, esan aig a' bheil dà cheud punnd Sasunnach anns a' bhliadhna, pàighidh e dlùth air sèa punnd Shasunnach; esan aig a' bheil cóig ceud, dlùth air cóig punnd deug Shasunnach; agus mar sin, trì punnd as a' cheud. Ach cha'n eil peighinn ruadh, uiread agus cota-bàn, ri bhì air a chàramh air neach a tha fo cheud gu leth sa' bhliadhna. Ciamar tha sin a còrdadh ruit, Eachainn?

Each. Buaidh agus piseach le Rob! Cha chuala mi riamh dòigh is fearr. 'S maith mar a tha e dol a dheanamh. Mo mhìle taing do luchd-comhairle na Ban-rìgh! Tha dòchas agam gu bheil so tighinn air Rob e fèin, ged a tha e ann an seirbhis na dùthcha.

Cua. Tha. Cha'n eil saorsa na dol as aig neach. 'S coma eo as a tha 'bheathachadh ag éiridh—co dhiubh 'sann á eèaird no màlairt—á fearann saor, no á riadh airgid tha air a chuir seachad—co dhiubh is ministear, no lighiche, no oifigich airm—cha'n eil mac màthar aig a' bheil oscionn ceud gu leth punnd Sasunnach sa' bhliadhna do thighinn-a-stigh saor, nach imir a' chis so a phàigheadh.

Each. Matà, soirbheachadh leis! Ach so rud tha tighinn a'm' bheachd—ged nach 'eil annamsa ach duine gun sgoile 's gun fhiosrachadh, gidheadh ar leam nach bu chòir dhoibhsan aig nach 'eil còir no dlighe air na bheil tighinn a stigh dhoibh ach ré am beò—slàint na'm beatha fèin—nach 'eil e, ar leam, ceart cìsean co tròm a chuir orrasan 'sa tha iad a cuir air tighcarnan fearainn. Faodaidh còig ceud sa' bhliadhna do theachd-a-stigh, na do bheathachadh, a bhi aig duine fhad 's is beò e fèin; ach co luath 'sa thilg-eas e an deò, tha sin uile caillte d'a theaghlach. Aeh fear na h-oighreachd, ged a chaochaileas esan, cha chaochail am fearann; faodaidh e cuid do'n mhàl fhàgail aig a bhanntaich, a's aig na dìleachdain, 's cha chuirear imrich na sgaol orra. Bheirinn airsan tuillidh cìs a phàigheadh na iadsan aig nach 'eil ecangal sam bith air na bheil aca ach am beatha fèin; agus mar an ceudna iadsan tha tighinn suas air riadh airgid—ged a dh'fhalbhas iadsan, tha'n calpa làthair airson an teaghlach. Nam biodh cagar agamsa ann an cluais Rob, chomhairlichainn da a dhà uiread a chuir air an darna seòrsa seach na th'air an t-seòrsa eile. Mar an ceudna, 'thaobh luchd-màlairt, faodaidh mòran a bhi ac' air a' bhliadhna so, 's gun dad idir a bhi ac' air an ath bhliadh. Faodaidh lighiche no fear-lagh a shlàinte a chall, agus, an lorg sin, dol air ais 'san t-saoghal. Cha'n eil e, uime sin, a'm' bharrail fèin, ceart a thoirt orrasan uiread a phàigheadh as na tha tighinn a stigh dhoibh, 'sa phàidheas iadsan air, nach toir tinneas caochladh sam bith air an cuid, agus nach 'eil an cunnart na bhuineas dhoibh a chall.

Cua. Cha'n fhaod mi ràdh, Eachainn, nach 'eil mòran de'n fhìrinn agad; ach thoir thusa so leat, gur luchd-oighreachd fearainn a' chuid is mò dhiubhsan tha sa' Phàrlamaid, agus bheir iad sin làn aire nach cuir iad orra fèin ach co beag 's is urrainn dhoibh. So, matà, an dòigh air a' bheil iad a smuaineachadh na deich muillionan a dhìol. Tha 'chis so, trì puinnnd Shasunnach as a' cheud, ri seasamh fad trì bliadhnaich; agus ged a bheir so stigh dlùth air ceithir muillionan (£4,000,000) a bharrachd 'sa tha dlùth orra an ceann gach bliadhn' airson an ain-fhiach a dhìol, tha iad dol a lughdachadh cìsean eile do reir sin. Cha'n e 'mhàin nach eil cìsean ùr ri bhi air an càramh air an t-sluagh am bitheantas, ach tha na cìsean a th'orra ri bhi air an ìsleachadh gu mòr. Tha air an àm dà cheud deug nithean a tha tighinn á dùthchannan eile a pàidheadh cìs, agus tha 'chis sin ri bhi air a lughdachadh ann an suim co mòr ri trì cheud mìle punnd Sasunnach sa' bhliadhna. Tha 'chis a th'air seachd ceud gu leth do na nithean a tha tighinn á rioghachdan eile gu bhi air an ìsleachadh gu mòr.

Each. An t-urram dha! Ach ciod iad na nithean air a' bheil a' chis gu bhi air a h-ìsleachadh? Na lughdaich e a' chis air an tombac?

Cua. Cha do lughdaich, no air an uisge-bheatha.

Each. No air an tì na'n t-siùdear? Sin a' cheud nì a dh'fheòraicheas mo bhean dhìom.

Cua. Cha d'islich; ach dh'islich e 'chis tha *coffee* a pàigheadh.

Each. *Coffee!* Matà, bha beag aig ri dheanamh—an seòrsa tì is meas' a dh'fheuch mi riamh. Bha mi oidheche anns an Tigh Gheal, ceann eile an eilean, agus bha tì aca de *choffee*; 's mar bhith gu'n robh

glugag mhath do dhcagh uachdar, 's làn spàine do siùgar donn sa' chùpa, le cead dhuibhse, cha d'thug mi mach air dorus-beòil an tighe a' phurgaid shalach. Tha mi 'n barail gu'n deanadh peasair no pònair, air an cruadhachadh ris an teine, 's air an pronnadh ann an cloich-chrotail, tì co math. Ach ciod iad na nithean eile air a' bheil iad brath a' chis isleachadh?

Cua. Islichidh iad na cisean air seachd ceud gu leth nì tha tighinn thairis—mar tha asail—

Each. Asail! An cuala mi sibh gu ceart? Asail! Eich fhad-chluasach nan cèard! Fhearabh 'sa ghaoil! an robh cis air an aon cheithir-chasach is grùinde air thalamh? An cuala sibh asail riamh ri raical? Thug an Cèard Ruadh aon diubbh aon uair do Thirie, an àm faighir na Bealltuinn; 's 'nuair a thug a' bheisd a' cheud raic, saoil sibh an robh cailleadh no bodach, balachan no caileag, nach do theich—smuainich iad gur e bh'ann am fear nach abair mi. Tha Sir Raibeart as a bheachd—cis a thoirt deth *choffee* agus deth asail! Fhalbh, fhalbh! Nam biodh cis air na dalagan-murlain, 'se an ath nì a lughdaicheadh e. Ach gabhaibh air 'ur n-aghaidh. *Coffee* a's asail—ubh, ubh!

Cua. Tha iomad nì eile ann, a ghabhadh ùine mhòir ri innse—teàrr a's fiodh—giuthas America, agus giuthas á rioghachdan tuathach—agus iomad nì eile.

Each. Tha sin math; togaidh sin tighean a's bàtaichean, a's gheibhear iasgach mòran nì's saora na b'abhaist duinn. Mo bheannachd air! Òlaidh mi a shlàinte anns gach cuideachd, a dh'aindeoin nan asail, na trustair!

Cua. Tha nì eile tha e dol a dheanamh, a bheir mòran toileachas-inntinn do mhuinntir nam bailtean mòra; agus, mar a thubhairt thusa, soirbheachadh leis!

Each. Mar sin, an duine còir. Ach ciod an nì tha 'na bheachd? Sud, tha sodan air mo chridhe bhi 'g éisdeachd ris na nithean sin!

Cua. Roimh so, cha robh cead aig muinntir tìr-mòr na Roinn-Eorpa crodh no mairt bheò 'chuir a nall do Shasunn. Cha robh so air a cheadachadh idir, idir; agus ged a robh an fheòil sailhte, bha 'chis co tròm 's nach robh feum a cuir a nall—cha ghabhadh i reic gun chall. Leis a so, dh'éirich luach na feòla anns na bailtean mòra co àrd 's nach robh e comasach teaghlach a chumail suas; agus bha na tighearnan Gàidhealach a deanamh beartas air tàile luch-itheadh na feòla. 'Se so a thog prìs a' chruidh 's nan caorach co àrd anns a' mhargadh. Ach ma theid na riaghailtean ùr so air an aghaidh, thig crodh agus feòil a nall á rioghachdan eile air na soithichean-smùid ann am pailteas co mòr 's nach fhaod am margadh-feòla gun tuitean.

Each. Stad dhuibh. Ciod so tha sibh ag ràdh?

Cua. Stad thusa cuideachd, Eachainn, agus leig 'leam—

Each. Cha leig mi leibhse no leosan. Sin nì nach teid aig air a dheanamh—prìs na feòla isleachadh. Air t'athais, a Rob; bithidh dà fhocal uime sin.

Cua. Ceannaichidh tu air an àm so ann an cuid do dhùthchannan air tìr-mòr na Roinn-Eorpa feòil air dà sgillinn am punnd, co math ris an t-seòrsa tha tar-ruing oclh agus deich sgillinn ann an Glaschu. Faodaidh iad a nis an damh is truime 'chuir a nall airson fichead sgillinn Shasunnach a phàigheadh 'san Tigh-Chuspain; agus mairt, a's gamhna, 'us laigh, airson darra-leth sin. Cha b'iongantach leamsa ged a thuiteadh fiach a' chruidh anns a' Ghàidhealtachd an treas bonn air a' chuid is lugha. Mile taing dhàsan a tha dol a thoirt dhuinn an toitein co saor. Bha feum againn air.

Each. Fhalbh, fhalbh; millidh so a' chùis gu buileach. Tha mise a'm' dhuine briste. Cheannaich mi fichead gamhainn air a' gheamhradh so dh'fhalbh, agus tha mi an deigh gabhail beag fhearainn fhaotainn; 's mar sin, mar sin, tha mise gone! Tubaist air Rob!

Cua. 'S am b'àile leat sinn, an sluagh mòr tha còmhnuidh 'sna bailtean, a bhàsachadh, chum prìsean cruidh agus chaoroach a chumail suas anns a' Ghàidhealtachd, 's na tighearnan fhàgail beartach? So an riaghailt is fearr a thug e stigh, agus tha dòchas agam nach taruing e air ais i. Ach, Eachainn, mar do ghabh thusa an aonda, na biodh cabhag ort do lamh a chuir ris a' phàipeir, gus am bi na gnòthaichean so air an socrachadh.

Each. Gu'n robh maith agaibh. Cha tog mi deoch-slàinte Shir Raibeart gus

am-bi margadh Dhunbreatunn a dh'aon chuid seachad—gus am faic mi, mar a thubhairt an dall, ciamar a chrìochnaicheas gach cùis.

Cua. Dhi-chuimhnich mi innse dhuit gu'n robh e mar an ceudna dol a chuir cisean ùr air cuid do nithean—mar air gual—

Each. Air gual! Tubaist air! Cha leigear leis. Tha 'mhòine ann an Tirie air ruith as; 's éiginn duinn gual a losgadh a nis. Cha'n fhaod e blith nach 'eil e as a bheachd, smuaineachadh cisean a chuir air gual! Tha Diùc Earraghaidheal, mac Chailean Mhòir, air an àm ann an Lunnain, a's cuiridh sinn *petition* a suas. Cha leigear sin leis, olc air mhaith.

Cua. Air t'athais, Eachainn! Cha'n eil cìs ri bhi air a chuir a chair gual tha dol thairis as an dùthaich so do rìoghachdan eile—ceithir sgillinn Sasunnach an tunna. Cha'n eil sgillinn dol air air na chaithear 'san dùthaich againn féin. Ach nach ceart an nì 'thoirt air Fraingich, Dùtsaich, agus feadhainn eile tha caith-eadh ar cuid gual, pàigheadh air a shon?

Each. Gu ceart. Tha sin mar bu chòir da bhi. Na caomhaineadh e iad. Ach an saoil sibh an tèid a' chùis leis?

Cua. 'Si mo bharail gu'n téid. Tha mòran a talachadh 'sa gearain, mar is nàdurra a smuaineachadh—a h-uile fear a gearain 'nuair thig a' chis dlùth air féin, mar tha thusa 'gearain mu'n chròdh 's mu'n ghual—a h-uile aon ag iarraidh maor nan cisean a chuir seachad air a dhorus féin, agus a' chis a chuir air a choimhearsnach. Ach mar cuir esan cìs na uallach gus am bi na h-uile aon riarachtaiche, cha'n eil fios c'ùine a shocrachear a' chùis. Tha h-uile aon ag aideachadh gur éiginn da airgid fhaotainn—gur éiginn an t-ain-fhiach a dhìol—gur éiginn an cogadh a chrìochnachadh, agus onoir na rìoghachd a sheasamh. Tha h-uile aon ag aideachadh nach esan a chàirich an rìoghachd 'san staid anns am bheil i; ach tha iad a gearain 's ri mionmhor—a h-uile aon a càineadh a' chuid sin do na riaghailtean a bheir sgillinn as a phòca féin. Ach 'si mo bharail, mar toir a' Phàrlamaid do Shìr Raibeart dìreach a thoil féin 'sna h-uile nì mar a chuir e m'a coinneamh, gu'n tilg e uaithe an stiùir gu buileach, 's gu'n abair e,—“Sin agaibh i. Cha leig sibh leamsa mo dhòigh féin a ghabhail. Siu i agaibh, agus deanaibh leatha mar is àile leibh. Sibh a chàirich an t-ain-fhiach air an rìoghachd—sibh a dhùisg an dà chogadh mhòr, mar leig sibh leams' a' chùis a shocrachadh mar is àile leam, gabhaibh 'nr dòigh féin.”

Each. An gille! Seasaidh mi féin e, ged a thuiteas na gamhna fìrionn deich tasdain'an ceann. 'S fearr leam sin na Breatunn a bhi air a thàmailteachadh. Ciod tha 'Bhan-rìgh ag ràdh.

Cua. Co luath 'sa chual i mar bha chùis, gu'n robh a leithid so do chis feumail, mu'n d'fhuair Sir Raibeart crìoch a chuir air na bha e dol a ràdh, “Cuimhnich,” ars' ise, “nach bi saorsa agamsa o aon uallach de'n t-seòrsa sin nì's mò na neach eile 'san rìoghachd. 'S éiginn gu'n diol mise trì punnd Sasunnach as a' cheud de na tha tighinn a stigh dhomh co math ri aon eile.”

Each. Mo ghalad! Air m' fhacal, is tapaidh i; thubhairt i sin gu math 's gu ro mhath. Ach innsibh dhomh, am pàigh muinntir na h-Eirinn mar ni muinntir Shasunn agus Albainn?

Cua. Dhi-chuimhnich mi innse gu'n robh tasdan do bharrachd cìs ri bhi air a chuir air an uisge-bheatha Eirionnach seach na bh'air riamh. Tha e nis a diol an aon chis ri uisge-beatha na h-Albainn; 's c'arson nach biodh?

Each. 'S c'ason nach biodh, mar a thubhairt sibh?

Cua. Eirionnaich tha tarruing na th'aca do bheathachadh, na do theachd-a-stigh sa' bhliadhna, o oighreachdan ann an Eirinn, fhad 'sa dh'fhuireas iad 'nan dùthaich féin, tha saorsa aca o'n chis air an robh mi labhairt; ach ma thig iad do Shasunn, pàighidh iad mar ni Sasunnach.

Each. Tha sin dìreach mar bu chòir dha bhi; agus 's mi bhiodh làn toilichte ged a chuireadh iad cìs dhùbailt air na tighearnan Gàidhealach agus Gallda tha cosd an cuid airgid ann an rìoghachdan céin—a tarruing na's urrainn dhoibh as an cuid fearainn 'san dùthaich so—fàsadh smear an cnàimh-droma as na daoine truagh aig a' bheil ùte uapa—ag earbs' an cuid fearainn agus an gnothaichean ri sgrìobhadairean neo-ìochdinnor, tha sgrìos na dùthcha. Agus 'nuair a philleas iad dhachaidh as na dùthchannan céin sin—na dùthchannan griannach sin—cha tig an t-aon latha 'bhios iad toilichte ann an tìr an òige nì's mò. Peasain chaola, chrannach, liotach, do mhic aca, gun fhacal Gàilig 'nan ceann; agus nigheanan caola, tais, glas-neulach, air chrith le fuachd, 'sa bhiodh air am mealachadh le aon fhrais. Nach truagh am fear a gheibh iad! Nach bu chàirdeas cìs mhòr a chuir orra, a dh'èignicheadh iad fuireach aig an tigh? Air m' fhacal, a Chuairteir rùnaich, chuirinn cìs air gach tighearn Gàidhealach tha fàgail a dhùthcha gu dol do Dhunéidion le 'theaghlach. Agus sud feadhainn eile air an cuirinn cìs thròm—na *flunkies*—luchd nam brògan tana, nan stocainean geala, nam briogaisean

buidhe, 's a' chuairt òir—ubh, ubh!—cuairt na h-aimideachd—mu'n aid. Ach 's éigin dealachadh. Mìle taing. Air m' fhacal, ma thachras am Breabadair Galida orm dol dhachaidh, cumaidh mi ris.

Cua Slàn leat, Eachainn. Cuimhnich gu'm bheil an *coffee* mach an so airson dà sgillinn am puund nì's saora, agus gu'n ceannaich thu asail Spàindeach ochd sgillinn deug nì's saoire na b'urrainn duit roimh so. Slàn leat!

Each. Nach tog sibh dheth. Tha mi fada 'nar comain. Ma's urrainn mi, bithidh mi mach toiseach an ath mhìos, a leigeil fios do m' chàirdean gu bheil Eachann Mac-Shiri beò.

NAIGHEACHDAN COITCHIONN.

CHINA.

Cha'n eil mòran ri innse mu thimchioll na dùthcha so o'n chaidh an àireamh mu dheireadh dhe'n Chuairtear a mach. Tha'n cogadh dol air aghaidh, ach cha'n eil mòran fhathast air tachairt chum crìoch a chuir air. Tha cuid do'n armailt air dol air aghart chum baile mòr ris an canar *Hong-choo-foo*, agus tha'n t-arm Breatunnach ri oidheirp a thoirt air baile-mòr *Chanton* a ghlacadh a ris. Ma ghlacar, faodaidh sinn a bhi làn-chiunnteach nach toirear air ais e mar rinneadh roimh. Tha na luingeis Shasunnach a glacadh na h-uile soitheach Chìnesach tha 'gan coinneachadh. Ghlac iad na ceudan dhiubh cheana, eadar fichead agus sèa-fichead tunna. Bithidh sùil ri naigheachd mòr o *China* ann an ùine ghoirid. Tha barachd dhaoine ri bhi air an cuir a mach, 's tha dòchas againn gu'n tig an cogadh truagh so gu crìche.

INNSEAN NA H-AIRD AN EAR.

'S cianail muldach ri aithris na naigheachdan tha 'gar ruigheachd as na dùthchanna cèin so. Dh'innis sinn 'san àireamh mu dheireadh gu'n robh an t-arm Breatunnach a bha fada suas ann an tìr *Affghanistan* ann an staid chumhachd, air an cuairteachadh le mìlteibh do naimhdean misneachail tapaidh. Mar thubhairt sinn sa' Chuairtear airson a' mhìos a chaidh seachad, bha mìle mar aon an aghaidh ar cuid daoine. Dh'fheuch an t-arm Breatunnach pilleadh dhachaidh do na cearnan a bhuineas dhuinn féin; ach, a reir gach cunntais, chaidh so nan aghaidh. Bha eadar tìr no rìoghachd *Chabul*, far an robh iad, agus a' chuid de na h-Innsean a bhuineas do Bhreatunn, beantan àrd, corrach, cas, creagach, mar ghara-droma mòr, 'gan dealachadh o chèile. Cha robh dòigh air am b'urrainn an t-arm againn pilleadh ach ro' bhealaichean cumhang aimhleathan—seòrsa do frith-rathaidean creagach, anabarach duilich a choiseachd, agus cuid dhiubh co aimhleathan 's nach 'eil e comasach ach do dhithis falbh guala ri guala—sligheana monadail, na bu fhreagaraich gu mòr airson féidh is ghobhair na airson armailt do shaighdearan. Tha an sud 'san so àiteachan-dion, no daingnichean, air an togail, a tha mar ghlas is iuchair air na bealaich chumhann sin; agus gun urchair a losgadh, no claidheamh a tharruing, dh'fhaodadh muinntir na dùthcha, le clachan mòr a leigeil car mar char leis a' bhruthach, armailt air bith a sgrios. 'San, mata, ro' leithid so do dh'àiteachan bha'n t-arm againn a gabhail dachaidh, agus pilleadh a rìoghachd mhòr *Chabul*, 'nuair a chruinnich muinntir

na tìr 's luch-àiteachadh nam beann mu'n timchioll. Tha aobhar-eagail gu'n do sgriosadh na h-uile mac màthair do'n arm Bhreatunnach, agus do na h-Innseannaich dhìleas chàirdeil a bha maille riutha. Cha mhòr gu bheil fàth-dhòchais 'gan taobh. 'Se barail na h-uile h-aon gu'n do mharbhadh eadar còig agus sèa mìle, agus gur gann a fhuair fear as gus an sgeul brònach innse. So an naigheachd is muladaich a tha ri innse thaobh an airm Bhreatunnach o chionn ùine mhòir; agus 'se 'chuid is truaigh, gu'n d'rinneadh e le foill. Mhortadh iad; oir an deigh dhoibh strìochdadh, chnairtaich muinntir na tìr iad, agus mharbhl iad iad, gun suim do'n chùmhluant fo'n d'fhainig iad. 'Ach tha latha na h-aicheamhail dlùth orra. Cha'n fhaodar foill co uamhasach leigeil seachad gun thoirt orra fulang air a shon. Nan amhairceadh Breatunn thairis air a so, chailleadh iad Innsean na h-Airde an Ear uile.

Am measg na feadhnaich a mhortadh air an àm so, bha'n duine a b'airde inbhe 'san arm againn—'se sin an Ridir ainneil MacNeachdainn, ceann-cinnidh an ainm sin, aig an robh a chaisteal o chionn fhad' aig Dùn-dà-ràmh, ceann Lochfine. Chuir esan a bha air ceann sluagh na dùthcha fios air nach as a' champa, mar gu'm b'ann chum a' chùis a shocrachadh, agus cùmhluantan a dheanamh ris. Bha'n t-àite anns na choinnich iad mar leth an rathaid eadar an dà bhuidheann; ach 'nuair fhuair e Sir Uilleam MacNeachdainn air falbh gu àite leth-oirich, tharruing e dag a' uchd, agus loisg e air. Dhiùlt a' cheud dag; ach am prìoba na sùil loisg e fear eile, agus chuir e am peileir ann an uchd an laoi. Mhortadh na bha maille ri Sir Uilleam, 's mar so thòisich fuil is àr—gus a' bheil aobhar-eagail nach d'fhuair oscionn fear no diùhis as.

Tha cuid am barail nach urrainn a' chùis bhì co olc 'sa tha e air innse, ach 's mòr ar n-eagal gu bheil. Cha'n fhada gus am bi fios cinnteach air gach uil; 's gus an tig sin, 's éiginn duinn a bhì fo dhòchas, ged is éiginn dhuinn aideachadh nach eil ar dòchas ach faun.

Lionadh e o thaobh gu taobh an àireamh so uile, cunntas min a thoirt air gach nì tha air innse mu dheibhinn a' chogaidh chaillich so; ach is fearr fuireach gus an tig cunntas 'sam faodar earbsa. Cha'n eil teagamh nach do mhortadh Sir Uilleam 's na bha maille ris.

'Se mac an rìgh a chuir sinn as a' chathair, agus o'n d'thug sinn an rìoghachd, chum fear eile a chuir 'na àite, a loisg air Sir Uilleam, agus a mharbh e—*Mahomed* òg, mac *Dost Mahomed*.

Ach ged tha so oilteil agus gun leisgeul, gidheadh thugadhmaid so leinn, nach robh sa' chogadh so o thoiseach ach amaideachd thruagh. Cìod an gnothach a bh'againn armailt a chuir nach thairis air na beanntaibh mòr so do dhùthaich agus do thìr *Affghanistan*? Cìod an aobhar a bh'againn an rìgh bu mhiannach leo fèin a bhì thairis orra a dhiùltadh dhoibh, agus fear eile a chuir 'na àite? agus fear a bha anabarach fuathach leo. Bu chòir dhuinn leigeil leo an gnothaichean fèin a shocrachadh. Chaidh sinn 'san eadraiginn, agus dhìobhail sinn air a shon. Ach 'se 'chùis is brònach, nach eil an cogadh so nis ach tòiseachadh. Tha armailt mhòr ri bhì air a chuir do'n dùthaich sir gu h-aithghearr ('s dòcha, deich mìle fichead, no dà fhichead mìle),

chum thoirt air muinntir *Affghanistan* gun fhoill a chleachdadh a ris. Bu mhearachd mòr dhuinn dol thairis air na beanntan mòr so idir. An àite barachd tìr iarraidh, 'sann tha tuille 'sa chòir againn cheana. An àite nàimhdean a dheanamh do luchd-àiteachadh na dùthcha farsuing sin, b'e an gliocas dhuinn càirdean a dheanamh dhiubh, 's na h-uile dòigh a ghabhail chum bhi an réit riutha. Taobh na h-àirde an iar do rìoghachd *Chabul* tha rìoghachd mhòr *Pherisia*, air chor 's gur gnothach amaidaich cuir a mach air na *Affghans*. Ach a nis 's éiginn thoirt orra thuigsinn nach 'eil iad ri foill, no foirneart, no mort a dheanamh air muinntir Bhreatunn. 'S truagh nach do ghabh sinn combairle an t-sàir, Diùc *Wellington*. Dh'innis e co maith 's ged a robh fiosachd aige mar thachrach. Am measg an armailt tha falbh thairis air an turas so, tha'n reisimeid Ghàidhealach a bh'ann an Glaschu o chionn dà bhliadhna—an 78th—buidheann co eireachdail 'sa dh'fhàg an dùthaich riamh. Ar luchd-dùthcha gaolach!—'s eagalach gur h-ìomad aon dhiubh a dh'fhalbhas nach pill!

CALL MULADACH O SGÀINEADH BATA-TOIT.

Thachair an sgiorradh déisinneach so o chionn beagan làithean, dlùth air *Helensburgh*. Mar bha'm bata-toit ris an canar an *Telegraph* a' fàgail a' bhaile a dh'ainmich sinn, ann am priobadh na sùil sgàin an goileadair, agus bhia mu thuairream fichead pearsa air am marbhadh—cuid dhiubh air an reubadh 'nam bloidhean, agus cuid eile air am milleadh co mòr 's gur gann a b'urrainn an càirdean an cuirp aithneachadh. Chaidh mòran a leòin. Cha'n urrainnear aig an àm innse co tha ri choireachadh airson an sgiorradh obann uamhasach so.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,

'24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; *Tullymet*: C. Morris; *Dingwall*: A. Keith; *Dornoch*: Wm. Munro; *Tain*: James Ross, Jun., Druggist; *Thurso*: Mrs Russell; *Dundee*: Wm. Middleton; *Oban*: J. Miller; *Greenock*: A. M'Iver; *Grantown*: A. Cumming; *Abernethy*: D. Gordon; *Dunkeld*: D. M'Donald; *Portree*: A. M'Donald; *Balachulish*: J. M'Innis; *Lochgillhead*: N. Gillies; *Argyle Furnace*: A. Gillies, Schoolmaster; *Lochdonhead*, Mull: D. Fletcher; *Bonaw*: John Cameron, Postmaster; *Aberfeldy*: D. Cameron, Bookseller; *Port Ellen*, Islay: D. Hunter; *Glencarradale*: N. M'Donald, Schoolmaster; *Bunessan*, Mull: Donald M'Lean, Postmaster; *Portnahaven*: Norman M'Lean; *Kilchoman*: Angus M'Leod; *Strontain*: D. Cameron; *Tirolan*, Mull: John M'Donald; *Cawdor*, Nairn: J. Robertson; *Pitlochry*: D. Robertson; *Fortingall*: D. Campbell; *Laggan*: Rev. J. M'Pherson; *Alness*: D. M'Diarmid; *Doune*: D. M'Diarmid; *Barra*: A. M'Donald, Esq.; *Ormsary*: G. Ross; *Tayinloan*: A. Sutherland; *South Uist*: A. Chisholm; *Callander*: P. M'Kinlay; *Balquhiddier*: J. Carlton; *Easdale*: D. M'Intyre; *Glencra*: A. M'Innes; *Nova Scotia*: Rev. R. Williamson, *Pictou*; General Agent for North America, John M'Neil, Esq., *Charlotte-town*, *Prince Edward's Island*.



AN LA A CHI 'S NACH FILAIC

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

CEUD MÌOS AN T-SAMHRAIDH.

AN 27 ÀIREAMH.]

MAY 1, 1842.

[PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—The Two Paths (an Allegory), page 59.—Life of Sir William Wallace, Part I., 64.—Prince Edward's Island (Account of), 71.—Song of Solomon (Metrical Version of Chapter II.), 73.—Michael Connal (An Irish story), 75.—Letter to the Editor—Ready Answers, 79.—Ailean M' Ruairidh, 80.—Story of the Year 1746, 81.—News (Parliament, India, &c.), 84.—Answers to Correspondents, 85.

AN DÀ SHLIGHE.

SGEUL AIRSON ÒIGRIDH NA Gàidhealtachd.

BHA mi leughadh an Tiomnaidh Nuaidh mu'n deachaidh mi gu tàmh. Air dhomh tuiteam a'm' shuain, thainig na nithe 'bha mi leughadh air an ais do m' iuntinn mar aisling na h-oidhche.

Ar leam gu'n robh mi a'm' sheasamh air còmhnaidh, no raon mòr farsuing; agus o gach àirde, gu'n robh anabarr sluaigh ag imeachd troimh 'n fhaiche mhòir so, 'dh'ionnsuidh àite àraidh far an robh iad a' coinneachadh a chèile air mo dheas làimh. Bha mòran sluaigh ann an nair a mhothaich mi dhoibh air tùs, agus bha barrachd a's barrachd o àm gu h-àm a' teachd. Bha iad ann sean agus òg—bochd agus beartach—lag agus làidir—àrd agus ìosal; agus chnir e iougantas orm a'm' aisling ciod a bha 'nam beachd, no c'arson a bha iad mar so a' cruinneachadh.

Ar leam gu'n do choisich mi'n sin air m'aghaidh gus an robh mi an teis-meadhon an t-sluaigh; agus air dhomh beachdachadh orra, thuig mi ciod a bha iad a' deanamh.

Mhothaich mi gu'n robh gach slighe air an d'thainig iad a' treòr-

achadh gu dà dhorus, 's gu'n robh iad ann an ioma-chomhairle cò'n t-aon de na dorsan sin air an rachadh iad a stigh. Sheas mi. Dh'amhaire mise mar a rinn càch air na dorsan sin, agus air gach slighe 'bha'n taobh a stigh do na dorsan.

Bha mòran shuaigh a' gabhail a stigh air a' cheud dorus air an d'amhaire mi; 's cha b'iongantach leam e. Bha e gu fial, farsuing, fosgailte; agus bha'n t-slighe, an deigh dol troimh, anabarrach bòidheach, taitneach, agus sunndach ri amharc oirre. Bha sràidean gaineamhaiche eadar brnachan àillidh, làn do na blàithean bu chùbhraidh, air an robh iadsan a fhuair a stigh a' coiseachd; agus slighean eile do'n fhòid bu ghnirme a's b'naine sunadh, eadar craobhan nan gengan farsuing, air an robh gach eun bu bhinne guth 'san ealtainn a' seinn le ceileir aoibhneach. Bha àiteachan-suidhe an sud 's an so fo sgàile nan craobh, far am faodadh luchd-imeachd an sgìos a chuir dhiùbh. Bha meas, do reir coslais, buidhe abaich air gach craobh a's preas; agus chluinntte torman borbhanach nan allt, as am faodadh gach fear-turuis claidhte òl agus iotadh a chasgadh. Dh'amhaire na h-uile aon air tùs ro chridheil shunndach, mar bha iad a' gabhail a stigh air an dorus fhosgailte so. Bha fir a's mnaithean a' seinn òranan 'sa dannsadh, agus bha clann bheag a' trusadh hhlàithean ùr. Bha eòin àillidh, le itean airgiod agus sùilean òir, air an ais agus air an aghart. Bha na craobhan uile fo bhlàth—am fàile bu taitneiche mach air oiteig chiùin na gaoithe—dramdan a's crònan sunndach an t-seillein ruaidh air ais 's air aghart o bhlàth gu blàth. Bha 'ghrian a' boillsgeadh gu glòrmhòr, agus obair na cruitheachd gu léir làn sòlais. Cha'n iongantach leam idir (arsa mise) gu'm bheil co liutha h-aon a' gabhail sìos air an t-slighe fharsuing thaitneich so.

Bheachdaich mi'n sin air an dorus eile. Bha esan co aimhleathan 'sa bha am fear eile air an robh mi labhairt farsuing. Bha e do réir coslais co cumhang aimhleathan, 's gur gann a b'urrainn do neach air bith dol troimh; agus mar so fhuaras e le mòran. Chunnaic mi iomad aon a ghabh a snas gu dân d'a ionnsuidh, agus a thòisich air a chuir rompa agus dol troimh, gu'n do shrachd e an aodach, gu'n do renb e iad féin, agus nach b'urrainn iad na bh'aca r'a giùlan a thoirt troimh, 's mar so gu'n d'fhairslich orra faotunn a stigh. Chunnaic mi air uairibh màthair, 'sa leanabh aice air a guailibh, 's cha b'urrainn d'i dol troimh 'n dorus leis an leanabh so; agus air uairibh chunnaic mi athair, agus greim co daingean aige air a mhac, 's nach b'urrainn a h-aon seach aon diubh dol a stigh. Ach 'se 'n nì is mò a chuir do dh'iongantas orm, a dh'aindeoin air co aimhleathan chumhang 'sa bha e, gu'n robh na h-uile aon comasach air dol troimh a rinn spàirn làidir le'n uile dìchioll agus neart. Bha mòran do dhaoine tomadach leathan a fhuair a stigh, am feadh 'sa bha iomad sìochair caol beag air a chnmail a mach. Air uairibh, mhothuich mi màthair deònach air dealachadh r'a leanabh, seach i féin a bhi air a cnmail a mach; agus cha luath 'dh'fhàs i toileach air so 'dheanamh, na bha'n dorus farsuing nì's leòir dhoibh le chéile, agus fhuair iad le chéile a stigh. Ann an aon fhocal,

bha e farsuing gu leòir do gach aon a rinn spàirn cheart, cia air bith co dòmhail tomadach 'sa bha e; agns, 'san àm cheudna, bha e tuille a's aimhleathan do'n aon bu lugha nach deanadh spàirn—nach robh ach ag iarraidh dol a stigh, gun oidheirp no dìchioll air bith a dheanamh. Mhothaich mi gu'n d'fhuair clann bheag a stigh gu grad, agns iadsan nach robh a' giùlan mòran leo. Ach iadsan a bha giùlan eallaich air bith, 's gann a fhuair a h-aon diubh a stigh troimh 'n dorus.

Cha robh an deuchainn idir seachad 'nuair a chaidh iad a stigh. Bha'n t-slighe taobh a stigh de'n dorus co aimhleathan, chumhang, dheacair, ris an dorus féin. Bha'n t-slighe an deigh dol a stigh doirbh—an droigheann, 's an sgitheach, 's na drisean, a' fàs air gach taobh dhith, a' renbadh luchd-turnis; agus bha cuid do dh'àiteachan doilleir, dorchach—co dorchach 's nach robh e furasd an droigheannach 's an sgitheach a sheachnadh.

Cha chuala mi ceòl; cha'n fhaca mi mireadh no dannsadh. B'e'n ceòl osnaidhean tròm an luchd-turnis. 'Nuair a mhothaich mi so uile, bha iongantas mòr orm gu'm feuchadh neach air bith dol a steach, an àite gabhail inaille ris an t-sluagh mhòr chum an doruis eile, agus slighean réidh farsuing an t-soluis a bha 'g imeachd uaithe.

Thog mi mo shùilean, agus chunnaic mi briathran sgrìobhta os-cionn gach doruis. Ruith mi null dlùth do'n àite, agus leugh mi—

Tha'n dorus cumhang, 's an t-slighe chaol,
'Treòrachadh gu ròghachd na glòir.

An degh so, chaidh mi a's bheachdaich mi air an dorus eile, a's mhothaich mi an sgrìobhadh so os a cheann:—

Tha'n t-slighe air a' bheil 'ur mian
A' treòrachadh gu truaighe shìor.

Nis, 'nuair a leugh mi an dà sgrìobhadh so, agus gu'n robh fios agam an Rìgh a chuir na briathran so air gach durus gu'm b'fhìrimeach e—seadh, eadhon gu'n h'e féin an Fhìrinn—ghabh mi iongantas mòr ciamar a bhiodh neach air bith co dòn, co gòrach, co mòr air a bhreith-as, a's dol a stigh air an dorus fharsuing, 's air an t-slighe réidh, ged a bha e co buaireasach, agus co taitneach do'n t-sùil. Sheas mi, 'dh'fheuch am faicinn ciamar a bha 'dhànadas aig neach air bith so 'dheanamh.

B'e 'cheud neach a chunnaic mi, fleasgach àrd, spairiseach, dreachmhor. 'Nuair a fhuair mi a' chend sealladh dheth, bha greim daingean aige de làimh 'athar. Bha'n seann duine muldach, cianail. Bha e 'g iarraidh a mhac a thoirt leis 'dh'ionnsuidh an doruis aimhleathan; ach bha so dol 'na aghaidh. Thainig buidheann do dh'òganaich mhear, chridheil, aighearach, agus ruith iad suas d'a ionnsuidh. Ghlac iad e air làimh. Bheachdaich iad air le cridhealas a's samhladh gràidh. Dì'fhàg e an seann duine, agus thàr e as le 'chompanaich òg a dh'ionnsuidh an t-slighe fharsuing. Tamull beag mu'n deach e stigh, thug e sùil thar a ghualainn; a'

'nuair a mhothaich e 'athair a' gul, thubhairt e—" Cha téid mi fada leo. Cha'n eil a' mhian orm ach fhaicinn ciod an seòrs' àite a th'ann. Pillidh mi an ùine ghoirid; agus leanaidh mi m' athair, a's toil m' athar." Chaidh e stigh. Chunnaic mi e leum, 'sa mireag, 'sa daunsadh, air an réilean uaine. Chuala mi a ghàir àrd; ach cha d'thug e sùil air ais, 's cha'n fhaca mi gu'n do phill e mi's mò.

Sheas mi ag amharc 'sa toirt faineir na bha tachairt. Chunnaic mi mòran a' tionndadh a stigh air an t-slighe chendna—cnid, do bhrìgh nach b'urrainn dhoibh meall òir a's sporan làn a ghiùlan leo troimh 'n dorus aimhleathan, 's nach dùraichdeadh iad fhàgail 'nan déigh. Cuid eile, do bhrìgh nach dùraichdeadh iad an t-aodach riomhach leis an robh iad air an sgendachadh a stròiceadh 'sa mhilleadh leis an tarruing a b'éiginn a dheanamh. Cnid, do bhrìgh gu'n robh an t-slighe co dorcha mi-thaitneach, gun sùgradh, gun fheala-dhà, gun chridhealas; 's bha mian an annanna stigh am measg nam blàithean àillidh 'bha cinntinn 'san t-slighe fharsuing. Phill feadhainn eile do bhrìgh gu'n robh an lùchd-eòlais ri sgéig, a's tàir, 'us magadh co luath 'sa dh'amhaire iad air an dorus chumhang, agus a dh'fhench iad tionndadh a stigh. Bha cuid a fhuair stigh, agus a phill air an ais. B'iad so an fheadhainn bu mhò gràin a's fuath air an t-slighe chumhang; agus rinn iad na bha 'nan comas chum feadhainn eile a chumail air an ais. "Na rachaibh a stigh," ars' iadsan. "Faicibh mar tha sinn air ar renbadh. Cha'n eil ann ach doilgheas agus bròn. Mar is fhaid' a theid sibh air 'ur n-aghaidh, 'sann is mìosa; mar is fhaide, 'sann is aimhleathaine. Ma tha sibh co amaideach agus dol a stigh, cha'n fhada gus am pill sibh mar a rinn sinne."

Dh'amhaire mi ris na bu dlùithe air an t-slighe aimhleathan, agus thug mi faineir gu'n robh an t-slighe an deigh dol a stigh anabarrach cumhang, agus deacair ri choisreachd. Chuala mi cuid ag osnaich gu tròm. Bha cuid air an réubadh. Iadsan a fhuair a stigh 'nan òige, 'sann doibhsan a b'fhas' imeachd; agus mar bu làidir an spàirn a rinn neach air bith, 'sann a b'fhearr dha féin, 's bu shunndaiche a thurus. Ach ma thòisich neach air bith ri sleamhnachadh air ais, bha e air ball 'san droighneich. Bha cnid ann an dorchadas, cuid fo amharas, cuid a' caoidh, a's cuid mar gu'm biodh lùs nan cas a dhith orra—an impis tuisleachadh thall 'sa bhos. Leis a so, bha cuid a ghabh eagal—a tharruing air an ais—a ghabh a dh'ionnsuidh an doruis; agus dhoibhsan dh'fhosgail an dorus gu grad, a's fhuair iad a mach gun spàirn. Mhothaich mi maraon cuid dhiùbhsan a fhuair a stigh air an dorus chumhang ag amharc gu tric air leabhar a bh'aca 'nan làimh; agus air ball thogadh iad an sùilean o dhnilleagan an leabhair chum nèamh. 'Nuair a mhothaich mi fear dhiùbh so ag amharc air an leabhar air tùs, cha robh teagamh air bith orm nach tuislicheadh e. Bha mi làn chiunteach gu'n rachadh e am mearachd, 's gu'n tuislicheadh e 'measg na droighneich gheur. Ach an àite so, mar is dlùithe a lègh e, 'sann is diriche a ghluais e. Chuir so iongantais mòr orm, gus an cuala mi fear dhiùbh a' leughadh mach as an

leabhar—"Tha d' fhocal-sa 'na sholas do m' chasabh, 's na lòchran do m' cheumnaibh."

Thuig mi mar an cendna gu'n robh an t-slighe, an àite a bhi dol na b'aimhleathaine 's na bu deacuir, a' fàs na bu shunntaiche agus na bu ghrianaiche. Dhoibhsan a thainig a stigh 'nan òige, chinne e gu luath réidh, taitneach, comhward; agus do gach aon, mar a b'fhaid' a ghluais iad air an aghaidh, 'sann bu taitneiche a bha e dol.

Bha mòran a nis a' ruith le anabharra subhachais. Bha ceòl ìosal, ciùnn, milis, ri èisdeachd. Bha blàithean ìrrar àillidh hrisdeadh a mach. Na nithe sin a bha coltach ri drisean a's droighneich, bha blàithean taitneach mar an ròs a' cinntinn orra. Bha na dearcadh-fhiona bu bhlaiste a chummaic mi rianmh air na preasan sin a bha coltach ris an sgitheach; agus thòisich na h-eòin ri seinn gu binne.

Cha do labhair neach a nis air pilleadh air ais. Bha sòlas agus toileachas-inntinn air gach aogas. Bha gach aon sona; a's chuala mi suinn an òrain bha cuid a' togail:—

An nair tha dìchioll dhaoine mòr,
Tba dhuais-san mòr da réir;
Do shòlasaibh tha 'sblighe làn,
Is sìnn do ghuàth 's gach ceum.

Agus a nis bu léir dhomh, tanull heag rampa, solus beag soilleir snìlbhir a' dealradh air an t-slighe. Mar chaidh fear a's fear air aghart air a' chuid sin de'n t-slighe, chaill mi sealladh dhiùbh; ach thuig mi, o na briathran mu dheireadh a chuala mi napa, gu'n robh iad nis na bu shona na bha iad rianmh. Bha cuid a' seinn le chéile òrain agus laoidhean naomha, 's le clàrsaichean àillidh 'nan Ìmhan, a' togail an ceileiradh bu mhilse 's bu thaitneiche a chuala mi rianmh. Bha cuid, 's cha m'hòr nach robh iad nan tosd; ach am beagan a rinn iad a sheinn, thainig e o cridheachan làn gàirdeachais; agus cha robh teaganmh agam nach robh a' chuid do'n tìr uach bu léir dhomh na b'fhearr, na bu taitneiche, na b'àillidh, 's na bu shona, na 'chuid a bha mi faicinn.

'S ganu a b'urraim dhomh mo shùil a thionndadh o'n t-shnagh bheanaichte, a bheachdachadh orrasan a chaidh stigh air an doras fharsuing; agus 'nnair a bheachdaich mi orra, bha mo chridhe làn bròin a's dubhachais; oir bu shoilleir ri fhaicinn nach robh iad idir sona. Mar a b'fhaid' a chaidh iad air an aghaidh, 'sann bu bhrònaiche a chinne iad—bha iad frionasach, crosda, mì-thoilichte. Am meas a laimhsich iad, 'sa dh'fhench iad itheadh, shearg e 'nan glaic, 's cha robh ann ach lhaithre thioram gun stà. Mar a b'fhaid' a chaidh iad air an aghaidh, 'sann bu mhiosa—air an losgadh le tart, 's gun uisge glau fallainn ri fhaotninn, ach tobraichean salach creadha. Bha eagal orra—buaireas àrd 'nan sùilean—cuid dhiùbh air am breith-as, gun fhios c'arson—an droighean geur 'gam mill-eadh, 's gun chomas a thoirt as. Thainig dorchadas a's duibhreachd air aogas nam feadhach a h'aighearaich. Bha iad a' trod 'sa cnir a mach air a chéile—feargach, gamhlach, gun chàirdeas, gun ghràdh.

'Nuair a mhotaaich mi 'gu'n robh iad uile gu tùrsaich tròm, bha iongantachas orm nach robh iad a pilleadh air an ais, 's ag iarraidh stigh air an dors eile. Feadh 'sa bha mi toirt so fainear, chunnaic mi aon fhear feuchainn dol air ais; agus feuch! ged a bha e a' coiseachd gu math 's gu soirbh air an t-slighe eile, chunnaic mi nis gur gann a b'urrainn dha seasamh. Shleamhnaich a chasan, bhnaill a dhà dhlùn air a chéile, agus bha e do reir coslais co lag ri naoidhean. Thuit e air an làr. Luidhe e an sin ag osnaich gu tròm, agus iadsan mu'n cuairt da ri fochaid. Shaoil mi nach eireadh e ni's mò: ach tog e 'shùilean gu nèamh, mar gu'm biodh e gnidhe airson cobhair agus furtachd. Dh'fheuch e éiridh. Thug e oidheirp mhòr. Fhuair e gabhail air aghart cenm no dhà; ach thuslich a's thuit e, a glaothaich airson furtachd. Mu dheireadh sheas e gu daingean; agus an deigh iomad dìchioll, ràinig e an dors; agus a dh'aindeoin na bha dol a stigh, fhuair e mach. Ghrad ruith e dh'ionnsuidh an dorsis aimhleathan, agus le spàirn chaidh e stigh. Chuir e gach dris, a's droighneach, a's sgitheach, gu snarachas. Bha'n t-àm anabarrach doilleir dorcha, gidheadh theich e mar neach a' teicheadh airson 'anaim; agus cha d'thug mi mo shùil dheth gus an d'rainig e 'chuid bu taitniche agus bu réidhe de 'thurus.

Ach càch nach do phill, bu chulaidh-bhròin agus brisdeadh-eridhe heachdachadh orra. Luath, 'na mall, thainig ceò a's dubh-dhorchadas mu'n cuairt doibh, air a' cheart shlighe sin a bha aon uair co taitneach 's co grianach. B'éiginn doibh dealachadh ri'n càirdean. Bha eagal agus uamhas mòr air an annamha; agus ged nach bu léir dhomh iad uile, thuig mi gu'n robh iad ann an teinn, na 'n cruaidh-chàs mhòr; oir chuala mi an sgreuch eugalach, an glaothaich oillteil. Ach ged a ghlaodh iad le'n uile neart, cha robh neach a fhreagair. Bha'n glaothaich co uamhasach, co oillteil, 's gu'n do dhùisg mi as mo shuain.

C.

BEATHA AGUS EUCHDAN AN RIDIRE UILLEAM WALLACE.

EARRANN I.

A Chuairteir Uiseil,

Ar leam féin nach 'eil seòrsa lenghaidh ann is druidhtiche, agus is fhaide a leanas ri neach, na eachdraidh beatha dhaoine. Tairgeam dhuibh, uime sin, beatha agus euchdan an ridire Uilleam Wallace—duine nach 'eil firionn no boirionn 'san dùthaich aig nach bu chòir 'eachdraidh a bhli air bàrr am miar.

Có 'n t-Albannach nach teid air bhoil,
'S nach teid an fhuil 'na chliabh air ghoil,
Mar bhuinne reothairt dol roi' chaol,
A chluinneas 'ainm! sàr ainm an laoich!

Bu mhac Sir Uilleam do Shir Callum *Wallace*, agus do nighean do Shir Raonnall *Crawford*. [Rugadh e ann am Inbheràir,* ri linn Rìgh Alasdair III., o chionn a nis còrr a's còig ceud 'us leth-cheud bliadhna. Chaidh an rìgh so 'mharbhadh le leagadh bhàrr 'eich anns a' bhliadhna 1286, a' fàgail na rìoghachd aig pàisde do nighinn, ogha dha, agus nach b'fhad' a mhair beò.

Bha nis an rìoghachd gun oighre, agus thòisich *Baliol* agus *Bruce* ri streap ris a' chrùn; agus o nach robh e coltach gu'n còrdadh iad, leig iad a' chùis gu raidhe Iomhair I., rìgh Shasuinn. 'Nuair chunnaic rìgh Shasuinn mar bha, 'se smuainich e gu'n glacadh e crùn Alba dha féin, agus gu'n cuireadh e Alba uile fo chis—gn'n deanadh e tràillean dh'iinn! 'Sann mar sin a bha. Chuir e arnailte mhòr a nuas á Sasunn; agus thug iad buaidh air *Baliol*, no Rìgh Iain, mar theirte ris, aig *Dunbar*.

Bha nis Albainn làn do shaighdearan Sasunnach, ag itheadh, 's ag òl, 'sa ruithteireachd—ri sgeig, 's ri tarcuis, 's ri fòirneart, air firionn 'us boirionn, air saor 's air daor! Bha *Wallace* air an àm a' fuireach ann an Cillspindi, an sìorramachd Pheairt, a's e na fhlùran àluinn òg. Beagan na dheigh so, chaidh e do bhaile *Dhundeel* do'n sgoil; agus air do mhac Sasunnaich mhòir tàmailt a thoirt dha aon latha, chuir e'n ceann dheth le 'chlaidheamh féin. B'éiginn teicheadh. Lean an tòir e gus am fac iad e dol a stigh do thigh air an rathad. Dhiinnis *Wallace* do bhean-an-tighe mar bha; agus a thiota bha e ann an aodach boirionnaich, le 'chuigeil 'na chrìos; agus cò 'sheinneadh an duanag, 'sa chuireadh car 'san fhearsaid coltach ris-san! Thainig an tòir, agus dh'fhalbh mar thainig. An Iar-na-mhàireach, chaidh *Wallace* gu brathair-athar dha, a bha diùth do Shirla, gus an ceann ùine an d'thainig a mhàthair gu 'thoirt dhachaidh; ach mu'n d'rainig iad *Ellerslie*, mhortadh 'athair agus a bhràthair bu shinne leis na Sasunnaich! Cha d'thubhairt *Wallace* a bheag; ach bha 'thosd mar am fiath a thig ro'ù mharcachd-shìne, 'nuair chumas Nàdur a h-anail le giorag ro' ghruaim nan dùilean. Bhòidich e aicheamhail—bhòidich e gu'n tugadh e mach éirig 'athar agus a bhràthar, airneo gu'n tuiteadh e sa' chaonnaig. Dh'at a chridhe, leum a chuise, ri bhi faicinn nan Sasunnach gach latha, cha b'e a mhàin a' deanamh tom-coin de na h-Albanaich, ach 'gam mort 's 'gam marbhadh le fala-dhà! Co dhiùbh, chunnaic e gu'n b'e'n gliocas dha tigh *Chrawford*, a sheanair, fhàgail 'san àm, agus e féin 'fhalach ann an tigh bhràthair-athar, Sir Raibeart *Wallace*, ann an *Riccartown*, baile beag mar mhìle do Chill-Mharnoc. Latha de na làithean, chaidh *Wallace* a dh'iasgach gu uisge *Irving*; agus cò chaidh seachad, air a thurus do Ghlaschu, ach Morair *Percy*, fear-ionaid rìgh Shasuinn, agus a fhreiceadain comhaideachd. Chaidh am Morair seachad; ach an coigear mu dheireadh d'a bhuidheann, thubhairt iad riu féin gu'n spùileadh iad an t-iasgair. Chaidh iad a thaoibh thuige, agus thubhairt iad ris, "Thoir an so na mharbh thu, 'bhallaich." Ars' esan, "Bheir mi dhuibh dà-thrian dhiùbh." "Dà-thrian diùbh, a mhadaidh Albanaich!" ars'

iadsan, 's iad a sgobadh leò gach ceann a ghlaic e. Tharruing Wallace an t-slat-iasgaich, agus le aon bhùile bha fear dhiubh 'sa chasa-gubhlach os a cheann. Thug e dheth a chlaidheamh, agus ann an còig mionaidean bha dithis eile dhiubh brùchdadh fola anns a' ghainmich. Chuir dithis dhiubh spuir ri'n eich, agus dh'innis iad do Mhorair *Percy* mar thachair; ach ghàhl esan leithid do thàmailt gu'm faigheadh aon Albannach a rugadh a' chuid a b'fhearr de chòigear Shasunnach, 's nach tilleadh e 'thoirt a mach an éirig. Coma, chaidh Wallace dhachaidh air a shocair, le 'iasg, le 'chlaidheamh, 's le 'each meannnach an t-aon, e féin 'sa ghille!

Beagan na dheigh so, bha faidhir ann an Inbheràir. Bha fios aig Wallace gu'm bith na Sasunnaich an so a' deanadh fòirneart air na h-Albannaich, mar b'abhaist; agus chaidh e chum na faidheach ann an riochl duine chumanta. An measg chleasan eile, bha *bully* mòr de Shasunnach air a' mhachair, a bha toirt cuireadh do gach Albannach, airson an uiread-sa do dh'airgiod a phàigheadh, buille do bhata 'thoirt dha air an dronnaig le 'uile neart. Bha iomad fear a' pàigheadh, ach cha robh a h-aon a' toirt aideachadh air a' *bully*. Chunnaic Wallace an cleas le toil-iuntinn. Coltadh ri càch, phàigh e 'airgiod. Ghlaic e'm bata, agus a dh'aon bhuille sgoilt e'n Sasunnach 'na dhà leth! Lemur na Sasunnaich a bha làthair gu greim a dheanamh air Wallace, agus a mhort. A' cheud fhear a thainig, fhuair e 'chlaigiunn a sgoltadh leis a' cheart bhata. Tharruing Wallace a nis a chlaidheamh, a bha'm folach fo chuib a chlàca; agus mu'n robh fios aca c'àite an robh iad, bha còigear eile marbh air an làr! Chunnaic e nis nach robh e soirbh fuireach ni b'fhaide. Dhialaich e troimh mheadhon na crideachd, agus a thiota bha e'n glaic a dhialaid, agus beireadh air cò 's urrainn!

Ach, mo chreach! cha robh Wallace co fortanach 'san ath ior-ghnill. Aon latha, ann am baile Inbheràir, chunnaic e maor Morair *Percy* a' toirt tàmailt do ghille an t-Siorraim, agus a' toirt uaithe, 'dheòin no dh'aindeoin, na cheannaich e airson a mhaighstir. Chaidh Wallace anns an eadraigin; ach 'nuair chunnaic an Sasunnach gu'n robh a' dhànachd aig Albannach a rugadh a th'ang' a ghluasad ris-san, thug e spreadhadh de'n bhata dha mu'n dà shliannean. "Gabh thusa sin, a choin," ars' esan. Tharruing Wallace a bhiodag, a's chuir se i troimh 'n t-Sasunnach o thaobh gu taobh, agus dh'fhàg e'n sud e. Bha Sasunnaich fo'n armaibh a faire a' bhaile. 'Nuair chunnaic iad mar thachair, chruinnich iad mu'n cuirt do Wallace; ach bha esan 'gan gearradh sìos leis gach buille, mar gu'm bith buachaille cur na ceann bhàrr dhiogan, agus mu dheireadh an d'inn a chlaidheamh dà leth, agus am b'èiginn strìochdadh! Caidh e nis a chuir an iarann anns a' chaisteal, a' feitheamh ri bàs cràiteach; ach 'nuair thainig an latha, cha mhòr nach robh e marbh le cion bìdh 'us dibhe. 'Nuair chunnaic iad so, thilg iad thar a' bhalla e; ach, mar bha fortan an dàin, thuit e air dùn anlaich, no sìt'nn. 'Nuair chual a mhuime so, chaidh i agus ghuidh i as leth Dhia a chorp a thoirt dhi. Fhuair i so; agus a thiota fhuair i cairt, agus thug i 'chorp dhachaidh d'a tigh, agus an ceann beagain thug i beò e.

Cha luaithe dh'fhairich ar laoch e féin a fás làidir, na smuainich e gu'm bu mhlithich togail air an aghaidh naimhdean a dhùthcha. Chunnaic e lann lìobla an crochadh ann an cùil ann an tigh a mhuime. Ghlac e'n claidheamh. Chunnaic e gu'n robh a' chruaidh air a deadh fhoinneachadh. Dh'fhàg e beannachd aig a mhuime, agus thug e 'aghaidh air *Riccartown*. Air an rathad choinnich e ridire Sasunnach d'am b'ainm *Longcastle*, agus a dhithis ghillean. 'Nuair chunnaic *Wallace* iad, chaidh e ceum thar an rathaid, 'gan seachnadh; ach lean iadsan e, ag ràdh gu'm b'éiginn gu'm bu mheirleach e. "Leigibh as mi, 'dhaoine'-uaisle," ars' esan; "cha'n eil mi ach an droch shlàinte." "Cha leig," ars' an ridire, 's e tighinn bhàrr 'eich gus a ghlacadh; "feumaidh tu tighinn leamsa mar phrìosanach." Tharraing *Wallace* a chladheamh á 'truail, agus thug e bruidendh dha a leig a mhionach mu 'chasan. Leum na gillean a thoirt a mach 'éirig; ach cha b'fhada gus an robh an cinn an sud, 's an cuirp an so. Chuir e air armachd an ridire, 's cha b'e an t-òr cuid bu mheasa dheth. Leum e air muin 'eich, agus air aghaidh ghabh e!

Fhuair *Wallace* a nis buidheann bheag do dhaoine taghta a ghiùlan a bhrataich, agus a mhionnaich gu'n leanadh iad e troimh gach cuanart. Chaidh iad 'nan armaibh, agus dh'fhalaich siad iad féin ann an coille mhòir dlùth do *Loudon*, a' feitheamh ri fàth fhaotainn air na Sasunn-aich.

An ceann beagan làithean, fhuair *Wallace* a mach gu robh *Fenwick*, a' cheart fhear a mharbh 'athair agus a bhràthair, a tighinn a màrsadh o *Charlisle* gu Inbheràir le *baggage*. Dh'at a chridhe! Chuir e 'dhaoine an òrdugh. Choinnich iad na Sasunnach ann am beallach cumhann, mar dhìreas tu 'n sliabh. Thòisich an iomairt; agus ged nach robh aig *Wallace* ach leth-cheud fear an aghaidh dlùth air dà chend, a' chuid nach do mharbh iad, theich iad; agus thug *Wallace* leis a' chreach do'n choill!

Bha leithid do dh'eagal air Sasunn a nis roimh *Wallace*, 's gu'n d'rinn iad sìth ri Sir Raonull *Crauford*, brathair-a-mhàthar; ach cha b'fhad' a sheas i; oir, air do *Wallace* a bhi, le 'dhithis ghillean, aon latha a marcachd gun umbail, rinn coigear Shasunnach snas ris, a bha tighinn á Glaschu le òr agus usgraidhean a bhineadh do *Phercy*. O'n bha'n eich féin air an sàrachadh, dh'fhalbh iad agus thugar a th' eich o *Wallace*. Ruith *Wallace* gu brathair-a-mhàthair. Dh'innis e gu'n deach an t-sìth a bhriseadh. Mach a thug e an deigh nan Sasunnach. Beirear orra. Marbhar triùir dhinbh le 'làimh féin, agus a ghillean an dithis eile. Thug e leis a' chreach, agus thug e féin 'sa dhaoine monaidhean Earraghàidheal orra.

Air a'aban o choille gu coille, thainig *Wallace* agus a dhaoine mu dheireadh gu *Gargunnock*, gearastan a bha làn do Shasunnach. Chuir e dithis d'a dhaoine air feadh na h-oidhebe, feuch an robh bealach idir air am faighte fàth. Thill an dithis làn misnich. Dh'fhalbh *Wallace* 'sa dhaoine. Mharbh iad a h-uile mac màthair, agus ghlac iad an gearastan; ach leig iad leis na innathan falbh mu chùl an gnothaich, gun bheanailt ri ribein do dh'fholt an cinn.

Bha barail mhath aig *Wallace* ciod a thigeadh na dheigh so; uime

sin, chaidh e do choille *Mhethven*, mar bheagan mhiltean do bhaile-mòr Pheairt. Bha nis mòran ag éiridh leis. Am measg na dhruid suas ri 'mheirghe, bha Eirionnach foghainteach d'am b'ainm *Stephen*—saighdear dìleas, agus co làidir ri triùir. Smuainich *Wallace* gu'n tugadh e dhàsan comann an airm, agus gu'n rachadh e féin agus dusan no dhà do bhaile Pheairt, a bha fo chlis aig na Sasunnaich, an t-arm dearg. 'Nuair ràinig iad geat' a' bhaile, cha'u fhaigheadh iad a stigh gun fios a chuir air a' Phrothaiste. Thainig am Prothaiste, agus 'nuair chunnaic e duine mòr, àrd, làidir, dh'fharraid e am b'Albannaich iad. Thubhairt *Wallace* gu'm b'eadh; agus co ac' a b'eadh no nach b'eadh, an àm sìth, nach robh reusan neach a chumail a mach. "Tha thu ceart," ars' am Prothaiste; ach tha fear, *Wallace*, a deanamh a leithid do mhilleadh am measg na Sasunnaich, 's gu feum sinn a bhi air ar faicill. Có thusa?—c'ainm a their mi riut?" "'Se m'ainm-sa," arsa *Wallace*, "Uilleam *Malcom*. Is deasaich sinn gu léir, ag iarraidh oibreach." Chunnaic *Wallace* nach robh feum fiachainn ri Peairt a thoirt a mach; ach coma leat, chual e gu robh an Sasunnach brùideil, Sir Seumas *Butler* sa' bhaile, agus ri dol dhachaidh an latha no dhà gu caisteal *Kingleven*. Mach a ghabh *Wallace*. Sheinn e'n fhìdeag. Chruinnich a dhaoine. Riun iad foill-fholach ri taobh an rathaid; agus 'nuair thainig Sir Seumas, leum iad air, agus mharbh iad e féin agus còrr 'us trì fichead fear. A' chuid eile, theich iad do'n chaisteal; ach ma theich. bha *Wallace* air an sàil. Ghlac agus chreach e'n caisteal, agus an sin chuir e sop teine ris!

'Nuair chuala Sir Iain, mac Shir Seumas, gu'n deach 'athair a mharbhadh, mach a thug e air cheann mìle fear, an tòir air *Wallace*. Ràinig iad a' choille. Cha robh aig *Wallace* ach fichead fear-saighde; ach aig Sir Iain bha seachd fichead, a thuilleadh air trì fichead fear-sleagha. Ghlac *Wallace* a thargaid agus a bhogha—bogha nach lùbadh neach an Albainn ach e féin—agus leis a' cheud shaighead, leag e Sasunach. Thug so fras shaighdean o na Sasunnaich, a ledin mòran de na h-Albannaich, agus, am measg chàich, *Wallace* e féin. 'Nuair chunnaic e so, dh'òrduich e d'a dhaoine an saighdean a chuir 'nam builg, agus an claidheamh-mòr 's an t-sleagh fheuchainn doibh. Leum iad a nis air an nàmhaid, 'gan gearradh sìos mar dhiogain roimh bhat' a' bhuachaille. Mu'n àm so, thainig trì cheud fear fuar, fo chomann fir *Lorn*, a chuideachadh an nàmhaid. 'Nuair chunnaic *Wallace* so, thubhairt e r'a dhaoine—"Deanamaid air na cinn-fheadhna, agus cuireamaid as doibhsau, airneo chaill sinn an latha agus ar beatha!" Cha bu luaithe 'thubhairt na rinn. Leum iad troimh bhalla an nàmhaid, gus an d'rainig iad na cinn-fheadhna. Fhuair Sir Iain agus *Lorn* an onoir tuiteam fo chudthrom claidheamh-mòr *Wallace*. 'Nuair chunnaic na Sasunnaich mar thachair, thionail iad gus an cinn a chuir r'a cheile ciod a dheanadh iad. 'Nuair chunnaic *Wallace* so, mach ghabh e féin agus a dhaoine air taobh tuath na coille, agus thugar coille eile orra. Lean na Sasunnaich; ach cha robh fhios aca c'àite an robh iad a' dol. Fhuair iad cuirp an dà sheanailair, *Butler* agus *Lorn*; ach an òr agus an eich, cha robh fios c'àite an robh iad so! Cha robh aig na Sasunnaich ach tilleadh do

Pheairt, 's an earball 'nan gobhal ; agus ma bha biuthas a' cheatharnaich *Wallace* mòr roimhe so, bha e nis uamharra !

Latha no dhà na dheigh so, thug *Wallace* a laoiach do choille eile, dlùth do Pheairt. Am fad 'sa bha iad an so, bha 'ghnàs aige féin dol an dràsda 'sa rithist do'n bhaile, ann an riochd manaich, feuch ciod a chitheadh na chluinneadh e. Latha de na làithean, chunnaic cuid-eiginn e a chuir amharas air, airson a mbeudachd, a bha anacuinseach, agus thug e fairbheanadh do'n t-seanalair. An ath latha thainig am manach mòr, bha cearcal shaighdearan a thiota mu'n cuairt do'n tigh do'u deach e stigh. Chaidh so innse do *Wallace*. Chuir e air a thiota aodach boirionnaich. Chaidh e mach, agus thubhairt e ris na Sasunnaich gu'n robh am fear bha iad ag iarraidh, *Wallace*, air a ghlasadh 'na leithid so do sheòmar. A stigh leum dusan no dhà, a's brisdear an dorus, a's othail orra gu'n d'fhuair iad an nàmhaid ; ach bha'n nàmhaid mu'n àm leth-mhìle mach as a' bhaile. Coma, lean dithis shaighdearan e, a shaoil leo féin gu robh am boirionnach so neo-chumanta mòr, agus duineil coltas. B'fhearr dhoibh fuireach aig baile ; oir cha luaithe fhuair *Wallace* iad a mach o'n bhaile, na thionndaidh e orra, agus le 'chlaidheamh beag, a bha foluichte fo 'chirib, sguidse e na cinn dhiubh.

Thòisich a nis iomadh do mhaithean na h-Alba ri nàire a ghabhail gu'n do leig iad le *Wallace* agus a bhuidheann bhig còir agus aolbar an dùthcha 'sheasamh co fada 'na aonar. Theannaich iad a nis mu 'bhrataich 'nan ceudan. Am measg chàich, bha'n sgoileir àrd, *Bluir*, agus fìrnan gaisgeil, mac do Shir Iain *Graham*. Bha cairtealan an airm Shasunnaich a nis aig Lochmabain, fo chomand fir, *Clifford*. Chaidh *Wallace* aon latha an riochd daine bhochd do'n champa ; agus air da *Clifford* fhaicinn a' deanamh tàir agus a' toirt maslaidh do fhear-dùthcha, tharruing e 'chlaidheamh dileas stàilinn, agus chuir se troimh 'chridhe e ! Cha luaithe thainig so gu cluasan a' champa, na sheid iad an trompaid a chum catha. Ruith *Wallace* chum a dhaoine, a dh'innse mar rinn e. Thug e òrdugh dhoibh an comharradh fhàgail, agus iad féin a chuir an òrdugh anns a' choill bu tiugha. Cha b'fhada gus an d'thainig an nàmhaid. B'e *Blair*, caraid *Wallace*, a' cheud fhear a leòin iad. Cha luaithe chunnaic *Wallace* a chaomh charaid a call 'fhala, na thòisich e orra. 'Sann a sin a bha 'chòmh-dhail ! Bha na Sasunnaich a nis a' dol air an ais, 'mair có chunnacas a tighinn gu'n cobhair, le 'cheudan, ach an gaisgeach *Moreland*. Cha robh comas aig na h-Albannaich a nis dol a null no nall—bha iad air an cuairteachadh ; ach chuir iad romhpa nach gèilleadh iad 's iad beò ! Chunnaic *Wallace Moreland* a gearradh sìos a dhaoine mar asbhuaib air gach làimh. Leum e 'na chòmh-dhail. Bu mhòrach an coinneachadh, ach cha bu bhuan an còmhrag. Cha b'fhada gus na chaisg claidheamh *Wallace* 'iotadh 'na fhuil—nì 'nnair chunnaic an t-arm, thàrr iad as. Lenn *Wallace* agus a dhaoine iad, acrach agus faun mar bha iad, gus an d'rainig iad am baile, agus na ghlac iad e gun bhuille a bhualadh. Ghabh iad beagan bìdh 'us dibhe. agus mach a ghabh iad gu Caisteal *Crawford*. An so, an deigh dhoibh na h-uiread de'n nàmhaid a mharbhadh, chuir iad an caisteal ri theine.

Na dheigh so, rùnaich iad sgapadh ré a' gheamhraidh. Chaidh

gach fear gu 'dhachaidh, ach chaidh an gaisgeach *Wallace* a shealltuinn a leannain gu baile *Lanark*. Dh'innis i do *Wallace* gach car 'us lùb a dh'fhèuch *Hesilrig*, ceann an airm Shasunnach, chum a h-aighe 'bhuanachd, 's gun smuain aige gu'n robh *Wallace* an gaol oirre. Phòs a' bhean-uasal so agus *Wallace* an ceann beagan làithean; agus chaith iad an ùine gus an ath earrach mar bu chubhaidh do lànain òig—cùpan an souais a' cuir thairis le sìth, le gaol, 's le tlachd. Thainig *Hesilrig* iomad uair ré na h-ùine a dh'iarraidh a làimhe, 's gun fhios aige mar thachair. Chuir *Wallace* roimhe uair no dhà an ceann a sgarradh o 'choluinn; ach roghnaich e dàil a chuir sa' chùis, gus an crìnnicheadh e 'dhaoine. Bha'n t-arm Sasunnach a' creachadh 'sa mìlleadh na dùthcha, 's gun duine a cuir grabadh orra. Cha b'urraim *Wallace* so a sheasamh. Shéid e'n trompaid. Fhreagair na creagan—chual' a dhaoine—chaidh gach fear 'na éideadh—agus thogadh a bhratach aon uair eile! 'Nuair thainig so gu cluasan *Hesilrig*, chuir se e féin air cheann deich ceud fear-cogaidh, 's a mach 'thug e an tòir orra. Thuit an oidhche, agus cha d'fhuair e iad; agus thainig e do'n bhaile. Chaidh innse dha an so gu'n robh *Wallace* am falach ré ùine an tigh na mnath-uaisle; agus cha'n e sin, ach gu'n robh i féin agus *Wallace* pòda! 'Nuair chuala *Hesilrig* so, cha bu stad dha gus an d'rainig e 'tigh. Bha i 'na cadal; agus ma bha, b'e sin an cadal luaineach, brailleach, breislineach; agus cha b'ìoghnadh e! Dhùisg a' bhrùid Shasunnach i le 'ghluth mucail; agus an deigh a mìomhachadh, cha deanadh a deòir, 'sa h-ùrnuigh, 'sa h-aslachadh, air a glùinean rùisgte, drùghadh air—tharruing e 'chlaidheamh, agus shàth e 'na cridhe e!!

'Sann orts, m'bie-chridhe, tha e feitheamh, 'nuair chluinneas *Wallace* e! 'S iomad mìle Sasunnach a chrìothnaicheas air a shon so—'s iomad sruthan a ruitheas dearg chum na tràghad le fùil air a shon so!

Cha b'fhada gus an cuala *Wallace* an sgeul brònach. Ma chuala, cha robh mionaid ri chall. Bha nis an oidhche ann, agus na Sasunnach 'nan leapaichean, agus, ar leo féin, làn thèaruinte. Rainig *Wallace* an geata, agus, le ultach mòr cloiche, spealg e 'chòmhlà. Thuit iad air an nàmhaid anns gach cearn, 'gam marbhadh 'nan ceudna. Cha b'fhois do *Wallace* gus an d'fhuair e mach mortair a mhnatha, agus na ghearr e 'na cbeithir cheithreannan e.

“ An làmh a bheir, 'si 'gheibh.”

'Nuair chuunaic Albainn co buadhar 'sa bha *Wallace*, ghreas na h-uiread diubh chum a chobhair—nì 'nuair chuala Iomhar, rìgh Shasunn, thainig e air cheann armailte mhòr, gus an smàladh. Choinnich na seòid aig *Biggar*, baile beag an taobh so do Dhùnèidion; agus ma choinnich, 'sann a sin a bha'n t-slachdradh! Cìod a th'agad air, a leughadair, ach gu'n do chuir *Wallace* agus a sheòid an ruaig orra; agus am beagan a mhair beò dhinbh, bu bhuidhe leo Sasunn a thoirt orra, agus Rìgh Iomhar air an ceann!

Gheibh sibh an còrr ri ùine, ma's maireann

MACTALLA.

EILEAN A' PHRIONNSA.

Cha'n eil eilean air uchd a' churain is maisiche n'an t-eilean so. Tha e air a mheas ro tharhhach, agus is fhad o'n ghloireadh dheth, "Gàradh America mu Thnath." Tha e air a shuidheachadh ann am beul na h-aimhne mòr *St. Lawrence*, agus dlùth air Ceap Breatunn. Chaidh Eilean a' Phrionnsa agus Ceap Breatunn a ghlacadh o na Frangaich o chionn còrr 's ceithir fichead bliadhna, mu'n àm 'san do ghlacadh daingneach làidir *Quebec* uapa leis an arm Bhreatunnach, fo'n cheannard chalma *Wolfe*. Cha'n eil idir uiread iomradh air Eilean a' Phrionnsa 'sa th'air cearnaihl eile do America; 's ged tha e mu thuairmeas seachd fichead mìle air fad, agus mu chòig mìle deng thar fhichead air leud (far am mò a leud). cha'n eil ach earrann bheag dheth air àiteachadh. Tha e air a ghearradh gu mòr le aibhnichean maiseach, mar tha Muile a's eileanan eile, le lochanna sàile. Cha'n eil e eucoltach ri Muile, mar tha e 'na luidhe air uchd na fairge; ach cha'n fhaicear beinn o cheann gu ceann dheth. 'S gann nach 'eil e uile 'na chomhnard, mur faicear mullaich an sud 'sa so, agus glacagan a's gleannain bhòidheach. Tha iasg ro phailt anns na h-aimhnichean, ach cha'n eil mòran tograidh aig an t-sluagh an glacadh; agus 'se 's aobhar dha so, gu'm feum iad an saothair nìle a dh'oibreachadh an fhearainn. Tha'n talamh gainneamhach, agus ro fhurasd oibreachadh. 'S gann gu'm faicear creag no clach air achadh, 's cha'n iarr am fonn ach ro bheag leasachaidh. Tha buntàta, coire, eòrna, a's cruithneachd, a' fàs gu pailt ann; agus is mò a th'air a ghuàthachadh do'n aran chruithneachd na do aran air bith eile, 'sna bailtibh 's ann an tighean na dùthcha. Tha iad a fuine an arain sin 'nan tighean féin. Tha sluagh an eilean so, mar tha iad anns gach ùr-threabhachas eile, ro dheas air gach obair, mar gu'm biodh ann Freasdal ann an caoimhneas 'gan nìdheamachadh airson an crannchuir. Ma's e brisdeadh a' chonnaidh, no leagadh nan craobh e, tha fileantachd aca 'san obair sin fhéin, a tha dùsgadh ioghnaidh gach eilthirich. Cha'n fhaic riann an coimeas air laimhseachadh na tuaighe.

Chaidh àireamh an t-sluaigh a ghabhail o chionn ghoirid, agus cùisean eile fhiosrachadh a thaobh an eilean; 's tha cùisean a' seasamh mar a leanas:—

Àireamh an iomlain do'n t-sluagh, eadar an t-eilean fhéin agus eileanan beaga th'air an àiteach mu'n cnairt da,	47,034
Aireamh an t-sluaigh a bhuineas do'n Eaglais Shas-unnaich,	5,678
A bhuineas do'n Eaglais Albannaich,*	15,095
Do'n Eaglais Phàpannaich,	20,429
Methodaich,	3,421
Baistich,	1,609

* Presbyterians.

Aireamh nach buin do aidmheil air bith a chaidh ainmeachadh,	772
Aireamh oscionn trì fichead bliadhna,	1,816
—— Eadar còig 's dà fhichead a's trì fichead,	3,671

Am bàr a chinn air a' bhliadhn' a chaidh seachad:—

Buiseil cruithneachd,	160,659
Eòrna,	83,290
Choirce,	611,824
Bhuntàta,	2,250,114

Aireamh nan each,	9,861
A' chruidh,	41,914
Nan caorach,	73,643

Ach fhathast cha'n eil trian de'n eilean air àiteachadh. Feudar a thuigsinn gu bheil e fallain o'n àireamh do sheann daoine a th'ann. Cha'n eil am fiabhras critheannach aithnichte ann, 's cha mhlò tha'n geamhradh cho fuar, no'n samhradh cho teth, 'sa tha iad ann an Canada. Tha mòran Ghàidheal ann, a tha leantuinn gu teann ri cainnt 's ri cleachdaidhean na tìre a thréig iad. 'S ged tha e 'na aobhar mulaid tìr nam beann fhaicinn air a dìobradh, agus "a fàrdaichean blàth 'nan làraichean fuar," is dearbh nach do mheath cruadal a' Ghàidheil riamh ann an uclh a chloinne, an ionad air bith 'san d'òrduich am Freasdal an crannchur; 's cha'n eil iad ach tearc a ghabh aithreachas an dùthaich fhàgail. 'Se aimsir cruadail a ni sluagh gaisgeil; agus anns an ainhreit a bha o chionn bliadhna no dhà ann an Canada, dhearbh na Gàidheil nach b'e "ceum air ais an dùthchas."

Tha na h-Albannaich am bitheantas ag altrum mòr-ghràdh do eaglais an athraichean; agus cha'n eil dearbhadh is soilleir air a so na na h-oidheirpean a rinn iad an so, 's an cearnaibh eile, air eaglaisean a thogail, ged nach robh aca ach an dòchas a ni'n cridhe tinn ri ministirean fhaotuinn. Bu chulaidh aoibhneis do'n eilthireach an eaglais bhàidheach fhaicinn ann an iomall na coille, 's an co-thional mu'n cuairt d'i, a's iad a' gluasad feadh nan uaighean a th'anns a' chladh a tha mu'n cuairt do'n ionad aoraidh. Nach bu taitneach an sealladh so fhaicinn—an co-thional, 's na foirbhich, a's gach uidheam eaglaise, far nach robh ministèir riamh, mur tigeadh aon an tràs 'sa rìs? Anns an àite tha nis 'nar beachd, o chionn beagan bhliadhnachan, dh'éug Gàidheal air an robh mòr mheas aig a luchd-dùthcha, a's aig a luchd-eòlais gu léir; a's 'nuair a bha e air bruaich na sìornidheachd, dh'iarr e air a chàirdean gun 'ùir-san a thasgaidh ach ann an cladh na h-eaglaise mu'n d'rinn sinn iomradh. 'Nuair a bhi 'g éisdeachd an sgeòil so, leum an fhirinn so gu m' chuimhne—

Oir t'òglaich tha a' gabhail tlachd
 'Na clachaibh breagh' gach uair;
 Tha deagh thoil aig do sheirbhisich
 D'a luathre is d'a h-ùir.

(Salm cii. 14.)

Ach, mo thruaighe! tha mòran 'san eilean so a téachd beò anns a' chaoin-shuarachas is muladaiche 'thaobh na h-eaglaise, 'sa thaobh na nithean a bhuineas d'an sith—air an giùlan air falbh leis gach gaoth teagaisg, 's air an ribeadh anns an t-saobh-chràbhadh is mìlttiche. Tha dorchadas agus aineolas mòrain, cho mhath ri gearan nan daoine diadhaidh, mar an duine o Mhacedonia, ag aontachadh ann a bhi cuir a' ghlaoidh so thair a' chuan, “Thigibh a nall g'ar còmhnaidh!”

Aig sruthaibh coimheach Bhabiloin,
Shuidh sinn gu brònach bochd;
An sin air Sion chumhuich sinn,
Is ghluicadh leinn gu goirt.

(Salm cxxxvii. 1.)

AN Gàidheal ANN AN AMERICA.

DÀN SHOLAIMH.

CAIB. II.

Mar ròs o Sharon 's amhluidh mi,
'S mar lili gheal an àigh;
Mar lili am measg droighnich ghéur,
'Measg oighean tha mo ghràdh.

Mar chrann nan ùbhlán 'measg nan craobh,
Gu'n d'fhàs mo rùn 'measg chàich;
Fo sgàil do mhiannaich-s' shuidh mi sìos;
Bha thoradh blasd' do m' chàil.

Threòraich e mi do thigh an fhìon,
'S b'i bhratach tharam gràdh;
Le còrnaibh cumaibh suas mo chridhe,
Oir tha mi tinn le gràdh.

Fo m' cheann, gu caidreach, càirdeil, tha
A làmh chli féin gu maoth;
A's timchioll orm tha 'dheas làmh fòs,
Gu curranach 's gu caomh.

A nighcana Ierusalem!
Chuirinn mar impidh oirbh,
A's fòs air eilid agus earb
Tha ruith sa' mhachair dhoirbh!

Nach cuir sibh dragh air fear mo ghàidh,
Annasaid a's sùgh mo chéile:—
Nach dùisg sibh esan as a shuain,
Gu'n t-àm an àill leis féin.

'Se guth mo ghràidh ! Feuch, tha e teachd,
Air beanntaibh àrd a leum ;
'Toirt sìthidh air na tulaichibh,
Na dhean-ruith thugam féin.

'S cosmhail mo ghràdh ri earb nam beann,
No laoihear donn an fhéidh ;
Sealltuinn air na h-uinneagaibh,
'Ga nochdadh féin troimh 'n chléith.

Phreagair mo ghràdh, a's thubhairt e,—
Éirich, a bhean mo rùin :
M' aon sgianbach àillidh, éisd mo ghuth ;
Grad éirich, a's thig leam.

Tha'n geamhradh fuar a nis air trial,
A's dh'fhalbh an ràidhe fliuch ;
Tha blàithean ùr ag éiridh suas,
'S na h-eòin a' seinn gu moch.

Tha guth a' chol'main anns an tìr ;
Tha figean fàs gu luath ;
Tha dearean maoth 'chroinn-fhìon a' fàs,
'Toirt fàile cubraidh uath'.

Éirich a nis, a bhean mo ghaoil !
Éirich ; thig leam gun dàil :
Mo ehol'man tha an sgolta 'chreag,
'S an còsaibh dìomhair tàmh !

Ceadaich-sa dhòmhsa amharc ort ;
O ! eluinneam guth do bheòil ;
Oir 's biun do ghuth, 's tha t-eugas àill
A's maiseach air gach dòigh.

Na sionnaich glacaibh dhuinn a nis—
Na sionnaich bheaga ruadh,
A mhilleas na croinn fhìon air fad,
'S na dearcan òg gu luath.

'S leamsa mo ghràdh, is leis-san mì—
Is leis-san mi gu bràth.
'Se theachd-an-tìr' a thlachd, 'sa rùn
'Bhi 'measg nan lili tàmh.

Gu àn na fàire a's trial na duibhre,
O pill ! a's bi, a ghràidh,
Mar earbag òg, no meang an fhéidh,
Air beanntaibh Bhéteir àrd !

EACHDRAIDH THAITNEACH AIR FÌRIN A'S ONAIR ARD ANN AN DUINE BOCHD, A' TOIRT FIANUIS AN AGHAIDH A MHIC FÉIN.

SGEUL FÌRINNEACH.

Bha Micheil Connal 'na chroiteir ionraic, còir, dlùth do Bhalina, an Eirin. Thainig fiabhras gabhailteach eagalach air a theaghlach, 's cha dùraichdeach coimhearsnach na fear-eòlais tighinn a stigh air a dhorus. Chaochail a bhean agus pàisd beag. Ghabh e féin am fiabhras. Thainig e uaithe; ach bha e co lag 's nach robh comas aig air cosnadh a ghabhail, na ni air bith a dheanamh. Bha 'athair air an àm beò, agus fuireach maille ris. Cha robh greim béidh aca de sheòrsa air bith ri itheadh. Bha 'chlann a' glaothaich airson arain, ach cha robh greim ann air an son. Bha Micheil mar neach as a bheachd—air a bhuaireadh, gun fhios ciod a b'urrainn da 'dheanamh—gabhail fasgadh air uairibh taobh nan cnoc, seach bhi 'g éisdeachd gaoir nan leanaban, gun màthair a' freasdal orra—'sa faicinn an t-seann duine a' sìoladh as, 'sa bàsachadh le goirt. Cha robh fios aige ciod a dheanadh e; bha e mar dhuine as a chéil. Dh'fhalbh e 'san oidhche, a's ghoid e caora. Mharbh e i, a's chleith e 'san t-sabhal i. Thainig maoir air an latha màireach. Fhuair iad a' chaor' air a fionnadh. Thug iad leo Micheil gu pìosan; a's ghlac iad an seann duine mar an ceudna, gu bhi 'na fhianuis an aghaidh 'mhic.

Thainig latha na deuchainn. Shuidh a' chùirt, na morfhearan dearg agus sluagh mòr a' làthair. Chualas air feadh na dùthcha mar thachair. Bha meas mòr air Micheil 's air 'athair. Bha fios gur i 'n éiginn chruidh a thug air a' chaor' a ghoid, agus bha dòchas aig daoine nach b'urrainn iad a' chùis a dhearbhadh 'na aghaidh. Cha robh fianuis ac' ach an seann duine, a's ghairmeadh a stigh e. Mar bha na maoir 'ga thoirt a stigh, sheas a h-uile h-aon 'bha làthair—bha iad co iarratach air sealladh fhaotainn dhe. Bha buachaill na treud as na ghoideadh a' chaora nis 'ga cheasnachadh. Dhearbh e gu'n do chaill e aon de na caoirich 'bha'n earbsa ris, 's gu'n d'fhuair e closach caor' 'an sabhal Mhicheil; agus dhearbh na maoir nach b'urrainn an seann duine 'bhi aineolach air na thachair, o'n dòigh anns na labhair e ri Micheil 'nuair bha iad a' rannsachadh an tìghe. Mu dheireadh thainig an seann duine, Peirie Connal, a stigh, a's chuireadh an àite-suidhe na fianuis e. Cha robh sùil sa' chùirt nach robh sochruichte air an t-seann duine. Chuir am breitheamh e féin a ghloine r'a shùil, a' ghabhail beachd air an athair a ghairmeadh gu fianuis a thogail an aghaidh a mhic.

Ged a bha seann Pheirie Connal air seargadh as gu mòr 'na neart 's 'na choslas, sheas e suas gu misneachail. Bha rughadh is deirge 'na ghruaidh, is lasadh 'na shùilean gorm; ach bha a bhlilbh co geal ri ite faoileann, 's co tiorram sheargte ri spoing. Sheas e, agus dh'lùth-bheachdaich e air a' bhréitheamh. “Dean suidhe, a dhuine chòir,” ars' am breitheamh; “dean suidhe.” “Mòran taing,” arsa

Peirie; “mòran taing—tha mi fad ’nar comain; ach ceadachibh dhomh dol air mo ghluinibh car tiota beag.” Rinn e sin; agus an dleigh do’n t-seann duine a cheann a lùbadh, agus comharadh na croise a dheanamh air clàr ’aodainn, dh’amhairc e suas, agus thuirt e le guth slàn làidir, a chuala gach aon—“O thusa, mo Bhreitheamh a ta air nèamh! ’san riutsa tha m’ ùrnuigh—gu’n gleidheadh thu mi seas-mhach air slighe mo dhleasnais air an àm, an làthair mo bhrèitheamh saoghalta. *Amen.*” Air dha so a ràdh, shuidh e, agus dh’eirich am fear-tagraidh chum a cheasnachadh.

“A Pheirie Connal, an aithne dhuits’ am prìosanach sin ’na shuidhe air do chùlthaobh? Amhairc air. ’Ne Micheil Connal is ainm dha?”

“Matà,” arsa Peirie, “o’n nair ’san oidhche anns an d’rugadh e, gus an oidhche sin anns na riuneadh an gnìomh sin airson a’ bheil mise an so, b’aithne dhomh Micheil gu maith—h-uile smuain bha ’na chridhe; b’aithne dhomh gach rùn ’s gach gnìomh; cha do cheil mo Mhicheil féin ni riamh o ’athair, gu ruig oidhche na dunach. Ro’n oidhche sin, cha robh duine beò a b’urrainn a ràdh ri m’ Mhicheil féin gu’m b’olc. Thog mi e ann an eagal Dhé, ’s bha eagal Dhé air ’anam. Ach is cinuteach mi gu’n cual ar n-onair féin, ’s gach neach sa’ chùirt, mar thachair. Eisdibh rium, uaislean urramaichte; tha mise, seann Pheirie Connal, an so an diugh chum fianuis a thogail an aghaidh mo dheagh mhic, agus cuideachadh leis an lagh a chrochadh—mo mhac, m’aon mhac, mo Mhicheil dleasnach féin! Ach airson sin uile, ’s còr dhuibh a thoirt fa’near ciod a thug air Micheil so a dheanamh. ’Sann air mo shonsa, agus airson na muirichinn bheag, a bha glaothaich leis an acras, a rinn e ’n gnìomh. Bha’m fiabhras an tigh Mhicheil. Thug am fiabhras air falbh a bhean agus a phàisd. Bha e féin ’na luidhe iomad seachdainn, ’s bu bhochd a ghluileachd. Chaidh e air tòir cosnadh air maduinn an latha sin, gun a thrasg a bhristeadh, gun ghreim itheadh; oir cha robh greim ann. ’Sann mar so a bha—gun uiread is aon chuap buntàta féin ’san tigh; agus ’sann an sin, fo bluairesas, fo chaothach, ag éisdeachd glaothaich a phàisdean, a rinn e ’n gnìomh. Ach ghabh e aithreachas. Gheall e dhomh ’sa mhaduinn nach beanadh e do’n mhèirle—gu’n aidicheadh e’n gnothach uile dhàsan o’n do ghoid e i; agus fada mu’n d’thainig na maoir, bha e ’na aodach, gu falbh a dh’iarraidh na dèirc am measg a luchd-eòlais. Sìn agaibh firinn Dhé.”

“’S éiginn dhomh fheòraich dhiot fathast,” arsa’ am fear-tagraidh, “am fac thu Micheil ’san t-sabhal air an oidhche sin?”

“Am faca mi e?” deir an seann duine. “Mata, chunnaic; le m’ shùilean féin chunnaic mi e.”

“Ciod,” arsa’ am fear eile “’bha e deanamh?”

“Bha e—Dia a dheanamh tròcair airsan agus ormsa—bha e fionnadh na caorach le ’làimh féin.” Mar labhair e so, chrom e ’cheann; thuit na deòir; a’s, gar an cualas e, thainig reachd a’ bhròin ’na mhuineal.

“’Nis, a dhuine chòir,” arsa’ am fear-tagraidh, “ged is duilich leam a dheanamh, cha’n eil comas air. Gabh *slat bhreac* na cùirt, agus

cuir i air ceann an fhir a chunnaic thu le 'làimh féin a' fionnadh na caorach."

"Och, matà, matà! na iar orm sin a dheanamh; a dhuin'-uasail cheanailt, na iarr orm." Dh'eirich Peirie truagh, a fàsgadh a lamhan, a' sìleadh nan deòir, 'sa gul. "Na iarr orm," deir e; "gél dhomh an aon iarrtas so, mar is mian leat féin an guidhe ma dheireadh fhaotainn o d' Bhreitheamh àrd."

"S duilich leam a ràdh," deir am breitheamh, "gur éiginn dhuit so a dheanamh. 'Se so an lagh, 's cha'n eil dol as." Mar a labhair am breitheamh so, chrom e 'cheann. a' cleith nan deòir a bha tuiteam air a' phlaipeir air an robh e sgrìobhadh.

Ghabh Peirie an t-slat bhreac 'na làimh. Dh'amhairc e an aodann a mhic. "A Mhìcheil, a mhic," deir e; "a Mhìcheil, mo thearmunn 's mo ghràdh, 'ne t'athair féin 's éiginn so a dheanamh, mo bhuachaill rùnach?"

"Tha m'athair a' deanamh mar bu chòir dha," arsa Mìcheil. Le so chuir Peirie an t-slat air ceann a mhic.

"Tha'n deuchainn seachad," ars' am fear-tagraidh; "cha'n eil tuille agam ri ràdh."

Dh'eirich am breitheamh, duine co aoidheil dhreachmhor 'sa shuidh riamh an cathair a' cheartais, agus mar so labhair e ri uaislean a' mhòid (mar theirear sa' Bheurla, an *jury*):—"A dhaoine uaisle fhìrinneach, a tha air blur mionnachadh gu ceartas a dheanamh eadar duine agus duine 'reir an lagh, chuala sibh a' chùis so uile. Cha'n fhaodar àicheadh nach do ghoid Mìcheil Connal a' chaora. Tha sin 'na ghnothach làn chinnteach. Ach is cùis so nach d'thainig a leithid riamh fo m' bheachd. Tha mac air an robh deagh chliù riamh an so airson goid caorach, chum 'athair 'sa leanabain a' chumail o bhàs. Tha'n seann duine, 'athair, air a ghairm chum fianuis a thogail 'na aghaidh. Dh'innis e an fhìrinn, an fhìrinn uile, 's cha do chleith e 'bheag. Dhi-chuimhnich e 'gràdh do 'mhac féin, a' seasamh suas airson na fìrinn, agus a dhleasnas do Dhia 'na fìrinn. Cha do thachair nì orm riamh cosmhuil ris a so. Tha foghlum ri fhaotainn uaithe leis gach aon againn. Ach 'se mo bharail gu bheil e 'n comas na cùirt a chead a thoirt do'n phrìosanach. Ghoid e a' chaora, gun teagamh; ach có bu leis a' chaora? Cha d'rinneadh a mach gur i 'chaor' a chaill an duine so—am buachaile a thug an gnothach mu choinneamh na cùirt. Cha tugadh e 'mhionnan gur i 'chaor' a chaill e a bh'ann. Cha d'fhuair e craiceann, na combarradh-cluaise, na dearbhadh air bith eile. Cha d'rinneadh a mach a' chùis an aghaidh Mhìcheil. Cha'n eil aige ach amharus gur i 'chaor' a chaill e bh'ann. Theagamh, uime sin, gu'n tarruing esan a thug a stigh a' chùis do'n chùirt air ais an gnothach uile gu léir, agus mar sin gu'm faodar am prìosanach a leigeil as."

Air a' cheart ùm so, thainig duin'-uasal eireachdail air aghart do'n chùirt le cabhaig, a's fallus a' tuiteam a nuas o 'mhàlaidhean. "Bu leams' a' chaora chaidh 'chall," deir e, "'s cha bu leis a' bhuachaill. Cha'n eil mise ag agairt a' phrìosanaich, na cuir na mèirle as a leith. B'fhearr leam a h-uile h-aon do'n treud a chall, na cridhe an t-seann

duine a bhristeadh, na Mìcheil còir a chrochadh. Cha chràla mi diog mu dheibhinn so gus an diugh. Bha mi 'n Sasunn, 's cha'n eil mi ach air tilleadh. Leigibh Mìcheil còir as, agus geallaidh misè obair a chumail ris fhad's as beò e." Agus mar a gheall, rium e.

Bha 'chùirt air dùnadh, agus fhuair Mìcheil a chead. Leum 'athair 'na bhroilleach, agus phòg e 'mhac. Mu'n deachaidh a' ghrian fodha, chruinnich na h-uaislean làn sporain do dh'òr do'n t-seann duine; agus dìth no dearas cha robh orra fhad's bu bheò iad.

Chithear uaithe so mar tha Dia seasamh na fìrinn, 'sa toirt neart d'a phobull, an àm na deuchainn, an dleasnas a dheanamh.

C.

LITIR DO'N CHUAIRTEAR.

DEAS FHREAGAIRTAN.

A dhuin' uaisail nrramaich,

Ma tha sibh a meas gur àiridh am beagan fhocail a leanas a bhi air an enr sìos, no gur fiù iad an aithris da'r luchd-lenghaidh air feadh na Gàidhealtachd, cuiridh sibh comain ormsa le àite a thoirt dhoibh ann an Cuairtear nan Gleann.

Bha na bàird Ghàidhealach, mar tha fios aig na h-uile neach d'an aithne nì sam bith mu'n chùis, anabarrach deas aig labhairt gun ullachadh, no a bhàrr-làimh, mar theirear; agus is minig a chuala sinn duanagan, a chuireadh ri chéile air an dòigh so, cho fìleanta snasmhor 's ged bhiodh iad air an deacadh le tuilleadh saothrach agus ùine.

Chuala mi aon nair mu bhalachan bochd a chaidh steach do thigh anns an robh bean chruaidh-chridheach, aig nach robh bàigh no iochd ris na femmaich, a chionn nach do mhothaich i féin riamh ciod e bhi ann an nireasbhuidh. Air di sealltainn gu h-àrdanach tàireil air a' bhalachan bhochd a thàinig a stigh, labhar iad ri chéile mar so:—

Ise. Cia as thàinig am bradaidh truagh?

Esan. As a' bhuaile mhaiseich mhìn.

Ise. Is bochd 's is tana do ghrnaidh.

Esan. Cha bhi tnar air cion a' bhìdh.

Ise. Nam bithinn-se mar tha thu, 's mi gu'n goideadh.

Esan. Ged bhitheadh tu mar tha mi, 's iad nach leigeadh.

Ise. Bu bhàrd, tha mi saolsinn, a b'athair dhuit.

Esan. Cha b'àrd e, 's cha b'ìosal, ach mu'n mheud mheadhonaich.

A reir innseadh-sgeòil, bha'n Leanabh Illeach (mu'n cuimhne leinn iomadh nì a chluinntinn o ar sinnsear, 'nnair bha sinn òg, a chuir ioghnadh nach bu bheag oirnn aig an àm sin) air leth ainmeil airson seòltachd agus seanachaidheachd nam freagraidhean a bha e cleachdadh a thoirt seachad anns a' ghnè bhàrdachd so. Bha e air a shàrachadh, ma's fìor an aithris, le droch mhuime, a bha buintinn-ris cho an-ìochdmhor, 's gur gann nach robh i 'ga chur

bàs leis an acras. Ach bha i 'g oidhirpeachadh so a chleith mar b'fhearr a ghabhadh deanamh. Aon là air an d'thainig na coimh-earsnaich a stigh, air dh'ise a ghruaidhean a dheanamh ruiteach le 'aghaidh chumail ris an teine, agus reamhrachd a chur timchioll a bheòil, a chum 's gu'n saoiladh a' mhuinntir a thainig a stigh gu'n robh i 'ga altrum cho caomhneil 's ged bu leatha féin e, bhruidhinn a mhuime ris, agus fhreagair an leanabh sicir so i mar leanas:—

Ise. 'S ruiteach sin, a ruiteachain.

Esan. 'Se'n teine mòr a loisgeas mi.

Ise. 'S rapach sin, a rapachain.

Esan. Cuir thar mo bheul a' mheacharachd.

A thuilleadh air an tapachd a tha ri fhaicinn air nairibh ann an duanagaibh a chuireadh ri chéile gun ùine gu smuaineachadh mu'n deibliunn roimh làimh, 's minig nach robh an ealantachd cainnt so idir neo-fheumail. 'S cuimhne leinn i bhi air a cleachdadh aig àmaibh sònraichte chum muinntir a shaoradh o chunnart agus o éiginn. Có nach cuala mar chaidh Cailean a chumail o dhol an làimh, leis gu'n do chluith am pìobaire am port sin, “A Chailean, mo rùn, seachainn an Dùn,” &c.?—agus mar nach d'amais an nàimhdean fuileachdach air buidheann do Chloinn Ghriogair threnn, 'nuair shéinn a' bhean aig an robh iad 'na tigh, “'S mi a'm' shuidhe 'n so m' ònrachd, air còmhnard an rathaid,” &c.?

Cha'n ainnich mi aig an àm so ach aon chùis eile, anns an robh luinneag de'n t-seòrsa chendna 'na mheadhon air beatha neach a shàbhaladh. Thachair do dhuine àraidh a bha air thuras a thighinn 'san annmoch a dh'ionnsuidh tighe, far an d'iarr e cead fantainn ré na h-oidhche. Thugadh aoidheachd dha gu suilbhir; agus an deigh àm snipeir, chuireadh a luidhe e ann an leaba chliù-mhor shocrach a dh'ullaicheadh air a shon. Ach goirid an deigh dha e féin a leigeadh sìos gu fois, thòisich a' bhanaltrum a bha 'san tigh air crònan a ghabhail do'n naoidhean a bh'aice air a glùn, mar gu'm biodh i 'ga chur a chadal; agus air dha beachd a ghabhail air na briathraibh a bha i 'g aithris, b'ìoghnadh leis i bhi sìor shéinn—

Aoidh, na dean cadal idir;

Aoidh, thoir as ris an tòm;

Seall a stigh fo bhruaich do leaba,

'S gheibh thu gàirdean rag 's e tròm.

Cho math 'sa chuir an coigreach umhail nach robh na h-uile nì ceart, dh'éirich e le cabhaig, chuir e 'làmh a stigh fo'n leaba, agus air dha an “gàirdean rag 's e tròm” fhaireachdainn ann, leum e mach troimh uinneag a bha 'san t-seòmair, agus thà e as le 'bheatha.

Is mise bhuir seirbhiseach umhal agus dileas,

SEANACHAIDH.

AILEAN MAC-RUAIRIDH.

Bha'n ceann-feadhna mòr so co cumhachdach 'sa bha r'a linn. Bha aon uair trì chinn-fheadhna aige comhla anns a' Chaisteal Thioram. Ghleidh e an sin iad là a's bliadhna, 's na dheigh sin leig e air sgaoil iad, a dhol sàbhailt gn'n daoine féin. Bu Mhac-an-Tòisich a h-aon de'n triùir, agus b'e aon fhacall a thubhairt e b'aobhar air a sin. Bha eagal mòr air roimh Ailean Mac-Ruairidh, 's cha b'ann gun aobhar, oir bha e innleachdach co math is làidir. Thog, uime sin, Mac-an-Tòisich daingneach làidir ann an eilean 'na dhùthaich féin. Thug e cuirm d'a dhaoine 'nnair bha crìoch air. An àirde uail, is a'm meadhon a luchairt, thubhairt e gu'n robh e nis sàbhailt, neo'ar-thaing do dh-Ailean Mac-Ruairidh. Bha fear sa' chuideachd a dh'fhàg Mùideart iomad bliadhna roimh sin, air dha mialachd a ghabhail r'a cheann-feadhna féin, airson dìmeas eiginn a rinn e air. Chaidh e do dhùthaich Mhic-an-Tòisich, 's bha e an sin mar aon d'a dhaoine féin. Ach ghabh e tàmailt airson an fhacail. Ràinig e 'chridhe. Las end 'anma airson urram a chinn-feadhna. Bha e 'na thosd 'san àm, ach ghabh e a' cheud chothrom air tilleadh gu 'dhùthaich féin, chum innseadh do dh-Ailean Mac-Ruairidh cìod a thubhairt Mac-an-Tòisich. Faicibh co dìleas 'sa bha daoine 'sna linntean sin d'an cinn-feadhna!

Leig iad fuath a's gamhlas air chùl,
A's bha iad uile a dh'aon rùn.

Thàr Ailean Mac-Ruairidh as le 'dhaoine taoghta, gun fhios gun aoidh. Thug e leis Mac-Cuimhne (oir b'e sin ainm an duine a thill ris) na fhear-iùil. Thainig e air Mac-an-Tòisich mu'n robh e 'na fhaicil, agns ghiùlain se e d'a dhùthaich féin. Gun cheannard, cha robh feum tòiseachadh ri strì ri dèine cho treun ainmeil, aig an robh an ceann-feadhna fo iochd; agus b'èiginn dhoibh foighidean a dheanadh. Thill Mac-an-Tòisich dhachaidh an ceann na bliadhna, le barrachd fìosrachaidh mu Ailean Mac-Ruairidh.

Ach ged a bha ceann-cinnidh Chloinn Raonuill 'na dhuine cumhachdach 's 'na nachdaran treun, bha e air uairibh ann an cunnartan 's an mòr gàbhaidhean. Thuit dha bhi aon uair 'na bhìrlinn le beagan daoine, a' dol seachad air Eilean na Muc. Thug am fear-coimhead fa'near tè mòran bu mhò 'tighinn thar an Rutha. Dh'aithnich iad gu'm b'e Mac-Illeathain a bh'ann—an dearg nàmhaid. “Cìod a ni sinn?” arsa fear. “Teicheamaid,” thubhairt feadhain eile. “Air ar n-aghart, fhearaibh!” ghlaodh an ceann-feadhna, gun sgàth gun cagal, is e 'ga shìneadh féin air clàr na bìrlinn. “Cuiribh ma bhreacan tharram,” ars' esan. “Seinn, a phìobaire, cumha Chloinn Raonnill. Innsibh do Mhac-Illeathain gu bheil sibh a' dol le'r ceannard gu 'chàramh fo lìc ann an I-Challum-Chille.” Thainig Mac-Illeathain 'na bhìrlinn mhòir. “Cò th'agaibh an sin?” dh'fhiosraich e. Fhreagair iad mar

dh'iarraidh orra, gu'n robh iad a' dol le Ailean Mac-Ruairidh gu 'adhlac am measg rìghrean a's chinn-fheadhna na h-Alba. "Mo dhearg nàmhaid!" arsa Mac-Illeathain; "ach sìth leis—thriall e uainn;" agus ghabh iad seachad air a chéile. Cha luaithe bha iad as an t-sealladh na dhùisg a's dh'éirich an marbh. "Deanaibh cabhaig, fhearabh, thar an Rutha; cha'n eil an ùine is lugha ri chall." Bhuail iad gus a' chlach hu dlùithe orra do dh-Eilean na Muc. Chaidh a' bhirlinn air a h-aghart tro'n chaol. Ghabh Clann Raonuill tro'n dùthaich, a' cur smùid ris an eilean, a's Clann 'Illeathain a' trusadh leo creach-Mhùideart. Bha cuid dìnnh dìreadh mach braigh Sgair-Dois; 's air faicinn Muile 'na smùid, ruith iad le sgeul an uamhais, gu Mac-Illeathain. "Tha Ailean Mac-Ruairidh beò fathast," deir esan; "greasamaid na dheigh—gu dian air a thòir!" Leum iad gu fairge, gun sùil air creach na tìr. B'e Ailean Mac-Ruairidh a' chreach hu mhian leo ghlacadh. Bha'n Rutha buan, ach chaidh iad thairis air an tiota. Thàr iad gu tìr an cabhaig, mar choin air lothain, làn thogarach gu bhì an sgòrnan an fhéidh. Ach hha car eile an ruidhle a' bhodaich air nach do smaoinich iad. Cha robh ac' ach an nead; ghabh na h-eòin air ite. Ce'mar thachair sin? Thill bìrlinn Chloinn Raonuill an caol Mhuile. Ghabh i steach do Loch Suanairt. Thar-ruing na laoiach air tìr i 'san t-Sailean. Thug iad as a cheile i. Thog iad gach clàr is crann air an guailibh, a's chuir iad a rithisd air saile i ag bun Ahhunn Sheile.

Cha'n eil an so ach beagan do dh'eachdraidh an duine ainmeil so, a shàhlail air an uair sin a bheatha féin; a ghleidh creach á 'dhùthaich gun mhòran call d'a nainhdean, a chuireadh dhachaidh an cabhaig.

Bha Clann 'Illeathain 'ga shireadh o àite gu àite. Fa dheireadh thug iad géill da, làn aichmheil airson mar dh'éirich dhoibh. Ach bha fios aca gu'm b'fhearr 'bhi sàmhach. Thainig Ailean Mac-Ruairidh beò, 's ma dh'fheudta nach fhaighte 'na chadal e a rithisd.

D.

Arasaig.

SGEUL AIR NI A THACHAIR ANN AM BLIADHNA THEÀRLAICH.

Air a' mhìos ma dheireadh do'n t-samhradh 1746, chaidh Gàidheal gruamach sgairteil dh'ionnsuidh tighe Innis-Croi, anns an robh uach-daran do na Stiùbhartaich a' gabhail còmhluaidh. Bhuail e aig an dorus, agus dh'fheòraich e an robh an tighearn a stigh. Fhreagair a' bhan-tighearn, agus thubhairt i nach robh duine a stigh ach i féin agus a triùir nighean. Dh'éirich fear-an-tighe le Tearlach—chaill e dithis mhac ann an Cùilfhodair, agus b'éigin da ionad-foluich a thoirt air.

"Cò thusa," ars' a' bhan-tighearn, "agus ciod e do ghuothuch rium-sa?"

“Is mise,” deir e, “Searsan Caimbeul; agus dh’àithneadh dhomh an tigh so a rannsachadh airson t’fhir-pòsda, airson Fhir Chluanaidh, agus na h-uiread do dhaoineibh ceannairceach eile a dh’éirich an aghaidh an Rìgh!”

Air do’n bhan-tighearn so a chluinntinn, thubhairt i ris, gu’m b’fhearr leatha an t-aon bu shuaraiche do na ceannardaibh Sasunnach fhaicinn teachd a rannsachadh a tìghe airson càirdean a’ Phrionnsa, na aon air bith do na Caimbeulaich an-ìochdmhor sin a dh’éirich an aghaidh a’ Phrionnsa dhlighich, agus a chaidh gun dùlan chum an luchd-dùthcha a sgrios!

“Dean foighidinn, a bean-uasail,” ars’ an Gàidheal; “oir gun teagamh bithidh tusa agus do chuid nighean nì’s tèaruainte ann an làmhaidh fir-dùthcha, na bhiodh sibh ann an làmhaidh saighdeir Sasunnaich.”

Cha robh a’ bhan-tighearn leighte le sin idir; gidheadh thilg i na h-ìuchraichean d’a ionnsuidh, a’ guidhe gu’m faiceadh i an là anns am biodh na Caimbeulaich air an gearradh as, eadar bhun agus bhàrr, leis na fineachaibh eile! Thog e na h-ìuchraichean, agus thòisich e air min-rannsachadh a dheanamh air feadh gach cùil agus oisinn do’n tigh! Ré na h-ùine so, bha a’ bhan-tighearn aig a shàil, a’ labhairt ris anns na briathraibh bu tàireil’ a b’urrainn di a dhealbhadh. Ghrad sheas an Gàidheal. Sheall e an clàr an eudainn air a’ mhnaoi uasail. Cha d’tubhairt e lide; ach thomh e a làmh ri leabaidh a bha’n sin, agus chraib e a cheann! Air ball bha ise ’na tosd—chaochail a gnuis, agus bha i uile air chrith le h-eagal! Aig a’ mhionaid sin, thainig ceannard Sasunnach a steach, agus cùignear shaighdear maille ris, fo’n làn armachd!

“O! faicibh an so,” deir a’ bhan-tighearn, “crochair do na Caimbeulaich a chuireadh a rannsachadh an tìghe; agus tha e ri milleadh agus briseadh, agus a’ tilgeadh gach nì bun oscionn.”

“Leig dhiot gu h-ealamh, a shloighteir,” ars’ an ceannard Shasunnach, “agus thoir do chasan as; oir ma tha ceannairciche an so, gabhaidh mise cùram dhiùbh.”

“Cha dean e’n gnothluch,” ars’ an Gàidheal; “oir am fear is luaithe làmh, ’se is fearr cuid. Bha mise an so an toiseach; is leamsa, air an aobhar sin, còir an rannsachaidh, agus leamsa bithidh an duais airson na gheibhear. Air mo chomhairle, matà, thoir thusa gu grad an doras ort.”

“Feuch dhomh t’ùghdarras, a choin Albannaich, airson rannsachaidh.”

“Feuch dhòmhsa an toiseach ciod a’ chòir a ta agadsa airson sin iarraidh.”

“Is mise an t-oifigeach *Letam*, aig am bheil ùghdarras o *Chobam*, mo cheannard; ach có o’m bheil ùghdarras agadsa?”

“Tha m’ ùghdarras-sa o dhuin’-uasal nì’s fearr na thusa, agus nì’s fearr na aon a bha no bhitheas os do cheann.”

“O dhuin’-uasal nì’s fearr na mise, agus nì’s fearr na aon a bha no bhitheas os mo cheann! Fhir mo chridhe, glacam thu air ball mar

cheannairceach agus mar fhear-brathaidh an aghaidh do Rìgh agus do rìoghachd."

Le sin, rug e air a' Ghàidheal; ach an uair a chunnaic an Caimbeulach dànachd an t-Sasunnaich, thug e buille do'n doru dha, leis an do thuit e gun deò air an làr! Ann am mionaid tharruing na cùig saighdeirean an dagaichean, chum an Caimbeulach a thilgeadh; ach ghrad leum e gu cùl leapach a bha ann an ceann eile an tighe, le dag 'san aon làimh, agus a chlàidheamh 'san làimh eile; agus air do'n t-slighe dh'ionnsuidh an t-seòmair a bhi co aimhleathan 's nach rachadh dithis a steach còmhla, bha esan a rachadh a stigh an toiseach cinnteach gu cuirteadh gu bàs e leis a' Chaimbeulach ghaigeil! Air doibh so fhaicinn, chaidh dithis diùbh mach, chum losgadh a stigh air troimh uinneig bhig a bha air cùl an tighe. Cha b'fhurasd a nis do'n Ghàidheal an triùir a bha stigh a chumail as an t-seòmair, agus e fèin a dhìonadh o theine an dithis a bha muigh. Ach ghrad dhealbh e inleachd a shoirbhich leis. Shlu e mach a bhoineid thar oisium na leapach; agus air do'n triùir a bha stigh smuaineachadh gu'n robh a cheann innte, ghrad las an dagaichean, agus chaidh na trì peileirean troimh na boineid; ach hla'n ceann tèaruinte, agus b'olc an airidh mar biodh! Mar ghrad bhoisge an dealanaich, leum an Gàidheal a mach le a chlàidheamh rùisgte 'na dhòrn; agus mu'm b'urraim na Sasunnaich an dorus a thoirt orra, bha dithis diùbh air an gearradh as; agus rug e air an treas fear, agus chuir e gu dìth e aig astar beag o'n tigh. An uair a chunnaic an dithis aig an uinneig chùil mar a chaidh na cùisean, leum iad 'nan diollaidibh, agus thug iad na spuir do na h-eich. Ghabh an Gàidheal each an oisigich Shasunnaich, agus ruith e 'nan déigh, ag éigheach riu, "Stadaibh, a chladairean!—stadaibh!" Ach cha deanadh iad sin idir; agus ged a bha'n Gàidheal a' bualadh an eich air adhairt leis a' chlàidheamh fhuilteach a bha 'na làimh, cha robh e 'na chomas beirsinn orra. Bha dithis dhaoine, Pàdruig Granud agus Alasdair Mac-Eachainn, air a' cheart àm sin ann an àite-folnich aig Craig-neart. Chunnaic iad an réis, agus cha'n fhaic iad a leithid riamh roimhe! Ma dheireadh, chaidh each a' Ghàidheil fodha ann am boglach, agus b'éigin da an ruaig a thoirt thairis!

Air do'n Ghranndach agus do Mhac-Eachainn so fhaicinn, dh'fhàg iad Craig-neart, chum fàilte a chur air a' Ghàidheal ghaigeil a rinn treubhantas co mòr. Ach feuch! ciod an t-iongantas leis an do bhuaileadh iad, an uair a chunnaic iad gu'm b'e an Gàidheal curanta so an ceannard urramach agus iomhuinn féin—**IAIN RUADH STIUBHART!**

Phill an triùir gu Innis-Croi, far an d'fhuair iad na ban-tighearnan air chrith le h-eagal, agus na saighdeirean Sasunnach 'nan sìneadh gun deò! An sin chaidh cùisean a mhìneachadh air gach taobh. Dh'innis a' bhan-tighearn an t-eagal a ghabh i an uair a thomh an Caimbeulach a làmh ris an leabaidh, a cheann gu'n robh dorus beag aig cùl na leapach sin a bha treòrachadh dh'ionnsuidh seòmair uaigneich far an robh a companach, agus uaislean eile a bha air taobh Theàrlaich, air am foluchadh. Chunnaic i nach robh an Caimbeulach aineolach mu'n t-seòmair sin, agus lìonadh a cridhe le geilt gu'n glactadh iad.—

Dh'innis Iain Ruadh Stiùbhart, air an làimh eile, gu'm fac e na Sasunnaich a' deanamh dìreach air an tigh; agus air da fios a bhi aige gu'n robh a chàirdean air am foluchadh ann, rùnaich e a bheatha féin a chur an cumart chum an teasairginn.

Is iongantach mar a chealaicheadh an gnìomh éuchdach so, air chor is nach d'fhuair Diùc Uilleam no a cheannardan riamh a mach có e an Caimbeulach gaisgeil a rinn an t-éuchd a dh'ainmicheadh! Ach cha robh na ban-tighearnan co h-àghmhor ri Iain Ruadh agus a chompanaich; oir, air do Dhiùc *Cumberland* mòr-thàmailt fhaotuin airson mar a chuireadh as d'a shaighdeiribh, chuir e buidheann eile dh'ionnsuidh Innis-Croi, chum an tigh a chreachadh agus a losgadh, agus chum prìosanaich a dheanamh do na ban-tighearnaibh! Bha'n gnìomh dìoghailtais so gu h-ionnlan neo-dhuineil agus eas-urramach ann féin, agus ceart cosmhuil ri uile ghnìomharaibh eile *Chumberland*, a bha comharraichte airson ain-ìochd agus cruais-cridhe!

SGIATHANACH.

Clachan Chìllmhuire,
Toiseach an Earraich, 1842.

NAIGHEACHDAN.

Tha'n naigheachd á Innsean na h-àirde deas gu mòr nì's cràitiche na bha dùil againn a bhitheadh e. Cha d'thainig sgrios co truagh agus co eagalach air feachd Bhreatunn 'nar linn. Bhàsaich iad—cha'n ann sa' bhlàr, a cuir a' chath an aghaidh nàimhdean an dùthcha—ach mhortadh iad le foill a's leis a' chealgarachd bu mhò. Eadar na bh'ann do dh'arm Breatunnach, agus do dh'Innseannaich, agus do luchd-leanmhain a' champa, thuit mu thimchioll air trì mìle deug fear, a bharrachd air mnathèan agus clann! Tha dà fhichead de na h-oifigich Bhreatunnach 'nam prìosanaich, mar do chuireadh gu bàs iad; agus a mach as an fheachd mhòr, cha d'fhuair neach as ach aon fhear! Strìochd an t-arm Breatunnach do'n bhéisd bhorbarra a bh'air ceann sluagh na dùthcha; agus an sin, an déigh do'n arm a bhi air dealachadh—cuid a' gabhail an rathaid so, agus cuid an rathad eile, thar mhonaidhean fiathaich—dol fodha gu'n guallibh ann an cuidh-eachain sneachd, agus a' bàsachadh leis an acras, gun ghreim ri ithe—dh'èirich sluagh na dùthcha 'nan aghaidh. Thainig iad orra air gach taobh 'nam mìltibh, agus 'nam ficheada mìltibh. Bhual iad orra, agus mhortadh gach mac màthar dhiùbh. Fhuair cuid as, ach bhàsaich iad anns na monaidhean farsuing—bha iad air am meileachadh leis an fhuachd. Tha arm lìonmhor a' dol a null, a's cha'n eil teagamh nach dòbbhail na béisdean a mhort iad airson an giùlan.

Tha Sir Raibeart *Peel* a' dol air aghaidh gu duineil le 'riaghailt càin, no cìs an tighinn-a-stigh. Tha na tuathanaich 'ga chàineadh airson prìs itheannaich, gu sònraichte prìs feòla, a thoirt a nìos; ach, a reir ar barail-ne, 'sann airson math a' chuid is mò de'n t-sluagh a tha esan ag obair.

Cha'n eil cèaird agus màlairt ach anabharr nìle olc. Tha na ficheadan a briseadh an so 's an sud, a's tha na mìltean an impis dol bàs air na sràidean a chion lòn. Mar blith gu bheil luchd-riaghlaidh a' bhaile 'toirt cuach do bhrot uair 'san latha seachad an nasgaidh do *cheithir mìle*, cha bhiodh iad beò! Cha choinharlaicheamaid do Ghàidheil tighinn a mach air an t-sambradh so a dh'iarraidh cosnaidh.

Bha sealladh àluinn ri fhaicinn ann an Eaglais Chalum-Chille, sa' bhaile so, air Diar-daoin so chaidh. Bha dlùth air *seachd ceud* sgoilleir aig am bheil dlùth-chleambuas ris a' Ghàidhealtachd, agus a faotainn an ionnsachaidh is fearr, agus iomadh dhiùbbh dà dheise aod-aich sa' bhliadhn' an nasgaidh, agus cèaird, ag éisdeachd searmoin, agus a sràid-imeachd troimh'n bhaile. Thug an t-Ollainh Leòdach searmoin dhoibh, agus do làn na h-eaglais do mhuinntir eile. Cha'n eil farmad againn ris a' Ghàidheal a chunnaic 'sa chuala, mar do las a chridhe le toil-iuntinn. Eadar an sgoil Ghàidhealach so agus sgoil Mhic-Lachlain, tha mu thuaiream 1,000 a nis do shìol nan Gàidheil a' faotainn sgoile an nasgaidh!

Tha sìd ann o chionn mhìos a nis co àluinn 'sa chunnaic mac màthar. Ma chì am Freasdal iomchuidh gu'm mair i, bithidh pailteas aig duine 's aig beathach an ath bhliadhna.

Tha cunntas math á *New Zealand*. Tha ar luchd-dùthcha an sin a' deanamh gu foghainteach; ach air ar son féin dheth, mholamaid Canada Uachdarach do na Gàidheil.

Chaidh mort oilteil a dheanamh ann an Sasunn an là roimhe, le Eiriounach d'an ainm *Daniel Good*. A reir chohtais, bha dhà no trì mhnathan aige, a's ghabh e gaol air a h-aon eile; agus a chum ruigh-eachd orra *do reir lagha*, mhort e a bhean. Ghearr e i 'na ceithreanan, agus thòisich e ri 'losgadh uidh air uidh, chum a cur as an rathad! Rug ceartas Dhé air a' bhrùid, agus tha duais a' mhortair a' feitheamh air!

FOCAL SAN DEALACHADH.

Fhuair sinn litir bhrosgulach shleamhainn *Iain Oig*. Cha'n eil fios againn gu ro mhaith ciod tha 'na bheachd. Tha amharas againn as; cha'n eil sinn idir carbsach á 'chàirdeas. 'S fhad o na chuala sinn, *Is tearc teanga mhìn gun ghath air a cùl*.

Ciod so a' mhiogail, 'sa chasaid, 'san donnalaich, 'san gearan a th'air *Callum na Coille?* Cha'n fhaod e bli nach 'eil a' chailcach-oidheche air spiris oscionn do thighe. B'e Callum a' chomhachag bhochd bhrònach! 's gun fhios c'arson. '*S cruaidh a leònach an leanabh nach innis a ghearan*. Tha thu 'g iarraidh mo chomhairle. Eisd, agus gheibh thu sin. Ma tha eas-aibhne dlùth do d' thigh, leig thu féin a'd' shìneadh r'a thaobh, agus feuch co is fearr a ni borbhan, is torman, is buireadh, thu féin na'n t-eas. Tha fios againn co is luath a sguireas. Fhad 'sa bha mi leughadh do litreach ('s cha b'i sin an litir bheag), bha mi mar gu'm biodh cuidheal mhòr a deanamh srànn gun tuigse ri m' chluais.

Fhuair sinn an dara litir a chuir an duine sin da'r n-ionnsuidh, cia air bith cò e, fo ainm a' *Cheaird Ruaidh*. Tha e ag ràdh gur mi-mhodhail dhuinn gun fhios-freagairt a thoirt dha. Is fearr, mata, a fhreagairt, 'sa bli rèidh dheth. A *Cheaird Ruaidh*! fhuair sinn do litir—do dhà litir—a's ceann beag sgiobalta na Bau-rìgh orra le chèile (nà a chosd dà sgillinn ruadh dhuit)—agus thig sinn an litir mu dheireadh sa' cheart àite auns an deach a' cheud te, agus far an teid an ath litir, na thig i—'se sin, anns an teine, a's loisg i gu gasda!

Mòran taing do dh'fhear *Cuairteach na Beinne Buidhe*. Tha 'ehomhlairle maith, glie, modhail, tuigseach; a's geallaidh sinn a dheanamh mar tha e ag iarraidh, fhad 's is urraim dhuinn.

Mar gabh an t-*Eildeir Bàn* an Cuairtear, cò thuirt ris gu'm b'ole? Ciod, uime sin, a' bhruidhinn àrd th'air 'airre? Nach fìrinneach an seann fhacal, *Am fear nach fhosgail a sporan, fosglaidh e 'bheul*?

Fhuair sinn an litir fhada, bhagarrach, mhaoidheil, a chuir *Sgleatair Eiseid* da'r n-ionnsuidh. Mar 'eil sinn meallta, cha d'rinn e sgleat riamh. Ciod e dhuinn maoidhean an duine bhòsdail so? B'e sin *bòsd a' bhaird ris a chaisteal*. Tha e ag ràdh gu bheil fios aige gu'm fairich an Cuairtear an greim geur a thug e as. 'Se sin a' cheart nà a thubhairt an seangan 'nuair thug e greim as a' ghearran, *Fairichidh e sud*. Gidheadh, cha d'fhairich an gearran còir gu'n robh meanbh-bhiastag co faoin 'na dhàil.

Na biodh fadal air ar deagh charaid, an *Sasunnach*.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; Tullymet: C. Morris; Dingwall: A. Keith; Dornoch: Wm. Munro; Tain: James Ross, Jun., Druggist; Thurso: Mrs Russell; Dundee: Wm. Middleton; Oban: J. Miller; Greenock: A. M'Iver; Grantown: A. Cumming; Abernethy: D. Gordon; Dunkeld: D. M'Donald; Portree: A. M'Donald; Balachulish: J. M'Innis; Lochgilphead: N. Gillies; Argyll Furnace: A. Gillies, Schoolmaster; Lochdonhead, Mull: D. Fletcher; Bonaw: John Cameron, Postmaster; Aberfeldy: D. Cameron, Bookseller; Port Ellen, Islay: D. Hunter; Glencarradale: N. M'Donald, Schoolmaster; Bunessan, Mull: Donald M'Lean, Postmaster; Portnahaven: Norman M'Lean; Kilchoman: Angus M'Leod; Strontain: D. Cameron; Tìroran, Mull: John M'Donald; Cowdor, Nairn: J. Robertson; Pùllochry: D. Robertson; Fortingall: D. Campbell; Laggan: Rev. J. M'Pherson; Ainess: D. M'Diarmid; Doune: D. M'Diarmid; Barra: A. M'Donald, Esq; Ormsary: G. Ross; Tayinloan: A. Sutherland; South Uist: A. Chisholm; Callander: P. M'Kinlay; Balquhidder: J. Carlton; Dunvegan: D. M'Donald; Carbost: A. Cameron; Glendaruel: D. M'Lean; Fort-Augustus: J. Forbes; Aberarder: John Rose, Schoolmaster; Inverness: James Smith; Kilmorack: J. Rose; Lochalsh: D. Mutheson, Ardelre; Portree: Alex. M'Donald, Esq.; Kintail: D. M'Rae, Postmaster, Lochbuy; Mull: John M'Dougall, Schoolmaster; Beauly: Rev. A. M'Kenzie, Kiltarlity; Easdale: D. M'Intyre; Glenora: A. M'Innes; Nova Scotia: Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq., Charlotte-town, Prince Edward's Island.



[AN LA A CHI 'S NACH FHAIC]

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

Mios-Meadhoin an t-Samhraidh.

AN 28 ÀIREAMH.]

JUNE 1, 1842.

[PRIS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Sermon for the Young, page 87.—The Thugs in India (Account of), 92.—Letter to the Editor—Battle of Inverkeithing, 95.—Dennis Costello, the Irishman (a True Story), 98.—Life of Sir William Wallace, Part II., 103.—Song of Solomon (Metrical Version of Chapter III.), 107.—Laws of Nature (continued), 108.—The Aged Man and the Young Boys, 111.—The Old Man's Advices, 112.—Song to the Cuckoo, 112.—News—Emigration Meeting in Glasgow, 113; Parliament, 114; Burning of Hamburg, 114.

GABHAIDH DIA CÙRAM DH'INN.

SEARMOIN AIRSON ÒIGRIDH NA Gàidhealtachd.

"Foghlumaibh cionnas a ta na lilidhean a' fàs."—Mat. vi. 28.

Bu chleachdadh le ar Slànnighear beannaichte searmonachadh an àite air bith anns na choinnich sluagh e a bha deidheil air eisd-eachd. Air uairibh shuidh e air an làr, air an fhòid ghluirm—air uairibh an deireadh na luinge, dlùth do thìr—air uairibh 'san teampull mhòr—far na shearmonaich e dhoibhsan a thachair a bhli lathair; agus cha robh nà a labhair esan nach robh furasd a thuigsinn. 'Se an ceann-teaguisg o na labhair Crìosd air an àm so, *Lilidhean na macharach.* "Mothuichibh," ars' esan, "mar tha na blàithean bòidheach sin a' fàs." Bha iomadh blàth eile ri fhaicinn 'san dùthaich ghrianach sin co àillidh ris an lilidh; ach is dòcha gu robh am blàth eireachdail so a' cinntinn am pàilteas mu thimchioll nam bruach air an robh e air an àm so na shuidhe. Bha e searmonachadh taobh na beinne; 's cha b'iad lilidhean a' ghàraidh air an d'iarr e orra amharc, ach air lilidhean na macharach—na blàithean àillidh a bha fàs gu nadurra air taobh na beinne.

Mothuichibh dhoibh so mar shoilleireachadh air cumhachd, air gliocas, agus air eòlas Dé. Tha oibreachan a làimh gu léir a' moladh Dhé, a' foillseachadh a ghlòir, agus a' taisbeanadh a ghliocais; agus mar is mò a rannsuidheas agus a dhlùth-bheachdaicheas sinn air gach nì 'thig á làimh-san, 'sann is mò 'chì sinn a ghliocas agus a chumhachd. Chitear air uairibh, air an deanamh suas le làmhnan finealta, samhhlaidhean air blàithean àillidh; agus tha iad co coslach ri blàithean nàdurra, 's nach 'eil e furasd an t-eadar-dhealachadh a léirsinn. Ach ma bheachdaicheas sinn orra gu dlùth agus gu mion, chì sinn co àillidh dreachmhor 'sa tha'n dara seòrsa seach an seòrs' eile. C'ait a' bheil an snuadh ùrar, am barr-ghnè bòidheach, am blàth ciatach, na dathan àillidh, 's am faile cùbhraidh? Tha sinn air uairibh a' faicinn earradh a's aodach riomhach daor air naislibh 'us maithibh urramach an t-saoghail, anabharrach taitneach do'n t-sùil; agus ge iongantach na nithe tha daoine 'figheadh 'sa dealbh leis na beartaibh innleachdach a thatar a nis a' cur a suas, agus a tha toirt bàrr ann an eireachdas air rìomhadh nan Innsean;—beachdaich gu dlùth orra le gloidhe-meudachaidh, agus chì thu gu bheil iad co neo-fhinealta ri cùbhrairinn na sac-aodach, ann an coimeas ri blàithean na macharach. Amhairc a ris air na blàithean sin leis a' ghloinne, 's mar is cumhachdaich a ta i, 's mar is dlùithe a dh'amhairceas tu air na dathan bòidheach—am buidhe, an t-uaine, an geal, 's an dearg—'s cha'n eil e a'd' chomas gun ghlaodhaich a mach, “'Se Dia a rinn iad!” O! matà, cia glòirmhor ann an cumhachd agus ann an gliocas an Dia sin tha comasach air barrachd àilleachd a thoirt do bhlàithean na macharach na b'urrainn rìghrean a's ban-ruinnean an t-saoghail so—seadh, Rìgh Solamh féin, ann an àird a ghlòir, a thoirt do'n earradh a bha e caitheamh 'na luchairtean àrda. Tha cuid do dh'èoin bheaga bhachallach àillidh air ite o phreas gu preas, a' tàmh ann an còsan nan creag, 's ann an geugan nan craobh, air an éideachadh nì's dreachmhoire gu mòr na Ban-rìgh òg Bhreatunn, ban-uachdaran na rìoghachd is cumhachdaiche 'san t-saoghal mhòr. Seadh! 'an dearbadan-dé, aig nach 'eil beò-shlàinte oscionn uair no dhà, a' snàmh car tiota beag ann an gathana na gréine—tha eadhon am meanbh-chreutair beag faoin so air éideach gu mòr nì's eireachdaile na'n t-aon is uaibhreiche agus is riomhaiche 'san t-saoghal. 'Se Dia 'rinn so, 'sa tha gach là 'ga dheanamh.

Thoir fainear an lùidh mar a ta i fàs—a' cinneachadh sa' mhach-air. Cha saothraich i, 's cha snìomh i. Tha i fàs a mach á freumh thioram—a' togail a cinn fo bhlàs gréine Dhé—a' fosgladh suas a broillich cùbhraidh ùr an còmhdaidh drùchd na maidne. Mothuich mar a ta i fàs, arsa Crìosd. Tha i a' fàs ann an teas gréine Dhé, air a taiseachadh le dealta tlàth nan nàmhna. Tha'n drùchd a' braonadh air na blàithean gu samhach ciùin. Cha'n fhaicear e—cha léir dhuibh a chumhachd dìomhair; nì mò is léir dhuibh cumhachd dìomhair Spioraid Dhé, tre 'bheil anmanna a shluaigh féin air am beathachadh 's air an neartachadh, a's tre a' bheil iad a' fàs ann an gràs agus ann an eòlas air an Tighearna Iosa Crìosd.

Mothuich an cùram tha Dia, 'na fhreasdal caomh, a' gabhail de lilidhean na macharach. 'Se so an ni àraidh bha ann am beachd Chrìosd anns an earail a thug e seachad. Bu mhiann leis na deise-ciobuil gach cùram agus imcheist a chur air falbh, agus an uile earbs' a chàramh air Dia. Uime sin tha e ag ràdh, "Na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beatha, ciod a dh'itheas no dh'òlas sibh; no mu thimchioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh. Nach mò a' bheatha ua'm biadh, agus an corp na'n t-aodach?" Agus na dheigh sin tha e 'g ràdh, "Amhaircibh air eunlaith an athair; oir cha chuir iad siol, agus cha bhuain iad, agus cha chruinnich iad an saibhlìbh: gidheadh, a ta bhur n-Athair nèamhaidh-sa 'gam beathachadh. Nach fearr sibhse gu mòr na iadsan? Agus có agaibh, le mòr chùram, a dh'fhaodas aon làmh-choille a chur r'a àirde féin? Agus c'arson a ta sibh ro chùram-ach mu thimchioll bhur culaidh? Foghlumaibh cionnas a ta na lilidhean a' fàs sa' mhachair; cha saothraich iad, 's cha snìomh iad. Gidheadh a ta mise ag ràdh ribh, nach robh Solamh féin, 'na uile gblòir, air 'éideachadh mar aon diùbh so. Air an aobhar sin, ma tha Dia mar sin a' sgeadaichadh feòir na macharach a ta an diugh ann, agus am màireach air a thilgeadh 'san àmhuinn, nach mò na sin a sgeadaicheas e sibhse, a dhaoine air bheag creidimh? Uime sin, na bithibh làn do chùram, ag ràdh, Ciod a dh'itheas sinn? no, Ciod a dh'òlas sinn? no, Ciod a chuireas sinn umainn?"—Mat. vi. 25—31.

O cia milis, taitneach, drùiteach, cainnt an t-Slànuighear bheannaichte! Mar gu'n abradh e, Cha'n eil gràdh aig Dia air eòin na h-ealtuinn, 's air blàithean na macharach mar a ta aige oirblise—cha do cheannaich e iad le duais co mòr—cha do chuir e a spiorad annta—cha mhair iad ach tiota. Cha'n ionann a's clann nan daoine. Earbaibh, nime sin, ann an Dia. Cuimhnichibh co cumhachdach 'sa ta e. Nam biodh agaibhse athair co beartach agus gu'n robh aige làn tighe do dh'òr agus do dh'airgiod, 'bheil dùil agaibhse, nam biodh sibh nar leanabanan math agus dleasnach, gu'n diùltadh e cùram a ghabhail dhibh—an leigeadh e libh bàsachadh le dìth? Ach tha aig Dia barrachd òir agus airgiod foluichte 'san talamh na thugadh riamh an uachdar—seadh, na dheanadh beanntan do dh'òr; agus an e nach soirbh dhàsan solar air 'ur sonsa, agus cùram a ghabhail dhibh?

Nam biodh aig bhur pàrantaibh crodh agus caoraich, a's lìon-mhorachd de gach seòrsa spréidh—barrachd 'sa b'urrainn do neach a chunntadh ann an seachdninn no mìos—'ne nach b'urrainn dha cùram a ghabhail de leanahh beag, agus a thoirt da gach ni bha feumail dha? Ach tha Dia ag ràdh, "Is leamsa uile bheathaiche na coille, an spréidh air mìle sliabh. Is aithne dhòmhla uile eunlaith nam beann; agus is leamsa fiadh-bheathaiche na macharach," (Salm l. 10, 11.) Nach soirbh dhàsan, matà, lòn, a's biadh, 'us aodach, a thoirt d'a leanabanan féin?

Am faca tusa riamh an lilidh mar a ta i seasamh suas gu dreach-mhor 'san t-samhradh ann an gàradh? Tha Dia toirt air a' ghréin

dearsadh oirre, agus tha i deanamh gàirdeachais 'na gathana soillseil. Tha e toirt air an dealt braonadh oirre, agus tha i 'ga dheòghal; a's leis a sin tha i fàs. Tha na nedil dhubha dhorch' a' cruinneachadh; tha'n stoirm a' séideadh; tha na tuiltean a' tuiteam; tha 'ghaoth ag éiridh;—tha'n lilidh a' pasgadh a duilleagan àillidh, 'sa suanadh a broillich bhòidhich; tha i 'lùbadh a cinn fo'n t-soirbheas, 's mar so tha i air a h-ìsleachadh gus an teid an stoirm seachad. Nach e Dia a theagaisg dhi so a dheanamh? Cha'n eil beud no ciorram a' tighinn oirre leis an stoirm. Mar so tha Dia a' teagasg a mhuinntir féin. Tha'n crìosduidh mar so sona, 'nuair tha e air a bheannachadh le Dia; agus an uair a thogras Esan trioblaid, agus bochduinn, a's deuchainn, a leigeil 'na char, tha e 'lùbadh a chinn fo'n stoirm, agus gu ciùin foighidneach a' feitheamh gus an tig feadh agus teas gréine—gus an cuimhnich Dia air a ris, agus an tog e air solus a glhùis bheannaichte.

Chunnaic thu an lilidh àillidh, an uair a thainig an reothadh, a' cromadh a cinn, a' tuiteam air an làr, 'sa bàsachadh. Dh'fhalbh am fàile cùbhraidh, a's dh'eug a h-uile àilleachd. Cha'n eil a' bheag no mhòr dhi ri fhaicinn. Ach mothuich an cùram tha Dia a' gabhail de'n lilidh! Cha luaithe tha'n geamhradh fuar seachad—cha luaithe a philleas an t-earrach ùr, le sìleadh nan spéur, na chì thu i cinneachadh a ris—a' togail a cinn—a' fosgladh a mach na daithean bòidheach; a's feuch, tha i co dreachmhor eireachdail 'sa bha i riamh! Tha Dia a' gabhail cùram de'n bhlàth àillidh so; cha leig e leatha bàsachadh gu tur.—Mar so chunnaic sibh leanabh maoth, a's òg naoidhean àillidh, a' cinneachadh 'sa fàs a suas mar bhlàth ann an gàradh, air a bhualadh gu làr le tinneas, air a ghear-radh as leis a' bhàs, agus air a chàramh fo'n fhòid. Ach gabhaidh Dia cùram dhieth. Theid an geamhradh fada fuar seachad; a's ged tha ùir an leinibh so air a dhi-chuimhneachadh leis gach neach air aghaidh an t-saoghail, cha'n eil e air a dhi-chuimhneachadh le Dia. Tha'n t-àm a' tighiun 'nuair thig Dia nuas o nèamh, a's cuiridh e aingeal a ghairm an naoidhean so o'n ùir; agus thig e nìos, a's éiridh e àillidh agus glòirmhor air maduinn an latha mhòr sin. Ciamar is urrainn sin a bhi? ars' thusa. Innis dhomh am fac thu riamh linne uisge agus i reòta sa' gheamhradh—an eigh thairis oirre, air chor 's gu'm faod thu coiseachd oirre? Ach falbhaidh an geamhradh; thig an t-earrach; tha'n reothadh air falbh. Cha'n eil an eigh air an uisge ni's fhaide, agus tha sìol no fras na lilidh 'bha na cadal 's na luidhe sa' pholl an iochdar na linne a' freumhachadh, a' fàs, a' cinneachadh, a' fosgladh a mach a broillich àillidh, a' togail a cinn ri nèamh, 'sa deanamh gàirdeachais 'an solus 's am blàs gréine Dhé. Ciamar a ta so? Tha, do bhrìgh gu bheil Dia a' gabhail cùram de'n lilidh—a' faire thairis air uile oibrichean a làmh; agus an Ti àrd agus beannaichte tha gabhail cùram do bhlaithean na macharach mar so, agus do'n t-sìol tha iad a' tilgeadh, 'ne nach gabh e gu mòr ni's mò cùram do spiorad neobhàsmhor a leanabain féin?

Am feadh 'sa tha iomadh aon 'san t-saoghal so aig a' bheil tuigse

agus fiosrachadh mu nithe eile, suarach mu Dhia—gun inbhothachadh d'a làimh na d'a chàirdeas—nan tosd inu 'thimchioll, gun iomradh air 'ainm—cha mhòr nach 'eil sibh ag éisdeachd na lilidh a' labhairt agus a' searmonachadh, ag ràdh—Tha mise ag aideachadh làthaireachd mo Dhé, a's maitheas mo Chruithfhir. An uair tha Esan a' gabhail seachad orm air oiteig chiùin na gaoithe, tha mi a' togail mo chinn le gairdeachas an comhdhail gathana blàth a's grianach a ghnùise. An uair tha Esan a' dol a mach air sgiathan na gaoithe 's na stoirm, a' marcachd air an ioma-ghaoithe, tha mi lùbadh mo chinn, agus air chrith le oillt. An uair a thairneas e mu'm thimchioll brat dorcha na h-oidhche, tha mi a' dol gu tàmh gun sgàth. An uair tha 'mhaduinn a' teachd, 'sa tha mi dùsgadh, fosglaidh mi mo bhroilleach, gu blàs na gréine fhaotuinn. Agus an uair a thig an geamhradh, le 'fhuachd 's le 'reothadh, tha mi fàilneachadh, a' tuiteam, a' bàsachadh—gam' chleith féin 'san ùir, làn chiunteach gu'n tog e mi fa-dhèidh gu beatha 'us àilleachd nuadh.

Tha cuid dhibh, mo chàirdean òga, 'nar dilleachdanan beaga lag, —gu'n athair, gun mhàthair, gun duine air aghaidh an t-saoghail gu cùram a ghabhail dhibh. Tha mi ag ràdh ribh, na biodh eagal oirbh; gabhaidh Dia cùram dhibh. Tha e gabhail cùram de lilidhean an fhàsaich, a's de na leòghain òg 'nuair a ghlaodhas iad ris; 's nach mòr gu mòr na sin a ghabhas e cùram de'n leanabh sin a chaill 'athair agus a mhàthair, ma dh'iarraas an leanabh so e; 's ma philleas an leanabh so, gu'm bi Dia na athair dha.

Mo chàirdean òga, na choinnich sibh ri deuchainnean an t-saoghail so—ri aobhar mulaid? Mar do choinnich sibh fathast iad, thig iad—thig tinneas, a's cràdh, a's bròn, a's mulad. Is éigin gu'm bàsaich sibh, agus gu'n cuirear fo'n fhòid sibh; agus tha feum agaibh air tì a ghabhas cùram dhibh 'san t-saoghal so agus anns an t-saoghal a tha ri teachd. Nis, matà, bithidh Dia 'na charaid do'n t-seòrsa so.

Tha'n lilidh gu tric a' fàs am measg an droighnich. Tha'm Fear Nuadh-pòsda ag ràdh, “Mar lilidh am measg droighnich, is amhuil mo ghràdh-sa am measg nan nigheanan.” Agus ciod is ciall do'n droighionn agus do na drisean sin, ach amhghair, a's buaireas, a's deuchainnean an t-saoghail so? Ach tha na nithe sin air an àm feumail. Thuig Pòl gu'n robh an sgolb 'san fheadil air a cuir 'na rathad 'an càirdeas; agus thubhairt an Salmadair, Is math dhomb gu'n robh mi ann an trioblaid.

Mar chomh-dhùnadh—anns a' cheud àite, iarraibh gu'm bi Dia na athair agus na charaid duibh. Iarraibh so air gach là; agus biodh fios agaibh, as eugmhais a bheannachd o àm gu àm, gu'n sleambnuich 'ur ceumannan—gu'n lìonar 'ur sùilibh le deuraibh—agus an uair is lugha tha dùil agaibh, gu'm faod Dia 'ur n-anmanna 'ghairm air falbh. Iarraibh so uile ann an ainm an Tighearna Iosa Crìosd.

'San dara àite, is éigin gu'n geall sibh a bhi umhal da, agus a thoil a dheanamh. Nam biodh sibh 'nar dilleachdanan thruagh,

gun athair gun mhàthair, 's gu'n gabhadh duine àrd, soibhir, measail, sibh a stigh d'a thigh 'us d'a theaghlach féin—nan gabhadh e cùram dhibh—nam biodh sibh dha mar leanabanan, a' sealbhachadh uile shochairan cloinne—air chùmhnannt 's gu'm biodh sibh umbal dha, 's gu'n deanadh sibh a thoil, an e nach gealladh sibh sin a dheanamh? Mar sin bu chòir dhuibh gealladh do Dhia.

'San treas àite, is éiginn gu'n gràdhaich sibh Dia mar a ghràdh-aicheadh sibh an t-athair bu chaomhail air an t-saoghal. Gràdh-aichaibh a Mhac, do bhrìgh gur e iomhaidh pears' an Athar. Gràdhaichaibh 'fhocal, a shlugh, agus a sheirbhis; agus mar so thugaibh dha ar cridheachan, a's bithidh e na charaid dhuibh gu dilinn agus gu bràth. Amen.

C.

NA TACHDAICH INNSEANACH.

Tha seòrsa dhaoine ann an Innsean na h-àirde 'n ear ris an canar na *Thugs*. A reir na h-uile cunntas a th'againn orra, bha iad 'san dùthaich sin o chionn ùine fhada; ach cha robh eòlas aig na daoine againn orra gus o chionn deich-bliadhna-fichead, 'nuair a ghlacadh cuid dhiubh, agus a chrochadh iad airson an gnìomharra eagalach.

Tha na *Thugs* nam fine air leth, agus dealaichte o shlugh na dùthcha. Tha iad a' tighinn suas air taileas nam fineachan tha iad a' spùinn agus a' mort. Is mortairean iad gu leir, air an dlùth-cheangal r'a cheile le laghanan dìomhair, agus sgaoilte air feadh gach cearn do dhùthaich uachdarach nan Innsean. Cha mheirlich iad, ni mò ni iad goid no reubainn. 'Se mort an ceaird suidhichte—ceaird 'us oifig tha iad a' leantuinn o àm an òige gu àm an bàis. Tha comharraidhean dìomhair, suaicheantas àraidh aca, leis an aithnich iad a cheile; ged nach do choinnich iad riamb. Tha iad a' siubhal na dùthcha, o àite gu h-àite—air uairibh mar cheannaichean—air uairibh a' leantuinn aon cheaird, 's air uairibh ceaird eile—a' faotuinn fàrdaich 'us fios mu dheibhinn gach aon a tha ri dol air turus, chum an còmbhlachadh 's am mort, agus na th'aca air an siubhal a spùinne uapa. Cha'n e 'mhàin daoine soibhir air a' bheil an déigh, ach na h-uile duine is urrainn doibh. 'Se am miann 's an iartas, mort. Ma tha 'bheag ri fhaotuinn 'na lorg, is math; 's mar 'eil, tha iad suarach; agus siùbhlaidh iad trì no ceithir a cheudan mìle airson aon duine 'chuir gu bàs. 'Se so an sùgradh, an toilleachas-inntinn, am beatha; agus mar is mò a mhortas iad 'nan dòigh féin, 'sann, 'nam barail, is sona 'bhios iad ann an saoghal eile. Ma chluinneas iad gu bheil neach air bith, no buidheann is urrainn iad a cheannsachadh, ri dol air asdar tro'n dùthaich, gabhaidh iad coram air eòlas fhaotuinn orra—coiseachd maille riu—toirt dhoibh eachdraidh na dùthcha, air a' bheil iad min-eòlach, gus am faidh iad coram air an duine thruagh a chur gu bàs. 'Se an dòigh anns an àbhaist dhoibh so a dheanamh, a thachdadh. 'Se so is ciall do'n fhocal air a' bheil iad air an ainneachadh—na *Thugs*—'se sin, na Tachdaich. 'Sann le sròl sloda, cosmhuil ris an t-sròl (*sash*) a

chìtear air oifigich-airm, is àbhaist doibh so a dheanamh, air dhòigh a mhìnicheas sinn mu'n tig sinn gu crìche. Cha'n fheuch iad duine air bith a spùinne gus an tachd iad e air tùs; agus ged a b'e an diol-deirc a choinnicheadh iad, leanadh iad e o àite gu àite, gus am faigh-eadh iad coram air so a dheanamh; agus cha'n fhàg iad corp duine sam bith a chuireas iad gu bàs gun chuir fo thalamh ann an uaigh air a cladhachadh ann an àite dìomhair, dhùth do'n t-slighe air an robh iad ag imeachd.

Ma dh'fhaodar na Tachdaich iad féin a chreidsinn, bha na cleachd-aidhean eagalach so cumant' anns na h-Innsean o na linntean is fhaid' as. 'Sann mar ìobairt do'n dia bhréugach fhuilteach do'm bheil iad a' deanamh seirbhis a tha iad a' buadhachadh anns na cleachdaidhean so, am barail gu bheil bàs nam feadhnach tha iad a' mortadh 'na ìobairt thaitneach dha!

Air uairibh tha ceud agus dà cheud de na Tachdaich a' siubhal na dùthcha le cheile, leigeil orra gu bheil iad a' dol air tòir cosnaidh 'us obair, na gu'm buin iad do dh'arm na dùthcha, 's gu bheil iad a' dol dhachaidh a dh'amharc an càirdean, air neo pilleadh air an ais a dh'ionnsuidh a' chath-bhuidheann do'm buin iad. Is àbhaist leo clann òg a ghoid air falbh, agus an àrachadh gu bhli nan Tachdaich, le eud 'us anbharr toileachas-inntinn, a' smuaineachadh gu bheil iad 'gan àrachadh airson flaitheanas. Cha'n àbhaist leo leanabanan fo aois a thachdadh, ma's urrainn dhoibh an togail 's an àrachadh gu bhli nam mortairean, agus imeachd maille riu féin. Ma thachras do bhuidheann sam bith do na Tachdaich mòran spùinne no mòran creiche fhaotuinn air àm air bith, is àbhaist dhoibh cuid dheth 'thoirt do theampull àraidh, no, mar their iad, *Pagoda*; far a' bheil sagairtean de'n seòrsa féin—seann Thachdaich aosmhor—a' tairgse ìobairtean do bhan-dia bhréugach ris an canar *Calee*.

Tha uachdaran tharruis air gach buidheann de na Tachdaich, agns oifigich àraidh; 's tha riaghailtean seasmhach aca, do'n éiginn do gach aon géilleadh. Tha 'chreach air a roinn eatorra, reir nan riaghailtean so. Tha'n deicheamh cuid do gach seòrsa spùinn aig a' cheannard, 's a' chuid eile air a roinn eadar na h-oifigich agus na daoine. 'Se an darna fear is àird' am meas esan tha 'giùlan an t-sròil leis a' bheil iad a' tachdadh nam feadhnach tha iad a' dol a chuir gu bàs. Tha'n t-sròil so slat air fad—snuim chruaidh air gach ceann dhi—air a giùlan gu cùramach ann am broilleach an fhir ris a' bheil i an earbsa. Ach tha iad uile teòma air feum a dheanamh dhi, oir tha iad air an cleachdadh ris o'n òige, ged tha aon fhear ris a' bheil i an earbsa gu sònruichte—'se sin am fear a thug bàrr air càch 'an teòmachd. 'Nuair tha neach ri bhi air a chuir gu bàs, is àbhaist do'n Tachdair 'tha giùlan a' chrìos shlada gabhail as deigh an duine thruaigh—coiseachadh aig a shàil, a' seanachas ris; agus an uair a ni an ceannard fead àraidh, grad thilgidh an Tachdair an crìos mu amhaich an fhir eile. Ni e so co seòlta dheas, 's nach urrainn do'n chorp a bhli air an làr gus a' bheil an deò as—a dhà shùil a' leum a mach as a cheann. Ma thachras dasan tha mhiann orra 'chuir gu bàs a bhli làidir calma, tha dithis do na Tachdaich deas gu hhi an sàs, air chor 's nach 'eil dol as aige.

Tha iad co deas, seòlta, teòma, 's gur tric leo dusan, agus air uairibh barrachd, a thachdadh 'sa chuir gu bàs co luath 's gu'n do thuit iad 'san aon mhionaid, gun uiread a's sgriach, no glaoth, no osann, a chluinntinn uapa. 'Sann 'san oidhche is bitheanta leo daoine 'chuir gu bàs. Feòraichaidh an ceannard ciod e an t-àm a dh'oidhche 'tha e. Air dha so a ràdh, seallaidh càch ris na speuran, a' beachdachadh air na reultan; agus ni an duine truagh tha iad dol a chuir a dhith an ni ceudna. Ann an tiota tha'n crios sìoda mu 'amhaich, 's am prioba na sùil cha'n eil deò ann.

Tha luchd-brathaidh aig na Tachdaich anns gach cearn de'n tìr, a' faotuinn a mach c'uin no ciod an rathad air a' bheil coigrich ri siubhal, 's a' toirt fios ciamar a thachras iad orra; agus tha teachdairean aca so a' ruith o chearna gu cearna, 'toirt sgeòil air na tha iad a' faotuinn a mach mu dheibhinn luchd-turuis. Tha'n luchd-brathaidh nan daoine seòlta fearail, air an éideach gu rìombach mar uaislean àrda—a' còmh-nuidh 'sna bailtean mòra, 's gun fhios aig neach có iad—a' faotuinn a stigh do gach tigh a's cuideachd air tòir naigheachdan, 's a' faotuinn sgeulan mu thimchioll gach aon tha falbh no tighinn. Tha'n luchd-brathaidh so taghal nan tighean-òsda is ainmeil agus is measaile. Ma thuiteas do choigrich air bith tighinn ann air an turus, tachraidh iad orra—ni iad an eòlas riu—cuiridh siad iad 'nan earalas an aghaidh nan Tachdaich—tairgidh iad dol maille riu—'s cha dealaich iad ris na coigrich gus am faidh iad coram air an cuir an rathad an càirdean, agus an sgrios. Tha cuid dhiùbh so nan gillean aig daoine mòr soibhir—nan seirbhisich aca, agus a' feitheamh orra, gun fhios aig na maighstirean có iad. Mar so tha iad a' brath nam feadhnach do'm bheil iad a' deanamh seirbhis, agus a' faotuinn sgeul air gach ni tha tachairt.

Tha daoine aig na Tachdaich ris a' bheil an earbsa na sluic a chladhachadh anns a' bheil cuirp nam feadhnach tha iad a' mort air an tilgeadh; agus an uair a thig a' chuideachd dlùth air an àite, tha iad gu grad a' leum air na coigrich thruagh agus 'gan tachdadh, 's 'gan tilgeadh fo'n ùir. Tha gach fear co teòm eòlach air na bheil an earbsa ris féin, 's gur minig a thachdar fichead fear, 'sa chuirear fo thalamh iad ann am mionaid no dhà! Tha so furasd a dheanamh anns na dùthcha farsuing sin, far a' bheil leth-cheud mìle 'us còr o thigh gu tigh.

Cha toirt na Tachdaich fuil air chor air bith. Tha oillt orra ro' fhuil fhaicinn. Is fhearr leo duine 'leigeil as gu buileach na 'fhuil a dhòrtadh. Cha tarruing iad claidheamh, 's cha chleachd iad airm air bith chum iad féin a dhion. Tha iad anabharrach seòlta air na nithe sin a chleith 'tha iad a' spùinne uapsan a chuireas iad gu bàs. Loisgidh iad gach pàipeir, a's litir, 'us aodach, a b'urrainnear a thoirt air aghaidh mar dhearbhadh, no mar chòmhachadh. 'Se òr a's airgiod a mhaìn na nithe a ghleidheas iad.

Cha'n eil baile-mòr ann an Innsean na h-àirde 'n ear anns nach robh cuid diùbh so. 'S gann is urrainnear a chreidsinn an àireamh uamhasach a thuit fo làmhan nam béisdean so, agus an t-anbharra stòrais a bhuineadh dhoibh, mu'n do chuireadh as doibh. Thugadh cuid dhiùbh fo dheuchainn, a dh'aidich gu'n robh iad deich-bliadhna-

fichead a' siubhal na dùthcha, maille ri ceud a's ceud-gu-leth do Thachdaich eile, gun dad aca ri dheanamh ach mort agus spùinne—gu'n do thachd iad an ceann a cheile eadar dusan agus fichead fear gach là, fad deich-bliadhna-fichead!!

Dh'innis fear dhiùbh so, an lathair nam feadhach a bha 'ga cheasnachadh, gu'n d'thugadh e iad gu àiteachan àraidh far na thiodhlaic iad ceud dhiùbhsan a mhort iad. Chaidh cuid leis do ghleann nach robh ach tiota beag cùl a' bhaile far an robh a' chùirt, gus an d'thainig iad gu àite àraidh. "Nis," ars' esan, "tha seachdnar chorp fo'n tolmán so." Chladhaich iad, agus fhuaras gu'n robh na thubhairt e fìor. Dh'innis e dhoibh gu'n d'thugadh e iad air feadh na dùthcha, 's gu'n comharraicheadh e mach sluic anns an robh na mìltean air an cuir fo thalamh de na chuir iad gu bàs! Cbaidh iad leis do dhà no trì àiteachan, agus bha 'chùis dìreach mar a thubhairt e.

Cha mhòr nach 'eil na slaidearan eagalach so air an cuir fodha 'nis gu buileach anns na h-Innsibh. Bha dà bhaile deug, anns an robh na mìltean do shluagh a' tàmh, ann an ceàrnan àraidh 'san tìr, far nach robh duine beò ach Tachdaich. Loisgeadh na bailtean so, agus sgapadh na beisdean a bha còmhnuidh anna, an deigh do sèa-fichead dhiùbh 'bhi air an crochadh. Tha iad a nis anabarrach faicealach—tha daoine 'nan earalas rompa; agus tha dòchas againn, an ùine ghoirid, gu'n cuirear as do na cleachdaidhean oillteil eagalach so.

Cia uamhasach an saobh-chreidimh 'tha tarruing dhaoine gu leithid so do ghiùlan! Gu'n greasadh Dia an latha anns an ruig solus an t-soisgeul na ceàrnan dorcha sin, a tha an dorchadas agus an sgàil a' bhàis!

C. N. G.

LITIR O LACHLAN TÀILLEAR.

BLÀR IN'ERCHEITEIN.

A Chuairteir uiseil,

Ciod sud a thubhairt sibh o chionn ghoirid? Gu'n stad an Cuairtear an aithghearr, mur teid a phàigheadh ni's fearr! 'Ne nach 'eil an luchd-leughaidh 'ga phàigheadh? Ubh, ubh! mo nàire! Ge bochd mi féin, tha mi faotuin ceithir sa' mhìos dhiùbh, agus gam pàigheadh an làrach nam bonn. Airson Gaidheil Ameirica, ma ghabhar mi féin, theid mi'n urras orra; agus, do thaobh Gàidheil na h-Alba, 'nuair chì iad 'ur freagradh, 's mi tha cinnteach gu'n òc iad gach bonn-a-li-ochd. Cha'n eil mac màthar dhiùbh a dhiùltadh dhuibh làn searraig de mhac-na-bracha, nan tachradh sibh; agus ged a dh'iarradh sibh uisge teth 'us siùcar, 's iad nach obadh. 'Nis, phàigheadh so an Cuairtear fad dà-mhìos-deug na bliadhna; agus an abair sibh riumsa gu bheil na Gàidheil cho mòralach mu nithe faileasach a' chuirp, agus caon-shuarach mu nithe a thogas agus a dh'àrdaicheas an inntinn—mu nithe 'chumas beò sgeula na h-aimsir a dh'fhalbh, 'nuair bhios sinne 'san tigh chumhang—mu nithe 'bhuineas d'ar deagh-bhith fad linne na sìorruidheachd!

Cha'n eil annam féin ach *tàillear* ; ach, a nochdadh dhuibh cho dealasach 'sa tha mi gu'm biodh *aon* phàipeir-naigheachd sa' mhìos againn air a' char a's lugha, 'nuair tha aig na Goill na *ceudan* gach latha, cuiream an t-snàthad sa' chluasaig, agus cuiream thugaibh nithe a's fiù an aithris—'se sin, ma's urrainn mise an sgrìobhadh gu ceart. Tòisicheam le

BLAR IN'ERCHEITEIN.

A mach 'sa stigh mu'n bhliadhna 1651 (mu thuairream a nis dà cheud bliadhna), bha Albainn ann an staid aimhleasach. Cha mhòr gu robh lagh aun, ach “a' bhéist bu mhò 'g itheadh na béist bu lugha, 's a' bhéist bu lugha 'deanamh mar a dh'fhoadadh i.” Bha na Caimbeulaich, gu h-àraidh, a' deanamh mòran spùilidh, 'sa togail creiche, gus am faca na fineachan eile gu robh an t-àm sreamadh a thoirt as an t-sròin aca.

Annas an àm so, b'e Eachann Ruadh Mac-Illeathain a bha na thriath air Dubhairt. Am feadh a bha e tional a laoich, clum na creachadairean a smàladh, thainig gairm thuige bho a Rìgh (Rìgh Teàrlach II.) gu robh *Cromwell* a' cur Albainn fàs, agus e 'ghreasad air gu còmhnaidh an Rìgh, gu baile Pheart. Dh'fhalbh Eachann Ruadh air ceann *cùig-ceud-deug* Gàidheil cho àrd-inntinnéach 's cho treun 'sa sgnids claidheamh á truail. Bha *ochd ceud* dhiubh nan daoine'-uaisle d'a fhinne féin, fo chomann da Fir Bhròlais, mar *Lieut. Colonel*.

'Nuair ràinig *Cromwell* an Eaglais-Bhreac, chunnaic e gu robh an camp Albannach tuilleadh a's làidir air a shon; agus thòisich e ri 'armailte 'chur thar Iomracha-na-Banrinn, gu fàth fhaotuinn orra taobh an cùil. 'Nuair chual' an camp Albannach so, dh'òrd-uich iad Seanalair *Holburn*, le a mhìle each, Sir Eachann, agus Sir Iain *Brown*, gu coinneadh a thoirt doibh. Choinnich na h-airm aig In'ercehtein, mu thuairream trì mìle mu thuath air Iomracha-na-Banrinn. Tharruing iad an òrdugh blàir, agus b'e sin am blàr! Tharruing an slaoiteir agus and gealtair *Holburn* suas a reisimeid-each an òrdugh catha; ach cha mhòr gu'n do bhmìl clach ri òrd, 'nuair chuir e spuir ri 'each, 'sa theich e féin 'sa mhìle! 'Nuair chunnaic Eachann Ruadh so, chuir e 'chomhairle ri *Buchanan* agus *Brown*. Ars' esan, “Tha iad dithis mu'n aon dhuinne; ach dò dheth sin? Thigeadh iad mar fhad chlaideamh; cha'n eil Mac-Illeathain a'm' reisimeid nach gabh *dithis* diùbh os-làimh.” Arsa Sir Iain *Brown*, “Cha'n e a mhàin gu bheil iad dithis mar aon, ach tha cothrom a' bhrnthaich aca.” “Ciod e,” arsa Sir Eachann, “a b'àill leat mi 'dheanamh? Am b'àill leat mi 'theicheadh, mar rinn an gealtair ud, *Holburn*? Tha onoir agus aobhar ar Rìgh r'an seasamh! Thigeadh an troiteir Sasunnach,” ars' esan, 's e bualadh beum-sgeithe—“thigeadh an troiteir Sasunnach air aghaidh; ch' e nach gealtair Triath Dhubhairt no 'chuid ghillean!”

Dhlùthaich na h-airm ri chéile; thòisich am batal! Bha gun-nacha-mòr nan Sasunnach a nis a' spealadh sìos na Leathanach agus nam Buchananach 'nam ficheadaibh! 'Nuair chunnaic Sir Eachann so, thilg se e féin air ceann a ghillean, agus suas am

bruthach ghabh iad, an aodan 'an teine, gus an claidheamh-mòr fhiachainn doibh; ach bha'n nàmhaid cho lionmhor, 's gu'n do chuartaich siad e féin 'sa bhuidheann mar chrò clàorach! 'Nuair chunnaic buidheann a' *Bhrownich* nach robh stà sa' chùis, thionndaidh iad gach fear ceann 'eich, agus theich iad, a' fàgail ceann an armailt air a' bhlàr, a' traoghadh le call fola!

Dh'fhàg iad deagh Mhac-Illeathain
A' cur a' chatha 'na ònrachd.

Ach rinn Eachann Ruadh suas 'inntinn an toiseach an latha nach géilleadh 's nach strìochdadh e. Dh'lùthaich e féin 'sa bhuidheann bheag thaghta nis ri chéile, ann an sreath ceithir-chearnach, ann am meadhon an nàmhaid, 's 'gan sgoltadh sìos gu'n rùmpul air gach buille! Anns an staid so, le 800 Leathanach agus 700 Buchananach, sheas e gun ghiorag an aghaidh 4,000 de armailte thaghta, a' diùltadh strìochdadh! Ma dheireadh, bhrùchd an nàmhaid, tonn air thonn, mu'n spot an robh Sir Eachann a slachdraich, 'sa chorp mar chriathar le creuchdan fuileach! 'Nuair chunnaic a laoi ch Leathanaich so, leum iad, fear an deigh fir, eadar e 's na buillean; gach fear dhiùblh so mar rachadh a sgath sìos, leumadh sàr eile 'na àite, ag éigheach, "Fear eile airson Eachainn!" gus na thuit mar so ochdnar uaislean d'a chinne féin; agus thuiteadh ochd uairean a h-ochd, mar bliith air an àm so gu'n do thuit an laoch le peileir gunna claoil, a chaidh troimh 'chridhe!

B'e so an latha dubh do chlann 'Illeathain! De theaghlach an Rois a mhàin, thuit seachd fichead ceatharnach de "shliochd a' chlaidheamh iarunn."

'Mhuire! 's iomadh bean-baile
Dh'fhàg sud tamull na bantraich.

Thnit, cuideachd, Lachlan, mac Fir Thorloisg; Iain agus Dòmhnall, mic Fir Ardghobhar; Eòghann, mac Thighearna Chola; Murcha, Ailean, Lachlann, Eòghann, agus Iain, mic Lachlain Odhair, Fear Achnacrais; Eòghann, mac Fir Eilean-na-Muc; Ailean, mac Fir nan Drimnean; Gilleasbuig, mac Fir Bhorera; Teàrlach, mac Fir In'ersgadel;—ach ciod an stà bhì 'gan àireamh!

'S mòr bha dh'uireasbhuidh làmh orr',
Ged thug àrdan orr' fuireach.

Thubhairt mi, b'e so an latha dubh do chlann 'Illeathain; ach b'e an latha geal d'an sliochd e. Cha'n eil ceatharnach a thuit an là sin nach d'rinn fichead ceatharnach! Chunnaic iad eisimpleir an athraichean. Thubhairt iad 'nan inntinn, "Na tugamaid masladh air an ainm!" agus 's mòr am blàth so air rìoghachd Bhreatunn an diugh! Air mo shon féin dheth, 'nuair leughas mi mu là In'erceitein—'nuair sheinneas mi dhomh féin na h-òrain a rinneadh do'n latha sin—cha'n e 'mhàin gu'n tòisich na deòir rim' ghruaidhean a threabhadh—cha'n e 'mhàin gu'n at mo chridhe—ach tilgidh mi uam an t-snàthad leibideach, agus glacam claidheamh sinnseara mo sheanar!

Tha aon de na h-òrain so is fearr leam na càch gu léir. Ar leam, 'nuair leughas mi e, gu bheil mi faicinn Eachainn Ruaidh a' dol 'na éideadh, gu h-àraidh an rann—

Chuir thu grabhailte chruadhach
Air gruaig nan ciabh amlach ;
Lann than' air do chruachan,
'S i na cruaidh chum a barra-dheis ;
Sgiath dhaingeann nan cruaidh-shnaim,
Agus dual nam breac meanmnach ;
Agus paidhir mhath *phiostal*,
Air crios nam ball airgiod.

Agus cha'n i an ath rann is measa—

Cha bu shlacan aig òinid
Culaidh chomhraig a' ghaisgich ;
'Dol an coineamh do nàimhdean,
Cha chrith-mhanntain a ghlac thu ;
'Nuair a bhuail thu beum-sgéithe,
Dh'iarradh céile *chombat* riut ;
'S 'nuair thug thu 'nan còmhail,
Theich *Holburn* 'sa mharc-shluagh!

'Nis, a Chuairteir uiseil, ma shaoileas sibh gu'n dean seann naigheachdan mar so feum, thugaibh fios 'san ath Chuairtear ; agus ma's beò mise, cha bhi sibhse mìos gun bhlàr.

'S mise, le mòr urram, &c.,

LACHLAN TAILLEAR.

SGEUL FÌOR MU THIMCHIOILL ÉIRIONNACH CÒIR AIR AN ROBH 'MHIANN DOL IMRICH DO DH'AME- RICA.

O chionn beagan bhliadhnachan, bha muinntir taobh na h-àird' an iar do dh'Eirinn air bàinidh gu dol thairis do dh'America. Bha daoine sanntach, seòlta, cealgach, a' siubhal na dùthcha, a' toirt cunntas aimideach air tarbhachd agus soirbheas na dùthcha sin—mar nach robh aig daoine bochd ach an cas a chuir air tìr taobh eile a' chuain, 's nach biodh saothair, no cruaidh-chas, no deuchainn air bith r'an cionneachadh—mar gum biodh òr a' fàs air gach craoibh, agus mil 'us bainne a' sruthadh o gach creig. Chreid na h-Eirionnaich bhochda gach ni 'chual iad ; 's cha robh ach na h-uile fear tilgeadh dheth a chuid fearainn, a' reic na bh'aige air aghaidh an t-saoghail, 's a' togail air gu tràigh ; agus b'e 'cheud fhear a gheibheadh a chas air clàr na luinge a' chulaidh-fharmaid bu mhò. Bha iadsan a bha 'gam breugadh 's 'gam mealladh air falbh, gu tur suarach ciod a dh'éireadh dhoibh, nam faigheadh iad am faradh.

Am measg nam feadhnach a bha togarach air falbh, a's oighreachd fharsuing fhaotuinn anns "a' choille nach teirig gu bràth," bha *Dennis Costello*. 'Nis, bha *Dennis* na dhuine measail cothromach 'na dhùthaich féin. Bha baile beag fearainn aige, mu thomhas ochd-acair-dheug, airson màl ìosal, a thainig a nuas o athair gu mac o linn-

tean fad as. Bhiodh dà no trì aighean, bò reamhar, 'us fichead no dà-fhichead caor' aig *Dennis* an dràsda 'sa rìsd aig féill; agus cha do shuidh e riamh gu lòn bìthidh bu mhiosa na sliseag do mhuiceil co math 'sa chaidh riamh air mèise—càl-ceirsleach co àillidh 'sa thogadh 'an gàradh—buntàta co fhiamh-ghaireach thioram 'sa thogadh riamh á coire—sliseag chàise 'us beagan ìme, a rinneadh 'na thigh féin—agus air uairibh cuach do leann co taitneach 'sa chaidh am beul sagairt; agus có bu déidheil air *Dennis* na'n sagairt? Cha robh maduinn Sàbaid nach do ghabh e 'lòn maduinn maille ris, oir bha'n tigh-aoraidh dlùth do'n àite 'san robh *Dennis* a' tàmh. Bha *Dennis* mar an ceudna na fhear-cèaird teòma—na shaor chairtean 'us chrann, a's uiread aige ri dheanamh 'sa hha 'na chomas a ghabhail os-làimh. Bha e, mar so, na dhuine co cothromach, neo-eisimealach, 'na dhòigh féin, 'sa bha 'san tìr.

An uair a bha *Dennis* ochd-bliadhna-deug a dh'aois, phòs e àilleag an àite, nighean coimhearsnaich—Anna O'Néil; 's cha robh a samh-ladh n'a coimeas taobh na h-àird' an iar do dh'Eirinn uile. Bha pailteas aig *Dennis*, 's bha e suarach mu thochar. Cha robh a dhìth air ach làmh gheal agus cridhe blàth Anna O'Néil; ach cha'n fhònadh so le 'athair. Cha robh feasgar fad shèa seachduinnean nach do choinnich an seann duine agus athair na maighdean, a shocrachadh gach cùis. 'S iomad cuach leanna 'dh'òl na seòid mu'n robh an còrdadh seachad, agus na h-uile ni air a réiteachadh. Ma dheireadh bha gach cùis air an socrachadh; agus thug seann O'Néil cóig buinn fhichead òir, latha na bainnse, maille ri crann iarunn 'us cliath-chliata, mar thochar do'n chaileig luraich.

Bu ghrianach aighearach maduinn latha na bainnse ann am Baile-na-mòine, far an robh *Dennis* a' tàmh. Chuir e suas a dheise ùr bhainnse—cosag do dh'aodach gorm co finealta 'sa thainig riamh á Sasunn—putanan bhuidhe òir-dhearg a' dearsadh ri gathan na gréine—'s gach nì o mhullach a chinn gu bonn a chas ùr, nodha, eireachdail; agus cha deach bean-bainnse a b'àillidh, bu mhodhail, bu mhàlda, bu bhaneil, na Anna O'Néil riamh an làthair sagairt. Chruinnich mòran—òigridh an àite—fheasgaich 'us gruagaichean; 's mar robh fearas-cuideachd 'us cridhealas, càirdeas 'us sùgradh, ann am Baile-na-mòine air an latha sin, is iongantach leamsa. Cha'n e 'mhàin gu'n robh bean-na-bainnse àillidh, bòidheach, lurach ri fhaicinn; ach bha i glic, cialach, deanadail, grunnadail.

Bha i nis ochd bliadhna 'na bean phòsda; 's bha aice ceathrar phàisdean co fallain, lùghmhor, mbireagach, 'sa sheas riamh air fòid ghuirm na h-Eirinn. Mar b'i Anna 'na h-òige a' chaileag bu bhòidheach 'san tìr, b'i nis a' bhean phòsda bu chiallaiche agus bu ghléidhteiche bh'ann. 'Nuair a bhiodh mnathan pòsd' eile 'nan suain sa' mhaduinn, chite bean *Dhennis* a mach a' glanadh a soithichean bainne—a' réiteachadh an tighe—a' ceartachadh gach nì; 's cha robh tigh no àite de'n t-seòrsa 'san sgìreachd bu ghlainne, 'sa b'fhearr a bh'air a réiteachadh, na aitribh 'us àite *Dhennis Chostello*. Chite i aig a cuibhle, a' sniomh anairt do na pàisdean; 's cha robh bad a chaidh air an druim 'nan òige nach i féin a rinn, 'sa chum, 'sa ghearr, 'sa dh'fhuigheal

e. Air uairibh, chùte i suidhe air an réilean dlùth do'n àite am biodh *Dennis* ri obair, 's na pàisdean beaga mireag mu'n cuairt di; airneobuaichailleachd na Driommain duibh air ceann iomaire, 's ma dh'fheudta leanabh beag aice air a' chich.

Mar so chaidh laithean 'us bliadhnachan seachad, a's có bu shona na *Dennis Costello* agus Anna O'Néil? Esan o mhoch gu anmoch ri saothair an fhearainn, a' feadarachd gu sunndach aotram "Gille nan Cuaran" no "Paddie O'Rafardie:" ise a' bleodhan nam bò, a' crònan an òrain, "Ho ro, ho ro, an Driomman dhubh éile," airneo a' tàladh a naoidhean gu tàmh le seinn da "Mali, mo rùn." Bha na h-uile ni soirbheachadh leo, a's iad a' cuir seachad beagan o àm gu h-àm, cùl an làimh, airson an teaghlaich.

Mu'n àm so, thòisich daoine a bhi air am breith-as le America, Australia, agus àitean eile fad as—gu h-àraidh America. Bha duine seòlta 'san àite sin a bha faradh soithichean, 's a' cur luchd an deigh luchd do dhaoine thairis; agus smuainich e nam faigheadh e 'thoirt air *Dennis* dealachadh ris na bh'aige, a's dol a null, gu'n éireadh an dùthaich uile, agus gu'n leanadh iad neach a bha co measail. Cha robh latha nach robh an duine so a' coinneachadh *Dennis*—leigeil ris da litrichean, na's fìor, a fhuaire nall o 'luchd-eòlais, agus a' cuir 'na cheann, an àite oclid-acraichean-deug fearainn a bhi aige, gum biodh dùthaich aige taobh eile a' chuain mhòir. Chòmhlaicheadh an duine seòlta so e air gach féill, a's auns gach àite a b'urrainn da. Ma dheireadh, smuainich *Dennis* ma dh'fheudta gu'n robh an fhìrinn aige. "A' bheil mi an so," arsa esan, "ach na n' thràill?—a' saothrachadh, mi féin agus mo bhean, air crioman beag fearainn is gann a chumas làn ar 'beòil rinn." Chaill e a thlachd de'n àite anns an d'rugadh 's na thogadh e féin agus na daoine o'n d'thainig e. Bha sannt 'us ciocras fearainn an deigh làn ghreim a dheanamh air 'anam, 's cha'n fhònadh leis ach mìltean a bhi aige, an àite nan oclid-acair-dheug. Chuir e roimhe dol thairis; ach bha eagal air so innse d'a mhnaoith—cheil e oirre na bha 'na bheachd. Chunnaic i gu math gu'n robh ni-eigin a' cuir air—ni-eigin a bha dùsgadh imcheist a's cùram. Bha e dol air ais gu mòr 'na choslas, 's bha e trom brònach 'na spiorad.

Bha anabarr gràidh aig *Dennis* air a mhnaoith 's air a pàisdean—cha robh cridhe na bu bhlàithe ann an Eirinn uile; agus b'e a ghràdh d'a theaghlach a dh'fhàg e co iartach déigheil air barrachd fearainn, 's air barrachd soirbheas na bh'aige. Chuir e roimhe dol a null e féin, 'sa' cheud dol a mach, a dh'amharc an àite, 's a theaghlach fhàgail na dheigh gus am pilleadh e; ach bha 'chridhe làn mullaigh dealachadh riu. Dh'fhàs e leisg, trom, lunnach, gun spiorad—a chadal 'san oidhche bruidheanach, briste. Rinn e dearmaid air a chuid fearainn—bha na fodhanuan, 'sa' chopacach, 's an sgiolan, a' fàs gu dosrach, 'sa' falach an eòrna. Bha'n tubhadh air falbh bhàrr nan tighean leis a' ghaoith, 's am boinne-snidhe tighinn a stigh do'n t-seòmar a b'abhais a bhi co tioram sheasgair. Bha 'bhean, mo thruaighe! deanamh a dichioill. Fhad 'sa b'urrainn d'ise an tighe chumail fo dhreach, agus na h-uile ni 'dheanamh taitneach dha, cha robh dìth no dearas; ach cha robh i sona.

Oidhche de na h-oidhchean, chuir e roimhe gach nì 'innse d'a mhnaoith—a chridhe fhosgla dhì, 's gach cùis a chuir m'a coinneamh. Dh'fheuch e so a dheanamh uair a's uair, ach chaidh e na aghaidh—thainig reachd 'na mhuineal. Ma dheireadh thòisich e:—

“Anna, a ghràidh, a chuisle mo chridhe! tha mi sgìth de'n àite so; cha'n eil farsuinneachd ann.”

“Cha'n eil, a rùn,” ars' ise; “ach taing dhasan o'm bheil e againn, gu'n robh fhathast pailteas, 'us seasgarachd, 'us sìth, 'us slàinte againn ann; a's ciod tuille bu chòir do dhaoine iarraidh?—nì's leòir dhuinn féin, agus beagan r'a sheachnadh.”

“Tha sin fìor,” ars' esan; “ach nach fhaic thusa, a chuisle, gu bheil mise an so a nis o na rugadh mi—far an robh m'athair 's mo sheanair a' saothrachadh le falus ar gruaidh—'s cha'n eil sinn fathast leth co beartach ri *Nick Delany*, 'chaidh thairis gun bhonn 'na phòca do dh'America o chionn leth-dusan bliadhna.”

“Ach, a chuisle 'sa ghràidh, mo *Dhennis* donn féin,” ars' ise, “na creid thusa na chluinneas tu. Ma tha òir a's airgiod ann am pailteas co mòr thall ann an America, cha mhòr 'tha d'a choslas orrasan tha tighinn air an ais.”

“Nach coma có tha tighinn air an ais?” deir *Dennis*. “Nach 'eil màl a nis ag éiridh co àrd—na tighearnan a' fàs co bochd, sauntach, seach mar bha iad? Cha'n eil e 'nar comas am màl a dhioladh, no sgillinn a chuir mu seach airson ar teaghlaich.”

“A chéile mo ghaoil,” ars' Anna, a's i tiormachadh a sùil, “nach 'eil beartas gu leòir againn?” Tharruing i dlùth air; shuidh i air suidheachan comhlaich r'a thaobh; ghlac i a làmh; dh'amharc i gu caomh gaolach 'na aodann. “Tha sinn òg, làidir,” deir i; “agus nach fhaic thu *Tim* òg, m'eudail geal,” a's i 'cur a làmh air ceann a mic—“nach fhaic thu *Tim*; cha'n fhada gus an cuidich e linn, mo lurachan caomh!”

“Deich mìle beannachd air a cheann,” arsa *Dennis*, “agus deich mìle beannachd o Dhia ort, mo ghràdh geal òg! Nach ann air an son féin tha mise togairt thairis, chum am barrachd a sholar air an son?”

Bha mòran aig Anna ri ràdh, ach cha robh e 'na comas. Chunnaic i gu'n robh buaireas air a companach. Dh'fhàg i e car tamuill, a's chaidh i steach do sheòmar beag leatha féin, far na ghul i gu fad agus gu goirt. Bha iomad seanachas eatorra na dheigh so; ach chunnaic Anna nach robh math dhi 'bhi labhairt. Thainig an t-àm seòlaidh—thainig long mhòr nan trì chrann, 's bha'n dùthaich uile fo ghluasad. Bha iadsan a bha ri falbh a' cur gach uì air bòrd; bha uidheamachadh mòr 'ga dheanamh leis gach aon. Thog *Dennis Costello* na bh'aig do dh'airgiod ullamh; reic e na b'urrainn da; a's chuir e roimhe Anna 's na pàisdean fhàgail, a's cùram an àite earbsa riu fhad 'sa bhiodh e air falbh. Cha chluinntte diog a mach á beul na mnatha ciùin. Bha i a' cuir gach goireas suas ann an ciste airson a fir—a' trusadh a chuid anairt a's aodaich, 's na deòir a' tuiteam gu silteach thairis orra. Bha *Dennis* bochd a nis trom-chridheach da rìreadh; ach bha e seasmhach, 's cha robh stà bhi 'cur na aghaidh. Thainig mòran de 'chàirdean a

ghabhail an cead dheth an oidhche mu'n robh e ri falbh, a's thug Anna biadh 'us deoch dhoibh, a reir cleachdadh na dùthcha. Bha mairt-fheoil shailhte, 'us muiceil, 'us càl-cearslach, 'us geòidh, 'us cearcan, a nis deas aice, ged a b'ann le cridhe trom a dheasaich i iad. Ach cha bhiodh i an deireadh air càch, chionn gum b'e so cleachdadh na dùthcha. Bha'n sagairt aig ceann uachdarach a' bhùird. Bha chuid-eachd cridheil, aighearach; ach *Dennis* truagh, bha 'chridhe an impis sgàineadh, a's pàisd aig air gach glùn. Bha Anna frithealadh do'n bhòrd, 's a' deanamh dleasnais 'us onoir an tìghe mar a b'fhearr a b'urrainn d'i.

Dhealaich a' chuideachd; dh'fhalbh iad uile, an deigh iomad fàsgadh càirdeil a thoirt do làimh *Dhennis*. Phòg an sagairt e, a's dh'fhàg e aig a bheannachd dùrachdach. Bha'n dorus a nis air a dhùnadh; agus charraich *Dennis* a chiste gu cùl an doruis, gun fhios d'a mhnaoith, mar a shaoil leis, chum a giùlan air falbh 'sa' mhaduinn gun fhios d'i. Cha do chaidil e lochd. Dh'fheuch e éiridh gun ise a dhùsgadh. Bha i ann an suain shàmhach, 's a naoidhean 'na h-uchd. Bha dithis eile ann an leaba bhig dlùth dha, taohh ri taobh—gu h-ait, neo-chiontach, ciùin, sàmhach—làmh bheag gheal an dara h-aon air uachdar an aodaich, thairis air an aon eile. Bha cridhe *Dhennis* mar gu'n sgàineadh e. Bha tuainealach 'na cheann; ach coma, chuir e roimhe éiridh gun fhios, a's falbh. Fhuair e mach as an leaba gu'n fhios d'i. Chuir e air a chuid aodaich. Thainig e nall air ais, gus an sealladh ma dheireadh a ghabhail dh'ise, agus de'n naoidhean a bha 'na shuain 'na broilleach. Sheas e ag amharc orra; ach ghrad dhùisg ise. Rinn i greim bàis air a phàisdean, 's le spàirn mhòr labhair i:—

“Éisd mi,” deir ise. “An uair a labhair thu mu dhol thairis air imrich air tùs, cha do chuir mi a'd' aghaidh—bha fios agam nach robh math dhomh facal a labhairt; ach na smuainich thusa gu'n dealaich mi ri athar mo phàisdean, *Dennis Costello*, mo chéile, a's mo cheud ghràdh. Cha dealaich. Thusa nach do labhair diog riamh rium ach briathran gràidh, an dealaich thu riumsa?—an dealaich thu ri d' phàisdean, airson beagan tuille òir a's airgiod? Falbh, falbh—imich a nìs; oir mar is beò mi, agus Esan a rinn mi, tha mi bòideachadh nach dealaich ni eile mi uatsa ach am bàs. Seadh, éisd rium. An do dhi-chuimhnich thu a' lliòid a thug thu an làthair Dhia agus dhaoine, mo dhion, mo sheasamh, mo ghradhachadh? Am fàg thu mi? Fàg na pàisdean—tilg iad air saoghal truagh, air coigrich gun iochd; ach Anna O'Neil, 'se am bàs amhàin a sgaras ise uait.”

“Anna O'Neil,” arsa *Dennis*, “éisd rium. 'Ne gu'n tréiginn thu? Na tig an t-aon latha an tog mi mo làmh, ma dh'fhàgas mi thusa no na pàisdean. Ged a robh òr ann an America mar shligean air an tràigh bhàin, cha'n fhàg mi thu. Cha'n fhàg, a chuisle mo chridhe, cha'n fhàg; ni mò a dh'fhàgas mi mo mhic na mo nigheanan. Fhad 'sa tha'n deò ann *Dennis Costello*, cha tréig e sibh.”

Phòg e a leanabanan a ris agus a ris. Thilg e dheth a chuid aodaich, a's chaidh e air ais d'a leaba an t-aon duine bu shona 'bha taobh na h-àird' an iar do dh'Eirinn. 'Nuair a phill an càirdean 'sa' mhaduinn a thoirt comhlhurtachd d'a mhnaoith, fhuair iad *Dennis Costello*

'sa leanabh air a ghlùn, a's e gabhail dùanaig dha—"Gràdh mo chridhe, mo chrùisgean làn, làn; gràdh mo chridhe, mo chrùisgean làn!"

Cha ruigear leinne tuille a ràdh. Cha robh fadal imrich gu bràth tuille air *Dennis Costello*. Bha e sona saothrachail, a' soirbheachadh anns gach nì. Dh'éirich *Tim* òg a suas gu bhi na ghille tapaidh. Fhuair iad tuille fearainn. Chinnich gach nì mar a b'àill leo. Cha robh càraid 'san àite co riarachta shunndach riu; agus is minig a chualar *Dennis* ag ràdh, "Tha America aig an doras, nan deanadh daoine feum dheth. Am fear tha càradh 'sa' bhaile bhos, bithidh e càradh sa' bhaile ud thall; is fearr an t-olc eòlach na'n t-olc aineolach."

C. N. G.

BEATHA AGUS EUCHDAN AN RIDIRE UILLEAM WALLACE.

EARRANN II.

Dh'fhàg sinn *Wallace* agus a cheatharnaich a' tarruing an analach air an làraich fhuilich, an deigh an ruaig a chur air a' champ Shasunnach d'an rìoghachd féin. Ma dheireadh, bu bhuidhe leo sìth a dheanamh ri Albainn; agus chaidh an t-sìth so 'cheangal ann an eaglais Baile-'n-Rua'-ghlinn (*Rutherglen*), air ceud mhìos an earraich, sa' bhliadhna 1297.

Bi'n t-sìth sin plathadh na greine 'san là fhoghair—fathleus neòil shiùbhlaich air uchd aonaich. Cha bu bheò leis na Sasunnaich mar closnaicheadh iad Albainn, agus mar faigheadh iad greim air *Wallace*, a mharbh cho iomadh dhiùbh. 'Sann mar sin a bha; an ceann leth-bhliadhn' an deigh do'n t-sìth a bhi ceangailte, thainig òrdugh rìoghail á Sasunn, mòd mhòr a chumail ann am baile Inbheràir. Thainig iomadh de uaislean na coimhearsnachd chum na coinneamh so; 's ma thainig, b'fhèarr dhoibh fuireach aig an tigh. Chaidh mòran dhiùbh, le claon-bhreth, a dhearbhadh nan slaoiteirean, agus a chrochadh. B'ann diùbh so Sir Raonal *Crawford*, siorram a' bhaile, agus brathair-màthar *Wallace*; Sir *Bryce Blair*; Sir *Nial Montgomery*; agus *Baron Kyle*, *Baron Cunningham*, *Baron Carrick*, *Baron Clydesdale*, agus mar sin. Coma co dhiùbh, fhuair iasg no dhà troimh 'n lìon, a dh'innis do *Wallace* mar thachair. Ghlac e 'chlaidheamh, air ceann leth-cheud biùidh; rainig e mu mheadhon-oidliche baile Inbheràir; agus chuir e ri theine, fear ma seach, gach tigh anns an robh na Sasunnaich nan cadal. 'Nuair chual an gearastan mar bha, mach thug iad gun umhail, gun arm, a chasg an teine le bucaidean làn uisge. Chaidh an uisge 's am fuil a mheasgadh;—mharbh *Wallace* agus a bhuidheann a h-uile mac màthar dhiùbh! Cha bu leòir so. Mach gabhar a nis, agus mèarsar gu Glaschu. Glacar *Morair Percy* e féin, agus a champa; agus thugar air an t-iasg a phàigheadh dùbailt a thug a sheisear saighdearan uaithe aig uisge Irbhin.

Thoilich mòran a nis druideadh suas ri meirghe an laoich, an aobhar an dùcha, 's an aghaidh Shasuinn. B'aun diùbh so Raibeart Bruce,

Iarla Chaisteal Carric; Raiheart, easbuig Ghlaschu; Morair Seumas, àrd thainisteir Albainn; Sir Iain Stiùbhart, a bhràthair; Sir Aindrea Mac-Mhuirich, triath Bhùth-Bhaail;* Sir Uilleam Dùglais; agus Raibeart *Boyd*. 'Nuair thainig so gu cluasan Iomhair, rìgh Shasuinn, chuir e nìos 40,000 (dà-fhichead mìle) fear-cogaidh a thoirt còthail dhoibh. Choinnich na h-airm aig *Irvine*; ach o nach robh na h-Albannaich ach tearc, rinn iad cùmhnantan sìth gun bhuille a bhualadh. Ach ged a chaidh gach cùis a shocrachadh air taobh 's air thaobh, cha b'fhad' a sheas na Sasunnaich r'am focal. Chuir iad an t-easbuig 'san toll-dhubh ann an caisteal *Roxburgh*, agus Sir Uilleam Dùglais ain prìosan ann an caisteal *Bherwick*.

'Nuair chunnaic *Wallace* so, chuir e roimhe nach biodh e nasgaidh. Rug e air a' champ Shasunnach a' dol troimh *Ghalloway*. Ghlac e'n stòr, agus trì cheud fear a bha na chois!

A mach o'n là so, rinneadh *Wallace* na sheanalair air an arm Albannach, agus na chileadair air an rìoghachd, mar fear-ionaid Rìgh Iain. Cha luaithe fhuair e'n comann, na leig e fhaicinn nach bu neo-àraidh e air. An ceann latha no dhà, thug e aghaidh air Strìla, iuchair na Gaeltachd; agus mu'm buileach dh'fhosgail na saighdearan an sùilean, ghlac e'n caisteal. As a so, thug e Earraghaidheal agus Lathurn air; agus spion se iad á làmhnan nan Sasunnach. Chaidh e ris do Pheairt, agus thug se air striocadh: as a so gu *Forfar*, *Brechin*, agus *Montrose*, a' cuir sop teine riu mar b'fhiach iad cosdas an dìon. 'Nuair rainig e Aberein, bha'n gearastan na aon lasair theine—deanadas nan Sasunnach mu'n do ghabh iad cead an coise.

Cha robh a nis gearastan mu thuath air Peairt nach d'rinn ùmhlachd do *Wallace* ach *Dundee*, aig beul na h-aillhne (*Tay*). Am feadh a bha e 'cuir séisd ris an daingneach so, fhuair e fairbheanadh gu robh Iain, Iarla *Surrey*, a' tighinn air cheann 40,000 fear-cogaidh. Chuir *Wallace* roimhe nach tugadh e coinneamh dhoibh ach air làraich a b'aithne dha féin. Mhèars e, uime sin, gu Strìla, agus shuidhich e 'champ air tullaich a tha os-ceann Camus-Choinnich, mu thuath air an abhuinn *Forth*. Cha'n eil àth air an abhuinn anns an àite so, no àite far an rachadh duine thairis, gus an ruigeadh e drochaid-mhaide 'bha dlùth do Strìla. Thainig an t-arm dearg, agus shuidhich iad an campa taobh deas na h-aibhne. Bha'n dà arm a nis mar tha Dubhairt 's Dunolla—'se sin, mu choinneamh a cheile. 'Nuair chunnaic na Sasunnaich nach robh nan aghaidh ach làn an dùirn de Albannaich, chuir iad dithis pears'-eaglais chuca le cùmhnantan sìth, mu'm biodh am fuil air an ceann. Ach bha na cùmhnantan cho tàmailteach 's gu'n dubhairt *Wallace* ris na teachdairean gràmhor,—“Innsibh do 'ur n-oifigich nach ann airson sìth iarraidh a thainig na h-Albannaich do'n àite so. Innsibh dhaibh gu bheil sinn deas airson còmhraig—gu bheil ar claidhean air chùl-dùirn againn—agus, ma thug iad air an aghaidh, gum faic iad mar a laimhsicheas sinn iad ann an aobhar ar dùcha.” Thog an teachdaireachd so fraoch agus frionas air na seanalair nan Sasunnach, agus thubhairt iad r'a cheile, “Thugamaid an sàs annt' a thiotadh, agus slugamaid suas iad!”

Bha Albannach, fear *Lundy*, sa' champa Shasunnach, a chomhairlich dhaibh amharc rompa; oir gu'n robh esan cinnteach, do réir gnàthas *Wallace*, gu'n robh cùl-taig a thaobh-eigin aige, airneo nach biodh e cho gòrach 's na h-uiread de armailt a sheasamh le làn an dùirn. Coma, cha bu nì leis na seanalairan cluas a thoirt do chomhairle *Lundy*. An òrdugh mèarsaidh chaidh iad; deanar air an drochaid fhiodha (an drochaid a thug *Wallace* manear, là no dhà roimh, a sailean a ghearradh); rachar thairis mu thuaiream seachd mìle dhiùbh, agus deanar air a' chnoc far an robh *Wallace* 'sa dhaoine an òrdugh blàir a' feitheamh orra. 'Nuair chunnaic *Wallace* na Sasunnaich a dlùthachadh, thòisich e ri dol air ais, mar gum b'eadh le eagal, nì 'nuair chunnaic na Sasunnaich, ghreas iad an ceum chum an rnaig a leantuinn; ach sùil gu'n tug e na dheigh, cha robh bratach ri fhaicinn 'na champa! Bhreis an drochaid bhreòite le cudthrom an t-sluaigh; agus bha iad an sin nan ceudan a plubraich, 'sa' spùtail, 'sa' foghlum snàmha, le'n spnir 's le'n bòtaincan!

Chunnaic *Wallace* a nis gu'n robh an t-àm tòiseachadh orra; agus ciod a th'agad air, ach de na seachd mìle 'chaidh thar na h-aibhne, cha deach mac Sasunnaich as ach an seanalair, agus cóig no sèa a shnamh an abhuinn! Bha *Surrey* 'sa' chuid eile de'n arm taobh deas na h-aibhne, gun chomas buille 'bhualadh, no dol ceum air aghaidh. Smuainich e nis gu'n cnireadh e ri theine na bha làthair de'n drochaid, a chumail *Wallace* air an taobh an robh e; ach 's beag feum a rinn so dha, oir bha'n Stiùbhartach mòr, tainisteir na rìoghachd, agns Iarla *Lennox*, am foill-fholach air a chùlthaobh. Leum iad so a nis suas. Thug iad annta, agns lean iad an ruaig gus an d'rainig iad *Berwick*. Thuit anns a' bhlàr ainmeil so, a' measg iomadh sàir, fear *Cressingham*—Iudas Sasunnach a bha cho fuathach leis na h-Albannaich, 's 'nuair fhuair iad greim air a chlosaich, gu'n d'rinn iad feanna-builg air. 'Nuair thiormaich agus a chruadhaich iad a sheiche, roinn iad i na splùcain bheaga, cha b'ann a chumail an tombaca, ach gus a leigeadh fhaicinn mar inisg air a chàirdean, agus mar dhùlain d'a dhùthaich.

Bha 'bhuaidh-làraich so cho glan 's nach faicte 'nis Sasunnach an Albainn. Cha'n e sin, ach cha robh a nis gearastan nach do thilg a gheata sraointe suas do'n cheatharnach *Wallace*!

Chunnaic sinn a nis Rìgh Iain air a chur thar a' chrùn—an rìoghachd air a cìosnachadh, agus fo chis—prionnsa fheadain air Albainn; ach ceithir mìosa deug seachad, agus faic a nis Albaion ann an làn shealbh a saorsa agus a glòir nàdurra—gun chis do choigreach—gun aithne air prionnsa fuadain; agus so le euchdan aon duine—aon duine le làn an dùirn do dhaoine gun airm, gun ionnsachadh, ach na thug iad o nàdur agus o'n nàmhaid!

Ged bha 'chreach mòr a bhuinginn sinn ann am blàr Shrìla, bha aobhar-eagail gum biodh gorta 'san dùthaich, airson mar dhich na Sasunnaich suas i. 'Nuair chunnaic *Wallace* so, dh'òrduich e gach mac màthar a bha coir-lionta, o shèa-bliadhn'-deug gu trì-fichead, a dhol fo'n armaibh, agus a bhi deas anns gach ceàrn gu tionndadh

a mach gu faiche, seach mu seach, 'nuair thoilicheadh esan. Thug e manear, sa' cheart àm, croich a chur suas anns gach baile agus frith-bhaile, chum gach fear a chrochadh a thréigeadh a bhratach, no 'dhiùltadh a leanailt an am fenma. 'Nuair chuir e, mar so, Alhainn fo riaghailt, a' suidheachadh oifigich an sud 's an so, mach a ghabh e féin agus a laoiach, agus thugar Sasunn air. 'Nuair rainig iad *Northumberland*, chuir ainm *Wallace* a leithid do ghiorag 's do ghairisinn orra, 's gu'n do theich a h-uile mac màthar dhiùbhl. Cha d'iarr *Wallace* ni b'fhearr. Thog e creach nach robh faoin, agus chuir e reisimeid dhachaidh leathia do dh'Albainn.

As a so, ghabh e air aghaidh gu *Newcastle* 's gu *Durham*, gus a nis na chuir an geamhradh dhachaidh e. Bha aon bhaile beag air an rathad, ris an canadh iad *Kyton*, a thug anabarr smàdaidh agus cànaidh dha, an earbsa nach robh e 'na chomas coire 'dheanamh orra, a chionn gu'n robh iad air an cuartachadh le dig' mhòir uisge. Cha robh fhios aca có bh'aca. Ghrunnaich *Wallace* agus a dhaoine an abhuinn, agus chuir iad am baile na smùid.

Chaidh ainm *Wallace* a nis cho fada 's cho farsuing, 's gum b'e bu chòmhradh anns gach còmunn 'san Fhraing, cho maith a's an Sasunn. 'Nuair chunnaic Iomhar so, cheangail e sìth a thiota ri Philip-Fionn, rìgh na Frainge, a' toirt a thoil féin dha anns gach nì, ach e 'chuideachadh leis Albainn a chiosnachadh. 'Sann mar sin a bha. Chaidh armailt mhòr a thogail. Choinnich iad aig *Newcastle*. As a sin mhèars iad do dh'Albainn, ceithir mìle agus cóig ceud each, agus còrr 'us cóig-fichead mìle saighdear-coise. Dhaingnich iad *Berwick*, agus ghabh iad rompa gu *Roxburgh*, far an d'fhuair iad òrdugh bho Iomhar fuireach gus an tigeadh e féin, agus an rachadh e air an ceann. Cha luaithe rainig e Sasunn á Flannus, far an robh e 'san àm, na chuir e litrichean gu *Wallace*, làn do spìd agus do thàmailt, ag ràdh, nam biodh esan 'san rìoghachd, nach robh a' chridhe aig' a shròn a sheideadh, aon chuid an Albainn no an Sasunn; ach nach b'fhada 'nis gus am faigheadh e duais a pheasantachd.

Ghabh *Wallace* ri teachdairean Iomhair mar bu chubhaidh, le meas agus mòralachd. An ceann latha no dhà leig e dhachaidh iad, ag iarraidh orra iunse do Iomhar gu'm "b'fhearr a dheanamh no 'ghràtin;" agus, ge bu mhòr a bhòilich 'sa spagadagliog, gum faiceadh e *Wallace* ann an Sasunn roimh Chàisg. Rinn e mar gheall e. 'Nuair thainig an dà champ am fradharc a cheile, bu ghreadhnach an sealladh! Bha na Sasunnaich cho lìonmhor ris na meanbh-chuileagan, 's an claidhean, 's an criosan, 's an clogadan a' dearsadh anns a' ghréin; a's có ach iadsan—an drumachan a' beatadh, an tiompanaibh a' gleadhraich, 's an trùpaichean a' snot-raich. Chìte *Wallace* agus a bheag bhuidheann gun ghleadhraich, gun bhòsd, ach àrd leadan agus cliath-luath na pìoba—a h-uile fear 's a bhonaid sgroigte air a mhallaidh, a làimh air a chlaidheamh, 's a shùil air a chòirneal. 'Nuair chunnaic Iomhar an aogas colgarra, an deanamh leomhanta, agus tomailt an lannaibh, chuir e 'chomhairle r'a oifigich. Dh'aontaich iad gum b'fhearr teicheadh

math na droch fhuireach, agus thug e Sasunn air gun bhuille
'bhualadh!

Thug e gu leòir do *Wallace* ri dheanamh a ghillean a chumail
gun bhi 'n sàs annta. Nan rachadh, b'iomadh fear còta-mhàdair
air am biodh an aire-chloiche an oì'che sin!

Gheibh sibh a' chuid eile ri ùine, ma's beò

MACTALLA.

Eilean Cholla, 1842.

DÀN SHOLAIMH.

CAIB. III.

'San oidhche dh'iarr mi fear mo ghràidh,
An Tì do'n d'thug mi déigh;
Le dùrachd air mo leabaidh dh'iarr,
'S nì'n d'fhuair mi idir e.

Éiridh mi nis, a's gabham cuairt
Air feadh nan sràidean caol;
A's anns na ràidibh farsuing fòs,
Iarraidh mi fear mo ghaoil.

Ged shir mi mach, cha d'fhuair mi e.
Luchd-faire 'thachair rium
A' dol air chuairt, a's dh'fheòraich mi
Am fac iad fear mo rùin.

Cha deach ach beag air m'aghaidh uath',
'Nuair fhuair mi fear mo ghràidh;
Ghlac, a's thug mi esan leam
Do shedmar 's tigh mo mhàth'r.

A nigheana Ierusalem!
Cuiream mar fliachaibh oirbh,—
Air carbaidh elis, 's air cildibh luath,
Tha ruith 'sa' mhachair dhoirbh,—

Nach cuir sibh dragh air fear mo rùin,
An Tì do'n d'thug mi gràdh;
Nach dùisg sibh esan as a shuain
Gu ruig an t-àm is àill.

Có ise 'tha teachd o'n fhàsach shìos,
Mar stuadaibh deataich chiùin?
Le mirr a's mìn-dhus ceannaiche,
Le spìosraidh a's le tùis?

Feach, uirigh 'Shol'! Trì-fichead fear
Do ghaisgich Israel threun—
Fir-claidheamh dheas, gu dian 'san oidhch',
Le'n innecal-chatha géur.

Rinn Solamh 'n rìgh a leabaidh phòsd
Do chrannaibh Lebanon;
Bha 'h-ìochdar deant' de'n òr is deirg,
'S a puisd de'n airgid ghlan.

Bha 'còmhach coreuir oirr' os-eionn,
 'Meadhon mar shamhlaibh gràidh ;
 Rinn òigh'nean Ierusalem
 Oibreachadh dha le bàigh.

Nigheana Shioin ! rachaibh mach,
 A's faicibh Sol' an àigh ;
 An coron loinnreach air a cheann,
 A thug a mhàthair dha.

An coron fòs a chuir e féin
 Mu 'eheann le mòran moit,
 An latha 'phòs a mhàthair e
 Le cridhe subhach ait.

LAGHANNA NADUIR.

(Air a leantuinn o thaobh-duilleig 252, leabhar ii.)

'Se an dara ni do'm bheil planntan air an deanamh, *hydrogen*. Air dha so bhi mar sgaoil agus gun chuid do ni air bith eile, tha e mar athar do-fhaicinn ; agus 'se an t-aon ni a's eutruime a th'ann, air chor agus gur e so an seòrsa *gas* a's fearr a fbreagras airson nam bàtaichean-athair (*balloons*) a lìonadh. Ma chuirear dà thomhas do'n *ghas* so, agus aon thomhas do dh'*oxygen*, air am measgadh, ri theine, cluinnear fuaimean mar urchair, agus grad fhàsaidh iad nan uisge. Nis, 'sann as an uisge a tha planntan a' tarruing an cuid *hydrogen* ; agus chìtear, a chionn gu bheil uisge air a dheanamh do *hydrogen* agus do dh'*oxygen*, gu bheil *oxygen* 'ga chuir mar sgaoil, agus a measgadh leis an athar.

A thuilleadh air *oxygen*, *hydrogen*, agus *carbon*, tha'n ceathramh ni, *nitrogen*, do-sheachnadh do chuirp phlanntan. Dh'ainmichear cheana gu bheil an t-athar air a dheanamh do dh'*oxygen* agus do *nitrogen*. B'i barail dhaoine ionnsuichte roimh so, gu'n robh planntan a' tarruing an cuid *nitrogen* dìreach as an athar ; ach tha e air a leigeadh ris duinn leis a' cheimisteir ainmeil Ghearmailteach, *Liebig*, nach ann mar so a tha,—ach gu bheil an *nitrogen*, mu'm bheil e air a ghabhail a stigh do'n phlannt, ann an riochd *ammonia*, ris an deirear gu coit-chionn *hartshorn*—an t-àileadh biorach sin a gheibhear aig mnathan uasal ann an botail bheag airson an sròine, gu sònruichte 'san eaglais, agus a tha daoine cumanta a' cleachdadh a bhi deanamh bho losgadh iteagan aig àm laigsinn.

Tha barrachd mòr do *nitrogen* ann an creutaireibh no th'ann am planntaibh. Tha creutairean agus planntan, air dhoibh bàsachadh, a' grodadh, a' fàs nan ùir, agus iomadh ni eile a bharrachd air àileadh adhar an fhéidh (*hartshorn*). Mar a's mò bhios ann an rud do *nitrogen*, 'sann a's mò bheir e seachad do'n àileadh ud ; agus chìtear a nis gu soilleir an reusan gu bheil leasachadh chrèutairean mòran nì's reachdmhoire na leasachadh phlanntan airson talaimh. Tha gach nì anns am bheil *nitrogen*, air dha grodadh, a toirt seachad *hartshorn* do'n athar. Tha *hartshorn* ro leaghtach ann an uisge, air chor agus

gu bheil gach fras uisge a thuiteas a giùlan leatha dh'ionnsuidh an talaimh an *hartshorn* a tha 'san athar. Aig àm teas leanailteach, tha *ammonia* a' fàs anns an athar; agus tha'n t-uisge a tha tighinn as na speuran 'ga ghiùlan leis dh'ionnsuidh an talaimh, a thoirt neart agus fàs do gach plannt. Faicear a nis gu bheil uisge nan spèur ni's fearr gu cinneas na uisge an talaimh, agus gu bheil e toirt seachad neart, a thuilleadh air taisealdachd. Tha mathachadh ainmhidh ni's làidire, a chionn gu bheil mòran *ammonia* ann; agus bu chòir do gach tuathanach fearainn cùram mòr a ghabhail do gach seòrsa dheth so.

Aig planntan tha cinntinn ann an talamh fiadhaich, cha'n eil feum air leasachadh; ach acasan a tha cinntinn ann an talamh treabhta, tha. B'i bharail chumanta roimh so, gu'n robh talamh creadha no iarunn ni bu tarbhaiche, a chionn gu'n robh e ro déigheil agus comasach air taisealtachd a shùghadh agus a ghleidheadh; ach tha fios againn a nis gur h-ann a chionn gu bheil iad a sùghadh an *ammonia* bho uisge an athair. Anns a' cheart dòigh tha gual coille ag oibreachadh, a sùghadh an *ammonia* as an athar, agus 'ga thoirt seachad do na planntan a tha an taic ris; agus mar an ceudna *gypsum*.

Tha nithe eile feumail do phlanntan, mar tha salann, *soda*, *potash* (luaithre phlanntan), aol, *magnesia*, &c. Tha mòran do *magnesia* ann am plaoisg gach seòrsa sil—coirc, eòrna, agus cruineachd; agus is minig a gheibhear cnaip puinnnd air cudthrom dheth so ann an caolain eich nam muileirean.

Tha daonan tuilleadh salainn anns na duilleagan na th'anns na mèir, agus anns na mèir na ann an stoc a' phlannt. Tha seòrs'-eigin salainn anns gach plannt, co dhiùbh is luibh no craobh e. 'S minic a chunnacas a' bhean chòir a losgadh na rainich, agus ag uisidhinneach 'na luaithe, anns am bheil mòran do *photash*. Ma thuiteas do thalamh bhi gann do *photash* no do *shoda*, gabhaidh a' chraobh 'na àite so *magnesia* no aol; air chor agus gu bheil heagan muthaidh air fiodh, a reir an talaimh. Tha huntàta na dalach fallain r'a itheadh; ach 'nuair a chinnear e ann an seileir dorcha air bheag ùir agus athair, tha e puisionta mar an iteodha.

Gu bheil planutan comasach air gach seòrsa salainn a shùghadh as an talamh, tha e fursad a dhearbhadh. Ma dh'uisgichear talamh anns am bheil *hyacinth* gheal a cinntinn le uisge salainn air a dhath dearg, fàsaidh an neonein ud dearg ann an dà uair an uaireadair; ach tha e rithis a' fàs geal ann an ceann bheagan làithean ri solus na greine.

Ann an 10,000 tomhas do dharach tha 250 do luaith.

„	do ghiubhas,	83	„
„	do sheagal,	440	„
„	do lus an buntàta,	1,500	„

Chìtear a nis gu soilleir c'arson a chinneas giubhas ann an àitibh àrd, creagach, cruaidh; oir cha ghabh e ach beagan salainn, 'nuair a dh'fheumas darach mòran salainn agus talamh reachdmhor. Anns gach seòrsa cuiseig fedir, cuilc, coirc, agus luachair, tha mòran do spòr, leaghta ann am *potash*. Tha so air a liubhairt air ais do'n talamh anns an leasachadh, 'sam bheil cuibhrionn mhòr do chònlaidh; ach do'n lòn-fhedir, cha'n eil ni 'ga thoirt air ais, mur leis an uisge a

luidheas air re ùine; 's tha fios aig gach tuathanach gu bheil am bàrr feòir nì's pailte air an lòn a tha luidhe fo uisge ré an earraich no 'gheamhraidh, na tha e air lòn gun uisge. Laimh ri *Liegen*, sa' Ghèarmailt, bheirear trì gu cùig bàrran do dh'fheur bhàrr aon lòn, a chionn gu bheil iad a cleachdadh bhi cumail nan lòn còmhdaichte le uisge nan aibhnichean ré an earraich. Tha'n t-uisge ud 'ga iomain tre mhòran do chlàdh-shruthaibh. Dhearbhadh le luchd an àite ud, gu'n toir lòn uisgichte bàrr a thoimhseas 5,000 punnd, 'nuair nach toir a' cheart lòn gun uisgeachadh seachad ach 1,000 punnd. Tuigear a nis an reusan gu bheil feur uaine, blasda do'n mheaubh chrodh, a cinntion suas air aghaidh a' mhonaidh, an deigh do'n fhraoch bhi air a losgadh 'san earrach. Tha'm fraoch loisgte na luath. Innte so tha mòran do *photash*, comasach air feur a chinntinn fad bliadhna no dhà. Mar tha'm feur uaine so 'ga itheadh, tha'm *potash* a lughdachadh; agus cha chinn fenr a dhi salainn, ach cinnidh nis am fraoch, nì aig nach 'eil feum ach air fìor bheag *potash*.

Chuir fear fearainn laimh ri *Gottigen* a thalamh le burmaid, luibh anns am bheil mòran do shalann *potash*, an dùil gu'n cruthaichheadh a' bburmaid *potash*, agus mar so gu'm fàsadh an grunn beartach; ach ciod a thachair? Dh'fhàs a' bburmaid, agus innte bha mòran do'n *photash*, oir as eugmhais cha chinneadh i; ach 'sann as an talamh a tharruing i e, 's cha do cbruthaich i e as an athar, mar bha fiùghair aigesan, air chor agus gu'n robh an grunn a nis co bochd 's nach cinneadh gràn ré mòran bhliadhnachan.

Theirear, matà, le cuid, "Mur 'eil planntan a' cruthachadh gach seòrsa salainn tha feumail doibh, agus ma's ann as an talamh tha iad 'gan sùghadh, feumaidh gu'n teirig iad uair-eigin." Cha teirig, fad agus a dh'éireas taisealdachd bho uachdar na fairge do'n spéur, agus a sheòlas neul le gaoith; oir tha'n taisealdachd ud a' togail leatha gach seòrsa salainn a th'anns a' mhuir, agus le sgiathan na gaoithe 'gan giùlan a dh'ionnsuidh gach àite. Bho na braigheachan, tha'n t-uisge a' giùlan nan salainn ud gus na machraichean, agus a reamhrachadh a' ghrunnnd. Cha'n eil ann an 10,000 tomhas do dh'athar ach aon tomhas do gheurag-guail (*carbonic acid*), gidheadh tha ann sud *carbon* no gual gu leòir airson gach nì beò fad mìle bliadhna gun ùrachadh. Cha'n eil ann an 12,400 tomhas do'n t-sàile ach aon tomhas do chloich aoil leaghta, gidheadh 'sann de so tha'n coireal agus gach seòrsa slige mhara air an deanamh. Air a' cheart dòigh, tha planntan na mara a' trusadh d'an ionnsuidh féin salainn àraidh, gu sònruichte *soda* agus seòrsa eile ris an canar *iodine*. Cha'n eil ann an uisge na mara ach am muillion cuid do dh'*iodine*, ach tha mòran de so 'san t-slait-mhara, air chor 's gu bheil ise 'ga thrusadh no 'ga sùghadh as a' mhuir, airson a cinneas agus beatha. Tha *iodine* ro chumhachdach ann an làimh an lighiche, 's gu sònraichte anns gach seòrsa do thinneas an rìgh. Tha an t-slat-mhara 'ga deanamh na celp, agus aiste so tha *iodine* air a thoirt leis na cemistirean.

ROB RUADH.

AN SEANN DUINE AGUS NA H-ÒGANAICH.

Chaidh trì òganaich a mach air là sònraichte, agus chunnaic iad seann duine, a ràinig ceithir fichead bliadhna' a dh'aois, a suidheachadh chraobh ! Dh'lùthaich iad ris, agus le gàire fanaid thubhairt iad—" A dhuine gun chéill, nach tu an t-amadan, a' suidheachadh chraobh aig ceithir fichead bliadhna ? Nam biodh tu a' ruamhradh, no 'togail aitreibh, no 'cur ri h-obair sam bith eile, cha bhiodh iongantais co mòr oirnn ; ach a' suidheachadh chraobh ! ciod is ciall duit ? Gu cinnteach tha thu air boile, oir ciod an tairbhe ris am feud dùil a bhì agad o obair amaideach do làmh ? Smuainich ort féin, a sheann amadain ; nach 'eil thu a cheana a'd' sheann-seanair, agus am bheil dùil agad a bhì beò co fada ri Metuselah ? Thoir thairis an obair sin ; gu ma fearr leat aithreachas a dheanamh le déuraibh, as leth do pheacanna gràineil ! Sguir gu h-ealamh de'n nì nach còir duit a dheanamh, oir cha'n fhada gus am faic sinne còineach a' fàs air do lic-lighe ! 'Sann duinne, uime sin, agus cha'n ann duitse, a bhuineadh a bhì suidheachadh chraobh !"

Dh'éisd an seann duine gu cùramach ris gach focal a labhair na h-òganaich, agus thubhairt e riutha—" Mo ghilleam tapaidh òg, éisdibh riumsa, agus foghlumaibh gliocas o m' bhriathraibh. Tha sibh a' gealltuinn saoghal fada dhuibh féin, ach feudaidh sibh a bhì nì's faisge do shìorruidheachd na do sheann aois ! Amhaircibh air feadh an àite-adhlaic ud thall, agus chì sibh leacan an sin do gach meud—chì sibh sluagh do gach staid, agus aoise, agus inbh, co-shìnte taobh ri taobh 'san duslach ; agus an cual sibh riamh, 'nach cumar còir o'n uaigh ?' Tha saighdean a' bhàis 'nan dian-ruith ceart co luath da'r n-ionnsuidh-sa's a ta iad d'an ionnsuidh-sa ! Uime sin, cuimhnichibh 'ur Cruithhear ann an làithibh 'ur n-òige ! Fàgaibh mise, agus ceadaichibh dhomh na mionaidean siubhlach a dheanaicheadh dhomh a chur gu deagh bhuil ! Is taitneach leam a snuaineachadh gu'm feud m' iar-oghachan a bhì fathast a' mealtuinn dubharaidh nan craobh a ta mi an diugh a' suidheachadh ! Taing do dh'Athair nan uile thròcair, tha mi fathast a' gluasad ann an tìr nam beò ; agus, trid 'fhad-fhulangais-san da m' thaobh, fendaidh mi co-roinn fhaotuinn do thoirbheartas a fhreasdail re bhliadhna na dhà fhathast. Mo thruaigh ! feudaidh eadhon mise, òganacha eu-ceillidh, solus na maidne fhaicinn a' dealrachadh air 'ur n-uaighibh-sa."

Mar so labhair an seann duine, agus labhair e gu fìor ; oir, goirid an deigh sin, thuit aon de na h-òganaich anns a' chuan, agus bhàthadh e ! Thuit an dara fear air an àraich ! Bhuaileadh an treas fear le tinneas, leis an d'rinneadh e gu h-ealamh 'na chreigh do'n eug ! Mar so, bhàsaich an trì àir am feadh a bha'n seann duine fathast beò ! An uair a thachair sin, chuimhnich e air a bhriathraibh féin, a labhair e ris na h-òganaich. Dh'fhalbh e, a' sìleadh nan denr, agus sgrìobh e an sgeul bheag bhrònach so air an leacaibh fa leth !

COMHAIRLEAN AN T-SEANN DUINE.

Na bi bruinneach an tigh mòr,
'S na bi sòraidh air seann fhear ;
Na abair gu'n diult thu còir,
'S na ob 's na iarr onair.

Na buail dorn air fuirbidh fir,
'S na toir balgum dian a goil.
'Nuair chì thu 'n ealtain gheur ghlan,
Saltair gu seamh seach a saidh.

Na bi ro mhòr, 's na bi beag ;
'S an co-oil na cosd do chuid.
À tigh milidh na tog greigh,
'S na ob ma's éiginn duit.

Beannachd ort 's na cum an fheirg,
'S na dean ceilg air duine bochd.
Na bi dian ged robh thu'n òith,
Oir 'se Dia a bheir ni dhuit.

Bheir mi comhairl' eile ort fathast,
'S cha'n i bonn idir is tàire—
Ged gheibheadh tu nì air Domhain,
Na coimheartaich e ri d' nàire.

DAN DO'N CHUBHAIG.

Fhir mo chridhe,

“Tha àm seinn nan eun air teachd;” agus ged nach cluinnear
“guth 'n turtuir 'nar tìr,” cluinnear guth na cubhaige ann. Cluinnear
a guth binn a nis ann an “Suainard ùr-ghorm a' bharraich.” Rinn
lighiche 'san dùthaich an dàn a leanas dith. Am bheil e àiridh air
àite anns a' Chuairteir? Sgrìobh mi o 'bheul e, le rùn a chur gu'r
n-ionnsuidh. Tha cuimhne agam gu'n robh dàn lurach Lògain air
eadar-theangachadh 'san “Teachdair,” agus tha fios agam gu robh an
dàn bòidheach sin ann am beachd an lighiche 'nuair a riun e an dàn a
leanas; ach thubhairt e rium nach b'e eadar-theangachadh bh'aige 'san
amharc, ach, anns a' chuid is mò, dàn ùr. So an dàn:—

O! fàilt ort féin, a chubhag ghuirm,
Le t'òran cèòlmhor milis;
'Se seirm do bheòil sa' cheitein òg
A thogadh bròn o m' chridhe.

'S ro bhinn leam t'fhuaime sa' mhaduinn cheit',
'S tu air bàrr géig 'san innis;
'N àmfeasgar ciùin, aig bun an stuic,
'Nuair bhiodh an drùchd a' sìleadh.

O! innis c'àit an robh do thriall,
'Nuair bha na siantan fionn-fhuar;
Na'n robh thu a'd' thosd, gun chàil, gun toirt,
An còs a' chnuic fo dhubhar.

'S mòr m' fharmaid riut, a chubhag chaomh ;
 Cha dean thu bròn 'nad' shiubhal ;
 Chionn, tha do dheire daonan gorm,
 'S do chridhe daonan subhach.

'S ged theicheas tu roimh 'n fhuaehd air àm,
 Gu faic do ghleann thu rithis ;
 Ach 'nuair bheir mise ris mo chùl,
 Cha bhi mo dhùil ri pilleadh.

O ! 's truagh nach b'urrainn dhomh leat triall,
 Air astar sgéith 'nar dithis ;
 Le caismeachd binn toirt fios gach àm
 'Nuair bhiodh an samhradh tighinn.

Fhir mo chridhe, 's mi 'ur caraid dìleas,

SUAINARDACH.

Suainard,

21 là do mhìos-deiridh an earraich, 1842.

NAIGHEACHDAN.

IMRICH DO DH'AMERICA MU THUATH.

Bha cruinneachadh mòr anns a' bhaile so air Di-haoine so chaidh, mu dheibhinn na cùise so. B'e Sir Seumas Caimbeul, Probhaisd Glaschu, a bha sa' chathair air an àm. Bha Sir Ailean Mac-an-Aba, á Canada Uacbdarach, agus an t-Ollamh Mac-Leòid, air an dàrna làimh dheth ; Sioram a' bhaile agus *Dr Rolph* (mar an ceudna á Canada) air an làimh eile. A bharrachd orra so, bha mòran eile do dhaoine measail urramaichte 'san làthair. Labhair na daoine-uaisle 'dh'ainnich sinn a nach gu soilleir mu'n chùis ; agus dbearbh iad gu riochdail nach 'eil dòigh is fearr chum corr nam mìltean a tha'n impis dol bàs le goirt 'san dùthaich so a leasachadh, na còmhnaidh leo dol imrich do dh'America—gum b'e dìleasnas na Pàrlamaid agus na rìoghachd an gnothach so a ghabhail os-làimh, agus daoine bochd a chur thairis do'n dùthaich sin, far am faigh iad pailteas cosnaidh agus teachd-an-tìr. Bha gach neach sa' chuideachd a dh'aon inntinn, nach robh dòigh eile ann a bheireadh furtachd bhuan dhoibhsan tha fulang o bhochduinn 'san rìoghachd so. Cha'n eil sinn gun dòchas gu'n gabh a' Phàrlamaid a' chùis fo'm beachd ann an ùine aithghearr, agus gum bi sporan mòr na rìoghachd air fhosgladh chum a' aisig saor, agus fearann saor an deigh ruigheachd, a thoirt dhoibhsan leis an miann dol a null. Tha'n cunntas a thug Sir Ailean Mac-an-Aba air soirbheas Chanada anbharrach taitneach. Ma theid daoine bochd a chur a null fo riaghailtean cothromach ceart, agus ma bhitheas iad féin dìchiollach saothrachail an deigh ruigheachd, cha'n urrainn nach soirbhich leò. Tha farsuinneachd mhòr ann an Canada. Cha ruigear a leas eagal a ghabhail gum bi gainnead fearainn an sin an dà latha so, far a' bheil sèa uairean tuille farsuinneachd 'sa tha 'sna trì rìoghachdan

so! Mu'n do sgaoil a' chuideachd, shocruich iad gum bitheadh cùram cur na h-imrich air a h-aghaidh anns na ceàrnan so air fhàgail an earbsa ri Sir Seumas Caimbeul, Siorram *Allison*, an t-Ollamh Mac-Leòid, agus daoine measail eile.

A' PHÀRLAMAID.

Thaobh na Pàrlamaid, cha'n eil againn ri ràdh air an àm, ach gu bheil Sir Raibeart *Peel* a' dol air aghart gu sùrdail ag ìsleachadh 'sa leasachadh nan cìsean. Tha e nis soilleir gu'n teid aige air gach cìs a shocrachadh mar a rùnaich e an toiseach.

BAILE-MÒR RI THEINE!

Bho na sgrìobh sinn ma dheireadh gu'r càirdean, bhris teine mòr a mach ann an *Hamburg*. Loisgeadh sìos gu làr 1,800 tigh-còmlinuidh;—dà eaglais;—200 tigh-stòir, lom-làn de bhathar. Chaidh ceud-gu-leth pears' a mharbhadh no losgadh, agus tha deich-mìle-fichead an diugh gun tigh! Thig an call a rinn an teine so gu còrr 'us seachd muillion punnd Sasunnach! Bha chuid bu mhò dhiùbh do fhiodh; agus cha bhiodh tigh ri fhaicinn sa' bhaile an diugh, mar bhith gu'n d'fhuair iad gunnacha-mòra gu bealaich a dheanamh air na sraidean.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; *Tullymet*: C. Morris; *Dingwall*: A. Keith; *Dornoch*: Wm. Munro; *Tain*: James Ross, Jun., Druggist; *Thurso*: Mrs Russell; *Dundee*: Wm. Middleton; *Oban*: J. Miller; *Greenock*: A. M'Iver; *Grantown*: A. Cumming; *Abernethy*: D. Gordon; *Dunkeld*: D. M'Donald; *Portree*: A. M'Donald; *Balachulish*: J. M'Innis; *Lochgilphead*: N. Gillies; *Argyle Furnace*: A. Gillies, Schoolmaster; *Lochdonhead, Mull*: D. Fletcher; *Bonaw*: John Cameron, Postmaster; *Aberfeldy*: D. Cameron, Bookseller; *Port Ellen, Islay*: D. Hunter; *Glencarradale*: N. M'Donald, Schoolmaster; *Bunessan, Mull*: Donald M'Lean, Postmaster; *Portnahaven*: Norman M'Lean; *Kilchoman*: Angus M'Leod; *Strontain*: D. Cameron; *Tirolan, Mull*: John M'Donald; *Cawdor, Nairn*: J. Robertson; *Pitlochry*: D. Robertson; *Fortingall*: D. Campbell; *Laggan*: Rev. J. M'Pherson; *Alness*: D. M'Diarmid; *Downe*: D. M'Diarmid; *Barra*: A. M'Donald, Esq; *Ormsary*: G. Ross; *Tayinloan*: A. Sutherland; *South Uist*: A. Chisholm; *Callander*: P. M'Kinlay; *Balquhiddy*: J. Carlton; *Dunvegan*: D. M'Donald; *Carbost*: A. Cameron; *Glendaruel*: D. M'Lean; *Fort-Augustus*: J. Forbes; *Aberarder*: John Rose, Schoolmaster; *Inverness*: James Smith; *Kilmorack*: J. Rose; *Lochalsh*: D. Matheson, Ardelve; *Portree*: Alex. M'Donald, Esq.; *Kintail*: D. M'Rae, Postmaster, *Lochbuy*: Mull: John M'Dougall, Schoolmaster; *Beauly*: Rev. A. M'Kenzie, Kiltarlity; *Easdale*: D. M'Intyre; *Glenera*: A. M'Innes; *North Balachulish*: Allan Cameron, Schoolmaster; *Nova Scotia*: Rev. R. Williamson, *Pictou*: General Agent for North America, John M'Neil, Esq., *Charlotte-town, Prince Edward's Island*.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÌOS-DEIRIDH AN T-SAMHRAIDH.

AN 29 ÀIREAMH.]

JULY 1, 1842.

[PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Address to the Highlanders regarding the Gaelic Newspaper, "Cuairtear nan Gleann," page 115.—St John the Evangelist, 121.—Life of Sir William Wallace, Part 111., 123.—Song of Solomon (Metrical Version of Chapter IV.), 127.—Lough Dearg in Ireland—Superstitions regarding it, 129.—Little John M'Andrew, the Strathspey Archer, 131.—Origin of the Surname "M'Gregor," 134.—Generosity of the African Woman to Muugo Park, 135.—Highland Superstition, 137.—The Iron Shoe of the M'Donalds, 138.—News—Attempt to Murder the Queen, 139; America, 139; East Indies, 140; China, 142.—Notices to Correspondents, 142.

EARAIL DO NA GÀIDHEIL MU'N CHUAIRTEAR.

A Chuairteir urramaich,

Ceadaichibh dhomh beagan fhocal a clur ann an altaibh a chéile mu thimchioll na muinntir sin, mo luchd-dùcha, airson an d'rinn sibh féin gu minic spàirn chruaidh chum an ath-leasachadh, araon ann an nithibh aimsireil agus spioradail. Tha na Gàidheil nan sluagh a ta comharraichte thar gach sluagh eile air aghaidh na cruinne, do thaobh bhuidhean eug-samhla agus ioma-gnètheach a ta dlù-cheangailte riutha. Mar nach 'eil ceàrn do'n talamh anns nach faighear iad, cha'n eil ceàrn dheth nach 'eil eòlach air an deagh ghiùlan, an euchd, agus am mor-ghnìomh! Tha iad measail agus cliùiteach; agus air an aobhar sin, is fionnhor dìchioll riamh a rinneadh chum fuasgladh a thoirt dhoibh 'nan teanntachd-aibh, agus chum gach eòlas agus fiosrachadh fennail a chraobhsgaoileadh nam measg. Tha e fìor gum bheil a' chuid a's mò do na Gàidheil, urramach 's mar tha iad, gu minic air an sàruchadh le h-éigin agus bochdainn. Tha e fìor gum bheil na caoraich mhaola ag ionaltradh air na ceart raointibh agus na ceart mhacharaichibh

sin a dh'àraich roimh so iomadh curaidh calma, agus gaisgeach cruadalach! Tha e fìor gunn b'éigin do na mìlteibh do'n t-sluagh ainmeil so tìr an dùchais fhàgail, agus dol air imrich do thìrìbh céin agus coimheach; oir fenumaidh gach beò a bheathachadh. Ach, dh'aindeoin nan nithe so uile, agus dh'aindeoin gach sàruchaidh agus trioblaid d'am bheil na Gàidheil mar so buailteach, cha lughdaichear am meas, agus cha tig a chaoidh smàl air an cliù! Cha'n eil ann ach dìomhanas dòmhsa, a Chuairteir ionmhuinn, iomradh a thoirt air na nithibh sin nìle a chunnaic am Freasdal iomchuidh a chnr ann an cridhe sluaigh a dheanamh, chum cor nan Gàidheal ath-leasachadh do thaobh nithe aimsireil agus spioradail. Nach lìonmhor bonn airgid riamh a chruinnicheadh agus a chnir-eadh a mach chum sgoilean a shuidheachadh anns gach ceàrn do'n Ghàidhealtachd? agus ged a dh'fheumadh na sgoilean sin a dhol fathast ann an lìonmhoireachd, gidheadh is mòr agus is math na nithe a rinneadh a chèana! Air an t-seòl cheudna, thogadh eaglaisean anns gach sgìreachd—eaglaisean far am bheil an Soisgeant beannuichte gu riaghailteach air a shearmonachadh ann an cànan bhinn agus mhillis na dùcha! Gu cinnteach is mòr na sochairean a ta na Gàidheil a nis a' sealbhadh air an dòigh so nach do shealbhaich an sinnseara, an uair nach robh ach gann eaglais, no sgoil, no leabhar, no Bìobull, ri'm faotuinne 'nam measg! Mar so, do thaobh nithe spioradail, bhinnicheadh gn tròcaireach ris na Gàidheil. Na mì-bhinnicheadh iad, matà, an sochairean luachmhor; ach, le mòr-thaingeachd, abradh iad maille ri Salmadair binn Israeil, “Bha thusa bàigheil, a Thighearna, ri d' thìr.”

A ris, air an làimh eile, na dh'iarrar dearbhadh air mar bhuinneadh ris na Gàidheil do thaobh nithe aimsireil, seallamaid air ais ris an staid anns an robh iad o cheann chùig no shèa bhliadhnaichean, agus chì sinn na nithe mòra a rinneadh air an son. Có aig nach 'eil cuimhne air teanntachd agus gainne nan àm sin? Nach robh staid nan Gàidheal an sin da rìreadh tragh agus muldach? An dì-chnìmhnich iad fhad's is beò iad gach dìchioll a b'éigin doibh a dheanamh, agus gach curaidh-chas troimh an deachaidh iad, chum lòn éiginneach agus gann a sholar d'an teaghlaichibh?—agus an déigh sin nìle, bha 'chùis tuilleadh 's trom orra. Cia minic, air do'n teachd-an-tìr aca a bhi gu h-iomlan air teireachduinn 'nan tighibh, a thug iad tràigh na mara orra chum lòn gann a thional d'an teaghlaichibh! Ach bha'n Tighearna tròcaireach d'an taobh; oir chuir e ann an cridhe nan daoine saoihre cobhair a dheanamh orra. Thug e air daonaibh mòra, maith, agus truacanta, an staid fhiosrachadh, chum fòir a dheanamh orra gu h-ealamh! Thugadh iad fa'near, le mòr-bhuidheachas agus taingeachd, na nithe a a rinneadh air an son, gu sònraichte leis na Sasunnaich thruacanta agus sheirceil! Cha lnaith' a nochd gainne i féin ann an garbh-chrìochaibh, gleanntaibh, agus eileanaibh na h-Alba, na ghradghluais na Sasunnaich le h-ìochd, deadh-ghean, agus gràdh, chum cur as di, agus chum sliochd chruadalach nan garbh-chrìoch a theasairginn o thuiteam sìos nan creich do'n ghorta, a bha teachd

le ceumaibh cabhagach 'nam measg! Bha fiùghantas agus fialaidh-eachd nan Sasunnach àiridh air mòr urram agus cliù. Air tùs, dhùisgeadh snas co'-fhulangas muinntir Lunnainn; agus a mach a' prìomh-bhaile sin na rìoghachd, ghrad-sgaòil seirc agus truacantas do thaobh nan Gàidheal air feadh gach àit agus oisinn do'n Eilean Bhreatunnach! Thainig na mìltean, agus na deich mìltean, diùbhsan a bha saoi bhir air an aghaidh, agus chaidh iad ann am bòinn ri chèile chum cobhair a dheanamh air na feumaich, le lòn a bhuileachadh orra-san air an robh e a dhith! Is mòr am meall airgid a chruinnicheadh chum na crìche so, agus is cruaidh an spàirn a rinneadh le maithibh na rìoghachd chum cuideachadh a dheanamh leò-san a bha air an claidh le bochdainn! Cia mar a bhiodh staid nan Gàidheal anns na h-amannaibh ud, mar biodh Dia air buileachadh maoin agus toil air daoineibh còire mar so chum a' mhuinntir shàruichte a theasairginn? Tha taing dligheach gu cinnteach dhoibhsan uile aig an robh làmh anns an obair sheirceil a rinneadh; ach, os-ceann nan uile nithe, tha mòr-bhuidheachas agus taingeileachd dligheach do Dhia, Athair nan uile thròcair, aig an robh na daoine tèò-chridheach so air am bheil sinn a' labhairt mar innealaibh 'na làmh, chum rùintean glìce a thoile naoimh féin a choimh-lionadh!

Air an dòigh so, matà, bhuineadh ris na Gàidheil 'nan teann-tachdaibh aimsireil. Mar so nochdadh truacantas d'an taobh-san a bha riamh ainmeil agus measail. Rinn an cruadal agus an dills-eachd cliù nan gaisgeach so a sgaoileadh thar aghaidh an domhain gu léir! B'iadsan, gu sònraichte, luchd-dìonaidh na rìoghachd! Bha co'-roinn urramach aca an còmhnuidh anns gach blàr déistinn-each agus cath gailbheach a chuireadh airson an rìgh agus an dùcha, an saorsa agus an lagha! Cha tug saighdairean ni b'fhearr riamh aghaidh do nàmhaid! Leò-san sgnabadh air falbh an eas-cairdean as an àraich, mar a sguabar am moll le neart na gaoith! Air so bheir gach tuasaid uamhasach anns an robh iad, ann an ceithir cheàrnaibh an t-saoghail, fianuis ann an eachdraidh! Cha dì-chuimhnichear gu bràth aig TICONDERAGO—an tréubhantas air là FONTENOI—agus an mòr-chruadal 'san ÈIPHIT, agus anns gach cath fuilteach a chuireadh air mòr-thìr na Roinn-Eorpa! Bha am misneach agus an cruadal anns gach cath a chuir iad a' dearbhadh gur ann am measg nan gleann agus nan beann a dhealbadh agus a dh'àraicheadh iad! Tha an cuirp a' co'-fhreagairt do thìr chrùaidh am breith! Cia fearail, cuimir, agus eireachdail iad 'nan éididh féin! Cia garg agus colgach an àm dol sìos do'n chath! Cia minic, luath mar na li-iolairean a' dol air iteig chum cobhart-aich, a ruith iad air feachd nan nàmh, agus a chuir iad as doibh gu tur! Cha'n eil e ach na fhearas-chuideachd dhoibh an dream a sheasas nan aghaidh a ghearradh as! Is gann a nochdas iad an tréubhantas ach an uair tha an cunnart mòr, no an nàmhaid garg agus dalma! An sin, còmhdaichidh an corruich an talamh le clos-achaibh nam marbh, mar a còmhdaicheas corran a' bhuanach e an

t-achadh le sguabaibh ! Fhad 'sa bhios meas air fìor shaighdear-achd, cha leigear air dearmad am fearalas air faiche BHATERLOO !

“ 'Sann an sud a bha 'ghriobhag,
Le luaith ghlas, lannaibh biorach,
'S claidhibh sgaiteach 'gan iomairt,
Le dream chalma gun tioma.
Chaidh sìol Alba gun ghioraig,
Anns an t-searbh-chath air mhireadh,
Creuchdadh chorp, is 'gan loidairt,
Is 'gam fàgail 'san ionad gun deò ! ”

Air an dòigh so, bha na Gàidheil riamh dìleas, fad-fhulangach, gaisgeil, agus colgach ! Ach ged bha iad mar so nan laochraidh bluadhach, cha'n ann dhoibh féin a ta a' ghlòir dligheach, ach do'n Tì Uile-Chumhachdach a bha 'gan neartachadh—'gan cumail suas —“ a' teagasg an làmhlan gu cath, agus an meòir gu còmhrag.” 'Se Tighearn nan sluagh “ a chrìoslaich iad le neart chum catha, agus a leag sìos fodlpa iadsan a dh'èirich suas nan aghaidh.”

Mar so, bha na Gàidheil air an neartachadh le Dia an aithriche, an uair a bha iad a' deanamh spàirn chruaidh airson an saorsa ! Bha Esan maille riù an uair a thugadh buaidh air an an-tighearn sin a bha 'g iarraidh an ceannsachadh—an uair a leagadh a mhòr-chuis 'san duslach—agus an uair a dh'fhògradh air falbh e a shealbhachadh crìocha cumhann ! Chum na crìche so, bhrùchd na gaisgich as an àirde-tuath ; agus gun mhaìrneal ruaig iad an nàimhdean rompa ! Le neart nam bras-slruth, sguab iad air falbh an nàmhaid coitchionn ! Cha chuireadh sloc no cnoc, amlighar no dosgainn, geilt no grabadh sam bith orra air an slighe chum buaidh ! Air geilt cha robh iad riamh eòlach, agus nithe suarach agus neo-eireachdail cha b'aithne dhoibh ! Ged a bha iad tréun, bha iad truacanta—ged a bha iad gaisgeil, bha iad macanta—agus ged a bha iad tréubhach agus neo-sgàthach, bha iad uasal agus urramach 'nan aigne ! Bha fios aig an rìoghachd air uile bhuaidhibh urrainn a' nan Gàidheal, agus cha b'urraim di amharc air an staid chun-nartaich anns an robh iad o cheann bheagan bliadhnaichean air ais gun ghreasadh chum an cuideachadh, mar is minic a ghreas iad féin roimhe sin thar chuantaibh fada agus farsuing, chum an rìgh agus an rìoghachd a dhìonadh !

Mar so, a Chuairteir chòir, rinneadh iomadh dìchioll chum staid nan Gàidheal ath-leasachadh a thaobh nithe aimsireil agus spioradail.

Cha chomas domh crìoch a chur air mo litir gun iomradh a thoirt oirbh féin, agus air gach spàirn chruaidh a ta sibh a' deanamh chum maith bhuir luchd-dùcha a chur air aghaidh. Gun teagamh, is freagarrach an t-ainm a thugadh oirbh, “ CHUAIRTEAR NAN GLEANN ; ” oir gu cinnteach is sibhise sin. Is aoidh sibh a ta air gach seòl ro thaitneach, agus b'ole an airidh gu'n rachadh grabadh no moille sam bith a chur oirbh 'n'ur cnairtibh. Cha'n àill leibh am baile fhàgail ach uair sa' mhìos ; ach an uair a thig sibh, is

lìonmhor bhuir naigheachdan, agus is binn blasda an seòl air an aithris sibh iad. Tha 'chainnt a ta sibh a' gnàthachadh soilleir agus druigh-teach—cainnt Oisein agus Fhinn—agus cainnt aig nach 'eil coimeas idir a thaobh aois, òirdheirceis, agus cumhachd. Ged nach biodh fios air an fhìrinn so roimh làimh, tha i gu h-innleachdach agus gu h-iomlan air a dearbhadh leis an fhìor Ghàidheal eireachdail sin a dhealbha "Craobh-Sheanachais nan Gàidheal."

Ach cha'n e 'mhàin, a Chuairteir ionmhuinn, gum bheil bhuir cainnt gun choimeas òirdheirce agus cumhachd; ach tha'n rùn leis am bheil sibh a' dol air bhuir cuairtibh, gun amharus, cliù-thoill-tinneach. Is e bhuir miann agus bhuir tlachd dol a dh'amharc air bhuir luchd-dùcha gu léir, biodh iad àrd no ìosal, bochd no beartach—chum iadsan a ta aineolach a theagasg, iadsan a ta mì-chùramach a dhùsgadh, agus iadsan a ta aingidh a ghairm gu h-aithreachas. Tha bhuir n-eòlas mòr; agus tha bhuir fiosrachadh farsuing, fallain, agus ioma-gnètheach! Air uairibh, labhraidh sibh air blàraibh fuilteach—air na cinn-feadhna a bha ann o shean—air na tugluinnibh déistinneach a bha eadar na fineachan Gàidhealach iad féin—agus air eachdraidh nan linn a dh'fhalbh. Air uairibh eile, tha sibh a' togail bhuir n-iuntinn bhàrr na talmhainn, agus ag innseadh d'ur luchd-dùcha mu gach griann, gealach, réult, agus gach cruinn-mheall soillseach a ta gluasad ann an gorm-astar nan spéur! Tha sibh a' cur an cèill am buaidhean, am meud, an àireamh, an astar o chéile, agus gach nì mu'n timchioll! A ris, tha sibh deònach air fios a thoirt mu thimchioll gach oibre, gach innleachd, agus gach eladhain a ta 'gam faotuinn a mach air feadh na rìoghachd; agus mu thimchioll naigheachdan dùchail, agus gach sgéil a ta teach d'ur n-ionnsuidh a tìrighan céin. Air gach nì tha bhuir comhairle a's fearr deas; agus dhoibhsan a bheir cluas di, bheir sibh seachad i le dùrachd agus deagh-ghean. Dhoibhsan a ta dol air imrich a dùthaich am breith thar chuantan farsuing, tha sibh 'toirt rabhaidh agus earail, agus ag innseadh dhoibh gach nì mu'n tìr chum am bheil a' mhiann orra dol. Tha bhuir cuairtean a' ruigheachd air gach cèarnadh do'n talamh! Anns gach àite 'n America far am faighear bhuir luchd-dùcha, an sin gheibhear sibhse a' dol làmh air làimh maille ri bhuir caraid "Cuairtear nan Coilltean," a thoirt foghlaim agus teagaisg do na Gàidheil. Tha sibh air gach seòl taitneach; ach, os-ceann gach nì eile, tha bhuir còmhradh mu nithe diadhaidh so-thuigsinn dùrachdach agus tréibh-dhireach. Is e bhuir miann a bhi "san uile chruth do na h-uile, chum air gach uile dhòigh" gu'n craobh-sgaoil sibh gach eòlas agus fiosrachadh feumail am measg bhuir luchd-dùcha! Cha mhath leibh dol a mach air bhuir cuairtibh gun a bhi air gach seòl deas airson na slighe. Air an aobhar sin, tha cuid ann d'am bheil e na nì taitneach a bhi 'deanamh còmhnuidh leibh airson 'ur turais. Tha "MACTALLA" do ghnàth 'n'ur fochair féin, gu h-ullamh, h-ealamh, deas-chainuteach, chum bhuir cuideachadh. Air an dòigh cheudna, tha "ROB RUADU" (gu meal e 'ainm, agus gu ma fada beò e), le 'theagasgaibh domhain air bhuir làimh dheis; agus cha tréig e sibh

am feadh 'sa ruitheas an fhùil rioghail 'na chnaislibh! Agus a ris, tha'n "T-EILTHIREACH," "AN GAIDHEAL ANN AN AMERICA," an "T-ABRACH," "AILEAN NA BEINNE," agus sgaoth do luchd-frithealaidh eile, gu léir deònach a bhi cròdhadh mu'n cuairt duibh, le a naigheachd féin ann am bénl gach fir.

A nis, a Chuairteir urramaich, an déigh gach dìchill a rinneadh mar so, agus a ta fathast 'ga dheanamh chum maith bhuir luchd-dùcha, nach nàr e ri innseadh gum bheil an earrann a's lìonmhoire 'nam measg caoin-shuarach cia achd a ruigeas sibh iad no nach ruig! Cha'n altaich iad bhuir beatha! Cha toir iad cuireadh dhuibh a steach d'an tighibh; agus air doibh a bhi dall d'an leas féin, leigidh iad leibh gabhail seachad. Na biodh a' chùis mar so ni's faide. Tha fios gum bheil na Gàidheil am bichiontas nan sluagh bochd, agus is duilich an uì gur fìor sin; agus tha fios nach urrainn sibhse, a Chuairteir, triall air bhuir cuairtibh mar gabhar ribh. Tha cosdas mòr 'n'ur lorg—cosdas nach tuig na h-uile fear; ach an déigh sin nìle, bu bheag agus b'entrom e air gach aon fa leth d'ur luchd-dùcha, nan roinneadh iad 'nam measg féin e. Rachadh iad nam buidhneibh anns gach sgìreachd, agus rachadh seisear anns gach buidheann airson a' Chuairteir, agus cha ruig an cosdas ach sgillinn Shasunnach air gach fear sa' bhliadhna, no sgillinn rnadh sa' mhìos. Cha sòradh an Gàidheil sgillinn Shasunnach a chur mach nan còmhlaicheadh e caraid aig tigh-òsda; agus cha bu mhòr da sgillinn bhochd rnadh sa' mhìos a chumail as an tombaca, chum an earrann aige do chosdas a' Chuairteir ìocadh. Tha na Goill a' cumail snas fichead no dhà do na pàipeiribh luid-eagach, leathann, libideach, Gallta, aca féin; agus is duilich, agus is trnagh an uì e, mar cum na Gàidheil gu léir suas aon Chuairteir cuimir, ceannalta, agus eireachdail, chum eòlas a chraobh-sgaoileadh air am feadh, ann an cainnt bhrìghmhor an dùcha féin! Gabhadh iad rabhadh 'na thràth, agus thugadh iad dearbhadh dhuibhse gu h-ealamh, a Chuairteir dheagh-rùnaich, gum bheil iad a' deanamh sin. Is math leam féin nach tuig na Goill a' Ghaelig, air eagal gunn biodh fios aca gum bheil slìochd nan garbh chrìoch, airson an d'rinneadh na h-uiread chum an ath-leasachadh, co caoin-shuarach m'ur timchioll, is gum bheil sibh a' bagradh sgur d'ur turasaibh, mur tig iad air an agkaidh chum bhuir lànhan a neartachadh. Smuainicheadh iad gur Gàidheil iad féin, agus gur fìor charaid nan Gàidheil sibhse, agus thugadh iad gun dàil misneach dhuibh gu bhi dol air chuairt iomadh bliadhna fathast 'nam measg, le'r sgeul-aibh taitneach, agus le'r teagasgaibh fallain.

Slàn leibh. Chum mi fad sibh, ach tha mi'n dòchas gu'n gabhar mo leisgeul. Saoghal fad agus deagh bheatha dhuibh. Slàinte bhos agus shuas duibh; oir tha mo dhùrachd a's fearr maille ribh "an là a ch'is nach fhaic."

SGIATHANACH.

Clachan Chìllmhuire,
Toiseach an t-Samhraidh, 1842.

SGEUL MU THIMCHIOILL AN ABSTOIL EÒIN.

Tha'n sgeul a leanas mu'n diadhair Eòin air innseadh le luchd-eachdraidh na h-eaglais, air a thoirt a nuas do'r n-ionnsuidh o linn gu linn, agus air a chunntas firinneach.

Bha Eòin air fhògradh le *Domitian*, aon de mhòr-fhlaithean na Ròimh, do dh'eilean uaigneach da'm b'ainm *Patmos*; ach an deigh bàis an duine an-ìochdmhor sin, phill e gu *Ephesus*, a chur air leth cléir cheart gu bhith thairis air an t-sluagh. Air dha dol gu *Smyrna* (baile-mòr ainmeil a bha 'san tìr), agus air dha 'bhi labhairt ris an t-sluagh, mhothaich e òganach eireachdail dreachmhor, a's ni-eigin 'na aodan 's 'na ghnùis a thàlaidh a chridhe gu mòr ris. Labhair an diadhair Eòin mar so ris an easbuig a shuidhich e thairis air an eaglais sin:—"Beachdaich," ars' esan, "air an òganach ud. Gabh e fo d' chùram an làthair na h-eaglais, agus an lathair Chrìosd, ceannard na h-eaglais. Tha mise 'ga earbsa ruit; cum sùil air."

Gheall an t-easbuig a dheanamh mar a dh'iarradh air, agus dh'earrailich Eòin air a ris agus a ris e 'chuimhneachadh na chuir e m'a choinneamh. Thug an t-easbuig dhachaidh an t-òganach a dh'ionnsuidh a thighe féin. Thug e dha gach gnè foghlaim a's fiosrachaidh; dh'àraich, dh'altrnm, agus thog se e ann an eòlas air Crìosd; agus fa-dheòdh bhaist se e.

Ach cha do ghleidh an t-easbuig an t-sùil sin air an òganach bu chòir dha, agus a gheall e. Tharruing e suas le droch chompanaich, agus bha e taghal droch chuideachd. O bheag gu mòr, chinn e gòrach, peacach, mi-gheamhnuidh. Air dha dol aon uair air seachran, chaidh e air aghart a' cur an gnìomh gach gnè gnìomhradh eagallach. Chaill e a dhòchas, a slàinte, agus a mhaithneas peacaidh. Chinn e dalna, dàn—comharraichte airson gach gnè ghiùlan bu mhiosa na chéile. Chruinnich e mu 'thimchioll buidheann do dh'òganaich cosmhail ris féin—deas, uidheannaichte, agus togarach airson na peacach sam bith a dheanamh. Chuir se e féin os an ceann mar cheannard. Chinn iad nan spùinneadairean 's nan robairean; agus b'e an t-òganach truagh so b'fhiadhaiche, bu bhuirbe, agus bu tithich' air dòrtadh fola, 'nam measg gu léir.

Beagan bhliadhnachan an deigh so, thainig an diadhair Eòin do'n àite. Chuir e fios air an easbuig ris an d'earb e an t-òganach. "Thoir air ais dhomh," deir esan, "na dh'earb mi riut—na dh'earb mi riut an ainm Chrìosd, agus an làthair na h-eaglais air an do chuir mi thusa thairis mar easbuig. C'àit a' bheil an t-òganach a chàirich mi fo d' chùram? Freagair dhòmhsa, a's freagair do'n eaglais air a shon, agus airson anmanna air na gheall thu faire 'dheanamh."

Tharruing an seann duine osann throm. "Tha e," ars' esan, "marbh do Dhia. Chaidh e air seachran. Thréig e mi. Chinn

e na mhèirleach, na fhear-renbainn, na spùinneadair, agus na mhortair."

"Freagair mi," arsa Eòin, "c'ait a' bheil e?"

"Tha e," ars' an seann duine, "na cheannard air buidheann làidir de luchd-rènbainn 'tha tathachadh nam beann, agus a tha nan culaidh-oillt do'n tìr uile."

"An ann mar so," arsa Eòin, "a choimhlion thusa na dh'earb mi riut. Faighibh dhomh each a thiota, agus faighibh dhomh fear-eigin a threòraicheas mi dh'ionnsuidh an àite sa' bheil e 'tàmh, e féin agus a' bhuidheann 'tha maille ris."

Cha robh math cuir na aghaidh. Dh'fhalbh e féin, a's fear eile maille ris. Ràinig iad a' bheinn. Choinnich cuid de na spùinnead-airean e. Ghlac iad e, 's cha do chuir e na aghaidh. "Thugaibh mi," deir esan, "an làthair 'ur ceannard; is miann leam labhairt ris." Rinn iad so. Sheas an ceannard. Bheachdaich e le ion-gaatas air an duine 'bha mar so a' dlùthachadh air; ach co luath 'sa thuig e có bh'ann, ghrad theich e le naire—cha dùraich deadh e a choinneachadh. Ach lean an diadhair Eòin, aosmhor mar a bha e—lean se e, a' gladhach na dheigh, "A mhic," ars' esan, "tha thu teicheadh o d' athair! Nach stad thu? C'arson a tha thu teicheadh o sheann duine gun airm, gun chomas cioram no olc a dheanamh ort? Guitheam ort, stad!"

Stad an t-òganach. Chaidh an duine beannuichte suas dlùth dha, agus, le aogas gràidh, thubhairt esan do'n d'thug Crìosd mòran gràidh—thubhairt e, "Na diùlt mi; pill an uchd Chrìosd; pill! Fàg an t-àite so; fàg do chompanaich pheacach. Na caill do dhòchas. Na smuainich nach 'eil dòchas ann; na smuainich nach 'eil maithneas peacaidh ri fhaotainn. Ni mise guidh agus ùrnuigh air do shon. Nam b'èiginn, bhàsaichinn air an àm air do shon, oir bhàsaich Crìosd air ar son le chéile. Seas; strìochd;—an ainm an Athar 'sa Mhic, tha mise 'ga d' ghlacadh. Creid mi, 'se Crìosd a chuir mi mach air do thòir."

Theirinn an t-òganach as an diollaid—thug e a chlogaid dheth—thilg e an claidheamh as a làimh—thuit e air a dhà ghlùn—agus ghluil a's chaoin e mar phàisd a bhiodh air a sgiùrsadh. Chrom an diadhair aosmhor thairis air, agus shil e gn frasach a dheòir, air chor 's gu'n robh an t-òganach a nis air a bhaisteadh le deuraibh goirt, ach deuraibh gràs-mhor. Phill e dhachaidh maille ri Eòin. Rinn e aidmheil fhòlaisaich an làthair na h-eaglais; rinn e iomadh, iomadh, ùrnuigh dhùrachdach. Cha do dhealaich Eòin ris a latha na dh'oidhche, fad ùine mhòir—a' leughadh na Sgrìob-tairean le chéile—a' seanachas mu thimchioll an t-Slànnighir. Cha robh 'san eaglais an deigh sin aon duine bu chomarraichte a's b'ainmeil airson a dhiadhachd 'sa ghiùlan crìosdail na'n t-òganach mu'n d'innis siun an sgeul taitneach so.

BEATHA AGUS EUCHDAN AN RIDIRE UILLEAM WALLACE.

EARRANN III.

Dh'fhag sinn sgiath-dhion na h-Alba, agus a laoich, a glaodhach “fù! fù!” ri Iomhar, 's e toirt a bhruthaich air, a teicheadh roimh *Wallace*, gun bhuille a bhualadh; ged bha ceathrar mun aon aige. Rainig grian *Wallace* a nis àird a mheadhon latha, agus sdu' dhi teannadh ri teannadh: dhuaisg a chliu eud agus farmad' ann an cliabh cuid de mhaithibh na rìoghachd; agus gus a ribeadh, thog iad gu'n robh e 'streap ris a chrùn.

'Nuair chunnaic Iomhar so rinn e fheum fein dheth:—Thainig e do dh'Albainn, aon uair eile, le trì-mìle each, agus mu cheithir-fichead mìle fear-coise! Cha robh aig *Wallace*, air an laimh eile, eadar eich 's gu leir, ach mu dheich-mìle-fichead! Ged bha so mar so 'sann air *Wallace* nach robh cùram,—chuir e 'dhaoine an òrdugh aig an Eaglais-bhric, a feitheamh gus an tigeadh an t-arm Sasunnach gu di-bheatha thoirt dhaibh. Ach, mo'chrèach! blia *Achan* sa champ,—bha cealgaireachd sa champ; an spiorad sin a tha 'g ìmeachd do-fhaicsinneach ach do Dhia amhàin. B'eigin do Shìr Iain Stewart, agus do Shìr Iain Cumming a chuile fear a bh' air a laimh fein, 'sgun a bhi fo *Wallace*, no na eisimeil. Sann mar sin a bha, nuair thainig an tarm Sasunnach a' fradharc, an àite dhol an *guailibh* a cheile, sann a bha'n triuir an immis dol am *broillich* a cheile. 'Nuair chunnaic Cumming nach d'fhuair e'n laimh dheas a dhol sìos do'n bhlàr; thionnadaidh e chul, chuir e 'chlaidheamh na thruaill, sheinn e 'fhìdeag airgid, agus dh'fhag e fein agus a dhaoine 'n làrach gun bhuille 'bhualadh.

Chath Sir Iain Stewart agus a dhaoine mar leòmhannan, agus thuit iad mar cheatharnaich, len druim ri talamh, ach am bonnaibh ris an nàmhaid. 'Nuair chunnaic *Wallace* mar bha'n latha 'dol chaidh e thar na h-aibhne *Carron*, agus thug e dùlain do Iomhar a leanailt. Coma, le deanadas gamhlais chaill e'n latha, agus *deich mìle* laoch leis!

'Nuair bha *Wallace* na sheasamh air bruaich na h-aibhne, agus Bruce, Iarla Charric air an taobh eile, ghlaodh Bruce ris, “'S iongantach leam fein, a Shìr Uilleam, gu'm biodh tu streap ri crùn Albainn, mar tha iad ag ràtin a tha thu; Nach gòrach dhuit a smaoineachadh,”—Chuir *Wallace* grabadh air,—“Cha tainig a leithid do smaoin riamh a'm cheann—cha'neil còir agam air, 's cha'neil iarraidh agam air,—cha'neil a dhith orm ach mo dhùthaich a shaoradh bho bhi na tràill, rud nach dean thusa d'am bu chóir a dheanamh,—agus fhadsa bhios an cridhe a ploscartaich san uchd so cha'n fhois do *Wallace* agus Albainn ga saltairt fo chasaibh nan Sasunnach.”

An deigh blàr-na-h-Eaglaise-brice cha robh a bhi beò aig mac Albanaich air am faigheadh rìgh Iomhar greim: chuir e roimhe dol air aghaidh ni b'fhaide mu thuath, ach chuir an tuath na bailtean 's

gach ni ri theinne, air chor's gu'n bu bhuidhe leis Sasunn a thoirt air gus làn a mhàlad de bhiadh fhaotainn.

Mhionnaich air an tarruing so a chuid bu mho de mhaithibh Albainn a bli dìleas do Iomhar, ach sheas *Wallace* a mach; cha gheilleadh esan 'se beò. Bha Iomhar a nis mar ghearran bia'ta sa sbrian mu chluasaibh, a' cur a chàirdean a nìos a Sasunn, sa toirt dhaibh staidean an sud san so nach buinneadh dhaibh. 'Nuair chunnaic Albainn so ghlac i aon uair eile misneach—chruinnich i 'clann gus an còir a sheasamh, agus onair na rìoghachd; ach, mo chreach! tha'n tarm ri bli gun cheann,—chuir deanadas a luchd-dùcha latha blair-na-h-Eaglaise-brice, agus na thuirt Bruce ris air an àm sin àrdan air *Wallace*, agus chuir e 'chlaidheamh na thruaill.

'Nuair thug *Wallace* suas a phlost chàidh roghain a dheanamh de Shìr Iain Cumming, an traoiteir, mar fhear-ionaid rìgh:—"clach an ionad càbaig,"—meug an ionad uachdair!

Na dheigh so bha iomadh cath teth ann,—Sasunn an uachdar an diugh—Albainn an uachdar a' maireach. Ma dheireadh thainig Iomhar, le chabhlach air muir, 's le armailt' air tìr, agus, an deigh fichead bliadhna de strìocan, 's de chnàmhan, 's de dhortadh fala, fhuair e chuid a b'fhearr de dh'Albainn gu buileach.

Tha e air innse nuair chuala Rìgh na Frainge mar ghnathaicheadh *Wallace* gu'n do chuir e fios air, agus gu'n deach' e fein agus leth-cheud da sheann laoi ch thairis. Tha e air a' ràdh, cuideachd, nuair bha iad leathach san linidh, gu'm fac' an Reubastan, á mullach a chrainn, sia-luingeas-deug, le'm brataichean dearg a snàmh air a ghaothaidh, a' deanamh orra. Thainig e 'nìos mar an dabhlan-eallaich 's e gladhach, "tha sinn caillte—'s duine marbh a chuile mac-mathar againn!" "Ciod e so, ciod e so?" arsa *Wallace*. "Tha" ars' esan, "sud agaibh cabhlach a mhortair agus a chreachdair ainmeil *Red-river*; robair-cuain nach caomhain anam sean no òg, frionn na boirionn!" "Air t-aithis, taithis," arsa *Wallace*, "ciamar a dhain'eas sinn e?" "Cha'n'eil sin duilich," ars' an sgiobair; "tha e na dhuine àrd agus deante', tha deise dhearg air osceann eideadh cruadhach, agus 'se 'chiad fhear a thig air bòrd." "Falbh thus' agus do sgioba sìos do'n chaisteal-deiridh," arsa *Wallace*,—Chuir e 'leth-cheud ceatharnach nan éideadh, ach a dha na trì bha freasdal do'n ailm 's na scòid—thug e orra luidhe sìos air ùrlar na luinge: thug e òrdan do fhear na stiùrach am pic a leigeadh a' nuas cho luth's a dhiarradh *Redriver*, agus a h-oiseadh a ris cho luath sa dhiarradh esan e. Thainig a nis an creachdair mar àite labhairt—ghlaodh e riu am pic a leigeadh a nuas, ar neo gu'm bu daoine marbh iad. Bha'm pic a' nuas a chlisge', 'san taruing a seinn troimh na h-ullagan;—mar thubhairt, 's ann a bha; b'e fear àrd cuimir na deise deirge an ciad fhear 'thainig air bòrd; cha luaithe bha chas-deiridh a stigh air a bial-mor 'na rug *Wallace* air scornan air sa chuir e 'ghlùn air a mhaothan 's a bhiodag sa lainh dheis. "'S duine marbh thu ann an dà mhionaid" ars' esan, "mar toir thu òrdan do d' dhaoine gun losgadh, agus mar tig thu fein agus do chabhlach leamsa gu acarsaid." 'S bàthach duine ris an anam; b'eigin so a dheanamh, agus bu shiubhlach a' nis *Wallace*, a

réubadh nan tonn, air cheann a chabhlaich, gus an d'rainig e'n Fhraing !

Co dhiu, an ceann latha na dha fhuaire 'mach nach b'e *Redriver* a bh'aige, ach fear Tomas *Longueville*, a mharbh aon de bhùirdeisich pàlais Rìgh na Frainge; agus bho nach robh fiubhair aige ri maith-eanas, thug e'n cuan mór air, agus bha e cho fortanach mar chreach-adair, sgu'n robh a chabhlaich nan culaidh-eagail do gach rìoghachd. Nuair fhuaire an robair a mach gu'm b'e *Wallace* a bh'aige sann a bha toilinntinn air gu'n deach a ghlacadh le duine cho ainmeil: gheall *Wallace*, air an laimh eile, nan togadh e d'a dhroch stilleanan gu faigheadh e mathanas dha.

Nuair rainig an cabhlach cùrsa na Frainge, sa chunnaic an sluagh a bhratach dhearg, chite iad mar thom sheangan a ruith le'n cloinn 's le'n fheudail a' toirt a mhonaidh orra. 'Nuair chunnaic *Wallace* so chuir e 'long fein air thoiseach,—h-oise e bratach rìoghachd Alba a'm barr a crainn,—ni nuair chunnaic na Frangaich, an àite teicheadh, sann thog iad iullach ghàirdicheis a reub an tadhar !

Thug *Wallace* earail air sgiobadh *Longueville* a bhi sìobhalt nuair rachadh iad air tìr, agus thug e air *Longueville* e fein deise aon de na h-Albanaich a chur air, agus dol leis-san gu pàlais an rìgh. 'Nuair rainig *Wallace* agus a cheatharnaich rìgh *Philip*, sann a' sin a bha mheodhail, 'sa phròis, 'san taighear: an ceann beagain dh'fharaid an rìgh na thachair *Redriver* orra—an robh iad taingeil gu'n deach' iad as uaithe? “Cha d'éirich beud dhuinn,” arsa *Wallace*, “ach tha ann cho dona ris-san, *Longueville*; an ain'eadh sibh e nam faiceadh sibh e?—amhaircibh am bheil a h-aon an so a choltaicheas sibh ris?”

Dhamhairc an rìgh orra, fear an deigh fir, bho bhonn an coise gu mullach an cinn;—“cha'n'eil dùil a'm gu bheil e'n so,” ars' esan, “mar h-e'm fear àrd sin e r'ar guallainn.” Chaidh *Wallace* air a ghlùinean, agus ghuidh air an rìgh cobhair a chur gu Albainn; oir gu' robh i air a miobachadh le Sasunn, rìoghachd aig nach robh suim d'a facal. M'an d'éirich e ghuidh e air an rìgh aon fhàbhar son-ruichte. Gheall an rìgh, air fhacal, gu'n tugadh e dha ni air bith a b'àill leis iarradh, saor o'n rìoghachd agus o'n bhanri'nn. B'e iarrtas *Wallace* gu'n tugadh e mathanas do *Longueville*, agus d'a dhaoine, agus gu'n gabhadh e air ais e. Bha'n tiartras cruaidh, ach thubhairt an rìgh am facal, agus, cha'n'e 'nblàin gu'n tug e maithanas do *Longueville* fuileach, ach rinn e Ridire dheth, agus dh'aisig e dha a' staid! Cha do chaill *Wallace* air so bho laimh *Longueville*,—thug e moran dìr dh'a.

Tha moran air innse mu na thachair aig cuirt na Frainge san am so: a' measg ghnòthaichean eile tha e air a sheanachas gu robh dithis cheatharnach an cùirt a bha mor aig a cheile, agus aig an robh gabh-las fiadhaich do na h-Albanaich. Masa fìor an sgial, thug an dithis so aon latha ruith air càineadh, 's air smàdadh nan Albanach ann an eisdeachd *Wallace*. Thuirt esan riu, gu sìobhalt, gu'm bu dona 'ni dhaibh a bhi smàdadh dùcha 'bha'n càirdeas san cleamhnas riu. Chuir so an cutbach gu leir orra, agus an sàs a ghabh iad ann. Thug *Wallace* peilleart do dh'fhear dhiubh a chuir a ladhran os a cheann:

thainig a chompanach agus fhuair e'n tomhas cianda: dheirich an dithis gu bhì'n scòrnan *Wallace*, ach ann an coig mionaidean thuit an dithis gun chomas éiridh,—chaidh a bhiodag tuilleadh 'us dlù' do'n chridhe. Nuair dhinnseadh do'n rìgh e cha do leig e air gu'n cual e a; ach chuir cuid de chàirdean nan ceatharnach an cinn ri chèile gu *Wallace* a sgrios:—chaidh iad chuige agus thuirt iad ris, an ainm an rìgh, gu'n do chuir an rìgh mar fhiachamh air fiach co bu laidrich, e fein nan leòmhann, leomhann bhorb acrach a bha ann am fang.

Chuir so corruich mhòr air *Wallace*, ach cha bu ni leis ni air bith a dhiultainn a chuir an rìgh ma chuimric. Chaidh na slaoitirean an toiseach a dhionnsuidh an rìgh agus thuirt iad ris gu' robh deigh mhòr aig *Wallace* batal a thoirt do'n leomhainn. An duil gu' robh iad ag innse na firinn thug an rìgh làn chead dh'a. Shuainn *Wallace* a' bhreacan mu 'laimh thoisgeil, agus le 'chlaidheamh mòr nach fagadh fuigheal beum na dheas-laimh chaidh e'n coinneamh na leòmhainn. 'Nuair thug a' bheist cruinn-leum gu bhì aige, chuir *Wallace* a dhorn 's a bhreacan, 'sa ghàirdean sìos gu ugainn na amhaich, agus a thiotadh bha'n claidheamh-mòr tarsuing a dronnaig: bha bheist marbh! Chaidh e nis a dhionnsaidh an rìgh, 's thuirt e ris gu robh an t-àm falbh—gur beag a bha duil aige gu'n deach a chuireadh do'n Fhraing a chath ri brùidean na machrach! Ma dheireadh fhuaradh a mach am diubhrais, agus bha leithid de chorrach air an rìgh 's gu'n do chroch e'n dithis bhùirdeisich bu mhathair-ionnsramaid.

Coma; chunnaic *Wallace* gu'm b'fhearr tighinn dhachaidh na fuireach far an robh na h-uiread de chealgairreachd, agus a chiad ghaoth dh'fhàg e beannachd aca; rainig e'n cladach—thog e 'shiùil bhreaca bhaidealach dhionach—shìn e calpana fada teanna rìghne, ri fiodhanan àrda fada nan calg bì-dhearg,—cheartaich iad gach ball de'n acain ealamh dòigheil, 's sheas gach fear gu freasdal tapaidh 'bhuill bu chòir dha, agus gun eagal a nis roimh *Longueville*, a bha leo, 's nach deal'eadh ri *Wallace* se beò, thilg iad acair an ceann beagan laithean aig *Montrose*. 'Nuair fhuair *Wallace* a chas air tìr mòr b'ì chiad cheist a chuir e, An robh Sasunn fathast a cur dragh air Albainn? Dhinnis iad dha gu'n robh, agus nach bu thraillealachd riamh gus a nis i!—gu'n robh gach baile, 's gach gearastan lom làn dhiu, agus an srian mu'n cluasan!

Dh'fhalbh *Wallace* ri re-dorcha agus dh'fhalaich se e fein dlu do bhaile Pheirt. Cha b'fhada bha e'n so nuair thainig seisear Shasunnach a mach, le sia cairtean, a thoirt fiar-saì do'n bhaile. Smaonaich *Wallace* gu'm bu ghasd an cothrom,—a thiot a cho robh ceann air colainn dhiu! Chuir *Wallace* seisear d'a dhaoine fein an aodach nan cairtearan, 's chuir e fo'n fhiar-shaì na stodhadh ann d'a ghillean, agus a stigh do'n bhaile ghabh iad. A' dol a stigh air a gheata chuir *Wallace*, le 'laimh fein, an ceann phar a phortair mu'n robh fhìos aige c'àit an robh e,—sgob e'n iuchair mhòr as a laimh agus leig e 'stigh a ghillean. Thoisich an t-slachdraich—thoisich am bioradh!—cha d'fhagadh Sasunnach beo sa bhaile! Theich mu chiad dhiu do'n Eaglais a' ghabhail greim air adhaircean na h-altair—seann chleachd-

adh ; ach cha robh feum na'n cealgaireachd ; bha claidheamh *Wallace* air bhoil le ìotadh, agus b'eigin an tìoladh so chasg le'm fuil. Bha *Wallace* a nis an sealbh air baile Pheairt, agus air anbarr creiche. Chaidh e nis air aghaidh gu *Fife*, agus cha robh gearastan an sin nach do strìochd dha ;—as a sin gu Lochleabhain, far an robh Banri'nn Mairi na dheigh so a'n daingneach,—air feadh na h-oi'che shnàmh e'n loch, 's a chlaidheamh ceangailte mu amhaich,—ghearr e taod a bhàta,—dhiomair e i, leis fein, dearg-ruisgte, gu tìr-mor,—dh'aisig e 'dhaoine do'n eilean,—thug iad anns na Sasunnaich druan na druinnich, agus, ma'n d'eirich a ghrian cha robh mac-màthar beò.

Fàgaidh m'n laoch agus a ghaigich ag iasgach bhreac, car mios, air an lochan àluinn so, agus gheibh sibh a chuid eile d'a eachdrai', (agus mo losgadh, 's mo léireadh 's muladach i!) cho luath 'sa dh'fhaodas

'Ur caraid gun cheilg

MACTALLA.

Eilean Chola, 1842.

DÀN SHOLAIMH.

CÀIB. IV.

Feuch, 's àillidh thu, a bhean mo ghaoil ;

Da rìreadh, 's àillidh thu !

Tha sùilean cholman agad féin,

Taobh stigh do d' chiabhaibh dlùth.

Mar threud do ghobhair chlar nam beann,

Faicht' o Ghilead àrd ;

Mar sin tha d' fholt na dhuala trom

Mu shlinnean an àigh.

Do dheud mar threud do chaoraich ruisgt',

O'n ionulaid night' a ta ;

'Bheireas gach aon diubh càraid òg,

'S gun aon diubh sin gun àl.

Mar snàitlin' ath-dhaitht' de'n sgàrlaid dheirg

Do bhilean meachar grinn ;

Tha cainnt do bheòil, 'nuair labhras tu,

Ro cheòlmhor, milis, binn.

Mar mhir de phomgranat do ghruaidh,

Am meadhon fòs do chiabh.

Mar thùr Rìgh Dhàibhidh, togta suas

Chum tasgaidh airm 's 'gan dìon ;

An sin tha mìle targaid crocht',

A's sgiathan dhaoine treun :

'Sann'ris an tùr so 'shamhluchinn

Do mhuineal bòidheach féin.

Do chìochan tha mar dhà mhean-earb'—

Càraid na maosislich thlà,

A dh'ionaltras 'measg liliidhean,

'S nam fochair 'ghabhas tàmh.

Gn bris na faire 's teich na duibhr',
Theid mi gu cnoc na tùis ;
A's theid mi fòs gu beinn a' mhirr,
O 'bhean is àillidh gnùis.

Thig leam o Lebanon, mo chéil' ;
Thig leam o Lebanon :
O mhulach Shenir seall a nuas,
O Amana 's Hermoin ;

O àite-tàimh an leomhain scall,
O bheinn an leopaird ghaire.
Mo chridhe dh'éignich thu, a chéil',
Mo phiuthair féin gun cheilg :

Le aon de d' shùilibh dh'éignich thu,
'S le d' mhuineal àillidh lìomh.
Cia taitneach dhomh do ghràdh, mo chéil' ;
Gu mòr, 'se 's fearr na fion !

'Se 's fearr no fàil' t'ol'-mgaidh féin,
Na spìosraidhean gu léir.
Mar chirean meall' a' sìleadh sìos,
Do bhléan tha, mo chéil' :

Bainne a's mìl fo d' theangaidh ta ;
'Tha fàil' do thrusgain grinn.
Amhluidh mar fhàile cùbhraidh 'thig
O Lebanon nam beann.

Mar ghàradh glaist', mar fhuaran dùint',
Mar thobar 'tha fo shéul ;
Is amhluidh sin tha thusa, 'ruin,
A phiuthair, a's a chéil'.

Mar lios nam pomgranat do gheug,
Mar lios is taitnich' meas ;
Mar chraobhan champhir mar an ceudn'—
Mar spìocnard fòs nam preas :

Tha spìocnard, eròch, canal, a's cuile,
A's uile chraobhaibh tùis ;
Tha murr a's àloe, maille ris
Gach spìosraidh 's àillidh gnùis :

Fuaran nan lios ; le h-uisge beò
Tha'n tobar 'ruith 'na dheann—
An còmhnuidh 'ruith, gu soillear glan,
O Lebanon nam beann.

Éirich a nis, a ghaoth á tuath ;
Thig thus', a ghaoth á deas !
Sgaoilibh a mach 'ur n-anail bhlàth,
A's seidibh tlà air feadh mo lios :

'N sin éiridh boltrach 'chùbhraidh suas
O m' spìosraidhean gu léir.
O ! thigeadh m' annsachd stigh d'a lios,
A dh'itheadh 'mheasan féin !

LOCH DEARG, AN ÉIRINN.

Tha'n loch-uisg ainmeil so ann an siorramachd Dhun-na-Gael, ann an tìr *Ulster*. Tha iomadh eilean beag 'san Loch Dhearg; ach tha aon de na h-eileanan sin ainmeil, agus o chionn iomadh linn fo mheas mòr aig sluagh na dùcha, gu h-àraid iadsan a bhuineas do dh'Eaglais na Ròimh, no, mar a deir sinne, na Pàpanaich.

Tha'n t-eilean so leth-mhìle o thìr, agus cha'n eil e os-cionn aon acair fhearainn air meudachd. Anns an eilean so tha Purgadair an Naoimh Pàdrui, do'm bheil mìltean de mhuinntir na dùcha 'dol gach bliadhna 'gan ionnlaid féin, agus a dh'fhaotuiun (mar a tha iad a' smuaineachadh) maithneas nam peacaidhnean. 'Sann eadar a' cheud là de mhìos-meadhonach an t-samhraidh, agus an cóigeamh-là-deug de cheud mhìos an fhogharaidh, is àbhaist do na Pàpanaich an t-eilean so a thaghal. Tha trì-cheud-deug bliadhna o na thogadh a' cheud eaglais 'san eilean so, agus thogadh an t-àite ris an canar Purgadair an Naoimh Pàdrui o chionn sèa ceud bliadhna. Tha aisig o thìr-mòr a dh'ionnsuidh an eilean so, mu thuaiream leth-mhìle air leud. Tha bàt'-aisig làidir farsuing aca, a ghiùlaineas ceithir-fichead pears' aig aon àm; agus tha sèa sgillean a's bonn-a-sia aig a h-uile fear ri dhìol airson a thoirt a null 'sa nall. Air uairibh, tha mìle pearsa 'san eilean so aig aon àm, agus gu tric cóig ceud agus ochd ceud. Ged tha'm bàt'-aisig co mòr luchdmhor, chìtear na ceudan nan sìneadh air a' chladach, a' feitheamh gus an cuirear thairis iad—cuid diubh á Sasunn, cuid as an Fhrainge, agus cuid a thàinig fad an rathaid o America a dh'aona ghnothach chum peanas a dheanamh 'san eilean ainmeil so. Tha meas mòr air an eilean so, agus air buaidh an uisge th'ann, 's am peanas a thatar a' deanamh ann, aig Pàpanaich anns gach ceàrn de'n t-saoghal. Tha dà àite aoraidh 'san eilean, no dà eaglais. 'San dara h-aon, tha eilthirich (*pilgrims*) a' deanamh faoisid ris an t-sagairt, agus cha leigear coigrich air bith a stigh air dorus an tighe so. 'San tigh eile tha aoradh folaiseach air a dheanamh, far a' bheil cead aig gach aon dol a tha deònach. Tha aubharra sluaigh am bith-eantas 'san eaglais so, air an glùnaibh ri aoradh. 'Se am biadh a ta aca, beagan do dh'aran coirc a ghiùlain iad do'n eilean, agus uisge tha air a choisrigedh leis an t-sagairt, tre'm bheil e air a chunntas leo co brioghmhor bhlasda ri fion. Cha'n eil e air a cheadachadh dhoibh greim ithe ach aon uair 'san latha. 'Nuair a chuirear do'n phrìosan, no purgadair iad, far an éiginn dhoibh fuireach ceithir-uair-fichead, cha toirear làn beòil dhoibh ri ithe, no balgum ri òl. Tha ceithir sagairt flichead 'san eilean—fear airson gach uair; agus leis a so, cha'n eil stad dol air seirbheas an àite fad nan ceithir-uair-fichead, a latha no dh'oidhche. Tha'm prìosan na uaimh dhorch, air nach ruig solus an latha. Tha duine 'san àite so le slait mhòr 'na làimh, a' cumail gach aon nam faireach. Cha'n eil e ceaduichte do neach tuit-eam na chadal. Ma chaidleas neach lochd 'san àite so, tha'n sagairt a' toirt orra 'chreidsinn gur call 'anma do'n duine thruagh e—'se sin,

mar dlol e suim mhòr airgid do'n easbuig 's do'n eaglais, airson iad a guidhe as a leth, agus maitheanas peacaidh a chosnadh air a shon.

Tha seachd clàchan mòr a mach anns an loch, mu thrì throidhean air doimhneachd do dh'uisge mu'n timchioll; agus is éigin do gach aon dol trì uairean deiseil mu'n cuairt doibh, ag aithris seachd ùrnuighean, agus a' chréid 'sa' phlaidir, chum maitheanas peacaidh fhaotuinn. An sin, an deigh do'n duine dol air tìr, feumaidh e dol air a ghlùnaibh air cloich mhòr 'tha anbharrach geur, ris an canar a' chlach bhunnachair, agus a thaic a chuir oirre, gus an caill e mòran fala; agus, thairis air a' chloich so, cóig ùrnuighean, 'sa chréid, 'sa phlaidir, a chantuinn;—na dheigh sin, ruith gu cloich eile, agus ùrnuighean àraidh 'aithris thairis oirre mar an ceudna. Theid an luchd-aoraidh an sin o àite gu àite, ag aithris ùrnuighean àraidh air an glùnaibh, agus a' cunntas am paidirainean.

Tha duine measail agus fìrinneach ag innse dhuinn, a chunnaic an amaideachd so, gu'n robh oillt' air airson a' ghòraich 's an saobh-chràbhadh amaideach a bha air a' chuir air aghaidh. Lionadh e a' chuid bu mhò dhe'n Chuairtèar cunntas mion a thoirt air gach nì 'tha dol air aghaidh 'san eilean so. Tha'n uamh, ris an canar am prìosan, agus le cuid eile am purgadair, sèa troidhean deug air fad, agus dà throidh gu leth air leud. 'Nuair a gheibh iad a mach as an àite so, an deigh peanas a dheanamh, tha iad gu grad 'gan ionnlaid féin anns an loch, far am faicear fir a's mnathan lom rùisgte, gun suim do nàire, gun mhothachadh air an corr. Tha'm peanais a' co-sheasamh ann an àireamh ùrnuighean a tha air an aithris, ann an trasg, agus ann am faireachadh. 'S éigin do na h-uile h-aon aig a' bheil dùil ri maitheanas peacaidh fhaotuinn a bhì ceithir-uairibh-fichead sa' phrìosan, gun greim bithidh no làn am beòil do dh'uisge, gun lochd cadail. Tha cuairt, mar an ceudna, aca ri ghabhail air an glùnaibh rùisgte, air camhsair cloiche stigh 'san eaglais; agus chìthear an fhuil dhearg air ùrlar an tigh, a tha iad a' call sa' pheanas amaideach so.

Tha mòran airgid air a thogail leis na sagartan uapsan 'tha taghal an eilean. Tha h-uile h-aon, òg agus sean, bochd no beartach—ma's e an diol-deirce is truaigh 'san tìr—a' pàigheadh sgillinn Shasunnach a bharrachd air an airgid-aisig. So an t-suim is lugha; ach daoine aig a' bheil an comas, is àbhaist dhoibh suim mhòr a dhìol do na sagartan. Clia leigear neach air tìr 'san eilean air a' bheil a' mhiann a bhì air an glanadh, agus air an saoradh o'm peacaidhean, gun litir o shagairt na sgìreachd sa' bheil iad a' tàmh. Tha duin'-uasal measail, a sgrìobh eachdraidh na h-Éirinn o chionn beagan bhliadhnachan, ag innseadh, an là 'bha esan air tìr 'san eilean so, gu'n robh os-cionn dà mhìle pears' ann a' deanamh peanais, 's a' faotuinn maitheanais. Tha turus nan eilthireach do Loch Dearg, mar a thubhairt sinn, a' tòiseachadh air a' cheud là do mhìos mheadhonach an t-samhraidh, 's a' stad air a' chòigeamh-là-deug do cheud mhìos an fhogharaidh. Leis a so, tha'n t-àite fosgailte fad thrì-fichead latha 'sa cóig-deug, agus tha am bitheantas mu thimchioll cóig ceud pearsa 'san latha 'dol ann; air alt 's gum faodar a ràdh gu bheil diù air dà-fhichead mìle 'ga thaghal o'n latha 'tha e fosgladh gus a' bheil e air a dhùnadh, agus mar so a'

pàigheadh, eadar aiseag a's cuid nan sagart, mu thuaiream trì mìle pundo Sasunnach !

Nach brònach an sealladh so ! Na mìltean do dhaoine bochd air an tàladh o'n àiteachan-tàimh air asdar mòr, a' caitheadh an ùine 's an airgid anns an dòigh thruagh so. Tha mòran diubh a ghabhas sèa seachduinean, eadhon an Èirinn féin, a' falbh 'sa tighinn, 'san àm sin anns a' bheil cosnadh math ri fhaotuin air an son. 'Sann 'san àm so 'tha'm fear air a ghearradh agus air a chaoineachadh—air chor 's gu bheil (a bharrachd air na tha'n turus a' cosda dhoibh, agus na tha iad a' dìol do'n t-sagairt) a h-uile fear-cosnaidh a' call os-cionn ceithir sgillean fichead Sasunnach. Leis a so, chìtear gu bheil saobh-chràbh-adh an eilean so féin a' cosd eadar dà-fhichead a's leth-cheud mìle pundo Sasunnach anns a' bhliadhna !!

Nach truagh, matà, ri smuaineachadh gum biodh leithid so do chleachduidhnean cumant' ann an Èirinn—gum biodh daoine bochd air am mealladh mar so ? Nach dubhairt Crìosd nach robh slighe eile chum nèamh ach an t-aon—gum b'è féin an t-slighe, an fhèrrinn, agus a' bheatha ? Nach truagh gum biodh a' dhànadas aig sagart, no easbuig, no aig neach sam bith air aghaidh an t-saoghail, daoine bochd a stiùradh gu slighe eile, no am mealladh le amaideachd fhaoin cosmhuil ris na tha dol air aghaidh ann an eilean Loch Dearg ?—'gam brosnachadh chum am fuil féin a dhìol na h-éirig airson an anmanna, agus tàir a dheanamh air fuil Uain Dhé, a chuireadh gu bàs air an son ?

Tha iomad àite eile de'n t-seòrsa cheudna ann an Èirinn. Ma chaomlnar sinn, bheir sinn cunntas air cuid do thobraichean coisrichte na h-Èirinn 'san ath àireamh ; agus cha'n eil e an comas na tha beò a ràdh gu'n cuir sinn focal, uiread 'sa h-aon, a sìos ach smior na fèrrinn.

A Chuaireir urramaich,

Tha fada o'n tha seanachaidhean a' glhlinne so 'cur riumsa airson pàirt de sheann eachdraidh na dùthcha 'sgriobhadh do 'ur n-ionnsuidh, le déidh gum biodh i air a cumail air chuimhne ann an “ Cuairtear nan Gleann.” Ma shaoileas sibhs' e freagarrach, tha agaibh an so

GEARR-IOMRADH MU IAIN BEAG MAC-AINDREA.

Tha brìgh an iomraidh so air aithris gu neo-theagmhach le daoineibh measail agus creideasach, 'tha 'g ràdh gu'n robh Iain Mac-Aindrea, o cheann sèa-fichead bliadhna, 'tàmh an Dail-nah-Aitnich, an sgìre Gleann-Ceatharnaich, ann an Srathspé;—duineachan beag suarach 'na choltas air gach dòigh—na bu choltaiche 'bhi air 'fhàgail aig a' bhaile 'n cois nam mairt agus nan laogh, na bli dol leis a' choisridh do'n bhàr. Gidheadh, 'na chom bha cridh' an laoi, air a bhrosnachadh le spiorad na gaisge ; agus fear-bogha na b'ealanta 'n àm tarruing gu comh-strì, cha do tharruing saighead ri sreang. Tha gach euchd ghaisgeil a rinn e air

an aithris le tuilleadh ioghnadh, 'nuair bheirear fainear cho tur neo-fhaicheil 'sa bha e. Tha e air a ràdh gu'n tilgeadh e dà-shaighead-dheng, agus gu'n sàthadh 'e an darna aon ann an earbull an aon eile. Thainig e aon là seachad air buidheann a bha ri glomanachd ann an Srathéirinn. Dh'fheòraich cuid dhiubh ris a' ghille bheag am feuchadh e ris an t-saighead, agus le beagan moit dh'aontaich e. Bhuail e 'n toiseach faisg air meadhon na targaid, ach an dara nair chuir e gu dìreach 'ua meadhon. Thòisich iad air ioghnadh 'ghabhail, agus air bhi 'ga mholadh; ach thubhairt e riu gu'n deanadh iad ni b'fhearr na sin 'an Srathspé. Dh'fhalbh e, agus shàth e slatag sheilich air tom, astar mhath air falbh. Thilg e, agus sgoilt e i leis a' chend saighead.

Bha e na ro fhear aitreabh, agus cha b'ainmig leis 'bhi ris an obair sin ann an Srathéirinn. Aig aon àm a bha e ann ris a' cheart obair sin aig Fear Choileachaidh, air feadh na h-oidhche thainig a' chrois-tàraidh chum an tigh. B'e bha 'n so Ròsach Chillrethag, 'an Srathnathrinn, agus e air tòir na creiche 'thogadh uaithe le Fear Achluachrach, 'an Lochabar, agus e air shùrd pòs-aidh. Dh'fhalbh Fear Choileachaidh agus a chuideachd maille ri buidheann an Ròsaich, agus Iain Beag Mac-Aindrea mar aon de chèch. Bhuail iad air an aghaidh le sùrd agus faicill, gus an d'ràinig iad a' Chrò-chlach, am bràigh Shrathéirinn. Chunnacas solus ann am bothan nan cìpeir. Ann an so bha Fear Achluachrach agus a bhuidheann, as déigh an suipeire, 'seanachas ri chéile, gun fhiamh gun eagal. Aig an àm so, bha Iain Mac-Aindrea air toiseach na buidhne. Shuidhich se e féin mu choinneamh doruis a' bhothain. Bha'n oidhche fuasach dorch—ni 'thug fìor chothrom dhaibhsan a bha mach, ach a bha tur an aghaidh chèich, a bha air an leigeadh ris le solus a' ghealabhain bha ac' anns a' bhothan. 'Nuair a dh'fhairich iad an taimrich 'bha mach, b'ann le spiorad na gaisge 'thriall gach fear chum an doruis, a thoirt coinneamh do luchd na tòrachd; ach cha d'ràinig a h-aon duibh an stairsneach gun bhi air an leagadh nan tòrr air muin a chéile! Bha làmh Iain 'ic-Aindrea bitheanta ni's leòir, agus a shùil an tòir air ceannard na buidhne. Air dhàsan 'bhi aithnichte, 'thaobh 'éididh, 'nuair chunnaic Iain e, chuir e saighead 'na uchd a cheangail e ris a' phosd a bha air a chùlaobh! 'Nuair chunnaic Fear Choileachaidh mar rinn e (theagamh chum fios 'thoirt do'n Ròsach mar thachair), ghlaodh e mach, "Buaidh 's do thapadh leat, Iain 'ic-Aindrea, 'tha tàmh an Dail-na-lì-Aitnich." 'Nuair chuala Iain am miodal so aig àm cho mì-fhreagarrach (air dha 'thuigsinn, nan rachadh fear sam bith as, gu'n tugadh e 'ainm do Lochabar—ni a dh'fhàgadh e buailteach do chunnart na dhéigh sin), fhreagair e Fear Choileachaidh ann am briathraibh nach furasda sgrìobhadh! Cha d'fhuair a h-aon as de na bha stigh; ach an gille maol duibh a thug fainear a' chùis, bhris e mach air cùl a' bhothan; agus, gu truagh do dh'Iain Mac-Aindrea, thug am fear so an naigheachd agus 'ainm do Lochabar, mar am fear a fhuair urram na saighdearachd. Agus bha 'bhuil: 's gann gu'n d'fhuair e là no oidhche sona na dhéigh.

'Nuair ràinig an sgeul so Lochabar, a bha cho chràidhteach do bhean-na-bainnse, cha d'fhois 's cha do thàmh i gus an d'ràinig i Chrò-chlach; agus tha 'cor, 'nuair ràinig i, ni's usadh 'thuigsinn na 'chur an céill. Tha e air a ràdh gu'n d'fhuair i 'mhial-chu féin ag òl fola Fhir Achluachrach, agus, anns an teinn-chràdh anns an robh i, gu'n d'thug i 'n cù na spathaltan as a chéile!!

'Nuair a sgaoil an naigheachd, bha càirdean nam fir a thuit air an gluasad le colg bhuarasach. Thrus iad orra, dà fhear dheug, agus ràinig iad tigh Iain 'ic-Aindrea. Bha Iain agus a bhean a stigh le chéile, agus thuig iad có bh'aca air ball. Dh'fhoineich na daoine ri bean-an-tighe 'm b'e so tigh Iain 'ic-Aindrea, agus c'àit an robh e féin. Thubhairt i gu misneachail gum b'e, agus nach robh e féin fad as. Dh'iarr i orra suidh gus an tigeadh e. Cha do smuainich iad gum b'e bha na shuidh taobh an teallaich; oir ged a fhuair iad 'ainm 'sa shloinne, cha d'fhuair iad a dhealbh 'su chuma. Bha 'bhean 'san àm a' fuineadh, agus thilg i mir de'n aran air an fhear 'bha na shuidh taobh an teallaich; agus le bag-airt coimheach, dh'iarr i air dol a shealltuinn nach robh an fheadail ri dolaidh sam bith; agus nam faiceadh e 'mhaighstir, fios a thoirt da gu'n robh daoin'-naisle 'feitheamh air. Dh'fhalbh e le gearain, mar nach biodh e ro thoilichte 'dhol. Chaidh ise gu seòmar far an robh am balg-shaighead air a thasgaidh, agus chuir i sin a mach air uinneig 'ga ionnsuidh; agus ré na h-ùine so uile, cha do sguir i de chuimail seanachais ris na coigrich, agus 'gam fritheal leis a' bhiadhachd a b'fhearr a bh'aice. Dh'ìrich Iain am bruthach 'bha fa chomhar doruis a thighe. Chuir e dà shaighead dheug ann an rian freagarrach air an toran làmh ris, agus ghlaodh e, fear sam bith 'bha 'g iarraidh Iain Mhic-Aindrea, e 'bhi mach. B'ann an sin a bha 'chabhaig, gach fear a' bualadh a mach chum ionnsuidh 'thoirt air Iain Mac-Aindrea; ach cha luaithe 'ràinig iad an dorus, na bha saighdean Iain 'gan còmhlachadh, agus 'gan leagadh gu làthair. Cha deachaidh 'in fear mu dheireadh dhiubh fada o'n tigh 'nuair a thuit e, air chor 's nach deachaidh a h-aon diùbh as a dh'innseadh an naigheachd 'san tir as an d'fhalbh iad!

Na dhéigh so, bha Iain Mac-Aindrea fo fhiamh a latha 'sa dh'oidhche. Cha robh e sàbhailte dha 'bhi oidhche 'na thigh féin, air chor 's gum bu dùth dha gearain air an oidhche sin a luaidh Fear Choileachaidh air 'ainm e.

Uime sin, bha leabaidh aige ann am bràigh craoibh ann an coille Uisge-thuilnean, ann an ionad ris an abrar Giubhas-na-h-uamha gus an là 'n diugh. Chuala iad mu'n leabaidh so 'n Lochabar, agus bha na h-Abraich gu tric ri fhaicinn air feadh na coille sin, chum a faghail a mach. Bha iad air uairibh a' tachairt ri Iain féin; ach cha robh iad idir a' samhlachadh gum b'e bhiodh ann—ni 'thug cothrom dha dhe'n d'riun e gu minic feum, air chor 's nach do leig e aon de na chunnaic e riamh air ais. An fear mu dheireadh a chunnaic e dhiù, bha e air feadh na coille gun duine leis. Dh'fheòraich am fear so dheth Iain (mar gum b'ann airson neò-

nachais d'a féin) c'àit an robh an leabaidh-fhalaich aig Fear Dail-na-h-Aitnich. Fhreagair Iain gum feuchadh e sin da: agus 'nnair a chunnaic an t-Abrach an leabaidh, sheall e mu'n cuairt car tiota beag, 's chuir e 'aghaidh air a dhùthaich féin; ach cha b'fhada 'chaidh e 'nnair 'thug Iain tarruing air a bhogha, 'bha air a chleith fo 'bhreacan, agus leag e'm fear sin mar an ceudna, gun a leigeadh ni b'fhaide air a thurus.

Cha'n eil cunntas air gach liutha fear a mharbh e ré 'bheatha, ach tha iomradh gur mòr a chuir e gun teagamh gu dìth; agus cha d'thug duine riamh buaidh air féin, ged 'thàinig e gu bhi na sheann duine mu'n do chrìoch e.

SPÉACH.

Lag na Criche, Màigh, 1842.

MU SHINNSIREACHD CHLOINN-GHRIOGAIR.

Thachair do dhuin'-uasal measal de'n chinneadh so, 'tha air an àm an Lunnainn, agus a tha iomraiteach, cha'n e 'mhàin 'na dhùthaich féin, ach 'san Roinn-Eorpa, airson meud 'eòlais, agus an dòigh chliùteach anns na lìon e' gach dreuchd a bha an earbsa ris,—a bhi, o chionn beagan bhliadhnachan, anns an Ròimh, far na thaisbean am Pàpa (àrd-cheannard Eaglais na Ròimh) mòr choimhneas agus meas da.

Bha'n duin'-uasal so ag amharc air mòran de nithe iongantach—seann leabhraichean agus nithe eile—ann an lùchairt rìomhaich a' Phàpa; agus bha aon de phrìomh chléir an àite maille ris. An uair a chual am fear so ainm an uasail Albannaich, gum bu Mhac-Griogair e, thubhairt e ris gu'n robh mòran bàigh aig a' Phàp' air a' chinneadh Ghriogarach—gu'n robh e 'gan chunntas mar a chàirdean sòrnichte, mar chloinn de 'theaghlaich féin. Dh'fheòraich an t-uasal Griogarach dheth cionnas a thachair sin, no ciod a thug air a' Phàpa 'bhi co déidheil mu Chloinn-Griogair. “Tha,” ars' esan, “gu'n d'fhuaradh am measg seann sgrìobhaidhean, feadh leabhraichean a' Phàpa, eachdraidh air an dòigh anns an d'fhuair iad an t-ainm air tùs. Mu thimchioll na bliadhna naoidh ceud gu leth (950), 'se b'ainm do'n Phàpa 'san àm sin *Gregorius*, no, mar a deir iad sa' Bheurla, Pàpa *Gregory* an IV^{mh}. Chuir an duine ainmeil so teachdaire, no, mar a deir iad, *nuncio*, do dh'Albainn, a shocrachadh gnothuichean àraidh mu thimchioll nan *Culdees*. Bha Coimnich Mac-Alpain, rìgh na h-Alba, 'san àm sin a' tàmh 'na phàluinn àrd ann an Dunnstainnis. An uair a bha teachdair a' Phàpa 'fuireach maille ris an rìgh, rugadh prionns' òg; agus sheas teachdair a' Phàpa mar ghoistidh do'n naoidhean rìoghail. Thug Rìgh Coimnich ainm a' Phàpa (se sin Griogair) air an leanabh so; agus 'sann o'n duine so, Griogair, mac Choimnich Mhic-Alpain, a thainig an cinneadh ainmeil a ghabh mar shloinneadh Clann Mhic-Ghriogair.

FIALACHD NA MNÀ DUIBHE RI MAIGHSTIR MUNGO PARC.

Air iartras comuinn àraidh a bha airson na ceàrnan sin de'n t-saoghal a rannsachadh, ghabh Maighstir Mungo Parc os-làimh na dùthchannan is faide stigh ann an Afric a shinbhal agus fhaotuinn a mach. Ann an oidhirpeachadh sin a dheanamh, b'éiginn do'n fhear-thuruis ainmeil so iomadh deuchainn agus cruaidh-chas fhulang. Tha mòran bheathaichean fiadhaich agus cronail 'san dùthaich sin; agus tha'n slugh a tha còmhnuidh innte cho allmhara borb, 's gu bheil e glé chunnartach do neach air bith imeachd troimpe. Tha iad gu tur aineolach air an t-soisgeul; agus a chionn 's nach 'eil déiligcadh no comh-chomunn aca ri muinntir eile, tha iad gun eòlas a thaobh nan dòighean agus nan innleachdan a tha air an cleachdadh 'nar measg-ne.

Ach a dh'aindeoin air cho borb agus allmhara 'sa tha iad, mhothuich Maighstir Parc air uairibh caoimhneas nach bu bheag uatha. Thaisbean cuid dhiubh bàighealachd agus càirdeas dha a bha fìor iongantach. Tha sinn mar so a' faicinn, ciontach agus truailidh mar tha sinn, ionnas gu bheil sinn ann an staid nàduir marbh a thaobh Dhé agus nithe spioradail, gidheadh gu bheil an Tighearna féin air suidheachadh ann ar cridhe faireachduinnean àraidh a tha feumail 'nan àite féin. Is ann diùbh sin an t-ìochd a ta againn ri'r comh-chréntair, ma thachras dha 'bhi ann an éiginn no'n uireasbhuidh; agus gheibhear an fhaireachduinn so air a leigeadh ris eadhon an measg nan daoine dubh ann am meadhon Afric, mar chithear o'n sgeul beag a leanas.

“Nuair thàinig mi gu Ségo ('se sin prìomh-bhaile na rìoghachd d'an goirear Bambarra, a ta air a shuidheachadh ri taobh na h-aibhne Niger),” arsa Maighstir Parc, “bha toil agam dol thairis a dh'ionnsuidh na h-earrainn de'n bhaile 'sam bheil an rìgh a' còmhnuidh; ach, o'n àireamh shluaigh a bha togarrach aiseag fhaotuinn, b'éiginn domh feitheamh fad dhà uair. Air cheann an ama so, bha iadsan a chaidh thairis air innsadh do Mhansong, an rìgh, gu robh duine geal a' feitheamh ri aiseag, agus a' tighinn 'ga fhaicinn. Chuir e thairis gun dàil aon d'a dhaoibh a b'urram- aiche, a dh'innseadh dhomh nach feudainn an rìgh fhaicinn air aon chor, gus am biodh fios aige ciod a thug d'a dhùthaich mi; agus nach feudainn gabhail orin féin a dhol thar an ainhuinn gun chead fhaotuinn o'n rìgh. Thug e, uime sin, a' chomhairle orm an oidhe 'chur seachad aig baile beag fad as, a chomharraich e mach; agus thubhairt e gu'n innseadh e dhomh 'sa' mhaduinn ciod a dheanainn. Cha robh so ach droch aobhar misneich. Gidheadh, o nach gabhadh a' chùis leasachadh, chaidh mi air m'aghaidh dh'ionnsuidh a' bhaile bhig; agus air dhomh ruigsinn, fhuair mi, ged bu chruaidh an gnothuch e, nach leigeadh aon duine 'stigh d'a fhàrdaich mi. O'n droch bharail a ghabh iad dhiom roimh làimh,

bha ioghnadh agus eagal orra romham; agus b'fheudar dhomh suidhe sìos fad an latha, gun bhiadh, fo sgàile craoibhe.

“ Bha'n oidhche bagradh a bhi ro neo-thaitneach; oir dh'éirich a ghlaoth, agus bha e glé choltach ri uisge trom a dheanamh. Bha na beathaichean fiadhaich mar an ceudna cho lionmhor 'sa' choimhearsnachd, 's gum feumainn streapadh suas ris a' chraoibh, agus tàmh a ghabhail am measg nan geug. Ach mu luidhe na grèine, air dhomh a bhi deanamh deas gus an oidhche 'chaitheadh air an dòigh so, agus air leigeadh m' each fo sgaoil, a chum 's gu'n ionaltadh e gun chuibhreach, stad bean dhubh a bha pilltinn o oibrich an achaidh a ghabhail beachd orm; agus air faicinn di gu robh mi sgèith agus airsnealach, dh'fhaighnich i mu dhéighinn mo chor. Mhìnich mi dhi e ann am beagan fhocal; agus an sin, air dhi sealltuinn orm le mòr thruas, thog i mo dhìollaid agus mo shrian, agus dh'iarr i orm ise 'leantuinn. Thug i dh'ionnsuidh a bothain mi; bheothaich i lòchran, sgaoil i brat air an ùrlar, agus dh'innis i dhomh gum faodainn fuireach an sin fad na h-oidhche. 'Nuair 'chunnaic i gu'n robh mi anabarrach ocrach, chaidh i dh'fhaighinn ni-eigin a dh'ithinn. Phill i ann an ùine ghoirid le iasg a bha fìor bhlasda; agus air dhi 'fhaotuinn air a leth ròsdadh, thug i dhomh e airson suipeir. An déigh dhi fiadhlaidheachd a nis a thaisbeanadh do choigreach a bha na theinn (air do m' dheagh bhana-charaid mo sheòladh thun a' bhrait-ùrlair, ag innsadh dhomh gum feudaibh codal an sin gun eagal), ghairm i air boirionnaich a teaghlach, a sheas gun ghluasad fad na h-ùine, ag amharc orm le mòr ioghnadh, agus dh'iarr i orra tòiseachadh ri'n obair, a' snìomh na canaich. Lean iad air an t-snìomh gus an robh e gu math aumoch.

“ Dh'eutromaich iad an obair le òrauaibh; agus bha aon diubh sin a rinneadh bhàrr làimh, oir is ann mu'm dhéighinn féin a bha e. Sheinneadh e le aon de na mnathaibh òga, agus càch 'ga còmh-nadh leis an luinneig. Bha'm fonn binn agus inladach; agus bha na focail, air an eadar-theangachadh, teanu air mar leanas:—

Na gaothan shéid gu coimheach fuar,
A's bhrùchd a nuas an t-nisge trom;
An duine gcal a stigh cha d'fhuair,
Ge b'ole a thuar a mach air lom.

An ciar' an anmoich shuidh e sìos
A ghabhail fois, fo sgàile craoibh';
Oir bha e fann a's làn do sgios:
Bu dubhach dìblidh cor an aoidh.

O! cha'n 'eil aige màthair thlàth,
A bheir o ùth na bà am bliochd;
No céile 'sheallas ris gu blàth,
'S a mheileas dha an gràn le iochd.

LUINNEAG.

Gu'n gabh sinn ris le iochd a's bàigh—
Gu'n nochd sinn càirdeas dha, a's miadh:
Cha'n fhaigh e bairn' o mhàthair àigh,
A's céile gràidh cha toir dha biadh.

“Theagamh,” deir Maighstir Parc, “gu bheil na nithe so suarach ann am beachd an leughadair; ach rinn iad drùidheadh anabarrach ormsa. Thug caoimhneas cho mòr, ris nach robh dùil agam, tiomachadh air mo chridhe; agus theich codal o m’ shùilibh. Anns a’ mhaduinn, thug mi do’n mhnaoi thrucanta a thug aoidheachd dhomh dà phutan de na ceithir a dh’fhan ann mo pheiteig. Cha robh tuilleadh agam a thairginn di airson a caoimhneis.”

SEANACHAIDH.

Bàideanach, 1842.

SAOBH-CHRÀBHADH NAN GÀIDHEAL.

Tha mòran do dh’amaideachd fhathast am measg nan Gàidheal—iomadh geas, a’s giseag, a’s rùn, a’s séun—druidheachd, buidseachd, cumhachd-tàlaidh, a’s mealladh gràidh—agus nithe de’n t-seòrsa sin, a thàinig a nuas d’an ionnsuidh o linntibh dorch’ a chaidh seachad.

Tha seòrsa do dh’eòlas airson galar-shùil cumanta fhathast anns na h-cileanan tuathach, ris an canar “Obie nan Sùl.” Fhuair siun so o sheann duine còir a chleachd e fad iomadh bliadhna, ’sa tha nis a’ tuigsinn nach ’eil ann ach amaideachd pheacach. B’i an dòigh a ghabh iad, bonn airgid a chur ann an saoitheach làn do dh’uisge an fhuarain; agus an deigh na briathran a leanas a chantuinn thairis air an uisge, bha’n t-sùil leòinte ri bhi air a h-ionnlaid gu tric leis. Tha na nithe so a nis a’ dol air di-chuimhne—tha daoine air an soilleireachadh gu mòr; ach mar a tha iad a’ toirt dhuinn seòrsa do dh’fhiosrachadh mu thimchioll na làithean a dh’fhalbh, smuainich sinn an cur a mach ’san àireamh so.

EÒLAS NAN SÙIL.

Obie nan geur shùl,
An obie ’s feàrr fo’n ghréin;
Obie Dhé, an nìle-mhòr.
Féile Mhàiri, féile Dhé,
Féile gach sagairt ’s gach cléir;
Féile Michael nam feart,
’Chàirich anns a’ ghréin a neart.

Fhuair sinn, mar an ceudna, o fhear eile, “Eòlas an t-Snìomh.” ’Se sin, ’nuair a shiachadh neach a chas, b’àbhaist fios a chur air an duine aig an robh eòlas an t-snìomh; agus ghrad thòisicheadh e air a’ choise leòinte ’laimhseachadh ’sa shuathadh le ’laimh, ag aithris nam briathran a leanas:—

EÒLAS AN T-SNÌOMH.

Chaidh Bride mach
Air maduinn mhoich
Le càraid each.
Bhris fear ac’ a chas.
Chuir e glùn ri glùn,
A’s cnàimh ri cnàimh,
A’s feith ri feith.
Mar leighis csan sin,
Cha leighis mise so.

BRÒG IARUINN CHLOINN-DÒMHNUILL.

Mu'n àm 'san d'thàinig a' cheud Rìgh Séumas gu crùn na h-Alba, bha tomhas gairge agus an-ìochdmhorachd air teachd suas am measg na creachadairean Gàidhealach nach robh riamh ri fhaotuin anns na linnibh is fhaisge air làimh. Bha creachadair de'n chinneadh Dhòmhnullach air ceann buidhne ann an siorramachd Rois, a bha comharraichte airson dānadas a's an-ìochdmhorachd. Spùine a's chreach iad banntrach bhochd de na h-uile sìon saoghalta. Thubhairt i ris a' chreachadair gu'n rachadh i dh'ionnsuidh an Rìgh airson aicheambail, ged a ruigeadh i Dunéidion 'ga iarraidh. "Tha'n uidhe sin fada," ars' an t-amhlair; "uime sin, b'fheaird thu brògan." "A réir sin, thug e air a' ghobhainn brògan iaruin a thàirngtheadh air a casan, mar gum b'each a bhiodh innte. Air do'n mhnaoi 'bhi àrd-inntinneach, chum i ri 'focal; agus co luath 's leigeadh a lotan leatha, chaidh i na h-uile ceum air a cois do Dhunéidion, thilg si i féin aig casan an Rìgh, agus rinn i aithnichte dha a' chùis.

Bha Séumas ann am feirge mhòr; agus thug e òrdugh gum biodh Mac-Dhòmhnuill agus a dhà-dheug do luchd-leanmhuinn air an glacadh, agus air an crudhachadh anns an dòigh cheudna—ni 'bha gun dàil air a chur an gnìomh. Anns an staid iriosail agus chràiteach so bha iad air an cumail fad thrì làithean, mar eisimpleir do na h-uile, agus an sin air an cur gu bàs.

D. D.

Innse, 1842.

N A I G H E A C H D A N .

Chaidh margadh Dhunbreatun gu math. Am beagan cruidd a bh'ann, rinn iad deagh phrìsean. Bha eagal air na dròbhairean, mu'n d'fhàg iad an tigh, gu'n islicheadh an lagh ùr luach spreidh; ach gabhaidh e iomadh bliadhna mu'n tachair so—"a pheic air an sgillinn, 's gun an sgillinn ann." Cha'n eil spreidh thall air tìr-mòr ri sheachnadh, gus an tog 's an àraich siad iad.

O na sgrìobh sinn mu dheireadh, bha crith-thalmhainn mhòr ann an *Saint Domingo* (eilean do h-Innsean na h-àirde 'n iar), a shluig suas tighean, 'us bailtean, agus deich mìle pearsa!

Fhuair Sir Raibeart *Peel* gach nì leis mar a mhiann. Tha dòchas gu'n dean so feum do'n dùthaich, oir cha robh i riamh ri cuimhne duine cho fad' air dheireadh ann an cèird, 's an cosnadh, 's am màl-àirt; ach, cliù do Dhia, cha robh i riamh nì b'fhaid' air thoiseach ann an coltas feòir, 'us bàrra, 'us pailteas. Tha dòchas gu'n dean a' Phàrlamaid nì-eigin airson nan Gàidheal; ach tha iad fada san sgogaireachd. Bithidh fios againn roimh dheireadh an ath mhìos.—Chunnaic sinn mòran a' dol thairis o chiunn ghoirid, agus bu duilich leinn fhaicinn gu'n d'fhuair cuid dhiù ana-cothrom ann an *Liverpool*,

an deigh cuid do'n airgid-aisig a phàigheadh ann an Glaschu. Bheireamaid a' chomhairle air ar luchd-dùthcha Gàidheal eòlach fiosrach a thoirt leò anns gach baile an tachair iad, ged a phàigheadh iad e, a ni bargan air an son, agus a gheibh gach nì 'theid a ghealltuinn ann an sgriobhadh.

A' BHAN-RIGH.

Chual' an rìoghachd le uamhas an oidheirp eagalach a thugadh air Ban-rìgh Bhreatunn a mhurtadh—gnìomh cho oilleil 'sa dh'fheuch duine riamh; ach buidheachas Dhàsan a rinn, 'na fhreasdal caomh, an oidheirp uamhasach so a thoirt gu neo-ni.

Francis, an duine truagh a thug an oidheirp air a Bhan-rìgh a chur gu bàs, dh'fheuchadh e, agus tha e air a dhìteadh gu bàs; agus cha'n 'eil teagamh sam bith nach bu chòir a chrochadh. Tha cuid air bharrail gu'n robh e as a bheachd; ach chan'n eil dearbhadh sam bith gu bheil so fìor. Do réir na h-uile cunntas 'tha sinn a' faotuinn, cha'n eil ann ach duine amaideach. Smuainich e, thaobh 's nach do chrochadh *Oxford*, a thug an oidheirp cheudna an uraidh, gu'n éireadh dhàsan mar a dh'éirich do'n aon eile—nach deanadh iad ach a chumail am prìosan, mar a rinn iad *Oxford*, gu latha 'bhàis. Ach gheibh e gu'n robh e ann am mearachd mòr. Mar a thubhairt *Oxford* féin—“Nam biodh iad air mise 'chrochadh, cha d'fheuch *Francis* no fear eile an cleas ceudna.” Thubhairt lighiche ainmeil a chuireadh a h-òimhead a' mhurtair do'n phrìosan, a dh'fheuchainn an robh e 'na bheachd, 'nuair thàinig e air ais do'n chùirt—“Cha'n eil mi làn chinnteach,” ars' esan, “co dhiùbh 'tha no nach 'eil e as a bheachd; ach ma tha, cha dean crochadh cron air; 's mar 'eil, tha e 'ga làn thoilltinn. Gum b'fhad' a thèarnar a' Bhan-rìgh o gach nàmhaid!” 'Si ar n-ùrnuigh dhùrachdach gu'n gabhadh am Freasdal caomh i fo 'chùram athaireil féin, 's nach soirbhlicheadh le làmh, le inneal, no innleachd, a dh'fheuchar na h-aghaidh.

AMERICA.

Airson eòlais chàirdean na luchd-imrich a dh'fhàg Leòbhas air a' bhliadhna 'chaidh seachad, agus a ràinig America dèireadh an fhogharaidh ann an staid fìor bhoichd, tha sinn a' toirt na leanas á fear de phàipeirean Chanada (*Sherbrooke Gazette of 14th April, 1842*):—“Bithidh mòran de'r leughadairean toilicht' a chluinntinn gu'n deach an fhialachd a nochd iad do na h-eilthirich Ghàidhealach ann an ìochdar na dùthcha a dheagh bhuileachadh. Do'n choigrich bhoichd, bha'n còmhnaidh so anbharrach àmail, agus ghabh iad ris le mòr thaingealachd. Tha iad a nis saor o bhoichduinn, agus o na smuaintean tiamhaidh tha 'n taic rithe ann an tìr chéin. Tha pailteas do nithe feumail na beatha so mu'n cuairt doibh a cheana, agus a h-uile aobhar dòchais aca gur ann nì's feàrr a theid an cor. An àite 'bhi nan tuathanaich bhoichd 's nan iasgairean truagh air còrsan creagach Leòbhais, tha iad a nis nan tìghearnan fearainn!”

“Lennoxville, Eastern Townships, March 14, 1842.

“(Do’n Urramach A. Mac-an-Aba, Baile-an-Rìgh.)

“Ceadach dhomh, ged is coigreach mi, focal no dhà a chur thugad, mar rùn-chléireach *Cuairtear nan Coillte*, ann am iubhe mar fhear-riaghlaigh Comuinn na h-Imrich anns a’ cheàrn so.

“O litrichean a ràinig eilthirich Leòbhais o chionn ghoirid as an t-seann dùthaich, tha mi tuigsinn gu bheil miagh mòr air do phàipeir-naigheachd Gàidhealach am measg Gàidheil na h-Alba; agus a thaobh ni-eigin a chuunaic iad ann, airneo ann am pàipeirean eile, gu bheil iad am barail gu bheil cor an luchd-dùcha anns an tìr so fìor thruagh agus bochd.

“Cha’n e mo mhiann misneach a thoirt do thuile dhiù teachd thairis, nì mò ’chomhairlichinn do na tighearnan Gàidhealach no do’n Phàrlamaid ceadachadh do dhaoine bochd cladach an dùthcha féin fhàgail, gun ullachadh measarra ’dheanamh air an son.

“Ged bu choltach gum biodh teachd na dà bhuinn bhochd so na chosdas trom air a’ cheàrn so, gidheadh chaidh an tagradh a rinnear air an son ’sa’ choimhearsnachd, ’s am bailtean *Montreal* a’s *Quebec*, a fhreagairt co fhialaidh, ’s gu’n do chuir iad an geamhradh seachad gun bhoichduinn, agus le dòchas rompa air cor nìs fheàrr na b’urrainn doibh gu bràth altrum ann an tìr an athraichean. Tha iad suidhichte ann an cùrsa do dh’fhearann tarbhach, a bhuineas do Chuideachd-Fhearainn America Bhreatunnaich (*British American Land Company*), dlùth do *Bhury* agus *Lingwick*, ri taobh rathaidean-mòr, ’s am fochair Amhuinn-nam-Brattan a’s lochain uisge lan éisg. Tha iad air togail tighean fiodh, ’sa uis a’ glanadh an fhearainn airson bàrraidh, ’sa màlairt an luath-luibhean (*potash*) airson bnntàta a’s nithean feumail eile. Tha iad fìor thaingeil airson gach coimheas ’chaidh nochdadh dhoibh ’san tìr chiatach shlàinteil so. Rinn iad an bitheantas seilbh a’ ghabhail ann mu thuaiream trì-fichead ’sa deich acair, agus barrachd na so far a’ bheil teaghlach do dh’òigridh air tighinn gu aois feum. Leis a’ chòmhnaidh a rinnear riu, agus le’n oidheirpean féin, tha iad a nis air an càramh na leithid do dhòigh ’s gu bheil e furasd dhoibh an staid a leasachadh—o phailteas, éiridh gu saibhreas. Tha e ’cur duilichinn orra gum biodh droch thualas sam bith na aobhar air an càirdean diblidh bochd air feadh na Gàidhealtachd a chumail o oidheirpeachadh teachd a nall.

“W. MORRIS.”

INNSEAN NA H-ÀIRDE ’N EAR.

Cha’n fhaodar a ràdh gu bheil an naigheachd ’tha teachd as an tìr so taitneach. Bha àite làidir againn gu h-àrd am measg nam beannta ’tha eadar na ceàrnaibh sin de na h-Innsean a bhuineas do Shasunn agus an tìr ris an canar *Affghanistan*—baile ris an abrar *Guznee*. Bha armailt againn anns an àite so; ach cha robh fear againn ann airson a’ cheud a bha ’ga chuartachadh de na nàimhdean. Gheàrr iad so air

fallbh gach sruthan uisge, agus gach feadan pìob uisge, air alt 's gum b'éiginn do'n armailt againne strìochdadh. Bha iad air an claidh le sgìos, air am mealachadh le fuachd, 's gun uiread a's deur uisge ri òl. Bha dìth de gach seòrsa—tart, a's ganntachd, a's fuachd—an deigh spiorad nan gaisgeach a chlaoidh; 's cha robh e 'nan comas nì eile 'dheanamh ach strìochdadh. Bha'n dùthaich air a chòmhdachadh le sneachd, agus an nàimhdean guineach, lionmhor, seòlta; agus mar strìochdadh iad air an àm, cha robh mac màthar dhiubh nach biodh air an cur gu bàs. Mar so thugadh suas *Guznee*, agus strìochd an t-arm. Tha aobhar mòr iomagain nach do sheas na h-*Affghans* an cùmhnant a rinneadh riu, agus an uair a fhuair siad iad 'nan cùmhnachd, gu'n do chuir iad gu bàs iad—gu'n do mhurt siad iad, mar a rinn iad air a' chuid eile de'n arm Bhreatunnach. 'S éiginn duinn aideachadh nach 'eil sinn gun eagal gu'n do thachair so.

Ach ged tha'n sgeul so brònach, tha naigheachd taitneach á ceàrn-aibh eile do dh'Innsean na h-àirde 'n ear. Chuireadh suas armailt a chuideachadh leòsan a bh'ann an tìr *Affghanistan*; agus ged a dh'éirich an dùthaich uile 'chur grabadh orra, agus am bacadh o dhol troimh nam monaidhean, gidheadh chaidh a' bhuidheann treun so air an aghart a dh'aindeoin co 'theireadh e, agus bhuadhaich iad an aghaidh gach cunnart a's duilghead. Bha'n armailt so fo laoch ainmeil, Seanalair *Pollock*. 'Nuair a ràinig iad so bun nam beann creagach corrach, bha na mìltean os an cionn le uidheamachadh de gach seòrsa chum cur as doibh; ach streap iad suas—dhìrich iad ceum thar cheum, a' sgiùrsadh an nàimhdean rompa. Ràinig an t-arm againn inulach na beinne mòr, agus theich an nàimhdean. Bha gaisgeach treun os-cionn cuid de'n arm againne, Gàidheal do chloinn Mhic-Asgaill, do theaghlach Ruth-an-Dùnain, 'san Eilean Sgiathanach, a dhearbhaich air an latha sin gum b'ann an tìr nam beann a chaidh àrach.. An deigh do'n arm buadhachadh mar so, ràinig iad an t-àite 'bha 'nam beachd, far an robh an laoch treun Seanalair Sir R. *Sale*, leis an fheachd a bha fo 'cheannardachd, air a ghlasadh a stigh ann am baile mòr ris an abrar *Jellalabad*. Tha'n dà armailt so nis le chèile, fo cheannardan treun eòlach; agus an ùine ghoirid, faodaidh sinn a bli cinnteach gu'n cluinnear sgeul air an treuntas.

Mu'n d'ràinig *Pollock* an t-àite 'san robh Sir Raibeart *Sale*, chruinnich armailt mhòr mu thimchioll an àite sin, chum cur as do na Sasunnaich, agus na h-Innseanaich 'bha maille riu, mu'n ruigeadh *Pollock*. Chuairtich iad am baile, a's champaich iad air magh mòr farsuing an sealladh an armailt againne. 'Nuair bha iad mar so 'gan cur gu dùlan, ghrad chaidh *Sale* a mach leis na bh'aige do dhaoine nan aghaidh; 's ged nach robh aige ach làn an dùirn do dh'armailt, an coimeas ris na bha na aghaidh, fhuair e buaidh. Loisg e an campa, mharbh e mìltean dhiubh, agus sgiùrs' e roimhe am feachd mòr a bha bagairt a shlugadh suas. Phill e an sin air ais, agus air an là màireach cha robh nàmhaid 'sau t-sealladh! Tha e féin agus an ceannard *Pollock* a nis le chèile, agus armailt làidir aca fodhipa. Mar

'eil sinn meallta, cha'n fhada gus an cluinnear naigheachd mu'n déidhinn.

CHINA.

Cha'n eil naigheachd air bith as an dùthaich so is fhiach aithris.

FOCAL 'SAN DEALACHADH.

Calum Dubh á Leóbbhas.—Tha thu ceart. Theid litir do chearn air bith de na trì rìoghachdan airson sgillinn Albannach, ma theid an sgillinn a chuir leatha do'n *Phost-Office*: mar teid, bithidh i dà sgillinn do'n neach gus am bheil i 'dol. Cha'n e so a mhàin, ach ged robh ceithir litrichean fo'n aon chleòca, mar cothromaich iad còrr a's *leth-unnsa*, cha bhi iad tuilleadh. 'S math leinn gu'n do chuir thu 'cheist oirnn, oir is tric a ghabh sinn nàire de aineolas nan Gàidheal mu'n chùis so. An uair mu dheireadh a bha Eachann Chola 'mach, thug e deich litrichean na phòca do Ghlaschu, gu fear is aithne dhuinne. Chuir am fear so anns a' *Phost-Office* iad. Chosd iad dà sgillinn an t-aon do na càirdean; agus, o nach do liubhair e iad gus an là 'bha e fàgail a' bhaile, cliaill iad cothrom an *smack* dhiubh. Nan cuireadh iad 'sa' *Phost-Office* ann an Cola iad, agus sgillinn leo, bhiodh iad an so roimh Eachann, agus bhiodh an goireasan aig na càirdean dhachaidh leis an *smack*.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; Tullymet: C. Morris; Dingwall: A. Keith; Dornoch: Wm. Munro; Tain: James Ross, Jun., Druggist; Thurso: Mrs Russell; Dundee: Wm. Middleton; Oban: J. Miller; Greenock: A. M'Iver; Grantown: A. Cumming; Abernethy: D. Gordon; Dunkeld: D. M'Donald; Portree: A. M'Donald; Balachulish: J. M'Innis; Lochgilphead: N. Gillies; Argyle Furnace: A. Gillies, Schoolmaster; Lochdonhead, Mull: D. Fletcher; Bonaw: John Cameron, Postmaster; Abergeldy: D. Cameron, Bookseller; Port Ellen, Islay: D. Hunter; Glencarradale: N. M'Donald, Schoolmaster; Bunessan, Mull: Donald M'Lean, Postmaster; Portnahaven: Norman M'Lean; Kilchoman: Angus M'Leod; Strontain: D. Cameron; Tirolan, Mull: John M'Donald; Cawdor, Nairn: J. Robertson; Pitlochry: D. Robertson; Fortingall: D. Campbell; Laggan: Rev. J. M'Pherson; Alness: D. M'Diarmid; Doune: D. M'Diarmid; Barra: A. M'Donald, Esq; Ormsary: G. Ross; Tayinloan: A. Sutherland; South Uist: A. Clisholm; Callander: P. M'Kinlay; Balquhidder: J. Carlton; Dunvegan: D. M'Donald; Carbost: A. Cameron; Glendaruel: D. M'Lean; Fort-Augustus: J. Forbes; Aberarder: John Rose, Schoolmaster; Inverness: James Smith; Kilmorack: J. Rose; Lockalsh: D. Matheson, Ardelve; Portree: Alex. M'Donald, Esq.; Kintail: D. M'Rae, Postmaster, Lochbuy; Mull: John M'Dougall, Schoolmaster; Bewuly: Rev. A. M'Kenzie, Kiltarlity; Easdale: D. M'Intyre; Glenora: A. M'Innes; North Balachulish: Allan Cameron, Schoolmaster; Nova Scotia: Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq., Charlotte-town, Prince Edward's Island.



[AN LA A CHI 'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

CEUD MÌOS AN FHOGHARAIDH.

AN 30 ÀIREAMH.]

AUGUST 1, 1842.

[PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Sermon to the Young, page 143.—Life of Sir William Wallace (conclusion), 149.—The Dumb Man's Son (a True Story), 151.—Story of a Witch in the Likeness of a Hare, 152.—Song of Solomon (Metrical Version of Chapter V.), 155.—Ancient Feudal Custom in Skye, 156.—Hymn of Praise, 158.—Familiar Dialogue (General News), 159.—Death of the Duke of Orleans, 163.—The Highlanders in South America, 164.—The Red Rover and the Scandinavians, 165.—South American Sheep-Dog, 166.—Lochiel and the English, 167.—The Irish Harper, 169.—Inverness Sheep and Wool Market.

SEARMOIN AIRSON ÒIGRIDH NA GAIDHEALTACHD.

“Cha’n fhaca neach air bith Dia riamh.”—Eòin i. 18.

Mo chàirdean òg! chuala sibh gu tric mu thimcheall Dhé, agus chuala sibh mòran mu dhéidhinn. Tha mis’ air an àm dol a dh’fheòraich ceisd chudthromachh dhibhse—Ciamar ’tha fios agaibh gu bheil Dia ann? Am fac’ a h-aon agaibh e riamh? Cha’n fhaca; oir tha e ràdh ’na Fhocal naomh féin, “Cha’n fhaca neach air bith Dia riamh.”

Am bheil sinn làn chinnteach gu bheil iomad nì ’san t-saoghal so nach fhaca sinne riamh? Tha, gun teagamh, iomad nì. Cha’n fhac’ a h-aon agaibh riamh baile-mòr Pharis, ceann-bhaile na Frainge, no is dòcha Lunnainn; ach tha fios agaibh gu bheil a leithid sin do dh’àiteachan ann. Ciamar a ta fios agaibh? Thà chionn gu’n robh feadhainn eil’ a chunnaic iad, ’s a thug cunntas orra. ’Nis, mar biodh neach air bith ann a chunnaic na bailtean mòr sin riamh, na ’thug cunntas dhuinn mu’n déidhinn, am b’urrainn fios a bhi againn gu robh a leithid do dh’àiteachan ann? Cha b’urrainn; bhiodh e eu-comasach dhuinn eòlas air bith a bhi againn mu’n déidhinn. Ciamar, matà, ’tha

fios againn gu bheil Dia ann? An ann a chionn gu bheil iadsan a sgrìobh am Blobull ag ràdh gu bheil Dia ann? Ciamar 'tha fios acasan? Cha'n fhac' iad Dia. Ach an urrainn duinn a chreidsinn gu bheil nì air bith ann nach fhaca duine riamh? Tha e comasach dhuinn a chreidsinn gu bheil iomad nì ann nach facas, agus nach urrainnear fhaicinn. Seas aig an nìneig latha gaothar fuar. Faic mar tha na craohhan a' gluasad, agus air an udal air an ais a's air an aghart—na geugan air an crathadh—na duilleagan a' tuiteam, a's air an sguabadh a nall 's a nall. Ciod 'tha ga dheanamh so? Tha fios agaibh gur i 'ghaoth is coireach, 's a tha 'ga dheanamh. Ach an urrainn dhuibh a' ghaoth fhaicinn? Cha'n urrainn; ach tha fios aig a h-uile h-aon agaibh gu bheil an nì sin ann ris an can sinn a' ghaoth, ged nach léir dhuinn i le'r sùilean.

An robh a h-aon agaibh riamh tinn, ann an dòruinn, no ann am péin chorpora? Is dòcha gu robh. Ach am fac' a h-aon agaibh riamh pian no dòruinn?—an cuala sibh iad?—na laimhsich sibh iad? Cha'n fhaca, cha chuala, 's cha do laimhsich; agus gidheadh tha sibh a' creidsinn gu bheil pian a's dòruinn ann.

Ciamar 'tha fios agaibh gu bheil an nì sin ann ris an canar acras? Cha'n fhaca sibh e, cha chuala sibh e, cha do laimhsich sibh e. Ach mhothuich sibh dha, 's mar so thuig agus chreid sibh gu robh an nì sin ann ris an canar acras.

Nan canainn a nis nach 'eil an nì sin ris an abrar *gràdh* 'san t-saoghal, am biodh sin fìor? Dearbh dhomh gu bheil *gràdh* ann; cha'n fhac' thu riamh e. Cha'n fhac', ach mhothuich thu e. Tha athair a's màthair agad—tha thu toirt *gràdh* dhoibh; 's tha fios agad gu bheil *gràdh* ann, ged nach fhaic thu e.

Nan cailleadh a h-aon de na leanabanan beaga sin ris a' bheil mi a' labhairt a dhà shùil, bhiodh e na dhall; ach bhiodh 'iuntinn fathast aige, a's comas air smuaineachadh. Dh'fhaodadh e, ged a robh e na dhall, a bhi smuaineachadh leis féin mu thinnchioll tigh 'athar, agus mu choslas 'athar agus a mhàthar. Ged a chailleadh e na dheigh sin a chlàisneachd, 's mar sin a bhi bodhar, dh'fhaodadh e 'bhi cuimhneachadh 's a' smuaineachadh mu ghuth 'athar 's a mhàthar, an uair a b'abhaist doibh 'bhi labhairt ris. Ged a chailleadh e na dheigh sin a bhlasad, gidheadh b'urrainn da 'bhi smuaineachadh 's a' cuimhneachadh blas a' bhithidh 's na dibhe a b'abhaist da 'bhi gabhail. 'Seadh, ged a chailleadh e a fhradharc, 'sa chlàisneachd, 'sa bhlasad, 'sa chomas air nì sam bith a laimhseachadh, b'urrainn da innseadh dhuinn ciamar a b'abhaist do gach nì a bhi 'na bheachd. Dh'fhaodadh e a ràdh, “B'abhaist do'n ghréin amharc cruinn, dealrach;” agus mar an ceudna, “B'abhaist boladh cùhhraidh a bhi de'n bhlàth so, 's de'n bhlàth so eile—b'abhaist do bhlas milis a bhi de'n mhill 's de'n t-siùcar, agus fonn binn o'n inneal-chiùil so 's on inneal-chiùil ud eile.” 'Se sin ri ràdh, b'urrainn da smuaineachadh mu dhéidhinn na nithe sin.

Ciod e, matà, 'tha mar so a' smuaineachadh? Tha an t-anan a tha an taobh a stigh dhiot. Ciamar a ta fios agad gu bheil *obair* anns an uaireadair sin a th'agad a'd làimh? Tha do bhrìgh gu bheil thu 'g éisdeachd a' bhuile bliag 'tha thu a' cluinntinn 'nuair a chuireas tu

ri d' chluais i, 's a chionn gu bheil thu faicinn nan làmhnan beaga sin 'tha cuimseachadh mach nan uairean agus na mionaidean a' gluasad. Cha'n fhaca neach air bith riamh an t-anam, 's gidheadh tha fios againn gu bheil anam againn, do bhrìgh gur léir dhuinn iomad nì tha'n t-anam so a' deanamh. An uair tha'n t-anam subhach, tha so ri léirsinn a'd' ghnùis : an uair tha'n t-anam trom, brònach, fo mhichean, tha so ri léirsinn air t'aogas, agus theagamh le deuraibh do shùl.

Nis, 'sann leis an dòigh chreidsinn so 'tha fios againn gu bheil Dia ann. Thoir fainear na tha mi dol a ràdh riut, agus faiceamaid an urrainn duinn a dhearbhadh gu bheil Dia ann, a thaobh gu bheil e 'deanamh iomad nì.

Amhairc air an eaglais so anns a' bheil sinn cruinn. Mothuich a' chranag so anns a' bheil mise 'seasamh, an staidhir so air an do dhìrich mi, agus an t-àite anns a' bheil mi air uaiibh a'm' shuidhe. C'arson a rinneadh iad? Nach d'rinneadh a' chranaig so airson a' mhinistear? —àrd, chum 's gum faicadh gach aon e; an staidhir 'ga chuideachadh chum tighinn a nuas do'n àite so. Rinneadh na h-àiteachan 'san eaglais airson an t-sluaigh, air am faod iad suidhe ré na searmonachadh. Rinneadh na h-uineagan airson solus a leigeadh a stigh. Chuireadh lobhtachan gu h-àrd, airson barrachd sluaigh a chumail. Chuireadh postachan fodhpa mar thaic, chum an cumail o thuiteam agus o fhàil-neachadh. Rinneadh na dorsan chum a' ghaoth, le fuachd, a chumail a mach, an tigh a dheanamh seasgair, agus a dhùnadh 'nuair nach robh feum orra. Cha'n fhaic thu leapaichean ann, no àiteachan-cadal. Tha thu leis a so a' tuigsinn nach ann na àite-tàimh no cadal a tha e. Cha'n fhaic thu prasach no buaigheal ann. Tha thu leis a so 'tuigsinn nach ann airson eich no bò a thogadh e, ach gu'n d'rinnear e gu bli na thigh-aoraidh do Dhia.

Nis, nan canainn-sa riut nach do thogadh an tigh so riamh le neach air bith—gu'n robh e riamh mar so—gu'n d'éirich e suas leis féin tre *thuiteamas*, dìreach mar 'tha thu 'ga faicinn—gu'n d'fhàs am balla, na clachan, an t-aol, am fiodh, na sgliadan, na h-àiteachan-suidhe, a' chranag, na h-uineagan, a' ghloinne, agus na h-uile nì ceart mar a ta iad—gu'n d'thàinig iad ri chéile tre *thuiteamas*—am b'urrainn dhuit mo chreidsinn? Cha chreideadh am balachan no 'chalag is aineolaiche 'nar measg mi. Theireadh tu rium, “Cha'n eil fios agam có 'dhealbh na 'thog iad, ach tha mi làn chinnteach gu'n do thogadh e le fear-eigin.” Nis, tha thu ceart; ach innis dhomh am faca tu riamh an duine a thog e?—am faca tu an slochd as an tugadh na clachan—an duine a shnaidh iad, a chàraich air muin a chéile iad—am fear a loisg an t-aol, 's a chuir a' ghaineamh air fheadh? Am faca tu a' choille anns an d'fhàs am fiodh—an saor a lochdraich e, a rinn na h-àiteachan-suidhe, a' chranag, 's na lobhtachan? Am faca tu am fear a rinn a' ghloinne?—am faca tu an gobhainn a rinn an obair iarainn? Cha'n fhaca tu a h-aon dhiubh, ach tha thu làn dhearbhadh gu'n robh an leithid do dhaoine ann. Tha thu cho cinnteach 'sa tha'n t-anam a'd' chom gu'n robh an leithid ann, oir tha thu léirsinn obair an làmhnan. Tha sin agad mar dhearbhadh, agus cha'n eil thu 'g iarraidh barrachd.

'Sann dìreach 'san dòigh cheudna 'tha fios agad gu bheil Dia ann; oir 's Esan a rinn a' chreag as an do chladhaicheadh na clachan—'s Esan a rinn a' choille as an do ghearradh am fiodh—'s Esan a rinn an t-iaruinn as an d'rinnear na tairngnean—'s Esan a rinn a' chlach-aoil 's a' ghaineamh as an d'rinnear a' ghloinne—'s Esan a rinn an solus 'tha tighinn a stigh air na h-uineagan—'s Esan a rinn na sùilean leis an léir dhuit an solus, a' chluas leis an éisd thu am ministear, an inntinn leis an tuig thu e, a' mbeothair leis an cuimhnich thu, agus an teanga leis an aithris thu na tha thu cluinntinn.

- Chunnaic mi aon uair dealbh maighich agus eòin. Bha iad anbharrach coslach—cho innleachdach air an tarruing, 's gu'n saoilleadh tu gu'n robh iad beò. Thainig cuilean beag còin a stigh; 's air dha amharc orra, ghrad thòisich e air tathunnaich 's air leumraich timchioll orra, a' feuchainn an glacadh, fo 'bharail gu'n robh an deò annta—gu'n robh iad beò. Nis, am b'urrainn teagamh 'bhi aig neach air bith gur duine 'tharruing an dealbh so? Cha b'urrainn; ni mò an robh e còmasach a bhi an teagamh gur e Dia 'rinn an cuilean beag 'bha tathunnaich riu.

Chunnaic mi dealbh aon uair oscionn doras tigh-dòsda—dealbh sguab chruineachd. Thainig mart a bha dol seachad, agus dh'fheuch i greimeachadh air an dealbh 'na beul, a' smuaineachadh gur sguab fhèrinnich chruineachd a bh'ann. Nam faiceadh tusa 'n dealbh sin, nach toigeadh tu air ball gur duine thaobh-eigin a tharruing i? agus is dòcha gu'n canadh tu, "Da rìreadh, is gasd' a tharruing e dealbh na sguab chruineachd." Nis, 'nuair a chì thu cruineachd a' fàs 'san achadh, a's crodh a's caoraich ag ionaltradh sa' mhachair, tha fios agad gur neach no ni-eigin a rinn iad. 'Se an neach sin Dia.

An uair a chluinneas tu sgeul taitneach, 'bheil a' chluas toilichte? Cha'n eil toileachas air bith aig a' chluais. An uair a chì thu sealladh taitnich air bith, am beil an t-sùil toilichte? Cha'n eil—cha'n eil sòlas air bith aig an t-sùil; ach tha'n inntinn toilichte. An uair a chì thu sealladh àillidh, a dh'éisdeas tu sgeul taitneach, a chluinneas tu ceòl binn, tha'n inntinn toilichte. So an nì ris an abair sinn *toileachas-inntinn*. Ach ciamar a thachair do'n inntinn sin a bhi agad? 'Nann o thuiteamas a fhuair thu inntinn? Cha'n ann, ni mò na's ann o thuiteamas a thachair do'n chranaig 's do na lobhtaichean so a bhi 'san eaglais air a' bheil mi labhairt. 'Si a' chluinn an tigh; tha'n t-anam na còmhnuidh 'san tigh sin; agus rinn Dia a' chluas chum fuaim bhinn a leigeil stigh do'n anam. Rinn Dia na sùilean chum 's gu'n tigeadh solus a stigh mar troimh uinneig; an teanga, chum 's gum faodadh an t-anam labhairt agus innseadh na bha 'dhith air, 's na tha e a' mothachadh 's a' toirt fainear. Rinn Dia na casan chum tigh-còmhnuidh an anaim a ghiùlan mu'n cuairt o àite gu h-àite; na lamhan, chum a bhi nan seirbhisich do'n anam, agus gach nì a dheanamh is miannach leis an anam. Tha feum aig a' chluinn air biadh a's lù; agus rinn Dia an teine chum a dheasachadh, agus na fiacan chum itheadh. Tha feum aice air deoch; rinn Dia an t-uisge, agus na bò chum bainne 'thoirt. Tha feum aig a' chluinn, tigh an anaim, air a bhi air a còmhachadh; agus mar so thug Dia air a'

chotan fàs as an talamh. Thug e seiche do na bò, agus olunn do na caoraich; agus chruithich e cnuimh àraidh chum sìod' a shuimh dhi. Tha feum aig an duine air acfhuinn, cungaidh oibreachadh; rinn Dia uime sin iarunn, a's umha, a's luaidh, airgiod, a's òr, a's fiodh. Tha feum aig a' cholunn a hhi blàth; agus chroch e a' ghrian, mar theine mòr, a thoirt solus agus blàs do'n t-saoghal. Tha'n domhan uile, a' chruinne-cé, an saoghal mu'n iadh a' ghrian, làn de na rinn Dia. Nach léir dhuit 'oihrìbh auns gach àite?

Amhairc air an leabhar bheag so a th'agam a'm' làimh. Tha e làn do dhuilleagan, 's gach aon dhiubh sin làn do litrichean, air an clòdh-bhualadh orra. Tha h-uile focal ceart, agus 'na àite féin. Cha'n eil mearachd air bith 'san leabhar bheag so. 'Se is ainm dha, an Tiomnadh Nuadh. Cha'n fhac' thu riamh an duine 'rinn am pàipeir, na'n duine 'chuir sa' chlòdh-bhualaidh e, a chuir gach litir 'na h-àite féin; na'n duine 'chuir an craicionn caorach so mu'n cuairt da, a dh'fhuigh-eal e suas, a chuir an t-ainm air a chùl, agus a chuir anns an dreach shnaidhte so e. Cha'n fhac thu a h-aon seach aon dhiubh, ach tha thu làn chinnteach gu'n robh an leithid ann. Cha'n fhaic thu iad, is dòcha, gu bràth; ach tha thu co dearbhta 'sa tha'n cridhe a'd' chom gu'n robh iad, no gu bheil iad beò.

Direach mar so, tha fios agad gu bheil Dia ann; oir is Esan a rinn an cotan o'n d'rinn duine na duilleagan; an stugh de'n d'riunear an *ink*; craicionn na caorach a chuireadh uime, agus a th'air a dbath 's air uidheamachadh co snasmhor.

Bha fios aig Dia gu'n gràdhaicheadh tus' a sholus, agus mar sin chruithich e 'ghrian agus a' ghealach. Bha fios aige gu'n gràdhaicheadh tusa nithe bòidheach, taitneach, maiseach; agus mar sin chruthaich e a botha braon 'sna spéuran, chòmhdaich e a' mhachair le brat àillidh gorm, chruthaich e gach blàth cùhhraidh 'tha cinntinn, chruthaich e 'choille, agus thug e air meas fàs á craobhan, agus dearkan blasda air na preasan beaga. Bha fios aige gum bu taitneach leat ceòl binn; 's mar so thug e guth taitneach do d' mhàthair, agus chàraich e coisridh bhinn-anns gach coille a's anns gach preas—eòin bheaga bhinn nan spéur. Bha fios aig Dia gu'm biodh feum agaibh air tighean; 's mar so chruthaich e fiodh, a's clachan, a's teine. Bha fios aige nach robh do thuigse no do reusan agaibh a thredraicheadh sibh gu dilinn do nèamh, 's mar sin rinu e am Biobull. Bha fios aige gu'n robh agaibh droch cridheachan, truaitlidh, peacach; agus thug e dhuibh Sàbaidean. Bha fios aige gu'n robh sibh cailte, fo dhìte bàis, eu-comasach air sibh féin a thèarnadh, neo-thogarach pilleadh 'ga ionnsuidh-se; agus gun achaineadh 's gun iarraidh, thug e a Mhac dhuibh mar Slanuighear, 's a Spiorad Naomh "chum mothuchadh a thoirt duibh air 'ur cionta agus air 'ur truaighe, a shoillseachadh ar n-inntinn le eòlas Chrìosd, ag ath-nuadhachadh ar toil, agus mar sin 'gar deanamh deònach agus comasach air Iosa Crìosd a dh'fà gabhail d'ar n-ionnsuidh, mar a ta e air a thairgse dhuinne gu saor anns an t-soisgeul." Bha fios aige gum bu mhiannach leibh a bhi beò gu bràth, agus mar sin rinu e nèamh, far am faod sibh a bhi beò gu dilinn

's gu bràth, ma dh'earbas sibh ann an Crìosd, ma tha sibh math agus naomh. Cò, matà, nach 'eil a' léirsinn gu bheil an saoghal so làn do Dhia, agus de na nithe a rinn e? Cha mhò is urrainn dhuibh teagamh 'chuir an so na's urrainn dhuibh 'bhi fo theagamh am bheil no nach 'eil sùilean aig a' bhalachan bheag ud mu'm choinneamh, a's mi 'gam faicinn làn fhosgailte, a's iad ag amharc orm 'san aodann. Cha'n 'eil teagamh sam bith na amharas orm nach 'eil anam aig gach pàisde ris a' bheil mi a' labhairt, ged nach fhaca mi an anmanna; oir is léir dhomh mar 'tha an sùilean, an lamhan, an casan, agus an cinn fo ghluasad, agus 'gan cuir gu feum leis an anam a ta anna.

Agus a nis, mo chàirdean òg, tha sibh a' faicinn 's a' tuigsinn, tha mi 'u dòchas, gu bheil Bith mòr agus glòirmhor mu'n cuairt duibh, a tha do ghnàth a' deanamh math, ged nach léir dhuibh e. Nach bu chòir dhuibh, matà, an Dia sin a chuimhneachadh, a ghràdhachadh, agus ùmhlachd a thoirt dha? Nach bu chòir dhuibh smuaineachadh uime 'nuair a theid sibh a luidhe 'san oidhche; oir is Esan a ghabh cùram dhuibh ré'n latha, a dhìon sibh o cunnart, a bhuilich oirbh gach sochair agus coram a sheilbhich sibh? Aidichibh so, air 'ur glùnaibh tuitibh, agus thugaibh taing d'a ainm. Cuimhnichibh air sa' mhad-uinn a ris; oir is Esan a ghléidh sibh, a dh'fhair thairis oirbh, a dhùisg sibh, agus a dh'fhosgail 'ur sùilean chum solus na gréine 'fhaicinn a ris. 'Se 'thug mu'n cuairt nach robh an leabaidh an raoir dhuibh na uaigh. O! guidhibh air gu'n cum e sibh o pheacadh ré'n latha. Cuimhnichibh air 'nuair a theid sibh am mearachd, 'sa ni sibh ni air bith as an rathad, ma 'pheacaicheas sibh ann an cainnt, ann an gnìomh, no ann an smuain. Tha 'shùil do ghnàth oirbh. Smuainichibh air 'nuair 'tha sibh tinn, no hochd, no euslan; oir 's Esan is urrainn 'ur leigheas. Smuainichibh uime air là na Sàbaid, oir 'se féin 'thug an t-Sàbaid dhuibh. O! thugaibh urram da 'ainm àrd agus glòirmhor. 'Se 'thug dhuibh gach beannachd; seadh, am beannachd anns a' bheil gach beannachd eile filte steach—Mac a ghràidh gu bàsachadh air ar son. Mo leanabanan beaga, na mheòraich sibh air 'ur teangan an dara Dàn? Mar d'rinn sibh so, foghlumaibh e gun dàil. Cuiridh mi nis a sìos a' cheud dà rann. Slàn leibh! Amen.

Na spéuran àrd is àillidh dreach,
'S a sgaoil an gorm-bhrat cian a mach,
Le'n reulta dealrach, maiseach, grinn,
'Tha seinn d'an Chruithear co-sheirm bhinn.

Tha 'ghrian gun sgìos, o là gu là,
A' sgaoileadh cliù a Dia 's gach àit',
'S a' glaothaich feadh gach tìr fa leth,
"Cia treun an Dia 'thug dhomh mo bhith!"

BEATHA AGUS EUCHDAN AN RIDIRE UILLEAM WALLACE.

EARRANN IV.

Dh'fhàg sinn *Wallace* ann an eilean Lochlibhain, agus thubhairt sinn gum fàgadhmaid e an sin ag iasgach bhreac car mìos. Gabhaibh ar leisgeul, a Chuairsteir uiseil; 'se bha sinn a' ciallachadh, nach cluinneadh sibh uainn tuilleadh car mìos. *Wallace* ag iasgach bhreac, agus Albainn na tom-coin do na Sasunnaich! Cha b'è an tlàm a bh'air a chuigeil—cha b'è an t-iasg airson an do bhiadh e 'dhubhan! An ceann latha no dhà, thug e baile Pheairt air a rìs. Chaidh innse dha air an rathad gu'n robh brathair-a-mhàthair am prìosan, le òrdugh Chaiptein Thòmais *Weir*—Sasunnach gun iochd, gun tròcair, aig an robh cùig-fichead saighdear fodha. 'Nuair ràinig *Wallace* a' choimhearsnachd, chuir e gille roimhe, feuch am faigheadh e àth no aodainn air an abhuinn 'Tatha far am faigheadh iad thairis. Mar bha fortan an dàn, thachair an gille air iasgair a thairg a gheòla do *Wallace* agus d'a dhaoine an nasgaidh. Cha b'è 'mhàin, ach dh'aisig e thar an abhuinn iad, agus thug se iad lom 'us dìreach gu tigh *Weir*. Thug *Wallace* an t-uram do *Weir* gu'n do chuir e'n ceann dheth le 'chlaidheamh féin, agus leig e le 'ghillean an ceithir-fichead 's an naoi-deug a spadadh. Thug e nis an uainh air far an robh brathair-a-mhàthar ann an iarunn, agus leig e mar sgaoil e. Air an làr-na-mhàireach, chruinnich iad a' chreach; agus 'nuair 'thuit an oidhche, mu dhorchadh nan tràth, thug iad Dunbreathun orra.

Bha banntrach sa' bhaile so air an robh eòlas aig *Wallace*; agus mu chamhanaich an latha bha e aig a dorus. Dh'fhalaich i e féin agus a ghillean a thiotadh ann an sabhal glaiste, agus thug i dha naoinar mhaic foghainteach a bh'aise a sh-asainh còir Albainn! Thug *Wallace* oirre dol agus comharradh 'chur le caile (cha b'ann le fuil) air dorus gach tighe anns an robh mac Sasunnaich. B'i 'bhantrach nach obadh. Rinn i mar dh'iarr. Chaidh an t-aingeal-bàis a nis a mach; agus, air feadh na h-oidhche, cha robh tigh a bh'air a chailceadh nach do chuir e ri theine; agus mu'n robh fios aig a' chuid eile de'n bhaile ciod a thachair, bha e féin agus a sheòid ann an uamhannan Dhunbreathun! An ath oidhche thug *Wallace* Ròsneòich air. Mharbh e mu cheithir-fichead Sasunnach 'bha dol dhachaidh o bhanais. Thug e nis an caisteal air. Mharbh e na bha'n sin. Chaith e seachduinn ann, agus chuir e sop teine ris.

Cha robh gearastan an Albainn a nis nach do strìochd do Rìgh Iomhar, ach caisteal Shrìla. Sheas an caisteal so 'mach còrr 'us dà mhìos; ach na dheireadh "cha robh mìr bìdh aca, cha robh diarbhe aca, cha robh fòid connaidh aca, cha robh spong teine aca"—b'èiginn strìochdadh! 'Nuair 'chunnaic Iomhar gu robh Albainn a nis fo chis, agus gu'n do mhionnaich gach tighearna 's gach moirear a bhi dìleas ach *Wallace*, chuir e roimhe nach biodh so mar chloich 'na bhròig, no mar chàilein 'na fhiacail. 'Se 'rinn e nis, thairg e trì chiad

marg do dh'airgiod-cinn as. 'Nuair nach d'rinn so feum, chuir e nìos á Sasunn ridire Albannach, Iain *De Mowbray*, agus fear *Haliburton*, Albannach eile, a bha aon uair a' cogadh fo bhrataich *Wallace*, ach a ghlacadh 'nuair ghéill caisteal *Shrila*. Ciod an dòigh a ghabh iad air *Wallace* fhaotuinn a mach, cha'n eil e soirbh a ràdh le cinnt—tha e air a ràdh gu'n do bhrìb iad Iain Cutach, a ghille; ach aon nì tha cinnteach—'se sin, gu'n deach a bhrath agus a ghlacadh mu'n àm so le Sir Iain *Menteith*, brathair-màthair Shìr Ian Stiùbhart, a thuit ann am blàr na h-Eaglaise-brice. Thainig iad air 'san oidhche, aig *Rob-Royston* cùig mìle mu ear-thuath air Glaschu, 's e 'na leabaidh; agus a thiotadh liubhair iad e do dh'ìomhair. Cha luaithe 'ràinig iad Lunuinn leis, na thug iad e gu talla mòr *Westminster*. Chuir iad crùn do shlataig-nam-buadh air a cheann, mar spid; agus dh'fheuch iad e mar reubalach—mar neach a loisg am bailtean, 's an caisteil, 's a mharbh na mìltean d'an cinneach. Thubhairt *Wallace* riu, sùil m'an aodann, gu'n do loisg 's gu'n do mharbh, 's gu'n deanadh e fathast e an aobhar a dhùtlcha, nam biodh an cotlirom aige; ach nach b'urrainn iad a dhearbhadh gun bu reubalach e, a chionn nach do mhinnaich e riamh a bhì dìleas do rìgh Shasuinn, 's nach mion-naicheadh.

Mo chreach! cha robh fear ann a sheasadh do chòir!—cha robh do sheise ri d' chùl, a *Wallace*! Chaidh a dhìteadh. Thugadh dheth an crùn. Cheangladh e le slabhraidhean iarainn ri earball eich, agus shlaodadh mar so troimh sràidean a' bhaile e, gus an d' ràinigear *Smithfield*, far an robh a' chroich dhubh 's an 'dul mallaicht' a' feith-eamh air! Chaidh a nis a leth-chrochadh—'se sin, leagadh a nìos e leth-mharbh. Thugadh a mhionach as a chom, a's loisgeadh mu choinneamh a shùil e. Thug iad an sin an ceann dheth, agus roinn iad a chorp na cheithir cheithreannan! Cha'n fhòghmadh so; ach chuir iad a cheann air stob àrd fiodh air drochaid Lunuinn, agus a shlinnein deas air drochaid *Newcastle*. Chuir iad a shlinnein toisgeil gu *Berwick*, a chas dheas 's a shliasaid gu Peairt, agus a cheithreamh clì gu Aber'ain!

Thuit a nis an dubh-oidhche air Albainn! Chuir a h-iarmailt oirr' a callaid bhròin. Chaidh tonn 'us tràigh gu caoidh. Chaidh a' chublag 's an smùdan gu bun nan dos. Shearg fiar 'us fochann. Shil gach craobh a h-ùbhlán, a's chaidh mnathan 'us maighdeanan gu gàbhadh 's gu bas-blualadh. Ach dh'fhàs agus dh'at cridhe gach fìr. Chìte mòrchuis agus mòrachd a' stéidheachadh 'nan gnùis—chìte àrdan a' lasadh 'nan gruaidh, agus lasair meanmna anns gach sùil! Cha robh oidhche gun a latha na déigh, 's cha robh geamhradh gun earrach. Chuir thusa, Ìomhair, Albainn gu fulang—chuir thu tàmailt oirre nach d'fhuair i riamh, 's nach d'fhuair i; ach mu'n tig sèa mìosan o'n diugh, thig diaghaltas. Cluinn slapraich a sgiathan! Beiridh e ort; agus Albainn ghràdhach, a tha'n diugh brònach, bithidh i aighearach—Albainn ghràdhach, a tha'n diugh fo dhaorsa, bithidh i saor! Ged 'tha *Wallace* marbh, tha *Bruce* beò—ged 'tha *Carlisle* an Sasunn, tha *Bannockburn* an Albainn! agus latha fuileach *Bhannockburn* gheibh gairdean ròmach Albainn buaidh!

Thug mi nis, a Chuairteir uiseil, mar 'gheall mi, beatha *Wallace* gu crìch. Taing dhuibhse airson 'ur sìobhaltachd; agus creidimh mi gur math leam fada beò sibh.

MACTALLA.

Eilean Cholla, 1842.

MAC A' BHALBHAIN.

SGEUL FÌRINNEACH.

Tha'n sgeul a leanas dìreach mar 'thàinig e o phean a' bhalbhain a dh'innis e:—

“Rugadh mise ann an gleann tiorail an Sasunn. Bha m' athair 's mo mhàthair balbh, 's cha robh pàisd ac' ach mise. Bha iadsan gun chlàisneachd 's gun chomas labhairt o na rugadh iad, agus bha mise seachd bliadhna a dh'aois mu'n cuala mi focal á beul duine beò. Bha'm bothan anns an robh m' athair 's mo mhàthair a' còmhnuidh ann an gleann monadail, air bruaich aibhne. Cha robh mòran a' gabhail an rathaid, 's bha muinntir an àite anbharrach coimhneil doibh. Cha do ghabh neach air bith truas dhiomsa, agus cha d'thug neach air bith oidheirp air foghlum a thoirt dhomh. Bha mi, mar bu dù dhomh, anbharrach aineolach. Cha do thuig mi nì air bith de na bha tachairt mu'm thimchioll. Na bàtaichean 'bha seòladh 'san loch uisge, shaoil mi gum b'èoin a bh'annta. Ach—bha seòrsa do bheachd agam air seadh mo phàrantan, ciod a bha 'dhith orra, air coslas an sùl, agus air na comharraidhean 'bha iad a' deanamh.

“Nuair 'bha mi aois shèa bliadhna, chaochail mo mhàthair. Cha robh fios agam air an àm sin ciod bu chiall do bhàs; ach, mo thruaighe! tha fios agam a nis air. Mhothuich mi m' athair aig taobh a leapach gu tric, a cheann air 'uchd, 's e silleadh nan deur. Thug mi fainear gu'n d'rinn i spàirn mhòr, gu'n do thuit i seachad, 's cha do ghluais i tuille. Tamull beag na dheigh sin, dh'éirich m' athair o thaobh na leapach. Chlisg e, mar á shuain. Ghlac e mi air làimh. Chaidh e mach air an dorus. Ghlais e 'challaid na dheigh. Thog e mi air a ghuaillibh, agus ghiùlan e mi gu bothan beag dlùth do làimh. Cha'n eil fios agam ciamar a thuig iad na bh'air 'aire, ach ghabh iad cùram dhiom. An sin chaidh e mach. Chunnaic mi e—luidh' e air a dhruim dlùth do'n àite. Thug mi fainear gu'n robh e 'caoidh 's a' siabadh air falbh nan deur o 'ghruaidh. Dh'amhairc càch air, a's thuig mi gu'n robh mulad orra. Dh'éirich e, dh'fhalbh e, 's cha'n fhaca mi riamh tuillidh e.

“Seachduinn na dheigh sin, thainig seann duine liath aosmhor, agus thuig mi o'n àm sin gum b'e ministeir na sgìreachd a bh'ann. Rug e orm air làimh, agus thug e mi d'a thigh féin, far an robh mòran do mhuinntir na dùthcha cruinn. Beagan na dheigh sin, ghiùlan iad dà chiste dhubh mach as an tigh. Thog iad air an guailibh iad, agus chaidh iad air an aghart. Cha robh tuigse na eòlas air bith agam—cha robh fios agam air aghaidh an t-saoghail mhòir ciod a bha 'nan aire; ach thainig eagal orm, a's chrith mi, agus bha mo chridhe

a' bualadh mar gu'n sgàineadh e. Chaidh iad air an aghart gus an d'ràinig iad àite uaine, taobh a stigh do sheann bhalla, far an robh seann eaglais, agus mòran leacan agus tolmnan uaine. Cha robh beachd air bith agam ciod an seòrs' àit' a bh'ann. Chunnaic mi slochd domhainn dorcha. Leig iad sìos an dà chiste dhubh 'san t-slochd so, taobh ri taobh. Bha na h-uile aon muladach, agus cha robh fios agam c'arson. Ged a bha mi balbh, cha robh mi uile gu léir bodhar. Chuala mi fuaim na h-ùireach, mar a thilg iad i air a h-ais a stigh do'n t-slochd, agus thairis air an dà chiste. Cha chuala mi riamh fuaim co brònach eagalach. Chuala mi fuaim an tàirneanaich o'n àm sin, agus mactalla 'ga fhreagairt o mhille creag; ach cha robh an fhuaime sin an deicheamh mìle cuid co uamhasach ri fuaim na h-ùireach 's na criadha 'bha nis air an tilgeadh air an ais leis an t-sluasaid do'n t-slochd dorcha so.

“Lìonadh an slochd, agus threòraich iad mise air m'ais; agus chàirich iad mi fo chùram seann mhnatha bodhar, a thug dhomh comas labhairt, a's leughadh, a's sgrìobhadh. Ach cuimhne an latha thruaighe sin anns am faca mi an dà chiste dhubh ud air an càramh 'san aon shlochd, a's an cuala mi fuaim na h-ùireach air na bòrdan, cha d'chuimhnich mi gu dilinn. Bha e air a dheargadh air mo chridhe, ged nach robh fios agam fad iomad bliadhna gur e tòrradh m' athar 's mo mhàthar a bh'ann.”

SGEUL AIR BUIDSICH FO RIOCHD MAIGHICH.

'S iomad sgeul a chuala mi mu bhuidseachd, agus mu nithe amaid-each 'san aimsir 'chaidh seachad, air nach 'eil math 'bhi tighinn thairis — an fhaoineis is gòraiche air an cualar iomradh riamh. Gidheadh, tha daoine fhathast sa' Ghàidhealtachd a' creidsinn gu bheil cumhachd aig buidsichean rìochd maighich a ghabhail 'nuair is àill leo; agus is gann 'tha e comasach a chuir mar fhiach orra nach 'eil anns na barailibh sin ach baodhaireachd gun chiall. Tha'n sgeul a leanas flor. Tha sinn 'ga làn chreidsinn, agus is fhiach e innseadh. Mar biodh fios againn gu'n robh e fìor, cha tugamaid àite dha sa' Chuairtear.

Bha aon de rìghrean na h-Alba 'bha fìor déidheil air sgeulachdan éisdeachd, agus e féin làn do dh'fhearas-chuideachd agus fala-dhà. Ach thachair dha air feasgar àraidh a bli trom-inntinneach agus muladach. Cha b'urrainn d'a chùirtearan 's do na daoine mòr 'bha mu'n cuairt da a spiorad a thogail, na uiread agus a thoirt air gàire a dheanamh. Dh'fheuch iad gach dòigh a b'urrainn doibh, ach cha deach aca air a dheanamh. Ma dheireadh, thionndaidh e ri ministear-sgìreachd a bha làthair, agus dh'fheòraich e an robh buidsichean fhathast lionmhor anns an dùthaich 'san robh esan a còmhnuidh.

“Matà,” ars' am ministear, “cha'n eil mi féin ro chinuteach. Tha cuid ag ràdh gu bheil, agus cuid ag ràdh nach 'eil an leithid idir ann.”

“An leithid ann!” ars' an rìgh. “Tha an leithid ann; gun teagamh, tha. Chuala mi féin sgeul air buidsich a b'àbhaist rìochd maigh-

ich a ghabhail gu tric; 's cha robh sealgair 'san dùthaich a b'urrainn a marbhadh, ged is iomadh urchair a loisgeadh oirre."

"Matà," ars' am ministear, "cha'n fhaod mi àicheadh nach cuala mi leithid sin do mì; agus o na rinn 'ur mòralachd a chuir mu'm choinneamh, cha dàna leam aideachadh gu'n do thachair nì de'n t-seòrsa sin aon uair dhomh féin, ged nach toil leam 'bhi tighinn thairis air a leithid, a's ged is dòcha nach creid maithean mòr na chùirt mo sgeul, agus gu'n dean iad fochaid orin a chioun a bhi tighinn thairis air a leithid. Gidheadh, cha'n innis mi ach smior na fìrinn mu'n chùis, agus dìreach mar a thachair i."

"Dean," ars' an rìgh. "Cha chridhe leo fanaid no magadh a dheanamh ort. Cluinneam an sgeul. Suidh nall dlùth dhomh."

"Matà, le'r cead, bha mòran dhaoine 'san àit' a' bheil mise 'còmh-nuidh fo bharail gu'n robh comas aig buidsichean dol a mach an rìochd créutairean eile, 's gum bu ro bhitheanta leo rìochd maighich a ghabhail; agus chìteadh iad a' mirreag, 's a' leum, 's a' cleasachd mu bhruachan an uillt, dlùth do'n eaglais, gun fhios cia as a thàinig iad; agus bha sgàth aig daoime rompa. Tha iad ag ràdh, 'nuair 'tha buidseach an rìochd maighich, nach dean luaidh cron oirre, 's nach dean nì air bith ach crioman airgid as a' ghuanna deargadh oirre, 's gu h-àraidh ma's sealgair òg a loisgeas oirre. Chuala mi mo mhàthair ag ràdh nach 'eil nì is feàrr agus is cinnte na putan airgid, ma thachras do neach sin a bhi aige air a shiubhal. 'Nuair a loisgear air a' bhuidsich le putan airgid, le neach aig a' bheil cuimse mhat, tha e air a ràdh nach faicear a' mhaigheach tuille—gu'n tàr i as; ach gum faighear seann chailleach liath chrùbach cùl gàraidh an àit-eigin; agus ma laimhsichear 's ma rannsaichear i, gum faighear am putan 'na taobh-cùil, a's i call na falla. Cho cinnteach 'sa tha mi beò, chuala mi so o m' mhàthair, agus o Sheònaid nan Eun, seann bhean aig an robh anbharr eòlais mu na nithe so. Ach coma co dhiùbh, innsidh mi na thachair dhomh féin—na chunnaic mi le m' sbùilean; agus air m' fhacal onorach, cha'n abair mi dìog ach an fhìrinn."

"Bha mise, an làithean m' òige, agus duine còir a bha na shealgair anbharrach teòma, air àm àraidh a mach, le gunna an t-aon againn. Cha robh mise teòm, ach bha ainm mòr aigean. Leagadh e coileachdubh air iteig, agus gu tric mharbhadh e leth-dusan feadag leis an aon urchair. Chuunaic mi e, le gunna fada Spàindeach, a' marbhadh guilbearnach 'san tràigh le peilear. Chaidh esan agus mise, mar bha mi ag ràdh, mach a shealgaireachd air feasgar àraidh, le fras chaol anns gach gunna, a's dùil againn ri cearcan-tomain fhaotuin. Cha do thachair nì air bith oirnn fad ùine mhòir; ach ma dheireadh leum, mar a shaoil sinne, maigheach ghlas fhad chluasach a mach á toman reanaich, dlùth do Chàrn na Cailliche. Bha cù eunachaidh againn; ach 'sann a phill e air ais, 's a dhà chluais sìos air 'amhaich, agus 'earball eadar a dhà chois; a's rinn e donnal bhrònach air mo chùlaobh. Ruith an créutair a chuir sinn air a cois as a' chàrn romhainn, gu dìreach cosmhuil ri maighich; agus 'luair a bhrosguil sinn an cù, chaidh e na deigh mar a dheanadh e an deigh maighich eile. Lean sinn an créutair, gun teagamh air bith na amharras nach maigheach a

bh'againn. Bha'm feasgar àillidh, 'san fhogharadh, agus bha 'ghealach-làn dìreach ag éiridh cùl nan cnoc. Ach coma co dhiùbh, lean sinn air tòir na seilg, gun smuaineachadh gur créutair eile bh'ann ach maigheach. Ma dheireadh ghabh i car mu chnoc, agus thainig sinne mar asdar urchair dhi. Thog mo charaid a ghunna ri 'shùil. Ghabh e cuimse ghasda. Loisg e; ach cha d'fhalbh an urchair—cha d'rinn ach am fùdar-cluaise lasadh. Chuir mise an gunna ri m' ghualainn. Dh'fheuch mi ri cuimse 'ghabhail; ach thainig seòrsa do laigse a'm' làimh—seòrsa do chadal-deilgneach—'s cha b'urrainn domh an dealg-tharruing a ghluasad. Cha'n eil fios agam air thalamh ciod a dh'éirich dhomh. Bha mo làmh air crith, 's mo shùil a' ruith, 's mo chridhe a' bualadh le farum iongantach an taobh a stigh dhomh. Ciod a th'agaibh dheth, dh'fhalbh an créutair; ach chuir sinne romhainn a leantuinn. Bha'n cù na deigh. Chuir sinn na gunnaichean 'nan uidheam. Thainig lùs mo làimh air ais. Thainig i 'rithisd tarsuing oirnn. Loisg mise, ach cha do chuir mi ròin aisde. Thog i a h-earball gearr le fochaid, a's thàr i as. Leig mo charaid dairearach mhath na deigh; ach bhla e co math dha gunna-spùtain a leigeadh rithe. Dh'fhalbh an créutair, a shaoil sinn gum bu mhaigheach, air a h-agh-art gu tom na h-eaglais; a's lean sinn' i. Fhuair sinn cothram eile oire. Loisg sinn le chéile 'san aon mhionaid; ach bha'n créutair co luath lùghmhor 'sa bhla i air tùs. Thug i stigh oirre 'measg nan làrach bhriste, agus siune fad na h-ùine a' smuaineachadh gur maigheach a bh'againn. 'S iomad sgeul eagalach a bha air aithris mu na làraichean so—sgeulachdan is minig a thug air m' fhalt éiridh air mo cheann le uamhas. Thachair do chlachair a bhi briseadh cuid de na seann làraichean so o chionn beagan bhliadhnachan, agus ciod a fhuair e—Ni-Math eadar sinne 'san t-olc—ach cnàmhan duine mairbh, a bh'air am folach sa' bhalla, 's gun teagamh sam bith air a mhortadh 'sna h-àmanan dorcha sin. Ubh, ubh! b'iadsan na h-àmanan oilteil! Gha'n eil fios ciod tuille 'fhuair na chual' an clachair, ach cha'n fhacar deoch na daorach air riamh na dheigh sin a rithisd. Ach coma, chaidh mi air falbh o m' sheanachas. Chaidh sinn a stigh air an dorus mhòr, 'measg na làraich bhriste. Bha gathan na gealaiche 'dearsadh air feadh an àit' ùdlaidh; agus ciod a cnunnaic sinn, gu cead duilbhse, ach, mar a shaoil sinn, a' mhaigheach ghlas, na crùban dlùth do cheann na h-eaglais, aig lic a' mhanaich. Bha mise deas, agus brath losgadh oirre; ach bhac an duine còir mi—'s b'e sin esan, am fìor dhuine cneasda mothachail;—bha nrram aige do'n àite. Smèid e orm féin. “Thoir dhomh,” ars' esan, “na putanan airgid 'tha ann am muilich-innean do léine.” Bha sin agam air an àm, putanan bhòidheach luachmhor do chlachan prìseil, air an suidheachadh ann an airgiod. “Thoir dhomh iad,” ars' esan, le guth sòlaimte, stòlda, samhach. Thainig crith air m' fheadhail. Cha d'thubhairt mi diog; ach ghabh mi mo phutanan ghasda, a's thug mi dhà iad. Chuir e putan mo làimh dheas 'na ghunna féin. “So,” ars' esan, “cuir am fear eile a'd' ghunna féin.” Rinn mi so. “'Bheil thu deas?” ars' esan. “Thà,” arsa mise, gu samhach, 's am fallus a' braonadh sìos air mo dhruim. “Gabh cuimse mhath,” ars' esan, “an ainm nan cumhachdan math.”

Chuir sinn na gunnachan ri'r guailaibh, a's loisg sinn 'san aon mbionaid. Le cead duibh, bha uamhas orm, agus chritheanaich mi gun fhios c'arson. Ruith sinn le chéile dh'ionnsuidh an àite far na shaoil sinn a faicinn marbh."

"Agus ciod," ars' an rìgh, "a bh'ann? Ciod a bh'ann? Innis dhomh."

"Bhà, le cead duibhse," ars' am ministear, "maigheach ghlas reamhar!"

DÀN SHOLAIMH.

CAIB. V.

Do m' ghàradh tha mi nis air teachd,
Mo phiuthar a's mo chéill:
Mo mhirr 's mo spìosraidh thionail mi,
'S mo mhill gu'n d'ith mi féin.

Mo bhainn' a's m' fhìon gu'n d'òl mi fòs:
Ithibh, mo chàirdean gràidh;
Òlaibh pailteas bainne a's fìon—
Òlaibh, a luchd mo dhaimh.

Ged 'tha mi nis a'm' chadal ciùin,
Mo chridh' na fhaireach 'ta:
Feuch, guth mo ghràidh a' bualadh! chum
'S gum faigh e teachd a'm' làthair.

Mo phiuthar, fosgail, deir e riun—
Mo cholman féin gun ghiamh;
Mo cheann tha còmhdaicht' leis an drùchd,
Le braon na h-oidheche mo chiabh.

Mo thrusgan chuir mi 'cheana dhiom,
A's cionnas 'chuirear orm?
Mo chasan dh'ionnlaid mi le uisg';
An sal'char iad na lorg?

Ro' tholl an doruis chuir mo ghràdh
A làmh, gu càirdcìl caomh;
Mo innigh ghluaiseadh air a shon,
Le meud mo rùin d'a thaobh.

Gu'n d'fhosgail mi do dh'fhear mo ghaoil:
Mo làmhan shìl gu bras,
'S mo mhedir, le mirr gu ruidhteach dearg
Air làmhan fòs na glais.

Do dh'fhear mo ghràidh gu'n d'fhosgail mi,
Ach thionndaidh es' air falbh:
Thréig m' anam mi 'nuair labhair e—
Mo chridhe a'm' chom bha marbh.

Le dùrachd m' inntinn dh'iarr mi e,
Gidheadh cha d' fhuair leam;
Cha d' fhreagair e, ged 'ghairm mi air—
Nì 'dh'fhàg mo chridhe trom.

Luclid-fair' na cathrach fhuair iad mi,
 'S gu dèisneach bhuin iad rium ;
 'Do bhuail, a's lot, a's rùisg iad mi,
 A's m' fhalluing thug iad dhìom.

Ma choinn'cheas oirbhse fear mo ghràidh
 'Sna sràidean cumhann caol,
 Nigh'ua Ierus'leim ! innsibh dha
 Gu bleil mi tinn le gaol.

Ciod fear do ghràidhs' thar fear-gràidh eil' ?
 'Thusa 'measg bhian is bòidhch' !
 Ciod e do ghràidhs' thar càch gu léir,
 Gu'n d' ghuidh thu oirnn 'sau dòigh ?

Tha fear mo ghràidhsa gcal a's dearg,
 'Measg mhìltibh sonn gun ghiamh ;
 A cheann mar òr is glaine dreach,
 Mar fhitheach dubh' a chiabh.

Mar shùilean cholman taobh nan sruth,
 'Nigheas 'sa' bhainne bhlàth ;
 Mar sin, gu tlàth, a's suidhiecht' ceart,
 Tha sùilean fir mo ghràidh.

Mar leabaidh spìosraidh tha a ghruaidh,
 'S mar lusan 's cùbhraidh blàth ;
 A shùilean mar na lilidhean,
 A' sìleadh mirr do ghnàth.

Mar fhàinnibh òir le ber'libh suidh'icht',
 Mar sin tha làmh mo ghràidh ;
 A chom mar fhiacail elephaint,
 Còmhdaicht' le saph'ribh 'ta.

Mar phuist de mharmoir 'chasan 'ta,
 Suidhicht' air bonnaibh òir ;
 A's aogas tha mar Lebanon,
 Barraicht' mar sheudar mòr.

Tha 'bheul ro bhinn a's milis fòs—
 Scadh, 's ionmhuinn e gu léir.
 'Se so mo charaid 's fear mo ghràdh,
 Nigh'na Ierusalem !

AIR SEANA CHLEACHD SGIATHANACH.

Cha'n 'eil a mach air ceithir-fichead bliadhna o' bha e na chleachd anns an Eilean Sgiathanach, an uair a bhàsaicheadh tuathanach, gu'n deànachd an t-uachdaran greim air an each-ursainn—'se sin, an t-each is fearr ann an seilbh na bantraich—le bli 'cur a mhaoir 'ga iarraidh gu h-ealamh an deigh an adhlaid ! Bha'n sluagh a' strìochdadh do'n chleachd an-ìochdumhor so, agus a' cur suas leis gu foighidinneach, gus an do chuireadh air chùl e air an dòigh so a leanas. Ann an sgìreachd an t-Sratha, air do thuathanach còir do Chloinn Ionmhuinn

bàsachadh, chaidh am maor mar a b'abhaist, an deigh an tiodhlaic, a dh'iarraidh an eich air a' bhantraich; ach chuir e an dleasnas a dh'àithneadh dha an gnìomh air mhodh co cruaidh-chridheach, 's gu'n do chuir a' bhantrach bhochd gu dian na aghaidh. Dh'éirich conn-sachadh agus aimhreite co mòr eatorra, air achd, air do'n mhaor fearg a ghabhail, 's gu'n do bhuail agus gu'n do chiùrr e a' bhean bhochd agus mhuladach so, gus an robh a fuil, trid nam buillean a thug e dhi, a' taomadh gu frasach air an làr. Air d'i a bhi air a claidh leis an droch càramh a fhuair i, labhair i ris, ag ràdh, gu'n robh i an dòchas gu'n rachadh a mac a chaomhnadh, nach robh aig an àm sin ach bliadhn' a dh'aois, gu dìoghaltas a dheanamh airson na dòigh air an do bhuineadh rithe air an là sin.

Ochd bliadhna deug an deigh sin, chaidh am maor ceudna do'n ath bhaile air a' ghnòthuch cheudna, far an'do nochd e mòran mi-mhodh do bhantraich thruaigh eile, le bhi 'toirt a h-eich air falbh gu tur an aghaidh a toile! Thainig na cùisean gu h-ealamh gu cluasaibh Mhic-Ionmhuinn, mhic na ceud bhantraich a dh'ainmicheadh, a bha 'san àm sin na òganach sgiamhach flaitheil, aig nach robh coimeas anns an t-Sratha gu léir airson tàbhachd, neirt, agus tréubhantais! Ghrad lean e am maor. Rug e air mar astar thrì mìle o Chillmari, àite-còmhnuidh an uachdarain. Dh'iarr e each a' bhantraich air, agus chuir e 'na chuimhne an droch càramh a rinn e air a mhàthair ochd bliadhna deug roimhe sin. Dhiùlt am maor an t-each a liubhairt, agus chuir e uile bhagraidhean an òganaich ann an suarachas! Chaidh na fir an sin an glacaibh a chéile; agus air doibh a bhi nan dithis nan curaidhibh calma, bha'n tuasaid car tamuill dian agus garg: ach bhuadhaich Mac-Ionmhuinn; agus leis an sgian-duibh gheàrr e an ceann de'n mhaor, agus dh'ionnlaid 'se e ann an tobar a bha ri taobh an rathaid, deth an goirear "Tobar a' Chinn" gu ruig an là an diugh! An sin leum e air druim an eich, agus bha e gu h-ealamh aig dorus an uachdarain, a' giùlan a' chinn fhuiltich air bàrr na sgeine! Chòmhlaich seirbhiseach e, a ghabh eagal an uair a chunnaic e an sealladh sgreadaidh so! Ghrad ruith e a steach, agus dh'innis e d'a mhaighstir gu'n robh Donnachadh Mòr aig an dorus, le ceann a' mhaor air bàrr a bliodaig, agus gu'n robh e 'g iarraidh 'fhaicinn. Cha chreideadh an t-uachdaran an toiseach gu'n d'rinneadh gnìomh co-déistinneach, air da a bhi aineolach air na nithe a b'aobhar da. Ach an uair a chaidh e mach, chunnaic e gu'n robh na chual e fìor; agus air da na cùisean a chluinntinn o Donnachadh Mòr, agus fios fhaotunn air an laimhseachadh ghoirt a fhuair a mhàthair o'n mhaor, an uair a bha Donnachadh na leanabh, thug e maithneas da gu saor—rinn e maor dbeth an àit an fhir a mhaibhadh; agus thug e òrdugh a mach nach rachadh each, na nì eile, a thoirt tuilleadh o bhantraich sam bith air 'oighreachd-san an deigh an latha sin!

Tha e gu cinnteach na aobhar-taingeachd dhuinne gum bheil beatha an duine a nis air a dìonadh le laghannaibh teann agus eagnuidh, agus gum feud sinn teachd beò gun eagal, gun chùram gu'r téid ar cur gu bàs, mar anns na h-àmannaibh o shean, feudaich e 'bhith, gun aobhar no leisgeul sam bith. B'uamhasach an nì, an uair

a bha cumhachd beatha agus bàis ann an làmhaidh nan cinn-fheadhna anns gach àite do'n Ghàidhealtachd, agus an uair a bha comas aca maitheanas a thoirt do mhortair, agus luchd droch-bheirt do gach gnè a chur fa sgaoil! Chaidh na h-àmanna fuilteach sin seachad; agus is cubhaidh dhuinne buidheachas a thoirt do'n Tì uile-bheannuichte sin a ta riaghladh gach nì le a chaomh-fhreasdail féin, do bhrìgh gu'n do thilg e ar crannchur aon an dùthaich agus ann an linn far am bheil sinn a' mealtuinn shochairan luachmhor agus lìonmhor nach do bhuilicheadh riamh air ar roimh-aithrichibh anns na linnibh a dh'fhalbh!

SGIATHANACH.

Clachan Chìllmhuire,
Meadhon an t-Samhraidh, 1842.

LAOIDH MHOLAIDH.

Seinneam uil'-chumhachd an Dé mhòir
'Thog suas na sléibhtean àrd,
A sgaoil na cuaintean farsuing garbh,
'S na spéuran 'dhealbh air fad.

Seinneam an Gliocas 'rinn a' ghrian,
Gu riaghladh feadh an là!
A' ghealach-oidhche, le 'solus làn,
'S na reultan, géillidh Dhà.

Seinneam am Maitheas sin a lion
Le biadh an cruinne-cé—
'Thug do gach créutair beò a bhith,
'S a ghairm iad math gu léir.

'Dhé! cia mòr do mhìorbh'lean 's gach àit
Am beachdaich mi le m' shùil!
Ma's ann air talamh fo mo bhonn,
No shuas air nèamh na reul.

Tha gach luibh, gach craobh, a's gach blath,
A' foillseachadh do ghlòir:
Le d' òrdugh séididh 'n doinionn mhòr,
A's éiridh suas na neòil.

Tha lìonmhorachd nan crentair beò
Fo d' chùram air gach àm:
Cha siubhail sinn do dh'àit air bith
Gun Dia 'bhi làthair ann.

'Se 'ghairdean treun tha 'ghnà 'ga m' dhìon;
Tha daonnan orm a shùil:
C'arson a dh'earnadas mi 'n Dia
Tha'n còmhnuidh orm cho dlùth?

P.S.—Mòr thaing do ar caraid an Lunuinn a chur so d'ar n-ionn-
suidh, agus airson nan dàna eile. Chì e sa' Chuairtear gach aon diubh.
Na leigeadh e le 'ribhaid tiormachadh na dol á gleus.

C. N. G.

NAIGHEACHDAN AN T-SAOGHAIL MHÒIR:

CÒMHRADH.

Eachann 's an Cuairtear.

Each.—Fàilt' air fear a' phinn!

Cua.—Fàilt' a's furan air fear na cosaig! 'Nann an Glaschu 'fhuair thu an deise sgiolta sin, Eachainn? Bu tu féin am bochd!

Each.—Matà, cha'n ann. 'Si mo bhean féin a chàrd 's a shníomh e; mo ghoistidh, am Figheadar Bàn, a dh'fhigh e; agus roghadh nan tàillearan, Calum Uasal, a gheàrr 's a dh'fhuigheal na th'orm, o mhullach mo chinn gu m' aobrain; agus cha'n eil an diugh am baile-mòr Glaschu na laimhsicheas siosair no snàthad cosmhuil ri Calum.

Cua.—Tog dheth, Eachainn.

Each.—Cha tog mi dheth. Amhairc sibhse so. Nan cuireadh duin'-uasal Gàidhealach fios do thàillearan Glaschu triubhas a chuir d'a ionnsuidh, gun a thomhas a ghabhail, ach dìreach a ràdh riu gum bu duine air dheagh chumadh e, cosmhuil ris gach duine cuimsich eile,—dheanadh tàillearan Ghlaschu fanaid air. Ach sgrìobhadh sibhse gu Calum Tàillear fichead triubhas a chuir a mach do Ghlaschu, airson fichead duine do dhaoine dreachmhor, deas, sgiobalta,—agus tha riaghailt aige a fhreagras do gach duine dhiubh. Cha'n eil mi 'g ràdh gum freagair an triubhas do Ghoill mhòr-bronnach, na do Shasunnaich chaola, leibidich, neo-chumachdail; ach do dhaoine 'tha mar bu chòir do dhaoine 'bhi, tha riaghailt aig gach tàilleir Gàidhealach a fhreagras; 's ma thogras sibh, bheir mi dhuibh e.

CUMADH AN TRIUBHAIS.

Cromadh gun ghoinne 'sa' chaol;
Aon-eaga-deug 'san osan;
Seachd eangan am beul a theach—
'S tearc do nach fhogainn;
Air a chumadh gu dìreach,
Agus trì 'na ghobhal.

Sin agaibhse 'nis riaghailt sheasmhach. Ach coma leam na nithe so—tha mòran agam ri fhèdraidh dhiubh. Ciod so 'tha Sir Raibeart Peel, bàillidh mòr na dùthcha, a' deanamh, e féin 's a Tharariof? B'e sin an tarbhl gun bhuaidh, tarbh Rob.

Cua.—Ciod an tarbhl tha a'd' bheachd?

Each.—'S beag 'tha fios agamsa mu 'dhéidhinn, ach gu bheil mi a' cluinntinn a' Ghàidseir Bhuidhe 's a' mhaighstir-sgoil a' conn-sachadh a h-uile latha mu thimchioll an Tarariof so 'chuir Sir Rob a mach. 'Nuair a chuala mise na laoidh (is mearg nach robh iad sa' Phàrlamaid) a' labhairt uime so, 'sa' cheud dol a mach sinuainich mi da rìreadh gu'm bu tarbhl air choreigin air an robh iad a'

seanachas; oir sid sibhse, bha béist do tharbh dubh aon uair air Triof Thiritheadh, ris an abradh iad Tarbh-riof. Chluinnte a' bhéist a' geumnaich 's a' bùraich o cheann gu ceann de'n eilean, agus bha oillt air gach duine tighinn 'na làthair. Ach ciod e bùraich a's geumnaich Tairbh-riof, an coimeas ri Tarariof Shir Raib-eart?—cluinnear a gheum air feadh an t-saoghail, agus tha e na chulaidh-eagail do'n Ghàidhealtachd uile. Nis, 'nnair a chuala mi iadsan a' comusachadh mu'n Tarariof ùr so, air m' fhocal cha robh fios agam ciod air an robh iad a' seanachas. Ach innsibh féin dhomh ciod is ciall do'n fhocal Tarariof. Am Beurl' e?—idir, idir, cha Ghàelig e. Cha'n eil dùil agam gu'n deanadh Lachann Mac-Illeathain Gàelig dheth.

Cua.—'S focal Frangach a th'ann, a' ciallachadh riaghailt mhàl-airt.

Each.—Tubaist orra! nach fhaodadh iad focal Beurla 'ghabhail, gun a bhi an comain nam Frangach liotach airson an cainnt? 'Seadh a nis, matà, innsibh dhomh ciod ar barail mu na riaghailtean ùr so—an dean iad math no olc?

Cua.—'S duilich a ràdh. Togaidh iad prìs nithe an cuid do dh'àiteachan, agus islichidh siad iad an àitean eile. 'Si mo bharail féin nach dean iad mùthadh mòr an ceann ùine bhig. 'Sa' cheud dol a mach, an uair a bhios gach grabadh, a's toirmeasg, a's bacail, air an toirt as an rathad, agus a bhios cead aig rìoghachdan gach goireas is urrainn doibh a sheachnadh a chuir far an togair iad,—bheir so, gun teagamh isleachadh car greis. Ach ùine ghoirid an deigh sin, 'si mo bharail féin nach bi mothachadh mòr, no athar-rachadh mòr, 'na lorg.

Each.—Gun mhath, gun olc! Eadar sinn féin, ar leam gu bheil beagan de'n teaga leam-leat aig Sir Raibeart Peel—gu bheil focal milis agus gealladh milis aige airson gach aon. Tha e 'toirt air luchd nam bailtean mòr a chreidsinn gum bi feòil shaor aca; agus tha e 'cnir mar fhiacha air na tighearnan mòr, a's luchd an fhearainn, nach bi isleachadh prìsean ann a ruigeas a leas eagal air bith a chuir orra. Ris na Gàidheil tha e 'g ràdh, ma thuiteas prìs na feòla, nach coma co dhiùbh; oir tuitidh a' mhin, 's an teàrr, 's am fiodh, 's an *coffee*; agus gheibh sibh asail, fhearaibh 's a ghaoil!—asail fhad-chluasach—leth-chrun nì's saora. 'Nuair tha'n luchd-màlairt 'sua bailtean mòr a' tallachadh mu'n *Income Tax*, 's gach cìs eile, “Nach éisd sibh,” deir esan; “nach 'eil mi ag isleachadh feòla a's nithe eile?—is duilich 'nr toileachadh.” Tha e 'gan sgiùrsadh thall 's a bhos—bosaig an sin, agus bosaig an so; 's cha'n eil a h-aon toilichte. Ach aidichidh mi nach 'eil daoine furasd' a thoileachadh—mar a thubhairt an drumair 'bha sgiùrsadh an t-saighdear. “Na buail co àrd; leag do làmh,” ars' an saighdear. Rinn an drumair so. “Buail nì's isle,” deir e 'rithisd. Rinn e sin. “O! fàg an t-àite sin,” ars' an saighdear bochd; “buail 'san t-slinnean mi.” “Tubaist ort,” deir an drumair; “cha'n urrainnear do thoileachadh.” Ach 'bheil an Tarariof na lagh a nis?

Cua.—Thà, gun teagamh. Fhuair Rob mòr a dhòigh féin; 's cha'n iongantach ged a fhuair. Cha robh dòigh eile air; 's tha làn fhios aig an rìoghachd nach robh.

Each.—Cha'n eil comas air. Ach a' bheil e fìor gu'n d'thugadh oidheirp eile air a' Bhan-rìgh?

Cua.—Thà, gun ag. Dh'fheuch seòrsa do throich chrotach losgadh oirre.

Each.—Mac a mhàthar! An saoil leam féin an robh e da rìreadh ag iarraidh a marbhadh? Cha robh ann ach bumaileir gun tuigse. Marbhphaisg air a' chrèntair ghrànda. Is truagh nach do sgeile iad e gu math, agus gu ro mhath—an trusdar! Nam biodh iad air a chòmhdachadh iochdair a thoirt dheth, agus éiridh air le gad math barraich, cha'n fhaiceadh iad crotan leibidich an cabhaig a ris le 'dhagan meirgich. Ach c'ait a' bheil am fear eile, *Francis*?

Cua.—Thà air a thurus do dh'àite ris an abair iad *Botany Bay*, far am faigh e a chumail samhach—far an sgiùrsar e ma thilgeas e spitheag air geadh, gun tighinn air Ban-rìgh.

Each.—An tuille teannadh air! Ach ciamar 'tha gnothuichean a' dol air an aghaidh ann an Innsean na h-àirde 'n ear a nis?

Cua.—Tha naigheachd math as na ceàrnan sin air an àm. Tha h-uile nì an impis a bhi air an socrachadh. Chaochail *Elphinstone*, an ceannard a bha thairis air an arm againne 'nuair a strìochd iad.

Each.—Na chaochail? An duine bochd! Cha'n eil teagamh agam nach e nàire a's bristeadh-cridhe a mharbh e. Ach c'ait a' bheil an duine foghainteach an Sàileach, no c'ainm so e?

Cua.—Seanalair *Sale*. Thug an duine tapaidh sin buaidh mhòr an aghaidh nan Innseanach. Sgiùrs e roimhe iad, agus tha e nis air a neartachadh le armailt làidir a ràinig e. Tha 'bhean fhathast ann am prìosan, ach cha'n fhad gus an leigear as i.

Each.—Mo ghalad! tha mo chead aice. Am beil an cogadh an *China* seachad? Coma leam an rongaireachd chogaidh a th'ann.

Cua.—Cha'n eil e seachad, 's cha'n eil fios c'uin a bhios; ach tha e 'dol air aghaidh. Dh'fheuch na Chinisich baile-mòr a thoirt uainn a ghlac sinn; ach cha toir iad an oidheirp cheudna an dà latha so a rithisd.

Each.—Matà, a Chuairteir, cha bhi beannachd an lorg a' chogaidh sin féin. Thòisich e air droch bhunnachar—a' co-éigheachadh muinntir na dùthcha sin *opium*, an truailleachd phuinsionta, a cheannach uainn a dhèoin no dh'aindeoin—gnothuch peacach! Thig e stigh oirnn fathast, air aon dòigh no dòigh eile. Cha b'iongantach leamsa ged a thigeadh *opium* salach do Bhreatunn, mar a thainig an tea, 's gu'n cuir e an tombaca á fasan, mar a rinn an tea a' bhlàthach.

Cua.—Do Bhreatunn, Eachainn! Tha e ann am Breatunn, gu leòir dheth, air 'itheadh air a chagnadh, air 'òl mar *laudanum*, air a smùideadh am pìob gu cumanta, agus deich uairean ni's miosa, ni's deuchnaich air an t-slàinte na spiorad làidir na tombaca. Tha

fir, a's mnathan, a's maighdeanan òg 'ga chleachdadh a nis glé chumanta sa' bhaile-mhòr so féin.

Each—Fheudail 's a ghràidh! a' bheil sin mar sin? O gu'n cumadh am Freasdal an trusdaireachd á Tiritheadh! Ach innsibh dhomh ciod 'tha dol air aghart a thaobh imrich do dh'America. Ciod a thainig as a' choinneamh mhòr a bha an Glaschu, le Sir Ailean Mac-an-Aba, Rolph, agus feadhainn eile?

Cua.—Cha d'thainig mòran fathast, ach tha mi an dòchas gu'n tig. Tha anabarr dhaoine dol thairis do Chanada, agus do cheàrnan eile ann an America mu Thnath, air am bonn féin; 's cha'n eagal dhoibh, mu ghleidheas iad an slàinte. Tha iadsan a chaidh thairis a' deanamh gu gasda. Ach cha'n eil an naigheachd á *Australia* co math 's bu mhiann leam.

Each—'S mi 'tha 'ga chreidsinn. Cha do theothaich mo chridhe riamh ris an àite sin féin. Bha barrachd 's a chòir air a ràdh as a leth. Cha b'urrainn dhoibhsan a bha dol ann ciuneachadh—a h-uile slaod leisg, lunnach, gòrach 'san tìr—a h-uile fear nach deanadh gu math aig an tigh—gach sleòmair air nach robh rath 'na dhùthaich féin, a b'urrainn fead a dheanamh. Có ael esan! Ar leis gu'n robh *Australia* air a chrnitheachadh air a shon-san. Feadhainn nach do chuir boinne falluis dhiùbh riamh 'nan dùthaich féin, mar d'rinn iad e a' dannsadh 's a camanachd—spagluinnich aineadach nach crathadh ultach feòir ris a' ghréin gun làimhnean leathraich orra. Ach coma có dhiùbh, tha iad ag ràdh rinnsa gu'n d'thainig an spagluinneachd so gu làr—gum faicear leth-dusan de na fleasgaich sin 'suidhe taobh an tuim, le aon spàin eatorra—cadal sa' phreas, gun dad ach craicionn coin thairis orra—'s a falbh cas-ruisgte air feadh na moaidhean mòra. Cha b'urrainn ni b'fheàrr tachairt. *Australia!* tìr an àigh, anns am beireadh, ma's fìor, gach caora leth-dusan uan sa' bhliadhna, agus anns an tilgeadh i a rùsg an ceann gach ràidh. Cha'n eil fios agam uach cuala mi gum biodh uain aig na muilt féin! Ciod an naigheachd 'tha as?

Cua.—Thà gu'n do bhrist luchd an fhìortain mhòir—gu bheil na caoraich a chosd dà 's a trì phuinnnd Shasunnach 'nuair 'chaidh an ceannach, a nis air chrùn! Ach thig e uaith so fhathast.

Each.—Air m' fhocal, 'se so an t-àm do luchd an airgid dol a null, 'nuair 'tha'n spréidh co saor. Ach nan leigeadh daoine an spagluinn dhiùbh aig an tigh, agus an làmh a chuir ris gach uì a thig 'san rathad, mar is éiginn doibh a dheanamh an sud, cha b'eagal nach fhaigheadh iad air an aghart 'san dùthaich so féin, gun dol thairis; oir is fhada o na chuala mi gu bheil adhaircean fada air crodh cailte; agus mar an ceudna, am fear a bhios gòrach sa' bhaile bhos, gum bi e gòrach sa' bhaile ud thall.

Cua.—Eachainn, am faca tu an siomalair mòr 'tha shuas bràigh a' bhaile, a tha sea cend troidh ni's àirde ua amar na h-aibhne, agus cóig cend gu leth o'n ghrund?

Each.—'S mi 'chunnaic, 's be sin an siomalair mòr da rìreadh.

Tha e co àrd ri tigh anns am biodh trì-fichead lobhta, no, mar a deir iad sa' Bheurla, *story*. Cha chreid iad mi ann an Tiritheadh. Cha'n eil ach dà chlàrach, no *story*, ann an tigh a' bhàillidh, agus a dhà gu leth ann an tigh a' mhinisteir; agus a' bhéist shiomalair so trì-fichead *story*, agus deich troidhean air àird anns gach aon diubh!

Cua.—An deach thu suas gu 'mhullach?

Each.—'Ne mise! Cha deachaidh, 's cha téid; ach chunnaic mi 'ur càirdean Eòghann Òg agus Rob Ruadh a' dol suas leis a' chlachair inhòr, Mac-an-t-saoir, ann an creathall iarunn, mar gum biodh iad gu bhi air an crochadh. 'Nuair a phill na gillean, có ach iadsan!—ceart co bòsdail, moiteil, 's ged a bhiodh iad air tilleadh o'n dinneir a ghabhail le bodach na gealaiche! "Saoil thu, Eachainn," ars' iadsan, "nach d'òl sinne gloinne uisge-bheatha sèa ceud troidh os-cionn an t-saoghail so!" "'Sann agaibh," arsa mise, "tha 'chulaidh-bhòisd. Gun teagamh sgrìobhtar so air 'ur lic an deigh 'ur bàis, mar chuimhneachan air 'ur gaisgeachd!" Na bumaileirean! bha mise air mullach Beinn-Ibhis, ceithir mìle troidh air àirde. Cruach an àigh! 's cha b'e siomalair mòr an t-salachair, a bhios an latha no dhà a' sgeith 's a' diothairt a mach sùith, a's toit, a's gràineileachd, a thachdadh crìosduidhean! Ach cha do chuir na firinnich iongantas sam bith orm iad a dhol suas; ach na *ladies*! le'n cinn ghogadaich—iadsan a' dìreadh sa' creathall iarunn, a dh'amharc an t-saoghail! 'S mi nach pòsadh a h-aon diubh! Mo nàire! bu chòir do mhnathan a bhi banail malta. Chunnaic mi Màiri Mhòr, nighean Eachainn, a' streapa suas gu bàrr croinn an Sgairinis aon uair, 's cha do bhlàthaich mo chridhe riamh tuille rithe. Ach 's éiginn domh falbh. Mòran taing dhuibh airson 'ur deagh sheanachas. Slàn leibh!

AN FHRAING.

Ràinig naigheachd brònach sinn as an rìoghachd so o chionn ceithir-là-deug—'se sin, bàs obann Dhiùc *Orleans*, oighre a' chrùin. 'Nuair a bha'n Diùc a' fàgail *Paris*, ceann-bhaile na rìoghachd, a' dol 'ga chuir téin air ceann ceithir mìle saighdear ann an ceàrn eile de'n dùthaich, ghabh na h-eich a bha 'ua charbad sgaoim, a's thàr iad as. 'Faicinn a' chunnart anns an robh e, leum e as a' charbad, agus thuit e 'neasg clachan a' chabhsair air mullach a chinn. Shaoilear an toisich uach robh a bheatha an cunnart, ach ann am beagan uairean thilg e an deò! Cha robh an Diùc ach na dhuinne òg—dà-bhliadhna-dheug thar fhichead. Bha e na neach measail, fiachail, caoimheil, agus bha mòran gràidh aig an t-sluagh agus aig an arm air. Tha aobhar-eagail guni faod a bhàs athar-rachadh mòr a thoirt air staid na Frainge. Tha'n Rìgh, *Louis Philippe*, na sheann duine—dhà-dheug a's trì-fichead bliadhna; agus cha'n eil mac an Diùc, a nis oighre na rìoghachd, fhathast ceithir

bliadhu' a dh'aois. 'Nnair a bhàsaicheas an Rìgh, 's éigin Tàinis-tear a chuir thairis air an rìoghachd, gus an tig an t-oighre gu aois. Tha na Fràncaich nan daoine ciogailteach, duilich an riaghladh. Tha iad gu mor air an roinn 'nam measg féin mu dhéidhinn gnothuichean a's riaghailtean na rìoghachd; air chor 's gu bheil fàth-eagail gum faod àr-a-mach éiridh 'nam measg, ma bhàsaicheas an Rìgh mu'n tig an t-oighre gu aois riaghlaidh.

NA GÀIDHEIL ANN AN AMERICA MU DHEAS.

'Nnair a thug sinn cunntas mu'n leabhar ùr Ghàelig, "Ceann-Iùil an Fhìr-Innrich do dh'America mu Thuath," (agus is iomad Gàidheal a dh'aidicheas a nis gun leabhar feumail e,) thubhairt sinn nach rachadh a' Ghàelig air dì-chuimhn' an dà latha so. Mar dhearbhadh nach 'eil ar luchd-dùthcha 'dì-chuimhneachadh na Gàelig, no cleachdaidhean na Gàidhealtach, ged a tha iad ann an tìrean céin, leughadh ar càirdean na thainig d'ar n-ionnsuidh á America mu Dheas:—

Air a' cheitreamh là de mhìos deireanach an earraich, chuir "Clann nam Beann" 'tha tuineachadh 'am *Monte Video* rompa taoghal a bhì ac' air a' chnèiteig airson gràdh "na tìnn a bh'ann o shean." Fo fhonn farumach na pìob, a s i 'cluiche "Na Caimbeulaich a' tighinn," ràinig iad am blàr-catha, far an robh comh-chruinneachadh mòr do mhuinntir na dùthcha 'feitheamh chum am fàilteachadh.

An deigh do na laoich a bhì air an roinn, agus gach gnothuch feumail eile 'bhì air an socrachadh, thòisich a' chamanachd; a's lean iad oirre le dìoras an athraichean gu tràth feasgair. Shuidh iad an sin air an rèilean ghorm, far an do dhearbhadh iad nach do mhill cleasachd an latha an càil airson feòl a chaidh ròstadh anns an t-seiche, na idir airson deur cuinseach do "dh'Fhear na Tòiseachd,"—drùchd nam beann! 'Nnair bha'n fhéisd so thairis, thòisich an dannsadh—"Ruithle Thullachain," "Gille Calum," "Seann Triubhas," 's gach seòrs' eile 'bha gnàthaichte ann an tìr an òige.

'Nuair 'bha iad sgìth de'n dannsadh, shéid a' phìob-mhòr a suas "Crinneachadh nan Gàidheal;" a's mhèars na trem fhìr a dh'ionnsuidh a' bhaile fo fhonn "Gilleann na Féile." Air an ceann-nidhe a ruigheachd, ghabh iad an snipeir gu càirdeil le chéile; agus am measg gach deoch-shlàinte 'chaidh thogail, cha deach a h-aon diubh 'òl le tuille dùrachd-cri dhe na "Tìr nam Beann, nan Gleann, 's nan Gaisgeach." 'Sann an sin a bha'm bas-bhualadh 's an stairich! Aig àm sgaoileadh, cha d'rinn iad dear-mad air "Deoch an Doruis."

AN RUIDHTEAR RUADH 'S NA LÒCHLINNICH.

Ann an eilean beag a th'ann an abhuinn Innircorse, ann an sioramachd Ghallaoibh, chithear làrach seann daingnich 'a bha aon uair cóig ceud troidh air àirde. B'e an daingneach so àite-dìon muinntir na dùthcha anns na linntean borba dorcha sin anns an robh mort, a's renbainn, a's dortadh-fola air am meas nan nithe cliùiteach. Chaidh an daingneach so (ris an abrar Caisteal *Durlet*) a thogail airson Mhic-Chithich mhòir—no, mar a deirear ris am bitheantas, an Ruidhtear Ruadh. Phòs an Ruidhtear Ruadh nighean Moirear na Sithinn, a bha aig an àm a' tuineachadh ann an Caisteal Lochmhòir, 'san t-sioramachd chendna. 'Nuair a chaochail 'athair-chéile, ghabh an Ruidhtear Ruadh seilbh 'na oighreachd, agus thog e màl na tnath-cheàrna.

Beagan roimh 'n àm air a' bheil mi 'labhairt, thainig buidheann làidir de na Guinich (*Gunns*) a nall á Lòchlinn, agus shuidhich siad iad féin ann an sioramachd Chatoibh, dlùth air fearann an Ruidhtear Ruaidh. Cha robh tlachd aig an Ruidhtear air Lòchlinnich a bhli an dlùth choimhearsnachd ris, agus chuir e fios d'an ionnsuidh iad a sholar air an son féin an àit-eigin eile. Cha do ghabh na coigrich mòran suim d'a bhagraidhean; an àite sin, 'sann a chuir iad am fios chendna air ais d'a ionnsuidh féin! Bha mis éiridh a's armachadh 'san dà shioramachd. Ach shònruich na ceannardan a' chùis a shocrachadh air mhodh eile.

Bha seachdnar mhac aig an Ruidhtear Ruadh air tighinn gu aois cogaidh, agus bha'n t-àireamh cendna aig ceannard nan Guineach. Rùnaich iad an gnothuch a bhli air a shocrachadh eadar iad féin agus an cuid mhac. 'Se is ainm do'n àit a raoghnaich iad airson a chath Dail-nan-Reitheachan (*Ramsdale*). Bha'n dà chuideachd ri marcachadh 'dh'ionnsuidh na dalach. Thainig iad air an àm shuidhichte; ach an àit a h-aon, bha dithis aig an Ruidhtear air gach each! Thòisich a' chònbraig; ach ciod a b'urrainn ochdnar a dheanamh an aghaidh sèa-fir-dheug, 'nuair bu Ghàidheil iad air gach taobh? Ann an ùine ghoirid cha robh beò de na Guinich ach dithis. Dh'amhairc iad air càch a chéile tiota beag. Chunnaic iad nach robh tearmunn ach ann an luathas nan cas, agus thàr iad as. Cha do lean an Ruidhtear iad. Bha ochdnar aige ri chur fo'n ùir. Dh'adhlacaidh iad anns an fhaiche, agus tha e na àit-adhlacaidh gus an là 'n diugh. Thill an Ruidhtear Ruadh dhachaidh, làn aoibhneis gu'n d'thug a chealgairachd buaidh.

An deigh do na Guinich—am bràthair bu shine agus am fear a b'òige—teicheadh beagan mhilltean, thubhairt Eanruig, am fear a b'òige, “Ma gheibh mi claidheamh m'athar, marbhaidh mi an Ruidhtear Ruadh an nochd 'na chaisteal féin!” Dh'aontaich am fear bu shine an claidheamh 'thoirt dhà. Thill iad air an ais, agus thog iad orra gu Caisteal *Durlet*. Ràinig iad. Bha'n Ruidhtear Ruadh 's a chàirdean ag itheadh 's ag òl, gun fhiamh, gun eagal, gun fhreiceadan. Tharruing Eanruig òg dlùth air uinneig an

t-seò mair, a's chunnaic e an Ruidhtear Ruadh na shnidhe aig ceann a' bhùird. Ghrad chuir e 'bhogha air lagh—tharruing e an t-sreang, agus le luathas na dealanaich shàth an t-saighead dhìleas e féin ann an clàr-aodainn an Ruidhtear! Ghlac uambas gach aon de'n chuideachd; agus mn'm b'urrainn dhoibh an cuid arm a bheartachadh orra, streap Eanruig suas bràigh an doruis. Cha b'urrainn ach aon an deigh aon dhiubh teachd a mach, agus le dheagh chlaidheamh-mòr dh'fhàg an gaisgeach treun dusan corp gun cheann air an stairsnich! Mu'n d'thainig a' mhaduinn, cha d'fhàg an dithis bhràthair firionn na boirionn beò sa' chaisteal!

Thill na laoiach an sin air an ais dhachaidh. Ann an ùine bheag dh'éirich connsachadh eatorra có aca 'bhiodh a nis na cheann-fheadhna nan Guinich. 'Nuair a dh'aontaich am bràthair bu sline claidheamh 'athar a thoirt do dh'Eanruig òg, b'ann anns an t-seadh anns an do dhealaich Esau ri 'chòir-bhreith—cùmhnant ris nach robh e nis toileach seasamh, do bhrìgh nach robh tuille eagail air roimh an Ruidhtear Ruadh na 'chuid daoine. Cha bu mhiann le Eanruig còir comhstrì 'dheanamh ri 'bhràthair; 'se rinn e, 'ainm a mhùthadh, agus thug e Seòrus Mac-Eanruig air a cheud mhac. As a so dh'éirich an cinne Clann 'ic-Eanruig (*M-Hendry and Henderson*).

D.

Breahotir, 1842.

CÙ-CHAORACH AMERICA MU DHEAS.

Anns a' cheàrn sin do dh'America mu Dheas ris an abrar na *Brazils*, chitear treud mhòr chaorach air am buachailleachadh le cù no dhà, na h-uiread do mhiltean o thigh 's o dhuine. Tha e 'cuir iongantais air coigrich ciamar 'tha leithid so do chàirdeas air àrach eatorra. 'Nuair 'tha'n cuilean fìor òg, tha e air a thoirt air falbh o 'mhàthair, agus air a thogail maille ris na caoraich. Theid té dhiubh a ghlacadh trì no ceithir a dh'uairean 'san latha, agus 'a cumail ris a' chuilean gus an dedthail e i. Tha leabaidh chloimh air a dheanamh dha 'san fhang, agus cha leigear leis air choir sam bith cuideachd a ghlèidheadh ri coin eile, na eadhon ri cloinne an teaghlaich. Le bhì air oileanachadh air an dòigh so, cha'n eil déigh sam bith aige air an treud fhàgail; agus dìreach mar a dhìonas cù eile a mhaighstir an aghaidh nàmhaid, ceart mar sin dìonaidh na coin so na caoraich. Cha luaithe 'bheir iad an aire do neach tighinn dlùth air an treud na thòisicheas iad ri tatluinnach; agus cruinnichidh na caoraich nan deigh, mar is bitheanta a chunnacas iad a' deanamh mu thimchioll an reithe is sine 'nam measg. Tha e air ionnsachadh dhoibh, mar an ceudna, na caoraich a thional dhachaidh aig àm àraidh 'san fheasgar.

Thig an cù so 'dh'ionnsuidh an tigh' a h-uile latha a dh'iarraidh béidh; agus cha luaithe 'gheibh e sin na shìabas e air falbh, mar gum biodh e 'gabhail nàire an treud a bha'n earbsa ris fhàgail co

fada. Tha na coin-thighe anbharrach garg ris air na h-àmanna so, agus sìnidh an gasan as lugha dhiubh air; ach cha luaithe 'ruigeas e an treud na thionndanas e mu'n cuairt gu còmhraig, a' tathunnaich gu dian—nì 'nuair a chì laorain na luatha, gabhaidh e'n ruaig, agus 'earball eadar a chasan.

Tha mòran do choin-fhiadhaich 'san dùthaich so, ach cha'n eil a' dhànas aca oidheirp a thoirt air treud a bhios air am buachailleachadh leis na ciobairean so.

DUINEACH.

LOCHIAL AGUS NA SASUNNAICH.

Mu'n bhliadhna 1653, thainig gille gu Lochial o Mhac-Leòid Dhunbheagain, a dh'iarraidh comaire Mhic-Dhònuill Duibh an aghaidh an airm a bha milleadh an Eilean Sgiathanaich. 'Nuair 'fhuair Lochial an teachdaireachd, thubhairt e ris a' ghille gum bu duilich leis nach b'urrainn e 'san àm sin dol a chòmhnadh a charaid, thaobh 's gu'n robh aige féin coinneamh ri thoirt do na "mucagan dearga" am màireach. Dh'iarr am flath air a' ghille dol a stigh, a's biadh 'us deoch fhaotuinn, agus fuireach ann an Achanacurradh gus an tilleadh e féin air ais. "Matà, a Lochial, bu mhath leam féin an cath fhaicinn." "Cha'n fhaic," ars' an triath; "feumaidh tu 'bhi tèaruinte fhad 's a tha thu air m' fhearann-sa; cha'n éirich beud dhuit air mo sgàth-sa." Dh'éirich Lochial moch 'sa' mhaduinn an ath latha, "latha na còcaireachd." Cha bu luaithe 'ghoir an uiseag na bha gille Mhic-Leòid air a bhonnaibh cuideachd, agus thachair e air Lochial a' spaidsearachd a mach air beul an tighe. "'S math do mhaochaidh, 'òganaich," ars' an ceann-cinnidh. "Cha mhath am modh do ghille Mhic-Leòid a bhi 'na chadal, agus Lochial 'na dhùsgadh, a's feum aig' air gillibh," ars' esan; "ach tha ball-airm a dh'ith orm." Dh'earail Lochial air a risd fuireach aig a' bhaile ach bha'n t-òganach do-lùbta. An uair a chunnaic Eòghann Òg so, thug e'u gille 'stigh do sheòmar nan arm. "Gabh do roghainn dhiubh sin, ach a li-aon," ars' am flath. Ach cia 'm ball air an do leag an gille a shùil ach an ceart fhear a bha toirmisgte. "'Si so," arsa Eòghann Òg, "mo bhana-chompanach féin, 'ille; agus b'ionann leam dealachadh ri m' bheatha na rithe." "A roghainn biodh dhà," ars' an t-òganach; "falbhaidh mi mar a thà mi."

Chruinnich na Camaranaich, a h-uile fear 's a lann siar air gu sgathadh na feara-dhris. Sud sìos iad Srath Lòchaidh "fo shrann-ruich na pioba," agus gille Mhic-Leòid cho dian-thogarrach ri 'h-aon dhiubh, a' leantuinn an oid'-ionusachaidh 'sna chuir e uidhe. Bha na fir uile ann an comh-aighe mar aon duine. Ruigear shìos Acha-dà-leogha, agus faicear na bodaich bhronnach air an sloichd air Goirtean an t-Sailleir, an deigh am builg a lìonadh le crùn-eachd a's feòil—an lòn-maidne mu dheireadh a chaith iad. Bha'n

t-arm dearg lionmhor, agus buidheann Lochial tearc; ach ars' an curaidh neo-sgàthach—" 'Illean, am faic sibh an taigeis mhòr ud shìos, air a lìonadh gu 'h-amhuich? Bior gach uile fhuir ullamh gu gaoth 'leigeil innte! Anuta!" ars' esan, 's e 'togail an iolaich-chatha—" anuta!" 's gach treun fhear 'ga leanailt, cho tìtheach air fuil Sasunnaich 's a bha'm madadh-ruadh riamh air an uan. Thug an dréugan guineach e féin a' cheud fhuil. 'Nuair a chuir e mach a' cheud urchair, " So agad i 'nis, agus iomair gu math i," ars' esan, 's e tionndadh ris a' Chuimeanach, gille Mhic-Leòid. Cha bu rabhadh gun fhreagairt so. Rinn an Cuimeanach pudhar le 'lámhachd. Leag gach dearcag nuadhanach—thorchuir gach fùthaidh cridhe—spealg gach buile-tuaigne claigionn—reub gach spoineadh-cromaige creubhag. Fhuair na Sasunnaich "faragadh fairge"—chuireadh gu bàs iad uile ach aonan a thàrr as, air snàmh thar caolas na h-Annaide, 's a thug a chasan as, taobh Airdegaibhre, a dh'innse sgeòil an fhuathais do cheannard a' Ghearastair Dnibh.

A nise, ged a bha Eòghann Òg Thòrr-a'-Chaisteil fuileachdach borb ris na Sasunnaich, bha e, 'dh'aindeoin sin, teò-chridheach r'a chàirdibh 's ri shluagh féin. Thoill gille Mhic-Leòid gabhail aige. Thug an ceann-feadhna dha cuireadh fuireach tuille aige féin. Chaidh e do Dhunbheagain an toiseach, a dh'innse d'a mhaighstir mar a thachair; agus air tilleadh gu Lochial, thug Sir Eòghann do'n Chuimeanach am baile air an do chuireadh an cath; agus lean a shliochd air àiteach a' bhaile sin, gus an do chinnich iad cho innurrach 's gu'n do cheannaich iad, o chionn beagan bhliadhnachan, fearann Ghrìsearnis 'nan tìr dhùchasaich féin, far a' bheil na tha 'làthair dhinbh a nis an tuineachas.

An deigh oidheche Airdrainich, b'fheudar do Lochial a bhi treis air chosnadh, gus an thuit dha an sgrìobhadh fhaotuinn a thug Diùc Atholl dha an oidheche sin. Theagamh, an deigh so, gu'n cuir mi thugaibh an sgeula sin, ma's beò dhuinn fada 'nar dithis. Cuiridh mi sìos an so ceithreannan òrain a rinn an Cuimeanach do Lochial ri linn da 'bhi air fògairt.

Gur h-e latha Lochial,
Rìgh! bu mhath do dhol sìos:
Bha trì fichead 's cóig ciad
Gun anam dhiubh!

Gu'n robh cuiridh mo ghràidh
'Gan dui-ruith gu tràigh,
'Toirt urrain a' bhlàir
A dh'aindeoin diubh!

Gu'n robh mise air do dhéigh,
'S do ghumna fo m' sgéith:
Gur duine air bheag céille
Nach leanadh thu.

&c. &c.

A.

SEANN SGEUL AIR CLÀRSAIR ÈIRIONNACH.

'S iomad sgeul a thainig nuas ann an eachdraidh na h-Èirinn air clàrsairean ainmeil. 'Nam measg sin, chuala sinn a h-aon mu thimchioll clàrsair iomraiteach d'am b'ainm "Clàrsair Mòr na Cauthaic." 'Se is ciall do'n fhocal "cauthaic" anns a' chànain Èirionnaich, aodach air a dheanamh de luachair, air a bualadh le slachdan, agus air a figheadh gu dlùth r'a chéile. Bha so na h-éideadh chumanta 'measg nan Èirionnach o chionn fhada. Le deise de'n t-seòrsa so o mhullach a chinn gu 'chalpa, agus le cuarain air an ceangal gu teann le iallaibh mu 'aobrain, chiteadh an Clàrsair Mòr a' siubhal na dùthcha. B'àbhaist da clogaid àrd do luachair, air chumadh builinn siùcair, agus air fbigheadh air an dòigh cheudna, a chaitheadh air a cheann, agus babagan de gach seorsa crochta nan stiòlaibh o mhullach na clogaid sìos mu 'ghuailibh.

Bha'n clàrsair so na sgoileir comharraichte. Leughadh e Gréngais 'us Laidinn, ged nach robh focal Beurla 'na cheann; ach cha ghabhadh e 'chlàrsach 'na làimh gun an deise luachrach a chuir uime; agus cha dùraichdeadh e anart, no cùraing, no clò, 'chuir uinne—nì air bith ach a lùrach 's a chlogaid luachrach, a réir cleachdadh na h-Èirinn.

Thainig clàrsair Cuimbrich (*Welsh*) thairis do Bhaile-'chliabh an Èirinn, le morair Sasunnach, an uair a bha 'Phàrlamaid Èirionnach na suidhe; agus chuir e gu dùlan gach clàrsair 'bha eadar dà mbaoil na h-Èirinn. An deigh do'n mhoraire Shasunnach a chlàrsair a ghairm a stigh, agus air dha port no dhà a chluiche an làthair cuideachd mòr a bha cruinn, dh'fheòraich e an cual' iad riamh a choimeas. Fhreagair morair Èirionnach—" 'S aithne dhòmhsa clàrsair a'm' dhùthaich, gun uiread a's cùraing air a dhruim, gun aodach clò no cainb air, a chluicheas gu mòr nì's feàrr." Chuireadh geall mòr—ceud bonn òir. Chuireadh fios air "Clàrsair Mòr na Cauthaic," agus thainig e gu Baile-'chliabh, le 'lùrach luachrach, 's le 'chlogaid luachrach, 's a chlàrsach air a dhruim. Bha e na dhuine àrd, eireachdail, dreachmhor. Chruinnich cuideachd mhòr a dh'éisdeachd nan clàrsairean. Chluich iad air dòigh a thatuinn ris a' chuideachd; ach cha robh guth nach do thogadh as leth an Èirionnaich; agus dh'aidich am fear eile nach b'urraim da 'chorag a chuir air teud an coimeas ris a' chlàrsair Èirionnach. 'Nuair a sguir iad a' chluiche, thainig na h-uaislean 's na morairean a sheanachas ris a' Chlàrsair Mhòr; agus thairg e labhairt ris an aon a b'fheàrr 'nam measg, ann an Gréngais no'n Laidinn; ach cha'n fheuchadh a h-aon diubh so a dheanamh.

Tha fathast cuid do dheircibh air feadh na h-Èirinn air a' bheil lùrach luachrach; ach tha clàrsairean a' fàs nì's gainne o linn gu linn.

MARGADH CLÒIMH A'S CHAORACH INBHIRNIS.

Sheas am margadh so air a mhìos a chaidh seachad. Cha deach mòran reiceadh a dheanamh; ach na chaidh 'reic, b'ann air prìsean ni b'isle na bha 'dol air a' mhargadh cheudna an uiridh. Bha na h-uain o naoi sgillean gu dà thasdan an ceann ni b'isle, agus muilt o leth-chrun gu cóig tasdain. A' chlàimh airson an d'fhuairear o chòig-tasdain-deug gu sèa-deug a's sèa-sgillinn an uiridh, cha d'ràinig i am bliadhna ach o dhà-dheug a's sèa-sgillinn gu ceithir-tasdain-deug.

Latha no dhà an deigh margadh Inbhirnis, bha margadh de'n t-seòrsa cheudna aig Peairt, far an robh prìsean ni b'fheàrr a' dol; ach dh'fhuirich mòran de gach seòrsa gun reiceadh. Cha'n eil teagamh nach éirich prìsean mu'n tig meadhon an fhogharaidh. Tha uile choltas gum bi am fogharadh tràth agus pailt—cha'n fhacar riamh sìd is fàbharaiche. Tha ath-bheothachadh a' tighinn air màlairt an cumantas. Tha àrd mharsantan na rìoghachd a' gabhail misnich, agus mòran gnothaich a' dol air aghart 'sna tigh-ean-cuspuinn.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

P. CAMPBELL & CO., BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; *Tullymet*: C. Morris; *Dingwall*: A. Keith; *Dornoch*: Wm. Munro; *Tain*: James Ross, Jun., Druggist; *Thurso*: Mrs Russell; *Dundee*: Wm. Middleton; *Oban*: J. Miller; *Greenock*: A. M'Iver; *Grantown*: A. Cumming; *Abernethy*: D. Gordon; *Dunkeld*: D. M'Donald; *Portree*: A. M'Donald; *Balachulish*: J. M'Innis; *Lochgilphead*: N. Gillies; *Argyle Furnace*: A. Gillies, Schoolmaster; *Lochdonhead*, Mull: D. Fletcher; *Bonaw*: John Cameron, Postmaster; *Aberfeldy*: D. Cameron, Bookseller; *Port Ellen*, Islay: D. Hunter; *Glencarradale*: N. M'Donald, Schoolmaster; *Bunessan*, Mull: Donald M'Lean, Postmaster; *Portnahaven*: Norman M'Lean; *Kilchoman*: Angus M'Leod; *Strontain*: D. Cameron; *Tiroran*, Mull: John M'Donald; *Cuwdor*, Nairn: J. Robertson; *Pitlochry*: D. Robertson; *Fortingall*: D. Campbell; *Laggan*: Rev. J. M'Pherson; *Alness*: D. M'Diarmid; *Doune*: D. M'Diarmid; *Barra*: A. M'Donald, Esq; *Ormsary*: G. Ross; *Tayinloan*: A. Sutherland; *South Uist*: A. Chisholm; *Callander*: P. M'Kinlay; *Balquhidder*: J. Carlton; *Dunvegan*: D. M'Donald; *Carbost*: A. Cameron; *Glendaruel*: D. M'Lean; *Fort-Augustus*: J. Forbes; *Aberarder*: John Rose, Schoolmaster; *Inverness*: James Smith; *Kilmorack*: J. Rose; *Lochalsh*: D. Matheson, Ardelve; *Portree*: Alex. M'Donald, Esq.; *Kintail*: D. M' Rae, Postmaster, *Lochbuy*; *Mull*: John M'Dougall, Schoolmaster; *Beauly*: Rev. A. M'Kenzie, Kiltarlity; *Easdale*: D. M'Intyre; *Glenera*: A. M'Innes; *North Balachulish*: Allan Cameron, Schoolmaster; *Nova Scotia*: Rev. R. Williamson, *Pictou*; *General Agent for North America*, John M'Neil, Esq., *Charlotte-town*, *Prince Edward's Island*.



AN LA A CHI 'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

Mios-Meadhoin an Fhogharaidh.

AN 31 ÀIREAMH.] SEPTEMBER 1, 1842. [PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Sermon for the Young, page 171—Judea and the State of the Jews, 177.—The Grants of Strathspey, 182.—Deaths of the Apostles, 184—Patrick's Well, T'ree, 185.—Song of Solomon (Metrical Version of Chapter VI.), 186—Irish Fairies (a Legend), 187—Bad Practices, 192.—Allan M'Ruaraidh, who fell in the Battle of Sheriffmuir, 193—The Arabian Horse, 195.—Review of a New Gaelic Work, 196.—Familiar Dialogue (the Queen's Visit to Scotland), 196.

SEARMOIN ATH-GHEARR AIRSON ÒIGRIDH NA GAIDHEALTACHD.

“As eugmhais creidimh, cha'n 'eil e'n comas a thoileachadh.”—Eab. xi. 6.

'Si an fhìrinn 'tha nis fo ar beachd, nach 'eil e comasach Dia a thoileachadh as eugmhais creidimh. Feuchadhmaid so a shoilleir-eachadh mar is feàrr a dl'fhaodas sinn.

Mu'n téid sinn air ar n-aghart, nì's faide, innsidh m' sgeul beag faitneach a bheir seòrsa do shoilleir-eachadh dhuinn air nàdur an nì sin ris an abair sinn creidimh.

Bha duine diadhaidh crìosdail aig an robh nighean bheag—caileag anbharrach thuigseach, thaitneach. Bha i air latha àraidh a' cleasachd le grìogagan bòidheach a thug ban-charaid dhi; agus cha robh, 'na barail, nì air an t-saoghal uile a b'àillidh agus bu luachmhoire na na grìogagan beaga so. Bha iad gach àm 'na lamhan, agus i 'gan sealltainn do gach neach a thainig 'san rathad. “S bòidheach,” ars a h-athair rithe, “na grìogagan àillidh sin.”

VOL. III.—No. XXXI.

“‘Seadh ; nach bòidheach iad, athair?” deir ise. “Tha thu fìor thoilichte leo,” ars’ esan. Fhreagair i gu’n robh—nach tugadh i iad airson na bh’aice air aghaidh an t-saoghail. “An ann mar sin a tha?” deir a h-athair. “Éisd rium! Tog na grìogagan sin, agus tilg iad anns an teine.” Dhearc i air le mòran iongantais, ‘s na deuran ‘na suil. “An e na grìogagan?” ars’ ise. “‘Seadh,” ars’ a h-athair, “na grìogagan. Dean thusa, ‘ghràidh, mar is àill leat féin; ach tha fios agad nach d’iarr mis’ ort rianh nì air bith a dheanamh nach robh airson do mhaith féin, agus tha mi nis a rithisd ag ràdh riut, tilg ‘san tein’ iad!” Dh’amhaire a’ chaileag bheag ‘na aodann car tamuil. Thog i na grìogagan, ‘s a cridhe an impis sgàineadh, agus thilg i iad ‘san teine, mar a dh’iarradh oirre. “Leig leo luidhe an sin,” deir a h-athair. “Chinneadh tu tuille mu’n déidhinn an ceann latha no dhà, ach na can focal mu’n tim-chioll air an àm.” Latha no dhà an deigh so, thug a h-athair dhachaidh d’a h-ionnsuidh grìogagan gu mòr a b’àillidh, ‘s bu rìomhaiche, agus bu daoire, na’n fheadhainn a thilg i ‘san teine. Chuir e iad ‘na làimh. “So, ‘fhendail,” ars’ a h-athair; “chionn gu’n do chreid thu mise ‘nuair a thubhairt mi riut gum b’fheàrr dhuit dealachadh ris na grìogagan eile, agus deanamh mar a dh’iarradh ort, thug mise so do d’ ionnsuidh. Tha so agad mar dhuais airson t’athair a chreidsinn. Nis,” ars esan, “fhad ‘s is beò thu, na dì-chuimhnich ciod e creidimh. Thilg thusa air falbh do ghriogagan ‘nuair a dh’iarr mis’ ort, do bhrìgh gu’n robh *creidimh* agad annam, agus a chionn nach d’thug mi ach a’ chomhairle a b’fheàrr dhuit rianh. Cuir an aon earbsa agus an aon chreidimh ann an Dia. Creid na h-uile nì tha e ag ràdh riut ‘na fhocal. Co dhìubh tha thu ‘ga thuigsinn no nach ‘eil, creid e—gur e do mhath bu mhiann leis a chur air aghaidh, agus a tha ‘na bheachd anns na h-uile nì tha e ag àithne dhuit a dheanamh.”

Bha so na chreidimh ‘na h-athair, ach cha’n e so an creidimh tha ri chàramh ann an Dia e féin. Iunseam dhuit ciod e creidimh ann an cùram Dhé.

Bha duin’-uasal àraidh, agus a bha air àm àraidh ann an luing, air latha anbharrach stoirmeil. Bha doinionn mhòr a’ séideadh—a’ mhuir ag éiridh suas na beanntaibh, ‘s an fhairge dol thairis orra—an long a’ luasgadh gu mòr, agus eagal orra na h-uile mionaid gu’n rachadh i as a chèile, agus gum biodh iad air am bàthadh. Bha mòr eagal air bean an duin’-uasail. Ghreimich i gairdean a fir, a’s i air a’ chrith le oillt. “Nach ‘eil eagal ortsa idir?” ars’ ise. Cha d’thubhairt e diog, ach fhair e a chlaidheamh a tharuing as an truail, agus chuir e r’a h-uchd e, mar gum biodh e dol ‘ga ruith troimhe. “‘Bheil eagal ort,” ars’ esan, “roimh ‘n chlaidheamh?—tha e mar leth-oirleach o d’ chridhe.” “Cha’n ‘eil,” ars’ ise, “eagal air bith orm. Ciarson a dh’fheòraich thu?” “Tha do bhrìgh,” ars’ esan, “gu bheil e an làimh do chèile phòsda, nach deanadh lochd no cron ort airson na tha ‘san t-saoghal. Gu dearbh, cha deanadh,” ars’ esan; “‘s nach cuimhnich thu gu bheil

an stoirm an làimh do Dhé, t'athair glòrmhoir, gràsmhoir, aig a' bheil barrachd gràidh ort na th'aig na bheil air uachdar an t-saoghail. Cha'n 'eil eagal ormsa, agus na biodh eagal ortsa ni's mò."

So creidimh ann an cùram agus ann an caoimhneas Dhé—bha'n creidimh so taitneach do Dhia. 'Ne nach robh an duine so toilichte gu'n robh uiread do dh'earbs' aig a' mhnaoi ann—nach robh eagal oirre ged a chuir e an claidheamh ruisgte r'a h-uchd? Agus tha Dia toilichte 'nuair a dh'earbas sinn' ann—a chuireas sinn creidimh 'na ghràdh, 'na chaoimhneas, agus 'na chùram atharail. Tha'm Bìobull ag iarraidh oirnn' ar n-aran a thilgeadh air na h-uisgeachan, agus an ceann beagan ùine gum faigh sinn air ais e. Ciod is ciall d'a so? 'Se *rice* seòrsa do ghràinne Inneanach, a tha iad a' cur ann an dùthchanan na h-àirde 'n ear, gu h-àraid 'san Èiphit. A h-uile bliadhna, 'nuair a leaghas an sneachd 'sna monaidhean, ataidh an *Nile* (abhuinn mhòr na h-Èiphit), agus thig i thairis air an dùthaich uile, a tha mar mhuir mhòr car tamuill. An uair a tha i 'tuiteam, agus a tha e comasach do dhaoine dol a mach, tha iad a' tilgeadh a' ghràinne sin ris an canar *rice* air uachdar nan uisgeachan; agus tha iad a' deanamh so mach á bàtaichean beaga air a' bheil iad 'dol a mach. Tha'm pòr a' tuiteam air a' chlàbar nò air a' phòll a dh'fhàgas an abhuinn; agus 'nuair tha na h-uisgeachan air tràodhadh, tha'n gràinn an deigh greimeachadh agus fàs; agus, ri h-àm, tha fogharadh pailt tarbhach aca de'n phòr a bha mar so air a thilgeadh air na h-uisgeachan. So agaibh creidimh an duine tha tilgeadh a phòir air na h-uisgeachan. Tha e 'creidsinn gum fàs e—ged a theid e air seòladh, gu'n ruig e am poll, far am freumhaich e—am fàs e—agus fadheòigh an tig e fo dhéis, agus an abuich e airson an fhogharaidh. So creidimh ann an freasdal Dhé, ach cha'n e so creidimh a' Bhiobuill; oir faodaidh a leithid so, agus tha leithid so, do chreidimh aig daoine peacach. Faodaidh droch dhaoine cur agus buain, gun snuaineachadh mu'n Dia sin o'm bheil am beannachd a' teachd, a tha 'cuir torradh ann, 's a tha toirt air abachadh airson an fhogharaidh. Tha'n creidimh so aig mìltean a tha dì-chuimhneach agus suarach mu Dhia.

Ach ciod e an creidimh so tha taitneach le Dia? Innsidh mi sgeul beag eile dhuibh, mò chàirdean òga.

Bha'n sud, am o chionn fhada, Duine ris na labhair Dia; agus dh'iarr e air a dhùthaich fhàgail, agus inneachid do dhùthaich choimheach chéin—a bheatha 'chuir seachad ann an bùthaibh, agus sin uile ann an ceàrn far nach biodh dachaidh aige ni's mò. Cha d'fhuillairt an duine diog—cha do dhiùlt e, 's cha do chuir e an aghaidh Dhé, ach rinn e mar a dh'aithn Dia dha. 'Na dheigh so, bha aig an duine so mac—aon mhac. Dh'innis Dia dha gum fàsadh ain mac suas—gun biodh e na athair do mhòran shluagh—gun éireadh uaithe iomadh rìoghachd, agus mìllionan do dhaoine. Ach an deigh do Dhia so a radh ris, dh'iarr Dia air a' cheart mhac so a ghabhail, agus tobradh—a chuir gu bàs—a chloinn a losgadh le teine air mullach beinne. Cha d'innis Dia c'arson a bha so air

àithne dhia; ach cha luaithe 'fhuaire an àithne ó Dhia na chuir e roimhe géilleachduinn, agus a dheanamh mar a dh'iarradh air. Chruinnich e an connadh—chunnaic e an teine 'lasadh air an robh e r'a mbac a losgadh—cheangail e a lamhan agus a chasan—agus shín e a lámh, agus ghlac e an sgian leis an robh e r'a mbac a chuir gu bàs. Ach bhachd Dia e, agus dh'àithn e dha gun a dheanamh—gu'n robh reitlie dlùth dhia, agus e a ghabhail an reithe, agus 'iobradh au àit a mhic.

So nis creidimh ann an Dia; oir chreid Abrahàm—b'e sin ainm an duine—chreid e Dia, agus thug e géill dha. Bha e làn chinnteach gu'n robh Dia glic, fìosrach, agus gràs-mhor, ged nach do thuig e c'arson a dh'iarr e air nì co cruaidh agus co deuchainneach a dheanamh. Tha'n eachdraidh so r'a fhaotuinn anns an dara caibideil thar an fhichead de leabhar Genesis, agus chomhairlichinn duibh an caibideil sin a lengladh.

Innsidh mi sgeul beag eile dhuibh, mar shoilleireachadh air nàdur creidimh. Nam biodh tusa beò 'nuair a bha clann Israel anns an Èiphit. Nam biodh tusa air dol a mach air feasgar àillidh samhraidh sìos ri taobh na h-aibhne, 'beachdachadh air an t-sealladh tha an sud ri fhaicinn. Faic na craobhan ud thall—am bothan beag ud dlùth dhoibh. Is daoine bochd ìosal tha 'fuireach anns a' bhothan. Tha'n tigh beag—cha'n 'eil uinneag air; agus is tràill-eàn truagh tha 'fuireach ann. Ach amhairc a stigh do'n bhothan, agus beachdaich air na tha 'dol air aghaidh. Faic ciod tha'm boirionnach bochd ud a' deanamh. Faic mar tha i 'figheadh cobhain no ciste bheag de chuilc a chruinnich i taobh na h-aibhne. Moth-uich mar tha i 'gul 's a' caoineadh fhad 's tha'n obair 'dol air aghaidh; agus faodaidh tu 'thuigsinn, leis mar tha 'bìlean a' gluasad, gu bheil i ri ùrnuigh. Tha i an deigh an obair a chrìochnachadh—tha'n cobhan réidh. Thoir fainear annis na tha i 'deanamh. Faic i 'dol a null gu taobh eile an tighe, agus a' tógail pàisde beag maòth 'na gairdean. Tha i 'ga phògadh. Tha i 'g ùrnuigh ri Dia a's a leth. Tha i 'ga chàramh anns a' chobhan, no anns a' chiste chuilc a rinn i. Tha i 'gairm piuthar an leinibh, agus ag earbsa na ciste rithe—ag àithne dhi a giùlan sìos do'n abhuinn, agus a càramh 'mesg fìa cuilc air snàmh anns an abhuinn. Tha i féin (màthair an leinibh) a' pilleadh dhachaidh gu brònach, tùrsaich, trom, agus a' gnidhe gn dùrachdach air Dia. Ciod nis a thaebras do'u leanabh so? Tha beathaichean eagallach 'san abhuinn so, ris an canar *crocodiles*. Nach marbh 's nach mill iad an naoidhean? Cha'n eagal da. Bha creidimh aig a màthair ann an Dia, agus gabhaidh Dia cùram dheth. Agus ghabh Dia cùram de'n naoidhean; oir thachair do nighean an rìgh bhi 'mach 'ga nithe féin 'san abhuinn. Chunnaic i an cobhan 'beng am measg na cuilc, agus chuir i ban-òglach gu thoirt d'a h-ònnuidhe. Nuair a dh'fhosgail i e, chunnaic i an leanabh. Ghabh i truas dheth—thug i dhachaidh e—thòg a's dh'arachaic e mar mhac rìgh; agus b'e an leanabh sin Maois, ceannard sluagh Israel, fàidh Dhé, agus an neach a sgrìobh mòran de'n t-Seann Tiomnadh.

Nis, anns an eachdraidh so, tha soilleireachadh agaibh air creidimh. Tha sibh a' faicinn ciod e creidimh ann an Dia—creidimh ann an Iosa Crìosd; 'se sin, creidimh co làidir ann 's a dh'aomas, a chomh-éignicheas sibh, gu ùmhlachd agus géill a thoirt d'a àithntean agus d'a thoil.

Tha sibh a' creidsinn gu'n robh Esan ris an canar Iosa Crìosd aon uair 'san t-saoghail so—gu'n d'rinn e na mìorbhuilean sin air a' bheil sibh a' leughadh 'san t-soisgeul—gu'n robh e ro naomh—gu'n do labhair e na briathran sin tha sibh a' leughadh 'na fhocal. Tha sibh a' creidsinn gu'n do bhàsaich e airson pheacaich—gu'n d'éirich e o'n raigh—gu'n deach e suas do nèamh—gu bheil e beò an sin—agus gu bheil e 'deanamh math d'a shluagh. Tha sibh a' creidsinn na h-uile nì tha sibh a' leughadh mu 'dhéidhinn 'san t-soisgeul; agus ma tha'n creidimh so na chreidimh ceart agus firinneach, tairnidh e sibh gu Crìosd a ghràdhachadh, do bhrìgh gu'n do ghràdhaich Esan sibhse. Aomaidh agus comh-éignichidh an creidimh so sibh chum 'àithntean a choinhead. Gabhaidh sibh tlachd ann a bhi 'gan coimhead, thaobh gu bheil gràdh agaibh air, agus a chionn gu bheil làn fhios agaibh gu bheil sàir-dhuais a' feitheamh airson gach nì math tha sibh a' deanamh air a sgàth-san.

Nan tachradh dhuitsa 'tuiteam mach o bhruaich aibhne do'n t-sruth far an robh an tuil a' ruith gu bras, 's gu'n robh thu an impis a bhi air do bhàthadh; 's gu'n tilgeadh neach àraid ball da d' ionnsuidh, air an greinicheadh tu, 's leis am faigheadh tu gu tìr. Bhiodh so cosmhuil ris na rinn Crìosd air do shon. Tha sinn uile 'bàsachadh ann an uisgeachan domhainn a' pheacaidh. Tha Crìosd a' gairm oirnn amharc d'a ionnsuidh-se—tha e 'tilgeadh culaidh-thèaruinnteachd d'ar n-ionnsuidh; ach cha dean sin stà no math dhuinn, mar greimich sinn air—mar glac sinn e. Nis, an glacadh agus an greimeachadh so, 'se sin *creidimh*. Tha creidimh 'toirt oirnn Crìosd a ghlacail, dìreach mar a ghlacadh duine 'n ròp, no'm ball, no'n taod, a thilgeadh a mach d'a ionnsuidh, 's e 'dol fodha. Ach cuimhnichamaid nach e am ball a theasairg sinn, ach Crìosd, a ghabh truas, a thilg e, a dh'iarr oirnn greim daingeann a ghabhail, agus a tharruing sinn gu tìr. Tha e mar so 'ga'r tarruing as na h-uisgeachan domhainn; agus 'nuair tha e 'ga dheanamh so, tha sinn air ar comh-éigneachadh gu a ghradhachadh, agus gu géill a thoirt d'a thoil agus d'a àithntean. Ach is miann lean innse dhuibh an math tha creidimh a' deanamh do neach air bith.

'Sa' cheud àite, tha e 'toirt air a bhi ùmhal do Dhia, agus seirbhis a dheanamh dha. Cha sguir neach gu bràth do pheacadh, agus cha mhò 'ni iad seirbhis do Dhia, na 'dh'iarras iad a thoileachadh, mar 'eil iad a' creidsinn gu bheil so taitneach do Dhia—gu bheil math 'na lorg—gu'n toir e duais dhoibhsan a ni so. agus gu'n éirich gu math dhoibh. Ciod am math is urrainn am Bìobull a dheanamh do neach air bith ach dhoibhsan thia 'creidsinn a' Bhìobuill? Cò a sheachnadh olc, agus a bhiodh ag iarraidh a' mhath? Cò, a cheannsaicheadh a dhroch mhiannan féin, a chumadh a theanga fò smachd—~~a~~ bhiodh stuama, firinnich, eunraic—mar biodh fios aca

gu bheil Dia 'gam faicinn—Dia 'toirt fainear gach nì—a' léirsinn gach nì—agus gum faigh iad an deigh so mar rinn iad sa' choluinn? Mu chreidsinn gach nì tha Dia 'g innse dhuinn 'na fhocal, bithidh sinn cùramach gus na h-uile nì tha e 'g àithne dhuinn a dheanamh. Tha'm maraiche 'dol thairis air cnantaibh mòr farsning do dhùthchanan céin, agus tha e 'seirbliseachadh gu dilis, do bhrìgh gu bheil e 'creidsinn gum faigh e tuarasdál. Mar so, is éigin duinn creidimh 'bhi againn ann an Dia, nam bàill leinn seirbhis a dheanamh dha, agus a thoileachadh.

'San dara àite, tha creidimh 'ga'r deanamh math. Mothuichaibh mar rinn na h-abstòil, aon uair 's gu'n do chreid iad Iosa. Ged bha'n saoghal air éiridh suas 'nan aghaidh, 's a' deanamh geurleanmhuinn orra, 's 'gan cur gu bàs, gidheadh chreid iad ann an Dia—chreid iad 'fhocal. Thug iad gràdh do Chrìosd, agus chuir iad gach cunnart a's cruaidh-chas gu dùlan. 'Se creidimh a bhrosnaich iad gu gach nì fhulang, 's gach nì a dheanamh. Agus nach e an creidimh cendna tha 'toirt air daoine beannichte crìosdail dol a mach air feadh an t-saoghail a shearmonachadh an t-Slànnighir? 'Se creidimh tha 'dùsgadh dhaoine crìosdail diadhaidh gu math a dheanamh anns gach àit, agus air gach àm. 'Se creidimh tha 'toirt air an athair agus air a' mhàthair chrìosdail ùrnuigh a dheanamh airson an leanabanan beaga. 'Se creidimh tha 'toirt orra 'n clann a theagasg gu h-ùrnuigh a dheanamh air an son féin. 'Se creidimh tha 'toirt sòlas agus comhfhurtachd do'n mhàthair bhrònach, mar tha i 'fàgail an t-saoghail so, agus a' dealachadh r'a teaghlach, agus a' gabhail a' cead deirionnach dìubh. Chumaid mi aon uair màthair a bha air leabaidh-bàis, ach bha làn chreidimh aic' ann an Iosa Crìosd; agus an deigh dhi a pàisdean a ghairm timcheall a leapach, ghlac i aon dìubh air làimh. Labhair i rin gu ciùin, sàmhach. Thug i comhairle fa leth do gach aon dìubh. Bheannuich i iad. Ghabh i a cead deirionnach dìubh. Ghuidhe i air an son ri Dia, agus dh'earb i gach aon dìubh ris. 'Se creidimh a chnidich leatha so a dheanamh.

'San treas àite, tha creidimh na chùl-thaie an àm gach denchainn. Tha amanan ann 'nuair nach 'eil e an comas an t-saoghail 's na th'ann comhfhurtachd no sòlas a thoirt duinn, na furtachd air bith a dheanamh as ar leth. 'Sann o Dhia amhàin is urrainn cùl-taie no cuideachadh teachd. B'e so an cor 'san robh Noah 'nuair bha e féin 's a theaghlach 'san àire, air udal nan uisgeachan. 'Se Dia amhàin a b'urrainn toirt air na h-uisgeachan traodhadh, agus toirt air an fhearam thioram teachd 'san t-sealladh. B'e so an cor 'san robh Daniel 'nuair bha e air a thilgeadh 'measg nan leòimhan garg. Có ach Dia a b'urrainn an cìosnachadh? 'Se so cor gach crìosduidh an àm bàis, co dhìubh tha e 'bàsachadh 'na thigh féin 's na dhùthach féin, no 'measg coigrich, ann an tìr chéin. O! is ionad sgent taitneach a b'urrainn duinn innse mu thimcheall buaidh a's éifeachd creidimh, ann an amanan denchainn! O chionn beagan bhliadh-nachan, bha dlùth do dhà-fhichead guaillear a bha shìos ann an slochd domhainn dorchais; agus thuit cuid de'n t-slochd, air chor

's nach robh e comasach dhoibh teachd a mach. Rinneadh na li-uile nì bha an comas dhaoine chum an ruigheachd, agus an tèarnadh as an àit eagallach; ach ghabh so ùine co mòr, 's gu'n do bhàsaich na h-uile h-aon diubh. 'Nuair a thàirneadh nìos an cuirp, agus a b'urraim daoine 'n t-àit 'san robh iad a ruigheachd, fhuaras seachdnar òganach taobh a chèile, ann an àit air leth o chach. Bha fear dhiubh so na òganach diadhaidh, fìosrach, gaolach air bhì 'leughadh focal Dhé. Bha 'Bhiobull aige gu h-ìosal anns an t-slochd; agus 'nuair a ràinig iad an t-àite 'san robh a chorp, fhuairas an lòchran do dh'iaruinn-geal 'san robh an solus air a ghiùlan, agus air taobh an lòchrain so bha na briathran so air an deargadh le iarunn—seòrs' do litir a sgrìobh e dh'ionnsuidh a mhàthar, bantrach bhochd:—"A mhàthair ghràdhach! bi strìochdta do thoil Dhé. Na bi gearan, na ri monnùir. Bha sinne 'toirt cliù agus moladh do Dhia fhad 's a bha ùine againn. A mhàthair, bi thusa dìleas do Dhia: earb as. Abair ri m' bhràthair, e 'bhi cuimhneachadh air Dia, agus càirdeil dleasnach d'a mhàthair. Slàn leat! Tha mis' sona!"

So nis creidimh. Cia meud an sòlas a thug an litir so d'a mhàthair!—an teachdaireachd a chuir e d'a h-ionnsuidh aig àm bàis! O, mo chàirdean òga, gu'n tugadh Spiorad Dhé dhuibhse an creidimh ceudna! Amen.

MU IUDEA AGUS COR NAN IUDHACH.

Air a tharruing o chunntas air turas a ghabhadh le feadhainn de mhinistearan Eaglais na h-Alba, gu rannsachadh a dheanamh mu chor spioradail Israeil.

THA fìos aig gach aon a tha an tombas air bith eòlach air a' Bhìobull, gu bheil e air a ghealltuinn an sin, thairis agus thairis, gum bi caoraich sgabta tighe Israeil, a tha nis air seachran air na beanntan d'orcha, fathast air an tional chum a' chro—gu'n toirear iad gu gabhail ris an Tì a cheusadh agus a chuireadh air cùl leo—gu bhì sealltuinn Ris-san a lùt iad—agus gu bhì treigsinn am mì-chreidimh 's an aingidheachd. O mhòran earrannan de sgrìobhaidhean nam fàidhean, agus gu h-àraidh o'n deicheamh agus an aonachaidhean deng de litir Phòil chum nan Ròmhanaich, tha e sòilleir gum bi "Israeil fathast air an tional, agus gum bi Sion fathast glòirinnhor."

A nis, chan 'eil aon aig a' bheil gràdh do dh'anama, no eud airson glòir Chrìosd, nach bi guidhe gu'n robh na làithean 'san tualair na nìlle so air an greasad—gu'n robh glòir nan làithean deirionnach air a luathachadh. Chan 'eil aon aig a' bheil na h-aignidhean so nach iarr iompachadh gach fìne agus treubh air uachdar an t-saoghail. Ach tha còir shìonaichte aig sliochd Abraham air arnuighean, air bàigh, agus air saothair chrìosduidhean; oir is ann "a Sion a thàinig slàinte 'mach d'ar n-ionnsuidh-ne"—

'sann uathsan a dhealraich an sòlus sin 'sam bheil sinne 'nis a' deanamh gàirdeachais—'sann doibhsan a bhuineadh an uchd-mhacachd agus a ghlòir, agus na coimh-cheangail, agus tabhairt an lagh, agus seirbhis Dhé, agus na geallaidhnean—'sann doibhsan a bhuineadh na h-aithrichean—'sann uathsan a bha Crìosd, a réir na feòla—neach is e Dia os-cionn nan uile, beannuichte gu sìorruidh. Agus a bhàrr air a so uile, tha e air innseadh gum bi iompachadh nan Iùdhach chum mòr bhuannachd do gach eaglais chrìosduidh air thalamh; “oir ma's e an tilgeadh-san air falbh réiteachadh an domhain, ciod e an athl ghabhail ach beatha o na marbhaibh?”—(Rom. xi. 15. Faic caib. xi. gn léir.) Bu choir do gach crìosduidh, matà, 'bhi sìor “iarraidh maith Shìon”—a bhi 'g'uidhe gu'n robh mi-dhiadhachd Iacob air a thionndadh air falbh. Ach ged a bha 'liuthad gealladh agus fàisneachd fa chombair chreidmheach, car iomad linn cha robh aon a bha 'gabhail cùram mu annanna nan Israelach—cha robh neach a bha 'gan stiùradh air an t-slighe cheart. 'Sann a bha crìosduidhean agus Geintilich, mar gum b'eadh, a' strì cò bu mhò a nochdadh do thàir dhoibh—cò bu mhò a shaltradh a sìos iad; gus fa dheireadh an do chuir Dia ann an cridhe Eaglais na h-Alba sealltuinn as deigh caoraich chailte Israeil, agus teachdaireachd sìth a chur d'an ionnsuidh; agus tha dòchas againn gum faigh ar n-eaglais coimh-lìonadh a' gheallaidh a th'air a chur sìos, Salm cxxii. 6—“Soirbhichidh iadsan leis an ionmhuinn thu.”

O chionn thrì bliadhna, rùnaich àrd-sheanadh ar n-eaglais teachdairean a chur a dh'ionnsuidh nan Iùdhach, a shearmonachadh an t-soisgenl dhoibh, “a dhearbhadh dhoibh gum b'e Iosa da rìreadh an Crìosd,” agus gum b'fhaoim doibh a bhi sealltuinn ri neach air bith eile ach Ris-san a chaidh 'cheusadh air Calbhari. Ach a chionn gu bheil na h-Israelich (mar a chaidh gu minig innseadh dhoibh le beul nam fàidhean a bhiodh iad) air an sgapadh ann measg uile fhineachan an domhain, cha robh e furasd' a ràdh ciod a' chearna do'm b'fheàrr no'm bu fhreagaraiche na teachdair-ean so a chur air tùs. Uime sin, dh'aontaich an t-àrd sheanadh, mu'n rachadh iad ni b'fhaide air an aghaidh, daoine cràbhaidh agus fòghluimte de'n àireamh féin a chur a mach a dheanamh raunsachaidh mu chor nan Iùdhach, a dh'fhiosrachadh c'àit an b'iomchuidh tòiseachadh air an obair mhòr a ghabh iad os-làimh; agus a réir an rùn so, chaidh ceithrear de mhinistearan ar n-eaglais troimh earrainn mhòir de thìr-mhòr na Roinn-Eòrpa—troimh an Éiphit, troimh Iudea, agus earrannan eile do Shiria. An deigh dhoibh pilltinn, thug iad seachad ann an leabhar cunntas air an turus; agus o'n leabhar so tha e 'nar beachd, ma bhios so taitneach dhnibhse agus do'r luchd-lenghaidh, ni no dhà 'eadar-theangachadh 's a tharruing a mach o àm gu àm, an dòchas gu'n gabh na Gàidheil suim de'n cheisd chuidthromaich so.

Feudaiddh sinn ainneachadh gur cunntas a tha da rìreadh brònach a thug an luchd-turnis air ais mu chor nan Iùdhach; ach is cunntas e a tha comh-chòrdadh gu mion ris an fhàisneachd a th'air

a dheanamh mu'n timchioll; agus 'nuair a chrì sinn aon earrann de fhocal Iehobhah air a choimh-lionadh, bu chòir dhuinn dòchas suidhichte altrum gum bi gach earrann eile air a choimh-lionadh 'na àm maith féin. 'Cheana, rinn an turas a bha'n so mòran feum, ann an inntinnean dhaoine 'shoilleireachadh mu thimchioll Israeik. 'Cheana, chuireadh ministear a's ministear a mach le'n eaglais d'an ionnsuidh; agus tha dòchas againn gu'n enirear an tuille agus an tuille 'mach, gus am bi Rìgh Shìon air aideachadh leis gach aon de shìol Abrahaim, agus an ruith gach fine agus treubh gu Sion. Tha'm fogharadh da rìreadh pailt, agus an luchd-saothair tearc. Guidheamaid air Tighearna an fhogharaidh, &c. &c.

Ach faiceamaid an cunnantas a tha'n luchd-turuis a toirt mu iad a tharrring dlùth do Ierusalem, "baile an àrd Rìgh."

Chaidh sinn a nis (deir iad) a steach do Ghleann Elah, far a' bheil mòran dhaoine an barail an do mharbhadh Goliath o Ghat le Dàibhidh—gleann ro chumhann, corrach, cas, far am feudadh an dà armailt seasamh dlùth air a chéile, aon air gach taobh de'n eas tha 'dol troimh mheadhoir a' ghlinne, gun ruigheachd air a chéile le'n airm; agus an grunn an eas so tha e cosmhuil gu'n dò thagh Dàibhidh a' chlach sin le'n do chuir e as do'n fhamhair fhiadhaich a thainig a thoirt dùlan do dh'armailt an Dé bheò. Dh'ìrich sinn a rithis beinn ro lom cruidh, far an robh an ceum ro dhoirbh. Air dhuinn cuimhneachadh air a' chunnantas a bha luchd-turuis eile 'toirt air an àite so, dh'aithnich sinn gu'n robh sinn dlùth do'n bhaile naomh. Ghreas sinn air ar n-aghaidh, agus ann an àine ghoirid fhuair sinn sealladh air *Ierusalem, baile 'n Tighearna*. Cha do theann aon againn ri labhairt, no ri glusad, ach mar gum b'eadh air an ceangal leis an t-sealladh. Le smuaintean sòluimte, agus làn ioghuadh, stad sinn, a' dlùth dhearcadh air an àit ams an do bhàsaich ar Slànnighear, Dia. Ghabh sinn air ar n-aghaidh gu socrach dh'ionnsuidh a' bhaile. Ann an aogas a' bhaile féin cha'n 'eil nì sònruichte air bith ri fhaicinn; ach bha ar n-inntinnean air an lionadh le smuaintean eug-samhuil, 'nuair a thug sinn fainear gu'n robh sinn am measg "nam beannta mn thimchioll Ierusalem" (Salu cxxv. 2); agus thainig na briathran sin eile, "Seasaidh ar casan an taobh a stigh de d' gheatachan, O Ierusalem!" a rìs agus a rìs gu ar bilean. Fhuair sinn sealladh car tiotadh air sliabh nan cranu oladh; agus mar is dlùithe 'tharuing sinn air a bhaile, 'sann is mò a dh'fhairich sinn gunn bu nì ro shòlainte 'bhi 'seasamh sa' cheart àite far an do sheas agus an do choisich co minig Dia foillsichte 'san fheòil.

'Nuair tha duine 'coiseachd ri taobh a' bhalla 'n iar do'n bhaile, cha'n 'eil nì air bith ro thaitneach do'n t-sùil ri fhaicinn; agus an deigh dhuinn dol a stigh air geata Iaffa, thugheamaid gu maith cainnt an fhàidh (Tuireadh ii. 15)—"An e so a' chaithir ri'n goirear Foirfeachd maise, aoibhneas an domhain uile?" Cha'n fhaicte ach ballachan dorcha, sràidean cumhann salach, agus tigh-ean iosal suarach, nach tugadh an cuimhne neach air bith glòir agus greadhnachas nan seann làithean. Ach na dheigh so chunnaic

sinn gu'n robh ann an suidheachadh Ierusalem, am measg nam beann, mòr neart, maise, agus àilleachd, a dheanadh fathast i dìomchuidh air a bhli na baile aig an àrd Rìgh.

Air a' mhaduinn an deigh dhuinn ruigheachd, chaidh sinn a mach as a' bhaile; agus air dhuinn suidhe fo sgàile croinn olaidh, leugh sinn Salm xlviii.—“Is mòr an Tighearna, agus is ro airidh air cliù

e ann am baile ar Dé, ann an sliabh a naombachd. Sgianhach 'na shuidheachadh, aoibhneas na talmhuinn uile is e sliabh Shion; air an taobh mu thuath tha baile an Rìgh mhòir. Aithnichear Dia 'na lùchairtibh mar thèarmuinn.” 'Nuair a bha sinn 'ga leughadh so, le'r sùilean air Ierusalem, bha na seann làithean air an toirt air dh'fhàidh ro riochdail, mar gum b'eadh, air ais fa chomhair ar sùl.

Cha mhòr nach creideamaid gu'n robh na fàidhean agus na h-abstoil naomh am measg nan craobh 's nan creag mu'n cuairt dhuinn; no bha sinn mar ann an àite 'san do choinnich sinn aon uair càirdean dìomhuinn agus urramach; ach, air dhoibh a bhli nis dealaichte uainn, a dh'fhàg sinn tùrsach trom. Leugh sinn earrann de Thuireadh Ieremiah; agus bha comh-fhaireachdainn againn ris an fhàidh, far an d'éigh e mach (Tuir. ii. 1, 5), “Cionnas a tharruing an Tighearna 'na chorruich neul air nighean Shion, agus a thilg e sìos o nèan gu talamh maise Israeil! agus cha do chuimhnich e stòl a chois ann an là 'fheirge. Shluig e suas Israel; shluig e suas a h-àois uile.”

Bha luchd-obair a' cladhach stigh do dh'eaglais a tha ri togail airson nan Iùdhach, agus a' tarruing chlach o bhaile beag tha dlùth do Ierusalem, ri'n canar a nis *Anata*, an seann *Anatot*, anns an d'rugadh am fàidh Ieremiah. Ann an cladhach na stéidh, chaidh an luchd-obair leth-cheud troidh air doimhneachd mu'n d'ràinig iad a' chreag, le clachan agus *pronndalach*, no salachar sheann tighean, a bha daonnan a' tachairt orra; agus cha'n urrainn nach faic neach air bith a choimheadas air Ierusalem gur ann air cùirn agus làraichean briste nan seann tighean a tha'm baile ùr air a thogail—nì a chuireas 'na chuimhne fàidheadaireachd Mhicah (iii. 12)—“Bithidh Ierusalem na chàrnaibh;” 'nuair, aig an àm chendna, a bheir e air neach sealltuinn roimhe ris an àm 'sam bi Ierusalem “air a togail air a tòrr féin,” no air a làraichean briste féin.—(Ierem. xxx. 18.)

Anns an fheasgar chaidh sinn gu sliabh Shion; agus is cianail da rìreadh an t-atharrachadh a tha ri fhaicinn an so. De na bha dhaingnich, de lùchairtean, 's de thogalaichean rìomhach, ann o shean, cha'n 'eil gin ri fhaicinn an diugh ach aon tùr, no caisteal, ri'n abrar Tùr Dhàibhidh. Cha'n 'eil e duilich “tùr Shion àireamh an diugh” (Salm xlviii. 12), ach tha'n sliabh féin gun ghluasad; agus 'nuair a chunnaic sinn so, chuimhnich sinn tèaruingteachd na muinntir tha 'cur an dòchais anns an Tighearna—“Bithidh iad mar shliabh Shion, nach caraichear, ach a mhaireas gu sìorruidh.” —(Salm cxxv. 1.) 'Nuair a chaidh sinn ni bu dlùithe air malaidh a' chnuic, fhuair sinn sinn féin ann am meadhon *dail eòrna*. Cha robh am bàrr ach tana entrom; ach thug sinn leinn beagan de na

diasan, a ghléidheadh 'nar cuimhne coimh-lìonadh ro rìochdail na fàidheadaireachd a tha 'g ràdh (Mic. iii. 12), "Air bhur sonsa, bithidh Sion air a *threabhadh* mar mhachair." Tha'n crann-àiridh nis a' dol thar làrach nan lùchairtean rìoghail—tha guth a' bhuan-aihe ri chluinntinn an àite trombaid a' chath—agus tha na diasan arbhair a' crathadh sa' ghaoith, far am m'ùig an robh brataichean armailt an Tighearna 'snàmh 's a' crathadh gu h-àrd leudmhor.

O thaobh deas Shìon, bha sealladh againn air gleann Hinnoin, ri'n abrar fathast leis na Turcaich Gleann *Jehennim*. Tha taobhan a' ghlinne so fìor chorrach, ach 'na iochdar tha mòran do chroinn oladh fàs gu dosrach ùr. 'Sann an so a thug Manasse air a' chloinn dol roimh an teine do Mholoch, an t-iodhol namharra sin d'an robh aoradh co mi-nàdurra air a thabhairt.—(2 Eachd. xxxiii. 6.) Ann an so bha e cleachdta aig pàrantan ain muirichean mhaoth féin a losgadh mar iobairtean do'n iodhol so; ach, a chum 's nach cluinnte sgreadail pianail no caoidlinaran brònach nan truaghan 'nuair a bha iad 'sna lasraichean, bha daoine dlùth dhoibh le innealan ciùil, a sìor deanamh mòr fhuaim. 'Se b'ainm do'n inneal so, sa' chaint Eabhruidhich, *Tuph*; agus uaithe so theirte gleann *Thophet* ris an àite.—(2 Rìgh. xxiii. 10.) An deigh pilltinn nan Iudhach o bhraighdeanas Bhabiloin, bha iad a' sealltuinn le mòr fhuath agus gràin air a' ghleann so. Gu so a leigeil ris, thòisich iad air a' bhi tilgeadh ann ciosaichean marbha, agus gach salachar eilo. Ach, air eagal 's gu'n éireadh plàigh o leithid do thòrr mì-fhallaineachd, bha teintean mòr air an gléidheadh suas ann a là agus a dh'oidheche; agus naithe so, o e 'bhi na àite-còmhnuidh truailleachd, o'n teine 'bhi sìor losgadh ann, thainig e gu bhí air a ghnàthachadh mar shamhladh air an àit eagalach 'sam bheil an teine do-mhùchaidh a' losgadh—air ifrinn na dòruinn, far an tilgear a steach gach nì neo-ghlan.

Thionndaidh sinn sìos a dh'fhaicinn ghleann Ghiboin, a tha 'fosgladh deas agus tuath air taobh 'n iar Ierusalem. Ann an so tha tobraichean Ghiboin; agus as a h-aon diubh chunnaic sinn na treudan ag òl, mar tha sinn co minig a' leughadh 'san t-Seann Tiomnadh. Chunnaic sinn mar an cèdna, air aon de na creagain, dithis dhaoine a' bualadh coirce le bata, an àit a' bhuailtean a tha cleachdta againne—nì a thug 'nar cuimhne caint an fhàidh (Isa. xxviii. 27)—"Tha 'mheanbh pheasair air a bhualadh le *slait*, agus an cumin le luirg." 'Sann sa' ghleann so a chaidh Solamh ungadh mar rìgh; agus b'iongantach a bhi air ar cuartachadh leis na cèart chreagan sin a chomh-fhreagair iolach ait sluaigh mòr Israeil, 'nuair a dh'éigh iad, "Gum bu fada beò Rìgh Sholamh.—(1 Rìgh i. 39.) An so, mar an cèdna, sheas am fàidh naomh Isaiah, le 'mhac Shear-iashub, a bha na chomharradh air Israel a' pilltinn air an ais.—(Isa. vii. 3.) 'Sann taobh an tobair cheudna 'sheas am fàidh 'nuair a thug e am fiosrachadh iongantach agus sòlasach sin da luchd-dùthcha mu bhreith an Fhir-Shaoraidh—"Feuch, bithidh òigh torrach, agus beiridh i mac, agus bheir i Imanuel mar ainm air."—(Isa. vii. 14.) 'Sann sa' ghleann so cuideachd a 'sheas

Rabshaceh, ceannard nan Assirianach, 'nuair a bha e slabhairt toibheum an aghaidh an Dé bhed.—(Isa. xxxvi. 2, 13.)

'Nuair bha sinu an so, bhà còmhnaidh Rephaim 'nar fradharc, dlùth làimh—àite 'sam bheil am fonn fathast co reachdmhor, 's gu'n toir e seachad trì bàrran sa' bhliadhna. Chuimhnich sinn air bagradh Isaiah, far a' bheil e ag ràdh gu'n tngta 'nuas glòir Iacob—nach biodh e ach mar neach a' dioghlum dhias ann an gleann Rephaim. Air a' còmhnaidh so fhuair Dàibhidh dà uair buaidh os-cionn nam Philisteach; agus dlùth bha Baal-pérasim, far am bu teoithe an cath—cath a bha gu soilleir na shamhladh air còmhrag a's déine tha fathast ri teachd. " 'nuair a dh'éireas an Tighearna suas mar an sliabh Pherasim. "—(Isa. xxviii. 21.) Ann am pilltinn air ar n-ais a dh'ionnsuidh a' bhaile, thainig sinn gu uaimh Ieremiah, far a' bheil e air a ràdh an do sgriobh e leabhar tiamaidh an Tuiridh; agus fhuair sinn a stigh beagan mu'n do dhùineadh na geatachan.

Tha mi deanamh dheth gu'n do chuir mi a nis sìos gu leòir airson aon àireamh de'n Chuairteir; uime sin stadaidh mi 'n tràs. Ach ma bhios mi air mo chaomhnadh, cuiridh mi fathast d'ar n-ionnsuidh tuille de'n leabhar thaitneach o'n do tharraing mi na nithean so.

A. C.

August, 1842.

MAR FHUAIR NA GRANNDAICH CÒIR AIR OIGHREACHD NA MUCRACHD.

Tha eachdraidh na cùise so 'toirt beachd fìor riochdail air caithe-beatha an duine iomraitich bha 'san tìr so d'am b'ainm Iain Dubh Biorach.

Thainig am fear so á Lochabar do Shrathspé, agus ghabh e tàmh ann an Caordail, a' cumail a mach gu'n robh e air fhuadachadh á 'thìr féin: ach cha b'fhada bha e 'san àite 'nuair thuig a choimhearsnach nach b'ann mar sin a bha; oir cha robh fàth, cothrom, no àm freagarrach airson creich' a thogail air fad na dùthcha, nach robh fios air a leigeadh leis gu Lochabar air dhòigh-eigin; agus 'nuair a ràinig iad an t-àite 'bha air a chomharrachadh dhoibh, bha Iain an sin le gach seòladh agus fiosrachadh bha feumail. Rinneadh òran air, ach cha chuala mi dheth ach—

Hò gur e'n latha e—'s mithich 'bhi 'g éiridh;

'Mhnathan a' ghlinne, nach mithich dhuibh éiridh?

Hò gur e'n latha e—'s mithich 'bhi 'g éiridh;

Mis' rinn a mhoch-éirigh, 's agaibhs' bha feum air.

Hò gur e'n latha e—'s mithich 'bhi 'g éiridh,

'S Iain Dubh Biorach ag ioman na spréidh.

Aig aon àm, 'nuair bha Fear Dail-na-poit dol a phòsadh, cha robh a' chùis an an-fhios air Iain Dubh Biorach. Mar bha fasanta 'san àm

sin, bha cuireadh farsuing air a dheanamh, agus bha earrann mhòr de mhuinntir na ceàrn sin air cruinneachadh chum na bainnse. Chaidh gach cùis air aghaidh gu math aig a' bhainnis; ach 'nuair a dh'éirich an duin'-òg air an ath mhaduinn, cha d'fhàgadh each no mart air a' bhaile, nach do sguabadh air falbh le Iain Dubh Biorach agus a chàirdean na h-Abraich, mar is minig a rinn iad.

Air ball dh'fhalbh Fear Dail-na-poit, agus na dh'éirich leis, air an tòir. Ràinig iad tigh a charaid, Fear Achiarnag. Thug esan fainear gum biodh na h-Abraich air chionn sin, leis a' chreich', a' leigeadh an sgìosa dhiùbh ann an Slochd Bac-chàrn. Bhual iad air an aghaidh, agus mar thubhairt b'fhlòr. B'ann leis na saighidibh a thriall iad an cairibh a chéile. Bha cothrom a' bhruthaich aig na Spéich, agus ghabh na h-Abraich an ruaig. Anns an iorghuill, chuir Fear Achiarnag saighead troimh shròn Iain Duibh Bhioraich. (B'ann o so a fhuair e an t-ainm sin, agus lean e ris fhad 's bu hheò e.) Uime sin, bha Iain Dubh Biorach ann an gamhlas mòr ri Fear Achiarnag, agus a' feith-eamh gach àm chum dioghaltas a dheanamh air. An ceann ùine fhada 'na dhéigh sin, choinnich Fear Achiarnag agus sagart Dhao'thall anns a' mhuileann mhine (a réir coltas, aig Dùnmuillnìdh). Thòisich iad air strìth có bu luaithe 'gheibheadh bleath. Bha beagan fhacail shearbh eatorra; agus 'nuair a choisinn an sagart am muileann (theagamh an aghaidh ceartais), thubhairt Fear Achiarnag gu'n cuimhnich-eadh e dha mar rinn e air.

'Nuair chuala Iain Dubh Biorach gu'n d'thubhairt Fear Achiarnag mar so ris an t-sagart, thog e air mu thoiseach na h-oidhche, agus cha do stad e gus an d'ràinig e tigh an t-sagairt. Fhuair e stigh gu seòmar a leapach, far an robh e 'na shuain; agus gun fhuath sam bith 'bhi aige dhà, shàth e 'bhiodag 'na chridhe, agus phill e d'a thigh féin gun fhios do dhuine beò. Fhuair eadh an sagart sa' mhaduinn 'na shìneadh 'na fhuil, gun deò ann. Chuimhnich a chàirdean air mar thubhairt Fear Achiarnag. Rinneadh greim air gun dàil; agus le òrdugh easbuig Mhuiribh, thugadh do bhaile Eiligin e; agus chuair-eadh ann an gainntear e, far an do ghnàthaicheadh e air dhòigh thruaghl agus ro mhi-chiatach. Mu dheireadh ghlacadh Iain Dubh Biorach (airson nà uamhasach eile 'rinn e), chum bli air a chrochadh; agus, maille ri iomadh nà eile, dh'aidich e gum b'e a mharbh an sagart.

'Nuair chuala Tighearna Ghrrannud mar bha gach cùis dhiùbh so, dhùisg a chorruich gu mòr an aghaidh an easbuig, airson a ghiùlain a thaobh Granndaich Achiarnag, agus mhaoidh e dioghaltas a dheanamh air, le bagradh a chuir an t-easbuig fo eagal namhasach. Thug e mach dha Fear Achiarnag air ball; agus airson sìth agus réite, thug e dha còirichean fearainn na Mucrachd; agus tha'n oighreachd sin aig na Granndaich o'n Chrùn gus an là 'n diugh.

SPÉACH.

Lag na Crìche, 1842.

CRÌOCH NAN ABSTOL.

A Chuaireir uaisle,

Tha mi a' creidsinn gu bheil cuid de'r luchd-leughaidh aig nach eil fios air crìoch nan abstol; agus air dhomh a bhì 'm barail gum bu mhaith leo so fios fhaotuinne cìod a' ghnè bhàis a dh'fhulaing na daoine naomh sin airson a bhì searmonachadh a' chreidimh chriosdail; airson a bhì trèibhdhireach d'an gairm, agus airson an dilseachd d'an àrd Mhaighstir, smaoinich mi 'n cunntas aithghearr a leanas a chur chugaibh:—

MATA.—Tha e air aithris gu'n d'fhulaing an t-abstol agus an soisgeulach so bàs airson creidimh, no gu'n do mharbhadh le claidheamh e ann am baile do Ethiopia.

MARCAS.—Chaidh an soisgeulaiche so a shlaodadh troimh shràidibh Alexandria gus an do bhàsaich e.

EÒIN.—Chaidh an t-abstol agus an soisgeulach so a thilgeadh ann an coire do dh'ola goileach; gidheadh cha d'fhuair e bàs, oir dh'eug e 'n deigh sin ann an Ephesus, an Asia.

LUCAS.—Chaidh an t-abstol so a chrochadh air craoibh sa' Ghrèig.

PEADAR.—Chaidh an soisgeulaiche so a cheusadh 'san Ròimh; 's a cheann "ris an làr," do réir 'iarrtais féin; oir bhà e smaoineachadh gu'n robh e neo-àiridh bàsachadh sa' cheart suidheachadh, agus air a' mhodh air an an d'fhulaing a Mhaighstir beannuichte.

SEUMAS AN T-ÀRD.—Chaidh an ceann a thoirt dheth ann an Ierusalem.

SEUMAS BU LUGHA.—Chaidh e air tùs a thilgeadh o bhinnein an Teampuill, agus a ris a shlachdadh gu bàs le slachdan muillearluaidh.

PHILIP.—Chaidh a chrochadh ri post aig Hieropolis, baile do Phlrigia.

BÀRTHOLOMEU.—Chaidh an t-abstol so fhionnadh beò, le àithne rìgh allmhàra.

AINDREA.—Chaidh a cheangal ri crann-ceusaidh, bho'n do shearmonaich e gus an d'thug e suas an deò.

TÒMAS.—Chaidh sleagh a shàthadh troimh a chorp, ann an Coromandel, an Innsean na h-àirde 'n ear.

IUDE.—Mharbhadh le saighead e.

SIMON EUDMHOR.—Cheusadh e ann am Persia.

MATHIAS.—Chaidh an tùs a chlachadh, agus an deigh sin an ceann a thoirt dheth.

BARNABAS.—Chaidh abstol nan Cinneach so a chlachadh leis na h Iùdhaich aig Salmis.

PÒL.—Chaidh an ceann a thoirt dheth leis an ain-tighearna Nero, 'san Ròimh.

Is mi bhuir caraid dìleas,

LEUGHADAIR.

TOBAR PHÀRUIG, EILEIN THIRÌ.

Chaidh an sgrìobhadair a' cheud uair do dh'Eilean Thirì maille ri searmonaiche eile, a' bhliadhna ochd-ceud-deug 's a seachd-deug, anns an fhogharadh.

Chaidh iad aon latha a ghabhail beagan seallaidh; agus b'e aon nì a chaidh iad a dh'fhaicinn, làrach tighe 'tha taobh na mara, ris an abair iad Teampull Phàruig, aig a' bheil cuid do na ballachan a suas. Làinbh ris tha toll domhain ann an creig, air chumadh poite, a chumas pailte trì-fichead pinnt Albannach, ris an abair iad Tobar Phàruig.

Dh'innis an duine 'bha leinn ('s cha b'ann do mhuintir an eilein e; 'sann a chaidh e ann á Lathurn, 's tha e 'n sin fathast)—dh'innis e dhuinn, nam biodh an tobar sin air a thaomadh, gu'n sìleadh an t-uisge air ball as na spéuraibh, ciod air bith co mòr 's a bhiodh an trèadh roimhe sin. Chuir sinn an neo-bhrìgh a leithid so do shaobhalachd, ag ràdh, “An saoil thu, nam biodh e air a thìormachadh a uis, an sìleadh e?” Thubhairt e nach robh e cinnteach; oir gu'n do thìormaicheadh e aon uair air là na Sàbaid, le feadhainn aig an robh an càirdean ann an Éirinn, agus air an cumail o thighinn dachaidh leis a' ghaoith a bhì 'nan aghaidh, a dh'fheuchainn an tugadh 'so a' ghaoith mu'n cuairt freagarach gu'n toirt do Thirì; air chor 's gu'n robh a nis teagamh an do lean a' bhuaidh a b'abhaist a bhì aige ris, ri linn a thìormachadh.

“Nam biodh agamsa soitheach, thìormaichinn e 'san uair.” “Cuir dhiot do bhròg,” ars' mo chompanach, “agus taom a leth, agus taomaidh mise an leth eile.” Chaidh so a dheanamh, agus thòisich mi air gu grunn-dail. Ghabh mo chompanach car mu'n cuairt, fhad 's a bhithinnse ri m' leth féin. Thubhairt an duine 'bha leinn, “Cha bhì làmh agam anns a' ghnòthuch; biodh a' phèacadh air do cheann féin.” “Nach faoin thu!—an saoil thu 'm bheil peacadh anns an uisge a thaomadh as an toll so?” “Am bheil thu da rìreadh 'dol 'ga thìormachadh?” “Tha, a cheart da rìreadh.” “Agus an ann an magaireachd a tha thu?” “Cha'n ann, ach a dh'fhaicinn meudachd an tuill.” “An saoil thu nach peacach dhuit an t-uisge 'thoirt air feur a's arbhar a tha sgaoilte?” “Òinseach dhuine l'an saoil thu an toir so uisge, ach mar a bha e roimhe 's na dhéigh?” “Chì thusa, ma nì thu e, nach urrainn thu seasamh inach a shearmonachadh air an fheasgar so.” “Biodh foighidinn agadsa, agus chì thu mar a bhios sin.” “Tha mi faicinn,” ars' esan, “am fear a thug ort tòiseachadh air an obair, gu bheil e 'dol 'ga fhàgail agad féin.” “Bithidh e 'n so air an uair.” Thainig e, agus thìormaich e gu buileach e. Dh'fhalbh sinn romhainn, 's cha d'thainig uisge na gaoth, ach mar a bha e roimhe. Chaidh an duine maille riumsa, agus chruinnich na daoine air a' bhàr a muigh, 's cha robh sìleadh no séideadh againn. 'Nuair a chuimhnicheas mi 'n ghnòthuch do'n duine, 'sann a ghabhas e nàire d'a amaid-eachd 's d'a shaobh-chreidimh.

DÀN SHOLAIMH.

CAIB. VI.

Cia àit an deachaidh fear do ghràidh,
 Thusa 'measg bhan is breagh?
 Cia 'n taobh a thiondaidh fear do ghaoil?
 A's leats' gu'n iarr sinn c.

Chaidh fear mo ghràidh-sa sìos d'a lios,
 Air leabaidh spìosraidh 'thàmh;
 A dh'itheadh meas 'na ghàradh fèin,
 'S a thional lùidh bhàn.

'S le fear mo ghràidh-sa mis' gun cheist,
 Is leamsa fear mo ghràidh:
 'G ionaltradh 'measg nan lùidhean,
 An sin tha es' an tràth's.

Mar Thirsadh, 's àillidh thu, a ghaoil;
 Maiscach mar bhaile 'n Rìgh;
 Uamhasach mar luchd bhrataichibh,
 A' dol a sìos chum strì.

Do shùilean gaolach tiondaidh uam,
 Oir chlaoidh iad mi le gràdh:
 Tha t'fholt mar thrend do ghlochair chior,
 Nochd' o Ghilead àrd.

Do dheud mar threud do chaoraich gheal,
 O'n ionnlaid night' a tà;
 Bheireas gach aon diubh càraid uan,
 'S gun aon diubh sin gun àl.

Mar mhir do phomgranat do ghruaidh,
 Am meadhan fòs do chiabh.
 Tha ann trì-fhichead ban-rìgh àill',
 'S do dh'òighean còrr am miadh.

'S ise na h-aonar 's colman domh,
 Mo bhean coimhlout', mo chéil':
 Cha d' rugadh 'màthair nighean eil',
 'S b'i 'seircein i da rèir.

Bheannaich na h-òighean fèin a dreach,
 'Nuair 'dhearc iad air a gnùis;
 Gach ban-rìgh a's gach leannan fòs,
 'Do mhol a's thug dhi cliù.

Có i mar 'mhaduinn 'sheallas mach,
 A sgèimh mar ghealach spéur,
 Uamhasach mar luchd bhrataichibh,
 Co soilleir ris a' ghréin?

Do lios nan cnò chaidh mise sìos,
 'Chuir beachd air toradh 'ghlinn—
 'Robh 'm pomgranat a' briseadh mach,
 No blàthan air an fhion.

Mu'n d'thug mi air' do m' laigse féin,
 Mo chridhe leum a suas ;
 Mar charbad luath Aminadaib,
 Bha m' aigne air a ghluas'd.

Pill, pill, 'Bhan-Shulamach !—O pill !
 'S amhaircear ort le tlachd.
 C'arson a sheallar orm ? deir i :
 Mar bhuidheann mi dà fheachd.

BEAN-SHÌTH NA H-ÈIRINN.

Ged a chaidh an t-àm seachad anns nach 'eil neach ri fhaotuinn 'san dùthaich so 'tha toirt creideas air bith do na seann sgeulachdan sin 'tha teachd a nuas d'ar n-ionnsuidh o na làithean a dh'fhalbh mu thimchioll nan *daoine beaga* 's na sìthichean, tha cuid de na sgeulan sin a' toirt soilleireachadh dhuinn mu chleachdan na linn-tean sin, a tha 'gam fàgail nan àiridh a bhi air an cumail air chuimhne. Tha muinntir na h-Eirinn air iomad dòigh mar a bha muinntir na Gàidhealtachd o chionn ceud bliadhna. Tha ri fhaotuinn, gu h-àraidh air taobh na h-àirde 'n iar do dh'Eirinn, daoine 'tha toirt uiread do chreideas do na nithe sin 's a tha iad a' toirt do dh'aon nì 'tha iad a leughadh 'san eachdraidh is firinniche agus is measaile a chuirear 'nan lamhan. Tha mìle sgeul air an aithris ann an Eirinn mu na sìthichean 's na daoine beaga, airson an t-aon a tha ri chluinntinn sa' Ghàidhealtachd. Cha'n 'eil seann chaisteal ann an Eirinn air nach 'eil (ma's fìor) a bhean-shìth féin 'ga thathaich. Ach na daoine 'thainig as ùr do dh'Eirinn a Sasunn a's àiteachan eile, cha chuir na daoine beaga an onoir orrasan tighinn a thathaich. 'S iad na seann teaghlaichean Eirionnach a mbàin aig a' bheil bean-shìth 'gan leantuinn. Cha'n eil math labhairt ri muinntir na h-Eirinn do thaobh so. Cha'n eil e comasach a thoirt orra 'chreidsinn gur amaideachd fhaoin gun bhunachar gun fhìrinn a th'anns gach sgeul de'n t-seòrsa so. Tha co math dhuit feuchainn ri toirt air a h-aon dhiubh a chreidsinn nach 'eil a' ghrian a' snàmh 'sna spéuran, 's a thoirt orra 'chreidsinn nach 'eil bean-shìth a' tatlaich nan seann làraichean briste 'san robh na tighearnan Eirionnach, cinn-theaghlaich na dùthcha, 'gabhail an còmhnuidh. Thachair dhàsan a tha 'ga sgrìobhadh so a bhi aon uair aig taobh Loch Neagh, far an robh teaghlach rìoghail O'Neil a' còmhnuidh, ann an Caisteal Shane ; a's chual e iomad sgeul neònach mu'n ghruaigich, no a' bhean-shìth a tha tathaich an àite so. A réir a' chunntais 'tha na seann daoine 'san àite so 'toirt oirre, cha'n eil dochair, na cruaidh-chas, na bàs, a thig an rathad a h-aon de'n teaghlach aosmhor sin nach cluinnear sgriach na ban-shìth air barra-bhall' a' chaisteal. Tha iomad seòrsa do dh'ùr-uisgean, do thaibhsean, do ghruagaichean, 's do dh'urrainnean eile de'n t-seòrsa sin, air a' bheil sgeulachdan ri fhaotuinn ann an Eirinn ; ach 'si a' bhean-shìth gu mòr is measaile 'nam beachd, agus do 'bheil iad a' toirt am barrachd urraim. A réir a' chunntas tha iad a' toirt air a'

bhean-shìth, tha i cosmhail ri òigh no maighdean òg earachdail; agus air uairibh eile air dhreach seann mhnatha aosmhor, phreasanach, ghrànda—a folt fada na dhualaibh sìos mu 'gualaibh. 'Se 'n dreuchd a tha'n earbsa rithe, rabhadh a thoirt do'n teaghlach leis a' bheil i fuireach mu bhàs no mu dhriod-fhortan air bith 'tha ri tachairt. Tha'n rabhadh so air a thoirt seachad 'san oidhche—seòrsa do thuireadh brònach, cianail muladach—ceòl mar fhonn tùrsaich na gaoithe 'measg chraobh, a chluinnear o asdar fada. 'Se fonn na bean-shìth a th'air a ghabhail le mnathann na h-Eirinn 'nuair 'tha iad le caoidh tùrsaich 's le bas-bhualadh brònach a' leantainn cuirp caraid do'n chill.

Bha'n sud, roimhe so, ann an Eirinn, 'sna linn-tibh a chaidh seachad, òigh àillidh do sheann teaghlach measail O'Neil. Cha robh 'san tìr uile a h-aon bu luraiche na i, 's bu bheusmhor giùlan, na air an robh barrachd meas. Bha fleasgach earachdail 'ga suiridh, 's ag iarraidh a pòsadh; ach bha e bochd, 's cha robh a theaghlach co measail ri teaghlach Norah. Ach coma có dhiùbh, chaill i a cridhe leis—thug i gaol da, a's gheall i a phòsadh. Fhad 'sa bha ise r'a thaobh, 's h-aoid e nach robh nì a b'urrainn tachairt a bheireadh air a dì-chuimhneachadh; agus ise, cha robh 'na beachd neach air aghaidh an t-saoghail mhòir a ghabhadh i a roghainn air Ùisdean òg. B'abhaist doibh a chéile 'choinneachadh ann an Lagan nan Craobh air mheadhon-oidhche, agus gu tric mu'n éireadh uiseag na maidne, a dh'ùrachadh am bòid-eann agus an geallaidhnean—thigeadh an saoghal mar a thogradh e, nach tigeadh caochladh air an gràdh do chéile. Bha Norah ochd-bliadhna-deug a dh'aois, agus Ùisdean donn ceithir-bliadhna-fichead. Latha de na làithean, mar a bha iad am briotal gaolach r'a chéile, thubhairt Ùisdean, “Cha phòs mi thu an aghaidh toil t'athar, agus tha fios agam nach 'eil a chead againn. Theid mi thairis do na rìoghachdan 'tha fada thall, coisnidh mi stòras, pillidh mi, agus an sin bheir t'athair dhomh thu air làimh. Pillidh mi le cliù 's le onoir, 's bithidh stòras agam; agus an sin có 'chuireas eatorruinn? Ni mi so, a Norah, a chuisle mo chridhe! Tha mi a' gabhail an Tì 'tha eòlach air gach nì mar fhianuis, o'n àm so, gur tu mo chéile phòsda—air ar ceangal agus air ar pòsadh ann am fianuis nèimh. Tha Esan a chruthaich a' ghealach ghlòirmhoir ud, agus na reultan àillidh gorm 'tha shuas os ar ciunn, na fhianuis. Lùb do ghlùn, a Norah, agus bòid an nì ceudna.” Rinn i so. Air an glùnaibh, taobh ri taobh, bhòid a's mblionnaich iad nach deanadh nì air bith ach am bàs an dealachadh. Bha aig Norah fàine luachmhor, a thainig a nuas 'na teaghlach o linn-tibh céin, aig an robh buaidh àraidh; agus chuir i am fàinne so air meur Ùisdean. “Geall,” ars' ise, “ma thig nì air bith a'd' rathad a bhacas tu o philleadh, a chumail; no ma chlaonas do chridhe air dhòigh air bith uam, geall gum pill thu am fàinne prìseil so air ais.” Gheall e so, agus dhèalaich iad. Bha cridhe Norah an impis sgàineadh. “O!” ars' ise, ann am bròn 's an tuairgheadh a h-anaim, “nam biodh uiread gràidh aigsan dhòmhsa 's a th'agamsa airsan, cha b'urrainn dha dealachadh rium mar a rinn e. Cha'n fhàgadh e mi. Bha fios aige gu'n siùbhlainn leis air feadh an domhainn gu léir.” Bha fios aig Ùisdean air so gu math; ach 'sann an gràdh

a bhac e i—gun fhios aige gu ro mhath c'àit an robh e 'dol, no ciod an cunnart a bha ri 'choinneachadh. Cha dùraichdeadh e a toirt air falbh o a pàrantan aosmhor. Bha fios aige gum bristeadh so cridhe an t-seann duine. Dh'fhalbh e, 's chaidh bliadhna seachad gun litir gun iomradh mu thimchioll Ùisdean, a bha nis anns na h-Innsean a b'fhaide as. Gu tric thainig e nis 'na cuimhne, nam biodh uiread gràidh aig' oirre 's a bh'aice-se airsan, cha deanadh e falbh 's a fàgail na dheigh mar a rinn e. Bha i 'ga dhi-chuimhneachadh. Bha 'h-athair 's a màthair do ghnàth air a h-aodann, a' labhairt na h-aghaidh, agus a' deanamh na b'urrainn doibh chum a tarruing gu fear eile a b'aird' a's bu bheartaich' a phòsadh a bha 'ga h-iarraidh. Ma dheireadh dh'aontaich i, agus ghéill i; 's cha b'iongantach e: oir cha d'thainig focal uaidh o na dh'fhalbh e; agus bha na h-uile aobhar aic' a chreidsinn na bha gach aon ag ràdh rithe, gu'n do dhi-chuimhnich Ùisdean i. Bha mòran a' tighinn mu thimchioll an àite, a' togail sgeòile de'n t-seòrsa so mu dhéidhinn.

Mu'n àm so, bha dà sheann bhean aig an robh bothain dlùth do'n àite, a thachair 'san fheasgar air a chéile; agus thòisich iad air seanchas mu thimchioll Nòrah agus am fear a bha i dol a phòsadh. "Tha Norah O'Neil," ars' an dara té dhiubh, "dol a phòsadh." "'Se sin 'tha iad ag ràdh," ars' an té eile. "Cha'n eil iomradh air Ùisdean 'tha fad as—esan a b'àbhaist a coinneachadh ann an Lagan nan Craobh, fo'n chreig léithe. Ach nam biodh comas cainnt aig craobhan, a's uillt, a's cnuic, bhiodh sgeul brònach aca ri ionseadh mu cheilg an duine, agus mu amaideachd a's laigs' a h-aon do mhaighdeanan na h-Eirinn. Ach chì sinn ciamar a thig a' chùis gu crìch. Chunnaic mise, agus chuala mi—ach ciod am math a bhi 'ga aithris?" "'Ne," ars' an t-seann bhean eile, "gu'n cual' thu guth brònach na bean-shith?"

"Matà, innsidh mise dhuit mar a thachair." Tha mise sèa bliadhna o na dhealach Norah O'Neil agus a leannan. Bha mise tighinn dachaidh troimh 'n ghleann, agus thainig mi orra gun fhios ann an Lag nan Craobh, fo'n chreig léithe, far an robh iad a' suidhe dlùth do chéile. Bha ise 'caoineadh mar mhaighdein; ach ged nach robh esan a' caoidh na ri tuireadh mar 'bha ise, bu chianail ri éisdeachd a bhruidhinn bhrònach. Chunnaic mi iad a' cur meur ri meur, agus ise 'cur fàinn' air a làimh-sa; agus mar 'rinn i so, co cinnteach 's a bha mìle mìle reul àillidh gorm 'san iarmailt shuas, thainig sgreuch bhrònach thùrsaich na bean-shith d'am ionnsuidh air oiteig na h-oidhche! B'eòlach air mi. 'Mo thruaighe,' arsa mise, 'cha tig an gealladh a rinn sibh gu buill cheart!'"

"An cual' thu an guth cianail sin?" deir an té eile. "Tha mise fada 'san àite so, 's cha chuala mi riamh sgreuch a' bhròin, no 'sanus na bean-shith, ged is tric a chuala mi gu robh a leithid ann."

"Faodaidh sin a bhi," ars' a' bhean eile; "ach an oidhche air an do chòrd Norah an t-aon so nis a phòsadh, agus a bhrisd i a gealladh do dh'Ùisdean, bha ise, 's a màthair, 's a h-athair, 's an duin' òg, agus an sagart, le chéile 'san t-seòmar mhòr. Bha mise dlùth do'n àite. Chuala mi, co pongail 's a tha mi air an àm ag éisdeachd do ghuth-sa,

sgreuch bhrònach na bean-shìth; 's ged b'i so uair mo bhàis, bheirinn mo bhòid a's m' fhocal mu'n chùis. A' cheud uair a chuala mi i sa' ghleann, mhothuich mi i a' dìreadh na beinne mar bhadan geal do chlà nam beann, 's a folt fada 'snàmh sa' ghaoith. Chunnaic mi so le solus na gealaiche, agus chuala mi an guth bu bhrònaiche 's bu mhuladaich' a ràinig mo chluas 'san t-saoghal so. An treas uair tha'n dàn. Mo thruaighe, Norah òg!"

"A's c'uin a bhios là na bainnse?" ars' an t-seann bhean eile.

"Thà, seachduinn o'n Di-màirt so tighinn," ars' ise. "Tha uidh-eamachadh mòr 'ga dheanamh—anabarr do dh'uaislean na dùthcha ri bhi ann; agus tha uile sheann chleachdaidhean na h-Eirinn ri bhi air an cumail suas. Tha clàrsairean a's plobairroan ri bhi ann, 's an tuath uile an deigh cuireadh fhaotuinn."

Thainig là na bainnse. Bha'n dùthaich uile cruinn, agus maille ri càch, an dithis aig an robh an seanachas nu thimchioll na bean-shìth. Bha'm pòsadh a' dol air aghaidh—ghlac fear-na-bainnse agus bean-na-bainnse làmhnan a chèile. Thainig coigreach air muin eich gu luath dh'ionnsuidh an doruis. Ghrad leum e air an làr. Chaidh e stigh gu luath far an robh cuideachd na bainnse cruinn. Bha 'chàraid pòda. Dh'iarr an coigreach deoch o bhean-na-bainnse. Ghlac i soitheach airgid. Lìon i so de'n fhìon dhearg. Dh'òl i a dheoch-slàinte, agus thairg i an cupa dhà. "Cha'n e fìon mo dheoch," ars' esan, "ach an t-uisge glan." Dhòirt i am fìon as, agus lìon i an cupa do dh'uisg' an tobair. Dh'òl e deoch de'n uisge, agus mhothuich bean-na-bainnse gu'n do leig e le ni-eigin tuiteam sa' chupa mar a thairg e air ais e; ach mu'n do mhothuich i ciod a bh'ann, dh'fhalbh an coigreach. Mar a chaidh e as an t-sealladh, chual' an t-seann bhean sgreuch na bean-shìth. Dh'amhairc bean-na-bainnse stigh sa' chupan, agus ciod a fhuair i ann ach a' cheart fhàinne—fàinne nan iomadh buaidh—a chuir i air mènr Ùisdean 'nuair a dhealaich i ris, 's a bhòid iad a bhi dìleas do chèile. Cha do labhair bean-na-bainnse focal. Thuig i 'nis có e an coigreach a dh'iarr deoch oirre—gum b'e Ùisdean d'an d'thug i gràdh a cridhe a bh'ann. Ach cha do leig i a' bheag oirre. Chaidh cuirm na bainnse air aghaidh, agus thòisich an dannsa. An ceann uair an uaireadair, thainig duine stigh ann an cabhaig mhòir, ag iarraidh an t-sagairt. "Thainig," ars' esan, "coigreach o chionn ghoid a dh'ionnsuidh mo thighe, ag iarraidh fàsghadh na h-oidhche. Bha e fo thrioblaid mhòir, a' fàsghadh a dhà làimh, 'sa' sìleadh nan deur gu frasach. Thuit e air an ùrlar. Tha mòran eagail orm gu bheil e marbh, agus thainig mi gu luath a dh'iarraidh an t-sagairt." Thuig bean-na-bainnse mar bha 'chùis. B'e Ùisdean, fear a gaoil, a bh'ann. Ghrad ruith i mach, gun suim do'n phòsadh na do'n chuideachd. Lean i an duine, 's an sagart maille rithe. Mar bha i 'dol a mach air dorus a' chaisteil, thainig oiteag làidir ghaoith' a stigh, ged a bha'n oidhche ciùin feathail. Bha eagal a's oillt air gach aon a bha làthair. Chrìochnaich iad uile, oir chualar sgreuch na bean-shìth air bàrr bhalla 'chaisteal—an guth bu bhrònaiche agus bu mhuladaich' a chuala neach riamh. Chualar an ath ghlaodh brònach tiamhaidh. Bha'n t-seann bhean aig an dorus. Thòisich i air bas-

bhualadh 's air caoidh. “Mo thruaighe, mo thruaighe!” ars' ise;
 “Norah àillidh O'Néil!”

Ràinig bean-na-bainnse dorus a' bhothan 'san robh an coigreach. Bha e gun deò, 's b'e Ùisdean a bh'ann! Thilg Norah i' féin air a dà ghlun r'a thaobh, a's ghuil i gu goirt. Ghlaodh i air Ùisdean; ach cha d'thainig focal as na bilean geala, a bha nis dùinte sa' bhàs. Phòg i e; ach bha 'shùilean dùinte. Thuig i gu'n robh e marbh. An làthair na cuideachd, a bha nis air teachd na deigh—an làthair a h-athair a's fear-na-bainnse—strac i dhìth riombachd na bainnse—leig i le 'falt tuiteam mu 'guaillibh—thog i tuireadh a's bròn—ghlac i an làmh fhuar, agus sheinn i tuireadh a bhàis, ann an cainnt a thug deòir o gach sùil a bba sa' chuideachd. Mar a sheinn i an rann mu dheireadh de'n tuireadh chianail, thuit i na corp marbh taobh Ùisdean!—bha a cridhe air sgàineadh. Chàradh iad 'san aon uaigh, a's chuireadh an aon leac thairis orra. An ceann fichead latha an deigh sin, chualar a' bhean-shith a rithisd air bàrr bhalla 'chaisteil aosmhoir. B'e bàs athair Norah O'Néil a thachair, an triath mu dheireadh de'n ainm.

Tha'n dàn a rinn Norah fhathast air aithris ann an seann chainnt na h-Eirinn; 's ged a chuireadhmaid a sios e, is ganu a b'urrainnear a thuigsinn ann an Gàidhealtachd na h-Alba. Ach a thaobh gu bheil e coslach ri iomad aon de'n t-seòrsa 'chuala sinn 'nar dùthaich fèin, cuiridh sinn sios suim agus brìgh nam focal. 'Sa' chainnt Eirionnach, tha e anbharra brònach muladach:—

Mo ghràdh, mo ghràdh, a's m' annsachd féin!
 'S iomad latha 'chaith sinn an caidreamh gaoil,
 Fo sgàile nan craobh 'san Lagan fhasgadach chiùin,
 Taobh an uillt a shiùbbhlas le torman binn,
 'S do cheann buidhe 'bachlach a'm' uchd.
 Bu mhillis do phòg, fhir mo ghràidh!
 Cha bu phòg gun ghràdh, cha bu ghealladh cealgach.
 Ach, mo thruaighe 's mo chreach! bha misc faoin;
 Cha do chreid Norah Ùisdean an àigh.

Mo ghràdh, mo ghràdh, a's m' annsachd féin!
 Nan bu léir dhomh an sin ni's léir dhomh a nis,
 Shiùbhlainn leat an saoghail uile, le 'bheanntaibh àrd,
 Agus snàmhainn leat an cuan mòr.
 Ged a chàincaidh mo chàirdean mi, bu shuarach leam,
 Ach làn chinnte 'bhi aig Norah nach do thréig thu i.

'Chaomhain! a chaomhain mo chrì a's mo chléibh!
 Sgàin mo chridhe 'nuair a thuig mi mar a bha.
 Phòsadh mi ri fear eile—fhuair e gu deimhinn mo làmh;
 Ach tha fios aig na cumhachdan uile
 Gum bu leatsa mo chrì, Ùisdean a b'àillidh gnùis!
 B'fheàrr leam thu na òr an t-saoghail mhòir—
 B'fheàrr leam thu na spréidh na h-Éirinn gu léir;
 Agus tha fios aig na cumhachdan uile
 Nach leig mi mo thaobh a chaoidh
 Ach ri taobh Ùisdean, ann an suain a' bhàis!

AIR DROCH-CHLEACHDANNAIBH.

Aig gach uile shluagh agus chinneach, tha cleachdanna sònraichte dhoibh féin. Tha cuid dhiubh sin cliùiteach agus feumail anna féin, agus cuid eile fad an aghaidh sin. Cha robh treubh sluagh riamh ann, feudaidh e bhith, a bha air an comharrachadh a mach air mhodh nì's sònraichte, le'n cleachdannaibh féin, na na Gàidheil. Bha iad 'nan sluagh a bha, ann an seadh, air an dealachadh o'n chuid eile do'n rìoghachd, leis na beanntaibh, gleanntaibh, agus garbh-chrìochaibh, am measg an robh iad a' gabhail còmhnuidh,—co math is le'n cainnt, le'n truscan, leis gach seol air an robh iad a' solaradh an teachd-an-tìr, agus le gnàthannaibh agus cleachdannaibh eug-samhla eile. Tha e fìor nach robh riamh sluagh air aghaidh na talmhainn ni bu ghaisg-eile, chruadalaiche, mhisneachail', agus chliùitiche, na na Gàidheil! Cha robh riamh sluagh ann ni bu dillse na iadsan d'an cinn-fheadhna, agus d'an uachdaranaibh féin; agus cha robh riamh sluagh air an robh barrachd meas airson lìonmhoireachd am buaidhean urramach! Ach cha'n 'eil neach, no sluagh, no cinneach, idir ann a ta foirfe anns na h-uile nithibh. Air an aobhar sin, feumar aideachadh gu'n robh cuid do na cleachdannaibh aig an t-sluagh ainmeil so a bha neo-airidh air an giùlan a thaobh nithe eile. Ach tha iad sin a nis a' dol as a lìon cuid a's cuid, a réir mar a ta eòlas, creidimh, agus gach fiosrachadh feumail eile, a' briseadh a stigh orra. Tha, gidheadh, fuigheall beag do na cleachdannaibh sin r'a fhaotuinn 'nam measg fathast; agus, am measg chàich, feudar an cleachd sin ainmeachadh trid am bheil iad ag òl air uairibh ann an tomhas tuilleadh 's mòr aig cuirmibh, ach gu h-àraidh aig àdhlaicibh. Tha pòit agus ana-measarrachd 'nam peacannaibh mòra aig gach uile àm agus àite, ach tha iad mar sin gu sònraichte aig tìodhlacadh nam marbh! Is seana pheacanna iad so, oir tha aobhar againn a smuaineachadh gu'n robh iad ann roimh an tuil. A réir coslais, bha àite sònraichte aca am measg pheacanna gràineil Shòdoim agus Ghomòrah. Bha Lot air mhisg le fìon aig an àm anns an do sgriosadh bailtean aingidh a' chòmhnaid. Agus, ni b'fhaide air ais na sin, bha Noah air mhisg goirid an déigh na dhìle! Tha'n t-abstol gu rìochdail ag ràdh, "Na bithibh air mhisg le fìon anns am bheil anabarr." Tha e, uime sin, na pheacadh sgreadaidh a bhi fo dheoch aig bainnsibh, aig féiltibh, aig co' chruinneachadh air bith, no aig àm no àit air bith; ach tha e mar sin thar toinias aig àdhlaicibh! Anns na h-amannaibh a chaidh seachad, bha òl 'ga dheanamh ach beag aig gach uile àdhlaic sa' Ghàidhealtachd, a bha nàr ri chluinntinn ann an dùthaich chriosduidh! Ciod an cleachd a b'urraim a bhi na bu mhi-bheusaiche na bhi 'giùlan dìbhe làidire chum an àit-àdhlaic? Cha'n 'eil e air chor sam bith ciatach, na cliùiteach, ach fad fad an aghaidh sin. Feumar aideachadh gidheadh, agus aideachadh le nàire, gur minic bha tuasaidean, caonnagan, aimhreitean, agus cinn bhriste, eadhon 'san àit-àdhlaic féin, le barrachd sa chòir do'n deoch! Tha càirdean a' mhairbh an dùil, agus a' cumail a mach, mar bi deoch làidir aig a thiodhlac, gu'n saoil sluagh gur ann nach dùraig iad a

toirt seachad, agus gum bheil iad 'nan spìocairibh gann, gortach. Air an aobhar sin, mar bi pailteas ann r'a òl, agus r'a sheachnadh, tha iad sa' bharail gum bi e 'na smal air cuimhne a' charaid a dh'fhalbh, 'na mhi-chliù d'an deagh ainm féin, agus 'na athais a thilgear air an slìochd ré lùntean ri teachd! An urrainn ni air bith a bhi ni's meallta agus ni's docharaiche na so? Leanadh na Gàidheil sa' chùis so eisimpleir an co-bhràithrean Galta, a ta stuama aig an adhlacaidh. Gabhadh iad rabhadh o'n Bhìobnall, agus faiceadh iad an sin cia lìon achmhasan agus comhairle a thugadh seachad an aghaidh gach gnè ana-measarachd, geòcaireachd, agus misge. Is muladach a bhi faiciun stuaigh air mhisg an uair a bhithear a' cur duine 'na shìneadh gu tosdach 'san duslach sin as an tugadh e an toiseach. Cha'n 'eil àm air bith freagarrach airson na misg; ach 'se an t-àm anns am bithear a' cur bràthar fo thalamh, do gach uile àm eile, is mi-fhreagarraiche! Bu chòir a bhi 'faicinn duine 'ga' chuir 'san uaigh, smuaintean eile a dhùsgadh sa' chridhe. Bu chòir do so toirt air gach neach a ta làthair an crìoch dheireannach féin a thabhairt fainear, agus a smuaineachadh cia co goirid an ùine gus am faic sluagh eile iad féin air an caithreamh ann an seòmar cumhann nam marbh! "Bithibh-se, uime sin, deas; oir thig Mac an Duine 'nuair nach saoil sibh." "Uime sin," deir Dia, "gléidhidh sibh m'òrduighean, a chum nach dean sibh aon air bith do na gnàthannaibh gràineil ud, a rinneadh roimhibh; agus nach truail sibh sibh féin annta: Is mise an Tighearn, bhur Dia."—(Lebh. xviii. 30.)

SGIATHANACH.

AILEAN MAC-'IC-AILEIN,

A THUIT LATHA BLÀIR SLABH AN T-SIORRAM.

Mar a b'e Ailean Mac-Ruairidh an ceann-feadhna bu mhò bha aig Clann Raonuill, b'e Ailean Mac-'ic-Ailein an gaisgeach a b'ainmeile 's bu mhò cliù dhiùbh. Bha e fo'n cheannard bu mhò 'san Roinn-Eòrpa, Diùc Mharlborough. Ann an aon de na blàir fhuilteach 'san d'thug an t-àrd-cheannard buaidh, mar bu ghnàth leis, chaidh Mac-'ic-Ailein a leònach gu creuchdach—dh'fhàgadh e am measg nam marbh, a' toirt suas an deò. Chuunnaic e fear a' dol 'nam measg, 's a' cur crìoch orrasan a bha leth-mharbh, agus 'gan spùinneadh. Bha e 'tighinn 'na rathad féin, agus gun teagamh dheanadh e air-san mar bha e 'deanamh air càch. Fhuair e ruigheachd air Spàindich a bha làn, a thog e le mòr spàirn. Chuir e r'a shùil i, agus leag e'n spùinneadair ri taobh nam marbh.

'San ionad ghàbhaidh sin, 's 'na ehor chràiteach, thill a smaointean gu dùthaich 'òige, gun dùil aige a ruigheachd tuille. Làn do smaointean cianail, bha 'inntinn ag éiridh le sòlais na h-òige agus caochlaidh na beatha so, 'nuair chuir e iad an céill 's na rannan tha a' tòiseachadh, "Air maoirean ged thriallas duine gu ionadaibh an domhain, 's ged ni e pailteas a dh'òr luachmhor a chàrnadh a suas anns na h-Innsean; gidheadh bidh a smaointean fa-dheòidh air tìr nam beann, agus dùchas

na h-òige.” Anns na rìoghachdan thall, tha feadhain a' gabhail tàmh ann an àiteachan dìomhair, a tha 'gan toirt féin suas do chràbhadais 's do ghnìomharra iochdmhor. Thainig cuid diùbh sin, 'nuair a chaidh gaor a chatha as an cluasan, a choimhead na làrach; nì b'ann gu creach no spùinneadh, ach le cneasdachd, a chum maith a dhèanamh. Thug iad Mac-'ic-Ailean d'an tigh féin, rinn iad cungaidhleighis d'a chreuchdan, agus bhuin iad ris gu caomhail. Leighis a lotan, agus ann an ùine bheag thòisich e air dol am feothas. Bha e mothuchail air na rinneadh air a shon, agus taingeil airson an dragh 's a' chùram a ghabh iad. Cha b'urrainn e tuille dìolaidh a dheanamh 'san àm; ach nam faigheadh e dhachaidh do'n Eilein-Fhada, bhiodh e 'na chomas làn dìolaidh a thabhairt dhoibh. Bha aon rìbhinn òg uasal 'nam measg, nighean do'n mhnaoi shuairce chaomhail a thug a tigh agus aoidheachd dha. Dh'aontaich ise falbh leis a dh'Albainn. Cha b'urrainn e taing bu mhò a nochdadh dh'ise, no d'a màthair sheirceil, na a deanamh 'na céile pòsda dha.

Ged a thèaruinn iad a bheatha, fo làimh an Fhreasdail, 's a leighis-eadh a leòin, dh'fhàgadh ciorram air r'a bheò—cha bhiodh sìochd aige; 's nì'n do cheil e so oirre-se bha 'fàgail a dùthcha 's a càirdean air a shon. Dh'lùth lean i ris am feadh 's a bu bheò e. Thog esan i gu inbhe co àrd 's a bha 'na chomas. Bha e féin 's a' chéile gràdhach, a bhaintighearna, sona sòlasach, gus an robh éiridh-mach a rithist ann an Albainn.

Cha do chuir na leòin chreuchdach a fhuair e thairis grabadh air a ghaisge 's a mheamnadh—chaidh an ceann-feadhna mìleanta a mach le 'dhaoine. Cha'n e ar gnothuch-ne air air an àm rannsachadh mu aobhar no ceartas na cùise. Bha e féin 's Iain Ruadh, Diùc Earraghaidheal—curaidh a b'fhaighe do Dhiùc Mharlborough ann am Breatunn, agus, a thaobh an gaisge 's am mòr-ghnìomharra, 'bha 'nan càirdean mòr anns gach cogadh 'san robh iad thairis; ach thuit dhoibh fa dheireadh a bhi 'n aghaidh a' chéile. Ged a bha iad le'n daoine a' cruaidh-ghleac 'san iomairt ri 'chéile, bha'n Diùc Earraghàelach ro dhuilich 'nuair a chual' e gu'n do thuit Mac-'ic-Ailean. Tha aigne nan treun mòr, amhuil an euchdan: luidhidh na suinn an sìth fo làimh an aoig. Tha nì sònruichte r'a thoirt fainear air latha mu dheireadh a' chinn-fheadhna so. Chuir e uime 'n éideadh bu mhaisiche 'sam b'urrainn gaisgeach a bhith, leis gach seud rìomhach a fhuair e thairis, mar urram a choisinn 'àrd mheamnadh agus a rogha misnich. Thug a chàirdean sanas da, ag innsadh dha gum biodh e ro shoilleir sa' bhlàr, 's gu'n cuimsicheadh a naimhdean e. “'Se so an latha mu dheireadh dhòmhsa,” fhreagair e. “Tuitidh mi mar a bha mi riamh, a'm' ghaisgeach. Cha chaill mi mo chliù. 'Mlean,” ars' esan r'a dhaoine, “cuiribh mi 'san rugha ud shìos,” a' feuchainn doibh àit àraid a roghnaich e dha féin.

Sheinn na bàird a chliù aig baile. Bha bròn air a chàirdean, agus, mar thug sinn fainear, bha a naimhdean duilich. Bu dubhach cianail gach aitreabh an tìr ìosal Mhic-'ic-Ailein iomadh latha, airson a' chinn-fheadhna b'fheàrr a chunnaic iad; ach b'i a bhaintighearna, Penelope, bu truaighe dhiùbh. Bha i nis an dùthaich ainmeil, ach

ciod tuille 'n toil a b'urradh bhi aice ri tìr nam beann? Bha i gun oighre. Bha'n t-ath Mhac-'ic-Ailein de mheanglan eile. Dh'fhaodadh i fear eile fhaotainn, agus sliochd a bhi aice; ach am faigheadh i samhladh a céile? Dh'fhàg i 'n rìoghachd—chailt i a ceud agus a h-aona ghràdh—thill i 'dh'ionnsuidh a muinntir féin.

D.

AN T-EACH ARABACH.

Tha spéis mhòr eadar an t-Arabach agus an t-each aige. Bithidh a chuid cloinne 's a chuid each a' cluich 's a mireag le chéile o'n òige, air alt 's gu bheil an gràdh do chàch a chéile a' fàs le'n cinneas, agus a' neartachadh le'n neart. An uair a thig an t-each gu treun a neirt, is beag nach 'eil e co tùrail ri duine; agus bàsaichidh e ag oidhirp-eachadh companach 'òige a shàbhaladh o bhraighdeanas no o bhàs. Tha fear-turuis ainmeil a' toirt an cunntas a leanas mu dhéidhinn neart an ainmhidh so, agus an spéis a th'aige d'a mhaighstir:—

Choinnich ceann-feadhna Arabach agus a threubh air buidheann de luchd-turuis a bha 'dol troimh an dùthaich. Thug iad an dàil nan coigreach, agus spùinn sìad iad. Chàraich iad a' chreach air an eich féin, agus dh'fhalbh iad rompa. Coma co dhiùbh, mu'n deach iad fad air an aghart, rug buidheann eachraidh le ceann-feadhna eile orra. Mharbh iad mòran diubh, agus cheangal iad a' chuid eile le còrdaibh cruaidh. Ann am braighdeanas mar so, thug iad leo a h-aon de na prìosanaich gu baile-mòr *Acre*; agus aig àm dol a chadal, dh'fhàg iad e aig dorus am bùth, ceangailte leònta mar a bha e. Air a chumail gun lochd cadail leis a' phéin a bha e 'fulang, chual e 'each féin a' sìtrich diùth dha. Mhiannaich e companach 'òige a chnìotachadh aon uair eile mu'm biodh e féin air a chuir gu bàs; agus, ceangailte mar a bha e, ruithle se e féin a dh'ionnsuidh an eich. “Mo charaid bochd,” deir e ris, “ciod a nì thu 'measg nan Turcach? Bithidh tu air do dhùnadh suas le eachaibh coigreach. Cha toir mnathan no clann an fhàsaich eòrna na bainne camhail dhuit tuille as an làimh. Nì's fhaide cha réis thu mu'n cuairt air feadh an fhàsaich, co saor ri gaoithe na h-Éphit. Nì's mò cha sgoilt thu uisgeachan Iordain le d' bhroilleach, a dh'fhionarachadh do thaoibh. Ged a bhios mise a'm' thràil, 'se miann mo chridhe thusa 'bhi saor. Falbh! Tionndaidh do na bùth-ean air am beil thu co eòlach, agus innis do bhean mo ghràidh nach pill mise tuillidh! Ach cuir thusa do cheann ann am filleachan a' bhùth, agus imlich làmhnan mo chuid cloinne ghaolaich!” An deigh dha labhairt mar so, dh'fhuasgal e taod an eich le fhiacalan, agus leig e mu sgaoil e. Ach 'nuair a mhothuich an t-ainmhidh tuisgeach gu'n robh e féin saor, an àite leam air falbh, 'sann a chrom e a cheann thairis air a mhaighstir—ghlac e 'aodach gu sèimhe 'na fhiacalan—thog e bhàrr na talmhainn e—agus thàr e as le uile luathas a chas gu monaidhean Arabia! Ràinig e dorus bùth a mhaighstir—leig e sìos e gun clioran aig càraan a mhuathla 's a theaghlach—agus ann an tiota thuit e sìos marbh le sgìos!

DUINEACH.

“AN EAGLAIS COITCHIONN.”

‘Se so ainm leabhraìn ùir Gàelig a chuireadh a mach le *P. Campbell & Co.*, maighistirean a’ Chuairtear. Chaidh sinn troimhe o thaobh gu taobh; agus ma chaidh, cha bu chall saothreach e. Tha e ‘dol air ais gu tùs agus stèidh Eaglais Chrìosd air thalamh — ‘ga leantuinn a nìos troimh linn nan abstol, agus troimh na linnibh a lean, gu linnibh dorchana na h-eaglais, mar theirear rin — ‘nuair chuir an nàmhaid na h-uiread do shìol fuadain am measg a’ chruithneachd, ‘s nach beag nach do thachdadh gu buileach e — ‘nuair bha aoradh ‘ga thoirt do dhaoine ainmeil a bha nan gaisgich, no nan daoine naomha, mar dhée — ‘nuair thòisich daoine ri purgadair a shearmonachadh, creidimh Paganach — ‘nuair thòisich daoine ri bean a dhiùltadh do shagart: a dh’aon fhocal, ‘nuair bha’n eaglais air udal ri rè dorchana, mar long air chuan gnn Reubastan, ‘s an sgiobadh air mhìsg! Tha e an sin a’ toirt dhuinn eachdraidh an ath-leasachaidh, ‘nuair dh’éirich *Luther* anns a’ Ghearmailt mar a’ ghrian a sgapas na neòil, a chuireas ruaig air an oidheche, agus a dh’aisigéas an latha geal — a’ nuas gu Iain Mòr a’ Chloic, neach a thug “Mactalla” dhuinn ‘eachdraidh cheana.

Có e air bith is ùglidar de’n leabran so (nach ‘eil ach sèa sgillean), ‘s iomadh leabhar mòr a rùraich e mu’n d’fhuair e na h-uiread do smior. Chosdadh e do Ghàidheil air bith a theagamh £10 ‘fhaotainn a mach air a chosd féin, nam biodh na leabhraichean aige r’an ceannach. ‘Se so an t-aran a bhristeadh do’n chloinn — ‘se so Eachdraidh na h-Eaglais a thoirt dhuinn saor saor, agus sin ‘nar cànan liobha, tharbhach, snasimhor féin. Cha’n ‘eil fear na bean, gille no nighean, ‘san dùthaich, do nach tigeadh an leabhran so, cha’n e amhàin a leughadh, ach fhaotainn air an teangaidh. Tha dòchas againn gum fosgail e sùilean iomad a tha dall, agus gum freagair e ‘chrìoch airson an do chuir am ministear math a mach e. Soirbheachadh leis! Ma gheibh e ceartas, cha stad e ‘n so.

CÒMHRADH.

A’ BHAN-RIGH TIGHINN DO DH’ALBAINN!

Eachainn agus an Cuairtear.

Each. — ‘Bheil cabhag air a’ Chuairtear an diugh? ‘Bheil a’ bheag agad?

Cua. — Cha robh ‘bharrachd riamh orm. ‘Bheil a’ bheag agad féin ri ràdh, Eachainn?

Each. — Matà, cha’n fhaod mi ‘ràdh gu bheil mòran agam. Bha toil agam bhi ‘seanachas ribh; ach o na chì mi gu bheil an ad air

ar ceann, agus an sgàilean sìoda 'na'r làimh, cha dean mi ach aon cheisd a chuir oirbh. Cha'n fhaod a bhith nach freagair sibh i?

Cua.—So, so, cluinneamaid i; tha deifir mhòr orm.

Each.—Cò air nach 'eil deifir 'san àite so? Ach gabhaibh mo chomhairle-sa, agus deanaibh air bhur sochdair. Cha bhi duine cabhagach buan. A' bheil sibh féin 'na'r slàinte?

Cua.—Ma's i sin do cheisd, freagraidh mi i gu toileach. Tha mi gu slàn fallain, Eachainn; gu'n robh math agadsa airson fheadraich. Mo bheannachd leat!

Each.—Air 'ur n-athais; cha do chuir mi mo cheisd fhathast.

Cua.—So, mata, cuir i gu luath.

Each.—Ciamar tha'n teaghlach?—'bheil i féin, bean an tighe, 's a' chlann 'nan slàinte?

Cua.—Cha'n fhaod sinn bhi 'gearan; tha iad gun dìth, gun dearas. Slàn leat, Eachainn.

Each.—Mata, air m' fhocal onorach, clia chuala mi riamh a leithid so—gun agan ach aon cheisd ri chuir, 's cha stad sibh!

Cua.—Nach do chuir thu dithis orm a cheana, 's nach do fhreagair mi thu?

Each.—'Si a' cheisd, mata, 'Bheil a' Bhan-righ a' tighinn do dh'Albainn?

Cua.—Thà. Air a' cheart àm so air a' bheil sinn a' labhairt r'a chèile, tha i 'fagail Lunnainn, a's i nis air a turus; agus bithidh i, tha dòchas agam, ann an Dunéidin an ceann dà latha.

Each.—Buaidh a's piseach leatha! 'Sann an sin a bhios an ùpraid, 's an odhail, 's a' ghleadhraich! Fhearaibh 's a ghaoil! nam b'urrainn domh an cosdas a sheasamh, rachainn a shealltuinn oirre do Dhunéidin. Nam bu phìobaire mi, dheanainn port dhi—Fàilte na Ban-righ. Is fada o na bha Ban-righ roimh ann an lùchairtean aosmhor *Holyrood*.

Cua.—Cha robh o na bha Màiri ann, agus tha nis o sin ùine mhòr—dà cheud, ceithir fichead, 's a li-aon bliadhna.

Each.—C'àit, le'r cead, a' bheil i ri dol an deigh dhi Dunéidin fhàgail.

Cua.—Cha'n 'eil fios agam. Tha iomadh sgeul air innse do thaobh so. Tha i ri dol, tha iad ag ràdh, a choimhead mòran de mhaithean agus uaislean na tìre. Tha i ri dol do Thighe-'Bheal-aich, a dh'amharc Morear Bhradalhainn; a's as a so, tha iad ag ràdh, mu thuath, a dh'amharc Diùc Chataoibh; agus cuid ag ràdh gu bheil i ri dol gu Inbhiraora, a choimhead an Diùc agaibh féin. Ach, a dh'aon chuid, cha chreid mi gu bheil i 'dol do Thiri!

Each.—Mar 'eil, fuireadh i; ach an saoil sibhse nach ann an Dunéidin a bhios an odhail! Nis, a Chuairteir rùnaich, tha mi 'dol a ràdh ribh, a's na gabhaibh gu h-olc e, leigibh fios duinn mu thimchioll na Ban-righ 's a turus do dh'Albainn. Tha mise 'dol dhachaidh, ach bithidh fadal orm éisdeachd gach car a chuireas i dhith. Tha sinn anbharrach riòghail ann an Tìr. Nam biodh feum air, dh'éireamaid gach duine as a leth a's chailleamaid fuil ar

crìdhe 'ga dìon. Curaidh sibhse comain mhòr air na Gàidheil, le làn chunntas a thoirt duinn nu 'déidhinn 'san ath Chuairtear.

Cua.—Tha fios agad gum bi a' cheud àireamh de'n Chuairtear a mach am màireach; ach 'san àireamh a thig a rìs, geallaidh sinn gu'n toir sinn do'r luchd-dùthcha cunntas air gach nì 'thachras. Fench, Eachainn, an dean thu féin dàn no òran di, 'nuair philleas tu dhachaidh. Ma chuireas tu d'am ionnsuidh e, gheibh e àite sa' Chuairtear. Slàn leat! Cha'n arrainn domh fuireach nì's fhaide.

Each.—Òran, an d'thubhairt sibh? Matà, tha mo ribheid féin air tiormachadh, a's m' fheadain air seacadh. Ach chì sinn. Slàn leibh!

Tha 'Bhan-rìgh a' tighinn, 's mithich dhuinn éiridh—
Tha 'Bhan-rìgh a's Àilbeart a' tighinn le chéile:
Tha muinntir na h-Albainn mireagach éibhinn;
Tha odhail a's aighear an caithir Dhunéidin.

C'àit nis a' bheil gillean an fhéileadh?
Thug so, fhearaihb; biodhmaid 'nar éideadh!
Biodh gach pìob a nis air a gleusadh,
As thugamaid oirne baile Dhunéidin!

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

P. CAMPBELL & CO., BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; Tallymet: C. Morris; Dingwall: A. Keith; Dornoch: Wm. Munro; Tain: James Ross, Jun., Druggist; Thurso: Mrs Russell; Dundee: Wm. Middleton; Oban: J. Miller; Greenock: A. M'Iver; Grantown: A. Cumming; Abernethy: D. Gordon; Dunkeld: D. M'Donald; Portree: A. M'Donald; Balachulish: J. M'Innis; Lochgilphead: N. Gillies; Argyle Furnace: A. Gillies, Schoolmaster; Lochdonhead, Mull: D. Fletcher; Bonaw: John Cameron, Postmaster; Aberfeldy: D. Cameron, Bookseller; Port Ellen, Islay: D. Hunter; Glencarradale: N. M'Donald, Schoolmaster; Bunessan, Mull: Donald M'Lean, Postmaster; Portnahaven: Norman M'Lean; Kilchoman: Angus M'Leod; Strontain: D. Cameron; Tiroran, Mull: John M'Donald; Cawdor, Nairn: J. Robertson; Pitlochry: D. Robertson; Fortingall: D. Campbell; Laggan: Rev. J. M'Pherson; Ainess: D. M'Diarmid; Doune: D. M'Diarmid; Barra: A. M'Donald, Esq.; Ormsay: G. Ross; Tayinloan: A. Sutherland; South Uist: A. Chisholm; Callander: P. M'Kinlay; Balquhitter: J. Carlton; Dunvegan: D. M'Donald; Carbost: A. Cameron; Glendaruel: D. M'Lean; Fort-Augustus: J. Forbes; Aberarder: John Rose, Schoolmaster; Inverness: James Smith; Kilmorack: J. Rose; Lochalsh: D. Matheson, Ardelve; Portree: Alex. M'Donald, Esq.; Kintail: D. M'Rae, Postmaster, Lochbuy; Mull: John M'Dougall, Schoolmaster; Beaully: Rev. A. M'Kenzie, Kiltarlity; Eusdale: D. M'Intyre; Glenora: A. M'Innes; North Balachulish: Allan Cameron, Schoolmaster; Nova Scotia: Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq., Charlotte-town, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI 'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÌOS-DEIRIDH AN FHOGHARAIDH.

AN 32 ÀIREAMH.]

OCTOBER 1, 1842.

[PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Queen's Visit to Scotland, page 199.—Arrival in Edinburgh, 202; in Perth, 209; at Scone, 209; at Dunkeld, 210; at Taymouth, 211; at Drummond Castle, 215.—Return to Dalkeith, 218; to England, 221.—Arrival in England, 222.—Prince Albert and the Hunters, 223.—Genealogy of the Queen, 225.—Ossianic Society's Address to her Majesty, 225.

TURUS NA BAN-RIGH DO DH'ALBAINN.

Dh'fhàg a' Bhan-righ, 's a céile fhathail Prionns' *Albert*, luch-airtean rìoghail *Windsoir* air maduinn Diluain, an 29th latha de'n mhìos a chaidh seachad, air a turus do dh'Albainn nam beann, tìr a sinnsearachd àrda. Cha robh eridhe an Albainn nach robh a' plogadh gu fàilte dhìleas, thairisich, shunndach, a thoirt dhi, freagarrach d'a h-inbhe àrd, 's d'an dùrachd dhealasach d'a thaobh. Ged dh'fhag i dùn na mòralachd air cùig uairean sa' mhaduinn, bha muinntir Lunnainn air an cois, chum a fàilteachadh 'san dol seachad. Ràinig i 'n lamraig o'n robh i ri dol air bòrd am measg sluaigh nach robh e comasach àireamh. Mar chaidh i stigh do'n bhàta bha r'a giùlan gu taobh na luinge anns an robh i r'a turus a ghabhail, loisgeadh fàilte rìoghail o gach balla, 's o gach dùn, 's o gach long-chogaidh a bha 'san t-sealladh. Bha deich mìle beul fosgailte, a' togail iolaich, agus a' guidhe gum pilleadh a' Bhan-righ òg air a h-ais gu tèarnuimnte d'an ionnsuidh. Bu shuilbhir aoibhneach an sealladh so—sluagh na rìoghachd is cunmhachdaich air aghaidh an t-saoghail mhòir so, dealasach tairiseach do thaobh na Ban-uachdarain a chuir Dia, 'na fhreasdal, thairis orra!

Bha mìltean do luingeas 'san abhuinn air a' bheil màlairt an t-saoghail. Bha brataichean air bhàrr gach crainn—na seòladair-ean a mach air na slatan, 's gach neach 'na dheise 'b'fheàrr; 's a h-uile gunna-mòr air muir 's air tìr a' cuir às, 's a' strì cò dheanadh an fhuaim a b'airde, agus a thairgeadh an urram bu mhò do Bhan-rìgh àillidh Bhreatuinn a' dol air saile. 'Nuair ràinig i cliathach na luinge rìoghail a bha r'a giùlan, thogadh a suas i; 's mar ràinig i clàr-uachdrach an t-soithich, thogadh iolach chaithreamach o thir 's o chuan. Chuir a nis a' chabhlach fo sgaoil; 's thug seann Tùr aosmhor Lunnainn, le aona ghunna-mòr thar fichead a loisg dararach rìoghail, sanas gu robh *Victoria* òg agus *Albert* air falbh.

'Sann air an luing ris an canar an Deòrsa Rìoghail a bha 'Bhan-rìgh agus maithean a cùirte. 'Se àrd sgiobair na luinge *Adolphus Fitzclarence*, mac bhràthair a h-athar féin. Bha sèa soithichean-smùide sa' chuideachd, chum an long rìoghail a dhraghadh, nam biodh sin feumail. Bha 'nhadninn salach, fiuch—sruth a's soirbheas nan aghaidh; oir ged is cumbachdach Ban-rìgh Bhreatuinn, cha'n 'eil e 'na comas srian a chur ris na siantan. Chaidh iad air an aghaidh gu siùbhlach; 's ged bha'n latha fuar mi-thaitneach, cha d'fhàg *Victoria* clàr-uachdarach na luinge. Chite i'n sùd, a's *Albert* r'a taobh, le fiamh-gaire ag aideachadh gach iolach shunndach agus fàilte 'chuireadh oirre leis gach soitheach agus long. Tha mòran bhailtean air bruach na h-abhuinn *Thames*, agus air leitir ìosal Shasuinn—as na bhrùchd gach beag 'us mòr, àrd 'us ìosal, gu tràigh, a's cuid ann am bàtaichean, a chur fàilte air a' Bhan-rìgh òg. Cha robh bàrr craoibhe, mulach tighe, no enoc, no crann luinge, air nach robh bratach dhearg Breatuinn—bratach nan ìomadh buaidh—r'a faicinn a' snàmh 'san t-soirbheas. Mu mheadhon-latha, bhris a' ghrian a mach le aiteal glòrmhor—theich na neula dubha dorcha. Bha iad a nis fa chomhair *Sheerness*, far an robh luingeas-cogaidh air acair—cuid dhiubh air na chuir *Nelson* agus laoiach eile am blàr nach dì-chnimhnichear. Chuir iad so fàilte fhuaranach air *Victoria*—dararach mar fhuaim àrd-thàrrunn nan spéur! Lean mòran sliothichean-smùide, làn do chuideachd, an long rìoghail; a dhealaich rithe mu àird an fheasgair, a' guidhe slàinte agus sonas leatha, agus le mìle àrd dhùrachd gum pilleadh i an tèaruinteachd.

Bha 'cheud oidheche fìor stoirmeil—an fhairge trom, 's a' ghaoth colg-dhìreach 'na h-aghaidh; ach smùid iad rompa gu foghainteach, a' cur sruth 'us fairge gu dùlain. Mu sheachd uairean air maduinn Diciadain, fhuair a' Bhan-rìgh a' cheud sealladh do dh'Albainn—maol Alba, dlùth do *Dhunbar*. Chaidh dà long-smùide a' Lite 'na còmhail, làn cuideachd. Choinnich iad an Deòrsa Rìoghail, 's chaidh iad seachad oirre, a' togail caithream àrd. Tharrruing iad a nis snas as a déigh. Dh'éirich a' Bhan-rìgh a chur fàilt' orra, i féin agus *Albert*; 's ma dh'éirich, mar do dh'aidich mnathan-uaisle agus daoin'-uaisle na h-Alba an onoir, bu neònach e. Cha'n fhòghnadh iolach; cha b'urrainn iad fuireach a dhannsa!

Mu mheadhon oidhche Diciadain, thainig an cabhlach rìoghail gu acair ann an camus *Aberlady*, dlùth do Lite, 'fuireach gu maduinn gus an rachadh a' chuideachd gu tìr. Bha fiùghair ris a' Bhan-rìgh an Dunéidin air Diciadain, an latha thainig sluagh na dùthcha stigh 'ga faicinn agus 'ga fàilteachadh. 'Sann an sin a bha'n othail 's an ùpraid!—a h-uile h-aon a' strì ri àite fhaotninn am faigheadh e'n sealladh a b'fheàrr dhi. Cha robh tigh-òsda sa' bhaile nach robh làn. Thainig mòran thairis á Éirinn, a's mòran á Sasunn. Bha'n t-slighe iarunn eadar Glaschu 's Dunéidin a' giùlan na mìltean a stigh o mhochradh gu annoch. Chaidh cùig mìle stigh Diciadain, agus naoi mìle Diardaoin. Faodar a bhreathnachadh gu'n deach sluagh mòr a stigh, 'nuair bheirear fanear gu'n do tharruing an t-slighe iarunn còrr agus *seachd mìle* punnd Sasunnach 'san t-seachdain! Cha robh rathad-mòr a' dol do Dhunéidin, no soitheach-smùide, nach robh làn. Chìte carbadan 'us cairtean a' taomadh a stigh nam mìltean—sruth mòr o'n àirde 'n ear 's o'n àirde 'n iar, deas 'ns tuath; air chòr 's nach robh e comasach gluasad á làrach nam bonn, ach seasamh mar gheinn! Bu shealladh iongantach agus mòralach gu dearbh e! Bha'n latha grianach, tioram, ait. Bha àiteachan-suidhe, nan sriathan mar lobhtaichean, ag éiridh os-cionn a chéile air gach taobh de na sràidean far ris an robh dùil aig daoine an sealladh fhaicinn; agus fhuair iadsan a thog na h-àiteachan so trì 'us ceithir sgillean Sasunnach airson aon àite-suidhe. Bha trì punnd Shasunnach an bitheantas air iarraidh airson sealladh o aon uinneig! Cha robh àite air an rathad ris an robh dùil ris a' Bhan-rìgh nach robh lom-làn do dhaoine; eadhon air mullach nan tighean, chìte daoine 'uaist' agus bantighearnan nan suidhe. Airson charbadan, bha iad chollomhor 's nach b'urraimear an cunntas—faodar da rìreadh a ràdh gu robh carbadan na h-Alba uile 'n Dunéidin! Bha e air òrduchadh, cho luath 's a chìte na luingeas a' tighinn 'san t-sealladh, gum biodh gunna-mòr air a losgadh o'n Chaisteal, agus gu'n rachadh bratach dhearg a thogail air mullach enoic àird dlùth do'n bhaile. 'Sann a so bha'n fhiùghair ri fuaim a' ghunna-mhòir, 's am fadal airson na brataich dheirge! Ach ma dheireadh thainig fios nach robh e comasach gu'n ruigeadh a' Bhan-rìgh air an latha sin. Thòisich a' chuideachd ri sgaoileadh, 's cha b'ann de'n toil. Bha *ceud mìle* sluagh an Dunéidin air an latha sin á àiteachan eile. Mu shèa uairean 'san fheasgar bha sàmhchair sa' bhaile, leis gach neach pilleadh gu 'àite féin. 'Nnair thuit an oidhche, lasadh teintean mòra air mullach nam beann 's nan cnoc mu thimchioll Dhunéidin. Bha aon tein' éibhinn air Suidhe Artair, a bha dà-fhichead troidh air fad, fichead troidh air leud, agus deich troidhean air àirde. A thuilleadh air barailleann tearra, 's a leithidean sin, bha dà-fhichead tuna guail air. B'e sin an gealbhan 'nuair chuireadh fòid ris! Bha ceudan teine de'n t-aon seorsa r'am faicinn o mhullach bheanntan eile.

Air maduinn Diardaoin, air leth-uair an deigh seachd, chualas an gunna-mòr o mullach a' Chaisteil a' toirt sanais gu robh an

cabhlach rìoghail a' deanamh air a' chèadhe. Air ball bha 'bhratach dhearg air a togail, agus am priobadh na sùl bhrùchd an sluagh a mach; 's cha chluinnte guth no focal ach "Thainig i! thainig i!" 'Sann a sin a bha 'chabhaig—a h-uile ceann a mach air uinneig, 's na sràidean làn gleadhraich 'us aighir—saighdearan a' cruinneachadh—carbadan nan siubhal—trombaidean 'gan sèideadh—'s a h-uile fear a' greasad a mach! Mhaoim gach tigh a mach gach mac-màthair—bha gach sràid làn. Ruith cuid chum a' chnoic a b' àirde, cuid gu tràigh, a's cuid gu cladach. Bha 'mhaduinn càileigin dorcha, ceòthar, fliuch, 's bha dùil aig mòran nach tigeadh a' Bhan-rìgh air tìr gu meadhon-latha; ach cha'n ann de'n t-seòrsa sin i air an cuir faoineis grabadh. Ràinig an long am port leth-uair an deigh a h-ochd. Bha Sir Raibeart Peel, Diùc Buccleugh, agus Sir Dèdrsa Murray, a' feitheamh oirre o thrì sa' mhaduinn; 's co luath 's a ràinig an long an laimrig (a thogadh le Buccleugh, 's a chosd ceud mìle pinnnd Sasunnach), chaidh iad air bòrd. Air naoi uairean, chuir i 'cas air tìr ann an Albainn. Tharruing maithean na cùirte suas nan sreath air gach taobh, agus choisich i suas eatorra gus an d'ràinig i'n carbad rìoghail. Loisg na luingeas a nis failte rìoghail (gunna-mòr thar fichead), 's thog na maithean agus na mìltean a bha làthair iolach à reub na neòil. Fhreagair seann chaisteal àrd Dhunnéidin, 's gach creag, 'us cnoc, 'us tullaich mar iomad mìle do'n àite; 's cha robh an sluagh a bheag air dheireadh. Bha'n t-slighe eadar cèadha Ghranton agus Dunéidin, air gach làimh, làn dhaoine, o leac a' chabhsair gu bàrr a' bhalla, dosan nan craobh, agus mullach nan tighean maraon. Thòisich cluig a' bhaile ri teas-chaitheam, 's da rìreadh b'aobhar ghàirdicheis a thoirt fainear gach dòigh a ghabh an sluagh mòr air an dìlseachd a thaisbeanadh.

Bha e air a shocrachadh gu robh iuchraichean a' bhaile ri bhì air an liubhairt do'n Bhan-rìgh le Prothaist Dhunnéidin, agus na Bàilleanaibh, air dhi àite àraidh a ruigheachh; agus bha mòr dhòmh-ladas sluaigh 'san àite so, chum an sealladh fhaicinn. Ach 'nuair ràinig a' bhuidheann rìoghail an t-àite, cha robh Prothaist no Bàillidh làthair! Bha dùil aig na daoine mòr so nach biodh cabhaig air a' Bhan-rìgh. Smaoinich iad nach robh fàth deifir—gu robh ùine gu leòir. Tha na sèid co cleachdta ri daoine 'chumail a' feitheamh air am mòrachd féin, 's gu'n robh iad am beachd gum fanadh a' Bhan-rìgh mar an ceudna! Bha iad a' butanachadh orra an deiseachan ùra—a' spaisdearachd ma choinneamh an sgàthan, le'n adaichean cocte—cò ach iadsan!—nachdarain a' bhaile-mhòir, gach fear mar choileach Frangach a' sgaoileadh a mach a chuid itean ris a' ghréin, a' gugail 's a' splingail an dara fear ris an fhear eile. Am feadh a bha iadsan mar so a' tarruing suas am briogaisean ùra, 's a' cur buail 'nam brògan, 's

"Claidheamh orra gliogarsaich,
Os-cionn bann na briogaise,"

chualas iolach àrd bhuadhmhor an t-sluaigh. Bha 'Bhan-rìgh

seachad! 'Sann an so a bha'n ùpraid 's a' chabhadh—am Prothaist 's na Bàillidhean a' séiteil, 's a' plogail, 's a' ruith; ach bha iad mò 's annoch. Bha'm Prothaist beag breamasach, agus na Bàillidhean leasg lunnadh, air am maslachadh. Ciod an tubaist a thainig orra? 'S doirbh ri ràdh. Gabhadh iad an leisgeul féin mar thogras iad, cha ghabh Albainn an leisgeul! Bha daoine b'àirde, 's bu mheasaile, 's a b'onoraiche na iadsan, a' feitheamh air a' Bhan-rìgh ùine mhòr mu'n d'thainig i gu tìr; 's ged bhiodh iadsan le'n iuchraichean a' feitheamh rithe uair no dhà, bu shuarach ri aithris e. Fhad 's a bhios cuimhne air cuairt na Ban-rìgh do dh'Albainn, cha di-chuimhnichear giùlan maraon Prothaist agus Bàillidhean Dhunéidin! Agus, ma tha gach nì 'chnala sinn fìor, fhuair iad sin inmse dhoibh gu math, 's gu ro mhath. Ach be'n fhearas-chuideachd 's a' chulaidh-ghàire fhaicinn mar thàr am Prothaist beag, 's na Bàillidhean mhòra, cheaganta, reamhar, asda air falbh 'nan carbadan, le'n gùntaichean dearga sìoda, nan sradan dearg an deigh na Ban-rìgh. Ghabh iad a h-uile àth agus bealach goirid a b'urrainn dhoibh. Chluinntes fead na cuipe mu chluasan nan each. Ach b'e so an fhaoinis. Chaidh àm agus àite lùbhairt nan iuchraichean seachad; 's cha d'fhuair iad ach magadh, 'us sgeig, 'us fochaid an t-sluaigh, airson an saothaireach!

An lorg giùlan nan naislean so—na seòid mhòra so, nach robh 'nan earalas, 's nach d'thug sanas ceart, no fios pongail seachad—chaidh mòran an sealladh a chaidh iad iomadh mìle a dh'fhaicinn. Cha b'urrainn muinntir Dhunéidin a bhreathnachadh gu robh a' Bhan-rìgh cho dlùth, 'nuair nach do bheum clag, 's nach do shéid trombaid, air chor 's gu'n d'thainig i orra gun fhios; agus bha anbhar ann nach fac i idir, a thainig air chosd mòr, agus air astar fada, a dh'fhaotuinn sealladh dhi.

Bha luchd nam boghachan-saighead a' cuartachadh a' charbaid anns an robh a' Bhan-rìgh agus *Albert*; agus an taobh a mach dhiùbhsan, buidheann làidir dhreachmhor do mharc-shluagh, 'nan éideadh loinnreach dearg. Aig ceann na drochaid mu thuath, choinnich an Comunn Gàidhealach i, 'nan làn éideadh—an deis' fhuasgailteach “nach ceangail an ceum;” 's gu dearbh bu ghreadnach an sealladh e! Bha na Gàidheil ghasda fo chomann an fhiùrain òig, Mòrhear Lathurn, oighre Mhic-Cailean Mhòir. Bha'm flath òg so, mar chàch, “le 'bhiodaig, le 'bhoineid, 's le 'bhreacan an éileadh,” 's le 'ite'n fhìrean, mar bu dù do'n bhoineid ghuirm. Buaidh a's piseach leis, 's gu ma fada beò e air ceann dhaoine! Chuir na Gàidheil faile chridheil air a' chàraid rìoghail do réir cleachdadh an dùthcha.

Ghabh a' mhòr chuideachd a nis air an aghaidh gn lùchairt Dhiùc *Buccleugh* ann an Dailché, seachd mìle deas air Dunéidin; 's air a h-uile ceum de'n t-slighe, bha na mìltean carbad, 'us cairt, 'us marcaiche, 'ga fàilteachadh. Ràinig i'n lùchairt eireachdail—lùchairt duine cho fialaidh, teò-chridheach, flathail, 's a tha eadar dà cheann na rìoghachd—beagan roimh inheadhon-lathia Diardaoin; agus tha e air a ràdh gu robh os-cionn deich mìle pearsa a fhuair

cead o'n Diùc 'bhi sa' phàirc mhòir—faiche na mòralachd 's an eireachdais—a dh'fhaotninn sealladh air *Victoria*, 's air Prionns' *Albert*, a céile pearsanta.

DI-HAOINE.

Cha do thachair a bheag na mhòr air an latha so is àiridh air innse. Chuir a' Bhan-rìgh a' chuid bu mhò dheth seachad a' cois-eachd a mach air feadh nam pàircean mu thimchioll lùchairt an Diùc, agus a' coimhead cuid de mhaithean àrda Alba tha 'comhnuidh ann an siorramachd Loude (*Lothian*). Chaidh Prionns' *Albert* agus Sir R. *Peel* a mharcachd 's a choimhead na dùthcha, 's a ghabhail seallaidh o mhullach Suidhe Artair, 's o gach àird eile tha sa' choimhearsnachd. 'San fheasgar, bha cuideachd mhòr cruinn aig a' chuirn a dheasaicheadh sa' phàlais.

Air oidhche Dhi-haoine, bha Dunéidin uile na shoillse: bha h-uile uinneag sa' bhaile nan lasair le coinnlean, 's le innleachdan soluis de gach guè a b'urrainn eanchainn a smuaineachadh, mar onoir air fath an solais, *teachd na Ban-rìgh do dh'Albainn*. Cha'n 'eil e comasach beachd a thoirt air an t-soillseachadh éibhinn so dhoibh-san nach fac e. Cha'n fhacas a leithid riamh rounhe an Dunéidin. Cha robh ann ach strì có gheibheadh a mach an dòigh bu ghread-naiche na chéile, gun smaoin air costais. Bha mìle mìle deich mìle lòchran, de gach seòrsa 's de gach dath, crochta anns na h-uinneagan. Bha focail agus litrichean soluis r'am faicinn an sud 's an so, a dh'fhaodadh neach na ruith a leughadh. Chìte gu sònraicht' an dà litir, *V.* agus *A.* ('se sin, *Victoria* agus *Albert*) air gach àite, le crùn rìoghail gu loinnreach boilsgeal os an cionn, agus rionnag theinnteach air gach taobh dhiubh. Bha na sràidean co soilleir ris a' mheadhon-latha; ach b'e an sealladh a chuir iongantais air gach aon, 's bu mhò b'fhiach fhaicinn, an obair-theine o chnòc a' Chaisteil. Cha'n fhacas an Albainn riamh nì de'n t-seòrsa 'thug bàrr oirre! Chìte mar gum biodh rionnagan dealrach sradearballach air an losgadh á beul gunna-mhòir, a' streap ris na spéuran—cuid dhiubh dearg, cuid gorm, 's cuid naine; 's an deigh dhoibh àird nan spéur a' ruigheadh le fuaim mhòir, chìte iad a' tuiteam mar fhras do chlachan dearga loisgeach, a' dealradh co soilleir 's gum faicadh tu snàthad air an làr, 's am priobadh na sùl cha robh iad ann.

Cha'n 'eil sinn fad' am mearachd 'nuair a their sinn gu robh trì cheud mìle sluaigh a mach air an oidhche sin, a' siubhal na sràide; agus cha chualas focal àrd as an ceann, nì mò bha tabaid, no misg, no strì 'nam measg—nì bha anabarrach onorach de'n t-sluagh mhòr, 's do'n tìr anns na thachair e.

DI-SATHURNE.

'Nuair chual a' Bhan-rìgh gu robh mòr dhòilgheas air daoine nach fac iad i air Diardaoin, leig i fios gu'n tigeadh i stigh do'n bhaile air Di-sathurne—gu'n rachadh i 'ua carbad air a sochdair air feadh Dhunéidin, a choimhead a' bhaile-mhòir, 'nuair gheibheadh iad

cothrom air i féin agus am Prionns' fhaicinn. Thug an sgeul so anabar sòlais do gach aon. Ghrad dhì-chuimhnich iad na thachair Diardaoin, a's thòisich iad air uidheamachadh tràth 'dheanamh airson sealladh ceart dhi fhaotuinn air an latha so. Fada roimh éiridh na gréine, bha saoir a's luchd-cèaird' eile as an léintean, a' cur ri chéile àiteachan-suidhe a's lohhtachan. Cha'n fhacas a leithid do shluagh riamh 's a bhrùchd a nis a mach o gach àite, 's a h-uile fear 's an deise b'fhearr a bli'aig' air an t-saoghal air a dhruim.

Dh'fhàg a' Bhan-rìgh 's a cuideachd Dailché air deich nairean sa' mhaduinn. Ged nach robh an latha grianach, bha e tioram. Ràinig i luchairt aosmhor *Holyrood*, tigh-còmhnuidh a sinnsirean àrda, air leth-uair an deigh aon-nair-deng. Bha i ann an carbad ùr rioghail, air a tharruing le ceithir steudan aille donn; agus i féin air a h-éideadh ann an deise co-riomhach 's a chaidh riamh air druim—gùn do bhreacan rioghail na Stiubhartach, do shìoda luachinhor—bòineid gheal shìoda, le ite bhòidheach gheal na h-*ostrich* air a suaineadh mu'n cnairt di—agus earrasaid eireachdail a rinneadh ann an Albainn mu 'guailbh. Bha'm Prionnsa na shuidhe r'a taobh, air a làimh chli. Tharruing luchd nan bogha-saigheid suas ri taobh a' charbaid, mar a freiceadan rioghail, 's eachraidh nan déigh.

Ghabh a' chuideachd suas sràid ris an canar an *Canongate*, air an aghart troinbh 'n t-Sràid Àird, dh'ionnsuidh a' Chaisteil. Bha iomad carbad maiseach 'na deigh, làn do dh'àrd uaislean na tire. Cha chualas riamh leithid do ghaoir 's a thog am mòr-sluagh air gach taobh, 's a' Bhan-rìgh an dràs 's a ritluis 'ga cromadh féin, mar gu'n abradh i, "Tha mi 'nar comain."

Bha àit' àraidh air a thogail mar lobhta, air an robh ceithir cheud caileag òg, a h-uile aon ann an trusgan geal, nan suidhe le basgaidean beaga 'nan lamhan, làn do bhlaithlean ùr ar aille. 'Nuair bha 'Bhan-rìgh a' dol seachad fodhpa, thog na caileagan laoghach iolach àrd le'n nìle chumhachd, a' tilgeadh am blàithean 'san adhar, mar fhàilte; a bha do réir choslais taitneach do *Victoria*, a rinn gàire càirdeis, 's a dh'aidich an fhàilte le mòr thoileachadh.

'Nuair ràinig i 'Chrois, bha'm Prothaist agus na Baillidhean, mar bu choir dhoibh bhi o thoiseach, 'nan àiteachan féin, le iuchraichean a' bhaile. So far an robh dòimhladas an t-sluaigh! Thainig na Gàidheil, fo cheannas oighre Mhic-Cailean Mhòir, a nis an sealladh. Tiota beag nan déigh, chunn'cas an carbad rioghail. Stad a nis an carbad, 's a' chuideachd mhoralach a lean e. Labhair am Prothaist gu math foirmeal. Dh'fhàiltich e Bhan-rìgh. Thug e dhi iuchraichean a bhàile; agus an deigh an làimh-seachadh, phill i air an ais iad thuige féin, ag ràdh nach b'urraim iad a bhi ann an lamhan ni b'fhearr; a's thug i taing dha airson a dhilseachd agus a chaoimhneis.

Ghluais i 'nis air a h-aghart dh'ionnsuidh a' Chaisteil, a chuir fàilte oirre le gunna-mòr thar fhlichead a losgadh, agus bratach dhearg Bhreatuinn a thogail an àirde. 'Nuair ràinig i 'n geata,

thainig i mach as a' charbad, a's choisich i; 's ged bha 'brògan co tana ri pàipeir, cha do chuir i umhail air a chabhsair bhog fhlinch. Dhirich i gu aotram nallach, 's cha do leig i anail gus an d'rinn i 'mach bàrr-bhalla an dùin. Bha iomadh do dh'uaislean àrda maille rithe. Chaidh i o àite gu h-àite, a' cur cheistean do thaobh sud, 's do thaobh so; air nairean a' taic air gairdean Phrionns' *Albert*, agus air nair eile 'coiseachd air a casan beaga féin, leatha féin, 's a' labhairt ris gach neach a thigeadh 'na rathad. 'Nuair ràinig i fìor mhullach a' Chaisteil, 's a sheas i air a' bhinnein, a dh'fhaotunn sealladh farsuing air an dùthaich, tha e air a ràdh gu'n d'aidich i nach fac' i riamh sealladh a b'aille! Bha i nis mar eala-bhàin gu h-àrd eadar an sluagh agus na spéuran. Chnuaic i foidhpe dà cheud mìle sluagh air a' char bu lugha, a thog mar aon duine gair no iolach nach enalas riamh a leithid 'san tìr so, 's a theagamh nach cluinn, 'nuair chnuaic iad i an àirde. Chaidh i nis a stigh do'n t-seòmar 'sam bheil seann chrùn rìghre agus ban-rìgh'ne Albainn—an t-slat rìoghail òir—an claidheamh mòr dà-làinhe a b'abhaist a bhi air a gliùlan roimh rìghrean Alba; agus an deigh dhi beachd a ghabhail air na nithe so, agus iomadh nì eile tha sa' chaisteal aosmhor so, theirinn i. Chaidh i stigh d'a carbad, agus ghabh i sìos taobh siar a' bhaile, troimh na sràidean is eireachdaile agus is farsuinge 'theagamh tha air nachdar an t-saoghail. Lean i féin 's na maithèan air an aghaidh o shràid gu sràid. Thaghail i aig tigh Mòrfhear *Rosebery*, fìor Albannach, a leigeadh a h-analach; 's cha b'ìoghnadh ged robh i sgìth. Dhealaich muinntir Dhunéidin rithe an so. Thuit an t-uisge na dhìle thrùn; ach ged thuit, mar philleadh aon sluagh, choinnich sluagh eile i. Ghabh i air a h-aghart gu Lìte, far na choimnich Prothaist agus Bàillidhean a' bhaile mhòir sin i le meodhail agus mòr ghreaduachas; agus as a sin chaidh i air a h-aghart gu Dailché, a ràinig i mu àird an fheasgair, agus deich mìle beannachd 'na cois.

LATHA NA SÀBAID.

Chaidh searmoin a shearmonachadh air an latha so ann an seòmar mòr ann an pàlais an Diùc ann an Dailché, le ministear de'n Eaglais Shasunnaich, an làthair na Ban-rìgh, maille rinsan a bhuineadh do Eaglais an Easbuig. Tha mòran a' gearan nach deach i do eaglais na sgìreachd an sin, airneo nach d'thàinig i dh'éisdeachd a h-aon do mhinisteirean Eaglais na h-Alba 'n Dunéidin. 'Nis, gun mòran a ràdh nime so, nach robh e ceart gu'n deanadh i aoradh do Dhia a réir cleachdadh na h-eaglais anns na thogadh i, agus d'am buin i? 'S nach b'fheàrr gu mòr i dh'fhuireach gu sàmhach aig a tigh féin air là an Tighearn', na tighinn do Dhunéidin le sluagh mòr as a deigh—nì a thàirneadh mìltean a stigh do'n bhaile, agus a bhiodh na chulaidh-bhuairidh do mhòran latha naomh an Tighearn' a bhriseadh? Nan rachadh a' Bhan-rìgh air an latha sin do Dhunéidin, do'n Eaglais Àird gu h-àraidh, rachadh na mìltean á Glaschu féin chum sealladh fhaotunn dhi. 'Nar barail féin, rinn i an nì a b'fheàrr; agus ar leinn gur truagh an rud nach

tugadh daoine do'n Bhan-rìgh nì tha i féin a' toirt do gach bochd agus nochd 'san tìr—'se sin, comas aoradh a thoirt do Dhlia anns an eaglais is miann leatha. Stad i gu sàmhach air an latha sin far an robh i, agus uime sin chaidh latha naomh na Sàbaid a chaith-eamh an Dunéidin dìreach mar a b'abhaist; ach tha sinn làn fhiosrach, nan tigeadh a' Bhan-rìgh do Dhunéidin a dh'éisdeachd searmoin a' cheud uair a bha i 'n Albainn, le othail, 's le ùpraid, 's le gleadhraich—le saighead-fheara, 's le eachraidh—gur iadsan is mò tha 'gearan a nis a b'àirde 'thogadh an gutli 'na li-aghaidh.

DILUAIN.

Cha b'e so an latha bu ghrianaiche de na làithean. Bu mhiann leis a' Bhan-rìgh maithean agus uaislean na tìre fhaicinn 'na làthair; aon seach aon, ann an Dailché; oir cha robh e 'na comas an coinneachadh ann am pàlais *Holyrood*, a' chionn gu'n robh fiabhras ann. Cha robh carbad an Dunéidin nach robh air fhastadh air an latha so chum a' chuideachd a ghiùlan a mach. Ged nach robh an t-astar ach mar sheachd mìle, cha robh e comasach carbad fhaotuinn a ghiùlaineadh ceathrar fo ceithir puinnnd *Shasunnach*! Thòisich a' chuideachd air Dunéidin fhàgail mu dheich uairean sa' mhaduinn, ged nach robh geatachan lùchairt Dailché gu bhì air am fosgladh gu aon uair an deigh inheadhon-latha. Chaidh eadar ceithir agus cùig cend carbad a stigh air an aon clachlaidh. Bha trì mìle do dh'astar eadar a' cheud charbad 's an carbad ma dheireadh, 's iad cho dlùth air a chèile 's a b'urrainn doibh seasamh!

Iadsan a bha làthair air an latha so, cha dè-chuimhnich iad an sealladh an dà latha so. Cha'n 'eil e comasach cumantas mion a thoirt air. Bha àilleadh 'us eireachdas, rìomhadh 'us uaisle na tìre, air faiche mhòr a' chaisteal air an latha suilbhire so. Bha eadar dà agus trì mìle 'fhnair a stigh, 's a' chunnaic a' Ban-rìgh; agus fhuair còrr 'us dà-cheud-deug a dh'onoir cùl a làimhe 'phògadh. Chaidh gach cuideachd, mar ràinig iad an dòrus-beòil, a stigh. Dh'ìrich iad suas an staidhir mhòr, 's uaislean nam bogha-saighead air gach taobh dhinbh, air freacadan—a' Bhan-rìgh am meadhon seòmair mhòir lùchairt Dhailché—a' chathair rìoghail air a cùlaobh, le crùn agus an t-slat òir oirre—*Albert* air a làimh chlì, agus flaithean mòr na tìre mu thimcheall.

Bha cairt no pàipeir aig gach aon a' chaidh stigh 'na làimh, air an robh 'ainm a's 'inbhe sgrìobhta, maille ri ainm a' mhorfhear a' bha còlach air; agus thug e so do neach a bha dlùth do'n Bhan-rìgh, a' lèugh 'ainm a mach gu follaiseach an làthair na cuideachd; agus an sin dh'ìarradh air a ghlùn a lùbadh, agus pòg a thoirt do làmh na Ban-rìgh. Shìn ise 'mach a làmh dheas—'s be sin an làmh gheal, bheag, bhòidheach, a's fàineachan luachmhor a' deàrsadh le sendan priseil air gach meur. Lùb an neach a bha air ainmeachadh a ghlùn dheas—ghlac e 'làmh—thog e gu 'bheul i—dh'fhalbh e gu li-athaiseach—chrom e 'cheann, a' deanamh ùmh-lachd dhi, agus mar an ceudna do Priom' *Albert*. Dh'fhalbh e 'n sin air aghaidh gu stòda, gus an robh e mach as a làthair air dorus

eile. Rinn na bantighearnan an nì ceudna. Bha coisri-chiùil a' cuir dhiùbh—brataichean a' snàmh air ficheadan crann—carbada rìomhach co fad 's a b'urrainn an t-sùil fhaicinn—'s maithean 'us uaislean na h-Alba ann an éideadh-cùirte; 'se sin, còta dubh cruinn-sgiortach, le broilleach singilte—briogais ghoirid, le bucal an an àit a' ghartain—stocainean sìoda, brògan bucalach, agus ad thri-cheàrnach. Fear air bith air an robh

“An t-éile preasach, deis' mo rùin,

Osan nach ruig fad o'n ghluin,

Còta breac nam basa dlùth;

'S a' bhoineid dhù-ghorm thogarrach,”

cha robh tuilleadh air iarraidh aisan. 'Si so deise-chùirte rìoghail a' Ghàidheal, agus cha bheag an t-eireachdas anns gach àit i! Bha na marc-eich mheamnach a' gearradh shùrdag air an reithleir, na trombaidean a' séideadh, 's na h-uile nì bu shuilbhir' 's bu ghreadhnaich' na chéile. 'S gann gu'n aithnicheadh neach fear-eòlais, leis an éideadh rìomhach a bha orra, co eu-coltach ris an aodach tha daoine am bitheantas a' caitheamh—bucail airgid 'us òir—claidhmhnean air an leis—stocainean sìoda air iomad lurga chaoil, chàrn, a b'fhearr a cleth. 'Nuair bheachdaich sinn air cuid dhiùbh, thainig an t-òran 'nar cuimhne—

“Tha biodag air Mac-Thòmais,

Tha biodag air Mac-Thòmais,

Tha biodag air Mac-Thòmais;

Gur math gum fòghnadh sgian dha!

Tha biodag air a' gliogarsaich,

Os-cionn bann na briogaise;

Nam faiceadh e mar thigeadh i,

Gur math gum fòghnadh sgian dha!

Tha bucaile 'na bhrògan,

Tha bucaile 'na bhrògan,

Tha bucaile 'na bhrògan;

Gur math gum fòghnadh ial dha!”

&c. &c.

Chaidh an latha ghreadhnach so seachad, agus phill a' chuideachd dhachaidh; agus gu dearbh cha b'ìoghnadh ged robh a' Bhan-rìgh òg sgìth.

DIMAIRT.

Bha'n latha so grianach, soilleir; 's air naoi uairean sa' mhaduinn bha 'Bhan-rìgh' na carbad, agus air a turus do Ghàidhealtachd na h-Alba. Cha ruig sinn a leas cunntas a thoirt air gach ceum d'a turus rìoghail, ach a ràdh ann an aon fhocal, gach àite troimh 'n deachaidh i, gu'n do choinnich gach urram 'us dilseachd i a b'urrainn sluagh a thairgse.

Ràinig i Iomrach-na-Banrigh (*Queen's Ferry*) mu aon-uair-deug—tighearnan, uaislean, agus tuath na dùthca, 'marcachd na déigh. Chaidh i thar an aisig, i féin 's a' chuideachd fhathail a bha maille

rithe; agus ghabh i roimhe gus an d'ràinig i Caisteal *Dhuplin* (Dubh-linn?), àite-còmhnuidh Mhorfhear *Kinnoul*, ann an siorramachd Pheairt. Bha comunn lionnhor 'san àite eirèachdail so 'feitheamh oirre, agus na mìltean a mach air a' bhàr, air an breth-as le dealas gu fàilte Ghaidhealach a thoirt dhi. Ghabh a' chàraid rioghail dinneir *thràth* sa' chaisteal, far an d'fhuair fàith-ean na tìre 'bha sa' choimhearsnachd cuireadh a bhi làthair. Ghabh a' Bhan-rìgh a nis air a h-aghaidh gu baile-mòr Pheairt; agus faodar a ràdh le fìrinn nach 'eil rathad 'san rìoghachd uile as an àille sealladh na'n rathad so. Sheas a' Bhan-rìgh 'na carbad 'nuair ràinig i uchdach àrd o'm bheil sealladh fada farsuing air an dùth-aich, 's tha e air a ràdh gu'n d'aidich i nach fac i riamh sealladh bu chiataiche!

Ràinig i nis

BAILE-MÒR PHEAIRT.

Ma rinn Prothaist agus Bàillidhean Dhunnéidin eulaidh-bhàirt dhìubh féin le'n giùlan breamasach, cha'n fhaodar sin a' ràdh ri Prothaist agus Bàillidhean Pheairt. Cha robh dòigh an robh e comasach urram agus dìlseachd a' thaisbeanadh nach do nochd iad; agus rinn iad so le leithid dó ghliocas 's do stòdachd, 's gu'n robh bochd 'us beartach, nasal 'us ìosal, 'gam moladh. 'Nuair ràinig a' Bhan-rìgh crìoch a' bhaile, choinnich iad i aig a' gheata. Thairg iad dhi iuchraichean a' bhaile, agus rinn iad labhairt rithe gu deasbhriathrach, modhail, ionnsuichte. Fhreagair ise iad ann an cainnt thioram, theabanta—'si féin is urrainn. Thilgeadh geata a' bhaile fosgailte, agus ghabh a' Bhan-rìgh 's na bha maille rithe air an aghart fo bhogha mòr àluinn, mar bhogha drochaid, air a dheanamh suas le blàithean 's le ròsan ùrail. Cha do ghabh am bogha buadh-làraich so ach deich latha 'ga chur suas, agus bithidh e na bhuan-chuimhneachan air sòlas agus subhachas an latha agus na còmh-dhail. Cha'n 'eil an seann bhaile Peairt a' dol air aghaidh an sluagh, ach air an latha so bha *leth-cheud* mìle ann nach robh ann an làr-na-mhàireach!

Chaidh a' Bhan-rìgh air a h-aghaidh air a cuairt am measg gàir dhealasach an t-sluaigh; agus an deigh dhi dol troimh Pheairt, shuidh *cùig ceud* do mhuintir a' bhaile aig cuirm a bha air a deasachadh gus a slàinte òl. An àm cromadh na gréine do'n t-sruth, ràinig i'n t-àite ainmeil sin, *Scàinn* (*Scoon*), far na chrèndadh a liuthad d'a sinnseara, rìghre na h-Alba, a nis àite-còmhnuidh Mhorfhear *Mansfield*.

PALAIS RÌOGHAIL SCÀINN.

"Sud còmhairle chlag Scàinn,

'N rud nach buin duit, na buin dà."

'Nuair thainig a' Bhan-rìgh a stigh air cachalaidh mhòr na pàire, dh'fhàilticheadh i le gunnachan-mòra, 's le buidheann de'n Fhreic-eadan Dhubbh, "an dara té 's an dà-fhichead." Thogadh a' bhratach rioghail dhearg air mullach na lùchairt, 's thainig a' chuideachd

a mach na còmhfhàil. Bha cuirm mhòr 'san àite so 'san fheasgar; ach bha 'Bhan-rìgh sgìth, 's cha b'ìoghnadh e, 's chaidh i 'laidhe tràth.

DICIADAIN.

Bha 'chàraid rìoghail air an cois gu math moch. Bha'm biadh-maidne seachad air ochd uairean. Chaidh iad le chéile mach a bheachdachadh air an dùthaich àille mu'n cuairt. Dh'fhàg iad Sàinn ainmeil roimh mheadhon-latha, air an turus gu Tigh-a'-Bhealaich, àite-tàimh Mhorfhear Bhraidalba. 'Se rathad Dhunchailin a ghabh iad. Bhrùchd muinntir na dùthcha 'mach as gach àit' a dh'fhàilteachadh na buidhinn rìoghail mar bha iad a' gabhail seachad, agus mhothuich iomad gu robh a' Bhan-rìgh air an latha so, 'nuair fhuair si i féin am measg nan Gàidheal, ni bu chridheile 's ni bu shuilbhre na bha i o na chuir i 'cas air tìr an Albainn. Thuig i gu robh i 'measg nan càirdean is tèd-chridhiche tha 'na rìoghachd—am measg an t-sluaigh is treise agus is dilse tha fo'n chrùn—am measg nan Gàidheal! Bha nis ri fhaicinn air gach dara duine “a' bhiodag, 's a' bhoineid, 's a' bhreacan an éil-cadh;” 's air gach taobh de'n rathad, “clanna nan Gàidheal an gnailibh a chéile.” Air uair an deigh mheadhon-latha, ràinig i

DUNCHAILIN.

'Sann an so chunnaic a' Bhan-rìgh an sealladh a thaitinn rithe—fir threun Athol a mach 'nan làn éideadh—ceatharnaich co fearail foghainteach 's a tha 'san rìoghachd. Bha Morfhear Ghleann-lìobhan (*Glenlyon*) agus uaislean na tìre mach air a' bhlàr le *deich ceud* Gàidheal, gach fear a' toirt bàrr air a chompanach an calmachd 's an eireachdas, nan làn éideadh fearail, mar bu dual. Bha cluig a' bhaile 'bualadh gu mìreagach. Thaghadh a nis trì-fichead de laoiach Athoil mar fhreiceadan do'n Bhan-rìgh, 's b'iad féin na gillean! Theagamh, cha do sheas riamh air faiche, de'n àireamh, buidheann bu mhaisiche. Chruinnich mòran do Ghàidheil á àiteachan eile, air chor 's, 'nuair thainig a' Bhan-rìgh 's am Prionns' a stigh air blàr, gu robh os-cionn trì mìle làthair a thoirt dì-bheatha dhaibh; 's mar d'rinn iadsan sin, togadh na creagan fianuis! Bha aona ghunna-mòr thar fhichead, a loisg dararach a thug air Mac-talla, o mhìle creag, 'us cnoc, 'us beinn, a ghuth-cinn a thogail mar nach d'rinn e riamh roimhe sa' cheart àite!

Bha 'u so bùth riombach air a chur suas, a mach air a' bhlàr, anns an robh cuirm air a deaseachadh airson *Victoria* agus *Albert*, 's a' chuideachd mhòr a bha maille riu—cuirm, tha e air a ràdh, a b'fhiach coiseachd á Glaschu casruisgte 'ga faicinn. Bha fichead bùth eile ann a chaidh uidheamachadh air an son am fochair, le bòrd mòr fada air a luchdachadh le pailteas bìdh a's dibhe. So latha nach dì-chuimhnichear an Athol fhad 's a bhios duine 'làthair a chunnaic no 'chual' iomradh air!

Thòisich an dannsa mach air a' bhlàr, ri port cuireadach, rnith-leumnach, aigeannach na pìoba; agus b'iad féin “a bhreabadh an

an t-ùrlar, 's a thionndadh gu brisg." Ach ma dheireadh b'éigin do'n Bhan-rìgh falbh. Chaidh an trì-fichead ceatharnach de na h-Atholaich, le'n tuaghanan Abrach, a thoirt conhaideachd dhi mar shàr fhreiceadan, agus *ochd* pìobairean a' cluich romhpa—ceòl agus sealladh cho aoibhneach 's a b'urrainn duine 'chlàisteachd no fhaicinn!—cho aoibhneach agus cho mòralach 's gu'n d'fhuair e 'chuid a b'fheàrr de'n Bhan-rìgh mhaoth-chridhich; oir chite na deòir a' ruith sìos le 'gruaidhean, 's an dearg a' falbh 's a' tighinn, leis a' mhòr thlachd a ghabh i de na chunnaic 's na chual' i!

Ghabh iad a nis air an aghart an cois na h-abhuinn *Tay*—rathad co tiorail sàmhach 's a tha 'san dùthaich uile. Cha robh sluagh mòr an so, no gleadhraich. Chite muinntir aoin bhothain a mach—ciobair an sud 's an so, le 'bhreacan-gnaille—buanaichean le'n corain, agus as an léintean, a' ruith gu taobh an rathaid. Chite seann bhean aosmhor thlachdmhor na suidhe a muigh, a' leughadh a' Bhìobaill—té eile 'figheadh stocainea; ach dh'fhàiltich iad uile a' Bhan-rìgh le sìobhaltachd agus urram, agus dh'aidich ise so le fàilte 'chur orra le urram co mòr 's ged b'iad flaithean na tìre.

Chaidh an carbad rìoghail seachad air Gleann-Ailbeart agus Aberfeallaidh. Bha mòr shluagh a mach, agus bha uidheamachadh mòr air a dheanamh chum a fàilteachadh. Eadar so a's Tigh-a'-Bhealaich bha dòmhladas mòr sluaigh, a h-uile fear 'us bean, sean 'us òg, 'nan earradh Dòmhnich. Sluagh bu mheasaile coslas cha b'urrainnear fhaicinn.

TIGH-A'-BHEALAICH, NO CAISTEAL BRAIDALBA.

An fhad so, dh'fhiach sinn, mar a b'fheàrr a b'urrainn dinn, cunntas a thoirt air cuairt na Ban-rìgh; ach tha sgàth oirnn oidheirp a thoirt air innse na thachair 'san àite so—chaidh e thar cainnte! Thug e bàrr air na chunnaic a' Bhan-rìgh féin riamh!

Ged nach robh suil ris a' Bhan-rìgh gu feasgar, gidheadh bha muinntir na dùtlcha 'cruinneachadh o mhochthrath; agus mu mheadhon-latha, bha anabar sluaigh air an turus gu Tigh-a'-Bhealaich: oir thilg am Mòrfhear a' phàirc-mhòr fosgailte air an latha so, chum gum faigheadh gach aon lan a shùil de'n Bhan-rìgh agus de'n Phrionnsa, agus de na bha 'dol air aghaidh. Cha'n urrainnear tuille 's a' chòir do chliù 'thoirt do'n uasal fhlatasach so airson a shuairceis 's a chaoimhneis air an àm so. Cha do dhiùltadh neach, bochd no nochd; agus cha dì-chuimhnichear sin dhàsan.

Beagan an deigh mheadhon-latha chunnacas na Gàidheil 'nan éideadh a' cruinneachadh fo chaithream iolagach nam fichead pìob, 's an cinn-fheadhna air an ceann. B'ann doibh féin a thigeadh an t-éileadh! Bha na Caimbeulaich, còrr 'us cùig ceud, fo chomann oighre a' Mhòrfhear, tighearn' òg Ghlinn-falaich; agus da rìreadh bu dhreachmhor a' bhuidheann iad. Bha iad air an roinn nan cùig cuideachdan, 's ceannard fuirbi thairis air gach cuideachd. Bha 'chuideachd-eutrom air an éideadh am breacan glas nan ciobairean, le gunna-caol an fhéidh an làmh gach fir. So an fheadh-

ainn a bha ri dol a lorg an fhéidh an làr-na-mhàireach. Bha iad uile nan gillean aubharrach eireachdail, air roghainn cumadh o mullach gu'm brògan.

An deigh do na Caimbeulaich a bhi'n òrdugh, chualas pìob. Cò bha so ach Sir Nial *Menzies*, le 'thuath 's le 'chinneach, air an éideadh gu h-eireachdail ann am breacan a theaghlaich, geal 'us dearg—e féin, an laoch fathail, air steud-each co geal ris, a' chanach—a m'bac òg maille ris, 's na ceatharnaich shunndach a' meàrsadh nan déigh. Tharruing iad suas fo àrd iolach an t-sluaigh do'n àite chuireadh air leth air an son.

Bha seòladairean a' Mhorfhear mar an ceudna 'làthair, le'm briogaisean geala, 's le'n adaichean fairge, 's cnairt òir nu'n timchioll. Bha bratach Bhraidalba féin a' snàmh sa' ghaoith air mullach a' chaisteil; agus bha dithis do sheòladairean na Ban-rìgh, fear air gach taobh de'n chrann, chum a tarruing a nìos, agus a' bhratach dhearg bhuadhach a chur suas 'na h-àite cho luath 's a thigeadh a' Bhan-rìgh 'san t-sealladh. Bha cuideachd de'n deagh reisimeid Ghàidheilich, an 92d, maille ri marc-eich, air a' bhàr, 's a h-uile nì an òrdugh, gun smid á beul, ach gach sùil air a' chachlaidh air an robh a' Bhan-rìgh ri tighinn a stigh. Chite am Morfhear e féin, 's na flaithean àrda bha maille ris, air an ais 's air an aghaidh, le'm boineid 's le'n éileadh, a' cur gach nì ceart, 's a' socrachadh gach cùis; agus gu dearbh cha'n olc a thig an t-éileadh dha féin, an t-uasal eireachdail dreachmhor. Tha e air a ràdh gu'n do chosd a bhoineid i féin eadar trì-fichead 's ceithir-fichead punnd Sasunach!

Chunnacas a nìs an earbad rioghail a' tighinn. Leum na maraichean an glaic an diollaid, 's ghabh gach iosal a's uasal àite féin. Air leth-nair an deigh sèa 'san annoch, bha i taobh a stigh na pàirc. Chualas a nìs iolach an t-sluaigh a' fhuair a' cheud shealladh dhi. Shéid an trombaid. Ghlaodh am Morfhear, le guth fearail oscarach, "Bithibh deas, a chlanna nan Gàidheal!" Shéid càig-pìobairean-deug suas an aon phort-fàilte. Thainig gach ad a's boineid a nìos. Renb na spénran leis an àrd iolaich. Thugadh bratach Bhraidalba 'nìos, agus chuireadh suas a' bhratach dhearg rioghail Bhreatunnach, 's Mac-Dhùghail Lathurn 'na taic, le 'chlaidheamh rùisgte an tarruing. Dh'fhosgail na gunnathan-mòra an craos. Loisg iad o gach cnoc. Fhreagair na mìte cnoc a's glac. Ghiùlain Loch-Taighe an fhuaim o cheàrn gu ceàrn, 's o thaobh gu taobh. Chite fiadh a's earba, le'n cròic-chabar, nan cruinn-leum, a' dìreadh ri mullach nam beann—an coileach-dubh 's a' chearc-thomain air an sgéith—na maighich 's na coinneanaich nan geathadaich—agus am buar 's an earbaill air an guailibh. Bha coisridh-chiùil anns gach àite; 's cha robh ach aighear, 'us sòlas, 'us greadhnachas, 'us pailteas, air gach làimh ann am Braidalba.

Cha b'urrainn a' Bhan-rìgh a's *Albert* a chleith gu'n do chuir na chunnaic 's na chual' iad anabar iongantais orra. Cha robh e comasach ann an rìoghachd Bhreatuinn còmhdbail bu chiataiche agus bu mhòralaiche 'chruinneachadh, no sealladh bu ghlòrmhoire

'nochdadh. Cha'n fhac' ise no' esan a leithid rianh, agus so nì nach do cheil iad. 'Nuair thainig a' Bhan-rìgh as a carbad, chrath i lànfh a' Mhorfhear, agus mhol i na Gàidheil. Thainig a' Bhan-mhorfhear phearsanta lùrach a mach na còmhaidhail, a's phlàg a' Bhan-rìgh i; agus na deighsa a' Bhan-diùc Shutharlanach, agus bantighearn' eile bha maille riu. 'Tanull beag an deigh do'n Bhan-rìgh dol a stigh do'n chaisteal, thainig i féin 's an Prionnsa dh'ionnsuidh àrd-uinneig a choimhead an t-sluaigh, a chuir a' ris fàilt' orra le àrd iolach; agus na dheigh so sgaoil iad, gu cruinn-eachadh 'san anmoch, a réir riaghailt a riùneadh, gu greadhnachas 'us fearas-chuideachd a dheanamh dlùth do'n chaisteal.

'Nuair thuit an oidhche, bha'n fhaiche 's a' phàirc air an soilleseachadh le crùisgeinean beaga, a' lasadh leis gach datl a tha sa' bhogha-fhrois. Bha cùig ceud mìle dhiubh so air an raon, gu sònraichte aig bun nan craobh! Bha téintean-éibhinn mòra air mullach gach béinne; 's cha'n 'eil e comasach a thuigsinn, ach leòsan a bha làthair 's a' clunnaic e, co àille 's a bha'n sealladh uile gu léir! Bha na cendan de na Gàidheil, 's leus mar chrann-tàra a' lasadh ann an làimh gach fir, a' siubhal troimh 'n phàirc, air chor 's gu robh gach nì co soilleir 's ged b'e àird' a' mheadhon-latha e.

Dlùth do'n chaisteal, agus dìreach ma choinneamh nan uinneagan mòra dreachmhòr, chaidh lobhta chlàiridh 'thogail, air an robh na Gàidheil ri dannsa le ceòl na pìoba, agus far am faodadh na maith-ean agus a' mhòr-chuideachd am faicinn. Bha'n uiread so do Ghàidheil a' giùlan leusan teine ceithir-thimechioll na lobhta so. Shéideadh a nis na gaothairean, lionadh gach malla, sgail gach feadan, 's thòisich an dannsa; 's ma thòisich, 's iad na gillean nach robh leisg no lunnadh! Bha 'Bhan-rìgh' gan coimhead o'n uinneig; 's ma bha, cha robh i gun ioghnadh—cha'n fhac i dannsa rianh gus a so a b'airidh air an ainm! Na laoich! air m' fhocal, 'sann aca féin a bha comas nan cas! Co eu-coltach ri dannsa snàgach moineasach na Galltachd, a chuireas fnachd air neach 'fhaicinn! Bha nasal 'us ìosal air a' chlàiridh, 's cha robh gainne air pìobairean. Dhannsadh "Gille-Calum," no "Danns'-a'-Chlaidheamh"—"Ruidhle Thullachain"—"Tullochgorm"—'s gach danns' eile bu bheòthaile na chéile. Bha Sir Raibeart Peel fad na h-ùine 'g amharc orra, 's cha di-chuimhnich e air a luathas an sealladh! Cha'n urrainn sinn a bhreathnachadh an t-ioghnadh a chuir e air na Sasunnaich! Cha b'errainn am Prionns' an làrach fhàgail. An deigh do'n Bhan-rìgh dol a laidhe, phill esan; agus dh'fhan e gus an d'fhalbh an duine na dheireadh, mu mheadhon-oidhche!

DIARDAOIN.

Bha'n latha so finch, fmar, dorch. Bha am beachd na cuid-eachd, mar bhith so, 'dhol a luingearachd air Loch-Taighe. Bha bàtaichean riombach deas, fo'n làn uidheam, le'n sgiobadh taghta—am measg chàich, bìrlinn shnasmhòr a thainig fad an rathad a Lunnainn airson na Ban-rìgh; ach snasmhòr mar bha i, bha bìrlinn

ann a thogadh le Gàidheal Earraghàidhealach, fear Mac-Neacail ann an Grianais, a thug bàrr oirre 'nuair thainig latha na deuchainn.

Chaidh a' Bhan-rìgh, an deigh a biadh-maidne, a choimhead an tigh-bhainne, far am fac i 'bhanarach a' deanamh ìme á muidhe *China*—'se sin, muidhe de'n stuth de'm bheil na cupaichean-tea rìombach air an deanamh; agus 'sann le cuachan 'us acfhuin airgid bha'n t-ìm air a dheanamh, gun làmh a dhol 'ga chòir. Na dheigh so, choisich i féin agus a' Bhan-mhorfhear feadh nam pàircean.

Chaidh am Prionnsa 'mach a dh'fhiadhach, no 'shealgaireachd, mu mheadhon-latha, agus Sir R. *Peel* a's cuid eile de na h-uaislean leis. Cha'n 'eil an Albainn àit' airson fiadhaidh cosmhuil ris a' bheinn os-cionn Tigh-a'-Bhealaich. Tha gach seòrs' ann is urrainnear ainmeachadh do dh'èoin 's do bheathaichean ceithir-chasach, agus iomad seòrsa nach 'eil r'am faotuinn an àit' air bith eile 'san rìoghachd. Cha'n e amhàin fiadh 'us earba de gach gnè, ach mar an ceudna an damh-alluidh, damh fiadhaich America, agus seann tarbh-alluidh na h-Alba—cearcan-fraoich, cearcan-tomain, caoilich-dhubha, an liath-chearc, an easag, an cabar-coillte, an stoirmeagan (*ptarmigan*), 's mar sin. Chaidh ceud-gu-leth Gàidheal a mach leo, de'n robh buidheann thaghta leis a' Phrionns'. Bha aigesan trì ghunna-caol, agus dà bharrail anns gach gunna. Bha ceithreir a' cur a stigh na h-urachrach, 's esan a' losgadh. 'Sann an sin a bha'n raoceil 's an langanaich! Ann an trì uairean a dh'ùine, leag e le 'làmh féin, *naoi-deug earba*, gun tighinn air eòin!

Mu bheul an anmoich, chunn'cas buidheann do "ghillean an éilidh" a' tighinn, a's pìobair' air an ceann, leis an t-seilg air cabair. Thainig a' Bhan-rìgh a mach a dh'fhaicinn an t-seallaidh—sealladh nach fac i riamb a choimeas, 's ma dh'fhaoidte, mar tig i do thir nam beann a rìs, nach faic i r'a beò. Leag Sir R. *Peel* agus na h-uaislean eile cunntas gun àireamh do dh'èoin dhubha, 's dhearg, a's riabhach; 's thainig iad dhachaidh leo.

'San fheasgar, chaidh a' chuideachd fhathasach a mach, cuid an carbadan, 's cuid a' marcachd, a choimhead na dùthcha. Chaidh iad troimh Cheannmor, agus deas gu ceann Loch-Taighe—suas an cois an loch, rathad ùr a rinneadh air an son féin. Phill iad rathad Chill-inn, an deigh cuairt fhada 'ghabhail, agus mòran do dhùthaich àluinn fhaicinn.

DI-HAOINE.

Bha maduinn an latha so càileigin fiuch; ach ged bha, cha do chum so Prionns' *Albert* agus am Morfhear as na monaidhean. Chruinnich na Gàidheil a rìs ma choinneamh nan uinneag. Shéid na pìoban, 's thòisich an dannsa. Sheas a' Bhan-rìgh a' coimhead air na gillean, anabarrach toilichte. Bha'n lobhta-chlàir càileigin sleamhuinn leis an uisge, nì 'thug leagadh a h-aon no dhà, agus a thug a mach anabar gàireachdaich 'us fearais-chuidheachd; agus bu bhòidheach ri fhaicinn a h-uile fear a thuiteadh, co deas 's a bha e air a bhonnaibh, 's a' ruidhleadh mar nach tachradh dad. 'Nuair thainig

an oidhche, bha *ball* mòr sa' chaisteal. Bha dà cheud a làthair de uaislean na tìre—cuideachd eireachdail. Dh'fhosgail am Mòrfhear agus a' Bhan-rìgh am *ball*, maille ri Prionns' *Albert* agus a' Bhan-mhorfhear. Chumadh suas an ceòl 's an dannsa gu math blàth gu meadhon-oidhche, 'nuair chaidh iad uile gu tàmh.

DI-SATHURNE.

Bha'n latha so grianach, soilleir. Bha e air a shocrachadh roimh-làimh gum fàgadh a' Bhan-rìgh agus a céile pòsda Tigh-a'-Bhealaich air an latha so—caisteal falaidh an t-sùgraidh 's na carthanachd! Mu'n d'fhalbh i, chaidh i féin agus *Albert* do'n ghàradh, far na chuir i, le 'lamhan féin, dà chraobh òg dharaich, agus dà chraobh ghiubhais, mar chuimhneachan air a cuairt thaitnich. Na dheigh so chaidh iad sìos gu taobh an loch, a's chaidh iad air bòrd nam bàtaichean rìomhach a bha ri'n aiseag.

Bha bhirlinn anns an robh a' Bhan-rìgh agus am Prionns' air a stiùradh le Mac-Dhùghail, Lathurn—a' bhratach rìoghail am bàrr a croinn, 's gach nì mu'n cuairt di cho òirdheirc 's cho cosdail 's a b'urrainn duine 'dheanamh. Dh'fhalbh ceithir bàtaichean, aon air aon; 's mar dh'fhàg iad tìr-mòr, loisgeadh na gunnachan-mòra o gach cnoc: agus da rìreadh cha bu shealladh suarach so—an cabhlach beag rìomhach a' treabhadh Loch-Taighe, a' giùlan dhaoine mòra ainmeil, agus Ban-rìgh a' chuain mhòir, 's a' bhratach nach do strìochd; agus so uile air loch uisge am meadhon beanntan Gàidhealtachd na h-Alba! Tha cuid a bha làthair ag ràdh nach robh sealladh a chunnaic a' Bhan-rìgh an Albainn bu mhò 'thaitinn rithe na so!

Chaidh a nis a' choisridh rìoghail air tìr aig Achamòr, àit' a bhuineas do Mhorfhear Bhraidalba, far an robh dinneir thràth air a deasachadh airson na cuideachd. 'Sann an so a dhealaich a' Bhan-rìgh agus am Prionnsa ri Mòrfhear Bhraidalba, agus ris a' Bhan-mhorfhear àille chruiteil; agus is airidh Braidalba air taing a dhùthcha. 'S cinnteach sinn nach dì-chuimhnich a' Bhan-rìgh fhad 's is beo i a liuthad dòigh a ghnàthaich am flath urramach, agus a chéile, gus an aoidhealachd 's an dìlseachd a thaisbeanadh.

Ann an Cill-inn, thachair oirre, mar anns gach àit' eile, mòr urram. Cha robh aon nì a b'urrainn an sluagh a dheanamh chum a fàilteachadh mar bu chòir, nach d'rinn iad.

Ghabh na carbadan air an aghart troimh Ghleann-Dochaird gu ceann Loch-Earn, 's mar sin air an aghart troimh Shrath-Earn, gu Caisteal Dhrumain. Rinn a' Bhan-rìgh air an latha so astar mòr; 's ged bheireamaid cunntas air na thachair, cha bhiodh ann ach ag innse na dh'innis sinn cheana. Ràinig iad

CAISTEAL DHRUMAIN, DI-SATHURNE.

Cha'n fhacas latha bu ghrianaiche agus bu chiùine na'n latha so, 's gu dearbh bu ghreadhnach togarach an sealladh baile Chraoibh (*Crieff*) air an latha so! Bhrùchd sluagh na dùthcha an so, mar anns gach àit' eile, a thoirt dì-bheatha d'am Ban-uachdaran shaoghalta. Bha iomad a chaithris an oidhche, 's a thainig fichead mìle air astar

'ga coimhead. Bha tuathanaich chothromach teaghlach Dhrumain, air a' bheil Morfhear *Willoughby* 'nis mar cheann, a' marcachd air an gearrain ghasda féin—breacan de shuidheachadh nan Drumanach thar guala gach fìr, agus peiteag de'n bhreacan cheudna air gach aon diubh. B'iad féin na ceatharnaich throma ghramail, a dh'fhaodadh a bhi nan cùis uail do thighearna tha 'san rìoghachd; 's ma bha esan tha thairis orra toileach an gairm a mach, bha iadsan seachd uairean na bu thoilicht' a ghairm a fhreagairt. “Coma leinn,” ars' iadsan, “a' bhuain; thig iomad foghar, theagamh, mu'n gairmear sinn gu Ban-rìgh Bhreatunn 'fhàilteachadh a ris.” Ged bha'n latha grianach tioram, 's a' bhuain 'na teas, cha do gheàrradh dlò, 's cha do fàimhsicheadh sguab mar fhichead mìle de'n rathad. Bha hogha-buadhach àrd air drochaid Chill-earn, 's am fraoch badanach, gucagach, gorm, air a shuaineadh mu'n cuairt, le iomad blàth bòidheach cùbhraidh nam beann; agus ann an àiteachan eile air an t-slighe bha 'Bhan-rìgh ri ghabhail, bha hoghachan de'n t-seòrsa cheudna, air an deanamh suas gu h-innleachdach, eireachdail. Cha robh tigh na bothan air nach faicte suaicheantas air choir-eigin, mar thaisbeauadh air an dìlseachd.

Có chunnaic seann chaisteal nan Drumanach nach aidich gur gann a chìtear 'san rìoghachd àit 'is freagaraich airson còmhnuidh teaghlach mhòir? Gu h-àrd shuas air creig, chìtear e 'togail a chinn aosmhoir am measg bheanntan, 'us chreag, 'us chraobh! Mu thimchioll a' chaisteil tha pàircean àillidh, air am faicear crodh 'us caoraich ag ìonaltradh. Dlùth do'n chaisteal tha lochan àille ciùin, agus na ficheadan eala bhàn fhad-mhuinealach a' snàmh air a dhruim lìobha; agus airson gàraidhean a's liosan, anns a' bheil gach preas, 'us blàth, 'us luibh, is comasach a thional as gach dùthaich, cha'n 'eil an coimeas ri fhaotuin am Breatunn! Tha e air a ràdh le daoine tha min-eòlach mu na nithe so, nach 'eil lethbhreac lios nam blàth aig Morfhear *Willoughby* 'san Roinn-Eòrpa! Cha'n urrainnear àicheadh gu bheil na gàraidhean, na sràidean, na pàircean, 's na h-uile gu léir mu thimchioll a' chaisteal so, gun choimeas!

Tha slighe fharsuing, eadar craobhan dòmhail àrda, suas a dh'ionnsuidh a' chaisteal. Air an t-slighe so bha tuath teaghlach Pheairt air an tarruing suas air an aon taobh, agus tuath Morfhear Srath-Ailein 's Drumanaich mòr féin air an taobh eile. Air an cùlaobh so bha sluagh na dùthcha, fìrionn 'us boirionn. Ach, gu truagh! thainig an oidhche, doillearachd an fheasgair, mu'n d'thainig a' Bhan-rìgh air a h-aghart, air chor 's nach fac' iad i mar bu mhiann leo. Ach coma co dhiùbh, cha d'fhuairich sin an fhàilte chridheil a chuir iad oirre. Bha uaislean na tìre uile, le'n ceatharnaich, as deigh na Ban-rìgh. Cha'n 'eil e 'nar comas an ainmeachadh fa leth; 's leòir a ràdh nach robh a h-aon air chall. Am measg chàich, cha'n urrainn sinn dear-mad a dheanamh air fear an tigh-òsda ann am baile Chomri, de'n ainm Comri e féin; agus d'an robh mar inbhe bratach teaghlach Pheairt a ghiùlan air gach còmhduil de'n t-seòrsa so. B'e 'sheanair a ghiùlain bratach Diùc Pheairt latha blàr Chulfhodair; 's fhuaras co math e, 's gu'n d'thubhairt an Diùc, “A Chomri, a mhic t'athar! cha dì-chuimhnichear do ghaisgeachd-sa 'n diugh—tha t'aran fuinte fhad 's

is beò thu!" Agus is airidh air innse gu robh aig an t-sàr laoch air a' cheart latha so an claidheamh a bh'aig a sheanair ann am blàr Chul-fhodair, 's leis na bluail e gu làr gach Sasunnach aig an robh a' dhàn-achd oidheirp a thoirt air bratach Dhiùc Pheairt! Bha 'dhithis mac maille ris, agus an làimh gach fir claidheamh dà-làimhe bh'aig an sinnseara ann am blàr iomraiteach *Bhannockburn*. Fhuair aon diubh duais an urraidh ann an Glaschu 's an Dùnèidin airson "Danns'-a'-Chlaidheamh." Bu riomlach na plobairean air an latha so; agus 'nam measg uile cha'n fhacas a h-aon air na shocraich an t-sùil le barrachd spéis na seann Mhaighistir *King*, a tha dlùth air *ceithir-fichead 'us deich* bliadhna 'dh'aois. Chaidh sèa-fichead Gàidheal, air an èideadh ann am breacan nan Drumanach, a thaghadh gu bhi nam freiceadan do'n Bhan-rìgh, maille ri trì-fichead laoch de'n t-seann Reisimeid Dhuibh.

Do bhrìgh gu bheil an caisteal aosmhor, agus nach 'eil na seòmraichean co mòr 's bu mhiann leis an teaghlach urramach d'am buin e, thogadh bùth no pàilliuin air an làraich, dlùth do'n chaisteal, mar thigh-cuirme; agus faodar a ràdh nach facas riamh de'n t-seòrsa aon a thug bàrr air. Bha e leth-cheud troidh air fad, agus leth-cheud troidh air leud. Bha na soithichean 's na miasan a bha air na bùird do dh'òr 's do dh'airgiod. Bha aon soitheach ann, de'n òr bu phrìseile, a thugadh do theaghlach nan Drumanach le Ban-rìgh Raibeart an treas, rìgh Albainn; agus bu nighean do Dhrumanach i féin. Mar so, thaisbeanadh leis an t-soitheach so an càirdeas eadar an teaghlach so 's a' Bhan-rìgh a bha nis maille riu! Cha robh eireachdas ann air am b'urrainn duine smaoineachadh nach robh air a leigeadh ris air an àm so sa' chaisteal uasal so. 'San oidhche, bha baile Chraoibh air a shoillseachadh, agus teintean-éibhinn r'ann faicinn air ceudan cnoc. Cha chòir a leigeadh air dl-chuimhn gu'n do chruinnich ministerean diadhaidh *Mhuthil*, agus mòran dhaoine maille riu, air feasgar Di-sathuirne, 'san eaglais, a ghuidhe beannachd an Tighearna air a' Bhan-rìgh, 's air a céile.

LATHA NA SÀBAID.

Chuireadh an latha naomh so seachad mar bu chòir dha. Bha seirbhis-aoraidh sa' chaisteal, an làthair na Ban-rìgh; 's chaidh Sir R. *Peel* agus Mòrfhear Abear'ain do dh'eaglais na sgìreachd.

DILUAIN.

Chaidh Prionns' *Albert* agus Mòrfhear *Willoughby* an diugh a shealgaireachd gu frìth Ghlinn-Artnidh, dà-mhìle-dheug as. Cha d'éirich riamh air dùthaich latha bu ghrianaiche agus bu shoilleire. An deigh na ciùin fhrasan a bh'ann ré na h-oidhche, bha gach cuspair ag amharc co ùrar, ait. Bha'n t-àite uile gu léir 'na làn mhòralachd —bratach dhearg nam buaidh air barra-bhalla an t-seann dùin—faileas nan craobh, fo mheas, ri'm faicinn 'san lochan chiatach, air an robh, mar thubhairt sinn cheana, na ceudan eala-bhàn a' snàmh gun ghiorag —agus a' ghrian féin, mar gum b'eadh, a' coimhead a lethbhreac anns an tàmh-uisge!

Chaidh Sir R. Peel cuideachd, e féin a's Morfhear Aber'ain, a shealgaireachd; agus gu cinnteach b'iongantach an sealladh na seòid so, ris am bheil gnòthuichean Bhreatunn, a's faodar a ràdh an t-saoghail, an earbsa, a' falbh le'n còtaichean cutach air tòir chearca-fraoich 'us fheadagan! Ach coma có dhiùbh, dhearbh Sir Raibeart gum b'urrainn e gunna 'laimhseachadh co ealanta ri càch; oir thilg e, le 'laimh féin, dà-fhichead coileach-ruadh!

Chaith a' Bhan-rìgh 'chuid bu mhò de'n latha 'measg nam blàithean anns na liosan, mar gum biodh Eubha eile ann. Bha dannsa mòr sa' chaisteal 'san oidhche, far an robh mòrachd agus cìreachdas na tìre 'làthair.

DIMÀIRT.

(An treas-là-deug de'n mhìos.)

Dh'fhàg a' Bhan-rìgh Caisteal Dhrumain air naoi uairean sa' mhad-uinn, rathad Srath-Earn; agus b'e sin an turus àrd-chaithreamach, buadhach. Chaidh gach tighearn, 'us tuathanach, 'us fear-cèairde; fear 'us bean, balach 'us caileag, 'mach a thoirt urram dhi.

Aig Orchill, bha bogha mòr àrd air a chur thairis air an rathad-mhòr, agus thainig a' Bhan-rìgh 's am Prionnsa 'mach as a' charbad a choimhead an àite; oir 'se so an t-àite na chaisg na Gàidheil na Ròmanaich o shean. Iadsan a bhuaidh thairis air an t-saoghal uile, 's do na strìochd gach tìr, chuir Albanaich nam beann stad orra 'san àite so, 's cha d'fhuair a h-aon diubh dol ceum ni b'fhaide. Bha 'Bhan-rìgh anabarrach toilichte gu'n do chomharraicheadh a mach an t-àite ainmeil so dhi.

Aig tigh Chier bha uidheamachadh mòr air a dheanamh, agus anabarr cosdais, leis an duine mhath *Stirling*, d'am buin an t-àite. Dh'aidich a' Bhan-rìgh agus am Prionns' an t-urram so air dhòigh nach robh cumanta. Bha'n nì ceudna aig Drochaid-Ailein, agus dlùth do Chaisteal *Airthrie*, àite-còmhnuidh Mhorfhear *Abercromby*; ach 'sann aig drochaid Shrìla bha'n t-uidheamachadh sònraichte. Cha robh dòigh a b'urrainn innleachd no seòltachd a dhealbh, gun suim do chosdas, nach d'fheuch muinntir a' bhaile so air an dèiseachd a nochdadh. Bha iad ag aoladh nan tighean fad seachdùn, 's a' tarruing gheugan 'us bhlàithean, chum an cur 'nan uinneagan 's air mullach an tighean. Air aon-uair-deug, chunn'cas i 'tighinn fad as. Loisg an seann chaisteal dararach, a thoirt sanais do'n t-sluagh, a bha air chorrabiod a' feitheamh rithe. Fhreagair mille cnoc, le mactalla, le greadhnachas. Cha luaithe ràinig i crìoch a' bhaile na dh'fhosgail na gunnachan-mòr' an craos a ris, le dararaich rioghail a chuir crìth gu bun air a' chreig air am bheil an daingneach làidir so air a thogail, 's a bhodhair, gu beag-ni, na mìltean a bha mach. Choinnich Prothaist, agus Bàillidhean, agus Ministerean a' bhaile i aig an drochaid, far an robh bogha mòr àluinn, agus lobhtaichean air an uidheamachadh. Rinn iad ùmhlachd do'n Bhan-rìgh, liubhair iad iuchraichean a' bhaile dhi, agus dh'fhàiltich iad i. Thog an sluagh iolach a chualas mìltean air astar. Bhais a' ghrian a mach o chùl nan neul—bha Nàdur

sàmhach, ciùin, fo chlos, mar gum biodh i 'cumail air a h-anail; agus da rìreadh bu mhòralach an sealladh gu léir!

'Nuair liubhair i na h-ìuchraichean do'n Phrothaist, ghabh i air a h-aghart, a fàilteachadh le 'laimh 's le 'ceann, i féin 's am Prionnsa, an t-sluaigh mhòir a bha mu 'timchioll ri iolach. Chaidh a' chàraid rìoghail 's na bha maille riu, le luchd-riaghlaidh Shrìla, 'nan carbad eireachdail, air a tharruing le ceithir eich cho àluinn 's a chaidh riamh an carbad, troimh shràidean a' bhaile; 's a h-uile uinneag 'us àite làn, 's an sluagh a' togail iolach, 's a' cur an adaichean 's an neapicinean-pòca geala mu'n cuairt an cinn, 'nan làimh. 'Se'n rìgh ma dheireadh a ghabh an t-slighe cheudna Prionns' Tearlach bochd; ach bu mhòr an t-eadar-dhealachadh eadar an dà latha! Bha oillt 'us eagal air daoine 'san àm sin roimh na Gàidheil: an diugh cha'n 'eil ri éisdeachd no fhaicinn ach ceòl, 'us aighear, 'us dìlseachd; agus cha duine ach Gàidheal!

Air dà-uair-dheug, dìreach air àird a' mheadhon-latha, ràinig an carbad rìoghail geata an t-seann chaisteal làidir so. Bha'n Reisimeid Dubh, le'm boineid-iteach 's le'n éileadh, fo chomann Màidshear Mac-Dhùghail na Gallanach, air an tarruing suas air gach taobh de'n rathad, mar dhà cheud slat, 's an gunnaichean gorma 'deàrsadh anns a' ghréin. 'Nuair ràinig i 'n geata far a' bheil an drochaid thogalach, chuir Sir Gilleaspuig *Christie*, bàillidh a' chaisteil, (laogh aosmhor, a chaill gu beag-ni a leth-cheann ann an aobhar a rìgh agus a dhùtlacha,) fàillte oirre; 's thug e mach as a carbad i. Liubhair a nis Sir Deòrsa *Murray*, Còirneal na Reisimeid Duibhe, litrichean dhi, 's e 'cur a làimh r'a bhoineid, gun a toirt dheth. Choisich i nis a stigh do'n chaisteal, air brat rìomhach sgàrlaid a chuireadh sìos air a son, agus gairdean a' Phrionns' aice. Lean *Peel* agus na maithean 's na bantighearnan eile i; agus am measg chàich, bantighearna Shir Raonull, Fear *Staffa*, nach maireann. Chaith iad air a shùil leth-uair sa' chaisteal, a' coimhead gach seann armachd agus ioghnadh eile tha an taobh a stigh. Bha na pìoban a' cluich gu h-iullagach, 's chaidh a' bhratach rìoghail a chur a suas. Bha air blàr dlùth do'n chaisteal teine mòr, agus mòr-sheasar dhaoine 'ròstadh daimh 'na chraicinn, a bha gu dìnnear a thoirt do na bochdan, mar onoir air an latha. Sheas a Bhan-rìgh air a' bhalla mhòr thiugh, a's chunnaic i sealladh nach 'eil ri fhaicinn na h-uile latha—beanntan Pheairt, Earraghaidheil, Dhunbhretunn, agus Dhunéidin, á làrach nam bonn—na soithichean-smùid' ag ialadh air an abhuinn shnìomhanaich *Forth—Bannockburn* 's an campa Sasunnach, 's an campa Ròmanach, mar gum b'eadh, aig a casan—agus am foghar a' ciùin-luasgadh, làn toraidh, air gach làimh.

Dh'fhalbh a choisir uasal a nis 'nan carbad fosgailte air an athais troimh phrìomh sràidean a' bhaile, gus an d'ràinig iad a' chrìoch air an taobh eile. Aig geat a' chaisteil, chunnaic sinn sealladh nach dì-chnìmhnich sinn—'se sin, cha luaithe chaidh Sir Raibeart *Peel* 'na charbad, na ruith an sluagh nan ceudan, a' crathadh làimhe ris. Cha robh dol as aige—b'éigin da stad a chur air a charbad, 's a' Bhan-rìgh a leigeadh air a h-aghaidh, gus an d'fhuir na mìltean, bochd 'us nochd, crathadh d'a làimh, am feadh a bha uaislean o bhàrr-bhalla a'

chaisteal a' glao dhach le'n uile cumhachd, "*Peel* gu bràth, sud ris!" Aig a' chrìch so do'n bhaile bha bogha-buadhach mòr agus cosdail, air a chòmhdach le duilleagan, 's le fraoch, 's le geugan; agus crùn rioghail mòr, do ròsan 's do bhlaithlean eile, air 'fhìor mhuillach, agus ceathrar bhalachan bòidheach eireachdail, air an éideadh ann am breacan, 'ga dhìon. 'Nuair chunnaic a' Bhan-rìgh iad, stad i an carbad, a's ghabh i beachd àraid orra. Bha dòmhladas mòr 'san àite so, a thog iolach a shaoileadh duine 'shrachdadh na spéuran. Dhealaich Bàillidhean inheasail dhealasach Shrila rithe 'nis, a's ghabh i cead dhiubh le mòr shuìlbhireachd. Piseach air na gillean, rinn iad gu dearbh an dleasnas! 'Nuair dhealaich muinntir Shrila ris a' Bhan-rìgh, ghabh tuath na dùthcha, fo cheannas Chòirneal *Murray*, triath Pholmaise, i féin 's na bha maille rithe fo'n cùram. Phìll muinntir Shrila air an ais gu cuirm eireachdail a bha deasaichte air an son, 's a roinn an daimh a chaidh a ròstadh ann measg an t-sluaigh, le uiread arain 'us beoir 's a thogradh iad. Bha so air cosdas an duine fhlatheil uaisail, *Ramsay, M.P.*, triath *Bharnton*. Cha d'rinn esan dì-chuimhn air bochdan an àite. Soirbheachadh le Strila 's na bheil ann!

Ghabh a' Bhan-rìgh air a h-aghaidh gu baile na h-Eaglaise-Brice. Bha deasachadh mòr air a dheanamh 'san àite so mar an ceudna. Thachair gum b'è latha mhargaidh a bh'ann, 's bha sluagh anabarrach 'san àite—cuìd dhiubh à Muile, à Cola, à Tìrighe—as a' Mharainn, 's as gach ceàrn de'n Ghàidhealtachd, le mìltean gun chunntas do chroth 's do chaoraich. 'Nuair chunncas a' tighinn i, chaidh na bùithean a dhùnadh, a's thaisbean gach fear 'us bean iad féin 'nan éideadh Dònuich. Chaidh a' bhuidheann rioghail troimh 'n bhaile, fo ard iolach an t-sluaigh; agus cha b'è guth nan drobhairean Gàidhealtach 's an gillean a' bìsle!—troimh phàirc mhòir an uaisail fhlatheasach shuairc, Foirbeas, triath *Challender*. Chaidh an triath, Foirbeas, agus a bhantighearna, leatha gu crìch Lìon-liobha (*Linkithgow*), baile anns a' bheil seann phàlais ainneil, anns an d'rugadh Ban-rìgh Màiri, agus anns an robh Pàrlamaid na rioghachd a' coinneachadh ré ionad bliadhna. Cha robh am baile so òirleach air dheireadh air àiteachan eile. Ma thogadh àrd-iolach rianh, thogadh an so i. 'S neònach nach do sgàin ceann na Ban-rìgh leis gach iolach a chual i! Bha muinntir a' bhaile so anabarrach toigheach mu Shir R. *Peel*. Thug iad a ris 's a ris iolach air a shon, a's leum iad mu thimcheall a charbaid, a' glacadh a làimhe, 's 'ga fàsgadh gu cridheil. Ach b'èigin deifir a dheanamh—bha'n latha dol seachad, agus astar mòr fathast rompa. Thàinig a nis buidheann ùr do dh'uaislean nan còmhdhail, 'nuair dhealaich cèch riu. Chuir Diuc *Bhucceugh* e féin air cheann nan daoine so. Bha'n rathad-mòr a h-uile ceann làn do chuideachd, agus sreathan do charbadan 's do chairtean air gach taobh.

Ràinig a' mhòr bhuidheann Dunéidin leth-uair an deigh ceithir, 's a' Bhan-rìgh ag amharc mòran nì b'fheàrr airson a turuis do'n Ghàidhealtachd. Bha 'h-aodann air a dhathadh beagan leis a' ghréin. Bha 'bìlean mar an dearcag, agus i sunndach suilbhear. Da rìreadh, bu bhòidheach chiatach am boirionnach beag i 'nuair ràinig i, air feasgar an latha so, pàlliuinn Dhiuc *Bhucceugh*! Ma bha sluagh mòr 'ga

coinneachadh an latha thainig i 'dh'Albainn, bha 'uiread eile nis 'san àite so 'ga fàilteachadh air a h-ais á "tìr nam beann 's nan gaisgeach!"

Bha i cailleigin sgith air an fheasgar so. Cha chualas a' bheag naipe ach moladh nan Gàidheal, 's gach sealladh a chunnaic i. 'S culaidh-thaingeachd nach robh àite an deach i nach b'e 'n strì có bu mho 'chuireadh do dh'urraim oirre; agus nach cualas focal, 's nach facas nì, o'n latha 'dh'fhalbh i gus an latha na phill i, ach na bha taitneach dhi féin 's do na daoine suairce, àrd, uasal, a bha maille rithe.

PILLEADH NA BAN-RÌGH AIR A H-AIS DO SHASUNN.

(Diardaoin, an cùigeamh-là-deug de'n mhìos.)

So an latha air na chuir a' chàraid rìoghail rompa Albainn fhàgail, agus pilleadh gu'n lùchairtean àrd a' lùin' féin ann an *Windsor*. Ma bha 'Bhan-rìgh moch air a cois, bha muinntir Dhailché 's Dhunéidin co moch, agus co déigheil togarrach air sealladh eile fhaotuin' dhi 's a bha iad riamh. Bha Prothaist Dhunéidin 's na Bàillidhean nan earalas air an latha so. Chan 'eil teagamh nach robh nàire air na daoine coir mar thachair air a' cheud latha. Bha deagh riaghailt air a dheanamh leo 'nis, 's a h-uile uidheamachadh chum onoir a chur air a' choisridh rìoghail mar bha iad a' pilleadh air an ais troimh 'n bhaile-mhòr, 's a' fàgail na dùthcha.

Bha'n latha soilleir grianach, agus bha'n sealladh, mar thainig a' chuideachd a stigh, 's mar chaidh iad troimh 'n bhaile, àille agus suil-blùir. Bha'n t-arm-dearg a mach air fad, 's luchd nam boghachan-saighead, 's uaislean na tìre, 's an sluagh mòr gu lèir. Cha robh fear no bean, bochd no beartach, aig an robh comas gluasaid, nach robh 'mach.

Bha 'Bhan-rìgh deas air ochd uairean. Ghabh i cead càirdeil de'n chuideachd ris an robh i 'dealachadh an Dailché. Labhair i ris gach neach mu'n cuairt di a ris agus a ris, ag ràdh nach tig gu dìlinn an latha a dhì-chuimhnichas i na chunnaic i an Albainn, agus caoimhnéas dealasach diléas gach neach. Chaidh Ban-diùc *Bhucleugh* leatha 'na carbad, a's dh'fhàg i caisteal an eireachdais, i féin 's na bha maille rithe, a's ghabh iad an rathad a stigh do Dhunéidin. Bha gach taobh de'n rathad làn sluagh. Cha do leig i leis a' charbad ach gluasad gu h-athaiseach socrach, 's e fòsgailte, chum gum faigheadh gach aon cothrom air a faicinn. Cha luaithe ràinig i Dunéidin na chuir an seann chaisteal a ris fàilte oirre le gunnachan-mòr; ach 's gann gu'n cluinnte fuaim nan gunnachan-mòra féin, le iolach a' mhòr-shluaigh! Mu dheireadh ràinig i cèadha *Ghranton*, far an robh an *Trident* (an soitheach-smùide bha r'a giùlan do Lunnainn), agus deich mìle sluagh chum a faicinn air bòrd. Chuireadh na carbadan 's na h-eich air bòrd air soitheach eile, a's ghléidhadh an *Trident* air a son féin amhàin; 's cha robh nì a b'urraim innleachd a dheanamh chum i féin 's an *Prionus* a chumail sàmhach seasgar, nach deach a dheanamh. 'Measg nithe eile chunnacas a' dol air bòrd air an luing so, bha cabar àrd cròiceach an fhéidh mhòir a mharbh am *Prionus* an Gleann-Artnidh.

Cha luaithe thòisich gunnathan-mòr a' chaisteal, na fhreagair na luingeas-cogaidh. Ràinig a' Bhan-rìgh an cèadha leth-uair an deigh a naoi. Cha robh long no bàta aig nach robh gach bratach a bhuineadh dhoibh am bàrr nan crann—na seòladairean a mach air na slatan-siùil, 's gach aon co deas glan 's a bha 'na chomas. Bhuail gach coisri-chiùil suas “Fàilte na Ban-rìgh.” Thainig i mach as a carbad. Ghabh Diùc *Bhucleugh* a làmh, 's ghrad bha i air clàr uachdrach na luinge maisich, a's càch 'ga leantuinn. 'Sann a nis a thogadh an iolach! Sheas i ag amharc mu 'timchioll le mòran taitneachais, 's a nis chaidh i sìos a dh'amharc taobh a stigh na luinge; ach an tiota phill i 'rìs. B'éigin falbh. Dhealaich i ris na h-uaislean àrda bha maille rithe. Phòg i Ban-diùc *Bhucleugh*, 's na bantighearnan àrd eile bha maille rithe; a's chrath i làmh ris na h-uaislean, ag ràdh a ris agus a ris nach dì-chuimhnicheadh i gu bràth blàthas an dìlseachd, agus caoimhneas muinntir na h-Alba—nach do chuir i riamh seachad uiread do dh'ùine co taitneach. Air dheich uairean, dh'fhàg an *Trident* an cèadha. Bha 'cuibhlean a nis fo'n làn shiubhal. Mach a thug i troimh 'n chabhlaich mhòr, 's a' Bhan-rìgh 's am Prionns' nan seasamh anns an deireadh, ag amharc air na dh'fhàg iad air tìr, agus deich mìle ùrnuigh ag éiridh as a leth, gu'n cuireadh am Freasdal caomh sàbhailt dhachaidh iad. Lean na luingeas coimheadachd iad, a's ann an ùine blig bha iad as an t-sealladh. Phill an sluagh dhachaidh, fo shòlas gu'n robh an aimsir co ciùin; oir bha'n latha grianach, agus fe-nan-eun air a' chuan.

A' BHAN-RÌGH AIR A H-AIS AN LUNNAINN.

DI-SATHURNE.

Bha'n aimsir fad na slighe co ciùin sàmhach 's a dhùraichdeadh cridhe. Tiota beag an deigh dheich uairean sa' mhaduinn, thainig an cabhlaich rioghail an sealladh Lunnainn. Bha fùghair rithe fad na h-oidhche. Bha gach aon 'na àite féin, 's gach nì deas. Chunnacas an *Trident* eireachdail uaibhreach a' gabhail air a h-aghart suas an abhuinn, leis a' bhrataich rioghail a' luasgadh 'san t-soirbheas, a's thuig gach aon co bh'aic' air bòrd. Cha robh dùn, no caisteal, no long, no soitheach, nach d'fhàiltich air an ais *Victoria* agus Prionns' *Albert*. Ma thogadh caithream bhudhar 'nuair dh'fhalbh i, thogadh caithream deich uairean ni b'àirde agus ni bu dhealasach' a nis! 'Nuair chaidh i stigh do'n bhàt'-fhada bha r'a toirt gu tìr, dh'fhosgail gunna-mòr thar fhichead an craosan! Bha'n carbad rioghail air tìr a' feitheamh oirre, agus uachdaran uasal an àite (*Woolwich*). Chuir an t-arm fàilt' oirre; agus a nis, co luath 's a b'urrainn ceithir steud-eich rìomhach, thug i 'lùchairt mhòr féin oirre, 's phòg i féin 'sam Prionns' a pàisdean rioghail ciatach. Bha 'Bhan-rìgh air a h-éideadh ann am breacan sìoda, mar onoir do thìr a' bhreacan as an d'thàinig i —dùthaich de na ghabh i gràdh agus nòs nach caochail ùine.

Tha'n turas a nis seachad; agus ged, theagamh, a tha cuid do dhaoine ann a bha gun suim do gach sealladh taitneach a chunnaic

iad, 's do gach nì 'thachair o na dh'fhàg gus na phill i, cha'n ann de'n àireamh sin, 's dearbh-chinnteach sinn, clann nan Gàidheal tha 'leugh-adh a' Chuairtear! Cha ghràdh faoin a bh'aig na Gàidheil riamh d'an cuid rìghrean. Tha dìlseachd 'us tairisneachd àrd a' ruith 'nan cuislibh airson nan rìghrean a dh'altrum iad 'sna linn-tean a chaidh seachad; agus fathast—'seadh, *fathast*, nam biodh feum air—tha iad ann an tìr nam beann co deas 's a bha na daoine treun o'n d'fhàinig iad gu fuil an cridhe 'dhiòrtadh airson na Ban-rìgh a tha, ann am freasdal Dhé, thairis orra!

Tha na Gàidheil fada, fada, 'n comain Mhorfhear Bhraidalba agus nan uaislean eile 'rinn, fo'm breacan 's fo'n éileadh, na Gàidheil a chruinneachadh air an àm so; agus tha dòchas againn gum bi barrachd bàigh aige féin, 's aig gach Diùc 'us Tighearna aig a' bheil oighreachd sa' Ghàidhealtachd, air na laoiach ghasda th'aca air an cuid fearainn, agus gu'n dean iad, o so suas, gach nì 'nan comas chum cothrom a thoirt doibh, 's an altrum le caoimhneas agus bàigh; oir c'ait', air aghaidh an t-saoghail, am faighear daoine co ceatharnail, co treun, co dileas? Agus an latha 'dhiùltas iad gairm an uachdarain a fhreagairt, cha'n ann acasan, ach aig na h-uachdarain a bhios a' choire. Cha'n abair sinn diog air an àmsa mu chuid do thighearnan, aig nach 'eil tuath no daoine ri thaisbeanadh—feadhainn, nan tigeadh a' Bhan-rìgh 'nam measg, aig nach 'eil mar cheatharnaich luchd-leanmhuinn ach *muil*, 'us *rùtaichean*, 'us *caoraich-mhòra*; airneo coitearan co bochd, 's nam biodh iad air an gairm a mach gu fàilte 'thoirt dhi, aig nach 'eil aig fear 'san fhichead deise shlàn a b'urrainn doibh a chur orra.

Mheudaich turus na Ban-rìgh gràdh gach Albannach d'a taobh—theannaich e nì bu dlùithe r'ar smuain an dìlseachd bha 'ceangal ar cridheachan ris a' chaithir rìoghail; agus, 'san àm cheudna, thaisbean a' Bhan-rìgh gu robh i na h-airidh air riaghladh thairis air sluagh coltach riu. Slàn leatha, an latha 'chì 's nach faic!

PRIONNS' ALBERT AGUS NA SEALGAIREAN.

Tha duin'-uasal a bha làthair ag innseadh dhuinn gur sealgair tèoma ealanta am Prionnsa—'s gann a mhearachdaicheas e urchair. Ged bha'n latha 'san deachaidh e 'mach a shealgaireachd ann am monadh dlùth do Thigh-a'-Bhealaich fìuch, salach, dorch, cha do bhachd sin e. Le 'ghunn' air a ghualainn, dhirich e 'bheinn le ceum co eutrom ualach ri aon neach a bha sa' chuideachd. Bha deich thar fhichead do cheatharnaich co treun, chalma, fhearail, 's a sheas air faich', a chaidh mach fo cheannsaill Sir A. Caimbeul, ceann tighe Bharchalltain, 'nan làn éideadh Gàidhealach, chum a' choille 'ramnsachadh, agus na buic-earba 'chuir air an cois. Thainig duin'-uasal eile (Uilleam B. Caimbeul, tighearn' òg Ghlinn-falloch), le cùig ceud Caimbeulach, mar an ceudna a chur na seilg an rathad a' Phrionnsa. Chuairtich

na gillean so am monadh. Chuir iad an t-sealg air a cois, agus dh'fheuch iad cuairt a ghabhail m'a timchioll, 's a cur an rathad a' Phrionns'; ach dh'fhairslich so orra. Chuir an eilid bhinnich gu dùlan iad, am Prionnsa, am Morfhear, 's na gillean. Bhrisd iad air falbh, a's thug iad a' chioille orra, gun suim doibhsan a bha 'gan ruaig.

Dh'éirich coileach-dubh an sud 's an so; ach ma dh'éirich, b'ann gu tuiteam. Cha luaithe 'sgaoil eun a sgiathan na ghrad thuit e fo làimh *Albert*. Leag e coileach-dubh no dhà air an latha ud a bha dà cheud troidh air astar. Air a làimh dheis agus chlì, leag e gach sealg a thainig 'na rathad—cabair-choille, liath-chearc, agus maighichean. Bha trì gunnaichean deas réidh aige—an t-aon a bha e féin a' giùlan, agus dithis eile 'bha air an giùlan le sealgairean a bha sa' chuideachd. Bha còta-seilg do bheilbheid shìoda mhìn mholach air, briogais do bhreacan glas nan ciobairean, agus ad gheal. Bha'm Prionnsa fad sèa uairean an uaireadair, e féin 's am Morfhear, anns a' bheinn mu'n do theirinn iad.

Mar bha iad a' tèarnadh o mhullach na beinne, bha sealladh àillidh aca air Loch-Taighe, 's air an t-Srath—air a' chaisteal eireachdail, trì mìle troidh gu h-ìosal fo'n àite 'san robh iad a' seasamh—'s an sluagh ag imeachd air an ais a's air an aghart air a' bhàr mu choinneamh an tighe, ag amharc co meabh 's ged b'fheanagan a bh'annta.

Mharbh am Prionnsa uile gu léir air an latha so naoi-deug earba, dà chabar-choille, dà choileach-dubh, trì liath-chearc, seà coileach-ruadha, ceithir cearcan-tomain, agus trì-maighichean-deug.

Cha'n fhacas Prionns' *Albert* riamh co àrd-thogarrach, àrd-inntinneach, shuilbhire, 's a bha e air an latha so. Cha do thachair daoine air riamh cosinhuil ris na Gàidheil—bha iad co uasal modhail 'nan dòigh. Cha do ghabh iad suim no umhail dheth. Cha do sheas iad gu spleuchdadh no geur-amharc 'na aodann, mar a dheanadh Goill no Sasunnaich, mar gum biodh adhaircean air; ach bha iad co saor, iasgaidh, ealamh, mu'n cuairt da, 's ged a bhiodh iad eòlach air o'n òige. Cha robh iad a' stauchdaireachd mu 'thimchioll mar a dheanadh feadhainn eile; agus da rìreadh bu thaitneach céile phrionusail na Ban-rìgh fhaicinn mar so am measg nan Gàidheal—co deas, fuasgailte, sùrdail, beothail, 's ged a robh e air a chuairteachadh le maithibh 'us uaislean na dùthcha.

Cha'n 'eil daoine air an t-saoghal do bheil fìor mhodh co nàdurra 's a tha e do na Gàidheil. Có chunnaic a' chuideachd mhòr a bha mu Thigh-a'-Bhealaich air an fheasgar anns an d'ràinig a' Bhan-rìgh, nach d'aidich so? Ged bha na mìltean agus na deich mìltean ann, cha do ghluais duine á 'àite féin—cha do dhòmhlaich iad mu 'timchioll. Cha robh an t-arm-dearg sin riamh an òrdugh a sheas ni bu riaghailtiche na rinn iad, na 'ghlùlain iad féin le barrachd eireachdais. Buaidh agus piseach leo! Is maing a dh'fhuadaichear á Albainn iad, no 'chuireadh an dùthaich fo Ghoill agus fo chaoraich-mhòr 'nan àite!

SLOINNTEARACHD NA BAN-RÌGH O RÌGHREAN NA H-ALBA.

1. Ailpein, Rìgh Alba, a dh'eug sa' bhliadhun'	833
2. An ceud Rìgh Coinneach, a dh'eug	853
3. An dara Rìgh Dòmhnall, a dh'eug	906
4. An ceud Rìgh Calum, a dh'eug	958
5. An dara Rìgh Coinneach, a dh'eug	994
6. An dara Rìgh Calum, a dh'eug	1033
7. Beathag, Ban-Phrionns' na h-Alba,	—
8. Donncha, a dh'eug	1040
9. An treas Calum, a dh'eug	1093
10. An ceud Rìgh Daibhidh, a dh'eug	1153
11. Eanruig, Iarla <i>Huntingdon</i> , a dh'eug	1152
12. Daibhidh, Iarla <i>Huntingdon</i> , a dh'eug	1219
13. Iseabal, Bana-Chount <i>Annandale</i> , a dh'eug	1267
14. Raibeart Bruce, Triath <i>Annandale</i> , a dh'eug	1290
15. Raibeart Bruce, Rìgh Albainn, a dh'eug	1329
16. Marsali, Ban-Phrionns' Albainn, a bha pòsda ri Bhaltair Stiùbhart,	—
17. An dara Raibeart Stiùbhart, Rìgh Albainn, a dh'eug	1390
18. An treas Raibeart, a dh'eug	1406
19. An ceud Rìgh Seumas, a chaidh a mhort	1437
20. An dara Seumas, a dh'eug	1460
21. An treas Seumas, a dh'eug	1488
22. An ceathramh Seumas, a mharbhadh	1513
23. An còigeamh Seumas, a dh'eug	1542
24. Ban-rìgh Màiri, do'n d'thugadh an ceann	1587
25. An sèathamh Seumas, a dh'eug	1625
26. Ealasaid, Banrìgh <i>Bohemia</i> , a dh'eug	1662
27. Beathag, Ban-Diùc <i>Hanover</i> , a dh'eug	1714
28. An ceud Deòrsa, Rìgh Shasunn, a dh'eug	1727
29. An dara Deòrsa, a dh'eug	1760
30. Frederic, Prionnsa <i>Wales</i> , a dh'eug	1751
31. An treas Rìgh Deòrsa, a dh'eug	1820
32. Iomhar, Diùc Chent, a dh'eug	1820

BAN-RÌGH VICTORIA!

A' BHANRÌGH AGUS AN COMUNN OSIANACH.

Maille ris gach òraid-fhàilt' a fhuair a' Bhan-rìgh 'nuair bha i 'nar measg, fhuair i òraid ann an *Gàelig*, dìreach mar leanas, facal air fhacal, o bhuill do Chomunn Osianach Ghlaschu, d'an d'thug an Seanalair Sir Deòrsa *Murray* freagradh sìobhalta:—

“ ÒRAID-FHÁILTE NA BAN-RÌGH, O CHOMUNN
OSIANACH GLASCHU.

“ Le'r céad, a Bhan-rìgh,

“ Tha sinne, bhr n-ìochdaranan dhìleas agus dhùthchasach, Gàidheil Albanach a' còmhnuidh ann am baile-mòr Glaschu, agus a' cumail suas cànan aòsmhor, òbha, bhlasda, thoirteil, ar sinn-sire—cànan a tha fathast 'ga labhairt le, agus 'ga searmonachadh do chòrr agus ceithir cheud mìle anns a' chearn so do'r rìoghachd amhàin—ag iarraidh le mòr urram a' tighinn gu stòl rìgh-chathair 'ur Mòrachd, chum 'ur deanamh cinnteach gu bheil ar cuisle 'bualadh le teas-ghràdh agus àrd-dhìlseachd dhuibh féin agus do'r roghainn rìoghail, Prionns' *Albert*—teas-ghràdh agus dìlseachd nach dean nì an taobh so de'n uaigh a lasachadh.

“ 'Se dùrachd agus àrd-rùn ar cridhe gu'n dean 'ur Mòrachd cas-bhrat d'ar srathan, agus tigh-stòir d'ar beanntan, agus sgiath-dhìdinn de 'ghillean an éilidh,' nì's bichionta.

“ 'Si ar n-ùrnuigh dhùrachdach, gu ma fada 'nochdas Buaidh-làraich 'ur bratach an àirde—nach téid aillbheag a bhriseadh ann an slabhraidh òir 'ur teaghlaich; agus an Tì leis am bheil rìghrean agus ban-rìgh'nnean 'rìoglachadh, gum buanaicheadh e griau a bheannachaidh agus ciùin-dhrùchd a ghràis dhuibh féin, do'n ghallan 'ur seise, agus do na fiùrain rìoghail 'ur clann—uaill agus aighear na h-ìmpireachd.

“ Tha sinn, &c. &c.

“ (An ainm a' Chomuinn,) * * * *, *Ceann-Suidhe*

“ Glaschu, Sept., 1842.”

Chuir iad a leithid eile 'dh'ionnsuidh a' Phrionns', agus ag agair cinneadais ris.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

P. CAMPBELL & CO., BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; Tullymet: C. Morris; Dingwall: A. Keith; Dornoch: Wm. Munro; Tain: James Ross, Jun., Druggist; Thurso: Mrs Russell; Dundee: Wm. Middleton; Oban: J. Miller; Greenock: A. M'Iver; Grantown: A. Cumming; Abernethy: D. Gordon; Dunkeld: D. M'Donald; Portree: A. M'Donald; Balachulish: J. M'Innis; Lochgilphead: N. Gillies; Argyle Furnace: A. Gillies, Schoolmaster; Lochdonhead, Mull: D. Fletcher; Bonaw: John Cameron, Postmaster; Aberfeldy: D. Cameron, Bookseller; Port Ellen, Islay: D. Hunter; Glencarradale: N. M'Donald, Schoolmaster; Bunessan, Mull: Donald M'Lean, Postmaster; Easdale: D. M'Intyre; Glenora: A. M'Innes; North Balachulish: Allan Cameron, Schoolmaster; Nova Scotia: Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq., Charlotte-town, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI 'S NACH FRAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

CEUD MÌOS A' GHEAMHRAIDH.

AN 33 ÀIREAMH.] NOVEMBER 1, 1842. [PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS :—Sermon for the Young, page 227.—Life and Exploits of Rob Roy M'Gregor, 233.—Judea and the Jews, Part II., 237.—Feud between Lochiel and the Laird of Macintosh, 243.—Letter from New Zealand, 245.—Song of Solomon (Metrical Version of Chap. VII.), 248.—Boat-Song, 249.—Affecting True Story, 250.—Isle of Skye Story, 251.—Father Mathew in Glasgow, 254.

SEARMON AIRSON ÒIGRIDH NA GAIDHEALTACHD.

NITHE MÒR AIR NA TOIRT MU'N CUAIRT LE NITHE BEAGA.

“ Agus tharruing fear a bhogha a thaobh tuairmeis.”—I Rìgh xxii. 34.

THA againn anns a' chaibideil so cunntas air cogadh a bha eadar dà rìoghachd—rìoghachd Israeil agus rìoghachd Shiria. Chuir eadh an cath gu cruaidh, agus dhòirteadh mòran fola. 'Nuair a chaidh Ahab a mach a dh'ionnsuidh a' bhlàir, chuir e dheth a sgeadachd rìoghail, agus chuir e air aodach cumanta mar shaighdear eile, chum 's nach aithnicheadh a nàmhaid e, agus nach gabhadh iad cuimse chum a chur gu bàs. Feadh 's a bha'm blàr a' dol air aghaidh, bha duin' anns an fheachd ris an robh Ahab a' cogadh. Cha'n 'eil fhios cò e, no ciod a b'ainm dha. Bha bogha-saighead aige 'na làimh, agus smuainich e gu'n tilgeadh e an t-saighead an aghaidh arm Israeil. Cha b'aithne dha neach seach neach 'san fheachd. Cha do ghabh e, uime sin, cuimse air fear air bith. Bha'n t-saighead 's am bogha 'na làimh. Chuir e am bogha air an lagh. Nach suarach cò dhiùbh a thilgeas e an

t-saighead no nach tilg—cò dhiubh a thilgeas e i am meadhon an fheachd, ris an lann dheas no ris an sgeith chli de dh'arm Israeil? Cha'n ann mar sin; tha mòran an earbsa ris a so—tha mòran crocht air an nì so, ciod au rathad a shiubhlas an t-saighead. Faic! tha e togail a bhogha ri 'shùil—tha e 'tarruing na h-eille. Dh'fhalbh an t-saighead—tha i 'siubhal troimh 'n adhar, agus a gabhail gu dìreach air a h-aghaidh a dh'ionnsuidh carbaid àraidh tha'n sud. Tha am-dhion airsa a tha sa charbad—tha luireach stailinn air. Air a' cheart am sin dh'fhosgail an luireach iarunn mu na h-uilt. A stigh air an fhosgladh so ghabh an t-saighead. Chualas leòsan a bha sa' charbad osann throm. Shàthadh an t-saighead gu domhainn ann an cridhe an Rìgh, agus mu fheasgar an latha sin thilg e an deò! Mar so bha Ahab, an rìgh mòr agus uaibhreach, a thog bailtean mòr, a bhuadhaich an iomadh blàr, air a chur gu bas; agus bha crìoch air a chur air a' chogadh leis an t-saighead fhaoin ud a thilgeadh air tuarmeis. O cia mòr na nithe tha air uairibh ag èiridh o nithe tha do rèir cosluis beag agus faoin! 'Si so an an fhùrinn bu mhiann leam a shoillseachadh dhiubh air an àm, agus feuchaidh mi so a dheanamh co so-thuigsinn 's a tha 'nam chomas.

Bha dà shaor-luingeas roimh so, ag oibreachadh le chèile 'san aon àit, a' togail sòithich. Bha iad a' snaitheadh maide airson fiùrach-tarsuing na luinge—maide suarach nach b'fhiach. Mar bha iad a' snaitheadh a' mhaide so, fhuair iad cnuimh bheag ann, mar leth-òirleach air fad. "Tha'm maide so," arsa fear de na saoir, "mi-fhallain—tha durragan ann. An cuir sinn gu feum e?"—"Ciod eile?" ars' esan a bha maille ris. "Faodar a chur gu feum. Cha'n fhaicear e. Foghnaidh e math ni's leòir."—"Cha'n 'eil fios again," ars' an saor eile. "Theagamh gu bheil cnuimhean eile ann; agus faodaidh iad meudachadh, agus dochainn a dheanamh air an luing."—"Is coma cò dhiubh," ars' a chompanach, "cuir gu feum e. Ged nach mòr luach a' mhaide, cha'n àill leam a chall. So, so; cuir 'na àit e." Chuireadh am maide 'na àite. Chrìochnaichheadh an long, agus chuireadh gu sàil i. Bha'n long àillidh, dreachmhor. Bha i 'na h-uidheam. Thogadh na siùil. Dh'fhàg i an cala, air turas-cuain gu dùthaich chéin; acli fhuaradh a mach nach robh am fiodh fallain—gun robh e mosgain—làn do chnuimhean—air a chnàmh—air itheadh: acli smuainich an sgiob-air gum feuchadh e a toirt dachaidh. Bha luchd prìseil, cosdail, aig innnte do shìoda agus nithe luachmhor. Mar bha iad a' tighinn dachaidh, dh'èirich doinionn mhòr. Chum an long ris car latha no dhà, air a luasgadh gu mòr; acli bha'n aò-dion a fas ni bu mhò agus ni bu mhò. Bha'n sgioba a latha 's a dh'oidiche 'saothair-eachadh aig a' phìob-thaosgaidh; acli bha'n taoim a' meudachadh gus an robh i làn; agus chaidh i fodha an druim a' chuain mhòir, agus chailleadh na bha do bhathar agus do dhaoine innnte—chaochail gach mac màthar! O! 's iomad bantrach agus dilleachdan truagh a bha 'na lorg so—'s mòr am mulad, 's am bròn, 's am bristeadh-cridhe bha 'na chois; agus so uile chionn 's gu'n do

chuireadh am maide suarach a bha lan do dhurragan innte 'nuair bha iad 'ga togail. Cia mòr an call a thainig an long an uì fhaoin so!—'S inor an call a thug an durrag fhaoin so, 's an aon mhaide, mun cuairt! Cia meud an t-olc a dh'fhaodas aon duin a dheanamh le aon droch gnìomh!—gnìomh do rèir coltais faoin agus suarach, cosmhuil ris na rinn esan a chuir an aon mhaide nach robh fallain air fùrach-tarsuing na luinge.

Bha balachan beag a' coimhead an achaidh air latha grianach fogharaidh. Tha e faicinn ni beag cruinn air an làr, cosmhuil ri ubh. Tha e 'ga togail, agus 'se thann cno dharaich; agus an deigh dha a giùlan car tamuil, tha e 'ga tilgeadh air falbh, gun suil tuille na dheigh. Tha ainmhidh mòr trom air saltairt air a' chno dharaich, agus 'ga cur a sìos do'n talamh, gun mhothachadh, gun fhios ciod i. Tha i air a' folach 'san talamh fad a' gheamhraidh. San earrach tha i a' fàs, agus dà dhuilleag bheag ghorm ag éiridh suas aiste. Fad ceud bliadhna tha i a' fàs. Tha al a' tighinn, a's al a' falbh. Tha doinìoun a's fuachd a' tighinn o an gu am, ach tha chraobh dharaich a' ciinntinn. Tha i ri am mar chraobh mhoir: chan 'eil a leithid sa' choille gu léir. Tha i air a gearradh sìos—air a cuir gu feum ann an luing a tha 'seoladh o thir gu tìr, o dhuthaich gu duthaich. Faic i gu uaibhreach, 's a' bhratach ard air barr a' chroinn. Tha i a' cuir onoir air an dùthach do'm buin i. O so tuing cia mòr an nì a dh'fhaodas tachairt o nithe beaga faoin. Cò, air dha cno dharaich a thogail na laimh, a b' urrainn smuaineachadh gu'n robh craobh mhòr dharaich ri fàs aisde, agus gu'n giùlanadh an aon chraobh sin, a' chuireadh fodha air tuairmeis, do eòthan na thogadh mìle mìle craobh o linn gu linn. Mar so faodaidh frith agus coille mhòr éiridh o aon chno dharaich, a' chuireadh fodha le ainmhidh gun tuinge air tuairmeis. Tuing, mata, cia mòr na nithe dh'fhaodas tachairt o nithe beaga faoin.

Tha mhiann orm so a mhinneachadh ni's mò, air dhoigh 's nach dì-chuimhnich sibh e; oir faodaidh so mòr fheum a dheanamh dhuibh ri 'ur beatha, ma chuimhnicheas sibh e.

Bha long mhòr, làn do bhathar luachmhor, 'tighinn dachaidh a rioghachd fad as do chala araid ann am Breatunn. Bha i ann an Innsean na h-àirde 'n ear fad da bhliadhna. Bha duil a nis aig an sgìobair agus aig na seoladairean gum biodh iad dachaidh ann an latha no dha, agus gum biodh iad maille ri'n cairdean 's an teagh-làichean. Chuir iad orra an t-aodach bu rionnach a' bhaca. Bha 'ghaoth leo. Bha'n long sìubhal troimh n' fhairge gu lath, marachd an aghaidh nan tonn gu reidh sìubhlach. Mar bha iad a' dlùthachadh air a' chala, chuireadh fear de na seoladairean gu barr a' chroinn a' dhamharc rompa, a dh'fheuch am faicadh e an tigh-soluis. Bha'n tigh-soluis so air creig araidh, astar beag o bheil a' chala d'an robh iad a' trial. Ghlaodh an seoladair o bharr a' chroinn, "Tha'n solus calg-dhireach air thoiseach." Rinn dìle mòr ghairdeachas, an dùil gu'n robh iad co dlùth d'an dachaidh.—

Feadh 's a bha iadsan air falbh 'sna rìoghachdan thall, bha'n tigh-soluis air atharrachadh; ach cha robh fios aig an sgiobair air a so. Mar so, ghabh iad air an aghaidh 'san t-seann shlighe, gus mu dheireadh gu'n do ghlaodh esan a bh'air bàrr a' chroinn a mach le guth àrd gu'n robh sgeirean rompa, agus na tonnan mòr a' bristeadh gu h-namhasach thairis orra. Ghlaodh an sgiobair gu h-àrd ri fear na stiùireach, "Cuir an stiùir gu taobh clì na luinge!" Ach shaoil fear na stiùireach gu'n d'thubhairt e taobh deas na luinge—tha'n dà fhocal cho coltach ri chèile sa' Bheurla, *larboard* agus *starboard*. Mar so, chuir e an ear cearr de'n stiùir. Ann am priobadh na sùl bhual an long air a' chreig, agus bha i na bloidhean briste ann an ùine ghearr. Chailleadh an long—chailleadh an luchd—chailleadh an sgioba, ach aon dithis a fhuair gu tìr air na bòrdaibh briste. Thachair so uile thaobh mearachd aon fhocail. Nam biodh an stiùiradair air an fhocal a thogail gu ceart, cha do thachair an call mòr so. Rinn aon mhearachd fhaoin so uile 'thoirt mu'n cuairt. Nach 'eil sinn a' faicinn o so cia mòr na nithe tha'n earbsa ri nithe faoin agus beag. Mhearachdaich fear na stiùireach aon fhocal, agus ann am priobadh na sùl chaidh an long mhòr na bloidhibh; agus bhàsaich mòran, a chaidleas ann an suain a' bhàis gus an dùisgear iad air latha mòr a' bhreitheanais.

Innsidh mi sgeul beag eile, chum so a dheanamh ni's soilleire.—Bha balachan beag ann an America, far a' bheil coilltean anbharrach farsuing—faodaidh sinn a ràdh, coille nach teirig gu bràth. Bha'm balachan so a' cleasachd dlùth do'n choille so. Bha a mhathair o'n tigh; agus ged bha fios aige gu'n robh e ole, agus air a thoirmeasg dha a dheanamh, chaidh e stigh air àm fogharaidh a bha tioram, agus thug e mach eibhleag laiste. Smuainich e nach cluinnadh a mhathair gu'n d'rinn e so, 's nach faigheadh neach air bith a mach an nì a rinn e. Dh'fhadadh e teintean beag dlùth do'n choille; ach ghiùlain a' ghaoth air falbh sràd theine do'n choille, an measg dhuilleagan tioram caoin. Ghrad las iad a snas. Sgaol an teine, gus mu dheireadh an robh a' choille mhòr na falaig namhasaich. Ghabh an lasair air a h-aghart, a' milleadh 's a' sgrios air gach taobh. Fad làithean na seachdain, loisg a' choille. Chluinntean an fhuaim eagalach astar mòr air falbh. Mu dheireadh ràinig an lasair bothan beag a thog duine coir diadhaidh dha féin agus dha 'theaghlach. Bha e féin o'n tigh, ach bha e 'tighinn dachaidh. Mhòthaich e an lasair 'nnair bha e nidhe fad air falbh, agus ghreas e dhachaidh co luath 's a bha 'na chomas. Ach, mò thruaighe! 'sann an sin a bha'n sealladh oillteil!—a' choille mhòr na gual dubh!—cha robh meangan uo duilleach ri fhaicinn. Bha 'bhothan beag, boidheach, seasgair, air a losgadh; agus nì bu luachmhoire na so, a bhean dhileas ghradhach—a leanabanan lurach aillidh—na bh'aige air aghaidh an t-saoghail mhòr—air a chall gu buileach! 'San àite 'san d'fhag e iad sa' mhaduinn gu subhach slàn, cha robh 'san fheasgar ach luathre agus smùid thruagh! Cia mar a thachair an dosgainn eagalach so? Thà do bhrìgh 's gu'n do dhi-chuimhnich

am balachan so iarrtas a mhathar, 's gu'n robh e 'cleasachd ri teine. Tha so 'leigeil ris duinn ni's urrainn sràd bheag fhaoin theine 'dheanamh.

Cia mòr na nithe a dh'fhaodas tachairt o nithe beaga faoin! Bheir mi dhuibh aon samhladh eile air a' chùis so.

Tha nise dà-cheud-deug bliadhna o na thachair do mhnaoi àraidh, ann an tìr chéin, naoidhean beag a bhi aice ri altrum 'na h-uchd. Cha bu bhan-chriosduidh i. 'Nis, do réir coltais, bu shuarach an nì do'n t-saoghal có dhiùbh a bhàsaicheadh an leanabh sin 'na òige, na 'thigeadh e gu aois. Dh'fhaodadh deich mìle naoidhean de'n t-seòrsa bàsachadh gun an saoghal 'ga chluinntinn; agus is dòcha gu bheil cuid ann a tha smuaineachadh gum bu shuarach có dhiùbh a bhiodh an naoidhean so air 'arach ann an eòlas Chrìosd, no gun eòlas air bith a thoirt dà. Chia d'fhuair e eòlas air an Dia bheò, no Airsan a thainig uaithe a thearnadh an droing a bha cailte; agus ciod a thachair? Dh'fhàs e suas—chiun e na dhuine. Stéidhich e creidimh ùr e féin. 'Se b'ainm dha *Mahommed*, agus tha a' luchd-leanmhuinn air an ainmeachadh *Mahommedans* anns gach ceàrn de'n t-saoghal. Theagaisg e do dhaoin' an amaideachd bu bhreugaich' a chreidsinn, agus na nithe bu pheachdaich' a dheanamh. Thug e orra 'chreidsinn gum b'fhàidh e féin, agus gu'n tugadh e sgrios a's breitheanas air gach aon air aghaidh an t-saoghail nach creideadh annsan mar fhàidh an Dé bheò. Bha a' luchd-leanmhuinn anbharrach fuilteach, cruaidh-chridheach, borbarra, agus peacach. Chaochail muillionan dhiùbh so 'san àm a dh'fhalbh; tha muillionan dhiubh fhathast air uachdar an t-saoghail; agus 'se 'chuid is uambasaich' gu bheil Dia mu'n déidhinn so ag ràdh, gum fnadaich e iad gu sìorruidh á 'làthair, agus nach faic iad a ghnùis gu dilinn ann an sìth. Leughadh neach air bith an naoidheamh caibideil deug do leabhar Taisbein Eòin an Diadhair, agus chì e a' bhinn tha 'feitheamh orra so.—'Nis, do réir coltais, bha na nithe mòra so crochta air nì a bha, do réir coltais, faoin agus suarach—'se sin, có dhiùbh 'bhiodh an naoidhean air 'arach ann an eòlas air Chrìosd, no air 'fhàgail gu eòlas fhaotuin mar thigeadh e 'na rathad. Nam biodh e air a thogail mar tha sibhse, anns a' chreidimh fhìrinneach cheart, is dòcha nach biodh e na chealgair 's na pheacach co mòr, agus nach biodh sluagh co anbharrach air am mealladh leis. Mo thruaighe! cia uamhasach an t-olc a rinn e 'na linn 's 'na latha!—olc agus truaghe tha fhathast a' dol air aghaidh. Cia taingeil bu chòir dhuibh a bhi, aig a' bheil parantan crìosdail gu faire thairis oirbh, 's gu ùrnuigh a dheanamh air bhur son, agus gus am Bioball a theagasg dhuibh! Mar bhith so, is doirbh innseadh ciod a dh'fhaodadh tachairt dhuibh. Dh'fhaodadh sibh a bhi air 'ur call, agus a bhi nar meadhonan air feadhainn eile 'tharruing gu sgrios agus truagh sìorruidh.

'Nis, leigibh dhomh, mo chàirdean òga, innseadh dhuibh ciod tha'n teagasg so a' cuir an céill, agus ciod bu chòir dhuibh fhoghlum o na chaidh nis a labhairt. Cuiream an céill ciod bu chòir

do'n fhirinn so a theagasg dhuibh—gum faod nithe mòr a bhà an earbsa air nithe faoin agus beag. Sa' cheud aite, — Bithibh curamach, faicleach, furachail, ciod a labhras sibh? Ged nach labhradh leanabli beag ach aon droch fhocal, agus gu'n éisdeadh balachan do chailleag an droch fhocal, agus an focal sin a' chuimhneachadh agus a' chleachdadh, tha' t-aon sin a' fàs olc, agus feadhainn eile air an tarruing air falbh leis, agus a' cinntinn suas gu bheil nan daoine peacach; agus theid iadsan air an aghaidh, mar caisg Diariaidh, a' mealladh feadhainn eile; air chor is gun faod aon fhocal peacach mòran uile a dheanamh, agus calltainn sì eil agus sìorruidh a thoirt an ear foimhadh aon. Innseadh leanabh aon bhreug, agus o bheag gu mòr theid e air aghaidh agus am bi e na bhrengaire ainmeil seasmhach. S' fhad o na chuala sinn, "Chà seas a' bhreug air an aon chois," agus aon pheacadh, coma ciod e, tarruingidh e gu peacadh eile. Tha e mar an t-srad a thug am balachan leis do'n choille, a thog an lasair mhòr. Cuimhnicibh gu bheil Dia ag éisdeadh na h-uile focal tha sibh a' labhairt, agus gu'n toir e sibh gu cumantas airson gach focal faoin air latha 'bhreitheanais.

'San dara aite, — Bithibh curamach faicleach mu'n chuideachd tha sibh a' gleidheadh, agus na companaich tha sibh a' deanamh. Faodaidh leth-nair do'r n-ainsir ann an droch chuideachd anabarr uile a dheanamh, agus anabarr call a thoirt na'r rathad. O dhroch companaich muideach gòrach, faodaidh sibh droch fhocal éisdeadh do nach chuala sibh fiamh. Càit' an coala sibh gach droch fhocal a' chuala sibh? Cha'n ann do' ur pàrantan, na do' ur sluchd-teagaisg, ach o dhroch companaich. Faodaidh aon droch bhalachan mòran a mhilladh. Faodaidh e an giùlan, an inbhe, an beusan, an bintlas, a mhilladh — an amhlachd 's an gràdh do Dhiù, agus an dilseachd do'n pàrantan. Faicibh nach tachair so dhuibhsé. Nuair chluinneas sibh aon fhocal o neach air bith a' tha fios agaibh nach labhradh 'ur màthair no 'ur n-athair bithibh cinnteach gu bheil sibh an droch chuideachd. Teichibh, fagaibh an t-aite, agus seachnaibh iad 'san àm ri teachd. San treas aite, — Bithibh eagal Dé oirbhl. Guithibh air gach là, e' g'ar dion o bhuaraidh agus o pheacadh. Na déigibh là seachad gun chuimhneachadh air Dia. Déanaibh dearmad air so aon là, agus na sibh e iomadh là. Nuair (Sàbaid air latha eùr seachad gu igbrachl, peacach, furachail, gu iomadh Sàbaid eile 'chaitheadh 'san dòigh cheudna. Am bu mhiann deat an linne mhòr as a' bheil am gnuileann a' fuotninn an uisg? a tha' ga ghluasad a mhilladh? Cha' ruig thu leas a' bhrnach a' tha mu' thimchioll gu' buileach a' deagail. Foghnaidh dhuit faomd bhealach beag fhàgail, agus traodhaidh sin e gu tiorann. Is liom mhòr iad a' tha ann an fòrad na truaighe, a' chailleadh tre aon droch chleachdadh — tre 'n giùlan air aon latha. Bithibh faicleach ciod tha sibh a' deanamh. A' bheil a h-aon agaibh a' faicinn nach buing duibh, nach bu omhianm leibh fhaotuinn? Na sauntaich e; air neo faodaidh an saunt so fàs, agus do thoirt air t-aghaidh o' cheum gu' ceum, agus

am bi thu a'd' mhèirleach mòr. Bha Iudas sanntach, agus mar so reic e Chrìosd. Ma chlàr thu nà bu amhiannt leat a bhi agad fèin—ma shanntaich thu e, thoir an a'iré. Na sìn mach do lùmh chum a ghabhail; coir ma nì, theid thu air it-àghaidh ceum air cheuin, glis an glaisean, thu sìos sa phrìosan, agus fadheòidh an staid na truaighe. Na feuch ri nà sam bith na dlièanamh airson nach faod thu beanntachd. Dliè ciarraidh ann an àrnuigh. Tha sùilean an Dé mhoir ort do ghnàth, agus faodaidh sìos ruidheachd a bhi crocht air do ghluil an fad air an buaireadair. Cuimhneibh na so, agus biodh sgàth a's eagal oirbli roimh in pheabach agus guidhibh gu dùrachdach còmhnaidh an Spiorad chum fad gléidheadh o pheacadh, air sgàth Chrìosd. Amen.

BEATHA AGUS EUCHDAN

ROIB RUADH MHIC-GRIOGAIR.

A Chuairear uiseil,

Mis fìor gach sgenl; tha 'ur luchd-leughaidh cho toilichte le Beatha Wallace, is nach tàmh mo, fois dhoibh agus am faighiad beatha laoi ch'air chor-eigin eile. Se MacAlba nach ob, le'r céad sa, nì air bith a bheir riarachadh d'a luchd-dùthcha. Ach càit am faigh sinn làoch? Andéigin dhuinn dol do dh'Eirinn, do Shasunn, do'n Ghréig, no do'n Ròimh? S dearbhlach éigin: gheibh sinn bann an tìr nam beann, ann an Ghaidhealtachd na h-Alba, laoi ch'air chor treun, cho mèo-ghealtach, cho tèdina, is cho àrdanach, ri làoch a ruigadh ri amhann an Eirinn no'n Sàsunn, anns a' Ghréig no san Ròimh! Thug sibh fèin dhuinn cheann Lachann Mòr Dhubhairt—fèat, nam faigheadh e cotliom na fèin, deth nach tugadh Hannibal, no Bonaparte, no éadlòn Wellington le fèin, geall ann an math làmh. Bheir mise dhuibh le'r céad, beatha fir eile nach tillendh bhòin fhean a b' fhearr aca—se sin, Ròib Ruadh Mac Griogair. Bu mliac Rob Ruadh do Dhònull Mac Griogair, do theaghlach agus do thighe Ghleann Ghill, còirneal ann an arm an Rìgh. Bi mliathair nighean Fir Dhuneabhais—ban-Chaimbeulach mheasail, urramach, eireachdail. Anns an àm so, mar tha fios againn t-saoghail, bha na Griogaraich fo chruaidh fhoirneart. Bha iad air an cuinntas air chul lagha. Bha iad air an ruagadh bhio bheinn gu srath, is bho shrath gu beinn, le coin-dhubha's le gunnacha, mar na cearcan-tomàin; air chog's nach robh tighinn beò aca, nì thug air iomad dhiubh an sloinneadh aicheadh. Chuir Rìgh Sennas a mach achd, gach mac mathair dhiubh 'sgrios le claidieamh's le teinè. Cha'n e so amhain, ach chaidh duais mhòr a thairgse do gach neach a bheireadh ceann Griogaraich do Dhunéidin; air chor 's gu'n robh iad a' toirt nan ceann dhiubh, cha'n e amhain 'nan

cadal 's 'nan dùsgadh, ach 'gan togail an deigh an adhlaic, agus a' toirt an cinu air dà thaobh eich a dh'ionnsuidh an Rìgh!

Theagamh gum faraid an leughadair, "C'arson a bha so? Nam biodh iad neo-chiontach, cha bhiodh sin mar sin." Freagram, 'si mo bharail féin nach robh iad ni bu mhiosa na'n coinhearsnaich; ach bha iad treun, àrd-inntinneach, agus àrdanach, agus thog so gamhlas dhoibh. Mar dhearbhadh gu'n d'fhuair iad ana-cothrom, tha fios againn, 'nuair thainig Clann-Iain Ghlinn-comhann, anns a' bhliadhna 1588, gu Gleann-Artaidh, monadh-frith' a bhuineadh do'n Rìgh, 's a leagadh iad fiadh agus earba no dhà, rug an cilead-air orra, 's gheàrr e dhiubh na cluasan! Ghabh na h-òganaich a leithid do thàmailt as a so, 's nach luaithe rainig iad Gleann-comhann na thainig iad air an ais le laoch eile de'n cinneadh, 's a thug iad an ceann bhàrr an fhir a rinn so (*Drummond*). An deigh an ceann a' thoirt dheth, chaidh iad leis gu tigh a pheathar, bean Ardbhòrlaich. Chuir iad air a' bhòrd m'a coinneamh e, 's mir arain 'na bhenl. Na dheigh so thug iad e gu Balchuidir, far an robh an cairdean na Griogaraich. 'Nuair chual' na Griogaraich mar bhà, chuir gach fear a làmh air a' cheann-gun-cholainn, agus thug iad mionnan gu'n seasadh iad na Dònallaich, thigeadh mar thoilicheadh. Fhuair an Rìgh brath mar thachair, agus b'ann air na Griogaraich a thuit an cionta! Tha fhios againn, air àm eile, 'nuair thainig *Colquhoun*, triath Lnis, orra ann an Gleann-Fruain, le ceithrar m'an aon, chum gach mac màthar dhiubh a mhort, 's a mharbh na Griogaraich còrr 'us dà cheud dhiubh, gur h-aon air na Griogaraich a thuit an cionta. A dh'aon fhocal, chaidh na brengan 'innse d'au Rìgh, agus bha e cho socharach 's gu'n do chreid e iad. Cha robh trenbh no fine ann an Gaidhealtachd na h-Alba bu rioghaile, agus bu dìriche, na na Griogaraich; ach chuir ceilg, agus carachd, agus gamhlas as dhoibh!

Cha robh ni air bith ri chomharrachadh air Rob Ruadh fad làithean 'òige, ach gu'n robh e garbh-chnàmhaich, gaoisneach, feumsgailte, ernadalach. Bha e socrach, ciallach, deagh-nàdurach, gus an rachadh a thogail; ach 'nnair rachadh, chuireadh sealladh a shùil crith air gealtair. Bha 'ghàirdeanan comharraichte fada, agus cha robh fear-claidheamh d'a aois anns an rioghachd a bheireadh bàrr air. Bha aon rud 'na ghiùlan a thug na coinhearsnaich fainear—'se sin, bha gach ceathramh, gu beagui, de àrd bhàrdachd a dhùthcha aige air mheodhair. Chaitheadh e latha samhraidh a' dearcadh air mòrachd nam beann, an baidean ceò a' snàmh air an uchd, agus aisling nam fiadh 'nan ceann—air coire domhainn, ùdaidh, craobh-sgàileach—air a' chuan mhòr, le stuaghan ceigein-each, crombhileach—no air an lochan chiùin, mar fhairge ghlainne, far am biodh na bric ri plùbraich, a' ceapadh chnileag le'n cam-bheul. Dh'fhàs inntinn Raib mòr le bhì mar 'so a' beachdachadh air oibre mòr a' chruthachaidh, anns a' bheil Dia r'a fhaicinn; ach mar biodh 'inntinn nàdurra mòr, cha ghabhadh e suim dhiubh.

Mòr agus àrd mar bha inntinn Raib, cha'n fhac e bealach air a shon ach an tuathanachd. Ghabh e, 'nuair thainig e gu duineadas,

gabhail fhearainn ann am Balchuidir, an siorramachd Pheairt, far na shoirbhich e gu 'mhiann fad iomadh bliadhna. Mu dheireadh cha robh a bhi beò aige, le mèirlich a bhia 'tighinn bho'n taobh tuath, 's a' goid a spréidhe feadh na h-oidheche, gus am b'éigin dà buidheann daoine 'thogail, 's e féin a chur air an céann, a dhion 's a ghleidheadh a chodach.

Mu'n am so, thainig buidheann na h-uile ceum á siorramachd Rois, agus shlad iad leò cùig-bà-deug bhio ghabhail Finlàrig. Chaidh fios a thoirt do Rob mar thachair. Sheinn e 'fluideag. Fhreagair a dhà-laach-deug, agus air tòir nan creachadairean ghabh iad. Choisich iad dà latha agus oidhche, eadar monadh 'us fìorair, mu'n d'fhuair iad a bhrath orra ach lorgan a' chruidh. Rug an treas oidhch' orra air crìochaibh Bhàideanach, monadh uldaidh fiadhaich. Leag iad an ceann air an fìrnoch mar chluasaig, an breacan mar phlaide 's mar bhrat, agus chaidil iad. Cha luaithe 'dhuig fear de'n chomann as a cheud chadal, na chunnaic e anns an àit' fhiadhaich fhasail so grìosach mhòr theine, astar beag uatha. Dh'ialaich Rob 's a bhuidheann gu fàilidh, 's fùghair aca gu'n robh an t-eun aca air spoig; ach cò bha so ach buidheann do cheardan. Cò dhiubh, dh'innis iad gum fac iad Clann Mhic-Rath a' dol seachad leis an fheudail mu fheasgar, agus rinn iad seòladh-corraig far am faiglite iad. Mu chamhanaich an latha, dìreach 'nuair bha Clann Mhic-Rath a' togail orra, an deigh an oidhche 'chur seachad ann am fang-falaich—gleann cumann bhio nach faicte mullach nam beann—thainig Rob Ruadh 's a bhuidheann orra. Ghlaodh Rob rin, le guth a 'dhuig cèndan mactalla, 's a thug air fiadh 's air earbha ruith gu mullach nam beann, stad! Cha do stad iad; agus 'nuair chunnaic Rob so, leum e orra, agus ann an còig mionaidean bha seisear dhiubh sinnte air a' bhàr. Bha aon-deug dhiubh lathair fathast, a laimhsich an claidhean gu fearail; agus cha do ghéill iad gus na mharbhadh dithis eile, agus na leonadh cuigear. Chaidh Rob e féin a leonadh, agus triuir no ceithreir d'a dhaoine, agus fear a mharbhadh; ach coma, thug e dhachaidh a' chreach, agus liubhair e thairis gach ionga dhiubh do'n fhear leis am bu leis iad.

Fhuair so cliù mòr do Rob Ruadh, air chor 's gu'n d'aontaich iomad aig nach robh umhail dheth roimhe am *màl-dubh* a phàigh-eadh dha na dheigh so. B'e so cùis, dìreach lethbhreac na cùis ris an abrar *airgiod-police* ann am bailte-mòra—cùis a phàigh bochd 'us beartach, a rèir an staidhe, airson an cuid 's an cuideachd a dhion bho robairean. B'ann air a shon so a thogadh a' bhuidheann ainmeil am *Freiceadan Dubh*, friamh

“Na seann Reisimeid Dúibh mbeasail, an dà-dà-fhichead;”

agus b'ann air a' cheart mhodh a bha iad air am pàigh-eadh. Ghabht' a' chis ann an airgiod, am nìin; an spréidh, no ann an nì air bith eile, do réir 's mar dheanadh iad féin 's an tuath cùmhnanta.

Phòs Rob Ruadh bantighearn' òg àluinn, Nic Griogair, de theaghlach chomhair. Bha iad cho sona le chéile ri dithis a chaidh riamh enideachd. Bha 'h-inntinn-se air a gnothach féin; agus cha d'fhuair i riamh ri Rob, " 'S oile tha thu 'deanamh."

Bha Rob cho measail, agus cho seasinnach ri 'fhocal, 's gu'n d'rim na h-uaislean a b'airde 'san dùthaich companach dheth. Cha'n e sin, ach 'nuair dh'eug ceann-einnidh nan Griogarach, anns a' bhliadhna 1693, a' fàgail a staid de bhràthair diolain, a thainig a nìos an deigh a bhàis-san gu 'mhac, Eòghann, a dh'fhàg an rìoghachd, cheannaich Rob an staid. Inbhirsnaid, air branaich Loch Lomain. Mu'n àm so, ghabh Montrose e ann an euideachd ris mar dhròbhair, oir bha miagh mòr air cròdh Gàidhealach ann an Sasunn; agus thug Rob 's a ghillean sgrìob le dròbh uair no dhà sa' bhliadhna do'n rìoghachd sin.

Uair de na h-uairean, a' tilleadh à Sasunn, rathad Mhoiffait, thainig e air oifigeach agus buidheann de shaighdearan, 's iad a' crochadh ceithrean dhaoine air craobh, gun aobhar ach gu'n robh iad, mar theirte, de'n "chreideamh mhòr." Bha maighdean bhòidheach, a's ceangal nan ceithir chaol oirre, aig bun na craoibhe, 's i bas bhualadh airson a h-athar 's a bràthar, dithis de na chroch iad. Cho luath 's a bha'n ceithrean seachad, rug na saighdearan air a' mhaighdinn, 's thug iad i gu branaich aibhne, gus a bàthadh, gun umhail d'a h-ùrnigh 's d'a h-achanaich airson trècair. Leagh cridhe Raib. Dh'fharaid e cìod e b'aobhar. Thubhairt an oifigeach ris dol mu chùl a ghnòthaich, air neo gun faigheadh e fein an tomhas ceudna. Cha d'éisd Rob ri tuilleadh. Thug e duileum air na saighdearan, agus a thiota bha ochednar dhiubh 'plub-rach anns an abhuinn. Bha'n t-oifigeach agus na deichnear eile nam breislich car tamuil. Gheàr Rob na sraingeanan, 's leig e 'mhaighdean mar sgaoil. Tharruing e nis a chlaidheamh, 's mharbh e'n t-oifigeach, agus na dheigh-san dithis de na saighdearan. 'Nuair chunnaic càch so, ghabh iad cead an coise.

Mu'n àm so, chuir Rob Ruadh agus Montrose a mach air a chéile, gus mu dheireadh an d'thug Montrose an staid uaithe le cluip, 's an d'fhuair e 'na ainm fein na h-uile ploc dh'i. Chuir Rob roimhe, cò dhiubh, ma fhuair e'n staid, nach pòcaideadh e màl; agus beagan roimh latha 'mhàil, chaidh e fein 's a ghillean, agus thog iad na h-uile sgillinn dheth, a' toirt bann-aideachaidh, no receipt, dhoibh an ainm Mhontrose. Rinn e so ré iomad bliadhna.

Mu dheireadh, chuir Bàillidh Mhontrose, fear Ghrahamach, roimhe nach biodh a' chùis mar so. Thug e air an tuath a choimneachadh air latha sònraichte ann an tigh-òsda ann an Cillearn. Coma, fhuair Rob brath air na bha 'dol air aghart. Thug e manear e 'bhi air eibheach aig dorus na heaglais air an t-Sàbaid roimhe gu'n deach e do dh'Éirin. Chruinnich am Bàillidh, agus mòran do dh'uaislean leis, a thogail a mhàil. Bha Rob agus a dhaoine am falach ann an coille dlùth do'n tigh; agus 'nuair shaoil e gu robh gach nì deas, thainig e orra, 's a phìobaire 'cluich roimhe.

Nuair chuala Cillearn a phìob, dh'aithnich e mar a bha. Dh'fhal-
aich e na pòcanan airgid, agus nuair dh'fharaid Rob dheth eia
mar thainig e air aghaidh leis a' mhàl, fhreagair e nach robh e ach
a' tòiseachadh. "Cha dean do bhreugan feum an so," arsa Rob ;
"faiceam na leabhraichean!" B'èigin an toirt an follais, agus
thug Rob leis na h-uile bonn-a-sia! Cha'n fhoghnadh so, ach
sgob e leis am Bàillidh, fear Chillearn, agus chuir e do dh'eilean
fasail e aig ceann Loch-Ceatharn, far na chum se e gus na gheall
e nach togadh e tuilleadh maibh bho staid Inbhirsnaid, a' thug Mon-
trose uaithe le ea-ceart agus le sloitireachd.

Ùine gun bhi fada an deigh blàir mi-shealbhadh Choille-Chnac-
aich, bha coinneamh mhòr aig maithèan agus uaislean na Gàidh-
ealtachd ann am Braidalba, a' mharbhadh fhiadh, mar gum b'eadh ;
ach da rìreadh a chur an cinn ri chèile mu aobhar nan Stùbbhartach.
Bha iad uile dh'aon anam, gu'n seasadh iad an tigh rioghail dhìgh-
each sin ; agus chuir na h-uile fear ainm ri pàipeir a bhi dìleas gu
bas. Le mi-fhortan a thaobh-eigin, thainig am pàipeir so gu
lamhan Chaiptein Chaimbeul, Ghleann-liobhan, a' bha, mu mhurt
Ghlinne-comhann, a' faireach ann an Inbhir-lòchuidh. Cha robh
fios aig na maithèan a chuir an lath ris ciamar gheibheadh iad air
ais e, agus ghuidh iad air Rob, as leth Dhia, feuchainn ris. Thug
Rob an Gearastan air. Fhuair e mach an latha bha m pàipeir ri
chur chum an Rìgh do Dhunéidin. Choinnich e le leth-chend
diùlnach, no saighdearan, a bha 'ga ghriulan. Thug e uatha e,
agus leis a so slabhail e iomad amlach agus iomad staid.

Tuille san ath Chutairtear.

MU IUDEA AGUS COR NAN IÙDHACH.

Ann a' chunntas roimhe mu Iudea a chuir sinn a' dh'ionnsuidh a'
Chutairteir, dh'fhag sinn na ministerean Albannach an deigh faighinn
air an ais gu Ierusalem, air feasgar Di-sathairne. Faiceamaid a' nis
an dòigh san do chait iad an t-Sabaid a' bha rompa. Tha iad ag
radh gur ann le mòr aobhuas a smuainich iad air an t-Sabaid a' bha
tarruing dlùth—Sabaid ann an Ierusalem.

Bha leinn (deir iad) gu'n robh naombachd agus sòlaimteachd air
leith anns a' cheud Sabaid a dhealrach oirnn am baile n Ard
Rìgh. Sa' mhadainn mhòich, sheinn sinn an ceithreamh Salu' thar
a' cheithir-fichead (lxxxiv)—

"Gla mòr an airidh ghràidh do theach,"
&c. &c.
Na dh'eigh so, choinnich sinn gu adradh follaiseach ann an tigh
Mhaighistir Young, Sasunnach cràbhaidh a bha 'chomhnuidh ann an
Ierusalem. An toiseach shearmonach Maighistir Nicolayson, minis-

teir Protastanach as a' Ghearmailt (*Germany*), a tha o chionn bhliadhnachan a' saothrachadh am measg nan Iùdhach; agus na dheigh-san shearmonaich aon de'r n-àireamh féin, *Dr Black*. 'San fheasgar, shearmonaich Maighistir *Nicolayson* a ris; agus mar an ceudna *Dr Keith*, ann an tigh fear d'am b'ainm Simeon, Iùdhach a chaidh iompachadh gu gabhail ris an t-soisgeul. Bha e gu cinnteach na nì ro thaitneach a bhi 'faicinn ministeirean a bhuineadh do chaochladh eaglaisean mar so uile comh-chòrdadh, agus a' comh-oibreachadh ann am firinnean mòra soisgeul nan gràs a chur an céill ann an Ierusalem. Bha na searmonan, agus gach earrann de'n t-seirbhis air an robh sinn a' feitheamh, cumhachdach, sgriobtuireil, drùidhteach. Cha b'urrainn, gu dearbh, nach deanadh focal an Tighearna drùdhadh oirnn 'nuair bha ar casan air sliabh naomh Shioin, sliabh nan crann oladh fa chomhair ar sùl, agus a liutha cuimhneachan air fulangais Chrìosd mu'r timchioll. Ach ged a bha na nithean so co freagarrach gus an cridhe a thaiseachadh, gus an inntinn gu léir a chur ann am fonn tiamhaidh agus cràbhaidh, dh'fharaich sinn nach tugadh nì air bith ach cumhachd an Spiorad am focal dhachaidh le buaidh chum ar n-anmanna. C'àit air bith a' bheil sinn, no ciod air bith a tha ga'r cuartachadh—'seadh, ged a bhitheamaid a' faicinn Chrìosd leis an t-sùil chorporra—cha'n urrainn dhuinn da rìreadh a ràdh gu bheil sinn a' léirsinn a ghlòire, mar 'eil an Spiorad a' gabhail de na nithean a bhuineas dhàsan, agus 'gam foillseachadh do'r n-anmanna.

Air an là màireach, chaidh sinn a dh'fhaicinn na h-eaglais ris an abrar "Eaglais na h-Uaighe Naoimh." Tha so eaglais a chaidh a thogail o chionn tuairam air chùig-ceud-deug (1,500) bliadhna, a chumail cuimhne air an àit anns an deachaidh ar Slànuighear àdhlacadh. Tha mòran do shagairtean 's do mhananaich (*monks*), a tha 'g ràdh Chrìosduidhean riu féin, a' fantuinn mu thimchioll na h-eaglais so, agus a' tarruing mòr bhuanachd o shaobh-chràbhadh na muinntir a tha 'creidsinn gu bheil eifeachd spioradail anns na h-àitean so fhaicinn. Tha iad a' gabhail os-làimh a comharrachadh a mach, cha'n e 'mhàin an uaigh 'san robh corp Iosa car nan trì làithean a bha e fo chumhachd a' bhàis, ach mar an ceudna a' chlach no'n *cisinn* air an robh e air a shìneadh an àm ungaidh—an toll anns a' chreig, 'san robh bonn a' chroinn-cheusaidh air a shocrachadh (àit a tha air a chòmhdach thairis le mìr airgid, a tha air a dheanamh cosmhuil ri rionnaig dhealach)—an sgoltadh a rinneadh anns a' chreig 'nuair a dh'éigh Crìosd le guth àrd gu'n robh obair ghlòirmhor na saorsa crìochnaichte (an aon éigh a b'airde agus bu chumhachdaiche a chualas riamh air thalamh, no 'chluinnear gus an séid an trombaid dheirionnach, agus gu cinnteach an éigh bu ghlòirmhoire agus bu ghràs-mhoire a chualas riamh anns a' chruitheachd)—agus a thuilleadh air a so, uaighean Ioseph agus Nicodemuis. Tha na sagairtean a' gabhail airgid o gach neach a theid a dh'fhaicinn na nithean so; ach air aon oidhche àraidh sa' bhliadhna, tha iad a' faotuinn ro mhòran o'n luchd-aidmheil féin, a tha 'g éisdeachd ri'n sgìleò breugach. Tha iad ag ràdh gu bheil lasair do theine o neamh a' tighinn air an oidhche so a mach troimh sgoltadh na creige, agus gu bheil eifeachd shòn-

raichte do chrìosduidh ann an cuibhrionn air bith do'n teine so a thoirt chum a thighe féin. Tha na ceudan a' cruinneachadh aig dorus na h-eaglais aig an àm a tha air a shoerachadh leis na sagairtean; agus 'nuair tha iadsan a stigh car greis mhòr ri ùrnuighean (ma's fìor iad féin), tha iad mu dheireadh a' toirt sanais do'n t-sluagh gu'n do thuirling an teine o neàmh, agus a' fosgladh nan dorsan. An sin tha odhail a's ùpraid, iorghuill a's aimhreit, strì agus spàirn—gach aon a' feuchainn có is luaithe a gheibh a leus no lòchran a lasadh—an fheadhainn a tha sean no lag air an tilgeadh a thaoibh, no air an saltair fo chasan na muinntir is treise—achdain agus ochanaich—gu minic mionnachadh agus mallachadh—agus air uairean, cuid air am mùchadh 's air am brùthadh gu bàs;—agus uile airson beagan de'n t-solus sin fhaotuin a tha air fhadadh leis na sagairtean cealgach féin—solus a tha gu cinnteach cosmhuil ris an dealradh a chì thu anns an fheasgar fhliuch fhogharaidh air uachdar nan criathrach 's nam boglach—solus, ma leanas tu e, a bheir thu gu grad chum na suil-chrithich is doimhne, chum sluicidh 'sam bi thu air do shlugadh a suas—solus a tha 'treòrachadh gu dorchadas iomallach agus sìorruidh.

Tha e da rìreadh cianall a bhi 'faicinn a leithid so do shaobh-chreideamh air a chleachdadh ann an àite bu chòir, thar gach àite, na h-uile aigne naomh agus cràbhaidh 'san anam a mhosgladh a suas. Ach tha aobhar taing aigesan a tha da rìreadh a' gràdhachadh an t-Slànuighear, ann a bhi 'smuaineachadh nach e so am fìor àite anns an robh an corp prìseil sin, a tha 'nis, agus a bhios gu sìorruidh, na chuspair-aoraidh do shloigh nam flaitheas, air a thasgadh car tamuill, a tha mar so air a mhi-naomhachadh agus air a thruailleadh. Chaidh an eaglais so gu cinnteach a thogail air tùs, 'sa' bheachd gum b'e a làrach an t-àite 'san d'fhuiling Crìosd; agus tha luchd-leanmhuinn na h-Eaglaise Pàpanaich agus na h-Eaglaise Gréugaich a ghnàth a' gleidheil a mach gum b'e so da rìreadh an t-àite. Ach tha na daoine is fiosraiche mu'n chùis, agus aig nach 'eil buanachd air bith ri tharruing o bhi 'dion na barail so, ag ràdh nach e so Calbliari, agus nach urrainn duine air bith a dheanamh a mach le cinnt ciod a' cheart àite anns an do cheusadh Fear-Saoraidh a' chinneadh-daoine; agus ma dh'aidicheas sinn gliocas agus maitheas an Tighearna ann an àit'-àdhlaicidh Mhaois a chleith gu buileach, air eagal gum biodh na h-Israelaich a' deanamh aoraidh dha, chì sinn gliocas agus caoimhneas Dhé anns an àite 'san d'fhulaing a Mhac a ghlaidheil an an-fhios oirnn a nis; oir nam biodh dearbh-chinnt air, cha'n 'eil teagamh nach biodh na mìltean a bheireadh an tuile urram do'n àite no do'n Tì a dh'fhulaing ann—cosmhuil ris na h-Iùdhaich, a bha 'cur tuile urram air an altair no air an Tì a uaombaich an altair.

An àm fionnarachd an fheasgair, dh'fhalbh sinn (a deir iad) a mharcachd gu sliabh nan crann oladh. Tha'n rathad aithleathan, docair. Cha'n 'eil, gu dearbh, ceum de rathad maith mu thimchioll Ierusalem a nis, ged is iomad slighe réidh air an robh carbadan rìoghail a' ruith gu siùbhlach a bha mu'n cuairt dha o shean. Chaidh sinn thairis air srath ainmeil Chedroin; agus an deigh a bhi ré greis a' dìreadh, ràinig sinn mullach an t-sléibh, far an robh sealladh ri

adh mar àchadh airbhair. Bha e air àithneadh dh'a seasamh ann an cùirtean an teampull, agus eigheach gum biodh iad sin "mar ionadan àrda na frithe" (Micah iii. 12).—'se sin, mar ionadan iodhol-aoraidh nan cainteach. Agus 'chunnaic sinn le r'osùilean coimhlionadh nan nithean so. 'Chunnaic sinn Ierusalem na cùirn's na làraichean briste—'chunnaic sinn dailean leòrda air shlabh Shìoin—'chunnaic sinn ionad-aoraidh nan Turcach (luchd-leanmhuinn Mahomet, an fhàidh bhreige) anns a' cheart àite 'san robh teampull Sholaimh, teampull an Dè bhiò o shean; agus d'nuair a smuainich sinn dh'ach robh e ceadaichte, aon chuid do Chrìosduidh no do Iùdhach, seasamh an taobh a stigh de na cùirtean sin anns an robh aon uair glòir an Tighearna air a foillseachadh, chuimhnich sinn air briathran Eseciel, a tha 'g'radh (vii. 24) gu'n toir Dia na cinnich, a' chuid is miosa de na cinnich, an aghaidh a shluaigh, agus gum biodh an t-ionad naomh air a thràillleadh. Chuimhnich sinn air a' so leil bròn, agus lùbhair sinn na briathran naomh sin. (Taisb. xv. 2, 3), "Is mòr agus is iongantach t'òibre, a Thighearna Dhè uile-chumhachdaich; 'is ceart agus is fìor do shlighean sa, a Rìgh nan naomh. Cò air nach biodh eagail romhad, O Thighearna! agus nach t'ugadh glòir do d' ainm?" O gu'n luathaichte na làithean anns am bi Ierusalem a' rìs air a togail suas, agus ann am bi Israel tìle air an teàrnadh!

An uair a thill sinn air an a'is don bhaile, rinn sinn gach forghais agus rannsachadh a' b'urrainn dhuinn mu thimelioll àireamh agus cor nan Iùdhach a tha 'nis a' Eòmhnuidh ann an seann tìr Iudea. A' réir a' chuinntais a b'fhearr a' fhuair sinn, tha ann an Ierusalem fèin eadar sèa agus seachd mìle (6,000 to 7,000) do sliod Abrahaim; agus feadh nam bailtean eile, feadh trì agus ceithir do mhìltean;—'se sin, gu bheil gu dèis mu thuaiream deich mìle (10,000) Iùdhach a' nis a' gabhail tàimh san dùthaich sin 'san robh aon uair dlùth air cuig muillion (5,000,000). Nach 'eil an dùthaich da' rìreadh air a tanachadh agus air a cur fàs! A thaobh cor aimsireil an t-sluaigh so, tha e da' rìreadh bochd. Tha còrr aon nam marsantan, aig a' bheil bùithean—mòran a' tha nam marsantan-falbh (pedlars)—feadhainn nan luchd-cèird—agus mòran ag iarraidh na deirce; ach cha'n 'eil aon nam measg a' tha na thuathanach—cha'n 'eil aon Iùdhach a' tha 'g'ait eachadh fearann-aitheiricheana. Ged tha mòran tuille saorsa' aca nan dùthaich fèin no bha aca agus o chionn beagan bhliadhnachan, g'headh tha iad fathast, an aon seadh, ann an daorsa. Tha tuille mòr mar aca ri phàigheadh airson an tighean no tha aig seòrsa air bith eile; agus ged a ni beach air bith eucoir orra, cha'n 'eil an bitheantas ach beag ceartas ri fhaotuin. Theid na saighdearan Turcach a' steach don tighean, agus iarraidh iad an iasad, ge b'è nì a thaitneas riut. Nithean nach 'eil a' chridhe aig na h-Iùdhach bhochd a' dhiùltadh ged tha deagh fhios aca nach faic siad iad gu bràth tuille; agus se'n nì a' lla ro bhrònach, gu bheil mòran dhiùbhsan a' their Chrìosduidhean riù fèin (mar na Pàpnaich agus na Grèugaich) a' tha n' a' miosa agus n' s naimhdeile do na h-Iùdhach na tha na Turcach fèin. Cia ro bheag do dh'inninn Chrìosd a' thaca so a' tha 'g' aideachadh ainm! Bha e 'cur mòr ioghnaidh air na h-Iùdhach a' bhi 'faotuin Chrìosduidhean co

caomhneil riu 's a bha muinntir Eaglais na h-Alba; ach thuig iad an ùine ghoirid gu'n robh dealachadh eadar Protestanaich agus Pàpanaich, agus bha iad a' cur an cèill mòr thàingelachd do na Protestanaich. Tha atharrachadh ro mhòr, a thaobh so, air a thoirt mu'n cuairt o chionn beagan bhliadhnachan. Roimh so bha Protestanaich agus Pàpanaich le chèile 'deanamh tàir air na h-Iùdhaich; a nis tha Eaglais na h-Alba 'deanamh gach nì is urrainn dhi gu'm maith aimsireil agus spioradail a chur air aghaidh. A thuilleadh air a so, tha Banrigh chumhachdach Bhreatuinn air fear-dreuchd (*consul*) a chur a mach an ainm a rìoghachd mhòir féin, gu bhi 'chomhnuidh ann an Ierusalem, a ghleidheil ghnotluichean ceart a thaobh nan Turcach, agus gu h-àraidh a ghleidheil ceartais ris na h-Iùdhaich bhochda. Bha'n latha 'san d'fhuair iad ceartas a nochdadh dhoibh na latha ùr 's na latha iongantach leòsan; oir, gus o chionn ghoirid, bu choma cò dhiùbh a bha'n t-Iùdhach sa' chòir no 'san eucoir, 'nuair a thigeadh a' chùis gu breith, bha e daonan air 'fhàgail fuidhe. Ach a nis tha dèanachd aige dol fa chomhair a' bhreitheamh, agus fios aige nach urrainnear eucoir a dheanamh air gun aicheamhail. Ma dh'fheadraichear c'arson a tha na h-uiread Iùdhach ann an Iudea, 'nuair tha iad air an saltairt fuidhe an sin gu mòr nì's mò no ann an dùthchannan na Roinn-Eòrpa, tha againn ri fhreagairt, an toiseach, gu bheil gach aon diubh 'ga dheanamh féin cinnteach á slàinte shiorruidh, ma's e 's gum faigh e am bàs ann an Iudea, ged a dh'fhaodas e 'bhi buailteach do phàirt pheanais anns an uaigh, agus do bhi air a ghleidheil ré aonmhìos-deug ann am Purgadair. A rithis, tha iad a' creidsinn, ged a dh'fhaodas aon diubh a gheibh am bàs ann an dùthaich eile 'bhi air a sbàbhalagh, gum feum e, roimh là na h-aiséirigh, a rathad a dheanamh fo'n talamh gu gleann Iehosaphat, far a' bheil na fireanan uile ri'n nochdadh, a réir am beachd-san; agus tha mòr eagal aca roimh 'n iomachd so fo thalamh. A thuilleadh air a so, tha iad a' creidsinn gu bheil am Messiah ri nochdadh ann an Iudea, agus tha mòr dheigh aca air a choinneachadh 'nuair a thig e. Agus, a bharr air gach nì eile, tha iad a' creidsinn gu bheil co-chomunn àraidh ri neàmh air a mhealtuinn leòsan a tha ann an Iudea, agus gu bheil an luchd-teagaisg (na *Rabbies*) a tha'n sin air an soilleireachadh le Spiorad Dhé, mar bha na fàidhean o shean. Mar so, tha mòr iarrtas aig na h-Iùdhaich dol gu fearann an aithrichean; ach cha'n 'eil iad a' dol a' bheag nì's lìonmhoire ann, oir am bitheantas 'se seann daoine nach 'eil a' fàgail a' bheag do theaghlaich nan deigh a tha 'dol ann; agus tha 'phlàigh, maille ri iomad galar eile do'm bheil iad buailteach o'm bochduinn, a' gearradh as mòran diubh.

A. C.

October, 1842.

CATH CHINN LOCHIALL.

Am measg nan comhstrinean guineach nach b'ainneamh aig clanna Ghàidheal, 's iomadh latha fuileach agus deannaì cruaidh a chuireadh air fraoch-bheannaibh gorma nan garbh chrioch, air nach 'eil iomradh no ainm aig luchd-seanachais 'san linn so. B'ann diùbh so a' choinneamh gharbh-bhuilleach a thug na Camshronaich do Chloinn an Tòisich aig bràigh Lochiall. Bha Mac-an-Tòisich 'san àm sin ag agairt coir air fearann Mhic-Dhòmhnuill Duibh, agus air tigh nan Camshronach a chuir fo smachd. Ghluais e le dà chiad ceatharnach sgairteil, fo'n armaibh, do'n tìr Abraich. Ghabh e air aghart toimh 'n dùthaich gun bhacadh gus an d'ràinig e ceann Lochiall, far an do chaidil e féin 's a dhaoine. Aig éiridh na gréine sa' mhaduinn, thog iad orra 'mach ri gnallainn Beinn-an-t-Sneachda, gu tilleadh dhachaidh gu'n tìr féin troimh thaobh Lochairceig. Cha b'fhada 'chaidh iad air an aghart, gus am fac iad Mac-Dhòmhnuill Duibh, le sea-fichead gaisgeach, a' tighinn nan còmhdhail. Thuig iad gu math nach bu chòmhdhail chàirdeil a bh'air an aire, agus dheasaich gach fear e féin gu bàs-ghleachd. Bha cothrom a' bhruthaich aig na Camshronaich, ach bh'a'm barrachd sluaigh air taobh nan Tòiseach. Sheas Mac-an-Tòisich 's a dhaoine air lianaig leth-bhruthaich mu nìtheadhoin a' mhàim, a's cridhe gach fir air mhìre gu comhstri; agus mar bheuin-sléibh a' sguabadh a' gharbhlaich, bhuail na Camshronaich 'gan ionnsuidh, a's buaidh no bàs an gnòis gach seòid. Leum na glass lannan 'a truailllbh, a's ghrad thruailleadh gorm-bhrat drùchdach a' bhlàir le fuil chraobhach nan laoch borb; ach comharraichte os-cionn gach tréin-fhir, chit' ursainn-chatha nan Camshronach, Tàilleir Dubh na Tuaidhe, le 'thuidh bhàs-bhuillich, a' sgathadh cheun a's chorp mar chuisseagan rainich;—gach taobh air an tionndadh e, ghearradh e bealach ro' shreithibh nan naimhdean. A dh'aindeoin cruadail nan Catanach, cha b'urrainn iad seasamh an aghaidh cath-chuthach nan Camshronach. Bhrùchd iad air an ais as gach taobh; 's ged a rinn an ceannard tréibheach na dh'fhaodadh e gu'm brosnachadh, chuireadh an ruaig orra. Lers a' bhruthach dh'aom iad, 's na Camshronaich air an tòir. Mu'n cuairt ceann Lochiall a ghabh iad, agus lasachadh cha d'rinn iad gus an d'ràinig iad taobh Airdghobhar, far 'n do sheas Mac-an-Tòisich mòr air mullach cloich an cladach na tràghad, da'n ainm fathast "clach Mhic-an-Tòisich," a's thug a dhaoine 'n t-ath thilleadh orra mu'n cuairt da. Thòisich iomairt nan arm as ùr. Le sàthainnean troma nan cruaidh lann, dh'fhàgadh iomadh fear fearail gun lùs. Bha Mac-an-Tòisich mòr le 'chlaidheamh dà-làinhe 'cuir gu bàs gach fir a thigeadh mar astar buille dha, gus an d'thainig an Tàilleir Dubh, le 'thnuidh thoirbheartaich mu 'choinneamh. Tharruing e 'n claidheamh mòr le 'uile neart, a los an Tàilleir a sgoltadh gu 'chnachainn; ach sheachainn esan an ionusuidh, agus le buile ghuinich o 'thuidh choimhich, throma, reub e Mac-an-Tòisich.

Dhòmhlaich a dhaoine mu'n cuairt da guithearnadh lo bhuillean nan naimhdean, gun chùram mu'n fòn ghreìn ach diogaltas a thoirt a mach airson fuil an einu-chinnidh; ach a dh'aindeoin an tréuntais 's an rùin, b'éigin doibh a rithisd an ruaig a ghabhail. Thog ind an ceannard air an guailibh; 's ged a bha na Camshronaich gan sgath as gach taobh, ghiulain iad eilgubun Gharbhain, far an do chasadh an tòir cho teann orra, 's nach robh dòigh air dol na b'fhaide. Thionndaidh iad an t-reas nair air an lùchd-tòrachd, le lán rùn seasamh, neo tuiteam san àite in doustad iad. Thòisich an gleachd bàsmhòre le urachadh goith. Thuit an chuid bu mhò de Chloinn an Tòisich air an raoin. Ghlacadh Mac-an-Tòisich mòr 's a mhac agus am beagan a bha beò dhe'n daoine, sgap iad as a chèile. Ach chuir an naimhdenn guineach rompa nach rachadh as dlinbh fear a dh'innsadh sgeòll. Dh'fàg iad Mac-an-Tòisich 's a mhac fo chùram nam ban, agus air tòir chàich ghabh iad. Shìn iad orra 'mach am monadh. Bha uisge dèan sìubhlach a' giùlan bàis gu fear a's fear, gus an d'ràinig iad mullach amhaim. Bha 'ghrian a' cromadh 'san iar, agus seamh-bhrat dubhrach na h-oidhche sgaoileadh a sgailidh iarnaidh char aghaidh shàinlaich nan spèur. Bha eòin bhuchnullach an t-sìobh gu caidreach gu mach a' gabhail tàimh an còs nam bruach, agus ùdlaiche cabrach nam fàs-ghlac, fo dhubhar na daraig aosda, 'siabadh nan cuileag o bhian calgach, 'nuair 'bhrisd an ruaig a steach air Conaghléann. Bho og-mhaduinn an latha shamhraidh, gu ciaradh annoch an fheasgair, fosadh cha deachaidh air sonn 'san strì; ach nu dheireadh bha ceum an tréin-laoich bu diorrasaiche 'dol am maillead 'san ruaig, agus shaoil leis na bha beò de na Catanaich nach rachte ni b'fhaid' air an tòir. Chruinnich iad còmhla gu cur seachad na h-oidhche ann an glaic naignidh air taobh Chonghlinn, da'n ainm, Chùil-nan-Cuileag; ach 's gaun a ghabh iad gu fois gus an robh an Tàilleir Dubh, le buidheann de na Camshronaich, air am muin. Leum gach fear air a bhonnaibh agus spionadh gach glas-lann a 'n duilibh; ach ged nach robh laigs' air an inntinn, bha'n lùs air an treigsinn. Thuit iad far an do sheas iad, fo fhaobhraibh fuileach an lùchd-miornin. Cha d'fhàgadh beò, de'n dà chiad gaisgeach a' ghlnais do'n tìr Abraich, neach a b'fheireadh sgeul mu'n dèidhinn da'n dùthaich féin. Thill Mac-Dòmhnuill Duibh 's a dhaoine gu bun Gharbhain, far an d'fhàg iad Mac-an-Tòisich mòr 's a mhac. Chuir iad an oidhche seachad 'san àite sin, agus air maduinn am maireach rinn iad deas gu dol dachaidh; ach so far an robh a' chuis iomagain do Mhac-Dhòmhnuill Duibh. 'Si nighean Mhic-an-Tòisich a bh'aige mar mhnaoi, agus, ma's fìor an radh, cha b'i u t-seobhrach. Cha chuireadh gnùis namhaid fo'n ghreìn athadh air; ach bha sgath nach bu bheag air dol dachaidh gu mhnaoi, an deigh a einneadh a sgrios, agus a h-athair 's a brathair a ghlacadh nam prìosanaich. Cha b'e sin do'n Tàilleir Dubh e; fìrionn no boirionn, bu choma dhàsan cò dhiùbh. Air an aobhar sin, chuireadh air falbh e roimh chàich do Achadh-na-curra a dh'innsadh do'n bhaintighearna mar a thachair. Ràinig e m'baile gu h-uallach, snigeartach; agus air

dha bualladh aig dorn an tighe, dh'fhosgladh e dha leis a' bhain-
tighearn' a' féin. Dh'fhàiltich ri gu' fiallaidh furanach e, agus
dh'fhaoinich i' ciod e bu naigheachd dha. Fhreagair e gu' sùlbhire
gu'n robh naigheachd math—gu'n robh bian cait, an diugh air
peighinn, agus rogha's tagh' air plang. Dh'atharraich a' gnùis air
cluinninn a' sgeòil; ach chum i oirre féin, agus thubhairt i, "Thig
a nuas, a Thàilleir, a's fàg do thuadh shìos." "Far am bi mi féin,
bithidh mo thuadh," ars' an Tàilleir. Bhuig i nach rachadh aic'
air a feirg a' chaitheamh air an Tàilleir; agus le teum cuthaich, rug'
i air a leanabh féin, a's thilgli ann an teis meadhoin na grìosach e.
Thug an Tàilleir dui-leum far an robh i, 's a' thuadh na làimh;
agus le sgairt namhasaich ghlaodh e, "Bheadh a rug' an leanabh,
tog an leanabh!" Chuir colg agus coltas an ladic' oirith oirre.
Bu bhuiddie leatha 'n leanabh a ghrad thieannachladh agus a bhi
réidh ris an Tàilleir gu's an d'fhainig Mac-Dhòmhnuill Dùibh's a
dhaoine dhachaidh. Chumadh Mac-an-Tòisich mòr's a' mhac an
Achadh-na-carra gu's an robh an leòin air leigheas, ach m'è
d'fhuair iad dol a rithisd d'an dùthaich féin, thug Mac-an-Tòisich
còir sgrìobhte bho làimh do Mhac-Dhòmhnuill Dùibh air òighreachd
Lochabar, a shealbhaich a shliochd bho'n uair shìos.

AONGHAS BÀN.

Tom a' Choilich,

Mios-deirionnach an Fhoghair, 1842.

LITIR

A chaidh 'chur le duin'-uasail ann an Nuadh-Shealann dh'ionnsuidh
a charaid ann an Albainn.

Air bruch na h-aibhne Òcotu, b' e
An ochdamh-là-deug de'n ochdamh mhios, 1841.

A Charaid Ionmhuin,

Cha b' ioghnadh leam ged smuainicheadh 's ged theireadh tu gu
bheil mi d'chuimhneach agus mi-choma; agus is éigin dhomh,
gun teagamh, a' deachadh nach feil mi gu tur saor o choire, agus
ma dh'fhaodt' o leisg, air neo sgrìobhinn roimh 'n àm so litir co
fad ri m' ghàirdean; gidheadh, 's urrainn domh gu fìrinneach a
ràdh gu bheil t'ainm-sa air a luaidh gu tric, le urrain agus teas-
ghràdh, ann an coilltibh Nuadh-Shealainn (New-Zealand). 'Se is
leisgeul dhomh an ìre neo-shuidhichte 'sam bheil sinn o na thainig
sinn a dh'ionnsuidh na dùthcha so. Cha d'fhuair sinn fhathast an
fearann a chaidh ghealladh dhuinn leis a' Chomuinn, ged a chuir
iad sinn air astar gun stà sa' mhios Mhàirt, gu Uanganuidh, le litir
chumanta a chuireadh a dh'ionnsuidh na h-uile gum biodh e air a
chuir air leth dhuinn an sin. Cha d'fhuair seachad dheth ach ro
bheag, agus thill sinn le'r corraig 'nar pluic. A nis, Alastair,
nach robh aobhar mòr dhiombaidh agus ghearrain againn, a' mheud
's gu'n deach a ghealladh gum biodh na h-uile ullamh ann an trì

mhìosaibh 's a' riaraicheadh na h-uile aig an robh an ainmean sgriobhte ann an leabhraichean a' Chomuinn; ach bu ghealladh a fhuair sinn.

Ge b'olc e' gu'n deach ar n-earbsa 'mhealladh, cha duilich leam a nis e, do bhrìgh gu'n do thòisich mi air long bheag dà-chrannach ionann-chrannach (*schooner*) a thogail. Is cinnteach mi, nam faiceadh tu i, gum biodh tu làn thoilichte leatha. Tha'm fiodh uile aig an dorus, agus tha mi'n dùil gum bi i air sàil mu'n ruig an litir so Albainn. Mar meallta mi, seòlaidh i co luath 's co sgiobalta ri soitheach cìs-sheachnaich (*clipper*). Tha seann duine, seòladair o Ghrianaig, 'ga mo chobhar. Bithidh esan, an dà ghinlan, agus mi fhéin, comasach air a caitheamh air fairge. Tha a drùim seachd-deug thar fhichead (37) troidh air fad. Tha trì troidhean aig claonadh a' saidh, agus aon troidh aig claonadh a' sàil deirionnaich.

Is cinnteach mi, nan tigeadh tusa 'n so, nach suidheadh tu a ris an feasd ri bòrd-sgrìobhaidh, no ri tràilleachd a' phinn, ach gum biodh agad rùin suidhichte air Nuadh-Shealann uile 'chuaireachadh agus fhaicinn.

Bu mhinic a bha thusa 's mise 'bruidhinn mu thimchioll tigh a thogail, agus ciod an t-airgiod a chosdadh e. Tha'n t-obair mòran ni's fhusa 'san tìr so. Thog sinn tigh ann an trì làithean an deigh teachd an so. Chaidh sinn dìreach beagan ceuman air ar n-aghart sa' choille, agus ghearr sin ùiread 's a dh'fhenmadh sinn do stoban caola. Chuir sinn iad nan seasamh 'san talamh airson cleithe an tighe. Rinn sinn an còmhdach air an taobh a muigh le gnè do luachair fada. Thug an teinteach là eile ua'n'n; agus tha againn a nis tuineadh cuimhseach, agus taitneach gu leòir. Ghabh mi, mar an ceudna, deich acraichean fearainn. Bithidh iad a' cheud dà bhliadhna an nasgaidh, agus airson a' chuid eile de'n aimsir air glé bheag mhàil. A réir mar is léir dhomhais, cha ruig sinn leas a bli 'gearain gu'n d'thainig sinn a mach. Tha cosnadh gu leòir againn, agus gu leòir ri itheadh. Tha'n t-aimsir làn iarrtanach; tha'n t-adhar taitneach agus slàntail, ged tha na gaothan trom air uairibh.

Tha so a' cur 'nam chuimhne na thachair dhomh fhéin, agus a' fenchainn aineolas cuid aig am bheil bàtaichean mu sheoladaireachd, agus an cunnart 'sam bheil iad uaithe. Cheannaich mi bàta gasda o' chaptain a' Bh——. Thainig mi fhéin 'san teaghlach sàbhailt' innte gn Uanganuidh, gun teagmhais air bith. Ràinig sinn an cladach aig àit' aig am bheil an t-Sruth Choipe (*Reamy Ripp*) mar ainm, ann an tròm ghaoth a' séideadh air tìr, agus le muir ghiobach luasganach. Bha'm bruthaich glé chas agus garbh, agus, mar bu mhatht le caoimhneas Freasdail, ann an gleannan beag tiamhaidh far nach robh dùthchasaich (*natives*). 'San fheasgar, dh'éirich ùrnuigh agus laoidh-mholaidh anns a' ghleannan, nach cualas iad riamh roimhe. Cha'n urrainn doinn a dhealbhadh cia mòr a las ar cridheachan 'san dleasnas ud. Bha sinn 'san fhàsaich, fada o chomuinn dhaoine, agus le sùil an Tì uile-léirsinneich

amhlàin oirnn; gidheadh, bha a ghàirdean uile-chumhachdaich ga'rcuairteachadh, agus bha sinu ann an tearuinnteachd.

Am bàta sin reic mi airson caogad punnd Sasunnach (£50)—'se sinn ri ràdh, deich punnd (£10) nì's mò na chosd i dhòmhsa. A' cheud nair a chaidh an duin' a cheannaich i 'ga seòladh, chaidh i bun os-cionn leis, agus theab a bhàthadh. 'Nuair a dh'fhoighnich mi ciamar a thachair so, fhreagair e, gum fac' e mise innte le gaoith mòran nì's làidire, agus gu'n do chuir e mòr-ioghuadh air ciamar a dh'éirich an tubaist ud dha! Tha mòran de leithid sin do sheòladairean an so.

Cha'n 'eil na dùthchasaich, far am bheil mi an tràs, draghail; ach an Uanganuidh, far a' bheil na h-ùr-àitich (*settlers*), tha iad càileigin draghail. Is fìor chladhairean iad; agus, coslach ris na h-uile cladhairean, tha iad tarcuiseach agus beadaidh far a' bheil e 'nan comas. Ach ma dh'fheuchas ach aon duine Eòrpach gu bheil treubhantas aige, cha ruig e leas eagal air bith a bhi air. Is daoine tuigseach fiosrach iad; agus 'nuair a dh'fhòghlumar iad, cha ruig iadsan nì's mò an leas an cùl a chuir air neach sam bith. Tha cuid dhiubh nan òlaich gasda. Bha aon duine 'nam measg a chuala gu'n deach mise agus mo theaghlach a bhàthadh, agus ghuil e mar gum bu aon de'n teaghlach e fòin.

Tha'n dùthaich cnocach air a' chuid is mò, ach glé tharbhaich. Tha dà bhàrr bhuntàta aca sa' bhliadhna; ach tha iad glé aineolach air fuathanachd. 'San earrach—'se sin, o chionn thrì sheachduin—chaidh iad a dh'ionnsuidh nan raointean aca, agus, a' suidhe sìos nan crùban, le maide no mir fiodha, dà throidh air fad, geur aig a bhun (no, ma's àill' leat e, aig a bhàrr), mar gum bu ghné chaib e, dh'fhosgail iad suas am fonn airson tional a' bhàrr bhuntàta mu dheireadh, agus a' cur fear beag dhiubh air ais an àite shìl-chuir. Agus ma gheibh iad lios ùr, an deigh dhoibh an preasarnach a losgadh le teine, fosglaidh iad an talamh leis a' mhaide cheudna; cuiridh iad e le buntàta, agus thig iad air an ais 'nuair a bhios iad abuich agus ullamh ri'n togail. Mar dhearbhaich air tarbhaich an fhearainn, dh'àireamhaich mi trì-fichead cuiseag 'us ceithir a dh'fhàs a' aon ghràin' eòrna; agus gu tric dà dhusan, gu dà dhusan gu leth, do chuisseagan cruineachd o gach gràine.

Bu choir dhomh tuille naigheachd aithris nam biodh ùine agam; ach o na chual' mi gum biodh màileid litrichean air a cur gun dàil do Shasunn, ghabh mi cothrom sgrìobhadh aig an àm so. Tha agam ri dhol gu Uellington le luchd fiodha, air bàt' eile a th'agam; agus an sin cuiridh mi'n litir sa' phost.

Thoir mo bheannachd agus m'iomchorc do d' theaghlach. Slàn leat!—slàn leibli uile.

Is mi, le deagh urram,

A charaid dhìleas,

t'Òglach tréibhdhireach,

F. S.

DÀN SHOLAIMH.

CAIB. VII.

Cia grinn do chasan ann am bròig,
A nighean rìoghail àill!
Mar sheudaibh nìlt do shliasaid tha,
Obair an deagh fhir-chèird.

Mar chuachag chruinn tha t'iomlag fòs,

A bhios de dhubhe làn;

Do bholg mar dhùn de'n chruineachd gheal,

Cuartaicht' le lùidh bàn.

Do chiochan tlàth mar dha mheann earb,

Caraid na maoslich oig;

Do mhuineal mar thùr iobhor,

Do shùil mar lòchaibh eise.

Mar lòchaibh eiseig aig Hesbon fòs,

Ri gcat' Bhatrabim dlùthachd,

Mar thùraibh Lebanoìn do shròn,

Gu Damascus sheall's null.

Do cheann ri Carmel cosmhuil ta,

Mar chorcur falt do chinn;

Tha'n Rìgh na chlaisibh ceangailte,

Cia àillidh thu, s'cia grinn!

Tha t'àird cosmhuil ri craoibh phailm,

Do chloch mar dhearcaibh fion;

Do'n phailm-chraoibh streapaidh s'ghabhair greim,

('Se so a thubhairt mi.)

Mar bhagaid fhion-chraoibh bithidh nis

Do chiocha corrach àill;

A's cubhr eachd t'adainn, mar an ceud,

Mar ubhall s' cubhraidh fail.

Do chaircan mar am fion is fearr—

'Seadh, fion airsoir mò ghràidh,

Gu milis theid a sìos,—bheir cainnt

Do'n dream nan cadal ta.

'S le fear mo ghaoil-sa mise nis

'Sann ormsa tha a ghràdh.

Thig fhir mo ruin, a's rachamaid

Do'mhachair 'ghabhail tamh.

'Sna bailtibh sanamaid 'sàn oidheh';

Sa' mhoch-thrath 'choimhead lios,

A dhearc a' bheil 'chraobh-fhion fò bhlàth—

An fion-dheac 'gealltainn meas—

Am pomgranat 'n do bhris a mach:

An sin gheibh thu mò ghràdh.

Tha'm mandragan 'toirt faile uath—

'Seadh, boltrach chùbhraidh àill'.

A's thaisg mi aig air geataibh fòs,
 Gach meas tha taghta ùr;
 Meas sean a's ùr tha taisgt' an sin,
 'Feitheamh airson mo rùn.

ORAN-BÀTA,

LE SIR BHALTAIR SCOT.

(Air Eadar-theangachadh o'n Bheurla le 'Uilleam Mac-Phearsain.)

Fàilt' air a' ghaiseach le buaidh tha 'tighinn faisg oirn,
 Le craobh ghiubbais uaine mar shuaicheantas dhà!
 Gu ma fad bhios a' chraobh so na brataich ro luachmhor,
 Gu dlinn gu reachd mhor, 's gu neartmhor 's gach càs!
 Gu buadhar le dealta nèimh,
 Gu sùghar le neart talaimh,
 Gu bòidheach a' fosgladh, 's gu leathan a' fàs;
 'Nuair their gach gleannan,
 'S Mactalla coinh-fhreagairt dhoibh;
 "Ruairidh Mac-Ailpein Dhuibh, o hi ho ro!"

Cha chrìontaich gun sgairt, mar gheig fuarain gun neart sinn,
 'Dol bàs anns a' gheamhradh, 's an t-samhradh fo bhlàth;
 'Nuair ghèilleas gach meallan do dhoinn nan beanntan,
 Nì's trein' tha Clann-Ailpein ag éiridh fo'n sgàil.
 An sàs anns a' chreag-bhealach,
 Gu làidir neo-eisimealach,
 'Nuair shéideas na slantan, nì's trein' tha sinn 'fàs.
 Tha 'mhachair 's gach ard-bheinn
 A' glodhaich le ard-ghnith,
 "Ruairidh Mac-Ailpein Dhuibh, o hi ho ro!"

'S ard sheinn ar plob' rachd air comharradh Gleann-Fruinn;
 Tha nuallan na Galldachd gar freagairt o'n Gleann:
 Tha'n lùchairtibh làidir cuir sinuid dhiubh nan làraich,
 'S na laoiach le'n lannaibh fo gheimhlibh a' bhàis.
 Tha'm bantraichibh Sas'nach,
 'S na maighdeanaibh bas-bhualach,
 'Cuimhneach Clann-Ailpein le crith agus bròn;
 Tha Gleann a's Srath Liobhan
 Fo smachd léat gu diblidh,
 'Ruairidh Mac-Ailpein Dhuibh, o hi ho ro!"

An coinneamh a' Ghàidheal nis rachadh am bàta,
 A's stiùireadh gach ràmh le làn dàin chum an laoiach:
 O! gu'n robh 'n òigh tha 's an eilean a' comhraidh
 A nis, mar bu chòir, 'tighinn 'na chomhail le gaol!
 'N sin b'e ar dòchasa
 Oighre ro mhòrchniseach
 'Dh'éiridh gu h-òirdheir 's gu bòidheach ri'n taobh?
 B'ard bhiodh Clann-Ailpein
 'Seinn anns gach glac-bhealach,
 "Ruairidh Mac-Ailpein Dhuibh, o hi ho ro!"

SGEUL FÌRINNEACH.

Thachair dhomh a bhi làthair o chionn ceithir-latha-deug aig sàcra-
maid suipeir an Tighearna ann an siorramachd In'erair, agus dh'innis
am ministear dhomh an sgeul a leanas :—

Bha bantrach bhochd (ars' esan) 'san sgìreachd so—boirionnach co-
tuigseach crìosdail 's air an do chuir mi riamh eòlas. Bha mi a'
seanachas rithe air latha àraid, agus thòisich i air cunntas a thoirt
dhomh air bàs a fir. “Cha robh anns an tìr uile,” ars' ise, “càraid
bu shona na mo dhuine a's mise. Cha robh ann ach figheadair bochd,
ach bha eagal Dhé air. Ged nach robh mòran de nithe an t-saoghail
againn, bha sin sona, subhach, taingeil. Bha mise 'cumail bùth beag,
anns an robh mi a' reic nithe a ghabh mi air dàil o cheannaich' a
bh'ann an Cill-Mhèarnaic; agus bha mi a' togail mo theaghlach air an
dòigh so. Bha agam dà mhàrt bainne; 's do bhrìgh gu'n robh iarraidh
mhòr air a bhainne, bha sinn an cothrom math, agus a cheart co sona
ri dithis 'san àite. Ach b'e toil Dhé fiabhras eagalach a leigeil an
rathad ar teaghlach. Bha mo dhuine 's mo cheathrar leanaban 'nan
luidhe. Cha tigeadh duine na coimhearsnach 'nar còir—sheachainn
gach aon an tigh againn. Cha cheannaicheadh iad bainne, no badhar
as a' bhùth. B'èigin na mairt a chuir air falbh gu tuathanach a bha
asdar mòr uainne, agus a thug leis iad. Chuala marsanta Chill-
Mhèarnaic mar a bha. Thainig esan, agus sguab e leis gach nì 'bha
sa' bhùth—cha d'fhàg e an nì a b'fhaoin' againn. Fad iomad seachd-
uinn, cha d' thainig duine stigh air an doras ach lighiche 'n àite.
Chaochail mo dhuine—dhùin mi a shùilean. Chuir mi e air na
bòrdaibh taobh a leapaich. Chaidh mi far an robh saor, a's fhuair mi
ciste. Ach b'e sin am feasgar brònach dhòmsa, 'ga chuir sa' chiste
's mi lag fann! Ach coma, neartaich Dia mi. Thainig cuid d'a
luchd-eòlais, agus ghiùlan iad air falbh an corp; agus dh'fhàg iad
mise 's mo phàisdean, 's iad an àird an fhiabhrais. Ach oidhche no
dhà an deigh bàis an athar, thainig pilleadh air an fhiabhras, agus bha
iad nì b'fheàrr. Cha robh a nis làn an dùirn do mhin 'san tigh—cha
robh nì agam a b'urrainn dhomh a thairgse dhoibh ach uisge. Shuidh
mi taobh a' ghealbhain, agus ghui mi gu goirt—mo leanabanan a'
gladhaich, agus gun nì ri thoirt dhoibh. Cha do chaill mi mo dhòchas
ann an Dia—'s mi nach do chaill; glòir Dhàsan nach do cheadaich
dhomh sin a dheanamh. Mhothaich mi gu'n robh mo' chridhe féin
fann—gur gann a b'urrainn domh coiseachd troimh 'n tigh. Bha
seòrsa tuainealach a'm' cheann. Shuidh mi, agus thubhairt mi—oir
cha robh comas agam tuille a ràdh—‘A Dhia, amhaire orm.’ Thuit
mo phàisdean 'nan suain—iad air an claidh agus fann, an deigh
gladhaich leis an acras. Cha robh fios agam ciod a dheanainn.
Chuala mi seòrsa do sgròbail aig an doras. Dh'éirich mi a dh'amharc
ciod a bh'ann; agus ciod a bha 'n sin ach cat a' bhuineadh dhomh
féin, agus maigheach mlior aige, a shlaod e gu stairsnich an doruis.
Dh'amharc an cat a'm' aodaun le seòrsa do chrònan muladach. Thug
mi stigh a' mhaigheach. Dh'fhionn mi i, agus riun mi eanaraich dh'i.
Dhùisg na pàisdean. Thug mi dhoibh r'a òl, a's dh'òl mi féin beagan,

agus thug mi buidheachas do m' Dhia. Air an là maireach thainig caraid, agus pailteas air a shiubhal; agus o'n là sin, cha d'fhiosraich mise na mo phàisdean dlùth."

Thig Dia an àm airc, 's cha'n airc 'nuair a thig. 'Sann 'nuair is duirche 'n oidhche is dlùithe an latba.

C. N. G.

UISDEAN MAC-GHILLEASPUIG CHLÉIRICH.

A Chuaireir ùiseil,

Ged nach 'eil annam-sa ach duine bochd, a' co'-lionadh dreuchd a ta urramach nì's leòir ann féin (oir is cléireach-eaglais mi), an deigh sin tha mi 'n dòchas nach dean sibh tàir air mo litir. Tha deagh fhios agam gur caraid dhaoine bochd sibhse, a Chuaireir; agus is i mo bharail nach lugh' a bhios do mheas agaibh air mo litir, a chionn gu'n do sgrìobhadh i le "treas cas na h-eaglaise," mar a their cuid rium. Ged is iomadh ceum a shiubhal mi, agus ged is lìonmhor tonn geal gàireach thar an do mharcaich mi (oir is seann saighdear mi, a chunnaic iomadh ceàrn de'n talamh), an deigh sin cha d'fhug mi riamh leabhar do sgoil Ghàelig; agus leughaidh mi i mar na coimhearsnaich. Ged nach abrainn féin e, theid agam air a' Ghàelig nì's feàrr na mòran mu'n cuairt domh; agus cha'n 'eil sin gun dragh dhòmhsa, oir tha mi 'faotuinn a' Chuaireir, mar bu chòir do gach Gàidheal a dheanamh; agus cha luaithe 'thig e, na chròdhas làn an tighe mu'm cleann, chum éisd-eachd r'a naigheachdaibh. Tha sgeul beag air chuimhn' agam mu thimchioll aois do Chloinn Dòmhnuaill nan Eilean—duine a bha comharraichte 'na là agus 'na linn féin airson a cheilge, a dhànachd, agus a dhalinachd; agus ma chì sibh freagarrach àit a thoirt di n'ur duilleagaibh, nì mi dìchioll air a sgrìobhadh sìos mar a leanas:—

Tha a nis glé dlùth air trì cheud bliadhna o na bha uachdaran ainmeil do Chloinn Dòmhnuaill a' gabhail còmhnuidh 'na chaisteal féin aig Duntuilm, an fagus do cheann tuath an Eilein Sgiathan-aich. B'e ainm an uachdaran so Dònull Gorm Mòr, ogha do'n cheud Dònull Gorm, a mharbhadh le saighead aig daingneach Eilein Donnain, ann an Ceanntàile. Ged bha Dònull Gorm Mòr na dheagh uachdaran, agus na dhuine calma air an robh mòr mheas aig 'nochdaran-aibh féin; gidheadh bha mac bràthar aige, d'am b'ainm Uisdean Mac-Ghilleaspuig Chléirich, aig an robh sùil ris an oighreachd dha féin, agus a ghnàthach gach innleachd, trid ceann-aire dhìomhair, chum a toirt o bhrathair-athar féin. Cha robh a bheag do'n fhine co treun agus cumhachdach ri Uisdean Mac-Ghilleaspuig; ach bha e anabarrach carach, seòlta, agus cuilbheartach. Cha robh sliochd aig Dònull Gorm, agus chunnaic Uisdean gu'n tuiteadh an oighreachd air a bhràthair féin, Dònull Gorm Òg Mac-Ghilleaspuig Chléirich, mar deanadh e innleachd air a faotuinn dha féin. Chum so, rinn e gach nì 'na chomas gu

uiread do'n fhine's a b'urraim e fhaotuinn gu bhí air a thaobh féin ach aig an am chendna bha e cumail a mach mór chàirdeis ri brathair-athar féin. Cha do ghabh Dònull Gorm amharas sam bith gu'n robh Uisdean ann am foill d'a thaobh, gus an do thoisich e air daingneach laidir a thogail; air nach robh aon ehuid dorus no uinneag, ach amhain fosgladh a dh'fhagadh air a mhullach gu dol a mach agus a steach. Tha na h-uiread do bhalla an daingnich so fathast suas; agus thogadh e da mhile-dheug air astar o Dhun-tuilm. An uair a thuig Uisdean gu'n robh iongantas, agus faodaidh e bli eagal, air brathair-athar, a thaobh an daingnich, chuir e an céill aobhairean meallta dha airson an robh e ga thogail; agus chaill Dònull Gorm an sin gach amharas d'a thaobh. Cha b'fhada, gidheadh, gus an d'fhuair e dearbhadh ni bu chinntiche air ruinibh fealltach mhle a bhrathar. Dh'fhag Dònull Gorm Dautuilm, le buidheann d'a luchd-leantnuinn féin, aig a cheart am sin, a dh'fhacinn a cliaraid féin, tighearna Dhunibhaig, ann an lle. An uair a bhuidiad a seòladh suas ri taobh Iúra, dh'éirich doinionn mór, agus b'éigin doibh dol gu tír air fearaun Dhubhairt san eilean sin. Thachair, mar an ceudna, gu'n robh Uisdean air na fairgibh sin san am, agus ghabh e féin agus buidheann a bha maille ris fagadh ann an geodha am fagus do'n áit anns an deachaidh Dònull Gorm gu tír. Bha fios aig Uisdean air gach ni a dh'éirich d'a bhrathair-athar, ach cha robh an dùil is lugha aige san gu'n robh Uisdean ann a chearn sin; oir dh'fhòluich se e féin o' gach neach san eilean. Nuair a thainig an oidhche, sguab Uisdean leis na h-uiread do'n spreidh aig Dubhairt; agus ghrad sheòl e chum na h-àirde tnaitha, air da bhí cinnteach gu'n racladh coire na creigh a chuir le Dubhairt air Dònull Gorm. Sam mar sin a thachair; oir cha h-athis thainig an là na dh'ionndraicheadh an spreidh, agus bhuaileadh air na Sgiathanach le muinntir Dhubhairt. Thait na h-uiread do Chloinn Dòmhnuill anns an tuasaid, agus is ann air éigin a thug Dònull Gorm e féin as le bheatha. Lenm e stigh d'a bhirliin, agus ghrad sheòl e air ais chum a dhùthcha féin. Bha ngnomh fealltach so, gidheadh, na aobhar nainhdeas eadar fineachan Mhic-Dhòmhnuill agus Dhubhairt, a dh'fhàs mu dheireadh co mór's gum b'éigin do Rìgh na h-Alba dol san eadargain, chum nan ceann-feadhna so a chiùlneachadh. Cha robh Mac-Dhòmhnuill ach beagan uine aig a' bhaile an deigh sin, nuair a rainig litir e o mhac a bhrathar a thug a ghuimharras eagalach gu solus. Air do Uisdean a bhí ann an Uist, sgrìobh e litir dh'ionnsuidh aoin d'a luchd-dàimhe 'san Eilean Sgiathanach, anns an do chuir e an céill innleachd a bha na bheachd chum sgrios a thoirt air Dònull Gorm, agus an oighreachd fhaotuinn dha féin. Aig an am cheudna, sgrìobh e litir eile dh'ionnsuidh Dhònuill Ghuirm, anns nach robh aon fhocal ach briathrair làn càirdeis agus deagh-rùin d'a thaobh. Ach mar bha'n tbaist ann do Uisdean, am mealltair dubh, ciod a rinn e ann am nìearachd, ach ainm Dhònuill Ghuirm a chur air litir fhuir-dàimhe féin, anns an robh a chleasan uile air an deanamh follaiseach, agus ainm an fhuir-dàimhe sin a

chuir air litir a bhrathar-athar. Mar so fhair Dònull Gorm fios air deanadas aingidh Uisdean Mac-Ghilleaspuig, o sgriobhadh a làmh féin. Chunnaic e mar bhia na cùisean, agus nach robh ùine ri chall chum e féin a dhìonadh o cheannairc an droch dhuine sin. M'n d'fhuir an meallair Uisdean a mach am mearachd anns an do thuit e do thaobh nan litrichean, ghrad chuir Dònull Gorm teachdair dileas dh'ionnsuidh Uist, far an robh fìor charaid agus fear d'aimbeidha féin a' gabhail comunnidh—Dònull Mac-Iain Mhic-Shéumais, cuiridh co treun's a' rug riamh air claidheamh. Dh'innis an teachdair do Dhònull Mac-Iain gach nì a rinn Uisdean, agus gu'n d' àithn Dònull Gorm a'rsan greim a dheanamh air, agus a thoirt na phrìosanach do Dhuntuil. Cha luaithe 'chual Mac-Iain Mhic-Shéumais an teachdaireachd, na chaidh e chum an tighe 'san robh an cealgair Uisdean a' tàmh. An uair a chunnaic e Uisdean Mac-Iain a' tighinn le buidheann làidir maille ris, thainig e 'na aire nach robh gach cùis réidh. Cha robh cothrom teicidh aige; agus air da sin fhaicinn, ghrad chuir e aodach boirionnach air, agus thòisich e ri bleth le muileann-bràdha, air an robh muinntir an tighe 'g obair aig an àm. Chaidh a' bhuidheann a steach; agus thuit an amharas gu luath air a' chaillich mhòir, fhiadhaich, fheusagaich, a bha 'bleth. Thuig iad co bh'aca, agus rug iad air. Ach air dèasan a bhi ro làidir agus ealanta, agus a bhi air fàs garg agus dìorrasach trid an dòchais, sann air éiginn a chaidh aca air a' chumail. Ma dheireadh, gidheadh, chuireadh grabadh air leis an aodach a bha uime, agus cheangladh gu cruaidh agus daingeann e. Thugadh gu Dhuntuil e, an lùthair Dhònull Ghuirm. Thug esan àithne a' thilgeadh do ghàinntir, no slochd a' phrìosain—àite oillteil, dubh, dorch, a bha fo ùrlar lochdarach a' chaisteil; agus cheangladh le slabhraidh e ann am meadhan an t-sluic. Thugadh dha mar lòn feòil, shaille, agus an uair a shìn e a làmh gu greim a dheanamh air soitheach anns an robh, a réir a bheachd-san, uisge, fhuair e falamh e. Air da' bhì air a chlaoidh gu h-amhghaireach le tart, cha d'fhuir e fòls no tàmh, agus an do chuir am bàs crìoch air fhuilangasaibh, nì a thachair ann an ùine ghuirid.

Mar so chrìochnaich Uisdean Mac-Ghilleaspuig Chléirich a bheatha; agus na bha a' ghnomharra aingidh, dh'fhuiling e ceart co searbh air an son. Mar robh beagan shuagh a' chomh-éignich e gu bhì air a thaobh, bha fuath aig na h-uile dha, agus bha eagal air na h-uile roimhe. Is ìomhor aoireadh agus dàn eisgeil a rinneadh dha 'na linn féin. An measg chàich, thubhairt a' bhan-altrum féin ris:—

“ Uisdein Mhic-Ghilleaspuig Chléirich,
Far an luidh thu 'san na éirich;
Do mhìonach an lùib do léine,
Sgèul do bhàis do mhnathaibh Shléibhte.”

Is mise, a Chuairteir uaisil, bhuir caraid gun teagamh,

UISDEAN CLÉIREACH.

AUB* (NO ABA) MATHEW.

Tha'n t-aba, nò'n t-athair, no'n t-abstol so, mar their na h-Èirionn-aich ris, a' dol air aghaidh gu foghainteach. Thug *cóig mullion* ann an Èirinn teann ghealladh, no guè do bhòid, dha air an glùin, nach blais iad diolag uisge-bheatha, no deoch air bith is làidire na tea, na's lugh na theid an òrduchadh dhoibh le ollamh chum an leas, an àm tinneis.

Thainig an duine ainmeil so do Ghlaschu mu thoiseach an fhogaraidh, agus air Diluain ghabh e an gealladh o chòrr a's mìle. Air Dimàirt, rinneadh *parade* mòr air a shon. Thainig iad á Dunéidin, á In'eràir, a's as gach baile mu'n cuairt, le'n drumaichean, 's le'm fífichean, 's le'm brataichean a' sìubhal air a' ghaoith. Air an latha so, thug còrr a's deich mìle an gealladh air an glùinibh. Ach airson na thainig chuige air an treas latha (Diciadain), bha iad gun chunntas! Chruinnich iad ann am margadh a' chruidh, am bràigh a' bhaile. Bha sagart, no dhà, no trì eile, 'cuideachadh leis an Aba, a' cur an t-sluaigh 'nan cuideachdan air an glùinibh. Bha iad mar so, gun fhois, gun phlathadh, o dheich uairean sa' mhaduinn gu sèa uairean 'san fheasgar. Iadsan aig an robh comharraidhean mar bha, shìn siad iad do'n Aba, a ghabh iad, agus a thug dhoibh air an ais a rìs iad, 'gan cur mu'n amhaich le ribean.

An fhad so, bha gach cùis gu math. 'S mòr am beannachadh do bhaile, do dhùthaich, no do rìoghachd, an'sluaigh a bli stuama, measarra, ciallach. Cha'n 'eil ann an duine no mnaoi air mhisg ach neach air bhoil; agus tha cuid ann, 'nuair a bhlaiseas iad Mac-na-bracha, aig nach 'eil fios c'uin is còir dhoibh sgar. Ach bha nì eile anns a' chruinneachadh mhòr so a chuir mulad oirnn, agus is beag a bha dùil againn 'fhaicinn ann an Albainn anns an linn so de'n t-saoghal. Ged a dh'innis an duine math anns a' mhaduinn nach robh cumhachd aige m'òrbhuill a dheanamh—nach buineadh so ach do Dhia amhàin—gidheadh chaidh an sluagh aineolach chuige 'nan ciadan le leanaban an 's le daoine tinn, dall, leòinte, agus crùbach, a chum gu'n leighiseadh se iad! Dh'innis an t-Aba gu'n tugadh e 'bheannachadh do gach neach a dh'iarradh e. Rinn e so, agus phill na ciadan dhachaidh a làn chreidsinn gu'n deach an leigheas. Chunnaic sinn fear a chuibhleadh air bara-roth do'n mhargadh; agus 'nuair fhuair e beannachadh an Aba, ar leis gu'n robh e cho làidir 'sa bha e riamh. Thòisich e rì ruith dhachaidh; ach, mo thruaighe! cha b'fhada 'chaidh e 'nuair b'fheudar am bara-roth fhaotuinn a rìs gu 'chuibhleadh dhachaidh.—Phill an t-abstol do dh'Èirinn air oidhche Dhiciadain.

* 'Se so a' cheart ainm a th'air buidseach Endoir anns an Eabhra.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

P. CAMPBELL & CO., BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.

Agent for Killin—D. Campbell, Kiltyle.

Edward Khull, Printer to the University, Dunlop Street.



AN LA A CHI 'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

Mios-MEADHOIN A' GHEAMHRAIDH.

AN 34 AIREAMH.] DECEMBER 1, 1842. [Pris 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Sermon for the Young, page 255.—A Dream, 262.—Life and Exploits of Rob Roy M'Gregor, Part II., 267.—The Indian Chief (a True Story), 272.—St Catherine's Church, near Edinburgh, 274.—China, 276.—Nankin, 276.—Indian War, 277.—Public News, 278.—Peace with China, &c., 279.—Capture of Ghuznee and Cabool—Relief of the Prisoners, &c., 281.

GÀIRDEACHAS AM MEASG AINGLE NÈAMH AIRSON AITHREACHAIS PHEACACH.

SEARMOIN AIRSON ÒIGRIDH NA GÀIDHEALTACHD.

“A.ta gàirdeachas an làthair aingle Dhé airson aoin pheacaich a nì aithreachas.”
—Lucas xv. 10.

Mo chàirdean òga, am fac' a h-aon agaibhse aingeal riamh? Cha'n fhaca; nì mò 'chunnaic mise. 'Bheil iomradh againn air neach sam bith a chunnaic aingeal? Tha air iomad aon. Chunnaic Abraham, chunnaic Lot, chunnaic Dàibhidh, agus Peadar, agus Eòin, agus iomad aon eile mu 'bheil sinn a leughadh am focal Dhé.

Ach 'ged nach fac' a h-aon agaibh aingeal, gidheadh tha fios agaibh ciod e aingeal. Tha na h-aingle nan spiorada math agus naomh', aig a' bheil àrd ghràdh air Dia, agus air càch a chéile, agus mòr ghràdh oirne. Tha iad a chòmhnuidh ann an nèamh; oir 'sann air na h-aingle naomha 'tha sinn a' labhairt, iadsan a tha 'cuairteachadh cathrach Dhé. Agus ciod a tha iad a' deanamh 'san àite shona? 'Bheil iad diomhanach? 'S iad nach 'eil. Cha'n 'eil

iad dìomhanach car tiota. Tha Dia a' deanamh feum dhiubh air feadh na cruitheachd uile. 'Nuair a chruthaich Dia an saoghal, b'iad so reultan na maidne a chuartaich e, a mhothuich an obair a' dol air a h-aghaidh; agus 'nuair a bha'n crùthachadh crìochnuichte, sheinn iad le gairdeachas, agus thog iad iolach shòlasach. 'Nuair a thainig an Tighearna Dia 'nuas air sliabh Shinai, thainig cuideachd ghlòr mhor dhiubh maille ris.

Tha carbaid Dhé nam fichead mìl'

Mìlte do, dh'angle treun;

'Na theampull naomh tha Dia 'nam measg,

Ionann 's 'na Shinai féin.

'Nuair a thainig Dia 'san fheòil a dh'ionnsuidh an t-saoghail, thainig aingeal a thoirt an sgeòil aig gu'n robh e ri teachd. Dh'innis aingeal do na buachaillean a bha 'deanamh fair'oidheche air an treud air màgh Bhethlehem, co e an naoidhean a bh'air a bhreith; agus thog buidhean mhor dhiubh an t-òran bu bhinne a chualas no 'chluinnear gu sìorruidh air thalamh. Tha fios agaibh ciod bu bhrìgh do'n dàn—

Gach glòir do Dhia 'sna nèamhaibh shuas!

Sith bhuan air thalamh 'tà;

Nochd Dia 'dheagh thoil do'n chinne daoin',

'S cha tràigh am feasd a' ghràdh.

Agus 'nuair a thig crìoch air a' chrìnnne-cé, agus a theirneas Crìosda thoirt breith air a' bheò a's air na meirbh, thig e ann an glòir an Athar, agus na h-angle uile maille ris. Shuas ann an nèamh, tha iad a dh'oidheche 's a latha a' cuartachadh cathrach Dhé agus an Uain, 's a togail a' chaithream àird—

Cloinn armait nèamh, le'n luaghair aig,

Timchioll na cathrach-rìgh;

Mìle de mhiltean 's àireamh dhoibh,

Ach 's aon a' mhàin an crìdh'.

Tha na h-angle naomha nan teachdairean aig Dia, a' dol a mach air feadh na cruitheachd uile 'deanamh a thoile, agus a' frithealadh do dh'oighribh a ghealltanais. Nach 'eil fios agaibh, mo chàirdean òga, ciod a thubhairt Pòl? "Nach spiorada frith-ealaidh iad uile, air an cur a mach chum frithealaidh dhoibhsan a bhios nan oighreachaibh air slàinte?" Agus nach ann mar sin a chunnacas iad le Iacob a' dìreadh 's a tèarnadh air an fhàradh a chunnaic e eadar nèamh agus talamh? 'Nuair a bhàsaicheas duine math, tha iad a' cuairteachadh a leapach, a chum 'anma' ghiùlan air falbh leo do dhùthaich nam flath. Ged nach léir dhuinn iad, 's léir dhoibhsan sinne, agus tha iad a' toirt fainear co dhiubh a tha no nach 'eil sinn a' deanamh maith. 'Nuair a tha iad 'nan àiteachan àrda féin air nèamh, tha iad a' togail ciùil is millse mìl' agus mìle uair na aon cheòl a chuala sinne riamh.

Tha mòran, mòran, de dh'angle air nèamh—miltean de mhiltean

is àireamh dhoibh; agus tha iad uile sona, agus sin do bhrìgh nach 'eil togradh anna gu peacadh—gu bheil an annanna làn de ghràdh Dhé. Tha iad sona; oir cha d'rinn iad ole no cron riamh. Cha do labhair iad droch fhocal riamh. Cha d'innis a h-aon diubh breug riamh. Cha d'fhuiling iad pian, no cùram, no dòruinn, no mulad riamh. Agus, nì is iongantach, tha mòran gràidh aca oirne. Leughaibh na briathran sòlasach, iongantach, a labhair Crìosd ann an stéidh mo theagaisg—mar biodh iad againn ann an focal Dhé, cha b'urrainn duinn an creidsinn. “A ta mi ag ràdh ribh, a ta gàirdeachas an làthair aingle Dhé airson aoin pheacaich a nì aithreachas.” Labhair Crìosd na briathran so; agus theid nèamh agus talamh seachad, ach gach focal a labhair esan seasaidh iad.

A nis, mò chàirdean òga, innsidh mi dhuibh dà aobhar a tha 'soille-eireachadh dhuinn c'arson a tha gàirdeachas an measg aingle Dhé airson aithreachas aoin pheacaich. B'urrainn dhomh iomad aobhar a thoirt dhuibh c'arson a tha so mar so, ach fònuidh an dithis a leanas. Anns a' cheud àite, tha gàirdeachas orra 'nuair a nì peacaich aithreachas, do bhrìgh gu bheil fios aca ciod e nèamh agus ifrinn.—Ma dh'fhèdraichear de dh'aon leanabh a tha 'ga m' èisdeachd mu thimchioll na dachaidh anns a' bheil e chòmhnuidh, innsidh e dhomh air ball gach nì mu 'déidhinn—c'àit' a' bheil e 'cadal, c'àit' a' bheil e 'g ithe, a' luidhe, 'faotuin blàis a's fasgaidh o'n fhuachd—ciamar tha 'athair agus a mhàthair a' gabhail cùram dheth—an caoimhneas tha iad a' nochdadh dha, 's an sòlas tha e a' seilbheachadh aig an tigh. Dh'innseadh e dhomh mu gach nì taitneach a bhuineas do thigh 'athar, a chionn gu'n robh e chòmhnuidh ann, agus gu bheil e eòlach air. 'Sann, mata, dìreach mar sin a tha na h-ainglibh. Bha iad do ghnàth, o na chruthaich e iad, a' tàmh ann an nèamh. 'S aithne dhoibh gu fìrinneach cia taitneach, sòlasach, an t-ionad e; agus 'nuair a tha fios aca gu'n d'rinn neach aithreachas, 's gu'n do phill e ri Dia, tha iad cinnteach gu'n tàirnear e gu nèamh, far an bi e sona an làthair Dhé. Chual' iad o Noah mu'n t-saoghal aingidh agus pheacach o shean, air an d'thainig an tuil a nuas a bhàth iad uile, agus mar a bha esan agus a theaghlach air an tèarnadh 'san àir. Tha iad eòlach air Abraham, agus Ioseph, agus Dàibhidh, agus Pòl, agus a h-uile neach a ta sona, subhiach ann an nèamh. Tha fios aca gu bheil iad uile sona 'san àite bheannuichte sin, agus uime sin tha gàirdeachas orra 'nuair a nì peacach aithreachas, agus a philleas e dh'ionnsuidh na slighe 'tha 'treòrachadh gu nèamh.

Nam faiceadh sibhse balachan bochd, uireasbliach, leth-rùisgte—air a mheileachadh leis an fhuachd—gun dachaidh air bith aige—gun teine, gun ghealbhan, aig an suidh e—gun bhiadh gu leòir a dh'itheas e—gun leabaidh air an gabh e tàmh—gun charaid gu furtachd dha, no cùram a ghabhail deth;—nach biodh sibh toilichte nam biodh duine caomh cueasda ann a ghabhadh truas air a' bhalachan bochd, a bheireadh dachaidh dha, a dh'fhuasgladh air 'uir-easbhuidh uile, a bhiodh dha mar athair, agus a thaisbeanadh dha

anabarr bàigli? Tha mi làn dearbhta gum biodh sòlas oirbh. Cha'n 'eil balachan math tha 'leughadh so nach deanadh gàirdeachas; agus dìreach mar so tha gairdeachas air aingle Dhé 'nuair a ni peacach aithreachas, oir tha fios aca gu'n toir Dia iad leis do nèamh.

Mo chàirdean òga, innsibh so dhomh. Ciod a ghabhadh sibh, agus leigeil le neach air bith òrd a ghabhail, agus buille throm a bhualadh air 'ur n-òrdaig—a bristeadh 's a pronadh fo'n bhuile? An gabhadh sibh sgillinn Shasunnach? Cha ghabhadh. An gabhadh sibh bonn òir? Cha ghabhadh. Ach ciod a ghabhadh sibh, agus leigeil le neach 'ur làmh dheas a ghearradh o'n ghualainn? Cha ghabhadh ceud bonn òir. Ciod a ghabhadh sibh mar ionlaid airson 'ur tuigse, 'ur meothrach, 'ur reusain, agus a bhi air a bhreithas agus air a' chaothach fad 's bu bheò sibh. An gabhadh sibh an saoghal nìle, 's na bheil ann? Is cinnteach mi nach gabhadh. Ciod a ghabhadh sibh, agus leigeil le neach 'ur dà shùil a losgadh, 's an cuir a mach, air chor 's nach dilinn a thigeadh an t-àm anns am faiceadh sibh leus soluis tuille, aodann caraid, no athar; no màthar, peathar no bràthar, no gnùis àghmhòr na gréine glòrnhoir ud shuas? Cha ghabhadh sibh an saoghail uile, 's na bheil ann. Ach, mo chàirdean òga, tha'n duine sin a chailleas 'anam féin, agus a theid do dh'ifrinn, do bhrìgh 's nach dean e aithreachas, agus nach pill e ri Dia, gu mòr na's miosa dheth na ged a chailleadh e a chàirdean 's a shùilean—na's miosa gu mòr na ged a chailleadh e a thnigse 's a thùr; seadh, gu mòr na's miosa dheth na ged a bhiodh e air a thilgadh sa' ghrìosach is teodha air thalamh, 's a bhi air a chumail a' losgadh an sin a latha 's a dh'oidheche, fad mìle a's deich mìle bliadhna; oir tha e a' call 'anama, 's cha'n 'eil caraid aige air nèamh no ann an àit eile; agus a' chuid is miosa, cha bhi caraid aige gu dilinn! Tha e air a' chuartachadh le nàir' agus tàir shiorruidh. Tha fios, matà, aig na h-aingle naomh air a' so, agus nime sin tha gairdeachas orra 'nuair a ni peacach aithreachas, 's a sheachnas e piantan ifrinn. So, matà, a' chend aobhar; feuch gu'n cuimhnich sibh e.

An dara aobhar, c'arson a tha gairdeachas air aingle Dhé 'nnair a' ni peacach aithreachas, 'se so e—do bhrìgh, gus an dean e aithreachas, gu bheil e na nì neo-chinnteach, agus na chùis-eagail, nach dean e aithreachas gu bràth. Nan tachradh e gu'n robh a h-aon agaibhse gu tinn, na luidhe air a leabaidh, agus co cràiteach tinn 's gu'n robh e neo-chinnteach co dhiùbh a thigeadh e gu dilinn as, bhiodh 'ur pàrantan fo iomagain—làn cùrain mu'r timchioll. Thigeadh iad gu taobh 'ur leapach—thogadh iad 'ur cinn—dh'fheuchadh iad 'ur cuislibh—dh'fheòraicheadh iad dhìbh mu gach nì a bha sibh a' fulang—chuireadh iad fios air meadon-oidheche air lighiche—dheanadh iad cairis leibh, gu lochd cadail a ghabhail fad na h-oidheche. Seadh, bhiodh barrachd cuimhn' aca mu'r timchioll na mu thimchioll a h-uile h-aoin eile de'n teaghlach—'se sin, fad 's a bha sibh an cunnart, a's iad fo eagal mu'r déidhinn. Agus mar sin tha na h-aingle a' mothachadh a thaobh pheacach,

fad 's a tha e neo-chinnteach an dean no nach dean iad aithreachas.

Fad 's a bha Rìgh Dàibhidh an teagamh a thaobh a leinibh, có dhiùbh a thigeadh e uaithe no nach tigeadh, luidh e air an làr, agus rinn e trasg, agus ghuil e. Fad 's a bha e neo-chinnteach, bha e fo iomagain 's fo bhròn.

Nam biodh bràthair beag agaibhse a thuiteadh anns an abhuinn, agus a rachadh as an t-sealladh mu'm b'urrainn duibh a thoirt gu tìr, bhiodh e fuar, co fuar ri corp marbh, gun chomas labhairt no ghnasaid—do réir 'coslais, marbh, gun deò. Tha 'ur n-athair 'ga ghiùlan dachaidh eadar a ghàirdeanan, agus tha iad 'ga chuir fo aodach blàth, 'ga shuaineadh ann an cùraing bhlàth. Tha'n lighich' a' teachd—tha e 'greasad a stigh do'u t-seòmar, maille ri'r n-athar 's 'ur màthair, a dh'fhench an urrainn da fènn a dheanamh, agus am pàisd a thoirt air ais. Tha'n lighich' ag ràdh, “Cha'n fhaod neach sam bith tighinn a stigh do'n t-seòmar so ach an t-athair agus a' mhàthair.” Tha iadsan a' dol a stigh. Tha'n dorus air a dhùnadh, agus an ceann leth-uair an uaireadair cluinnear a' bheatha no am bàs do'n leanabh. O! ciamar 'a sheasadh tusa aig an dorus—ciamar a dh'fhanadh tu gu fòil, socrach, ciallach, sàmhaich, a dh'fhaotninn a' cheud fhios am beò do bhràthair, no'n do chaochail e! Agus an deigh dhuit a bli greis aig an dorus, fo chùram agus iomagain mhòir, feuch tha'n dorus a' fosgladh, agus tha do mhàthair a' teachd a mach, agus tha na deòir a' ruith a sìos air a grnaidhean. “Am beò mo bhràthair?” ars' thusa—“O! na chaochail mo bhràthair gaolach—mo bhràthair 'caomh, dìleas?” “Cha do chaochail, a ghràidh!” ars' do mhàthair; “tha e beò, buidheachas do Dhia, agus thig e uaithe.” O, cia mòr an gàirdeachas a hionadh t'anam!—leumadh tu le sòlas. 'Nis, tha 'leithid sin de ghàirdeachas am measg aingle Dhé 'nuair a ni aon pheacach aithreachas. Bha'm peacach tim, ach gheibh e an soisgeul mar chungaidh-leighis. Tha e beò, agus bithidh e beò gu dìlinn agus gu bràth; agus nime sin tha gàirdeachas ann an nèamh. An ioghnadh leat, matà, mo charaid òg, gu bheil gàirdeachas am measg nan aingeal airson ni co cndthromach?

Gabhadh sibhse, mo chàirdean òga, 'ur Biobull, agus leughaidh an cend caibideil thar an fhichead de leabhar nan Àireamh; agus anns an eachdraidh sin tha agaibh cunntas air an dòigh air an do shlànuicheadh iadsan a bha air an lot leis na naraichean loisgeach. Nam biodh sibh an sin, clùtheadh sibh pàrantan a' giùlan am pàisdean beaga a bha air an lot, agus a bha 'bàsachadh. Bha'm puinnsean 'nan cuislibh—bha fnairead a' bhais a' teachd orra. Tha 'mhàthair a' giùlan a leinibh a dh'ionnsuidh na nathrach prais. Faic mar a tha i fo eagal nach 'eil comas aig a' phàisd a shùil a thogail a chinn amhaire air an nathair phrais, le dìth neirt. Faic mar a tha 'mhàthair a beachdachadh 's a' toirt faineir gach ni a tha 'tachairt—a' feitheamh le foighidinn 's le ìmcheist, a dh'fhench am fosgail am pàisd a shùilean—a dh'fhench an tig an leanabh uaithe. Agus 'nuair a tha i a' tuigsinn gu bheil am pàisd air a shlànachadh

—a' faicinn gu'n d'fhosgail e a shùilean, agus le fiamh-gàire a ris ag amharc 'na h-aodann—cia solasach a ta i! Tha a cridhe lomlan—tha gàirdeachas oirre. Mar sin tha gàirdeachas an làthair nan aingle 'nnair a ni peacach aithreachas.

Cha'n fhaodar a dhi-chuimhneachadh an uair a ni peacach aithreachas, oir tha so a' leigeil ris cia glòrmhor agus cia òirdheire 's a tha'n Slànnighear, a leig a bheatha féin a sìos, a dh'fhulaing bàis air a' chraimn-chensaidh, a chum 's gum biodh peacaich air an tarruing gu aithreachas—gum faigheadh iad maitheanas 'nan nìle dhroch gnìomharan. Tha gàirdeachas air aingle Dhé an uair a tha taisbeanadh folaisaich air a thoirt air glòir Chrìosd. Nì air bith a tha 'toirt glòire dh'asan, tha sin na chulaidh ghàirdeachais dhoibhsan. 'Nis éisdibh ris na trì nìthibh a th'agam ri ràdh ann an comh-dhùnadh.

'Sa' cheud aite. Nach ainneamh da rìreadh iadsan am measg cloinne nan daoine a tha cosmhail ri aingle Dhé—'se sin, cosmhail ri 'nan aignidhean 's 'nan cridheachan. Tha sibh ag éisdeachd daoine labhairt a h-uile latha, ach cia uime? Tha mu thimchioll na h-aimsireach, no mu mhargaidhean, mu chèird, 's mu mhalairt, agus mu spréidh. Ach có iad a tha ri seanachas, no fo chùram, mu thimchioll aithreachais peacaich?

Nan deanadh a h-aon 'nar measg aithreachas air a' cheart àm so an diugh, air a' cheart uair so, bhiodh da rìreadh gàirdeachas ormsa, agus, tha dòchas agam, air cuid eile a chluinneadh e; ach bu shuarach ri innseadh e am measg sluagh a' bhaile-mhòir, no na dùthcha. Cha'n ann mar sin a bhiodh e am beachd nan aingeal—dheanadh iad nìle gàirdeachas 'ga éisdeachd, agus bhiodh fios ac' uile mu 'dhéidhinn.

Nam faigheadh aon bhalachan a tha 'ga m' éisdeachd bonn òir co mòr ri 'dhòrn 'san dol dachaidh, cia mòr a' chulaidh iongantais! Chluinneadh am baile uil' e, agus bhiodh iad a' seanachas mu 'thimchioll, agus ag ràdh gum bu shona da rìreadh am balachan a dh'amaid air a leithid. Ach bu shuarach a' chùis ann am beachd nan aingeal, ged a thuiteadh dhuibh nìread 's a b'urrainn duibh a ghluan fhaotuin—seadh, làn an tighe de dh'òr. Agus c'arson? Do bhrìgh nach deanadh sin bonn stà, no 'bheag no mhòr de mhatd d'ar n-anmanna. Tha iadsan a' smuaineachadh air, agus a' toirt faineas cor ar n-anmanna; ach tha muinntir an t-saoghail a' toirt faineas ar cothruim saoghalta. 'Se aobhar na cèisde so uile, gur peacaich daoine; agus tha spéis aig a' chuid is mò dhiubh air gach uil' a raoghainn air aithreachas. O so chì sibh, matà, cia eòlach ri aingle Dhó a' chuid is mò de mhuinntir an t-saoghail so.

'San dara aite. Tha sinn a' foghlum, o na chaidh a labhairt, nach 'eil e comasach dhuinn dol do nèamh as eugmhais aithreachais. Nam biodh e comasach do neach air bith dol do nèamh as eugmhais aithreachais, an sin cha ruigeadh duin' air bith a leas aithreachas a dheanamh; cha d'rinn e nì 'bha riotanach, no uile-iomchuidh, oir gheibheadh e do nèamh as eugmhais. Ach 'se'n fhaoinéis so a smuaineachadh. 'Nis, smuainichibh air a so. Nan abrainn-se

ribhse an diugh, nam b'àill leibh Dia 'ga'r còmhachadh an so air an t-Sàbaid a thia 'lathair, agus nam b'àill leibh a bheannachd fhaotuinn, gum b'éigin do gach aon agaibh cadal fad oidhche 'mach air a' bhlàr, gun fhasgadh, gun chòmhachadh—fliuch, fuar, mar a thachradh do'n oidhche a bhi—slàn no easlan mar a thachradh dhuibh a bhi. 'Nis, nan deanadh sibh so air m' iarrtas, agus ged a dheanainn-sa gairdeachas, mar biodh so iomchuidh no feumail—mar coisneadh so dhuibh beannachd no deadh-ghean an Tighearna—bu chùis pheacach, chruaidh-chridheach, amaideach, dhòmhsa sin iarraidh oirbh. Nis, a' bheil dùil agaibh gu'n deanadh na h-aingle gairdeachas 'nar n-aithreachas, mar biodh e uil'-fheumail, uil'-iomchuidh, agus uile-riotanach gu'n deanadh sibh aithreachas, no nam biodh dòigh eil' ann tre 'in biodh e comasach dhuibh nàmh a ruigheachd?

An uair a tha sibh bochd, tinn, easlan, tha fios agaibh gu bheil gairdeachas air 'ur pàrantan 'nuair a chì iad sibh a' gabhail na cungaidh-leighis a tha'n ligliche 'toirt dhuibh, ged a thia e searbh agus duilich a shlugadh, do bhrìgh gu bheil fios aca nach 'eil dòigh eil' ann anns an urrainn dhuibh a' chuid is fearr fhaotuinn de'n an-shocair o 'bheil sibh a' luidhe. Ach nam biodh e comasach dhuibh 'ur slàinte fhaotuinn air a h-ais as eugmhais nan nithe mì-bhlasda sin, cha bhiodh gairdeachas sam bith air 'ur pàrantan ann a bhi 'mothachadh dhuibh 'ga ghabhail. 'Nis, tha aithreachas co searbh, neo-bhlasda ri aon chungaidh-leighis is urrainn tighinn a làmh ligliche sam bith; agus nam b'urraim duinn nàmh a ruigheachd as 'euginhais, cha bhiodh gairdeachas air aingle Dhé ann a bhi 'toirt fainear gu bheil sinn ri aithreachas.

Smuainichibh nan tachradh do dh'aon fhear 'nar measg a ghàirdean a bhristeadh a' dol dachaidh air feasgar an latha so, agus gur éigin a ghearradh o'n ghualainn, no leigeil leis bàsachadh; agus nan tuiteadh dhòmhsa dol 'ga amharc am màireach, agus gum faighinn an ligliche maille ris, le 'chuid iarainn agus aefhuinn, a chum na làimhe a ghearradh air falbh, dheanainn gairdeachas an làmh chioramach 'fhaicinn air a grad ghearradh dheth. Agus c'arson? Tha, mo chàirdean òga, cha'n ann gu bheil tlachd sam bith agam ann a bhi 'mothachadh dhuibhse 'fulang péin agus dòruinn, no ann am faicinn 'ur làmh' air a gearradh o'n ghàirdean—ach do bhrìgh gur éigin a gearradh, no leigeil dhuibh bàsachadh, tha gairdeachas orm ann a bhi 'toirt fainear gu bheil ligliche tuigseach eòlach agaibh a chum so a dheanamh. Mar so tha sibh a' tuigsinn cia mòr a ta gairdeachas aingle Dhé 'nuair a nì peacach aithreachas—'sann a chionn nach urrainn do neach—nach 'eil e comasach do neach, dol do nàmh as eugmhais aithreachais a dheanamh.

'San treas àite. Deirim ribh gum bi sibh uile anbharrach peacach agus gòrach mar dean sibh aithreachas. Agus c'arson? Tha a chionn gu bheil sibh uile na'r peacairean mòra, agus a chionn gu'n d'innis mi dhuibh briathran Chrìosd, ciamar a bhiodh gairdeachas air aingle Dhé nan deanadh sibh aithreachas; agus dh'innis mi

e'arson a dheanadh iad gàirdeachas. Cha'n 'eil neach air bith tuille a's òg gu peacachadh, agus nìme sin cha'n urrainn da 'bhi tuille a's òg gu 'bhi na aithreachan, agus gu h-àraidh do bhrìgh nach 'eil e comasach do neach agaibh dol do nèamh mar dean sibh aithreachas. Faodaidh sibh cinneachadh ann am meudachd—fàs mòr, agus làidir, agus trenn, agus saibhir, agus ainneil, ma 'chaomhnas Dia sibh; ach as engmhais aithreachais, cha'n urrainn dhuibh nèamh a ruigheadh. Cha'n 'eil e comasach dhuibh aon ehnna a ghabhail 'san t-slighe a tha 'treòrachadh do nèamh, as engmhais eridhe nuaidh; agus 'se spiorad Dhé a bhàin is urrainn so a thoirt dhuibh. Iarraibh e; gnidhibh air Dia, air sgàth Chrìosd, e 'ga bhuileachadh oirbh. Cuiribh a suas ùrnnigh Rìgh Dhàibhidh, anns an deicheamh Salm thar an dà fhichead, agus an deicheamh rann—

'Dhia, cruthaich annam eridhe glan;

Ath-nuadhaich spiorad ceart.

Na tilg ó'd shealladh mi; 's na buin

Do spiorad naomba 'leat.

Agus a nis, mo chàirdean gràdhach òga, air dhuibh a 'bhi 'cois-eachd dhachaidh, no falbh an rathaid-mhòir, no 'mach a' buachaill-eachd air an fhaiche—'nnair a luidheas sibh a sìos 'san oidhehe, gun fhios an éirich sibh as 'ur eadal a ris na'r muinntir bheò—gun fhios am faic sibh Sàbaid eile tuille 'san t-saoghal so, 'nnair a chì sibh a' ghrian a' dol fodha an nochd, gun fhios am faic sibh tuille a h-aogas àghmhor—mar a dhùineas sibh 'ur sùilean an nochd, gun fhios am fosgail sibh iad tuille 'san t-saoghal so,—cuimhnichibh na labhair mi ribh, agus rachaibh a dh'ionnsuidh Dhé, agus deanaibh aithreachas. O! ma ni sibh so, bithidh sòlas agus gàirdeachas am measg aingle Dhé ann an nèamh. Amen.

AISLING FHÌRINNEACH AGUS EAGALACH.

Faodar làn earbsa 'chàramh 'san aisling a leanas. Thachair i ann an teaghlach measail. Cha'n 'eil focal air a chur rithe, no air a chumail air ais, ach air a h-innseadh dìreach mar a thachair i; agus ged nach 'eil sinn air an sam bith a' cnj' earbs' ann am brúadar, gidheadh faodar fèum math a dheanamh de chuid diubh.

Bha triùir pheathraichean òga—mnathan nasal, eireachdail, measail—a' còmhnuidh maille ri chéile ann am baile-mòr Lunnainn. Bha dithis dhiubh anbharrach diadhaidh, stòlda, snidhichte, agus socrach 'nan inntinnibh; ach an treas té, bha i cuideil, entrom, agus ann an tomhas àraid dìorasach, agus doilich a comhairleachadh. Bha i suarach mu 'peathraichean—bha iad tuille 's diadhaidh, cràbhach, 'na barail-sa; ach rinn iadsan an dìchioll a chum ise 'thoil-eachadh, agus a gràdh a chosnadh. Air oidhech' àraidh sa' bhliadhna 1814, bha ise 'mach aig dannsa mòr a bha sa' bhlaile; agus air an latha-màireach, mhothuich a peathraichean gu'n robh i stòlda, stéidheil, ciallach, trom-inntinneach, ann an tomhas os-cionn.

na b'abhaist dh'i. Smuainich iad gu'n robh ni-eigin a' cur oirre —nach robh i 'na slàinte—gu'n do thachair ni-eigin oirre a dhùisg imcheist agns cùram innte. Bha i tosdach, trom-inntinneach, gun fhocal as a ceann. Bha i muldach. Chluinnt' a h-osnadh throm, thùirseach; ach cha do labhair i diog: agns gu tric bha'n t-sùil làn, 's an deur a' ruith gu frasach a sìos air a gruaidhibh. Dh'fheòraich a peathraichean d'i, le bàigh agns le anabarr caoinhneis, ciod a bha 'enir oirre; ach cha'n aidicheadh i gu'n robh a' bheag. Chuir i seachad a' chuid bu mhò de'n latha 'na seòmar féin. Cha d'ith 's cha d'òl i a' bheag no 'mhòr; agns, air coinneachadh 'san annoch, bha i cho trom, tùirseach, 's a bha i sa' mhaduinn.

Dhealaich i riu an àm gabhail gu tàmh; agns anns a' mhaduinn bha a sùilean air at, mar nach biodh i air lochd cadail fhaotuin. Dh'fheòraich a peathraichean a rìs dh'i ciod a bha 'enir oirre, ach cha'n aidicheadh i a' bheag no 'mhòr. “Coma leibh,” ars' ise, “ciod a tha 'cuir ormsa; sin nì nach cluinn sibhse no neach eile. Tha e taisgte 'nam uclhd féin, agns cha chluinn neach eil' e.” Chaidh latha agns latha seachad, agns bha ise 'fàs na bu bhrònaiche 's na bu mhladaiche; agns bha anabarr iomagain air a peathraichean mu 'déidhinn. Mu dheireadh labhair aon d'a peathraichean rithe, “Nach innis thu dh'oinn ciod so 'tha 'cuir ort?” “Cha'n innis,” ars' ise; “dheanadh tu fochaid orm. Cha robh ann ach aisling—brùadar faoin; ach cha'n urrainn domh a thilgeadh as m' inntinn. Ach conia có dhiùbh; feuchaidh mi a dhì-chuimhneachadh. Cha'n 'eil thusa no mo phiuthar eile 'creidsinn ann am brùadaraibh.” “Cha'n 'eil,” ars' a phuthar; “ach cha'n fhaodar àicheadh nach do thoilich Dia labhairt ri enid ann am brùadaraibh. Cha chòir tàir a' dheanamh air brùadar, no air an dòigh a tha Dia a' gabhail a chum inntinn an duine 'tharuing a dh'ionnsuidh an nì a tha ceart. Cha'n fhaodar àicheadh nach do dheònaich Dia labhairt ri daoine ann ann aisling na h-oidhche, 'nuair a thuit trom shuain orra. So nì a rinn e aon nair: có 'dh'fhaodas a ràdh nach faod e 'dheanamh a rìs? Innis thusa dhuinne 'm brùadar a bh'agad. Ma's ann o nìamh a thainig e, cha chòir a dhì-chuimhneachadh, no tàir a' dheanamh air.” Mu dheireadh dh'innis i dhoibh e. “Ciod am màth,” ars' ise, “'bhi 'ga chleith; ach guidheam oirbh, na deanaibh fochaid 'orm. Cha b'aisling 'chumant' a bh'ann. Cha'n fhaca mise riamh a leithid. Cha'n 'eil comas agam a h-innseadh ann am briathraibh freagarrach. Cha'n fhaca sibhs' a leithid, agns cha tuig sibh i; ach feuchaidh mi a h-innseadh mar is fearr is urrainn dhomh.

“Ar leam,” ars' ise, “gu'n robh mi ag imeachd ann am meadhoin baile-mhòir anns an robh dòimhladas sluaigh. Bha mòran a bharrachd ormsa ag imeachd 's a' gluasad air feadh nan sràidean; ach cha robh iad cosmhuil ri aon sluagh a chunnaic mise riamh. Bha iad tosdach, stòlda, suidhichte, ciàllach; ach 'san àm chendna bha iad aighearach, sunndach, ait—'se sin, bha iad do réir coltais làn riarichte, làn thoilichte, làn sìth; agns ar leam nach do shochdraich mo shùil riamh air feadhainn a bha uile gu léir, a réir coltais, cho

diadhaidh, chràblach, spioradail—air an togail co mòr os-cionn an t-saoghail so. Bha solus a' bhaile-mhòir uile gu léir en-coltach ri aon solus a' chunnaic mi riamh. Cha bu ghrian a' bh'ann—cha b'ann de'n t-seòrsa sin idir an solus glòrmhor, àigh; agus idir cha b'e solus fann na gealaich a' bh'ann—bha e cho dealrach, soilleir, glan. Bu sholus a' bh'ann uille—solus àghmhor, àillidh, gun atharrachadh, gun laigse. Mar a bheachdaich mi air na tighean, bha iad uile mar phàluinnean rioghail, ach eu-coltach ri pàluinnean rioghail an t-saoghail so. Bha'n cabhsair air an do choisich mi, agus na tighean air an do bheachdaich mi, mar an t-òr—dealrach, soilleir, glan, mar ghloinne. Bha na h-uineagan a' dealradh mar bhògha braoin nan spéur, an solus a' falbh 's a' tighinn mar ghathaibh; agus 'se'n solus a' bh'ann solus an aoibhneis. B'ait' e gu dearbh a' bha na àite fìor fhreagarrach do ghràdh agus do naomhachd neo-thruaillidh. Bha uamhas naomha air lìonadh m'anama. Cha b'urrainn domh gun ghlaodhach a mach, “Cha'n fhaod e 'blith nach e so àite-còmhnuidh fìrinnteachd agus naomhachd.” Cha robh ann gu léir ach àilleachd—soilleir, àillidh, fìorghlan. Cha'n 'eil fios agam ciod a thachair dhomh. Thug mi cia glòrmhor an t-àite bh'ann; ach bha seòrsa de sgàth de dh'fhiamh, air in' anam—bha uamhas orm. “Cha'n 'eil mise,” ars' mi féin, “deas airson an àit' àird so.” Bha a' h-uile h-aon càirdeil, caomh, caoimhneil; ach bha ni-eigin a' dhì air mo thaobhsa—cha robh mise mar a' bha iadsan. Bha iad uile sona, ach cha robh mise sona—bha sachd trom air in' inntinn nach b'urrainn domh a thilgeadh dhìom. Bha iadsan sona, snbhach, ait; bha mise trom, muldach, brònach, 's gun fhios c'arson. Thug mi fainear gu'n robh iad uile 'gluasad an t-aon-rathad. Lean mi iad, gun fhios agam ciod a' bha na m' bheachd. Ach nu dheireadh chunnaic mi iad a' gabhail a' dh'ionnsuidh a' trìbh mhòir àillidh, na bu dreachmhoire 's na b'eir-eachdala na aon àit' eile 'bha ri 'fhaicinn. Chunnaic mi iad a' dìreadh a suas staidhreach mhòir eireachdail, agus a' gabhail a stigh air dors an a' trìbh. Cha robh déidh air bith orm a dhol maille riu, ach lean mi iad gu bonn na staidhreach. Chaill mi an sin sealladh orra, mar a' chaidh iad a' stigh do'n a' trìbh àrd. Chunnaic mi feadhainn eile 'gabhail a stigh air an robh éideadh gach rìoghachd agus gach dùthcha. Cha bu mharmor, cha b'òr, cha b'airgiod, 's cha bu chlachan prìseil, de'n robh an t-a' trìbh air a dheanamh; ach solus—sblus glan, mar gum biodh e còmasach a laimhseachadh. B'e solus na gealaich a' bh'ann, gun 'fhuairead; b'e solus na gréine bh'ann, gun a' dhealachaid. B'ann de'n t-solus bu ghloirmhoire an staidhir; agus bheachdaich mi air ceumanaibh eutroin ait na feadh-nach a' bha 'ga dìreadh, lòn trusgairn ghlana gheala. O! bu ghreadh-nach, glòrmhor, an sealladh; ach chrìochnaich mi le eagal, gun fhios c'arson. Thug mi fainear aon neach aig bonn na staidhreach, ag amharc orm le mòr bhàigh agus le mòr chaòimhneas. Cha'n fhaca mi uiread chàirdeis riamh ann an gnùis. Cha bu ghràdh saoghalta 'bh'ann. Dh'fheòraich e 'dhìom, le guth co mìlis ri fuaim nan teud grinne, “C'arson nach 'eil thu a' gabhail a stigh

maille ri càch? C'arson a tha thu 'tionndadh air falbh? B'àill leat sìth fhaotuinn: c'ait' am beil sìth ri 'faotninn? Am beil sòlas ri fhaotuinn ann an aithribh an uile, no ann an sligheibh an dorchadais?" Cha robh fòcal agam ri ràdh; bha mi a'm' thosd; cha do labhair mi fòcal. Dh'fhalbh esan, ach thainig neach eile 'na àite, cosmhail ris air gach dòigh—an t-aon chàirdeas àrd 'na ghluais, an t-aon ghràdh, an t-aon bhàigh! Bu mliann leam a sheachnadh, ach cha robh so 'na m' chomas. Dh'lùth-bheachdaich e orm, agus mar so labhair e rium:—"An d'thainig thu," ars' esan, "am fad so, agus am pill thu 'nis? An e nach téid thu air t'aghart? An caill thu do shaothair gu buileach? Nach dealaich thu ri d' éideadh féin, ri d' thrusgan féin, 's nach gabh thu an nasgaidh agus gu saor an trusgan a tha nidheamaichte, agus air a thairgse dhuit?" Dh'fhench e m' éigneachadh gu dol a stigh; labhair e rium gu dùrachdach, gràdhach. Mu dheireadh bha corruich orm, agus labhair mi ris gu eas, frionosach. "Cha téid mi na's faide," arsa mise; "cha'n 'eil feum dhuit labhairt." Cha'n 'eil tlachd sam bith agam na d' chuideachd, no ann an suaicheantas na muinnt' reach a tha 'dol a stigh—tha'n àilleachd dhealach a' cur namhais orm." Tharruing e osann throm, agus dh'fhàg e mi. Chaidh buidheann 'us buidheann seachad orm—cuideachd an deigh cuideachd; agus bha gach aon dinbh a' guidhe orm an leantninn, le bàigh mhòir. Thairg iad cuideachadh leam dol a stigh. Thairg iad mo gblacadh air làmh, ach dhiùlt mi iad. Mu dheireadh thainig aon teachdaire òg àillidh, agus labhair e rium le cainnt nèamhaidh. "Thig," ars' esan; "na diùlt mise." Na fàg sinn, na pill, na tionndaidh air falbh, na fàg sinn; na dean maille, na dean dàil na's faide. C'arson a tha thu ann an iomchomhairle? Nach faic thu gur e beatha gach aoin? Am faic thu neach sam bith air a dhiùltadh, no air a bhacail, no air a chumail air ais? Nach faic thu mar a tha iad uile air an ionnlaid a's air an nighe, air an éideadh a's air an sgeudachadh, agus air an lionadh le sòlas? Toir dhomh do làmh," ars' esan. Rinn mi so, agus lean mi e. Air ball bha mi air m' ionnlaid. Chuireadh orm trusgan geal, agus dhìrich mi an staidhir àillidh le ceum eutrom, maille ri m' chompanach. O! b'e sin an sealladh glòrmhor a dheàrs air m' anam 'nuair a ràinig mi shnas; ach cha tugadh briathran beòil do dhuin' a' rugadh le mnaoi riamh an sealladh so a chuir an còill. Cha'n 'eil 'san t-saoghal so uile nà ris am faodar an àilleachd so 'choimeas. Thuit mi air an làr; cha robh e m' chomas an sealladh so 'sheasamh. Thainig crith-namhais orm: Thuit mi gu taobh, agus dh'fhench mi mi féin a chleith o shùil a's o bheachd gach aoin a bha 'làtbair; oir thuig mi nach robh mi comasach no uidheamaichte gu companachd a bhi agam ri bithean co àrd agus co glòrmhor rin. Bha iad mar gum biodh cuideachd a' gluasad fo cheòl cho binn 's nach euala clnas chruidhichte riamh a leithid. Dh'fhàg mo chompanach mi, agus chaidh e 'measg chàich. Chunnaic mi, ma dh'fhaodar a ràdh ris an danns' ait, a' choisridh rioghail, dhealach, glòrmhor, fo ghluasad—a' togail an aoin drain bhinn—an gnùisean àrda làn de thaingealachd

—sòlas ait 'nan sùilibh. Mu dheireadh chunnacas neach a b'airde 's bu ghlòrmhoire na càch mìle. Bha gach sùil air an tionndadh air, agus á solus glan a ghnùise-san tharruing gach gnùis eile an aoibhneas. B'ann mar onoir dhàsan a bha'n ceòl 's an dannsa; agus bha iad uile 'tarruing 's ag òl uathisan an sòlais, am beatha, 's an toileachas-inntinn. Mar a bha mi mar so a' dlùth-bheachdachadh air na bha 'dol air aghaidh, bha neach ann a chunnaic mi, a dh'fhàg a chuideachd eile, agus a thainig a nall far an robh mi a'm' sheasamh. "C'arson," ars' esan, "a tha thu co tosdail, brònach, air leth o chàch? Thig, tog an ceòl maille rinné, agus ghnais 'san dannsa." Cha'n 'eil fios agam ciod am buaireas a thainig orm, ach bha mìothlachd 'us corruich orm; agus fhreagair mi gu grad, "Cha tog mi 'n t-òran, oir cha'n aithne dhomh am fonn;—cha toir mi ceum 'san dannsa, oir cha'n 'eil eòlas agam air." Tharruing e osann throm, agus dh'fhàg e mi. Tiota beag na dhéigh so, thainig fear eile, agus labhair e rium mar an ceudna le bàigh agus le anabarr iochd; ach fhreagair mi esan mar a rinn mi a' chend fhear. Bha duilgheadas mòr air. Ar leam, nam b'urrainn dha, gu'n dealaicheadh e ri aoibhneas fhlaithinnis air mo shon, agus gu'n tugadh e dhomh, 'na ghràdh, an-trusgan soilleir glòrmhor a bha e féin a' giùlan. Thréig e mi, agus sheas mi a'm' aonar. Mu dheireadh mhothaich àrd-cheannard an àigh mi—esan a bha iad a' cliùthachadh le dannsa 's le ceòl. Chnunaic e mi, agus dhlùth-bheachdaich e orm. Thainig uamhas air m' anam—thainig crith air m' fheadil—tuainealach a'm' cheann; agus dh'éirich, ar leam, m'fheadil o m' chnàmhaibh le eagal. Labhair e; ach O! binnead a' ghutha sin, có is urrainn a thuigsinn no 'chnir an céill? "C'arson," ars' esan, "a tha thu 'fuireach air t'ais? Ciod so an grabadh no 'mhaille 'tha 'ga d' bhacail? C'arson a tha thusa duillich, brònach, mnladach, agus gach aon an so aighearach, làn sòlais? Thig do'n dannsa le càch; oir bhùadhaich mise, agus tha gach aon subhach. Tog an ceòl, oir tha mo shluagh-sa 'deanamh gairdeachais ann an gràdh." Bha de bhàigh, de ghràdh, de dh'iochd, de chaoimhneas, ann am briathraibh an aoin àird so, 's a dh'fhaodadh a' chlach bu chrnaidhe 'leaghadh; ach cha d'thainig taiseachadh sam bith air mo chridhe-sa. Dh'amhairc mi air, agus fhreagair mi, "Cha téid mi do'n dannsa, cha tog mi an t-òran, cha dean mise gairdeachas. Cha'n aithne dhomh am fonn, 's cha'n 'eil tlachd agam 'san t-seòrsa ghairdeachais a tha'm pobull so a' deanamh." O an atharrachadh uamhasach a thainig air 'aogas, theicheadh a' chruitheadh uile le oillt. Bha 'ghnùis a nis mar dhealanach; agus, le guth gu mòr na b'airde na deich mìle tàirneanach, labhair e, "Ciod, matà, a tha thu 'deanamh an so? Innich air falbh ort!" Air ball dh'fhosgail an t-ùrlar fo m' chasan, chrìochnaich an talamh uile, agus thuit mise sìos do lasraichibh sìorruidh; agus leis an eagal dhnisg mi!"

Bha oillt air na peathraichean 'nnair a chnal' iad an aisling eagalach. Mu dheireadh labhair an t-aon bu shine, agus thubhairt i,— "A phiuthar ghràdhach, chuala sinn an aisling. Na diùlt an rabhadh a tha Dia a' toirt duit. Is ann o Dhia tha'n sanas sin. Ma

dh'éisdeas tu guth Dhé 'san aisling, faodaidh i 'bhi gu mòr air a beannachadh a chum math t'anama. Ciod am baile-mòr a chunnaic thu ach am baile sin air am beil iomradh againn ann an Taisbean an diadhair Eòin—am baile glòrmhor sin aig nach 'eil feum air gréin no air gealaich? oir tha Dia 'an sin, agus 'se'n t-Uan is solus da. Gach aon a tha'n sin, 's éigin gu'n tilg iad dhiùbh an trusgain féin, —'se sin, am firinnteachd féin,—agus gum bi iad air an éideadh ann an annart geal agus glan, eadhon firinnteachd nan naomh; “agus 'sann uamsa,” arsa Dia, “'tha'm firinnteachd.” Iadsan a thia 'san teampull àrd sin, sin iadsan a thainig tre amhghair, a nigh an trusgain, a rinn iad glan ann am fuil an Uain. Tha iad a' togail an òraia nuaidh, eadhon òran Mhaois agus an Uain. Tha gliocas nèamh a' feitheamh a h-uile latha aig na ceumanaibh, a' glaothaich air gach aon dol a stigh do thigh agus do theampull Dhé. Tha muinntir an Tighearna a ghnàth ag iarraidh orra dol a stigh, agus tha ministirean a's leabhraichean an t-soisgeil a' gairm orra. Tha'm Fear-Saoraidh glòrmhor e féin a' gairm, 's a' guidhe, 's ag aslachadh orr', iad a theachd. A phlinthar ghràdhach,” ars' iadsan, “tha thu eòlach air an t-slighe. Strìochd; leig dhìot t'uaill agus do thoil féin, agus éisd an guth a tha 'ga d'ghairm. Thig maille rinne. Fòghlum òran nan naomh a sheinn air thalamh. Thig, guidheam ort—tuit a sìos an làthair Dhé—iarr maitheanas—gabh, O gabh an rabhadh a fhuair thu!”

Chriothnaich i—thainig grnaim eagalach air a malan. “Cha ruig sibh a leas,” ars' ise, “'bhi 'searmonachadh dhòmhsa; ni mi mar is àill' leam.” Mar so mhair i deich laithean, gu gruamach, brònach, bochd, gun mhothachadh, gun taiseachadh. Ach air maduinn àraid, air do h-aon de 'peathraichean dol a stigh d'a seòmar, fhuair i na corp fuar i 'na leabaidh, gun phlosg, gun deò! Chaochail i gun atharrachadh, gun iompachadh!

Gu'n tugadh Dia dhuinn uile suim a ghabhail de gach sanas agus rabhadh a tha sinn a' faotuinn!

BEATHA AGUS EUCHDAN

ROIB RUAIDH MHIC-GRIOGAIR.

EARRANN II.

Mu'n àm so leudaich iomad de àrd chinn-chinnich nan Gàidheal an staidean, le saltairt air tighearnan beaga aig nach robh còir am fear-ainn sgrìoblhte. Chum iad so fhaotuinn a mach agus a smàladh, chaidh cumhachd a thoirt do Bharon àraid de theaghlach Earra-ghàel. A h-uile fear nach b'urrainn a chòir a nochdadh, ghlac e 'staid, dìreach mar ghàidsear eile. Bha so an deigh do'n dà rioghachd a bhi air am pòsadh, ri lùn Rìgh Seumas an Sèathamh. Maille ri iomadh aon eile, ghlac e staid bheag ann an Gleann-dochart. Chunnaic Rob gum b'eaceart so, agus gum bu chòir casg a chur

air. Thug e òrdugh d'a ghillean dol do Ghleann-ùrucha, agus foill-fholach a dheanamh ann am bealach cumhann dlùth do Chruachan-beann. An ceann ùine gun bhì fada, thainig an ridire agus a dhaoine. Ghlac gillean Raib e. Thug iad leò e gu Tigh-an-Droma, far an robh Rob féin a' feitheamh riu. 'Nuair fhuair Rob làn na làimhe dheth, cha'n e a mhàin gu'n d'innis se e féin dha, ach thug se air 'ainm a chur ri pàipeir a dh'aiseag na staidhe do'n fhear d'am buineadh i. Thug e na dheigh sin e gu abhuinn Fhaolain, a bha ainmeil airson buaidh a h-uisge, agus thug e tumadh gasda dha, an dòchas gu'n deanadh buaidh an uisge 'ouair aiseag, agus nach deanadh e tuilleadh fòirneart air na bochdan.

'Se so a' cheart ridire 'chaidh a ghlacadh staid Mhic-Illeathain Chinn-Gheàrrloch, 'nuair chual' e nach robh còraichean sgrìobht' aige. Chuala Mac-Illeathain gu'n robh e tighlunn, agus rinn e deas air a shon. Chruinnich e 'dhaoine. Chuir e air chùl cnoic iad, agus ghabh e féin na aouar a dh'ionnsuidh a' chladaich, 's a chladheamh air a leis, a thoirt di-bheatha do'n ridire 's d'a dhaoine. 'Nuair thainig e air tìr, dh'altaich Mac-Illeathain a bheatha, 's thug e leis e féin 's a dhaoine dh'ionnsuidh a thighe. Air an rathad, dh'fharaid an ridire dheth an robh barantas aige air a staid. "Thà," arsa Mac-Illeathain, 's e 'séideadh 'fhàideig, a thug air a dhaoine leum suas le'n claidh'ean rùisgte. "Sud agad mo bharantas!" Cha d'fharaid an ridire tuilleadh. Ghabh e cnid na h-oidhche, agus an làr-namhàireach dhealaich e féin agus Fear Chinn-Gheàrrloch nan deagh chàirdean.

Mu'n àm so thainig mac bràthar Raib Ruaidh gu staid Ghleann-goill; ach lha airgiod-iasaid oirre b'éigin, a réir cùmhnant, a phaigh-eadh air ais an taobh a stigh do dheich bliadhna, airneo rachadh a call. 'Nuair bha'n t-àm a' casadh, thug Rob an t-airgiod do mhac a bhràthar an coin'eall, chum an staid a shaoradh; ach leig am fear a thug an ceud choin'eall seachad air, nach b'urrainn e na pàipeirean fhaotuinn, gus an deach an latha mu dheireadh de'n ùine seachad; agus na dheigh so cha ghabhadh e'n t-airgiod, ged chaidh a thairgse dha—bha fhios aige gum b'fhiach an staid a dhà uiread. Na bha 'na bheachd, rinn e. Ghabh e còir air an staid 'na ainm féin, 's thug e bàirlinn do Mhac-Griogair òg gach dà-chasach 'us ceithir-chasach a bh'air an fhonn a thoirt air falbh an ceann ochd latha. Cha do chòrd so gu math ri Rob. Chruinnich e 'ghillean, 's chaidh e air forfhais a' chinn-fheadhna aig an robh a' chridhe 'leithid do ghnìomh a dheanamh. Chual e gu'n robh fear-aobhair ann an Earraghàel. Bu choingeis c'ait an robh e, b'éigin 'fhaotuinn a mach. Thug iad an aghaidh air Earraghàel; agus air an turus, ann an Srath-Fhaolain, cò 'choinnich iad ach fear an aobhair! Rinn Rob greim air; thug e leis e gu tigh-òsda heag a bha dlùth, agus thubhairt e ris, suil mu'n t-sròin, nach fàgadh e sud gus an liubhradh e suas barantas staid Ghlinngoill. Mar is bàthach duine ris an anam, chuir an ceann-fheadhna dithis d'a ghillean, maille ri dithis de ghillean Roib Ruaidh, gu 'chaisteal; agus an ceann dà-latha phill iad leis a' bharantas 'nam pòca. 'Nuair liubhair e'm barantas, dh'iarr e air Rob an t-airgiod-

iasaid a bh'aige air an staid. Thubhairt Rob ris nach faiceadh e sgillinn gu bràth dheth—gu'n robh e beag gu leòir mar ùmhladh airson a shlaoitireachd, agus gum faodadh e 'bhi taingeil faighinn as le craicionn slàn.

Bha mòran de'n fhòirneart so 'dol air aghaidh air feadh na Gàidhealtachd—a' bhéist bu mho'g itheadh na béist bu lugha; ach cha robh àit' an cual' Rob iomradh air ea-ceart, nach robh a chlaidheamh rùisgte 'seasamh còir an dìleachdain agus na bantraich. Chunnaic iomad de mhaithean na tire, cha'n e a mhàin mòrachd, uaisle, agus ceatharnas Roib, ach mar an ceudna am feum a bha air a leithid; agus rinn Loch-nan-Eala, Glean-Falach, Gleann-Dòchart, Gleann-Liobhan, agus tighearnan eile, cùmhnant an uiread so sa' bhliadhna 'thoirt dha airson fòirneart agus foireigneadh a chumail bho dhorus nam bochd agus nan neo-chiontach.

Bha mu'n àm so air staid Pheairt fear Mac-Griogair, aig an robh gabhail fo aonta laghail; ach ghabh am bàillidh, fear Drumach, 'na cheann gum briseadh se i; agus, gun choire, gun aobhar, dh'òrduich e fear-a'-bhaile mu chùl a ghnòthuich. Cha luaithe chuala Rob mar thachair, na chaidh e gu Caisteal Drumain a dh'iarraidh ceartais. 'Nuair rainig e'n caisteal, b'e 'cheud fhear a choinnich e am bàillidh. Gun ghuth a ràdh ris, thug e peilleart duineal dha, a chuir a fadhran os a chionn. Dh'fhàg e na shìneadh an sud e, agus air aghaidh ghabh e, le ceum farsuing aigeanta, gu dorus a' chaisteil. Chunnaic an t-Iarl' e bho'n uineig, agus mar ghnàthaich e 'm bàillidh; dh'aithnich e Rob. Bha amhladh an Fhaolaich 'na choltas, fuaradh froise, 's fadadh-cruaidh. Smaoinich e gum b'e bhi sìobhalt' a b'fheàrr. Thainig e, 's chuir e fàilt chridheil air. Thubhairt Rob ris, 's a chlaidheamh air chùl-dùirn aige, nach b'e 'aoidheachd no 'mhìodal a bha dhìth air, ach 'aonta aiseag d'a fhear-cinnich; airneo mar aiseag, gu'n leigeadh e 'ghillean mar sgaoil air a staid. Chunnaic an t-Iarla nach b'urrainn e ni b'fheàrr a dheanamh. Thug e air a h-ais an aonta, agus ghabh e féin agus Rob làn a' ghogain le chéile mu'n do dhealach iad.

Bha'n Grahamach, bàillidh Mhontrose, (air an d'rinn sinn iomradh cheana;) anns na h-odhaichean do'n tighearna; agus cha d'fhàg e clach gun tionudadh—còir no ea-coir, bu choingeis—an àm togail a' mhàil. Tuathanach air bith a bha an deigh làimhe, cha robh trècair air a shon. Bha eadhon an dìleachdan 's a' bhantrach air an slugadh suas mar ghreim milis! air chor 's gu'n robh e air a mheas leis an dùthaich mar mheur de'n phlàigh. Mu'n àm so, thainig e gu cluasan Roib gu'n do rist e gach ni a bhuineadh do bhantraich bhochd a bha trì cheud marg an deigh làimhe de'n mhàl. Chaidh Rob far an robh i, agus thug e dh'i na trì cheud marg. Thubhairt e rithe 'màl a phàigheadh, agus gun dearmad a dheanamh air aideachadh shaotuinn air pàipeir. 'Nuair thainig na maoir a sguabadh leo gagh speir a bhuineadh do'n bhantraich bhochd, phàigh i dhoibh gach sgillinn sìos gu pongail, agus thug iad dh'i bann-aideachaidh. Air an rathad a' dol dachaidh, choinnich Rob iad; thug e uatha gach bonn-a-sèa de'n airgiod; ghabh e 'orra sìochd-sachd; agus 'nuair chunnaic e gu'n

robh gu leòir aca, leig e as iad, le breab 'san tullachain, agus le comhairle gun a leithid a dheanamh gu bràth, airneo, airneo!

Bha tuathanach bochd eile air a' cheart staid, a bha trì bliadhna an deigh làimhe. Phàigh Rob na h-uile bonn-a-h-ochd dheth; agus 'nuair dh'fhàs na sinntean fàbharach, 's a fhuair an tuathanach a sgòd leis, 's a thairg e'n t-airgiod air ais, cha ghabhadh Rob e;—ars' esan, "Fhuair mise bho'n bhàillidh o chionn fad e."

Cha'n 'eil a' mhiann ormsa, 'Chuirtear, so a mholadh, no 'dhi-moladh. Cha'n 'eil mi ach a' toirt do m' luchd-dùthcha beatha Roib Ruaidh: deanadh gach leughadair 'fheum féin dheth. Bha na tìmeanan fiadhaich agus borb, agus cha deanadh ach làmh làidir sreamadh a thoirt asda; bha'm moll cho trom agus cho tiugh, 's nach deanadh ach stoirm. 'fhasgnadh. Cha'n 'eil sinne an diugh leth thaingeil airson sìth agus soisgeil!

Am measg chàich, dhùisg cuideigin aimbreit eadar teaghlach Pheairt agus teaghlach Athoil. Chuir Iarla Pheairt achanaich gu Rob tighinn agus a thaobh a sheasamh. Cha robh aon seach aon diubh mòr ann an sùilean Roib, ach bha e togarrach gu nì air bith a chuireadh dorran air Athol. Chruinnich e trì-fichead d'a ghillean. Chaidh iad fo'n airm 's fo'n éideadh, agus ghabh iad gu Caisteal Drumain. Bha daoine' Athoil ann an campa air taobh thall na h-aibhne *Farn*, agus ghabh na Griogaraich agus na Drumanaich air an aghaidh gu cath a thoirt doibh; ach cha luaithe chunnaic iad gur h-e na Griogaraich a bh'aca, a mbeas iad mar dhiabhail, na theich iad mar na h-uiread de chaoraich. Lean na Griogaraich an ruaig, agus Rob air an ceann, a' sgoltadh fir an sud, 's a' snaidheadh cheann 'us chluasan so, gus an d'fhàg iad na bha beò taobh-mach a' ghàradh-dhroma!

Cha do leig Rob air dì-chuimhn na rinn Montrose air; agus bu chlach 'na bhròig, bu chàilean 'na fhiacail e, bho latha gu latha. Cha bhiodh dìth mairt-fheoil no muic-fheoil air Rob, fhad 's a bhiodh ceithir-chasach ann am pàircean Mhontrose; 's cha bhiodh min a dhìth air, a's i 'na mhuileann; no abllan, a's e 'san tigh-thaisge. Mu dheireadh rinn Montrose gearan ris a' Phàrlamaid, agus thainig achd a mach, casg a chur air Rob agus air a leithidean eile—an glacadh, agus an toirt gu cùirt. Cha luaithe thainig an t-achd so 'mach, na chruinnich Montrose a dhaoine, 's a chuir e iad gu Rob a ghlacadh. 'Nuair ràinig iad a thigh, mar bha'm fortan an dàn, bha e bho'n bhaile. Coma, fhuair iad brath far an robh e; agus mu bhriseadh na faire an làr-na-mhàireach, thainig iad air ann an tigh-òsda Chrinlàraich. Cho luath 's a ràinig na Grahamaich, thilg iad a' chòmhlà bhàrr a lùdagain, agus bha iad a stigh. Dh'aithnich Rob mar bha 'chùis. Ghlac e 'chlaidheamh 's a sgiath, agus a h-uile fear mar thigeadh thuiteadh—

"Cha'n éireadh fear a luidhe leis;"

gus mu dheireadh na dhùisg an t-slachdraich a ghillean féin, a bha nan laidhe ann an sabhal gun bli fad as. 'Nuair thainig iadsan, cha b'fhad a sheas an iorguill. Bha na cinn 'gan sguidseadh dhiùbh mar na diogain roimh bhat a' bhuachaille, gus mu dheireadh na theich na bha beò dhiubh.

Na dheigh so (oir bha cùigear mu'n aon aig Montrose), ghabh Montrose a leithid de thàmailt, 's nach do chuir e bruailean air Rob car ùine. 'Nuair chunnaic Rob so, dh'fhàs e cho dalma, agus cho ea-corach, 's nach robh a bhi beò aig daoine leis. Dh'éirich a nis an tuath na aghaidh; agus, le buidheann shaighdearan bho Chaisteal Chardrois, chuir iad an tòir air. Bha iad a' casadh air Rob, an coinn-eanan farsuing fosgailte, agus dioghaltas 'nan cridhe, 'nuair loisg aon de ghillean Roib, fear Alastair Ruadh Mac-Griogair, orra bho chùl gàraidh, agus a thuit an ceannard. Na dheigh so, bu mhall leo an casan, a' tilleadh 's a' teicheadh; agus chuige so, mar thubhairt am bàrd,—

“Am firean, b'esan rìgh nan ian;
Ach Rob, b'e rìgh nan daoin'.”

A réir choltas, b'e so an car bu mhiosa thug Rob riamh. Chuir a' Phàrlamaid rompa 'ghlacadh, agus dh'òrduich iad a mach na *Volunteers*. Chaidh na seòid so air a thòir gus an d'ràinig iad Drimein, far na chaith iad an oidliche fo'n armaibh; oir chaidh 'innse dhaibh gu'n robh cùig ceud de na Griogaraich mar bheagan mhilltean dhaibh. Cha luaithe thainig an latha, na smaoinich iad gum b'fheàrr teicheadh math na droch fhuireach; agus dhachaidh a ghabh iad. Cha luaithe ràinig iadsan, na chuir a' Phàrlamaid reisimeid each gus a ghlacadh, agus a chuir iad *mìle punnd Susunnach* de airgiod-cinn as.

Thug so air Rob e féin 'fholach ann an uamhaich a tha aig bun Beinn-Lòmain—uamha anns an d'fholaich Bruce e féin roimhe. Bha mi féin innt', a Chuairtear; ach ma bha, bheir mi mo bharantas nach bi 'ris. Tha i air a deanamh de chlachan mòr a shròic tein'-adhair 'us tàirneanach á' taobh na beine. Cha'n urrainn ach duine 'n deigh duine dol sìos, agus sin le fàradh; agus an deigh a bhi shìos, cha'n fhaic sibh leus soluis. Cha'n e sin, ach tha'n t-aite cho fadhaich, ùlaidh, 's nach mòr gur urrainn beò-chréutair a thaghal ach na h-iolairean! Dh'fhaodadh e fuireach an so gu là bhreitheanais, mu'n ruigeadh na h-eich air!

Anns an àit' fhàsail so chaith Rob iomadh mìos, le dithis d'a dhaoine. Mu dheireadh, thòisich e air tighinn gu fìorair; agus latha de na làithean, cò choinnich iad ach seachdnar mharcaichean. Dh'fbarraid iad an ainmeanan. Cha do chòrd am freagradh riu. Chunnaic iad nach bu duine cumanta Rob. Bha iad cinnteach a nis as a' *mhìle punnd*. 'Mach ri bruthach thug Rob 's a dhithis ghillean; 'mach ri bruthach thug na h-eich as an deigh. Ann an deich mionaidean rinn Rob falach-fuinn orra; ach, mo chreach! cha robh a chompanaich cho fortanach—thuit an dithis! 'Nuair chunnaic Rob so, bluail mirre-chatha e. Thionndaidh e orra. Mharbh e triùir, agus ceithir de na h-eich, agus leig e leis an triùir eile cead an cas a ghabhail.

Tuille 'san ath Chuairtear.

MACTALLA.

AN CEANN-FEADHNA INNSEANACH.

SGEUL FÌOR:

Am measg nan ceud Shasunnach a chaidh air imrich do'n àite sin ann an America ris an canar a nis *New York*, bha duin'-uasal measail tuigsich a dh'éirich gu inbhe àird san tìr sin. Thug e a theaghlach maille ris; agus nam measg so bha nighean da a bha na bantrach, aig an robh aon mhac—balachan lùrach àillidh, mu aois cheithir bliadhna. 'San am sin bha America uile fo-choille, agus bhuineadh an dùthaich do na h-Innseanaich. Bha fios aig an t-Sasunnach nach robh feum dha smuaineachadh air tàmh a ghabhail san àite sin, mar coisneadh e càirdeas agus gràdh nan Innseanach. Bha e a' latha 's a dh'oidhche nam meadhon 's nan eiseamail. Chleachd e, uinne sin, gach oidheip agus dìchioll a bha 'na chomas a chum an càirdeas agus an cùl-taig a' chosnadh. Thainig mòran de na cinn-feadhna 'ga choimhead; agus do rèir coslais bhiaid càrdeil, sìtheil, agus iarratach gach caomhneas a nochdadh do'n t-Sasunnach. Ach bha aon neach nach d'fhainig 'ga choimhead—ceann-feadhna cumhachdach trènn a bha tàmh mar shèa mìle o'n àite san robh an t-uasal Sasunnach. Dh'fhan esan air ais, agus chuir seògal air an duin'-nasal. Bha e amharasach gu'n robh uir-eigin 'na bheachd. Mu dheireadh chuir an Sasunnach fios air, ag ràdh gu'n robh a' mhian air e 'thighinn 'ga choimhead.

Thainig e air an là-màireach. Dh'fhàiltich an t-uasal Sasunnach e le mòr bhàigh. Thug e 'stigh a theaghlach, agus am measg chàich a' bhantrach 's a balachan beag. Bha mòran seanachais eatorra. Dh'innis an Sasunnach dha gu'n robh a' mhian air càirdeas a bhì eatorra, agus a bhì chomhunnidh ann an sìth—nach robh nì eile bu mhò a bha 'na bheachd no a h-uile nì a bhia na chomas a dheanamh a chum eòlas feumail a thoirt do na h-Innseanaich inn gach cèird 'us ealdhain a b'urrainn da. Chual' an t-Innseanach e, agus fhreagair e—“A bhràthair,” deir esan, “tha thu ag iarraidh mòrain, agus tha thu a' gealltainn mòrain. Ciod an t-arras a tha 'na d'chomas a thairgse dhomh gu'n dean thu na tha thu ag ràdh?”

“Bheir mi m'fhocal 's mo làmh dhuit. Cha do bhris mi m'fhocal riamh, 's cha do dhiùlt mi mo ghealladh.”
 “Theagamh,” ars' an t-Innseanach, “gu' bheil focal agus gealladh an duine ghil seasmhach na's leòir do dh'ne geal cosmhail ris féin; ach gealladh an duine ghil do dh'Innseanaich na coille, cha'n 'eil e ach mar oiteig ghaoithe.”

“Nach faic thu,” ars' an Sasunnach, “gu'n d'earb mi mo bheatha féin, agus beatha mo theaghlach, ann ad làmh? Nach faod thu ar cuir gu bàs 'nnair is àill leat? Nach leòir sin a thaisbeanadh 's a dhearbhadh dhuit gu' bheil earbs' agam annad? Cha chreid mi gum meall thu mi, an deigh dhomh earbs' a chàramh annad.”

“Tha sin math, agus glé mhath,” fhreagair an t-Innseanach. “Airson earbsa, nochdaidh mi earbsa. Ma dh’earbas tu annam, earbsaidh mi asadsa. Ach ’s éigin domh urras a bhli agam gu bheil thu ag earbs’ annam. Leig leis a’ bhalachan so triall maille rium, agus geallaidh mi an ceann trì làithean gu’n toir mi air ais slàn e a dh’ionnsuidh a mhàthar.”

Ged a rachadh saighead a shàthadh ann an cridhe màthar an leinibh, cha b’urrainn di barrachd oillt a bhi oirre no ’nuair a chual’ i so. Cha mhòr nach do thuit i na paisean air an làr. Ghrad leum i gu taobh eil’ an t-seòmair. Thog i a mac a suas ’na broilleach, agus bha i na deann-rnith gu bhi mach air an dorus.

Thuit mala an Innseanaich—thainig gruaim dhòrcha air ’aodann; ach cha do labhair e diog. Ach cha b’ann mar sin do sheanair an leinibh, athair na bantraiche. Bha fios aige gum biodh e féin ’s a theaghlach cailte mar tugadh e seachad an t-urras a dh’iarr am fear eile. “Air t’athais,” ars’ esan r’a nighean. “Na biodh eagal no sgàth ort. Thoir an so am balachan. Guidheam ort, leig leis dol dachaidh maille ris an Innseanach. Cha dochainn e ròineag de dh’fholt a chinn. Cha’n ’eil e a bheag na’s gràdhaiche dhuitsa na tha e dhòmhsa, ach ’s éigin gum falbh e maille ris an Innseanach. Na biodh eagal ort; gabhaidh freasdal Dhé cùram dheth. Bithidh e co tèarninte ’am bothan-coille an Innseanaich ’s a bhios e ’san tigh so, no ’san leabaidh eadar dà chich’ a mhàthar.

Strìochd a mhàthair. Dh’fhalbh an t-Innseanach, ’s am balachan air a ghuaillibh, gun sgàth, gun eagal. Ach ma dh’fhalbh, cha mhòr nach robh a mhàthair air a breith-as—seadh, as a beachd. Tàmh no lochd cadail cha d’fhuair i a latha no dh’oidhecha. Chaidh latha agus latha seachad, agus thainig an t-àm air an dò gheall an t-Innseanach pilleadh. Chaidh a’ mhaduinn seachad, agus eadar-thràth, a’s trà-neòin. Thainig am feasgar, ach cha d’thainig an t-Innseanach. Cha robh an Sasunnach còir ag ràdh focail, ach a’ spaidsearachd air ais a’s air aghart mu choinneamh an dornis;—a’ mhàthair thruagh fo uamhas—chaill i a dòchas. Ach mu dheireadh, mar a bha ’ghrian a’ dol fodha, ciod a chunnacas ach ite àrd an Innseanaich a’ tighinn air feadh nan craobh. Chualas òran a dhaoine. Thainig e, ’s am balachan beag air a ghuaillibh, air ’éideadh mar cheann-feadhna òg Innseanach—ite an eòin ’na cheann, cuarain air a chasan, bian an leas-leathainn (*beaver*) air a dhruim; ’s bha’m balachan a’ pògadh an Innseanaich, ’s a’ togail an òran maille ris, agus co moiteil ’s ged a bhiodh e troidh na b’airde na ’nuair a dh’fhalbh e. Ruith a mhàthair a mach ’na chòmhdhail. B’i so a’ choinneamh shuilbhire chridheil do gach aon!—cha’n urrainnear a h-innseadh ’an cainnt.

Sheas an t-Innseanach aig an dorus, ’s mar so labhair e:—“Thuir thu a’ chuid is fearr dhìom,” ars’ esan ris an t-Sasunnach—“bhuaidhaich thu. Uaith so a mach, bithidh sìth agus càirdeas eadarinn. Dh’earb thu anns an Innseanach; diolaidh e so le earbsa ’s le càirdeas.” Agus mar a thubhairt, thachair. Fad

iomadh bliadhna bha'n Sasunnach 'san àite, agus sheas an t-Inn-seanach dileas dha gu àm a bhàis.

'Se so a' cheart Shasunach a shochdraich an dùthaich mhòr agus cumbachdach ris an canar a' nis *New York*, agus is airidh an sgeul taitneach a chumail air cuimhne.

EAGLAIS CHATRIONA, DLÙTH AIR DUNEIDIN.

(ST CATHERINE'S CHURCH.)

Tha 'm fagus do Dhunéidin lochan, no linne mhòr, a chladhaicheadh o chionn fhichead bliadhna, gu uisge a ghleidheil ri muileann a tha sa' choimhearsnachd. Tha'n lochan so a' còmhachadh mu thrì-fhichead acair fhearainn (*sixty acres*); agus, gus a' bhliadhna so fòin, cha d'rinn aon teas no tiormachd a thainig a' bheag de lughdachadh air a b'fhiach ainmeachadh. Ach bha tiormachd an fhoghair so co mòr, 's gu'n do thràigh an loch gu buileach as gu iubhe ro bhig; agus 'nuair a thràigh e, chunn'cas air a ghrunnid làrach seann eaglais, agus àite-tiodhlacaidh, le iomad leachd-lighe, a tha 'g inniseadh có tha'n tasgadh fòdhpà, agus c'uin a luidhe iad an leabaidh chumbainn dhorchana h-uaighe.

Tha cunntas cinnteach againn gu'n robh an eaglais so, ri'n abairte Eaglais na Ban-naoimh Chatriona, air a gnàthachadh mar thigh-aoraidh o chionn dhà cheud bliadhna, agus gu'n robh daoine a' tiodhlacadh sa' chladh o chionn ceud bliadhna; 's ged tha mòran daoine 'tighinn 'gan coimhead aig an àm mar ioghuaadh air leth, cha'n 'eil nì air bith spleumasach ann iad a thighinn an fradharc. Ach tha eachdraidh togail na h-eaglais so co iongantach, 's gur maith is fiach e aithris. Thogadh i o chionn cùig ceud bliadhna, le fear Sir Uilleam *St Clair*; agus b'è so an t-aobhar:—

Bha'n rìgh cliùiteach Raibeart Bruce ro dheigheil air an fhaoghaid. Bha e gu minig a' sealg an fhéidh feadh frithe a bha mu'n cuairt an àite 'sam bheil an t-seann eaglais; agus is iomad damh cabrach, cròiceach, a leag e ann. Ach bha aon eilid sheang gheal ann, a dh'fhartaich gu buileach air a choin, a's air 'eich; agus chuir so mòr fhàran air, mar a chuireadh e air gach sealgair. Latha de na làithean a dh'fhàg i e mar a b'abhaist, dh'fhèdraich e de na h-uaislean mu 'thimchioll an robh gin idir dhiubh aig an robh cù a bheireadh feachdadh as an eilid bhàin, oir nach biodh e toilichte gus an cuirte rithe. Bha 'chuid mhòr dhiùbhsan tuille a's seòlta gu ghabhail orra gu'n robh coin aca nì b'fhearr na bh'aig an rìgh; ach bha aon fhear, Sir Uilleam *St Clair*, a thubhairt 'na làthar gu'n cuireadh e a cheann an geall an aghaidh frith Phentland (àite dlùth làimh), nam faigheadh a dhà ghaothar-san, "*Lean-Ris*" agus "*Còmhnaidh*" (*Hold and Help*),

sealladh de'n eilid, gu'n tugadh iad gu làr i mu'n rachadh i thar allt-
crìche na frithe 'san robh iad aig an àm. Ghabh an rìgh ris an
tairgse. Chuireadh coin-luirg air tòir na h-eilid. Sheas Sir Uilleam
le 'ghaothair air an eill, 's iad air bhoile gu faighinn mar sgaoil. Cha
do ghleidheadh fad iad. Chuireadh an eilid air a cois. Mar aiteal
solnis no deò-gréine air an aonach sa' bhreac-latha ghruamach
ghaothar, bha i 'siubhal thar an raoin, "s mar saighead a' glacadh an
iughair," bha na lùth-choin as a deighe. Leum Sir Uilleam gu grad
air muin a steud-eich mheamnaich, a' leantuinn na seilg, a stuigeadh
's a dh'fhranachadh a choin; agus chuir e suas ùrnuigh dhùrachdach
ris a' bhan-naoimh as an robh e 'cur earbsa (*St Catherine*), gu'n
soirbhicheadh i leis. Bha'n ruaig teth agus dian. Rinn na coin gu
foghainteach, mar a b'abhaist; ach rinn an eilid bhan cuideachd mar
a b'abhaist—ri uchd an aonaich, a' tèarnadh a' choire; no air còmh-
nard an t-sratha; bha a cosan eangach, lùthmhor—bha a h-anail gun
fhàilinn. Ghleidh i an toiseach, agus ràinig i an t-allt-crìche gun
fhiacaill a dhòl 'na bian. Cha'n fhaca Sir Uilleam tuille. Thuit e
bhàrr an eich, air a sgàineadh le aimheil airson gu'n do mheall a chuid
con e, as an robh e co earbsach; agus air a lionadh le h-eagal gu'n
gléidheadh an rìgh ri 'gheall e, agus gu'n tugadh e dheth an ceann
airson a bhòisd. Ach chunnaic an fheadhainn eile a bh'air an fhaiche-
sheilg nach robh aobhar aige 'bhi diombach de 'dheagh mhaduidh.
'Nuair a bha'n eilid dìreach am meadhoin an uillt, thug "Lean-Ris"
aon sìnteag ghailbheach, aon "leum-gàblaidh," le 'uile neart, bhàrr
na bruaiche; agus am priobadh na sùla bha'n eilid bhochd air a
cliathaich, 's a fuil a' dath a béin ghil dhealraich. A thiota bha
"Còmhlanadh" an sàs innte cuideachd, agus tharruing iad air a h-ais i
gu taobh na frithe de'n allt.

Chaidh an Rìgh far an robh Sir Uilleam. Thug e mòr mholadh
d'a choin; agus dha féin thug e sa' mhionaid am fearann a gheall e.
Bha esan co taingeil airson eu-dòchais a bhi mar so co grad air a
thionndadh gu aoibhneas, agus a thàmailt gu cliù, 's gu'n do bhòidich
e eaglais a thogail do'n bhan-naoimh a bha e 'smuaineachadh a rinn
fuasgladh air; agus cha'n 'eil teagamh nach do "thog e fonn air lorg
an fhéidh." Choimhlion e a bhòid, agus thog e an eaglais sin a
dh'éirich o chionn ghoid, le 'h-uaighean 's le leacan, mar gum b'eadh
á grunn nan uisgeachan. Ni tuiltean a gheamhraidh a grad chòmh-
dachadh thairis; agus tha e coltach gu leòir nach faicear i nì's mò gus
an teid feum eaglaisean air thalamh seachad—gus an toir an fhairge
sechad a meirbh—gus am fosglar na h-uaighean, agus an tig an luchd-
còmhnuidh a mach—iadsan a rinn maith gu aiséirigh na beatha, agus
iadsan a rinn olc gu aiséirigh an ditidh.

A. C.

October, 1842.

C H I N A .

Tha'n cogadh màirnealach so a' dol air aghaidh, agus da rìreadh b'fheàrr gu'n robh crìoch air. Tha'n t-arm Breatunnach a' gabhail air an aghaidh, gun suim do gach oidheirp fhaoim a tha mìnntir na rìoghachd sin a' deanamh a chum grabadh a chuir orra. A réir a' chunntais mu dheireadh a thainig thairis, bha na Breatunnaich a' gabhail a suas air an abhuinn is mò a th'ann an *China*. 'Se is ainm do'n abhuinn so *Yang-tze-Kiang*. Bha h-uile dòigh air a chleachdadh a bha comasach 'chum bruachan na h-aibhne so a dhion le gunnaichean-mòra, ach smùid na loingeis-chogaidh againne nam blòidibh iad. Ghlac sinn gach gunna-mòr, agus thug na loingeis leo na b'fhiach a ghiùlan diubh, a bha air an deanamh de dh'umha. Bha dà cheud gu leth gunna-mòr ann an aon àit', a' cuir dhiubh 's a' losgadh air na loingeis-chogaidh; ach, mo thruaigh, na daoine bochda! cha robh anna ach sealgairean *theab*. Theab iad mort a dheanamh, agus na loingeis Shasunnach a smàladh; ach cha deach aca air so a bhuaidhnachadh. Bha na gunnathan-mòra so dlùth air dà-throidh-dheug air fad, agus air an cuir fo uidheam anns an dòigh a b'fheàrr. Ged a bha dà cheud gu leth *cannon* a' losgadh air na luingeis againne, cha do mharbhadh ach dà sheòlad-air Sasunnach, ach leònadh fichead; agus an t-arm-dearg a chaidh air tìr, 's a sgiùrs na Chinisich mar chaoraich rompa, cha do chaill iad uiread a's aon duine; ach bha dlùth do chóig-fichead de na Chinisich bho ch'air am marbhadh. Da rìreadh, is peacach a bli strì riu. Chaidh a' chabhlach Bhreatunnach air a h-aghaidh, a' smàladh gach dìon-àit' a dh'fhosgail orra, agus a' giùlan leo nan gunnathan umha. Ghlac iad uile trì cheud trì-fichead 's a ceithir gunna-mòr, agus ceithir-fichead diubh so de dh'umha—gunnathan co eireachdail chiatach 's a chunnacas riamh. Tha ainneannan air gach aon diubh, nì tha 'leigeil ris gur ann o chionn ghoidh a rinn-eadh iad. Bha fear dhiubh air 'ainneachadh, "Culaidh-Eagail agus Uamhais nan Sasunnach!"—fear eile, "Craos an Uamhais"—fear eile, "Fuaimeadair Mòr"—'s mar sin. Chaidh an t-arm Breatunnach 's na loingeis-chogaidh air an aghart suas an abhuinn gu astar leth-cheud mìle o'n fhairge, air chor 's nach robh iad os-cionn fichead mìle o bhaile-mòr *Nankin*—an darna baile is mò, agus an t-aon is beartaiche, ann an rìoghachd *China*. M'n tig an ath àireamh de'n Chruairtear a mach, cha'n 'eil teagamh nach glacar *Nankin*; agus air an àm faodar earbs' a chuir anns a' chunntas a leanas, fhad 's a tha e 'dol, mu thimchioll a' bhaile-mhòir so.

NANKIN.

B'e am baile so ceann-bhaile rìoghachd *China* fad iomad linn; ach o na chaidh a' chùirt agus uachdaran na rìoghachd a thàmh ann am *Pekin*, tha e 'dol air ais. Cha'n 'eil air aghaidh an t-saoghail mhòir baile co farsuing—air a sgaoileadh a mach air màgh mòr, ri bruaich na h-aibhne. O'n cheud dorus no cachlaidh a th'air balla 'n àite so, gu meadhon a' bhaile, tha sèa mìle de

dh'astar, làn de na gàraidhean 's na sràidean is àillidh. Tha aubharra loingeis a' falbh 's a' teachd o *Nankin* do gach àit' agus dùthaich. Cha'n 'eil àit' ann an *China* uile a dh'fhaodar a choimeas ris a' bhaile so airson màlairt. Tha'n t-aodach sìoda is luach-mhoire 'san t-saoghal air a dheanamh ann, agus an stugh sin ris an canar *Nankin*, de'm bheil deiseachan air an deanamh 'san tìr so féin. Tha na nithe is àillidh 'sna h-Innsean air an deanamh ann an *Nankin*, air chior 's gur àite beartach saoi bhir e. 'Sann an so tha'n nì sin ris an canar *Chinese ink* air a dheanamh. 'Se *Nankin* maraon am baile 'sam bheil sgoileireachd *China* uile—nà daoine is foghlaimte 'san tìr a' tàmh. 'Sann ann a tha'n tùr *porcelain*, aon de dh'iongantais an t-saoghail mhòir. Tha e naoi ùrlair (*stories*) air àirde, agus dlùth do mhìle ceum staidhreach ri dhìreadh. Ma dh'èignicheas iad na Sasunnaich gu losgadh air le'n gunnachan-mòra, 'se'n tùr *porcelain* a nì a' ghleadhraich a' tuiteam! Thogadh an tùr so o chionn ceithir cheud bliadhna. Cha'n 'eil e air a cheadachadh do choigrich sam bith dol dlùth air an teampull so, a thug bàrr ann an àilleachd air gach teampull eile. 'Sann de'n aon stugh a tha e air a dheanamh ris na cupaichean-tea òirdheirc ris an abair sinn *China*. Tha iomhaighean a's samhlachan de dhealbhan bréige r'am faicinn 'san tùr àrd so. Cha'n fhaigh muinntir na rìoghachd féin nì's dlùithe dha na cnoc a tha mar leth-mhìle uaithe, o 'bheil sealladh aca dheth. Tha e dà cheud troidh air àirde. Tha e geal, dealrach, glòrmhor ri anharc air, agus gathan na gréine 'soillseachadh air 'san dòigh is boisgeanta. Tha e ochd-cheàrnach o 'bhun gu 'mhullach, agus cluig ann an anbharrachd de lionmhorachd crochta ris air gach taobh, air an òradh gu dealrach. Cha'n 'eil cunntas rò cheart againn air an àitreabh iongantach so—'se sin, na tha 'na thaobh a stigh; ach, mar 'eil sinn meallta, bithidh cunntas math againn air aon an ùin' aithghearr. Ma ruigeas na Sasunnaich *Nankin* (agus is cinnteach sinn gu'n d'rinn iad sin roimh 'n àm so), cha b'ìoghnadh leinn ged a leagadh iad gu làr an teampull so, as a' bheil iad co bòsdail—seadh, agus e a bhi air a thruailleadh le fuil a's cinn choigreach.

Tha sinn air bharrail gum bi mòran ri innseadh mu'n chogadh so 'san ath Chuairtear.

AN COGADH INNSEANACH.

Tha'n cogadh anns na h-Innsibh an Ear a' dol air aghaidh, ach tha dòchas againn nach fhada gus an tig e gu crìch. Is déisinneach ri smuaineachadh na thachair a cheana; ach, mar 'eil sinn gu mòr air ar mealladh, fhuair na h-*Affghans* feuchainn riu roimh 'n àm so, agus fàth aithreachais airson am foill, 's am mortadh a rinn iad air an arm Bhreatunnach.

Tha fios aig ar luchd-leughaidh gu bheil cuid dhiùbhsan a ghlacadh, mar a bha'n t-arm Sasunnach a' gabhail air aghart, le *Akbar Khan*, uachdaran na dùthcha sin, 'nuair a mhortadh le foill co liuthad aon

de'r luchd-dùthcha,—gu bheil iad o'n àm sin nam prìosanaich aig an duine bhorb sin ann an *Cabool*, ceann-bhaile na rìoghachd.

'Nuair a thainig an cunntas mu dheireadh a nall, bha'n armailt Shasunnach air an turas do'n àite so ('se sin, *Cabool*), fo'n cheannard ainmeil, *General Nott*. Bha seachd mìle de shaighdearan treun, dearblta, aige fo 'chomann. Tha'n gaisgeach so a' dlùthachadh air baile-mòr *Chabool* air an dàrna taobh, agus gaisgeach eile, le ceithir mìle de shaighdearan treun fodha, a' gabhail a dh'ionnsuidh an àite chendna air an taobh eile—air chor 's nach dùth do'n àite seasamh a mach fada. Tha *General Pollock*, leis an treas armailt, a' dlùthachadh air an àite chendna, air an treas slighe. Tha aobhar a smuaineachadh gu'n do chuartaich am feachd cunbhadhach so *Cabool* mu mheadhon an fhogharaidh so 'chaidh seachad. Cha mhòr, leis a sin, nach 'eil sinn làn chinnteach gu'n do thuit *Cabool*, agus am baile-mòr is dlùithe dha ann am meudachd (*Ghuznee*), ann an lamhan an airm Shasunnaich, agus gu bheil bratach dhearg bhuidhneach Bhreatunn roimh 'n àm so a' snàmh thairis air bàrr-bhalla nan àiteachan làidir sin.

Mu'n tig an ath àireamh de'n Chuairtear a mach, clia'n 'eil teagamh nach bi naigheachdan as na ceàrnaibh iomallach sin. Tha làn dòchas againn gu'n socraichear gnothuichean na tìre sin. 'Si ar barail, ma gheibh sinn aon uair air ar n-ais as na ceàrnaibh sin a dh'ionnsuidh a' chuid sin de na h-Innsean a bhuineas do Shasunn, nach bi cabhag oirnn dol a rìs thairis air na monaidhean mòra sin, am measg sluaigh chealgach fiadhaich *Affghanistan*. Bu mhòr a's bu chudthromach an gnothach nam b'urrainn ar càirdean a chosnadh, agus màlairt sheasmhach fhosgladh leo. Tha eagal oirnn, 'nuair a choinnicheas an t-arm Sasunnach iadsan aig baile *Chabool*, gum bi e duilich na saighdearan Breatunnach a bhacail o dhioghaltas eagalach a thoirt a mach orra, airson an dòigh anns na mhort iad an companaich—le foill agus ceilg.

NAIGHEACHDAN.

Is fada da rìreadh o na bha naigheachdan co taitneach againn ri thoirt seachad. Cha robh o chionn iomad, iomad bliadhna, uiread de dh'aobhar gàirdeachais aig rìoghachd Bhreatuinn, agus uiread de dh'aobhar thaingeachachd do fhreasdal caomh an Tì àird sin a tha 'riaghladh rìoghachdan an t-saoghail so.

Ma bha rìoghachd Bhreatuinn riamh ann an corr diachainneach, buaireasach, aimhreiteach, 'sann o chionn ghoirid. Cha robh e comasach do dhuine tuigseach sam bith beachdachadh air an staid anns an robh sinn gun mhòran iomagain—seadh, gun mhòran eagal. Cha'n fhiosrach sinn gu'n robh na neula dubh dorch a' bhla a' cruinneachadh ceithir-thimchioll air an eilean so riamh na bu duaichni, eagalach, bhagarrach, na bha iad sa' bhliadhna 'chaidh seachad. Bha America 'bagradh a dhol gu cogadh 'nar n-aghaidh, agus a' diùltadh gach aobhar aimhreit a shocrachadh. Bha cogadh againn an aghaidh rìoghachd *China*, taobh eile an t-saoghail, anns a' bheil barrachd

sluaigh no ann an aon rìoghachd air aghaidh an t-saoghail uile. Tha eadar Breatunn agus Èirinn ceithir-muillionan-fichead 's a ceithir cheud mìle sluaigh (24,400,000), ach ann an *China* tha trì cheud muillion (300,000,000). 'Nis, chaidh Sasunn a chogadh an aghaidh na rìoghachd mhòir so. Bha'n cogadh so a' dol air aghart gu h-ath-aiseach, a' cuir cosdais anabarrach air an rìoghachd; agus, do réir coslais, cogadh a mhaireadh ùine mhòr. Bha ris cogadh eagalach a' dol air aghaidh ann an Innsean na h-àirde 'n Ear, far na bhuadhaich an uàmhaid cholgach bhorb 'nar n-aghaidh, agus far an do chailleadh mòran de'n arm againne air an dòigh-bu déisinniche ri smuaineachadh. Agus, mar nach fònachd so uile, bha sporan mòr na rìoghachd falamh—gun sgiliun; agus bha ain-fhiach, fiachan trom, 'nar n-aghaidh, nach b'urrainnear gun chisean ùr trom a chuir air muinntir na rìoghachd chum a dhìol. Bha teachd-an-tìr de gach seòrsa daor—màlairt air sgar, cha mhòr gu buileach. Cha robh obair no cosnadh ri fhaotuin. Bha na muillnean cotaìn air stad—a' chuid bu mhò de'r marsantan mòra air bristeadh—luchd-oibre a's cosnaichean a' dol bàs anns gach àite. Feadh Shasunn, bha'n sluagh air éiridh suas ann an ceannairceas—tighean a's bailtean 'gan lèsgadh. Ann an aon fhocal, cha robh taobh air an amhairceadh duine anns nach robh fàth cagail. Ach rinn Dia amharc oirnn ann an tràcair. Thainig an samhradh a b'ailidh, 's am fogharadh bu chiataiche, a chunnaic daoine rianh; agus bha pòr agus bàrr anns gach ceàrn de'n dùthaich a thug bàrr air aon fhogharadh a bh'againn o chionn iomadh bliadhna. Shocraicheadh an aimhreit a bha'n Sasunn; phill daoine air an ais a dh'ionnsuidh an oibre. Shocraicheadh gach cùis a bha eadar sinn a's America; 's an uair a bha mar so bristeadh an latha 'tighinn oirnn, 's gach nì air an deanadh daoine gearan a' teicheadh air chùl, ach dì-cosnaidh, thainig an naigheachd is fearr agus is taitnichte a ràinig an dùthaich so rianh, dìreach mar a bha'n àireamh so de'n Chuairtear a' dol an clò.

NAIGHEACHD MHÒR AGUS THAITNEACH Á CHINA.

Tha, taing Dhàsan a tha 'riaghladh an t-saoghail, an cogadh so air a chrìochnachadh! Tha 'chùis, do réir coslais, air a socrachadh, agus air a socrachadh gu math, agus gu ro math. Cha b'urrainn duinn a smuaineachadh gu'n tachradh a' chùis uile gu léir co math 's a rinn i. Dh'innis sinn 'san àireamh so féin gu'n robh an t-arm Breatunnach a' gabhail a suas air abhuinn mhòr gu baile *Nankin*, an dàrna baile is mò 'san rìoghachd. Ghabh na loingeis Shasunnach air an aghaidh suas an abhuinn mar a b'fheàrr a b'urrainn doibh, na soithichean-smùid a' slaodadh nan loingeis-chogaidh nan déigh. Mu dheircadh ràinig trì-fichead 's a deich dhiubh, de gach seòrsa, dìreach mu choinneamh baile-mòr air bruaich na h-aibhne, ris an canar *Chin-kiang-foo*—àite làidir, air a dhìonadh le mòran teòmachd. Bha campa làidir dlùth do'n àite, air an robh trì mìle saighdear de na Chinisich. Chaidh an t-arm againne air tìr, a's thog iad orra gu bhì'n sàs. Theich na Chinisich, mar a b'abhaist—thàr iad as. Ach bha scòrs' eile de dhaoine a' dìon a' bhaile: b'iad sin na *Tartars*—daoine treun, misneachail, fearail, tapaidh. Sheas iad so gu misneachail a dhìon an àite, agus dh'fhosgail iad gu duineil air an arm againne o bhrùigh nam ballachan làidir a bha mu thimchioll an àite. Ach coma có dhiubh, ghabh na daoine againne air an aghaidh 's na peileirean beag a's mìor co lìonmhor ris na clachan-meallain a' feadarachd mu'n clusaibh. Fad an latha bha'n cath air

a chur; ach mu dheireadh fhuir na Breatunnaich a stigh, a's theich na Tartaraich, d'ana fearail mar a bha iad. Cha robh e comasach dhoibh seasamh an aghaidh feachd nan còtaichean ruadha. Tha'n baile-mòr so mar cheithir mìle air cuairt, agus tha e anabarrach làidir—am balla 'tha mu 'thimchioll co làidir, thiugh, 's nach robh na peileirean mòr' as na canain a' deargadh air; agus tha e deich troidh fichead air àirde. Bha tuill anns a' bhalla so tre'n robh na Tartaraich, trì mìle dliubh, a' losgadh air na daoine againne, a's iad gun chomas cuimsè ghabhail air an naimhdean, leis mar a bha iad air folach. Ged a' bha'm balla-dìon a bha mu'n àite so làidir àrd, chuir an t-arm againne fàraidhean ris; agus streap iad a suas co togarrach, suilbhre, neo-ghcaltach, 's ged a bhiodh iad a' d'eadh cruaidh mhonaidh. 'Se 'cheud fhicar a' d'hirich Caiptean *Cuddy*—duine treun. Sheas e air bràigh a' bhalla, le 'chlaidheamh na làin, 's an t-arm uile 'beachdachadh air. Thog e folach àrd, 's na peileirean a' feadarachd mu 'thimchioll. Streap e an sin a suas gu mullach a' bhalla, a' cuideachadh a chuid daoine, fear an deigh fir a' d'eadh, gu mu dheireadh am facas bratach bhuadhmhor ar dùthcha féin a' snámh gu uaibhreach 'san t-soirbheas, air bràigh a' bhalla. A'ch ged a' fhuair sinn mar so a' stigh o gach taobh, sheas na Tartaraich gu gleusda. Nam biodh na Chinisich còltach riu, cha b'fhicadha an t-àit a' ghlicadh. Bha dà-fhichead oifigeach de na Tartaraich (no *Mandarins*, nìar a' deirean riu), agus mìle saighdear, air am marbhadh. An duine mòr a' b' àrd uachdaran air an àite, ceannard nan Tartarach, 'nuair a mhothuich e gu'n deach an latha 'na aghaidh, chaidh e stigh d'a sheòmar féin, shuidh e na chathair mhòir, agus thug e air a' ghillean an tigh a chuir ri theine! Mar so bhàsaich an gaisgeach borb. A dh'aon chuid, cha bu ghcaltair e.

'Nuair a bha'n obair eagalach seachad, tha e air innseadh dhuinn gum bu chulaidh-uamhais ri amharc air, am baile truagh so—na sràidean làn de chuirp nìarbh, a' ruith le fuil a's gaor. Cha'n e 'nhaoin na mharbh na Sasunnaich, ach na mharbh iad féin; oir chuir mòran de mhuinntir an àite iad féin gu bàs, le eagal tuiteam ann an làmhnan nan Sasunnaich. Fhuaras dusan, a's fichead, an sud 's an so, a' chroch iad féin, no chuir as doibh féin air dhòigh eile;—na fir a' marbhadh am mnathan 'san cloinne—gam bathadh anns na tobraichean, a's anns an abhainn, agus an sin 'leum a stigh iad féin nan déigh! Bha eadar marbh agus leòinte air an taobh againne, aon cheud trì-fichead 's a naòis. Tha'n baile-mòr so mu dhà-fhichead mìle sìos o *Nankin*, agus tha doimhneachd uisge gu leòir anns an abhainn airson an long-chogaidh is mòr a' th'againne gu suamh a suas ann chum baile-mòr *Nankin*.

Tha e air a ràdh nach do ghiùlain an t-arm Breatunnach iad féin ri amh air dhòigh bu chliùtaiche—cha b'urrainnear cur nan aghaidh. Smùid iad gach geata a's dorus làidir nan spealgan, 's bha iad a stigh sa' bhaile-mhòr a' dh'aindeoin an losgadh dian cas a rinneadh nan aghaidh.

An deigh do'n bhàile-mhòr strìochdadh, chruinnich na Chinisich anabarr sluaigh air uchdaich àird dlùth do'n bhaile, ann an òrdugh catha. Ghabh an t-arm-dearg Breatunnach a suas an aghaidh a' bhruthaich. 'Nuair a bha iad dlùth dhoibh, thog iad folach àrd. Bhail an t-eagal na Chinisich thruagha. Theich iad co luath 's a ghiùlanadh an casan iad, a' dealachadh ris gach nà a' b'urrainn bacadh no grabadh a chuir orra.

Chuir na loingeis Shasunnach fo sgaol, agus thog iad orra suas an abhainn gu *Nankin*. Tharruing iad an òrdugh cath mu choinneamh a' bhaile, cliathaich gach aon diubh fa chomhair an àite, 's gach gunna-mòr air a tharruing a mach gu losgadh air *Nankin*. Chaidh cuid de na saighdearan air tìr, gu bhi deas. Bha ceithir mìle-deng de na *Tartars* 'san àite so; ach ghabh muinntir a' bhaile-mhòir an t-eagal, 's cha b'iongantach e. Thainig teachdairean a mach, a' guidhe nàille 'dheunamh fad dà latha, do bhrìgh

gu'n robh trì uaislean mòra de mhaithean àrd na tìre air an rathad a' teachd, a chum a' chùis a shoerachadh. Thainig iadsan, le làn chumhachd gu gach nì a shoerachadh 's a réiteachadh, agus sìth a dheanamh. An deigh iomad coinneamh a's seanachas, bha gach nì mu dheireadh air an réiteachadh. Chuir iad an làmh ris taobh air thaobh, a's ghrad chuireadh a' bhann-chùmhlaichte gu *Pekin*, ceann-bhaile *China*, a chum 's gu'n cuireadh an t-Iompaire e féin a làmh rithe. 'Nuair a bha 'chùis mar' so air a shoerachadh, loisgeadh dararach chridheil bhuadhmhor leis gach long a's saighdear air muir a's tìr. Cha robh ach sòlas, a's sìth, a's aighear, a's réite, air gach taobh—na Chinisich thruagh air am breith-as le gairdeachas.

An deigh do gach nì a bhi mar' so air an soerachadh, chaidh na Chinisich a choimhead nan loingeis; ach b'iad na soithichean-smùid bu mhò a chuir de dh'iongantas orra. 'Se'n t-ainm a thug iad orra so, "soithichean an aibhistir." 'S cha'n iongantach leinn idir ged nach robh iad taitneach leo; oir mar bhith iadsan, cha d'fhuair sinn riann a suas an abhuinn mhòr so na loingeis eile. Tha'n cùmhnant, no t-sìth a' rinneadh, anabarrach fàbharach.

'Sa' chend àite, tha sìth sheasmhach agus rèite air a dhcanamh eadar an dà dhùthaich, gu daingean, maireannach.

'San dara àite, tha rìoghadh *China* ri muillion thar fhlichead dollar (21,000,000) a thoirt do Bhreatainn, gu cosd a' chogaidh a dhìol; 'se sin, mu thùchdhioll còig muillion pùnd Sasunnach (£5,000,000 sterling)—suim uamhasach, 's cha robh riann barrachd feum air.

'San treas àite—nì is luachmhoire na so uile—an àit an aoin bhaile-mhòir a bh'againn gu màlairt a chumail ris na Chinisich, tha nìs còig àiteachan, de'n fheadhainn is fearr 'san rìoghachd, fosgailte airson màlairt; agus tha oifigeach àrd ri bh'againn anns gach àite dhiubh so, chum ar màlairt a riaghladh 's a dhìon.

'Sa' cheathramh àite, tha eileanan luachmhor, a tha air an ainmeachadh, ri bh'air an toirt thairis dhuinne mar urras gum bi an cùmhnant so air a chur an gnìomh, 's gu'n seas na Chinisich ris.

'Sa' chòigeamh àite, tha eilean *Hong Kong* air a thoirt duinn gu dìlinn—còir seasnach air an eilean luachmhor so—àit anbharrach freagarrach mar chala airson loingeis ar dùthcha.

'San t-seathamh àite, tha sèa muillion dollar ri bh'air an dìol dhuinn an làimh. Bha ceithir muillionan diùbh so air an tairgse 'nuair a thainig am fios air falbh; ach dhiùlt *Sir Henry Pottinger*, àrd cheannard ar n-armailt an sin, agus ris a' bheil gach nì air earbsa le Breatainn; so a ghabhail, gus am faigheadh e an t-iomlan—nì 'tha sinn cinnteach a fhuair e roimh so.

Mar so dh'fheuch sinn an naigheachd thaitneach so innseadh. Cha'n 'eil e comasach dhuinn a bh'co taingeil 's bu eòir dhuinn. Cha d'thainig naigheachd co cudthromach a dh'ionnsuidh ar dùthcha fad iomad bliadhna. Cha b'iongantach ged a bha na cluig a' bualadh le gairdeachas. Tha aobhar dòchais gum bi cèird, a's màlairt, a's cosnadh, a's pailteas, a nìs air feadh na dùthcha. Tha marsantan mòra Glaschu a cheana 'deanamh gairdeachais; agus a' chùis a nì math dhoibhsan, nì i math do'n dùthaich uile. Ach tha barrachd na so againn ri innseadh; oir tha againn mar an ceudna.

NAIGHEACHD SHÒLASACH THAITNEACH A' INNSIBH NA H-AIRD AN EÀR.

Tha'n cogadh so mar an ceudna seachad! Bhuadhaich an t-arm Breatunnaich ann an Innsibh na h-Aird an Ear! Dìreach mar a thubhairt sinn thachair—ghlacadh an dà bhaile-mhòr, *Ghuznee* agus *Cabool*! agus tha bratach dhearg Bhreatainn a' snàmh thairis air ballachan briste nam bailtean mòra sin. Tha'n cogadh seachad—bhuadhaich sinn anns gach blàr. Ach cha bu chladhairean gealtach a choinnich sinn 'san àite so, ach na gaisgich

threuna; ach gaisgeil mar a bha iad, cha b'urrainn doibh an t-arm Sàsunnach a sheasamh. Bha blàr a's blàr againn rin, ach bhuadhaich sinn annta uile gu léir, agus ghlac sinn gach dìon-àite a's daingneach làidir a bh'aca. Dh'fheuch na h-Affghans grabadh a chuir oirnn anns gach eum a b'urrainn doibh. Chaill sinn àireamh mhòr de dhaoine; ach is eùis thaingeachadh gu bhéil an cogadh seachad. Tha na prìosanaich a ghlacadh le foill, 'nuair a chaidh an t-arm againne 'mhortadh sa' bhealach cumhann far an do bhual iad oirnn, air an toirt thairis. Chaidh an gaisgeach treun *Salé* 'mach, le feachd tapaidh maille ris, an còmhhdhail a mhnatha, a tha, do réir gach cunntais, co gaisgeil ris féin. B'i so a' choinnimb chridheil shunntach!

Tha aon chuid de'n eachdraidh so a thàrruing deòr o ar sùilean. Chuir-eadh cuid de'n arm againne do na monaidhean far an do 'mhortadh le foill co liuthad aon de'r luchd-dùthcha, 'nuair a bha iad a' gabhail a stigh do'n dùthaich, agus air an d'thug sinn cunntas roimhe so. Fhuair iad cnàmhan an luchd-dùthcha, 's an càirdean, 's an companaich, ann am bealach monaidh, dìreach mar a 'mhortadh iad. Chladhaich iad aon uaign mhòr, anns an do chàirich iad dà cheud gu leth de shaighdearan Breatunnach! Is taitneach gu'n d'rinn iad so féin.

Agus a nis, a luchd-dùthcha, nach 'eil aobhar gàirdeachais aig Breatunn, agns aobhar taingeachadh againne do Dhia? Nam biodh America air éiridh gu cogadh—nam biodh am fogharadh air fàilneachadh—nan rachadh a' chùis 'uar n-aghaidh ann an China—nan cailleadhmaid Iunsean na h-Airde 'n Ear—mar biodh cosnadh no màlairt ann—cò is urrainn a smuaineachadh air na dh'fhaodadh tachairt gun oillt? Taing Dhàsan a tha 'riaghladh an domhain mhòir nach ann mar so 'tha 'chùis!

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

P. CAMPBELL & CO., BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; Tullymet: C. Morris; Dingwall: A. Keith; Dornoch: Wm. Munro; Tain: James Ross, Jun., Druggist; Thurso: Mrs Russell; Dundee: Wm. Middleton; Oban: J. Miller; Greenock: A. M'Iver; Grantown: A. Cumming; Abernethy: D. Gordon; Dunkeld: D. M'Donald; Portree: A. M'Donald; Balachulish: J. M'Innis; Lochgilphead: N. Gillies; Argyll Furnace: A. Gillies, Schoolmaster; Lochdonhead, Mull: D. Fletcher; Bonaw: John Cameron, Postmaster; Aberfeldy: D. Cameron, Bookseller; Port Ellen, Islay: D. Hunter; Glencarradale: N. M'Donald, Schoolmaster; Bunessan, Mull: Donald M'Lean, Postmaster; Portnahaven: Norman M'Lean; Kilchoman: Angus M'Leod; Strontain: D. Cameron; Tiroran, Mull: John M'Donald; Cawdor, Nairn: J. Robertson; Pitlochry: D. Robertson; Fortingall: D. Campbell; Laggan: Rev. J. M'Pherson; Alesch: D. M'Diarmid; Doane: D. M'Diarmid; Barra: A. M'Donald, Esq.; Ormsary: G. Ross; Tayinloan: A. Sutherland; South Uist: A. Chisholm; Callander: P. M'Kinlay; Balquhitter: J. Carlton; Dunvegan: D. M'Donald; Carbost: A. Cameron; Glendaruel: D. M'Lean; Fort-Augustus: J. Forbes; Aberarder: John Rose, Schoolmaster; Inverness: James Smith; Kilmorack: J. Rose; Lochalsh: D. Matheson, Ardelve; Portree: Alex. M'Donald, Esq.; Kintail: D. M'Rae, Postmaster, Lochbuy; Mull: John M'Dougall, Schoolmaster; Beaulie: Rev. A. M'Kenzie, Kiltarlity; Easdale: D. M'Intyre; Glenora: A. M'Innes; North Balachulish: Allan Cameron, Schoolmaster; Killin: D. Campbell, Kiltire; Laggan, Invergarry: J. Fraser, Schoolmaster; Nova Scotia: Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq., Charlotte-town, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI 'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÌOS-DEIRIDH A' GHEAMHRAIDH.

AN 35 AIREAMH.]

JANUARY 2, 1843.

[PRÌS 6 SGILLEAN.]

CONTENTS:—Sermon for the Young, page 233.—Irish Legend regarding the Great Plague of 1439, 291.—Life and Exploits of Rob Roy M'Gregor, Part III., 267.—Song of Solomon (Metrical Version of Chapter VIII.), 298.—Dreadful Effects of Intemperance, 300.—Familiar Dialogue (Extravagance in the Highlands at the Season of the New Year—Peace with China—Account of China—Peace in Upper India—Prospects of Trade—Duty of sending the Gospel to those parts, and the opening of facilities for the people), 304.

SEARMOIN AIRSON ÒIGRIDH NA GÀIDHEALTACHD.

“Iosa, 'chum, tre ghràs Dé, gum blaiseadh e bàs airson gach uile dhuine.”
Eabh. ii. 9.

THA dòigh-labhairt ann ris an abair sinn *samhlachadh cainnte*, a tha fìor chumanta am measg dhaoine, agus a tha air a cleachdadh gu tric ann am focal Dhé. 'Sann 'na thròcair—'na chaoimhneas—a tha Dia a' gabhail na dòighe so, 'chum cuideachadh leinn 'nar n-aineolas 's 'nar laigse, na nithe mòra 'tha e a' cur an céill a thuigsinn; dìreach mar a labhras sinn ri leanabanan beaga ann an cainnt leanabail. Nan rach-ainn-se 'mach maille ribhse, mo chàirdean òga, air maduinn àillidh ghrianaich—na craobhan uile fo bhlàth—an fhaich' uaine fo fheur mìn ùrar—na h-eòin bhachlach bhòidheach a' seinn gu binn ann am bun nam preas, 's am bàrr nan dos,—is dòcha gu'n abrainn ribh, “Cia taitneach gach nì! Tha 'chruitheachd fo shòlas—tha gach faich' a's achadh ri gàire.” Cha'n 'eil mi leis a so a' ciallachadh gu bheil sùilean aig na h-achaidhnean, no beul, no aodann; nì mò gu bheil e 'nan comas gàire a dheanamh, mar a nì sinne; no gu bheil iad comasach air toileachas-inntinn, mar a tha sinne. 'Se samhlachadh cainnt' a ta ann. Mar so an uair a tha'm Bìobull ag ràdh, “Chunnaic

an fhairge Dia, agus bha i fo eagal. 'Se an nì a ta sin a' ciallachadh, gu'n do tharruing an fhairge air a h-ais; dìreach mar a dbeanadh neach a bhiodh fo eagal, 's a chlisgeadh air ais le oillt. 'Se samhachadh cainnt' a ta ann. Tha'n saoghal ag amharc ait, sòlasach, aoibhneach, mar a nì duine gàire 'nuair a bhios e subhach.

Nis, feuchaibh an urrainn duibh na briathran a ghabh mi mar stèidh theagaisg a thuigsinn, an uair a ta e air a ràdh gu'n do "bhlaiss Crìosd bàs airson gach duine."

Annas na linnibh annas an deach am Bìobull a sgrìobhadh, bu chleachdadh dhoibh daoine a bhristeadh laghanna na rioghachd a chur gu bàs air caochladh dhòighean. Bha cuid air an clachadh gu bàs—bha cuid air am bàthadh; ach bha i na dòigh chumanta a thoirt orra cupan a ghlacadh 'nan làimh, agus na bh'ann òl gu 'ghrunnd. Bha puinsean làidir sa' chupan so. Dh'òladh esan a bha air a dhìtheadh e, agus ann an ùine ghoirid bhàsaich e. 'Sann mar so a chuireadh gu bàs feallsanach urramaichte do'm b'ainm *Socrates*—duine co stuama, ionraic, ghlic, 's a bha 'na linn. Dhìtheadh esan gu h-eucorach gu bàs. Thugadh an cupan d'a ionnsuidh, agus dh'fheòraich e ciod a bh'aire ri dheanamh. "Cha'n 'eil nì air bith ach na tha sa' chupan òl—coiseachd air t-ais agus air t-aghart, gus am mothaich thu do chasan a' fàilneachadh; an sin sin thu féin air do leabaidh, agus caidil gu samhach." Thuig e na bha 'nam beachd, agus riun e mar a dh'iarr iad air. Dh'òl e na thugadh dha, agus thuit e gu ciùin ann an suain a' bhàis.

Nis, tha stèidh mo theagaisg a' leigeil ris duinn a' chinne'-dhaoine mar mhuinntir a ta air an dìtheadh gu bàs; mar gum biodh iad uile ann am prìosan, agus cupan làn de phuinsin air a chur ann an làimh gach aoin aca, agus air an dìtheadh gu 'òl. Nis, smuainichibh a' bhuidheann thruagh so air an toirt a mach as a' phrìosan—air an cuir nan seasamh ann an sreath, gualainn ri gualainn—cupan de'n phuinsin air a chuir 'an làimh gach aoin duibh—agus mar bhinn a mach orra, nach robh dol as aig neach seach neach, ach a h-uile h-aon gum b'èigin da an cupan òl gu 'ghrunnd. Air an am so, feuch Iosa Crìosd a teachd! Tha e 'gabhail truas mòr de na daoine bochda so—de na prìosanaich thruagha. Tha e 'gabhail a' chupain o làimh gach fir air leth, agus 'ga òl e féin air an son, agus 'nan àite. Tha e mar so ag òl no a' blasad bàis airson gach aoin duibh. Tha so, ann an samhachadh cainnte, a' leigeil ris duinn na rinn Crìosd airson pheacach. An uair, màta, a leughas a h-aon agaibh na briathran sòlasach so, tha dòchas agam gum bi beachd agaibh ciod a tha air a chiallachadh 'nuair a tha e air a ràdh gu'n do bhàsaich Crìosd airson pheacach, agus, 'an lorg sin, gu'n do theasairg e iad o ifrinn; dìreach mar a thearuinn e na prìosanaich bhochda air an robh sinn a' labhairt, leis a' chupan phuinsianta òl air an son.

Tha barail agaibh ciamar a dh'fhaodas tròcair, a's sochair, a's caoimheas, teachd an carramh duine, cha'n ann air a shòn féin, ach air sgàth no airson neach eile. Chum so a shoilleireachadh. Pheacach, mar a tha fios agaibh, clann Israeil an aghaidh Dhé 'san fhàsach; agus bha Dia 'dol a thoirt breith, a's binn, a's bàs, a mach an aghaidh

gach aon diubh. Ach chaidh Maois, òglach dìleas an Tighearna, agus ghuidh e air an son, a's as an leth; agus chuala Dia ùrnuigh Mhaois, agus thaisbean e trocair a thaobh muinntir chiontach Israeil airson Mhaois. An uair a reiceadh Ioseph na thràill, agus a ghiùlanadh air falbh e do'n Èiphit, bheannaich Dia a mhaighstir, agus bheannaich e an Èiphit, airson Ioseph. Agus daoin' a tha air an dìteadh gu bàsachadh, agus a tha 'toilltinn bais, tha iad air uairibh air an caonadh a's air an saoradh air sgàth feadhnach eile nach 'eil ciontach. Feuchaidh mi so a shoilleireachadh dhuibh.

Tha àite sa' bhaile-mhòr so ris an canar Tigh a' Mhòid, air neo Talla nam Mor'earan Dearga. Tha na mor'earan àrda—breitheanan na dùthcha—ann, a' feuchainn nam feadhnach a tha nam prìosanaich. Tha thu 'dol a stigh, 's a' faotunn an àite làn de dhaoine. Tha duin' òg ann fa chomhair nam mor'earan, air a dheuchainn airson cionta mòr a tha air a cur as a leth. Tha'n luchd-lagha an deigh na b'urrainn doibh a ràdh as a leth. Thugadh fianaisean pongail air an aghart. Tha 'chùis seachad—fhuaras ciontach e. Tha gach mì air a lan dhearbhadh 'na aghaidh. Is éigin gum bi e air a chur gu bàs. Tha na maoir 'ga thoirt a stigh do'n chùirt, a chum 's gu'n cluinn e a bhinn. Faic am mor'ear àrd—am breitheamh! Tha'm pàipear 'na làmh air a' bheil binn an òganaich thruaigh sgrìobhta. Tha e 'g amharc 'an clàr-aodainn a' chiontaich thruaigh, a's tha e mar so a' labhairt ris:—
 “A dhuin' òig, fhuair a' chùirt thusa ciontach anns na bha air a chur as do leth. Am fiosrach leatsa aobhar no reusan sam bith airson nach còir binn a' bhàis a thoirt a mach a'd' aghaidh airson an lagh' a bhrìst thu, 's a tha 'ga d' dhìteadh gu bàs.” Tha'n duin' òg ag éiridh. Faic mar a tha 'dhà làmh air an togail—air am pàsgadh ri chéile, ann am mòr thuairgheadh 'anama! Tha na maoir a' diùtlachadh air, an earalas nach toir e oidheirp air teicheadh. Tha e 'seasamh car tamuill na thosd. Tha na deòir a' ruith gu frasach a sìos air a ghruaidhean. Tha e 'toiseachadh ri labhairt, ach focal cha'n urrainn da 'ràdh. Tha reachd 'na mhuineal—tha a' chùis a' dol 'na aghaidh—tha a' theanga 'leantuinn ri' ghiall. Mu dheireadh tha e 'g ràdh, “Tha mi an comain na cùirte, nam breitheanan, an luchd-lagha, 's gach aon, airson na dòigh anns an deachaidh mo chùis a ghiùlan 's a raunsachadh. Tha mi làn thoillteanach air bàs. Is ceart-bhreitheach mo dhìteadh, 's mo chur gu bàs. Leisgeal cha'n 'eil agam air mo shon féin. Cha'n 'eil mi ag iarraidh maithenais. Ach O éisdibh mi! Fad air falbh o'n àite so, ann an tìr iomallaich de'n rìoghachd, tha beinn àrd a tha 'g éiridh gu nèamh. Aig a bun tha machair uaine co àillidh 's a tha air an talamh uile, air bruaich aibhne co siùhlach 's a tha 'ruith gu tràigh. Air taobh na h-aibhne sin, 's aig bun na beinne mòire sin, tha bothan bòidheach, fo dhùbhar chraobh a tha aosmhor àrd. 'San 'san àite sin a rugadh 's a thogadh mi—'san àite sin chuir mi seachad maduinn gòrianach mo làithean. Cha robh an abhuinn sin riamh traoghta; bha 'mhachair sin a' ghnàth ùrar, uaine, àillidh. 'San àite sin chaith mise cóig-bliadhna-deug de m' làithean, co cridheil, sunndach, aighearach, ri aon smeòraich a sheinn riamh 'sna speuraibh os mo

chionn ; agus a chòmhnuidh sa' bhothan bheag uaigneach sin, air bruaich an uillt is borbhanaiche fuaim, tha seann duine—seann saighdear, a chuir iomad blàr airson a dhùthcha—a dhòirt 'fhuil ann an iomad teugmhail chruaidh ; seadh, air latha nach dì-chuimhnichear ann an eachdraidh a dhùthcha, theasaig e bratach dhearg Bhreatuinn, 'nuair a theich na bha mu'n cuairt da. Tha esan a nis sa' chùirt aig a' bheil cuimhne mar a ghiùlain m' athair e féin ann an iomad blàr—mar a thilg se e féin eadar a cheannard 's am bàs ; agus, le 'bheatha féin a chur an cunnart, thèaruinn e beatha an fhir eile. Tha e nise na sheann duine—lag, aosmhor, breòite. Tha falt a chinn co geal ri canach na mòinteich ; tha 'thaic air a luirg 'nuair a ghluaiseas e. 'Na suidhe ri 'thaobh, tha seann bhean bhreòite, aosmhor, lag. 'Si sin mo mhàthair. Aig a chasan, 'nan suidhe ri taobh a' ghealbhain, tha mo dhà phiuthair bheaga. Tha e a h-uile feasgar a' dol a dh'ionnsuidh na h-uirsinne, a choimhead a mach, a' faire, a dh'fheuch a' bheil mise, am bràthair, ris a' bheil dùil aca, 'san t-sealladh. An uair a dh'fhàg mi tigh m' athar, chuir an seann duine a làmh air mo cheann, agus ghuidh e gu dùrachdach ri Dia air mo shon. Thug mo mhàthar a beannachd dhomh, agus ghuidh i thairis orm ; agus chroch mo pheathraichean beaga ri m' uchd, 'ga m' phògadh. Gheall mi pilleadh air m'ais, agus fuireach maille riu, 's a bhi a'm' chùl-taic, a'm' shòlas, a'm' lorg do m' phàrantan, gu àm am bàis, 's an cinn a ghiùlan do'n uaigh. Ach a nis cha'n fhaod so tachairt ; agus an uair a ghearrar mise as, 's a chuirear, mar a tha mi gu làn thoilltinn, gu bàs mi, le uile pheacaidhean m' òige air mo cheann, ruigeadh an naigheachd truagh am bothan bochd sin, agus bheir e ceann liath an t-seann duine 's na seann mhnatha 'dh'ionnsuidh na h-ùrach le bròn. Seadh, sgànaidh an sgeul an cridheachan breòite. Cuirear mo phàrantan bochd a mach as a' bhothan anns an d'fhuair iad an àrach, gun uiread a's aon duine air aghaidh an t-saoghail mhòir gu caoimhneas no iochd a thaisbeanadh dhoibh. Togar gach meur le tàir nan aghaidh. Aig cill no aig féill, cha chluinn iad ach, 'Sud pàrantan an fhir a chrochadh !' O ! an uchd nam feadhnaich so—air sgàth na rinn m' athair, 's air sgàth truacantais do m' mhàthair 's do m' pheathraichean—tèarnaibh mi, agus gabhaibh truas ! Dhòirt m' athair 'fhuil—seadh, fuil dhearg a chridhe—airson a dhùthcha. Air sgàth mo sheann mhàthar thruaigh aosmhoir, 's mo pheathraichean beaga, faigheam maitheanas. Air mo shon féin, cha chridheach leam fhèdraich ; ach air an sonsa, air an sgàth-san, éisdibh, agus leigibh saor mi !"

Tha'm breitheamh measail 'ga éisdeachd le mòr aire. Tha'n deur 'na shùil. Tha e a' gul : is athair e féin. Tha e 'labhairt mar so :—
 "Òganaich ! cha'n 'eil e a'm' chomas maitheanas a thoirt duit ;—sin nì nach urrainn dhòmhsa 'dheanamh. Feumaidh mise binn an lagha 'thoirt a uach a'd' aghaidh. Cha'n 'eil e comasach dhòmhsa dol a null no nall o cheartas. Tròcair cha'n urrainn mise 'thaisbeanadh ; ach 's aithne dhomh aon a tha comasach air tròcair a thaisbeanadh—aon aig am bheil an comas. Innsidh mise do'n t-aon so t'eachdraidh—na thachair dhuit ; agus innsidh mi, mar an ceudna, eachdraidh

t'athar, agus na rinn e ; 's tha dòchas agam, air sgàth na rinn an seann duine, gum bi maitheanas air a dheònachadh dhuit, mar gnìomh gràis, uaithe-san is urrainn so a dheanamh."

Nis, tha'm breitheamh ag innseadh do'n rìgh mar a thachair—nàdur an uile, 's na h-eucoir, 's am peacadh a rinn an t-òganach, 's mar a b'èigin dhàsan a bhinn a thoirt a mach. Tha e, mar an ceudna, ag innseadh do'n rìgh eachdraidh an t-seann duine. Tha'n rìgh ag èisd-eachd. Tha 'chridhe air taiseachadh, 's tha e 'toirt làn mhaithneas do'n òganach—cha'n ann do bhrìgh gu'n do thoill e maitheanas, ach air sgàth 'athar, a's teaghlach 'athar.

Tha so, ann an cuid de dhòighean, no ann an tomhas àraid, a' toirt seòrsa de shoilleireachadh air an dòigh 'sam bheil Dia, air sgàth Chrìosd, a' toirt maitheanas do pheacaich, 's 'gan uidheamachadh airson nèimh. Anns an dòigh so chaidh barrachd de pheacaich thruagha, aithreachail, ag earbs' ann an gràs a's an toilleanas Chrìosd, a's air an comh-èigneachadh le gràdh gu bhì beò dha, do nèamh, na 'tha e comasach dhuinn àireamh no smuaineachadh—mòr shluagh o gach rìoghachd, a's o gach dùthaich. Ach cha'n 'eil e 'nan comas uile gu léir a leigeil ris duinn gràs agus gràdh Dhé ; oir so nì a tha eu-comasach a thuigsinn, no idir a mlineachadh—tha e 'dol oscionn eòlais. Cha'n ann a mhàin air sgàth Chrìosd a tha peacaich a' faotuin maitheanas, ach do bhrìgh gu'n d'rinneadh lobairt-réitidh air an son. Bhàsaich esan, am firean airson an neò-fhìrean, a chum sinne 'thoirt a dh'ionnsuidh Dhé. Dh'fhulaing e, a's bhàsaich e 'nar n-àite ; agus tha a phobull air an cunntas fìrinneach, air sgàth fìrinnteachd an t-Slànuighir, a tha air a chuir as an leth.

Ach ma bhàsaich Crìosd airson gach uile dhuine—ma bhlais e bàs airson gach aoin,—am bi gach aon, gach uile dhaoine, air an tèarnadh an lorg so ? Tha mi a grad fhreagairt, cha bhi. Anns a' bhaile-mhòr so tha tigh àraid shuas bràigh a' bhaile, ris an abair iad Tigh-eiridinn (*Infirmery*)—tigh gus a' bheil daoine 'tha euslan, tinn, lag, air an giùlan. Neach sam bith a tha deònach, faodaidh e dol an sin, a's gach sochair a th'ann airson dhaoine euslan a sheillbheachadh. Ach mar 'eil neach air bith a meas gu bheil e féin euslan, no ann am feum leighis, cha ruig e 'leas dol ann. Ach ged a tha esan a' diùltadh dol ann, gidheadh tha'n tigh-leighis ann ; 's tha'n tigh-eiridinn so airson gach duine. Tha e an sud deas réidh airson gach duine, ged a' tha cuid ann, a's iad bochd, lag, tinn, a tha 'diùltadh dol a stigh air a dhorus. Mar sin, tha Crìosd comasach agus toileach gach aon a thèarnadh ; ach tha cuid ann nach gabh ris, nach creid e, nach earbs' as, nach tig d'a ionnsuidh. Cha chreid iad gu bheil feum air bith ac' air, no air an t-slàinnte 'tha aige air an son. Feuchaidh iad gach dòigh eile, ach seachnadh iad esan ; agus mar sin, ged a tha esan toileach comasach, gidheadh cha'n 'eil iadsan ; agus tha iad a' bàsachadh, ged a bhlais esan bàs airson gach duine.

Tha duine saobhlir beartach 'san rìoghachd a thog tigh mòr eir-eachdail airson daoine a bha dall ; agus chuir e 'mach anns na pàipeir-ean-naigheachd, gum faodadh gach leanabh dall 'san rìoghachd teachd a dh'ionnsuidh an tighe so—gum b'e làn am beatha—gum faigheadh

iad biadh, a's aodach, is gach cothrom—gum faigheadh iad foghlum
 tre'n leughadh iad focal Dhé, agus gu'n leighisear iad o'n doille—gum
 faigheadh iad fradharc an sùl; ach so uile air chumhnant gu'n giùlau-
 adh gach leanabh beag dall a bha dol a stigh do'n tigh sin e féin gu
 freagarach—gum biodh iad nan leanabanan math riaghailteach, unhal-
 do gach òrdugh a's aithne a chuirear gu'n coinneamh; Nis, so
 agaibh tigh airson gach dall san tìr, gach duine dall san rioghachd—
 'se beatha gach aoin. Ach an tig gach duine dall do'n tigh so? Cha
 tig. Deir cuid nach feil déidh air bith ac' a bhi air an éideadh, no air
 an teagasg, no fradharc an sùl fhaotainn. Mar sin, ged a tha tigh
 airson gach aoin, cha tig gach aoin—diùltadh iad, fanaidh iad air falbh,
 's cha'n feil an tigh a' deanamh feum doibh. Mar so a thaobh an
 Tighearna Iosa Crìosd. Faodaidh gach aoin dol d'a ionnsuidh; tha
 cuirleadh aca 's e'm beatha. Tha e 'glaochadh orra teachd; ach cha
 tig iad. Ged a tha lèntachd gràis ann, cha bhi a h-aon air an tèarn-
 adh ach iadsan a thig d'a ionnsuidh, 's a bhi a unhal d'leas da loid-
 tis. Ach is dòcha gu bheil thu a' feòrach, an e gu'n d'ullaich Dia
 slàinte a's tèaruinteachd do gach aon, a's gidheadh gum bi cuid ann
 i nach bi air an tèarnadh? An do deag esan, stéidh leathann airson
 deaglais mhòir choitehionn, agus an deigh so, an e nach tog e ach ait-
 oribh bheag air an stéidh fhachmhoin? Tha mi 'ga fhreagairt so le a ràdh gu'n do sholair Dia Slànighear
 a tha deònach, comasach, air na h-uile dhaoine a thearnadh; agus
 gidheadh, cha tèaruinte ach iadsan a ghreideas ann an Iosa Crìosd, a
 bhrìstear air falbh o'n peacanaibh, 's a bheir umhlachd. Cha ruig mi
 a leas innseadh do a h-aon agaibh gu bheil Dia a' solar iomad beann-
 nachadh airson gach aoin; gidheadh, cha'n feil gach aon a' seilbheachadh
 nam beannachdan sin, ged a dh'fhaodadh iad. Chruithich Dia solas
 na gréine do gach duine; ach tha cuid a leigeil ris gum b' fheàrr leo a
 bhi nam mèilich, 's a dhol a mach san nìlche a ghoid, 's a bhi nan
 suainne's nan cadal feadh'n latha, fhad's a tha 'ghrian a' soilleadh.
 Gidheadh, tha solas nà leòir ann airson gach aoin, ma thogas gach
 aon feum a dheanamh dè'n t-solas sin. Mar so chruithich Dia uisge
 o'n nà leòir chum gach duine tartmhor air aghaidh an t-saoghail a riar-
 achadh, 's am padhadh 's an tart a shasachadh; ach tha cuid ann nach
 d'ol e leis am fearr bàsachadh de tart no teachd a dh'ionnsuidh an
 fhuarain a chaidh 'fhoghladh. Is fearr leo gu mòr deoch làidir a tha
 na phluinsean doibh ol, no teachd a dh'ionnsuidh tohair an uisge bheò;
 ach tha làn phailteas de dh'uisge ann, ged a tha iadsan a' diùltadh
 a' tairidh d'a ionnsuidh. Am faod neach air bith a ràdh nach do bheann-
 raich Dia leth na Sàbaid airson gach aoin, agus feum gach aoin, ged
 a tha eòlachadh aon a' deanamh tair air an latha beannaichte? Anns
 e gach cùis a dh'ainmich mi, agus ann am mìle cùis eile, tha fios agam
 's gu'n do dheònaich Dia na thròcair iomad beannachadh airson dhaoine,
 ged a tha mòran dhaoine gun a tha co gòrach pheacach 's nach gabh
 iad ris na beannachdan a tha air an cur 'nan tairge—a tha 'deanamh
 droch fheum dhiubh—gam mi-bhuileachadh, 's gan cuir gn droch
 bhuil air Sann dìreach mar so a tha e 'thaobh na slàinte a choisinn
 Crìosd. Tha i co sabr ri oiteig nan spèur, ri gaoithe an adhair—co

saor ris an t-uisge, tha 'sruthadh 's a' braonadh o' na speutan; ach faodaidh daoine diultadh a gabhail, agus tionndadh air falbh uaip. Leighis esan gach duine euslan a thainig d'a ionnsuidh 'am feadh 's a bha e 'san t-saoghal so; ach na bha neach air bith ann a bha tinn, 's nach deachaidh d'a ionnsuidh, no nach do chuir fios d'a ionnsuidh, cha robh iadsan air an leigheas; cha'n ann a chionn nach robh esan comasach agus deònach, ach a chionn nach deachaidh iad d'a ionnsuidh.

Nis, dh'fhaotainn crìochnachadh; ach tha 'mhiann orm focal no dhà a labhairt ris a' mhuinntir òig mu'n dealaich mi riù air an àm. Agus 'se'n nì a tha 'mhiann orm gu h-àraid a ràdh, gur peacadh mòr gun ghradh a thoirt do dh'Iosa Crìosd airson a thròcair, ann an strìochdadh gu bàs a bhlasad airson gach duine.

An saoil sibh, nam b'urrainn dh'omhsa labhairt ribhse mar so, mo chàirdean òga:—"Innsidh mise dhuibh eachdraidh bheag mu 'mhiannachail na thachair dh'omh féin: dìreach éisdibh mar gum biodh i fìor. Bha mi aon uair fad' air chuan, ann an tìr chéin—fada, fada, mach air chuan, ann an luìng mhòir, a' siubhal do na h-Innsibh, a tha fada thall. Air latha àraid, thainig long choimheach 'san t-sealladh, 's ghabh i dìreach a nuas a dh'ionnsuidh an àite 'san robh sinn. Bha eagal oirnn roimpe, agus chuir sinn gach òirleach de shùil ris na croinn a b'urrainn an long againn a ghiùlan, a' chum dol as, nam b'urrainn duinn; ach cha robh so comasach. Ghlacadh sinn, a's thug iad sinn do'n àite 'san robh iad a' dol. Chuir iad iarunn air ar casan, a's air ar lamhan. Thug iad dhinn ar n-aodach, a's reic iad sinn sa' mhargadh mar thràill-ean—dìreach mar a reiceas daoine crodh a's caoraich 'san àite so. Cheannaicheadh mise le duine saoi-bhàr, beartach; ach duine gun ìochd, cruaidh-chridheach, borbarra. Cha mhòr nach do chuir e bàs mi le dith bithidh, agus sgiurs e mi gach latha le crìos-leathraich. Mar so chuir mi seachad bliadhna no dhà; ach chualas aig an tigh, a'm dhùthaich féin, mar a thachair. Chual' an t-aon charaid a b'fhearr 's bu bheartaiche bh'agam riamh mar a dh'éirich dh'omh, agus ghabh e truas dhìom. Bha so uile na nì iongantach, òir ghiùlain mi mi féin d'a thaobh air an dòigh a bu mhi-thaingeile; ach comat có dhìubh, chuir e roimhe mo shaoradh. Dh'fhag e a dhùthaich 's a dhachaidh féin—dhealaich e ris gach nì bu luachmhoire a bh'age 'san t-saoghal, a's chaidh e air mo thoir, a' chum mo shaoradh o'n tràill-eachd. Nuair a ràinig e'n t-àite, dh'inns e na bha 'na bheachd. Cha dealaichheadh mo mhaighistir rium—cha reiceadh e mi airson òir no airgid. Mu dheireadh, thairg mo charaid a bhi na thràill e féin air mo shon, agus ann am àite. Ghabh e an tairgse so. Bha na h-iarunn air ball air an tilgeadh o'm chasan, agus chuireadh iad air casan mo charaid; agus an sgiursadh a rinneadh roimhe so ormsa, chaidh a nis a bhuileachadh airsan. Chunnaic mi e na thràill bhochd 'san àite so, agus bhia fios agam gu'n d'fhag e a dhùthaich féin, 's a dhachaidh féin, air mo shonsa, 's gu'n d'fhàs e na thràill, eòlach air bròn; agus so uile air mo shonsa, 'chum mo shaoradh a chosnadh. Thainig mise dhachaidh 'chum mo chàirdean féin, 's tha mi nis a' sealbhadh iomad mìle sochair a's beannachd air a thaile-

sa; 's a nis, feuch tha mi a' dì-chuimhneachadh mo charaid, a chinn na thràill ann am àite. Cha'n àbhaist domh labhairt mu 'dhéidhinn—cha'n àbhaist domh sgrìobhadh d'a ionnsuidh—cha'n àbhaist domh smuaineachadh air, 's cha mho 'tha gràdh agam air. Nach 'eil so mi-thaingeil? Nach 'eil so olc, peacach? agus an e nach 'eil cridhe peacach agamsa?"

Nis, tuigibh ciod is ciall d'a so. Nach robh sinn uile 'nar tràillean truagh do'n pheacadh? Bha sinn uile ann an tràilleachd 's an daorsa—uile air ar milleadh. Bha Iosa Crìosd ann an nèamh, maille ri 'Athair. Ghabh e truas dhiinn. Bha Esan saobhair, a's bhuineadh Dhàsan nèamh agus talamh mar oighreachd; ach chinn e bochd—thainig e gu luath air sgiathaibh a ghràidh do'n t-saoghal. Air ar son-inne chinn e bochd. B'ail leis ar ceannach, agus cheannaich e sinn, le 'bhi air a dheanamh na mhallachd air ar son. Cheannaich e sinn, cha'n ann le nithibh truailidh mar airgiod a's òr, ach le 'fhuil phriseil, luachmhoir, féin. Chàirich Dia air ar peacaidh-ne gu léir: le 'chreuchdaibh-san tha sinn air ar slànachadh. Nach bu chòir dhuinn Iosa Crìosd a ghràdhachadh, a's sin le'r n-uile chridhe?

Bhàsaich Crìosd air ar son, 'nuair a bha sinne 'nar naimhdean.—Bha duin' ann an Sasunn ris an canadh iad Iain *Howard*—duine co iochdmhor 's a bha riamh 'san tìr. Chaidh esan thairis air an Roinn-Eòrpa gu léir, a choimhead nam prìosan anns an robh daoine bochd air an gleidheil, 's a dheanamh math dhoibh. Chinn na prìosanaich thruagha co bàidheil mu'n duine, 's gum b'àbhaist leo tuiteam aig a chasan, 'chum am pògadh, 's am beannachadh a thoirt da. Ach cha robh iad-san nan naimhdean da, ni mò a bhàsaich e air an son; ach bhàsaich Crìosd air ar son-inne, 'nuair a bha sinn 'nar naimhdean da. 'Sann an so a bha'n gràdh! Cò an slànighear a chuirear an coimeas ri Crìosd?

Mo chàirdean òga! ciod, mata, 'ur barail air Crìosd? Tha ceithir nith ann bu chòir dhuibh a dheanamh mu Chrìosd, 's a dheanamh fhad 's a tha sibh ann an tìr nam beò.

'Sa' cheud àite, smuainichibh mu dhéidhinn Chrìosd a h-uile latha, fhad 's is beò sibh, na'r cridheachaibh.

'San dara àite, leughaidh mu dhéidhinn Chrìosd anns a' Bhìobull, a's fenchaidh gach nì 'tha sibh a' leughadh a thuigsinn.

'San treas àite, biodh e na chùis mhulaid duibh co beag 's a rinn sibh a smuaineachadh mu 'dhéidhinn—am beag gràidh a th'agaibh d'a thaobh—'s co beag 's a tha sibh air 'ur n-irisleachadh 's fo mhulad airson 'ur mi-thaingeachd.

'Sa' cheithreamh àite, thugaibh dha 'ur gràdh, 'ur cridheachan, 'ur bithean, 's na bheil agaibh. *Amen.*

C. G.

Glaschu,
Mios-meadhonach a' Gheamhraidh,
1842.

SGEUL MU'N PHLÀIGH A THUG SGRIOS AIR ÉIRINN SA' BHLIADHNA 1439.

THAINIG cunntas eagalach a nuas d'ar n-ionnsuidh mu 'phlàigh uamhasaich a thug sgrios co mòr air Éirinn o chionn ceithir cheud bliadhna. Tha iomad sgeul mhuladach ri fhaotuinn mu thimechioll an sgrios agus am fàsachadh a rinn an galar so a thoirt air cearna mhòir de'n dùthaich. Bha'n galar so co gabhailteach, sgaoilteach, 's gun b'abhast leo, 'nuair a bhuaileadh e neach air bith, an t-aon sin, ged a b'e am mac no'n nighean bu ghràdhaiche 'san teaghlach, a chur a mach as an tigh—an cur ann am bothan leo féin, a's soitheach làn uisge dlùth dhoibh, maille ri builionn arain, 's air am fàgail an sin gu bàsachadh; agus an deigh bàsachadh, 's gann a dhùrachdeadh na càirdean bu dlùithe misneach a ghabhail an cuirp a chuir fo'n ùir. Bu déisinneach eagalach a leithid so; ach, mar a thubhairt Iob, “gach nì a ta aig duine, bheir e airson 'anama.”

Bha 'san àm sin teaghlach àrd measail 'an Éirin ris an abradh iad Mac-Cellie mòr—teaghlach co cumbachdach 's a bha 'an ceann mu dheas na h-Éirinn. Bha iad a chòmhnuidh ann an Caisteal Dubh na h-Innse. Bha esan a bha aig an àm air ceann an teaghlach na dhuine borb, colgarra, fiadhaich—anbharraich uaibhreach, dànarra, dìorasach—gun suim, gun truas, gun iochd, do bhoichd no nochd; ach na chulaidh-eagail do gach aon. Bha teaghlach mòr aige; ach bha a h-aon diubh, d'am b'ainm Ulic, do'n d'thug e bàigh a's spéis oscionn chàich. Bha anabarr gràidh aig Mac-Cellie a' Chaisteil Duibh air Ulic. Bha e na fhleasgach dreachmhor ri amharc air. Cha robh eadar dà mhaoil na h-Éirinn uasal òg bu dreachmhoire cruth a's deilbh. Thug e gràdh do dh'iomad òighe a's gruagach uasal rìomhach, ach b'ann 'chum ain mealladh. Cha robh bòid no gealladh gu 'bhi dileas seasmhach doibh nach tugadh e, 's cha robh gealladh no bòid nach bristeadh e.

B'ann de na maighdeanan òg a mheall e mar so, 's a thréig e, Ùna a' Ghlinn Uaine. Bha'n àilleag so a' tàmh maille r'a bràthair, triath Bhaile-cholm. Thug giùlan Ulic, a's mar a thachair do dh'Ùna àillidh, mòr nàire air an teaghlach; 's bha fearg eagalach air a bràthair. Bha fadal orra aicheadhail a bhi aca airson mar a rinnear am mealladh le foill. Chuir iad rompa dìoghaltas a ghabhail a' cheud chothrom, a's dh'fheuch iad cothrom fhaotuinn; ach bha esan furachail, 's 'ga'n seachnadh.

Ach thachair gu'n do thoilich feasdal an Tì is àirde Ulic a bhualadh leis a' phlàigh. Thog 'athair colgarra a ghuth, a's ghuil e gu goirt. Chluinnt' a chaoidh, 's a ghearan, 's a ghlaodhaich, sa' chaisteal, mar neach air a bhreith-as; agus 'sann air a bhreith-as da rìreadh a bha e. “A mhic, a mhic!” ars' esan—“a chuisle mo chridhe, annsachd m' anama, neart mo thighe, mo chùl-taie, mo dhòchas, uail mo chridhe! Ciod so, Ulic, a ghaoil 's a ghràidh, a thachair? Òigfhir a' chùl-dualaich, a fhleasgaich nan duala

donn! aig an robh guth mar cheòl an uisge bhorbhanaich bhinn—do cheum mar cheum an fhéidh chabraich sa' bheinn! Cha chuirear thusa 'mach á' caisteal t'athar—cha chuirear mo mhac gu bàsachadh ann am bothan na beinne leis féin. Cha dealaich mi riut, Ulic!"

Ach dh'éirich an teaghlach nìle 'suas an aghaidh an athar. "An e," ars' iadsan, "gu'n tugadh tu plàigh oirnn uile airson Ulic? An leig thu leinn uile bàsachadh seach esan a chur a mach?" Labhair iad uile; 's mu dheireadh, ged bu chruaidh a' chùis, cho-aontaich an seann duine. Thogadh air falbh Ulic. Ghiùlanadh a mach e gu taobh enoic, 'an sealladh a' chaisteil; agus thogadh bothan de dh'fhiodh nan craobh, air a chòmhdachadh le luachair, anns an do chuir iad e na shìneadh air leabaidh ranaich. Chuireadh soitheach làn uisge, agus buillionn arain, ri taobh a leabaidh, a's dh'fhàgadh e an sin gu bàsachadh—leis féin, gun charaid, gun bhana-charaid—gun athair, gun mhàthair—gun ligh-iche, gun mhuime. Tha Ulic òg an sin, air a thréigsinn—fad o cheòl, a's òl, a's sùgrahh, air an robh e co gaolach. Fad o fhuaim na seilg, a's iomairt arm, tha e an so air a thréigsinn, gu bàsachadh fo'n tinneas uamhasach, gun aon enimhne, gun aon smuaine, 'chum fuasgladh a thoirt d'a anam iomaganach!

An uair a thréig Ulic an òigh àillidh òg, Ùna chaomh, cha chualas a gearan. Aon guidhe an aghaidh an fhir a mhill i, cha d'thainig a mach as a beul. Bha i air a h-irisleachadh gu duslach na talmhainn—a cridhe òg air a sgàineadh, 's a càirdean gu léir ag amharc a sìos oirre le tàir. Ach fhuair i àm air aithreachas—thréig i an saoghal, agus ann an uaigneas dh'iarr i o Dhia na dhiùlt an saoghal a thoirt d'i. Ged a chuir a h-athair talmhaidh a chùl rithe, cha do chuir Esan a chruithich i. Ged a rinn a bràthairean saoghalta tàir oirre, dh'fhiosraich i càirdeas a's iochd Uaithe-san a sheasas ni's dhiùithe na aon bràthair. Thug i o iochdar a cridhe làn maitheanas do dh'Ulic cealgach, agus gu tric ghuidh i gu'n tugadh Dia maitheanas da. Cha do chuir a' phlàigh eagal oirre—cha do sheachainn i aon àit anns an robh i, no aon neach a bha bàsachadh leatha. Chaidh i 'mach a latha 's a dh'oidheke, a' frithealadh dhoibhson a bha 'fulang. Fo theas a's fo fhuachd, fo thuradh 's fo dhìle, cha deach stad air Ùna, ach a' rannsachadh a mach nam feadhnach a bha air an tréigsinn le'n càirdean, 's a' freasdal doibh. Chiteadh i, le soitheach uisge a's buillionn arain, a' siubhal o àite gu h-àite, mar aingeal thròcaireach, ag iarraidh faochadh a's fuasgladh a thoirt do gach aon air an robh dìth. Thug so air a càirdean a seachnadh. Dhruideadh dorus tighe a h-athar oirre; 's cha tigeadh neach eadar i a's gaoth nan spéur, air eagal an galar gabhailteach a ghlacadh uaipe, mu'n robh i féin co suarach.

Chual' i mar a thachair do dh'Ulic—esan a mheall 's a thréig i, 's a thug nàire a's bristeadh-cridhe dh'i. Chual' i gu'n robh e 'bàsachadh ann am bothan anns nach cuireadh e féin, o chionn ghoirid, a chon-seilg. Ghrad dhì-chuimhnich i gach òle a's eucoir a rinn e

oirre. Ghlac caomhalachd, a's trocair, a's iochd, làn chumhaich thairis air a h-anam. Bha tobar gràidh 'na cridhe: ged a bha e air a dhruideadh, gidheadh nach do thraoigh. Ghreas i dh'ionnsuidh an àite 'n robh an t-uasal truagh a' basachadh 'na bhòthan aonarach, gun charaid, gun dòchas. "Ruigidh mi," ars' ise, "an t-àite. Bithidh mi dlùth dha. Taisichidh mi a bheul, mar dean mi barrachd. Bheir mi dhia de dh'nisg' an fhuarain. Guidhidh mi air a shòn. Agus cò aig a' bheil fios, ma thàinig an uine shònraichte—ma thàinig am a bha is—cò aig a' bheil fios nach dean nì spiorad-sa imeachd maille ris an spiorad aigse?" 's ged nach robh sinn air ar n-aonachadh le chèile 'nar beatha, theagamh gum faod so tachairt an àm bàis."

Air an là-màireach, thog i oirre thairis air a' mhonadh fharsuing a bh'eadar tigh a bràthar a's Caisteal Dubh na h-Innse. Thàinig i am fradharc a' bhothain 'san robh Ulic. Chaidh i 'stigh; ach ciod a thubhairt ise, no 'fhreagair esan, cha chuala le cluais ebruithichte. — Chunnacas i le iomad h-aon, latha an deigh latha, a' turaman aig dorus a' bhothain—a dà làimh gheala bkoidheach paisgte tarsuing air a h-uchd. Bha i an sin latha a's latha, ach cha deach neach a labhairt rithe. Mu dheireadh mhothnich iad nach robh i a' gluasad—'na suidhe air cloich, a ceann air a glùn, 's a h-aodann air a thionndadh ri taobh a stigh a' bhothain. Chunnacas, mu dheireadh, na fithich ag itealaich mu'n àite; agus chualas ròc nan enn lonach chiocrach so 'tighinn air oiteig na h-oidliche. "Tha Ulic, mac Mhic-Chellie mhòir a' Chaisteal Duibh, air caochladh," arsa gach aon. "Cha chreid mi gu bheil," arsa feadhainn eile: "mothaich, ch'a d'fhuair fithich no ròcas a stigh air dorus a' bhothain fhathast." Ach thubhairt neach eile, "Bha mise 'gabhail beachd air an àite, 's thug mi fainear, a h-uil' uair a dh'fheuch an t-eun grànda chiocrach dol a stigh, gu'n robh nì-eigin mar bhréid gheal air a thogail 's air a chrathadh, a dh'fhuadaich na fithich air falbh." Bheachdaich iad uile air an là-màireach, ach cha robh am bréid gheal a' gluasad. Chaidh iad dlùth. Bha Ùna an sin na h-aonar, ach bha Ulic marbh. Ghlaodh iad air Ùna éiridh, a's tighinn air falbh. Smèid iad oirre, ach cha do fhreagair i. Thàinig a bràthair. Chaidh e dh'ionnsuidh an àite. Chuir e a làmh air a guallainn, a's thubhairt e,—“ Ùna, a' phiuthar mo ghaoil! thig dhachaidh. Éirich, a's thig maille rium; éirich, a's fag an t-àite so. Thàinig breitheanas airsan a mheall 's a thug nàire air teaghlach t'athar.” Ach cha d'thubhairt Ùna diog—cha chualas osann no glaodh. Dh'amhaire a' bràthair 'na h-aodann, ach bha i gun deò!—chaochail àilleag nan iomad buaidh!

Bha phlàigh a nis air a casg 'san dùthaich. Chruinnich tuath an dà theaghlaich, 's an càirdean. Chladhaich iad taigh ann an Cill-an-darraich (*Kildare*), a's chàirich siad iad taobh ri taobh. Chuireadh an t-aon leachd thairis orra. Loisgeadh am bòthan anns na chaochail iad. Chinn dà chraobh ard 'san àite, a' tha air an leigeil ris gus an latha 'n diugh, fo ainm craobh Ulic a's craobh Ùna.

BEATHA AGUS EUCHDAN ROIB RUaidh MHIC-GRIOGAIR.

EARRANN III.

BHA Rob a nis air 'uideal feadh nam beann, 's e na aonar. Thuit càileigin de leann-dubh air—cha b'ann air a shon féin, ach airson a mhnatha agus a theaghlaich; agus chuir e roimhe, thigeadh mar thoilicheadh, gu'n rachadh e 'gan amharc. 'Sann mar sin a bha—mheantraich e ré na h-oidhche; agus 'nuair ràinig e, chaidh innse dha gu'n do chuir Diùc Authail fios, latha no dhà roimhe, e 'dhol 'ga fhaicinn. Bha Rob an imcheist ciod a dheanadh e. Bha fhios aige gu'n robh *mìle punnd-Sasunnach* de airgiod-cinn as, agus bha 'bharail féin aige air an Diùc—fhuair e 'chorag a losgadh uair no dhà le 'leithid. 'Se 'rinn e, sgrìobh e chum an Diùc a dh'fheòraich ciod a bha 'dhìth air, agus ciod a ghnothach ris-san; agus, anns an litir, ag ràdh ris, an clàr an aodainn, nach bu mhotha leis na bhì earbsach as 'onair; agus mar gealladh e ann an dubh 's an geal, air 'onair, nach beanadh e do fhuiltein a chinn, nach rachadh cas dheth air a thàlaich.

'Nuair ràinig an litir an Diùc, sgrìobh e air ais, làn de bhòidean 's de gheallaidhean nach éireadh beud dha—nach robh a dhìth air ach a bharail agus a chomhairle fhaotuinn do thaobh puinc no dhà de ghnothaichean na rìoghachd. Air sàil na litir so, thainig teachdaire le bann-dìdeinn, eadhon blo'n Phàrlamaid. 'Nuair chunnaic an duine còir, Rob, so, shuidhich e latha ris an Diùc; oir có 'smuainicheadh air cealgaireachd agus eas-onair ann an inntinn agus sloinntearachd co àrd?

'Nuair thainig an latha, dh'fhalbh Rob air muin eich—a ghille na chois,

“'S a mhlol-choin air lo'ain,
Cùid diubh roimhe 's na dhéigh”—

agus ràinig e Caisteal Blair. 'Nuair chunn'cas a' tighinn e, thainig an Diuc a mach na choinneamh, a chur fàillt' air. 'Sann an sin a bha'n sodan 's am mìodal! “'Sann orm tha'n toil-inntinn 's a' mhoit do leithid de cheatharnach fhaicinn aig mo thigh; ach, bho nach fuiling a' Bhan-diùc sealladh de neach air bith fo armaibh taobh-stigh a' chaisteil, 's feàrr dhuit do chlaidheamh 's do bhìodag a chur dh'iot, agus am fàgail a muigh.” Rinn Rob mar dh'iarr—chuir e dheth a chlaidheamh 's a bhìodag, agus chaidh e féin agus an Diùc a shràideamachd do'n ghàradh-mhòr. Cha robh iad fada sa' ghàradh 'nuair choinnich iad a' Bhan-diùc. Chuir i fàillt' air Rob, agus thubhairt i gum b'iongantach esan a bhì gun chlaidheamh, gun bhìodag! Leis a so, thug i 'bhriag d'a fear. Chunnaic Rob mar bha. Bheireadh e'n saoghal a nis airson a chlaidheamh. Sheall e an aodann an Diùc, le sealladh nach b'urrainnear a mhi-thuigsinn. “Tha mi 'ga d' thuigsinn, a Mhic-Griogair,” ars' an

Diùc; “ach thog thu 'leithid de bhruaillean feadh na dùthcha, 's gum feum thu dol do Dhunéidin.” “A réir choltais, tha mi air mo bhrath, matà!” arsa Rob. “A' bheil e creideasach gu'n do reic 'duine coltach rintsa 'fhocal, 'fhirinn, 'onair, agus mòrachd 'ainme, airson bribe shuarach dhiombuain? Ach, a thraoiteir,” ars' esan, 's e 'tarruing na dùirne, “diolaidh tusa air a so fathast.” Chuir e'n eanchainn as le aon dòrn, mar bhith, anns a' cheart mhionaid, gu'n do leum trì-fichead saighdear suas làmh riu, le oifigeach air an ceann, a ghlac Rob, agus a thug leo e na phrìosanach!

Tha Rob Ruadh Mac-Griogair a nis air a bhrath, air a ghlacadh, agus air 'ionnain, gun chladheamh gun bhiodag, gu tigh-leanna suarach anns a' chlachan. Cha robh Diùc Anthail gun mhoit a's gun mheodhail gu'n do ghlac e Rob. Chuir e gille agus steud-each a thiota do Dhunéidin le litir, a dh'innse gu'n do ghlac e'n robair ainmeil Rob Ruadh, 's nach b'ann gun strì, 's a' guidhe air ceannard an airm buidheann shaighdearan a chur chuige, 'chum Rob a thoirt leo. Cha luaithe 'ràinig an teachdaire na chuireadh air falbh buidheann thaghta, a mhèars' a latha 's a dh'oidheche gus an d'ràinig iad *Cinross*, far an robh Rob ri bhi air a linbhairt doibh le cuideachd-aotram á Peairt, gun dulchunn, gun ionnsachadh.

'Nuair chunnaic an Diùc iad, chart e dhachaidh iad, ag ràdh nach earbadh e'm prìosanach riu, ach gu'n rachadh e féin air cheann a ghillean leis. Am feadh 's a bha'n Diùc a' cur a' ghillean an òrdugh, bha Rob ann an Logarait, air a theann gheàrd; ach ma bha, cha robh e dìomhanach. Dh'fhàs e féin agus an geàrd éo mòr aig a chèile ri bràthairean; oir, fhad 's a dheanadh uisge-beatha e, cha robh uireasbhuidh orra, 's e aig Rob! Latha de na làithean, sgrìobh e litir a chum a mhnatha, agus chuir e fios gu 'ghille 'each a thoirt as an stàbull, agus dol leis an litir. Fhuair Rob cead dol a chum na stàirsneach, le saighdear 'ga choimheadachd. Thug e'n litir d'a ghille. Thug e ceum no dhà, a chur, mar gum b'eadh, cogar 'na chluais. Bha'n t-each meanmnach na sheasamh, 's 'aghaidh air an rathad. Ann am priobadh na sùl bha Rob an glaic na diollaid, agus sud a mach' e na chruinn-leum, a' cur teine as na clachan, agus steall as na lòn!

Faodaidh an leughadair a bhi cinnteach nach robh Athol tuilleadh 'us toilichte. Chìte e 'suathadh a bias, 's a' cagnadh a shliop, le dorran! 's cha 'bu lugha dorran na Pàrlamaid 'nuair chual' iad e!

Bha teaghlach Raib a chòmhnuidh 'san àm air gabhail Phort-an-eilean. Cha luaithe ràinig e dhachaidh na fhuair bàillidh Mhontrose brath, agus a thainig e air le dòrlach d'a thuath, chum a ghlacadh mu'm biodh e na omhail. Chuartaich iad a thigh sa' mhaduinn mu'n d'éirich e; ach cha luaithe 'thainig Rob a mach, le 'chladheamh mòr fada dà-fhaobhair, 's a sgiath air a ghàirdean clì, na thug na tuathanaich chòir an casan as; agus bha'n t-àm aca!

Ghabh a' Pàrlamaid a nis nàire asda féin, an dà chuid airson

mar ghnàthaich iad Rob, agus airson gu'n d'fhartlaich e orra. Ghairm iad, uime sin, dhachaidh an cuid each 's an cuid mharcaichean, 's leig iad a shrian mu 'chluasan.

Fhuair Rob fois a nis, nan gabhadh e fois; ach cha ghabhadh. Cha do dhì-chuimhnich e riamh mar ghnàthaich Diùc Authail e, agus chuir e roimhe gum biodh aicheamhail aige. 'Sann mar sin a bha. Thòisich e ri togail a spréidhe, 's ri 'bhuachaillean a mharbhadh, nan abradh iad gu'm b'òle. 'Nuair chunnaic an Diùc so, chuir e uaithe aon latha cuideachd de eachraidh, a thainig air mu'n robh e 'na fhaicill, 'na thigh féin, ann an monadh Chaltuarach ann am Balchuidir. Ghlac iad Rob aon uair eile, agus thug iad leo na phrìosanach e air muin eich. A' tèarnadh a sìos bruthach cas, ghabh Rob an cothrom. Thug e dui-leum bhàrr an eich—ghabh e stigh do'n choill, far nach burrainn na h-eich a lean-tuinn—dhìrich e'm bruthach—agus chaidh na daoine dhachaidh leis a' ghad, gun an t-iasg!

Na dheigh so, chuir an Diùc fichead fear 'ga ghilacadh. Choinnich Rob iad na aonar. Sheas e an làrach nam bonn. Tharruing e 'chleidheamh. Thubhairt e riun gu robh fhios aige ciod a bha 'dhith orra; "ach," ars' esan, "mar till sibh an taobh as an d'thainig sibh, bheir mi 'ur closaichean do na h-iolairéan." Shéid e'n dùdach àrd-fhuaimneach. 'Nuair chunnaic na daoine mendachd an duine, sealladh a shùil, agus cudthrom 'airm, bu bhuidhe leo tilleadh gun bhuille 'bhualadh; agus shaoil iad cuideachd gu'n tugadh an dùdach a ghillean orra.

Ged bha Rob Ruadh na chullaidh eagail fhad 's a chaidh ainm, bha gaol agus àrd mheas aig a chàirdean agus a chinneadh féin air. Bha e caomhneil truacanta ri fear an anacothrom, gu' sònraichte ris a' bhantraich agus ris an dilleachdan. Mar dhearbhadh nach robh e gun mheas 'na dhùthaich féin, innsidh sinn an naigheachd aithghearr a leanas:—

Bha suim mhòr airgid aig fear anns a' Ghalldachd air Rob, agus cha robh fios aige ciamar a gheibheadh e pàigheadh. Mu dheireadh thairg maor-rìgh, a nhuinntir Dupéidin, nam faigheadh e seisear dhaoine d'a thaghadh féin, nach robh Rob Ruadh, no fear eile de 'ainm ann an Gàeltachd na h-Alba, nach tugadh e dhoibh air làimh. (An sgimileir gun toinise! cha robh fios aige ciod a bha e 'g ràdh; ach ch'è sin mar theid dha.) Bha'm maor-rìgh na bhuathal calma misneachail, 's chaidh duais mhòr a thairgse dha nan tugadh e Rob gu caisteal Shri-la. Ragh e 'ghillean; ghlac iad an claidh'ean 's an cuaille, 's bu chà'm 'us dìreach gach rathad gus an d'ràinig iad an aon tigh-òsd a bha ann am Balchuidir. Chuir fear-an-tighe amharus nach robh rud còir air bith am beachd nan coigreach starbhanta làidir. Fhuir e 'mach fath an turais, agus leig e fios gu Rob mar bha. Dh'fharaid am maor-rìgh nis de fhear-an-tighe e'ait' an robh tigh Rob Ruaidh Mhic-Griogair. Rinn fear-an-tighe seòladh-corraig air; 's thubhairt e ris, ma bha e dol a chur bruailean air Rob, gun dol ní b'fhaide, airneo gum biodh teas a chorraig 'na chuimhne. Chur am maor so an suar-

achas. Dh'fhàg e 'chuid ghillean air chùl cnoic, agus chaidh e leis féin a stigh do thigh Raib, feuch ciod a chitheadh no 'chluinneadh e. Ràinig e, 's fhuair e Rob aig baile. Thubhairt e nach robh ann ach fear-falbha a chaill a rathad, 's a thainig a stigh a leigeadh 'analach. Sheòl Rob gu sìobhalt' a stigh e do sheòmar nan arm, far am fac' e, gach taobh a thionndadh e,

Cha b'e cùrtean mìn de'n t-sìod',

Cha b'e dealbhan faoin gun prìs;

Ach nithe b'airde feart 'us rath,

A ghlacadh ann an iomad cath.

Pìob-mhòr nan toll, is àille suaime;

An claidheamh, 's e air leth bhò'n truaill;

An sgiath, 's a' ghòrsaid, 'us an t-sleagh;

An còrn a' chunnaic mìle fleagh;

Tuagh, 'us targaid, 's taipheid gheur;

Bian ballach 'us ceann an fhéidh;

Fiaclan uamhasach an tuirc;

Croic-cheann cabarach a' lhuic;—

Bha sud an crochadh, cuairt mu'n cuairt,

An seòmar so Roib mhòir nam buadh!

Nuair chunnaic am maor-rìgh so, shaoil e gu'n robh e anns an àite nach abair sinn; ach nuair ghlas Rob an doras air, 's a chunnaic e os a' cheann duine an crochadh air anhaich, thug e sgrìach as a thug Rob air ais. Dh'fheòraich e ciod bha 'cur air. Ars' esan, "An e duine marbh tha'n crochadh an sud?" "Tut, a mhiapaire," arsa Rob, "cha'n 'eil ann ach biast de mhaor-rìgh a thainig do'n tigh an là roimhe, a chroch mi; ach cha d'fhuair mi ùine fathast a thiodhlacadh." Tuigeadh an lughadair nach robh anns an fhear a' bha'n crochadh ach duine-bréige fad na h'ùine. Coma' co dhiùbh, 'nuair chual' am maor so, ghabh e chuige féin e. Ged bu spag-luinneach a' fàgail Dhunéidin e, thainig a nis-laigse mu' chridhe—thainig sgleò air a shùilean—agus, mu'n robh ùine aige 'anam earbsa ri Dia, thuit e ann an neul, na chorp marbh air an ùrlar! Nuair chunnaic Rob so, dh'òrduich e 'thogail a mach, agus a thilgeadh do'n abhuinn, "agus faigheadh e mach mar is fearr a dh'fhaodas e." Thainig ceathrar laoch a' thiota. Rug gach fear air ceathramh dheth, agus thug iad urchair dha beò slàn do'n abhuinn. Cha bhuileach a chaidh an t-uisge thairis air na thainig boire-beò ann, agus a rinn e grèim-bàis air stoban a bha ri bruaich na h-aibhne. Nuair chunnaic a chompanaich mar bha, thug iad an aghaidh air a' mhonadh; ach shìn fir, agus mnathan, agus clann-bheag a' ghlinne orra; agus an deigh breith orra, bhog iad gach mac-màthar dhiùbh anns a' cheart abhuinn! Nuair dhraghadh gu tìr iad, mar ucsaidhean leth-mharbh gun chli, fhuair gach fear breab ann an àite tìnghe sultmhor àraid, far nach deanadh i mòran ciorram, agus leigeadh cead an cas dhoibh. Ruith iad mar bha iad—fìuch; fuar, àcrach—agus an d'ràinig iad Strìla. Dh'innis iad an so mar thachair, agus mòran mòran nach do thachair. Chreid ceannard an airm iad, agus a chlisgeadh dh'òrduich e cuideachd de

shaighdearan air falbh, a chum Rob a ghlacadh. Air an rathad chunnaic buidheann de na Griogaraich iad. Chuir iad amharus mar bha 'chùis, agus chuir iad gille-ruith a thiota air falbh rathad eile, a thoirt fairbheanadh do Rob. Mu'n d'ràinig na saighdearan, bha Rob am mullach nam beann! An deigh seachduin a chaith-eamh a' rùrach, 's a' rannsachadh, 's a' dìreadh cinnoc, 's a' tèarnadh ghlac, thug iad mu dheireadh thairis. Ghabh iad cairsteal na h-oidhche ann am bothan fais, air leapaichean de fhraoch ùr uaine. Thainig na Griogaraich, 's chuir iad sop teine ris, air eagal gum faigheadh iad fuachd. Chaidh aon duine 'losgadh, le urachair thuiteamais; agus airson chàich dheth, thug iad an aghaidh air Strila.

Tuille 'san ath Chuairtear.

MACTALLA.

Eilean Chola, 1842.

DÀN SHOLAIMH.

CÀIB. VIII.

'S truagh nach b'ann mar bhràthair thu,
A dhèdthail cìoch mo mhàth'r!
A mach nam faighinn, phògainn thu;
A's orm cha deantadh tàir.

Do thigh mo mhàthar bheirinn thu;
Uaip' fòghlum gheibhinn fòs:
A's fion de shùgh mó phomgranait
Dh'aontaichinn thu gu òl.

A chli-làmh bhiodh gu càirdeil caomh,
Gu rùnach sìnt' fo m' cheann;
A dheas-làmh bhitheadh, mar an ceudn',
Mu m' thimchioll féin 'san àm.

A nigheana Ierusalem!
Cuiream mar fhiachaibh oirbh,
A's fòs air eilid agus earb
Tha 'ruith air beanntaibh doirbh,—

Nach cuir sibh dragh air fear mo ghràidh,
Annsachd a's rùn mo chléibh—
Nach dùisg sibh esan as a shuain,
Ach 'nuair is àill leis féin.

Có i tha 'teachd o'n fhàsach 'nìos,
'S a taic air fear a gràidh?
Fo chraoibh nan ùbhlán thog mi thu:
An sin bha saothair do mhàth'r.

Cuir mis' mar sheula air do chridh',
 Air d' ghàirdean mi mar sheul':
 Oir làidir mar am bàs tha gràdh;
 Mar uaigh an-ìochdmhor eud:

Is éibhle teine 'éibhle-san;
 Ro gharg a lasair 'ta.
 Uisgeachàn lionmhor, tuiltean mòr,
 Gu sìor cha bhàth iad gràdh.

Nan tugadh duine uile mhaoin
 A thighe airson gràidh,
 Gach duine dheanadh fanaid air,
 A's mheasadh e le tàir.

Tha againn piuthar òg a's maoth—
 Seadh, piuthar bheag gun chloch;
 A's air a son ciod 'nithear leinn
 An là a dh'iarrar i?

Ma's ball' i, togar oirre leinn
 Lùchairt de dh'airgid lìomh;
 Ma's dorus, dùincar mar an ceudn'
 ' Le bòrdaibh seudair i.

Bu bhalla mi, 's mo chlochan bha
 Mar thùraibh mais each àrd:
 'Na shùilibh bha mi 'n sin mar aon
 A fhuair deagh-gean a's gràdh.

'M Baal-hamon bha aig Solamh^hlios,
 'S luchd-coimhead chuir 'na dhàil:
 Airson a thoraidh bha gach fear
 'Toirt mìle bonn mar mhàl.

Am fion-lios 's leams', fo m' chomhair tha:
 Do Sholamh mìle bonn,
 A's dà cheud bonn tha dhoibhsan fòs
 'Bhios coimhead toraidh 'n fhuinn.

O thus' 'snà liosaibh 'ghabhas tàmh,
 Tha d' chàirdean 'cluinn' do ghuth:
 Thoir orms' a chluinntinn mar an ceudn',
 A's ni e àit mo chruth.

Dean cabhag 'nisc, 'fhir mo ghràidh!
 Mar earba bi an luath's;
 No fòs mar laogh an fhéidh, a bhios
 Air beanntaibh spìosraidh shuas.

BUIL EAGALACH ANA-MEASARRACHD.

'SANN le mòr thaitneas a's riarachas-inntinn a tha luchd-leughaidh a' Chuairteir a' faicinn anns gach àireamh a tha 'teachd da'n ionnsuidh o mhìos gu mìos, sgeulachd a's eachdraidheachd o'm faod na Gàidheil, a's luchd-àiteachaidh tìr nam beann, mòr bhuanachd a's fòghlum fhaotninn a thaobh nithibh aimsireil agus spioradail; agus ma mheasas sibhse an sgeul fhirinneach a leanas airidh air àit anns a' Chuairtear, nuair uach bi sgeul nì's feàrr aig 'ur làimh, cuiridh mi da'r n-ionnsuidh e mar a bha e air aithris le duine fireanach urramaicht' air a' bheil mi eòlach.

Cha ruig sinn a leas a dhol a nochdadh air an àin cia iomchuidh 's a tha e do thuathanaich og, cho maith ri muinntir eile, a bhi measarra, dìchiollach, deanadach, ann an toiseach an làithean. Tha cleachdainnean maith no òle furasd fhòghlum, ach tha e mòran nì's doirbh cùl a chuir riu. 'Sann gu sònraichte an tùs ar beatha is còir dhuinn a bhi air ar faicill roimh shannt na dibhe làidir; oir aon uair 's gu bheil a' mhian so air teachd gu àirde mhòir, cha'n fhada gus an teid a' mhaoin 's an saobhbreas a bha air an tional ré bhliadhnaichean a sgapadh air a' ghaoith, 's cha'n 'eil nì air fhàgail 'san t-sealladh ach truaighe a's bochduinn. 'S coma co dhiùbh cia sealbhach 's a dh'fhaodas duin' a bhi ann an saobhbreas a's cliù a chosnadh—'s coma co dhiùbh cia làidir 's cia lìonmhor a dh'fhaodas a chàirdean 's a dhaimhean a thaobh na feòl a bhi,—aon uair 's gu'n d'fhuair tart na dibhe làidir làmh-an-uachdar air, faodaidh e'n sin slàn shiorruidh a gliabhail de gach nì 'bha roimh so 'ga dheanamh sona—a bha 'ga dheanamh na chulaidh-fharmaid d'a naimhdean, agus na aobhar-uail a's riarachas-inntinn d'a chàirdean. Dh'òl e nis gus am boinne mu dheireadh an lànachd a bha aon uair de 'bheatha ann an cùpan an t-sonais, a bha 'cuir thairis 'na làimh; agus cha'n 'eil nì sam bith air fhàgail aige ach bochduinn, a's truaighe, a's tarchuis—na chùis-iomaguin a's mhulaid d'a theaghlach 's d'a chàirdean. 'Se so earrann de mheasan ruidh-tearachd a's misge, agus nach urrainn am misgear a sheachnadh. Tha peacadh na h-ana-measarrachd a' tarruing a pheanais fèin 'na lorg. Tha so dìreach mar bu chòir da' bhi. Chuir e cùl ri càirdean, maoin, a's sonas, le meid a dhéigh air an deoch phuinnseanta; agus ma's e 's gu'n do thréig an saoghal 's a chàirdean e, thoill e a' chrìoch thruagh so 'thighinn 'na charamh, a chionn 's gu'n d'rinn se e fèin neo-chomasach air comunn a chumail ri muinntir nach 'eil air an ciall 's an reusan a chall le mì-stuamachd.

Tha 'bhi 'cuir suas tighean-òsd' ann an coimhearsnachd bheag de thuathanaich air an dùthaich gu bitheanta airson mòr chailldach, cha'n e 'mhàin do'n ghinealach a tha 'làthair, ach do ghinealaichean ri teachd. Cho luath 's a tha aon de na tighean-òil so air an 'cuir suas am measg muinntir a tha 'soirbheachadh mar bu mhiann leo

'nan gnothaichean saoghalta, tha iad so air ball air an tathaich le sean a's òg. Tionalaidh iad do 'leithid so do dh'àite chum naigheachdan fhaotuinns a thoirt; agus cha'n 'eil uair a thachras doibh dol do'n tigh-òsda, nach coinnich iad ri caraid, ris nach urrainn iad dealachadh gun *dram* a thoirt no 'ghabhail. 'Sann mar so tha sannt na dibhe làidir, agus ro dhéigh air suidhe 'measg luchd-phòit, a' cinntinn uidhe air uidhe. Tha dearmad a nis air a dheanamh air an gnothaichean saoghalta; 'sann ainmig tha cùisean an teaghlach a' tighinn 'nam beachd; agus an ceann ùine ghearr, tha iad a' tuiteam gu domhainn ann am féich. Tha'n sin luchd na féiche 'teachd, gu'n cuir thuige gu dian chum na féich a phàigheadh; agus fadheòidh, tha'n dachaidh, am nathan, an cuid cloinne, 's ma dh'fhaodt' an aithrichean, air an toirt thairis do lamhan choigreach.

Bha sinn eòlach air nathanach a thainig ann an tùs a làithean, le stuamachd a's dìchioll, gu seilbh a's còir laghail fhaotuinns air mìr fearainn anns an robh mu thuaiream trì cheud acair de thalamh ro mhaith. Phòs e bean a bha na h-ura-chuideachaidh iomchuidh air a shon anns na h-uile dòigh, agus a choinn-lion gu dileas suilbhir a dleasnas mar mhnaoi 's mar mhàthar teaghlach. An ceann aimsir bha teaghlach lìonmhor aca, gu h-àiridh de mhic; agus thug am fearann am pailteas de na h-uile nì 'bha feumail airson an cumail suas; agus air lorg a dhìchioll, a stuamachd, 's na h-uile nì 'bhi 'soirbheachadh leis, bha e, a réir coslais, ro shona. Cha robh luchd na féich 'ga thagradh. Chaidh bliadhnaichean seachad oscionn an teaghlach so, agus cùisean mar so a' cinn-eachadh leo, 'nuair bha tigh-òsd' air a chuir a suas 'nan coimhearsnachd, airson aoidhealachd a thoirt do luchd-turuis. Rachadh e an dràs 's a ris a dh'amharc air fear an tigh-òsda, a fhuair e na chompanach cho aoidheil shuairc, 's nach b'urrainn da dealachadh ris gun ni-eigin a thaisbeanadh airson a chaoimhneis. Air àmannan eile, choinnicheadh e cuid eile de 'choimhearsnachd an so, agus dh'fheumadh iadsan suidhe sìos 'na chomunn, gu beagan conaltradh a bhi eatorra mu dhiadhachd, mu ghnòthaichean na rìoghachd, agus mu naigheachdan coitichionn an latha. Cha robh air tùs aca feasgar a nis 's a ris air an caitheamh air an dòigh so, ach cha b'fhada gus an d'thainig so gu bhi na chleachdadh cumanta. Thainig iad fa dheireadh gu suidhe na b'anamaiche 'san tigh-òsda; agus, chum a companach a ghreasad dhachaidh roimh mheadhon-oidhe, chuireadh a bhean bhochd fear de 'cuid mac gu sanas a thoirt d'a athar gu robh thide dha teachd dhachaidh—gu robh a chlann uile air dol do'n leapaichean, ach e féin 's a mhàthar, a bha feitheamh gu h-iomaguineach air a shon. Gidheadh, fathast cha b'urrainn da a' chomunn thaitneach 'san robh e fhàgail—dh'fhenm-adh iad tuilleadh còmhraidh a bhi eatorra, agus aon ghloine eile a bhi aca mu'n dealaicheadh iad. Bha'n oidhe fada, a's dh'fhaodadh gu leòir de chodal a bhi aige gu maduinn. Air an dòigh so, bha e 'cuir ùine seachad, 's a' cuir impidh air a mhac fuireach tiota

beag fathast; agus thairgeadh e gloine de'n deoch làidir d'a mbac, gus mu dheireadh, le sìor theachd a mhic do'n tigh-òsda gu 'athair a thoirt dhachaidh, thòisich e air tlachd a bhi aige sa' chomunn, a's comh-roin a ghabhail maille rin. 'Nuair a chunnaic a mhàthar bhochd iomaguineach cunnart a mic bu shine, chuir i sin am fear a b'òige na esan, a dh'fheuchainn am b'urrainn esan impidh a chuir air 'athair teachd dhachaidh na bu thràthaile. Cheadaich an t-athar truagh dàsan mar an ceudna òl, gus nach robh an deoch làidir mi-thaitneach dha.

Chaidh beagan de bhliadhnaichean seachad mar so. Thàinig an t-athair gu bhi na dhearbhl mhisgear. Thuit gnothuichean na tuathnachais air guailnibh a' mhnatha, oir bha'm mac bu shine mu'n àm so air fàs na phòitear deanta. Bhريس fadheòidh air slàint' a phàrant. Bha nis làn fhiosrachadh aige, an ùine ghearr, gu'n tionndadh an *t-uisge-beatha* gu bhi na *uisge bais* dha. Rùnaich e gu'n togadh e deth na seann chleachdaidhnean millteach a bh'aige, 's gu'n oidheirpicheadh e air a chaithe'-beatha ath-leasachadh. Ré ùine bhig sheachainn e comunn luchd na pòit, agus 's ainmig a bhlaiseadh e an deoch làidir. Bha e, air lorg so, air aisig chum slàinnt' a's neart. Ach, mo thruaigh léir! thòisich e a ris air dol do'n tigh-òsda, agus an ùine ghearr chàraicheadh e ann an caol-thigh thosdach na h-uaigne. Air leabaidh a bhàis, labhradh e gu minig r'a chàirdean 's r'a luchd-eòlais mu ana-measarrachd, 's a thart an deigh na dibhe làidir, mar mhàthar-aobhair a chrìch thruaigh gus an robh e air teachd—gum biodh a dhroch eisimpleir na meadhon chum iadsan a thoirt chum na crìche ceudna; agus is minig a labhradh e, 's na deòir mhòir a' ruith sìos gu frasach o 'shùilibh, mu'n bhristeadh-cridhe a thug e air a mhnaoi ghràdhaich le 'ghiùlan mi-stuama. Le dearmad a dheanamh air a ghnothuichean, thuit e féin 's a theaghlach gu domhainn ann an ain-fhiach. Bha 'smùaintean air na nithibh so, agus gum b'e a dhroch ghiùlan féin bu choireach, mar dhris a's mar dhroigheann 'na chluasaig air leabaidh a bhàis. Beagan ùine mu'n d'eug e, bha 'nàdur 's a ghiùlan air atharrachadh gu mòr athaobh a theaghlach. An àit' a bhi na fhear-pòsda 's na phàrant caoimhneil carthanach, mar is cuimhne leinn 'fhaicinn, 'sann le oillt a's uamhunn a chunnaic sinn a nàdur air mùthadh mar aon de dhroch spioradan na dubh-aiginn. Mu mhios mheadhonach a' gheamhraidh so 'dh'fhalbh, thachair duinn a bhi dlùthachadh d'a thigh; 's an sealladh a chunnaic sinn, cha leig sinn air dhì-chuimhne ri'r beò—esan, a's tuadh gheur aige 'na làimh, a' ruith timchioll an tighe an deigh a mhnatha, le aon chiochran maoth air a h-uchd, 's a li-aon eile 'na làimh, a's esan a' mionnachadh gum mortadh e iad uile. Cia millteach oillt-eil buaidh na dibhe làidir! Tionndaidh e an nàdur is caoimhneile 's is suairce chum gairge an leòmhainn. Tha teaghlachaichean anns an robh sìth, a's aonachd, a's sonas r'am faicinn, air teachd gu bhi nan àitean-còmhnuidh do dhroch spioradan na h-ifrinn.

An ceann aon bhliadhna ghearr, bha am mac bu shine air a chuir

na luidhe 'san ùir, ri taobh 'athar. Chinn e air a thoil fhaotuinn de'n deoch phuineanta ann an làthaibh 'òige, 's cha b'fhada gus na strìochd e do'n bhuaireadh; 's a chionn 's nach robh e ach mar ùr-chrann uaine, cha b'fhada gus an d'thug an deoch mhillteach chum ùir a' bhàis e.

Ach cha do stad fathast buaidh na droch chleachdaidhnean a fhuair mic an teaghlaich so, o'm pàrant an tùs an làithean; oir, an ceann dà bhliadhna an deigh so, thòisich an dara mac air a bhi ro dhéidheil air a' phòit, a bha nis air teachd gu aois daine, 's a b'àbhaist d'a mhàthar, 'nuair a bha e na leanabh, a chuir do'n tigh-òsda, a thoirt 'athair misgeach dhachaidh—bha esan a nis gu luath ag abachadh airson an tigh a dh'òrduicheadh do na h-uile bheò. Bha gnè do dhùil aig a mhàthar bhòchd iomaguineach gu'n cuir-eadh e cùl ris an deoch làidir, a chionn 's nach robh e cho trom oirre 's a b'àbhaist da. Ach, mo thruaighe! bha i air a mealladh 'san earbsa thaitneach so, d'an d'thug i caidreamh ann an dùrachd a's treibhdhireas a cridhe. Gus an àm so, cha b'urrainn do na strìdhearan òga so bhi là a dh'èasbhuidh air tomhas mòr no beag a bhi aca de'n stuth mhillteach so; agus air lorg do'n dithis mhic a b'òige 'bhi air an cuir cho tric gu 'cheannach, dh'fhàs iadsan mar an ceudna ro eòlach air 'fheum 's air a bhuidh. Cha luaithe 'bha am mac mu dheireadh air a chàramh fo'n fhòid leis a' bhantraich bhrònaich, na thaisbean an ath mhac a chion do'n òl; 's mar nach robh esan cho làidir, bheòthar, neartmhor 'na phearsa ri càch, cha b'fhada gus an do chrìochnaich a ghiùlan ann am boile eutlaich, agus tha e air an àm air a choinhead ann an aon de na tighean-didinn a tha air an cuir suas airson muinntir a chaidh as an ciall.

Ghiùlain a' bhantrach bhòchd gu foighidinneach leis na trioblaid-ean 's na cruaidh dheuchainnean so. Le dìchioll a's gliocas ann an riaghladh cùisean an teaghlaich, fhuair i am fearann saor o fhéich; 's tha i féin a's càch de 'teaghlach a ris a' mealtuinn pailteas, sìth, a's sonas.

Tha'n sgeul a chaidh a nis aithris, mo thruaighe léir! ro fhìor. 'Se ar n-aobhar mulaid gu bheil staid a's crìoch dheirionach iomad teaghlaich air aghaidh an t-saoghail mhòir so cosinhuil ri staid an teaghlaich ud a chaidh cheana ainmeachadh, air lorg buaidh mhillteach na dibhe làidir. 'Se dùrachd a's ùrnuigh ar cridhe gu'n leughadh na h-uile misgear an sgeula so le ro chùram, ann an lannan am faod e tuiteam, 's gu'n dednaich am Freasdal doibh gràs chum an caithe-beatha ath-leasachadh mu'm bi e tuilleadh a's anmoch, 's mu'm bi an crìoch dheirionnach mar chrìoch dheirionnach an duine thruaigh ud.

EILTHIREACH.

Iar-Amhuinn Phictou,

Mios Dheirionnach an Fhogharaidh, 1842.

CÒMHRADH.

Eachann agus an Cuairtear.

Each.—Mò bhannag air a' Chuairteir rùnach!

Cua.—Fàilt' air Eachann! Chaidh a' bhannag a' fasan, ach 'se mo dhùrachd bliadhna mhàth ùr do Eachann Tiristeach, agus mòran diùbh.

Each.—Chì mi gur e dùrachd na teanga bannag Nollaig a' bhaile-mhòir, ach b'fheàrr leam deagh dhùrachd a' Chuairteir no bannag bu daoire prìs.

Cua.—Tha mi a'd' chomain, Eachainn. 'Se mo dhùrachd dhuìt iomad bliadhna ùr, ma bhios sin airson do mhath féin. Gum bu fada beò thu air cùl an fhalmadair, ann ad *smack* thapaidh!

Each.—Mar sin duibhse—gum bu fada slàn fallain sibh air cùl ur pinn, na'r seòmar seasgair! Ach an cuala sibh mu'n *smack* ùir?

Cua.—Cò nach cuala mu 'déidhinn, a's mu'n turus-cuain 's an deuchainn a bha eadar thu féin 's an sgiobair is ainmeile 'sna ceàrn-aibh sin, eadar Tirighe a's Tobarmhoire? Cha'n e Eòghann a' Bhaile idir a tha 'nam bheachd, ged is ainmeil e.

Each.—Tha mi 'tuigsinn; ach 's beag a shaoil mi gu'n cluinn-eadh sibhse na nithe sin. Air m'fhocal, rinn mi falach cuain air —thug mi an spòrs as na siùil gheala.

Cua.—Bu chomain sin, mar bhi gu'n do theab thu a smùideadh fodha.

Each.—Cha mhise, ach e féin, le 'dhìoras a' cumail oirre. Ach thachair e gu math—fhàil e gu tìr. Tha cuid de dhaoine 'san t-saoghal nach misd irisleachadh beag fhaotuinne.

Cua.—Chuala mi, mar an ceudna, mar a thachair an Sgairinis, an deigh dol air tìr. A' bheil sin fìor, Eachainn?

Each.—Sguiribh dheth. Tha beag ri dheanamh aig an fheadh-ainn a tha 'cuir a mach gach baoghaltas a tha 'tachairt sa' Ghaidh-ealtachd—nach urrainn duine coir ceum a thoirt air 'urlar, no 'aobran a shiachadh, gun e 'bhi air a chur 'am *print*. Cha'n abair mi 'bheag, ach tha in' amharas agam.

Cua.—Ciamar a dh'fhàg thu Tirighe, Eachainn? Bheil e air mhaireann, tìr ìosal an ime?

Each.—Tha e an sud mar a bha e riamh—na ghurraban ìosal uaine, na shuain air uchd a' chuain—gun snim do na sùmainibh atmhor, uaibhreach, a tha, o na chruthaicheadh an saoghal, a shlachdaireachd air a chladaichibh, 's a' bagairt cuir as da.

Cua.—A' bheil pailteas aig daoine bochd am bliadhna?

Each.—Matà, tha, làn phailteas; ach bithidh iad a' gearan 's a' talachadh: agus tha mi a' faicinn gu bheil sin sa' bhaile-mhòr, gearan a's talachadh, co math 's a tha againne. Tha biadh againn, agus is mòr am beannachd sin.

Cua.—Bheil deoch idir agaibh?

Each.—Air 'ur 'n-athais—tha beagan againn. Tha drùdhag againn, a' dol dachaidh airson na bliadhna-ùir.

Cua.—'S mi 'chreideas. Tha mu thimchioll dà-cheud-deug teaghlach ann an Tìrighe, agus, an ceann a chèile, cosdaidh iad leth-chron a dh'fhàilteachadh na bliadhna'-ùir. 'Se sin ochd-fichead punnd Sasunnach, ann an aon seachdain!

Each.—Cha'n abair mi gu bheil sibh fad' am mearachd. Ach amhaircibh ni's dlùithe—amhaircibh air Glaschu, far nach teid stad air òl, a latha no 'dh'oidhehe, 'Dònach no 'Luain, o thoisich gu deireadh na bliadhna; far an suidh na mhathan, gun fhear sa' chuideachd, ag òl. Ach sinne, ged a ghabhadhmaid dileag 'n àm Nollaig, theagamh nach faic sinn deur tuille fad ràidh—air ar tiormachadh suas, air seacadh, gus a' bheil sinn a' tilgeadh nan cearcail.

Cua.—Cha'n 'eil fios agam, 'Eachainn—eadar nìsg-beatha, a's tombaca, a's tea—siucar, snaoisean, a's nithe eile 'dh'fhaodadh daoine deanamh as an aonais—nach 'eil pìread air a' chaitheadh sa' Ghàidhealtachd 's a tha dlùth 'ga màl. Tha aobhar gearain da rìreadh aig na Gàidheil bhochda; ach tha ana-caitheamh 'nam measg cuideachd.

Each.—Cha'n 'eil mi 'ga àicheadh; ach c'àite 'bheil iad 'ga fhòghlun? Cò as a tha na fasain ùra 'tighinn oirnn, a tha 'tar-ruing ana-caitheamh 'nan lorg? Nach ann as a' bhàile-mhòr féin? Tha Glaschu a' milleadh na Gàidhealtachd—a' slaodadh leis gach nì air an dearg fiacail—a' cuir faiteas a's faoineis air an ais. Gach muc a's nìcean—gach ubh a's enò—gach iasg a's maorach, ma's e am balg-losgninn féin—seadh, a h-uile nì a chì sùil, no 'bhlaiseas beul, air an cruinneachadh, a's air an cuir air falbh ann am mùrlagan nan cailleachan Gallda, 's a mach air soithichean na smùide; agus 'nan àite nithe a dh'fhaodamaid a sheachnadh—nithe air nach euala ar n-athraichean iomradh—tea, a's siucar, a's tombaca—calico a's cuidealas, straic a's sìoda, riobainnean a's bonaidean, Beurl' a's baigearachd—a's iomad cleachdadh, a's galar, a's tinneas, air nach tig mi thairis. Ach leigeadhmiad dheth, a's cluinneam naibh naigheachdan an t-saoghail mhòir. 'Bheil cogadh *China* seachad gu buileach?

Cua.—Tha, gun teagamh, a' chùis air a socrachadh gu math, a's gu ro-mhath.

Each.—Gu mòr nì's feàrr na shaoil sinn. Cha robh aobhar a' chogaidh onorach do Bhreatainn—'se nach robh, ged a thuit duinn buaidh fhaotuin air na truagbanan bhochda.

Cua.—Tha sin fìor; ach cha'n 'eil teagamh agam nach e an nì is feàrr a thachair riamh do *China* féin, agus ch' iad sin ri l'ùine.

Each.—'Bheannachd sin Dàsan a tha comasach air math a thoirt 'a òl, agus solus 'a dorchadas. Cha'n e math nan daoine bochd' a bh'againne 'nar beachd, ach airgid a's beartas a dheanamh air an tàile—a thoirt orra beistean a dheanamh dhiubh féin, le opium a chuir 'nan rathad. Mo nàire! Breatainn mòr—rìoghachd na saorsa—rìoghachd chrìosdail! Cha'n urrainn e tighinn gu deagh bhuil. Ach an saoil sibh an diol iad na gheall iad?

Cua.—Cha'n 'eil teagamh nach diol. Dh'fhalbh mòran de na

dollaran a nall. Tha iad mu'n àm so, ma ruigeas iad, an Sasunn.

Each.—Ma ruigeas iad! Matà, a Chuairtear, b'fheàrr leam luchd eile na iad. Cha'n urrainn soirbheachadh 'bhi 'nan cois. Cia liuthad so a gheall iad?

Cua.—Muillion thar fhichead! Nam biodh iad air an sgaoileadh a mach taobh ri taobh, co dlùth 's a luidheadh iad, ann an aon sreath, ruigeadh iad dlùth air ceithir cheud mìle air astar!

Each.—A dhuine chridhe! sreath an àigh! Ach an saoil sibh am bi màlairt mhòr a nis eadar *China* agus Breatunn?

Cua.—Cha'n 'eil teagamh idir agam nach bi, ri ùine; oir cuimhnich thusa, 'Eachainn, gu bheil *China* na dùthaich anabar-rach mòr. Tha i dà mhìle de mhìltean air fad, agus còig-ceud-deug mìle air leud. Tha còrsa, no oirthir fairge, anabarrach farsuing aig an rìoghachd so—làn de chamuis, a's de chalaichean tèaruinte airson luingeas, agus aibhnichean a' ruith troi'n dùthaich a ghiulanadh màlairt an t-saoghail. Agus a ris, cha sluagh borb aineolach muinntir *China*; ach ann am mòran nithe ni's seòlta, ni's teòma, ni's innleachdaich, agus ni's tuigsiche na aon daoine eile air a' bheil eòlas againn; agus cuimhnich gu bheil oscionn trì muillionan gu leth sluaigh 'san rìoghachd. Tha trì cheud a's trifichhead 'sa h-aon muillion, sèa ceud ceithir-fichhead a's trì-deug mìle, a's ochd ceud trì-fichhead 's a naoi-deug, (361,693,879) de shluagh 'san tìr so. Ma thòisicheas na tha'n so air blasad no eòlas a ghabhail air gach seòrsa bathair a th'againne ri thoirt doibh, cò is urrainn a ràdh am math a dh'fhaodas éiridh o'n fhosgladh a thainig mar so oirnn?

Each.—Tha mi 'tuigsinn gu bheil ni's leòir againn de bhathar ri chuir a null d'an ionnsuidh; ach ciod a tha acasan ri thoirt duinne ann an iomlaid air ais, a bharrachd air tea?

Cua.—Tha tea, siùcar, sìoda, spìosraidh (no peabar) de gach seòrsa, cungaidhean leighis, soithichean creadh (ris an abair sinn soithichean *China*), dathan de gach seòrsa, agus iomad ni eile tha 'dhith oirnn; ach 'se'n tea a' chuid is luachmhoire. Cha b'urrainn duinn a bhi as 'aonais a nis.

Each.—'Sann agam 'tha fios—rachadh mo bhean féin air bàinidh mar biodh beagan di aice! 'Bheil fios a nis ciod uiread 's a tha 'tighinn thairis di?

Cua.—Cha'n 'eil dà cheud bliadhna o na fhuair sinn eòlas air. O chionn ochd-fichhead bliadhna 's a trì, thainig a' chend tea do Shasunn—seachd-fichhead punnd. Deich bliadhna an deigh sin, thainig oscionn ceithir mìle punnd; ach ghabh so ùine mhòr mu'n do reiceadh e. Cha robh ach trì cheud punnd sa' bhliadhna air a chosd am Breatunn 'san àm. Cha'n 'eil teagamh agam nach 'eil eilean Mhuile, nach 'eil Thirighe féin, a' cosd a nis uiread 's a chosd Breatunn 'san àm sin. Ach a nis tha uiread 'tighinn de'n duilleig thioram so o bheantan *China*, 's gu bheil a' chis a tha i 'pàigheadh a' togail trì muillion punnd Sasunnach an ceann gach bliadhna, a tha 'dol a stigh do sporan mòr na rìoghachd.

Each.—Ciod a' chis a tha i 'pàigheadh, le'r cead?

Cua.—Dà sgillinn Shasunnaich a's aon sgillinn am punnd, eadar olc a's mhath.

Each.—'Bheil an tea is saoire a' dìol an aon chis ris a' chuid is àirde?—'se sin, 'bheil an tea a tha caileach nan nibhean a' reic air ceithir sgillinn Sasunnach a' dìol an aon chis ris an t-seòrsa airson a' bheil Ban-diùc Earraghaidheal a' pàigheadh deich tasdain? Ma tha, cha'n 'eil e ceart. Bu chòir do Rob mòr, bàillidh na rìoghachd, amharc air a so. Ach is cothramaiche an dòigh a th'ann dàsan, 's da 'leithid.

Cua.—Cha'n esan a riun an riaghailt, 's cha'n 'eil teagamh nach athiarraich e a' chùis.

Each.—Trì muillionan de chis! O, a thea! cha'n ioghnadh leam meas a bhi aig a' Bhan-rìgh air duilleag an àigh! 's tha sin aig mo mhnaoi féin mar an ceudna. 'Bheil Criosduidhean ann an *China*?

Cua.—Tha, oscionn trì cheud mìle; ach cha'n 'eil e air a cheadachadh dhoibh eaglais a thogail dhoibh féin, no aoradh foilleasach a dheanamh, gus a so. Ach a nis cha'n 'eil teagamh nach bi so air a shocrachadh ni's feàrr na 'tha e. Tha eachdraidh na rìoghachd so 'dol fada, fada, air a h-ais—ma chreidear iad féin, gu tùs an t-saoghail; ach cha'n 'eil teagamh sam bith nach robh màlairt eadar *China* agus an Éiphit o chionn mìle bliadhna.

Each.—Ciod an seorsa creideamh a th'aig muinntir an àite so?

Cua.—Cha'n 'eil ùin' agam air an àm sin innseadh dhuit; ach ma chaomhnar làithean a' Chuairteir, a's ma sheasas e bliadhn' eile (mar a dh'fheuchas e 'dheanamh, ma's urrainn da), bheir mi cunntas air a sin an deigh so, a's air rìoghachd *Japan*, a tha dlùth do *China*.

Each.—Ma sheasas e! Cha leigear leis tuiteam. 'Ne gu bheil sibh ag ràdh nach 'eil iadsan a tha 'ga fhaotuinn a' cuir a stigh na gheall iad?

Cua.—Cuid diubh, cuid diubh, Eachainn? Nam faigheamaid na dhìoladh am pàipear 's an clò-bhualadh féin, cha bhitheamaid a' talachadh. Ach is éigin duinn sgur air an àm.

Each.—Air 'ur n-athais. Ciamar a tha na gnothaichean ann an Innsean na h-àirde 'n ear a' dol air an aghaidh?

Cua.—Thà dìreach co math 's a b'urrainn duinn iarraidh. Bhuaidhaich sinn thairis air na h-*Affghans* anns gach blàr. Ghlac sinn an àiteachan làidir. Smùid sinn an caistealan gu làr, 's gach daingneach a bhuineadh dhoibh. Thug sinn air an ais na prìosanaich a bh'aca an sàs. Thug sinn làn dìoghaltas a mach orra, a's phill sinn dachaidh do ar n-àiteachan féin—thréig sinn an dùthaich.

Each.—Aicheamhail gu dearbh, a's dìoghaltas! Da rìreadh, tha anabarr bòsd againn! Ciod a chuir ann sinn—an gnothach a bh'againn ris na daoine bochda? Có 'thug cead no ùghdarras dhuinn dol thairis air na beanntaibh àrd a tha eadar an dùthaich acasan 's na bhuineas dhuinne? Có 'thug cead do Bhreatunn saltairt air gach tìr a thogras i, 's a bratach dhearg a thogail air gach bàrr-bhalla 'san t-saoghal? Innsibh so dhomh, ciod a chuir

sinn a null do thìr *Chabool*, a's tìr nan *Affghans*? Nach e sannt barrachd fearainn—iarradas air barrachd uachdranachd a bhli againn—a thug oirnn éiridh air na daoine sin?

Cua.—Cha'n 'eil tìr fad' am mearrachd. Cha robh leisgeul eil' againn gu dol 'nan dàil, ach a chur an cinn fo sinachd. Tha na dùthchanan de'n deachaidh sinn fo rìghrean beaga, no cinn-fheadhna, ach sheas iad le chèile 'nar n-aghaidh; 's an deigh dhuinn toirt orra strìochdadh, dh'éirich iad a suas le foill, a's rinn iad morta nàrach air ar cuid daoine.

Each.—'S a' bheil sin na iongantach? Saoil sibh, nan tigeadh na Frangaich a stigh oirnn, a's buaidh fhaotuinn sa' cheud dol a mach, nach gabhadhmaid a' cheud chothrom a b'urrainn duinn gu'm mortadh 's gu'm marbhadh, 's an sgiùrsadh dhachaidh, le'n earbuill eadar an casan, mar a rinneadh oirne leis na h-*Affghans*? Saoil mi an do chluich pìobairean an airn againne, mar a dh'fhàg iad *Cabool*, “Cha till, cha till, cha till mi tuillidh?” Mo nàire, Breatunn mòr! Thusa, eilean na mòralachd!—an rìoghachd is cumhachdaiche 'san t-saoghal, air tìr no cuan—nach urrainnear do shannt a shàsachadh? Tha againn de dhùthchanan 's de dh'eileanan, anns gach ceàrn de'n t-saoghal, 's nach urrainnear an cunntas; agus gidheadh, 'sann a tha sinn a' sanntachadh barrachd! Sannt an rosaid! is meirg air am faigheadh i làmh an uachdar, agus gu h-àraid sannt fearainn. Cha'n fhaca mi, cha mhòr, duin a bha riarichte le fearann, a fhuair mòran deth. Ged a gheibheadh e baile air muin baile, monaidhean a's srathan a chumadh fichead mìle caora a's mart, ma tha duine bochd 'na dhàil, ged nach 'eil aig' ach craoit, cha stad e gus an cuir e mach e, ged a b'ann air a' bhaigearachd, gu tuille a's tuille fhaotuinn da féin. Mar sin Breatunn. Ach thig a h-uair gu làr. Mar biodh am Freasdal caomh a tha os ar cionn trèaireach, 's fhada o na thainig brèitheanas oirnn airson nan dòighean anns an d'fhuair sinn cuid de na rìoghachdan 's na dùthchanan a bhuineas duinn. Nach 'eil anabarr de dh'Innsean na h-àirde 'n ear againn mar 'tha?

Cua.—Tha craoiteag bheag bhòidheach ann. Tha againn dùthaich anns a' bheil dà cheud gu leth mìle de mhiltean ceithir-oisinneach, an aon fhearann is tarbhaiche 'san doimhan uile—far an cinn gach nì a thig á talamh, no 'dh'fàsas air preas no craoibh. Tha againn ann cend gu leth muillion shnaigh; agus mar nach biodh so nì's leòir, thog sinn oirnn a chuir tìr nan *Affghans* agus *Cabool* fo ar n-uachdranachd. Ach fhuair sinn leasan.

Each.—Mo nàire! Thainig crìoch mhath air dà chogadh a thòisich gu h-olc. Ach saoil sibh am bi màlairt mhòr eadar Innsean na h-àirde 'n Ear agus Breatunn?

Cua.—Gun teagamh, rì h-ùine, bithidh. Nam biodh na daoine truaghà sin air an tarruing o'n aoradh 's o'n saobh-chràbhadh amaideach oillteil, 'sann an sin a bhiodh a' màlairt! Cha'n 'eil i ach na toiseach, ach tha i 'tighlinn nìdh air uidh. Faodaidh seòrsa de bheachd a bhli agad air an fhosglaidh mhòr a thainig oirnn, ma bheir thu fainear gu bheil a nìs fiach còig puinn Shas-

unnach de bhathar air a chuir do dh'Innsean na h-àirde 'n Iar an ceann gach bliadhna a' Breatunn, airson gach anam, eadar bleag a's mhòr, a tha 'tuineachadh nan leanan sin. Tha iad a' ceannachadh, an ceann a chèile, fiach coig puinnnd Sasunnach an t-aon. Tha muinntir *Australia* a' cosd fiach choig puinnnd Shasunn an t-aon mar an cendna. Ach muinntir Innsean na h-àirde 'n Ear, cha'n 'eil iad a' cosd ach fiach sèa sgillinn an t-aon. Cha'n 'eil air an àm a' dol thairis do dh'Innsean na h-àirde 'n Ear, de bhathar de gach seòrsa, ach luach coig muillion puinnnd Sasunnach; ach nan ceannaicheadh gach Innseanach a tha 'tàmh anns na bhuineas duinn féin de'n tìr sin aon *turban* sa' bhliadhna—'se sin, seòrsa de éideadh-cinn de chotan a tha iad a' cleachdadh—agus a h-uile bean aon ghùn de'n chalice is saoire a th'air a dhcanamh,—thàirneadh e fiach leth-cheud muillion puinnnd Sasunnach de bhathar de'n t-seòrsa sin a mhàin.

Each.—Fhalbh, fhalbh; 'sann agaibh féin a tha'n t-eòlas: 's mise 'tha na'r comain. Ach innsibh so dhomh—ciod a th'aca 'san tìr sin gu 'chuir air ais airson na tha 'dhith orra?

Cua.—'S iomad nì sin. Air bruachan aoin aibhne (an *Ganges*), dh'fhaodadh iad uiread de shiùcar a thogail 's a dh'fhònachadh do'n t-saoghal uile. 'Sanu as a sin a tha leth an t-siùcair a' tighinn a tha 'ga chosd am Breatunn. Thainig air a' bhliadhn' a dh'fhalbh, á aon àite (*Calcutta*) a mhàin, fiach shèa-cend-deug a's dà-fhichead mìle do Shasunn; agus b'nràsda so a dhùblachadh ann am bliadhna no dhà. Thainig sa' bhliadhna 'chaidh seachad fiach dà cheud mìle de ghuirmean as. Tha cotan a' fàs co pailt ann, 's gum faod sinn a bhi á eisineil America air a shon. Thainig coig muillionean de phuinnnd pheabair as an uiridh—fichead mìle tunna *rice* (seòrsa gràin a tha fallain, priseil)—a bharrachd air anabarr de gheir, ùilleadh, leathrach, cainb, tea, opium, sìoda, cungaidhean leighis, agus iomad nì eile nach urrainn domh ainmeachadh air an àm. Ma theid an dùthaich mhòr so air a h-aghaidh mar a tha i 'deanamh air an àm, cha ruig Breatunn a leas puinneag chàil a thoirt airson rìoghachdan an t-saoghail, ged a dhùineadh iad gach cala oirnn, 's nach leigeadh iad soitheach Sasunnach nan còir. Ma theid an dùthaich so air a h-aghaidh, agus ma ghabhas *China* bathar uainn, mar a tha aobhar dòchais, cha'n urrainnear de mhuillnean-cotain a thogail na chumas riu, ged a robh gach eas, a's uisge, a's gaath 'san rìoghachd a' tionndadh mhuillnean!

Each.—Sin sibh, a Chuairteir. Tha mise 'ràdh ribh gu bheil de dh'uisge 's de ghaoith sa' Ghàidhealtachd féin na thionndadh muillnean an t-saoghail. Nam biodh muileann fo gach eas am Muile féin, a's muileann air gach cnoc air a' bheil gaath, 's iomad iarua chotain a dh'fhighheadh iad an ceann bliadhna! Ach coma, tha mi 'faicinn na tha na'r beachd—gu bheil da rìreadh fosgladh mòr, do réir coslais airson còird a's màlairt.

Cua.—Nach mòr an nì do Bhreatunn a bhi á eisimeil America a's Russia? Saoil, nam biodh America air cotan a dhiùltadh dhuinn o chionn bliadhna no dhà, 's mar sin stad a chuir air gach

muileann-cotain 'san rìoghachd, cìod a thachradh. Tha sinn air an àm a' pàigheadh muillion punnd Sasunnach airson cotain a's tom-baca; ach ann an ùine ghoirid thig as na h-Innsibh an Ear barrachd 's is urrainn dhuinn feum a dheanamh dheth. Tha air an àm dà cheud muillion de dh'acraichean fearainn ann a tha fàs, air nach 'eil crann no caibe 'dol, a chuirear gu feum; agus muillionan de shluagh nan tàmh, a dh'òibrichheadh airson dà sgillinn ruaidh 'san latha. Mar so, faodaidh beachd a bhì agad air luach na tìre so, agus cho taingeil 's ba chòir dèanam a bhì nach do chaill sinn i. Agus a nis tha aon ri agam ri labhairt mu na ceàrnan iomallach so a chuir Dia 'na fhreaghal fadainn, 's a thug e thairis duinn—'se sin, co dleasnach 's e tha e do Bhreantunn eòlas slàinteil a thoirt doibh, agus a h-nìle saothair is urrainn duinn a chleachdadh chum an tarruing gu saorsa oinne Dhé. Cha'n ann a chum beartais a dheanamh dhuinn a thug Dia dhuinn iad, ach a chum sinne 'dheanamh, na bhuil, gu nìthe is fearr na airgiod a's òr a thoirt dhoibh—san—chum an sùilean fhosglaidh, 's an stiùradh d'a-ionnsuidh-san a thainig 'gan tèarnadh.

Each.—Tha sin ceart; gun teagamh, tha.

Cua.—Tha, 'Eachainn; ach an saoil thusa an dealaich muinntir Thirighe 's na Gàidhealtachd ri uisge-beatha na bliadhn'-àire chum so a dheanamh? Tha nis leth-chrùn air a chosd anns a' chuid is mò de thighean air feadh na Gàidhealtachd ann an uisge-beatha. Cò meud leth-chrùn a tha air a thoirt airson so?

Each.—Tha eagal orm nach 'eil mòran.

Cua.—Slàn leat!

Each.—Mar sin duibhse, a Chuirteir rùnaich!

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

P. CAMPBELL & CO., BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; Tullymet: C. Morris; Dingwall: A. Keith; Dornoch: Wm. Munro; Tain: James Ross, Jun., Druggist; Thurso: Mrs Russell; Dundee: Wm. Middleton; Oban: J. Miller; Greenock: A. M'Iver; Grantown: A. Cumming; Abernethy: D. Gordon; Dunkeld: D. M'Donald; Portree: A. M'Donald; Balachulish: J. M'Innis; Lochgilphead: N. Gillies; Argyle Furnace: A. Gillies, Schoolmaster; Lochdonhead, Mull: D. Fletcher; Bonaw: John Cameron, Postmaster; Aberfeldy: D. Cameron, Bookseller; Port Ellen, Islay: D. Hunter; Glencarradale: N. M'Donald, Schoolmaster; Bunessan, Mull: Donald M'Lean, Postmaster; Fort-Augustus: J. Forbes; Aberarder: John Rose, Schoolmaster; Inverness: James Smith; Kilmorack: J. Rose; Lochalsh: D. Matheson, Ardelve; Portree: Alex. M'Donald, Esq.; Kintail: D. M'Rae, Postmaster, Lochbuy; Mull: John M'Dougall, Schoolmaster; Beaul: Rev. A. M'Kenzie, Kiltarlity; Easdale: D. M'Intyre; Glencra: A. M'Innes; North Balachulish: Allan Cameron, Schoolmaster; Killin: D. Campbell, Kiltire; Laggan, Invergarry: J. Fraser, Schoolmaster; Nova Scotia: Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq., Charlotte-town, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI 'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÌOS-DEIRIDH A' GHEAMHRAIDH.

AN 36 ÀIREAMH.] FEBRUARY 1, 1843. [PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Sermon for the Young, page 311.—James Gavin the Covenanter, account of, 318.—Review of a New Gaelic Work, 321.—Naomhan's Hymn, 321.—Lament for an Aged Father, 322.—Life and Exploits of Rob Roy M'Gregor, Part IV., 322.—Ants, Interesting account of, 327.—Battle of Invernahaven in Badenoch, 331.—Carrier Pigeons, 331.—Emigration—Condition of the Highlanders who Emigrated from the Island of Lewis to Canada, in 1838, 1841, 1842, 335.

SEARMOIN AIR SON ÒIGRIDH NA GAIDHEALTACHD.

Do bhrìgh gu bheil e beo gu sìorruidh gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son.—
EABH. Caib. 7—25.

THA gach ùrnuigh a tha sinn a' deanamh air a togail a suas ann an ainm Chrìosd, agus tha gach nì a tha sinn ag aslachadh air Dia air iarraidh air sgàth Chrìosd. Dh'fhaodadh seann saighdear dol gu dorus an Rìgh agus cuideachadh iarraidh air a shòn fèin agus air son a theaghlach, ach dh'fhaodadh e' bhi nach b' urrainn da 'bheag na mhòr fhaotuinn—gu'n diultadh iad e. Ach na'n tachradh dha paigear no litir a bhi aige na phòca 'n laimh sgriobhaidh an Rìgh, 'g iarraidh air a dhol a dh' ionnsuidh an doruis agus gu'n faodadh e dèirce a's coimheas iarraidh, 'sa gealltinn gu'm faigheadh e iad, an sin bhitheadh barantas aige 'dhol a dh' ionnsuidh an doruis agus iarraidh, agus dh' èisdeadh iad ris agus bheireadh iad dha cuideachadh agus coimheas air sgàth an Rìgh. Dh' iarradh e ann an ainm an Rìgh, agus le carbs' anns a chead a fhuair e—dìreach mar a tha sinne 'g iarraidh ann an ùrnuigh air sgàth agus

ann an ainm Chrìosd. Freagarar iarradas an t-seann saighdear air sgàth an Rìgh, agus freagarar ùrnuigh a chrìosduidh 'san dòigh chendna air sgàth Chrìosd.

Cha'n eil e comasach do neach air bith a bhi sona as eugmhais caraid a bhi aige, agus tha 'h-uile duine glic a feuchainn mar is fearr a dh' fhaodas e caraid a bhi aige anns am faod e earbsa. Ged a robh e na dhuine gòrach peacach aimeadach air dhòighnean eile, feuchaidh e caraid a bhi aige. Cha'n eil e comasach do neach a bhi sona gun charaid a bhi aige 'chum a bhi subhach leis na shonas agus duilich leis na bhròn: mar bi caraid a thaobh-eigin aige is 'eigin da a bhi mì-shona. Faic leanabh beag—caileagan a's balaichean òga—ni iad companach de dh'uan, de chù, de chalaman-labraidh iad riutha, suidhidh iad leo, a's ni iad companas ruitha. Coma 'ta so? Tha do bhrìgh gu bheil e a reir an nadair a thug Dia dhuinn, càirdean iarraidh a's càirdean a bhi againn—feadhainn ris an dean sinn companas, ris an labhair sinn, aig a bheil gràdh oirne, a bhitheas subhach no dubhach mar a bhitheas sinne. 'Nis innsidh mi dhuibh na' tha 'am bheachd leis a so:—Bha Innseanach còir 'an America mu thuath 'o cheann bheagan bhliadnaichean, a fhuair baile math fearrainn 'o na daoine geala—na Sasunnaich—saor dha féin a's da sliochd gu bràth, mar dhuais air son a dheadh ghiulain 's a chairdeas seasmhach. Thog e a thigh air an fhearran, agus an sin bha e féin 'sa theaghlach a' tàmh. Bha mòran Shasunach—daoine geala—dlùth dha. Bha iad suarach mu dhéidhinn do bhrìgh gu'm b' Innseanach a bh' ann. Cha robh deigh ac' air, a's cha mhò a nochd iad càirdeas air bith ris—'se sin cha robh iad mar chàirdean da. Cha robh aig ach an t-aon leanabh, a's dh'fhàs ainm mac so tinn agus chaochail e. Cha deach a h-aon de na daoine geala ga choimhead, na gu labhairt ris 'an am a bhròin—ni mò a chaidh iad a chuideachadh leis corp a mhic a chur fo 'n ùir. Latha na dha 'an déigh so thainig e a dh' ionnsuidh nan daoine geala agus thubhairt e riuthe, “'Nuair a chaochail mac no nighean an duine ghl bha an t-Innseanach brònach—shil e a dhéoir, chuideach e léibh an uaigh a chladhachadh, agus an fhoid a chuir thairis orra. Ach chaochail mac an Innseanaich thruaigh, 's cha d' thainig aon duine geal 'na chòir. Cha robh mulad air a h-aon agaibh—rinn mi uaigh mo mhic leom féin. Cha'n urrainn mi fuireach 'san àite so ni's faide—cha'n eil caraid agam ann—aon duin' aig a' bheil gràdh orm. Tha sibh suarach mu'm thaobh—fagaidh mi an t-àite.”

Thog an t-Innseanach bochd air as an fhearran shaor a fhuair e. Thog e corp a mhic air mheadhonn oidhche, agus ghiulain e féin 'sa bhean corp an leinibh da chéud mìle, troimh choille 's troimhe fhàsach, gus an do ràinig e, àite 'am measg a luchd-dùthcha féin far an faodadh e caraid a bhi aige. Nach bu mhòr a ghràdh da leanabh—nach bu mhòr an gràdh a bh' aige air caraid? Cha b' urrain da' bhi beo as eugmhais.

Mar sin tha féum againne air caraid a h-uile latha—aon a bhitheas dlùth agus aig a' bheil spéis duinn. Ach an uair a tha sinn lag tinn uirbheasach bochd, tha mothachadh mòr againn air an fheum

a tha againn air caraid dileas. An am bàis, tha mothachadh laidir an sin againn air ar laigse féin, agus air an fhéum a tha againn air caraid—air aon a bhi dlùth, a's aig a' bheil an toill agus an comas cuideachadh leinn. Nise 'se Iosa Crìosd a cheart charaid sin. Bha esan aon nair na dhuine doilgheasach a's eolach air bròn. Cha'n eil deuchainn a tha buailteach dhuinne nach d' fhiosraich esan 'san fheoil, ged a bha e as eugmhais peacaidh—agus mar so tha comas aige cuideachadh leinn 'an am ar deuchainn. Bha esan aon nair 'am péin a bhàis, agus dh' fhiosraich e cia mar is urrainn da cuideachadh, a's furtachd a thoirt duinn 'san am dheuchainneach sin. 'Bheil a li-aon agaibh bochd; bha sesan bochd. 'Bheil a li-aon agaibh òg a's lag; bha esan òg agus lag. Tha air uairibh deuchainnean a's trioblaidean a' tachairt oirbh, a's iomada nì nach tuig an saoghal agus air a' bheil an saoghal aineolach, agus ann an lorg so tha air cridhe lag, agus ar n-anam tròm. Ach is fiosrach esan air gach nì de'n t-seorsa so, agus tha e do ghnàth dlùth a's eolach—toilleach agus comasach—air cuideachadh leibh ma dh' iarras sibh e, agus mar is trice 'thig sibh da ionnsuidh 's ann is fearr.

Ach ged a tha caraid dlùth anns gach am—gach latha fhad 's is beo sin—tha air mhodh araid féum againn air 'an am bàis.

Innsidh mi dhuibh e' arson:—Bha 'n sud aon uair duine araid a's bha trì chàirdean aige—bha e iomad bliadhna a' tàmh dlùth dhoibh, agus càirdeas mor eadara. Ach rinneadh casaid 'an ag-haidh an duine so ris an Rìgh, agus dh'it an Rìgh gu bàs e. Chual' an duine bochd so, a's bha e fo eagal a's fo bhròn mòr. Bha duil aige gu'n robh, gun teagamh, am bàs ri tachairt da 'an ùine ghoirid, a's gu'm fàgadh e a bhean 'sa chlànn ann am bochdainn. 'An déigh iomada latha a's oidheche bhrònach chuir e roinne gu'n rachadh e 'an làthair an Rìgh—gu'm faigheadh e fear-eigin a rachadh leis, agus a labhradh as a leth. Chaidh e a dh' ionnsuidh a thrì chairdean—anns a chéud dol a mach labhair e ris an t-aon do'n d' thug e am barrachd spéis, agus ghuidh e air-san dol maille ris a chum an Rìgh; ach cha rachadh céum—dhuilt se e gn tur—cha ghluaiseadh e fad a choise air a shon. Chaidh e an sin a dh' ionnsuidh an dara caraid—cho-aontaich esan ach cha b' ann gu toilleach. Dh' fhalbh iad le cheile, ach an uair a rainig iad dorus tigh' an Rìgh, sheas a charaid a's cha rachadh e 'stigh air an dorus. Phill e a dh' ionnsuidh an treas fhir do'n d' thug e an tomhas bu lagha do ghràdh, agus ghuidh e a'rsan dol leis. Ghrad chaidh e maille ris. Bha eolas aig' an Rìgh air an fhear so, agus mòr spéis aig' an Rìgh dha. Ghlac e a charaid air laimh a's thug e leis e 'an làthair an Rìgh agus rinn e edarv-ghuidhe air a shon. Dh' aslaich e an Rìgh as a leth, agus thug an Rìgh maithneas do'n duine. Ged a bha e air a dhiteadh, gidheadh air sgàth an duine so thug an Rìgh maithneas da.

'Nis faicibh cìod is ciall da so. Tha trì nithe ann air a' bheil daoine a' smuainteachadh gu mòr, agus air a' bheil mòran speis aca, agus a tha na'm beachd nan càirdean doibh. 'S iad sin an Saoghal—nithe an t-saoghail—airgiod agus òr—maoin a's cothrom

—spréidh—a's gach nì 'th'aige an t-shaoghal so ri 'thoirt seachad-
 'San dara àite an càirdean féin. 'San treas àite Iosa Criosd. Tha
 mòran gràidh againn air a cheud nì—'se sin an saoghal. Tha e
 am bidheantas nì's gradhaiche leinn na air càirdean, agus gu tric
 tha'n tomhas is lagha de ghràdh againn do air Slanuighear. 'An
 là na teinn agus a chruadail tha sin ag amhrac do'n ionnsuidh so
 air son co-fhurtachd, agus a' guidhe orra cuideachadh leinn—agus
 gu h-araid 'an am bàis, 'n uair is eigin duinn dol an làthair an
 Rìgh mhòir. Ach an saoghal agus nithe an t-saoghail, cha'n
 urrainn doibh dol ceum leinn. An uair a tha sinn air leaba bàis,
 cha'n eil iad comasach air furtachd air bith a thoirt duinn, na 'bhì
 na'n cullaidh dhìon air dòigh sam bith 'an am bàis. Sleamhuichidh
 an saoghal a's gach cul taic talamhaidh gu bràth air falbh 'nain.
 Theid sinn an sin a dh'ionnsuidh ar càirdean, aig aslachadh orra—
 san dol maille ruinn, ach céum nì's faide na dorus pàluinn an Rìgh
 mhòir cha'n eil na'n comas dol. Gu dorus a bhàis thig iad, ach
 céum nì's faide cha'n eil na'n comas trial—'an sin gabhaidh iad an
 cead, agus is eigin dealachadh. Ach Iosa Criosd, an caraid air
 nach eil idir niread de spéis againn 'sa tha againn air an t-saoghal
 agus air càirdean eile, faodaidh esan—tha'n comas aige—dol maille
 ruinn gu dorus lùchairt an Rìgh mhòir, agus faodaidh esan guidhe
 agus aslachach as air leth—eadarr-ghuidhe a dheanamh air ar son,
 agus mar so ar saoradh o dhètheadh siornaidh. Tha cuid de dh'
 earbhainean 'am focal Dhe is mian leam sibh a leughadh. Fosgal-
 aibh am Biobull aig I Eoin ii. 1. “Mo chlaunn bheag, na nithe so
 tha mi a' sgrìobhadh do 'ur n-ionnsuidh, chum nach peacaich sibh.
 Agus ma pheacaicheas neach air bith, tha fear tagraidh againn
 maille ris an Athair, Iosa Criosd an fìrean.” A ris aig Litir
 Phòil a chum nan Romanach, Caib. viii. 34. “Co a dhèteas? Is e
 Criosd a fhuair bàs, seadh tnilleadh fòs, a dh'èirich a ris, agus a
 ta air deas làimh Dhe, neach a ta mar an ceudna a' deanamh eadar-
 ghuidhe air ar son-ne.”

Tha sin ag aideachadh nach eil e furasda dhuinn beachd ceart a
 bhì againn air an dòigh anns a bheil Criosd a' deanamh eadar-
 ghuidhe air neamh as leth a phobuill air son na bhàsaich e. Ach
 chomhairleachamaid duibh an seachdaibh Caibideil deng de'n
 t-Soisgeul a reir Eoin a leughadh air ar sochdair, agus ann an sin
 tha e air a leigeil ris fhad 'sa tha e comasach dhuinn beachd a
 ghabhail air no thuigsinn. Dh'fhuiling Criosd as leth a phobuill,
 agus tha e co-sheasamh ri ceartas Dhe maithneas a thoirt do
 pheacaich air sgàth an Tì àird agus naomh a rinn iòbairt réite a
 thoirt seachad agus a dh'fhuiling as an leth—a bhàsaich—am
 fìrean 'an àite an neo-fhìrean. Tha an dòigh anns an urrainn dàsan
 guidhe as leth a phobuill féin air iomada dòigh deallnichte o'n
 dòigh anns am faod aon duine guidhe air son duin' eile. Faodaidh
 esan guidhe air arson do ghnàth, agus cuideachadh leinn do ghnàth.
 'Surrain dàsan so dheanamh; cha'n urrainn sinne. Tha'n comas
 aigese; cha'n eil e againne. Faiccamaid ciamar a tha so a' tachairt.

O cheann bheagan bhliadnaichean bha cuid a dhaoine, ann an

rioghachd àraidh, nach géileadh do lagh na rioghachd, a's nach tugadh ùmhachd do'n uachdran fo na chàradh iad. Bha so na cheannairc a's na ar—amach 'an aghaidh an Rìgh agus laghannan na rioghachd. Measg nan feadhach a rinn so bha aon duine ann a bha gu h-àraidh cionntach osceann chalc. Chuireadh air a dh'euchainn e—shuidh a chùirt—thugadh air an aghaidh na fianuisean—fhuair eas cionntach e, a's bha e air a dhìteadh gu bàs—bàs na croiche fhulang. Bha'n Rìgh an déigh a làmh a chuir ri barantas a bhàis, agus bha'n latha air a shochdrachadh. Ach m' n' d' thainig an latha chaidh duine mòr measail, a bha an barrach gràdhach leis an Rìgh agus aon de chùirtearan, agus thubhairt e ris gu'n robh boirreanach àraid aig an robh toil labhairt ris, agus gu'n do gheall esan labhairt ris an Rìgh air a son—agus ghuidh e air an Rìgh a faicinn agus eisdeachd na bha aice ri' ràdh. Gheall an Rìgh a faicinn—shuidhich e latha agus uair, agus chaidh an t-àrd uasal leithe. Chuireadh a stigh do sheomair i, a's chaidh an Rìgh a stigh far an robh i. Bha ise an sin air a dà ghlùn, agus deichnear phàisdean—mic a's nigheanan—maille rithe, air an glùnaibh mar an céudna. Co' bha'n sin ach bean a's clann an duine a bha air a dhìteadh gu bàs, a's iad ag aslachadh air an Rìgh trècair a dheanamh air an athair agus a bheatha a chaomhnadh. Thainig na deòir mhòr a nuas air gruaidhean an Rìgh—thainig reachd na mhuineal—cha b'urrair da facal a labhairt. Chaidh e' mach, agus 'an ùine ghearr phill e air ais a's paipear na laimh, a' toirt maitheanas do'n duine a bha air a dhìteadh gu bàs—maitheanas saor—sàrlàn maitheanas do'n duine. Thug e so do'n mhuineal—pill i dhachaidh le gairdeachas—dh'fhosglaidh dorus a phrìosan—agus fhuair i a companach, a's riun ise a's esan 's an teaghlach gairdeachas.

'Nis, so agaibh eadar-ghuidhe air son duine 'an làthair duine, ach tha Crìosd a' deanamh eadar-ghuidhe 'an làthair Dhe. Bha so na eadar-ghuidhe air son aon duine, ach tha Crìosd a' deanamh eadar-ghuidhe air son a h-uile h-aon de mhuinntir féin. Bha so na eadar-ghuidhe air son aon bheatha aithghearr, ach tha Crìosd a' deanamh eadar-ghuidhe air son beatha shioruidh. Bha so na ghuidhe air son aon pheacadh, ach tha Crìosd a' guidhe air son ar n-uile pheachdana. Bha so air son caraid, ach tha Crìosd a' deanamh eadar-ghuidhe air son nam feadhach a bha na'n nàimhdean dà. Thearuiun an nì air an robh sin a' labhairt o dhìteadh lagh saoghalta, ach tha eadar-ghuidhe Crìosd a' téarnadh o mholachd lagh Dhe. Na'm bitheadh a h-aon agaibhse, mo chairdean oga, air ar glasadh a stigh ann am prìosan fo bhinn bàis, agus a mhian oirh iarradas a chuir a suas a dh'ionnsuidh an Rìgh, a ghuidhe air son maitheanas, co ris a dhearbsa sibh air n-iarradas agus air guidhe? Co a chuireadh sibh a dh'ionnsuidh an Rìgh leis? Nach cuireadh sibh an t-aon bu mheasaile a b'urrair duibh fhaotuinn 'san tìr—an caraid as an robh am barrachd earbsa agaibh, agus hù mheasaile agus a b'uramaiche 'am beachd an Rìgh? Agus nach e Iosa Crìosd an Tì sin is measaile 'san t-saoghal uile? Nach e an Tì is gràdhaiche leis an àrd Rìgh? Co e ris am bu chòir dhuibh air cùis earbsa a raoghainn aisan? N'am bitheadh sibh dol a dh' earbsa athchuinge no iarradas as leth ar beatha do'n Rìgh, co

ris a dh'earbsa sibh e? An ann ri coigreach, no ri caraid blath-chridh-each aig an robh gaol oirbh, a dhearbha a ghaol, 'sa bha mar an ceudna gràdhach leis an Rìgh, agus àrd na bheachd? Nach ann ris a charaid ghràdhach gu deimhinn? Nach canadh sibh so esan a dh'eisdeas an Rìgh. So esan a tha àrd uramach 'sa chùirt. So esan a tha osceann gach h-aon eile—so mo charaid dileas dearbhtha—agus so easan a chuimhnicheas ormsa. Tha Dia do ghnàth làn thoilichte le 'mhiac féin—mac a ghràidh—agus tha e toileach deonach eisdeachd an uair an nì e eadar-ghuidhe air ar son. Agus nach eil fios agaibh gu' bheil e air a ràdh gu bheil Crìosd comasach iadsan a théarnadh a chum a chuid is faide, a thig a dh'ionnsuidh Dhe na ainm san—do bhrìgh gu bheil e do ghnàth beo gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son.

Tha e air innseadh dhuinn ann an eachdraidh mu dheidhinn duine a bha air a dhiteadh gu bàs air son peacadh a thaobh-eigin anns an robh e cionntach. Bha brathair aige a chaill a làmh, agus a bha air a leonadh gu goirt air iomadh dòigh, a' cogadh air son a Rìgh 'sa dhùthcha, a's chaidh esan a stigh 'an làthair an Rìgh 's na cùirte, a's ghuidhe e as leth a bhràthar. Thog e suas na bha aige de'n laimh a's ghuidhe e orra maitheanas a thoirt da bhrathair air sgàth na dh'fhuiling esan air son a dhùthcha. Chaidh a chùis leis—thug iad maitheanas da bhràthair air sgàth na rinn esan air son a dhùthcha. Mar so tha Crìosd air a leigeil ris duinn mar uan a bha air iòbradh, agus a tha deanamh eadar-ghuidhe air ar son. Nis, mo chairdean oga, thugaibh so leibh agus cùmhuichibh e. Tha ceithir nithibh ann a thaobh Chrìosd a tha ga dheanamh na eadar-mheadhonair, dìreach air gach dòigh fregarach air ar son, agus innsidh mi dhuibh ciod iad na ceithir nithe sin. Air tus **THA E NA AIRIDH**—tha e air gach dòigh fiachail toillteanach agus gu h-uile òirdheirc. 'Nuair a ghuidheas esan as air leth, faodaidh e toillteanas fhala féin, toillteanas a bhàis féin, agus fhàinnteachd a's ùmhachd iomlan agairt as air leth. Tha esan na airidh—na airidh ann féin, oir is e Mac Dhe; agus tha e na airidh air son na rinn e, oir thoir agus choisinn e na 'tha e a' guidhe. O, cia tearuinte clann Dhe—deiscubail Chrìosd! Tha'n t-Athair do 'ghnàth aig eisdeasdachd a Mhic. Cha'n eil e comasach gu'n failheachadh an t-eadar-ghuidhe 'tha esan a' deanamh. Cha'n fhallnich aon nì a' gliabh esan as lainih. Cha'n eigeal dhoibhisan a tha 'g earbsa as—air an cuartachadh mar a ta iad le deich mìle cunnart—bualteach do ghamhlas a's mi-rùn an naimhdean—do chul-sleamhnachadh agus do bhuaireanain do—àireamh. Gidheadh cha'n eagal dhoibhisan air son a' bheil esan a' guidhe—mì-thoilteanach, neo-airidh, mar a ta iadsan—tha esan na airidh agus eisdidh athair e do ghnàth.

A ris, 'san dara àite. Is fiosrach Crìosd air na 'tha dhith oirbh, air ar n-urasaibh. Bha e féin aon uair na leanabh mar a ta sibhse. Is aithne dha gach nì is urrainn cur oirbh—is urrainn dragh, no dorùinn, no trioblaid a chur oirbh. Is aithne dhasan ar cridheachan, ar sinuaintean—cha'n eil nì sam bith air fhalach 'uaithe-san. Tha e eolach air ar n-iarradais, air ar tograinean, air ar n-eagail, air gach uile nì a bhuinneas duibh. Cha'n urrainn duibh nì air bith a chleith 'uaithe; agus mar so, 'n uair a tha e a' deanamh eadar-ghuidhe air ar

son, is fìosrach e air gach nì a b' fhearrrd sibh, agus a tha féumail duibh. Tha e mìle, mìle uair nì's eolaidhe no air mathaireachain no sibh féin—agus mar a tha eolas tha ghliocas agus a ghràdh.

'San treas àite. Tha Crìosd beo do ghnàth gu eadar-ghuidhe a dheanamh air ar son. Tha pàrantan math, athair agus mathair, gach h-aon agaibh a' guidhe air ar son; agus tha càirdean cràbhach, as ministear diadhaidh—ach cha'n fhad is urrainn doibh so a dheanamh. Is eigin gum faigh gach h-aon duibh so bàs—feumaidh iad an saoghal so fhàgail, agus an ùine ghearr cha bhì h-aon duibh ri fhaicinn air aghaidh an t-saoghail mhòir. Ach Crìosd, tha e beo an diugh, bithidh e beo a' maireach—bithidh Esan beo 'n uair a thig sibhse gu bàs, agus a ruigas ar-n-anaman an saoghal sìorruidh. Agus an uair a dh' fhosglar gach uaigh 'sa theid a ghrian fodha a's nach éirich i tuille no gu bràth, agus nach bi gealach no réult air mhairrean, bithidh Esan 'an sin beo gu eadar-ghuidhe a dheanamh air son a shluaigh. Sguabaidh am bàs gach h-aon againn air falbh—ach tha Esan o bhìbhuantachd gu bithbh-uantachd, 's co-ionnan da an diugh a' maireach agus gu sìorruidh.

'San aite ma dheireadh. Tha Crìosd neo-chaòchlaideach. Cha'n atharraich Esan gu dìlinn no gu bràth, agus ciod an t-aon nì eile nach atharraich? Atharraichidh na sìantan—tha craobhan a's blàithean ag atharrachadh, agus gach nì air am faod sùil dearcadh. 'Tha càirdean ag atharrachadh—cuid duibh an diugh dileas gràdhach, gaolach—a' maireach fuar, suarach, cealgach, dì-chuimhneach. Seadh faodaidh sinn uile caochladh agus atharrachadh—a bhì'n drasda subhach sona, a rìs dubhach brònach—a nis gu slàn fallain, a' maireach gu bochd breòite tinn—a nis, gach cuisle 'sa chridhe a' bualadh gu réith làidir, agus 'am prioba na sùl gun phlosg, fuar, marbh. Ach Crìosd cha'n atharraich Esan a chaoidh no gu sìorruidh—cha treig Esan a shluaigh féin gu bràth—cha dibir e iad—cha dì-chuimhnich e iad. 'S eigin gu'm bàsaich sinne—'s eigin gu'n tuit air cuirp 'san ùir, gu'n caideal iad 'san uaigh. Duisgidh sinn a rìs air latha na h-aiseirridh. Ach ged a thachras so, cha'n atharraich Esan—tha Esan beo do ghnàth gu eadar-ghuidhe a dheanamh air son a dheiscubuilt. Do neamh nan néimh chaidh e a dh' uimeachadh àiteachan taimh agus fois air son a shluaigh, agus a chum an ghabhail da ionnsuidh féin 'san t-saoghal ghlormhoir sin. A 'measg gach àilleachd leis a' bheil e air a chuartachadh cha'n eil e car mionaid a dì-chuimhneachadh nan truaghan ìosail air son na bhàsaich e—air son na dhoirt e fuil chraobhach a chridhe. Tha e gu sìorruidh beo gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son. Tha a ghràdh, o shìorruidheachd gu sìorruidheachd—gràdh gun tomhas—gràdh nach urrainnear a thuigsinn aig fheothas agus aig a mheud. O, cia glormhor Esan a tha tagradh cùis a shluaigh air néimh! Ìosa bheannaichte! is beannaichte gu bràth iadsan a dh'earbsa ann a t-ainm!

Bu tùrsach deurach air-arson,
A chaith e' laith' fo'n ghréin;
'S ge h-àrd e nis air deas-laimh Dhe,
Co-mhothaichidh ar péin
Le dànachd naomha, uime sin,

Theid sinn gu chathair-ghràis :

Is fà gach gearrain doirtidh sìnn

Nà fhiannis anns gach càs :

A' chum gu còmhlaidh esan leinn,

Reir saibhireachd a ghràis :

'S gu tugadh e d'ar n-anma lag

Neart agus fois gu brath.

—*Amen.*

SGEUL FÌRINNEACH MU THÌOMCHIOLL SHEUMAIS GABHIN, DUINE CRÀBHACH—AON DE NA CUMH- NANTAICH.

THA dùthaich àluinn suas o Glaschu, m bràigh shioramachd Lanaire ris an canar Gleann Dughlais—aite co tiorail bhoidheach 's tha rà fhaotuinne feadh mhaicraichean nan Gall. 'Sa chearna so de'n dùthaich thachair iomada m' an am a gheur-leannhuinn a rinneadh air luchd a còmhlaidh leis an Eaglais Easbuigich, a tha brònach ra eisdeachd, ach a tha airidh a bhi air a chumail air chuinnire. Thainig mòran de dh' eachdraidh nan làithean dorcha so 'nnas do air n-ionnsuidh, le beul aithris, agus mar an cèudna ann an leabhraichean, agus na measg sin tha an sgeul a leanas :—

Mar a thubhairt sinn, cha'n eil gleann 'san dùthaich is àillidh na gleann Dughlais. Cha'n eil beinn no cnoc, no creag, no uamha, no allt, 'san tìr sin uile, aig nach eil eachdraidh fein fuaighte ris. 'An am na geur-leannhuinn cha robh aite far na thachair nithe bu truaighe na ann an sgorrachd Dughlais. Am measg nan feadh-nach a tharuing a uas orra fein feirg a's corruich na h-Eaglais Easbuigich, bha Senmas Gabhin. 'S an am, an nair a b' iad glion a's gairbhealaich, uamhan a's frògan nam beann, aiteachan dhon a's tainh muinntir dhileas Dhe—aitheachan falaich nan daoine beannaichte sin air nach robh an saoghal na airidh, thug an duine so air dèmbaireachd nam beann a chum cothrom a bhi aige air deagh chogais a ghlèidheadh, agus co—choimunn samhach a bhi aig ri Dhia. Cha'n eil mòran air innseadh dhuinn mu làithean oige an duine mhaith so, ach gu'n robh e na dhuine diadhaidh cràbhach, air an robh, ann an tomhas sonnuichte, eagal a cruth-fhìr agus na fhear leannhuinn dileas air an Tì ard agus ghluimhoir a bhasaich air son pheacach, agus air an robh taic agus earbsa anama.

Bha meas mòr air Senmas Gabhin 'san aite 'san robh e tainh, 'am measg a luchd eglais. 'Se bu chéird da an tàillearachd, agus ann an leantainn na cèirde so, a fàbh o àite gu h-àite, bha e na mhuistear anns gach teaghlach—a deanamh na bha na chomas a chum eòlas slainteil a chraobh-sgaioleadh air feadh an aite, agus aoradh Dhe a chuir air bann anns gach tigh a's teaghlach. Ach cha b' fhad' aig na tharuing an duine coir so 'nnas air fein corruich h-areirg nan daoine borb fadhaich a bha sinbhal na dùthcha, gu a's fàid Claibhearhouse agus a chuid saighdearan. Bha an duine borb an-ìochdmhor so aig an am a' mòrtà 'sa marbhadh gach h-aon nach géilleadh do'n chreidimh ùir a bha iad a sparradh air daoine

'dheoin na dhaindeoin. Cha robh doine na bean, sean na òg 'san tìr, a rachadh a dh' eiseachd ministearan Eaglais na h-Alba, na dhuilteadh dol a dh' eiseachd nan daoine 'ùr a bha air an cuir thairis orra, nach robh air an saltairt fo chasan nan saighdearan, agus air am murt gun deuchainn gun cheasnachadh. Chuala Seumas Gabhìn mar a bha agus dh' fheuch se e fèin a chleith mar a b' fhearr a dh' fhaodadh e. Bha e furachail faicileach—bha fios aige gn' n robh iad air a thòir, agus aig iarraidh gach cothrom a b' urrainn doibh a chum a chuir gu bàs. Cha chaidleadh e 's na tighean 's an robh e aig obair, ach gu bidheanta ann an crò nan caorach cuil an tuim, no ann an rùchd feoir, no ann am hroinn cruaiche mòine, agus gu tric ann an namha no ann an fròig 's a mhonadh far nach b' urrainn marc-shluagh Chlaibhearhouse a leantuinn. An nair a blitheadh e a' taillearachd 's na bailtean, gu h-àraid air an t-srath, b' chleachdadh leis an t-àite fhagail 'san fheasgar, agus àite falaich a thoirt air, oir 's ann 'san oidheche a b' abhaisd do na saighdearan a bhli siubhal na dùthcha. Bha toll fo thalamh, seorsa de fhròig, ann am bràigh a ghlinne, aig bruaich aibhne, anns an do chuir e seachad iomadh oidheche leis fèin, agus cuid de na oidhecheanan bu sholas-aiche a chaith e riann air thalamh, ann an urnuigh ri Dhia—a' faotuinn comh-fhurtachd, o'n fhiosrachadh gur ann air sgàth an t-soisgeul a thainig so uile na rathad.

Bha abhuinn bràigh ghlinn Duglais a' sruthadh as na beanntaibh, 's a tearnadh gu srath o eas gu h-eas, a' siubhal air uairibh gu bras na geal chòbraigich luath o chreag gu creag, 'san sin na h-abhuinn chiun shamhaich mar sgàthan, a' leigeil ris faileas na greine o na spéuran, agus dealbhan nan blàithean boidheach a bha fàs air gach bruaich. Tha coille dhlùth a' fàs air gach taobh de'n abhuinn so—an calltunn, am barach, an sgitheach geur—an t-uinnseann—air an figheadh r'a cheile leis an eidgeann co tiugh a's nach eil e comasach siubhal troimpe. 'S iomada latha a chuir an taillear bochd seachad a' fuaigheal 'sa choille so—'s iomada oidheche a chaideal e 'san uaigneas shamhach so, a chailleach—oidheche 's a calaman fiadh-aich na coille ri'n giùran brònach tiamhaidh os a cheann. Bha drochaid air an abhuinn gu h-ìosal 'sìos o'n àite anns an robh an taillear cràbhach ga chleith fèin, air am b' abhaisd do shaighdearan Cluibhearhouse gabhail mar a bha iad a' siubhal na dùthcha an toir air na daoine sin nach seasamh gach riaghailt 'ùr a bha iad le foill a's foirneart a' toirt a stigh air an tìr.

Air maduinn àraid, gu moch, mu'n robh muinntir a ghlinne air an cois, bha buidheann de mharc-sluagh Chlaibhearhouse a' gabhail an rathaid mhòir 'sa 'dol thairis air an drochaid so. Bha Seumas coir ga chleith fèin 'na fhròig mar a b' abhaisd da, dlùth do'n àite. Bha cù beag, abhag bhoideach aig an taillear, a b' abhaisd a leantuinn, agus thachair e gu'n robh an abhag so maille ris air an am. 'Nuair a chual' an cù fuaim nan each agus gleadhraich nan arm a' gabhail seachad, ghrad ruith e a mach as an t-slochd agus thoisich e air tathuinnich. Lean an abhag laoghaich air lorg nan saighdearan, a' fagail Sheumais chòir na shuain. Stad na saighdearan—thuig iad

mar a bha. “Tha sealg ‘sa’ ghleann so,” ars’ esan a bha thairis orra. “Cha’n eil an abhag bheag so a mach gun fhear eigin a bhi dlùth.” Thilg siad iad fein as an diollaidean gu làr, agus chaidh iad a rannsachadh a ghlinne. Thàr an cuilean a’s rompa ‘tathuinnich mar a bha e a’ teicheadh—a’ tionndaidh air uairibh riutha, ‘sa ruith air ais gus an do rainig e an solchd anns an robh Seumas còir na shuain. Ghrad chaidh e ‘stigh, agus le inlich a’s le tathuinnich dhuisc se e. Dh’ eirich an tàillear a’s chaidh e a mach as an fhròig anns an robh e ga chleith féin, agus mhothaich e gu’n robh e air a chuartachadh leis na saighdearan. Ghrad ghlac iad e, a’s thug iad leo e na phrìosanach an làthair a cheannaird a bha thairis orra, agus tha e air a ràdh gur e Claibhearhouse e féin a bh’ ann. Sheas an tàillear cràbhach na làthair—ga theirgseadh féin do Dhia ann an urnuigh dhùrachdaich, làn chinuteach nach tréigeadh esan e—agus tachradh mar a thogradh esan, gu’n robh e ceart.

Mhothaich Claibhearhouse a shiosar mòr ann am pòca an tàillear, a’s rinn e gàire. “So, so,” ars’ esan, “a cheann gu’n robh mòran feala-dhà againn ga d’ shealg leis an abhaig, cha chuir mi gu bàs thu, ach chì sinn a bheil faobhar math air do shiosar. So, ars’ esan ri saighdear a bha dlùth, gabh an shiosar agus gearr dheth, gu dlùth ris a chlaigean, dà chluais an tàillear.” Thug Seumas dha an shiosar mar a dh’iarradh air, agus ghearr iad dheth a dhà chluais co dluth ‘sa b’urrainn doibh, gus an robh an uil bhlàth a’ ruith a sìos mu ghuaillibh. Thog na saighdearan glag gàire, a’s dh’fhàg iad an tàillear truagh air an rathad a’ silleadh na fala mar a thigeadh i, gun suim gun chùram. Na dhéigh so ghlac iad e a ris, agus mar chiontach nach deanamh smachdachadh air bith a cheannsachadh, bha e air a dhìteadh gu’ bhi air fhnadachadh a mach a’ Albainn do dh’ Innsibh na h-aird’ an iar. Ach thug Dia sith da dhùthaich. Chaidh stad air a gheur-leanmhuinn thruaigh so. Phill Seumas dachaidh, a’s chaideal e na leapaidh féin, agus tha’n tigh anns an robh e iomada latha a tàmh, a’s far na chaochail e, ra fhaicinn fathasd gus an latha ‘n diu ann an baile Dhughlais. Tha ainm ‘sa shloinneadh ‘sa chéird air an deargadh air an àrd dorus—an shiosar ‘s an t-iarann mar shuachaintes air a chéird, agus a bhliadhna, 1695 anns an do chaochail e.

Bha an duine math so sean aos-mhor mu’n do chaochail e. Chunnaic e mhic ‘sa nigheanan, oghachan a’s iar-oghachan a’ fàs mu’n cuairt da, agus tha mòran anns na cearnaibh sin a nis a tha ro bhòsdail gur ann de shliochd an tàillear iad.

Cia taingeil bu chòir dhuinn a bhi airson na saorsa coguis a tha air a ceadachadh dhuinn, ann a’ bhi feitheadh air Dia mar is àil leinn, gun duine aig a’ bheil a dhànadas a ràdh gur h-olc! Tha laithean geur-leanmhuinn gu bràth seachad—a bhuidheachas sin Dasan a tha riaghladh gu h-àrd.

LEABHAR ÙR GÀELIC.

THAINIG leabhar ùr de Dhàin agus de dh' Òrain a' mach o cheann ghoirid (a ta air a reic 'an Glaschu leosan a tha 'cuir a mach a Chuairear,) agus da rìreadh tha iad na'n airidh a bhi air an leughadh. 'Se is prìs doibh sgillin shasunnach, agus tha iad na'n cùmhradh—na'n luach-peighinn co math 'sa thainig a mach o cheann fhada. Tha na Dàin blasda taitneach—a bhàrdachd anbarrach milis, a's na h-òrain nìle gu leir geannuidh mothail, neo-choireach. Leugh sin iad uile le taitneachas. Tha cuid duibh air an robh sinn colach o'r n-òige, ach a bha dol gu luath air diehuimhne. Tha sinn fo chomain dasan a bhac so. Tha cuid diubh aosmhor, agus tha sinn fo chomain mhòr da gu'n do chruinnich e iad agus gu'n do chuir e 'mach iad. Tha' chuid is mò dhuibh air an deanaimh a's air an cuir 'r'a cheile leis féin, agus da rìreadh is Bàrd gasd e. Chà ruigeadh aon Bhàrd a bha riamh 'sa Ghaildeachd nàire 'ghabhail a chuid Dàn. *Collath*-is gann nach eile co math ri cuid de Dhàin Oisein. Air an am cha'n eil uine na aite againn gu labhairt mu dheidhinn an leabhair bhig so, mar bu mhian leinn, ach 'se ar dùrachd gu'n soirbhich leis. Bheir sinn, mar dhearbhadh air na thubhairt sinn as a leth, dàn goirid aosmhor—Laoidh Naomhain, agus Marbh-rann a rinn an t-Ùghdair do Athair—duine còir suairce a thoill gu math gach mòladh a tha e toirt air.

Rinneadh Laoidh Naomhain air còmh-dail airidh, an uair a bha Manaich a's Cailleachan dubha, agus pearsachan Eaglais eile, maille ri saighdearan, a' siubhal mar mhor bluidheann le ceol a's fonn nan Salm.,

LAOIDH NAOMHAIN.

THAINIG mare-shluagh nan each geala,
 Le'm falluinncean màilleach òirdheire.
 Nan trì thirre chaidheas a steach.
 Bu chùin an triall le uirghioll shàimh!
 Nan déigh, le torraghana troma,
 Dh'imich naoinear bu mhall ceum;
 A's seisear air chùlaobh sin le laoidhean—
 'Seadh, luath-ghair'ait gu iùl nan spéur.
 Bu bhinn tòrra-ghleusach am fonn,
 Le cliù a's moladh anns gach bèul.
 Dh'iadh sòlas nan gràs 's gach iùil,
 'S tre 'n dùslan clùt' aiteal nan reul.
 Air an lorg sin, thainig dà sheachd
 De chailinean geal mar ghathaibh gréine:
 Shruth mìl-cheòl o'm bìlibh ròis.
 Bha còmhlan ùr roimh gach manach.
 Ghluais math-shluagh caoin le fàit,
 An gràdh a' lasadh gu nuadh,
 Am fradharc coimhead an làir,
 'S an cridhe air àros nam buadh,
 Sin nochd a' ghrian a cliùin ghnùis àidh,
 'S thar an àbhais chaidh gach gruaim.

MARBH-RANN DUINE CHOIR IONRAIC.

FURU 'n lie so 'n tàmh tha 'choluinn chaomh,
 Ré 'bheath' a thriall an slighe nan naomh,
 Bu chiùin a ghuth, bu mhòr a spéis,
 'S e diadhaidh, còir, le rogha cèill.
 Céile gaoil, a's athair gràidh,
 Saoi gun bhend an iul nan àdh!
 Gun lochd do neach, bu chaoin a ghlòir,
 Le firinn réidh, gun bheum, gun ghò.
 Le aingle naomh, an àros Dé,
 Bi'dh 'anam sona, rè nan rè:
 A' seinn laoidhe mholaidd feadh gach linn
 Do Rìgh nan dùl, le comh-sheirm binn.
 Ged chrìon mar dhuslach ann an ùir
 A cholann elireadh sìos na smùr,
 Fòs thig am bràth tra dh'éireas suas
 Cuirp na muinntir chaidh 'san uaigh.
 Bi'dh sgèaml nam firean thréig o chian,
 'S an aiseirigh dealrach mar a' ghrian;
 Gun chuimhn' air osna trom no leòn
 A bha 'gan claidh an gleann a' bhròin!
 An sin bi'dh 'cholann so 'san ùir
 Gu maiseach 'g òiridh ris gu h-ùr.
 Le fàilte, gabhaidh Tì nam buadh
 A chomunn ghràidh gu 'chòmhnuidh shuas.
 Mar bha e bhos, 'sann bhios e thall—
 Le laoidhean cliù, an saoi gun fheall;
 Ri aoradh a's cràbh 'san ionad fhial,
 Ag iobradh suas gu suthainn sìor;
 Far nach crìon maoth ògan ùr—
 Far nach searg an lus na smùr;
 'S nach fannaich neòinean bhàn 'dhith dealt,
 'S a' eiridhe chaoimh nach mosgail geilt.
 Cha loisg a' ghrian, cha mheath am fuachd,
 Sa' chòmhnuidh naomh, taobh eile 'n uaigh.
 Nach aoibhlinn bàs an duine chòir,
 A' triall chum sìorruidheachd na glòir!
 Cia bith an truaighe bh'aige bhos,
 An taobh thall do'n uaigh gheibh esan clos.
 Gur h-e mo ghuidhe o'n àrd Rìgh
 'Bhi amhuil sin, mo làithe 's mo chrìoch.

BEATHA AGUS EUCHDAN

ROIB RUAIDH MHIC-GRIOGAIR.

EARRANN IV.

THUIRT sinn cheana gu'n do dhaontaich tuath agus uaislean na
 dù'cha cain, no eis, no màl-dubh a thoirt do Rob arson an spreidh
 'san eudail a chumail bho chreachadairean. Ma'n àm so bha cuid
 de thighearnan mòr ann a dhiult a phàigheadh ag ràdh gum bu
 dìmeas leo leithid. Bann din so fear Ardbhrù'chail, ach nuair

chunnaic Rob nach pàigheadh e chaidh e le ghillean gu 'chaisteal—dh' fhag e iadsan air chùl enòic agus chaidh e fein a chum an dornis,—bhual e—fhreagair an sciomalair,—d-fharaid Rob an robh a mhaighistir aig baile? “Tha,” ars' am ba'lach, “ach thuirt e nach faiceadh e duine 'n dingh, oir tha moran de dhaoine mora aig an dinneir leis.” Abair ris gu bheil Rob Ruadh MacGriogair aig an dorn agus gu feum e tighinn a bhruidheann ris ged bhiodh an Rìgh aig a bhord! Chaidh an gille agus liubhair e'u teachdair-eachd, thainig e air ais agus thuirt e gu'n d'iarr a mhaighistir air a ràdh nach eil aithne na eòlas aig air a leithid de dhuine. Sheid Rob an adharc mhor, a thug fuaim a chuir clisgeadh air a chaisteal—a dhuig a chuile Mactalla 'bha mar mhlitean nu'n cnairt, agus a thug air maithean agus naislean na cuirme amharc an aodain a cheile a'm breislich, an dùil gu'm b'i'n trompaid dheireannach a bh' ann! A thiota bha gillean Roib ra ghnallainn, thuirt e riu gach ceithir-chasach a bh' air an raon iomainn air falbh: thainig an tighearna nis a mach—labhair e ri Rob—dh' fhiarr e mathanas—phaigh e'n t-ainfhloch, agus dhealaich iad cho mor aig a cheile sa bha iad riamh.

Beagan na dheighl so thainig buidheann de chloinn Mhicrath a ris as an taobh-tnath, agus ghaid iad corr 'us dà chend caora bho ghabhail tighearna *Chraig-barnet*,—cha robh a leithid so san àn air a chunntas na mheirle idir, ach mar ghniomh tapai, duineal, teoma, foghainteach: coma, bha nis rud ri dheanamh aig Rob; a reir a chumhnant, cha'robh mar fliachaibh air a' chreach a thoirt air a h-ais ma bha 'n t-àireamh fo sheachd cinn, ach an so tha dà cheud.

'Mach a ghabh Rob 'sa ghillean, bha iad bha chnoc gu beallach, air uideal 's air alaban fad thri seachdainnean, gun fhorbhais air na creachadairean, gus, ma dheireadh an tainig iad orra ann a' mon aidhean Chiutáil, ann an siorramachd Rois;—'Nuair choinnich na gillean faodaidh an lenbhadair a bli cinnteach gun robh “Coille-chragaidh” aca. Seachdainn na dha eile agus liubhair Rob a chuile ceithir-chasach do thighearna Chraig-barnet ach aona chaora!

Bha Bob do ghnà a striochdan ri diuc Authoil; cha b' ann gu leir arsan a chreiche, ach mar dhiùghaltas arson a thraoiteireachd.

Ma dheireadh chuir an diuc roimhe nach leigeadh e le gnothaichean dol ni b' fhaide, agus le sàr rùn casg a chur air Rob thug e Balchuidir air, far an robh moran tnatha aige; chuir se e fein air an ceann, agus ged bu doilich e, b' eigin daibh dol leis gu tigh Raib.

A' cheart latha 'rainig an diuc agus a ghillean tigh Raib b'e latha tòraidh a mhàthar e. Chunnaic Rob an diuc a' tighinn,—bhreathnaich e mar bha chuis—cha robh e comasach dha, chunnaic e, dol as! 'Se rinn e' bhualach e' chlaidheamh mor air a shlios—chaidh e 'mach an coinneamh an diuc—chuir e failt' air, agus thug e taing dha arsan tighinn gu tòradh a mhàthar, gun chuireadh, càirdeas ris nach robh sùil aige.

“Cha'n 'ann gu tòradh na caillich a thainig mi,” ars an diuc,

‘ach air do thoirsa, agus feumaidh tu a thiota dol leamisa do Pheairt.” “Cha bhiodh e eireachdail, arsa Rob, “gu’ fàgaimn mo mbàthair chaomh gun a h-adhlac, ach cho luath sa theid am fòd oirre, ma sa chùis eigneach e theid mi leibh.” Thuirt an diuc gu faodadh a chuid eile de na càirdean a h-adhlac, ach air a shonsan gu’m b’ eigin da falbh. Dhaontaich Rob, mar gum beadh, agus chaidh e ceum no dha leis, ni nuair chunnaic a pheathraichean agus a chàirdean eile thoisich iad ri caoineadh, ri rànaich, ’s ri bàs-bhualadh.

‘Nuair chuala Rob so, agus a mhàthair air an eisir, dhàt a chridhe—thug e dui-leum’ bho’n chuideachd, gan saltairt fo chasan, agus tharruinn e chlaidheamh. Tharruinn an diuc a dhaga agus loisg e air: thuit Rob, chabann leis a pheileir, ach, gu fortanach gu’n do shleamhnaich a chos. ‘Nuair chunnaic a phiuthar, Bean Ghlinn-falaich gu’n do thilgeadh, mar shaoil ise, a bràthair, thug i grad leum mar leòmhann, agus rinn i greim air an diuc air scòrnan—a dhaon draghadh thug i bhar eich e, ’s chuir i dhrum ri talamh. Ann an deich mionaidean chaidh a thachdadh, oir thug e dùlain de na bha man cuairt a greim fhuasgladh, mar bhith gu’n tainig a nis Rob e fein dìreach nuair bha sùilean an diuc a sginneadh a mach as a cheann!

Bha moran de na Griogaraich a chunnaic an diuc a tighinn, agus a chnir anharas mar bha, a thainig dìreach air a cheart mhionaid so, leig iad leis, air comhairle Roib, dol dhachaidh na chlùthan leth-thachte: ach na faigheadh iad a’ miann chan fhac e riamh grian no geallach na dheidh!

Beagan na dheigh so bha Rob a dol troimh *Auchtertire* dlúth do Chraoibh, far am fac’ e ann am pairc gearan òg bòidheach a rideis ‘sa sitrich, sa —; thuirt e ris fein nan ceannaicheadh air’giod e gum biodh e aige, chaidh e stigh do thigh-a-bhaile agus dh’ fharaid e an robh an gearan òg ud ra reic? Cha robh fear-a-bhaile ‘stigh, ach dhaithnich an sgalog Rob, agus sheòl e stigh gu sìobhalt’ e do sheomar anns an robh bean-a-bhaile fuaigheal. Thuirt e rithe gu sìobhulta gu’n do ghabh e spéis do ghearan òg a chunnaic e anns a phairc, agus nan còrdadh iad mu’n phrìs gu’n ceannaicheadh se e. Ghabh bean-a-bhaile sraonas mor nuair chuail i so; “An e,” ars ise, “an teach a chaidh a bhriseadh air mo shon féin! cha cheannaich airgiod e—cùm t-airgiod ‘nad sporan.” Thainig a nis fear-a-bhaile dhachaidh—dhiunnis an sgalog dha co bha stigh—chuir a fios gu ‘mhnaoi tighinn don ath-sheomar—Dh’ fharaid e dh’i am b’ aithne dh’i co bh’ aice san t-seomar-mhor? “chan aithne dhomhsa,” ars’ ise, “ach, co dhiu cha’n nasal e; ’s ann thainig e dhiarradh *Dobie*, am *poni* grinn ceanalt’ chaidh a bhriseadh air mo shon fein!” “A’ chaomhag nam ban,” ars’ a fear, “ged dhiarradh e thu fein, b’ eigin duit dol leis: am bheil fhios agad co th’ agad? Rob Ruadh! Cha dubhairt a bhantigheanna tuille—chaidh fear-a-bhaile stigh—chòrd e fein agus Rob mu phrìs an eich—chaidh an tairgiod a phàigheadh sìos gu poncail, agus dh’ fhalbh Rob leis an each.

‘Nuair ruith aonta Roib air Balchuidir a mach chaidh e air

imric do Ghleann-urcha, agus bliadhna na dha na dheigh sin ghabh e gabhail mhonadail bho Dhiuc Aurgael, teaghlach aig an robh mor-speis dha. Bha e'n so re iomad bliadhna, gun dì gun deireas, agus a reamh-rachadh na poit-chàil a' nis 'sa ris á fang dhiuc Authail. 'Nuair chunnaic Authail so rinn e gearan ris a phàrlamaid air Aurgheal, ag ràdh gu'n robh e 'toirt fasga do mhearlach a bha air chùl lagha. 'Nuair chual dinc Aurgheal so dheirich e, agus thuirt e ri Anthal,—“ A Dhiuc ! Chaneil mise 'toirt do Rob Ruadh ach monadh agus uisge mar tha mi toirt do fhiadh agus do earba na frithe; ach tha thusa ga chumail ann am feòl 's 'ann a' min : chan e so uile, ach, a' reir choltais, 's e do mhaor agus do bhaili; oir cha'n eil fada bho na thog e do mhàl na leithid so do ghabhail.”

Cha robh dol a null no nall aig Authail—cha b' nrrainn e aicheadh nach robh so fiòr, agus fhuair Aurgael mor chliu arson a theomachd.

'Nuair ghabhadh Rob sogan cha robh dad a b' fhearr leis, na' bhi 'g innse mar theasaraig e' bhaintighearna. Theagamh gu'n do dhi-chuimhnich cuid d'ar leughadairean? Cha mhiste sgeul math innse da uair.

Fhad sa bha Rob ann an Aurgael cha robh beinn na beallach, cùil na fròg, uamha na uamhas nach do shiubhail agus nach d' fhuair e' mach. Chaidh e, aon fheasgar Foghair, leis fein, do Ghleann-etibh—sealladh gun bhriag a dheanamh, cho moralach sa tha'n Albainn. Chìte 'ghrian mar mheall cruinn teine dol a luidhe 'measg nan tonn-strìochte san iar, agus ag òradh mullach chruchan-beann. Bha 'Nadur, mar gum beadh a' cumail a' h-analach, a dheisdechd ri ceilearadh nan ian, ri fuaim an t-saimh, ri fann-gheum laoigh, agus ri langan an fheidh. Bha Rob cho làn de'n t-sealladh mhòralach 's gun do shuidh e air scor creige—thug e bhoineid bhar a chinn mar umhlachd d'a Dhia, agus chuir e' chladheamh ruisgte tarsuinn air a ghlùinean. Ma dheireadh dh' fhalbh gach òradh, dheug gach faithleus, phàisg gach ian a' rìpheid: chur Rob air a bhonaid gu falbh 'nuair ciod a chual e' ach glaodhaich boirionnaich anns an ait' udlai, fhàsail, uamhasach so !

An deigh a ghlaoidh chual' e monmhar, mar gum biodh dithis a bruidhinn—chur e bhois ra chluais fiach an deanadh e 'mach cia as thainig an guth, chual' e scriach eile fad as—chuir e roimhe gum biodh e aig bun na cùise,—cha robh an rathad soirbh, ach soirbh na doirbli b' e'n t-aon ni le Rob e an àm gabhaidh. Rainig e nis lianag bhòidheach a' meadhon na coille—cha robh guth ra chluinntinn, agus 'se 'rinn e leig se e fein na shineadh a' measg an fhraoich. Dheirich a nis a gheallach, banrigh na h-oiche, agus cha chluinnt e ach a ghobhar-adhar, agus seamh-luasgadh nan craobh ag aoradh don Ti mhor mhath cheart. Cha b' fhad a bha Rob na shineadh nuair chunnaic e dithis dhaoine tighinn a mach as a choill agus iad a consachadh gu dìorasach. Chual e fear dhiu 'g ràdh “ ciod e their a h-athair ruinn—'s olc an gnothach e?” “ 'S coma leam ciod a their e,” ars am fear eile, “ tha' nighean

fom 'mhath rinnsa." "Tha dochas agam nach eil nad bheachd a mì ghnathachadh?" ars' a chiad fhear, "a bhan tighearn ruiteach, chruiteal, mhàlta!" "Bì sàmhach!" ars' an dara fear; ged chuidich thu leam a' gaid air falbh, cha'n eil tuilleadh ded chomhairl a dhùth orm—bithidh tuille mun chuis nuair gheibh sinn do Shasunn—tha mo ghille air tilleadh, agus fhuaire e mach gu'n tug a h-athair dùil, agus gun do thill an toir dhachaidh." Cho luath sa chaidh iad a stigh an taobh eile de'n choill dheirich Rob, agus lean se iad, ach bha choille cho tìngh 's gu'n do chaill se iad. Ghabh e nis dorran nach do bh' ruidhinn e rin: chuir e 'dhrum ri daraig, 's thoisich e ri beachd-smaoineachadh: bha leth-amharas aige nach bu daoine talmhaidh idir a' chual' agus a chunnaic e, anns an àite fhàsail ùldaidh so, ach sìogairean! Cha robh e fada mar so 'nuair chual' e 'ris glaoth cianail boirionaich dlùth dha: ruith e' chlisgeadh gus an taobh as an tainig e.

An deigh rùrach agus rannsachadh troimh phreasan 's troimh dhàisean, thainig e ma dheireadh gu seann chaisteal air mullach creige, far nach robh a chomhnuidh re iomad bliadhna ach ròcaisean 'us fithich 'us caileachan-oiche: chual' e 'nis osna chianail bho'n taobh a stigh, ach dorus no bealach air an faigheadh e' stigh cho robh ann. Ma dheireadh fhuaire e 'mach fròg aig bun a' bhalla—dhialaich e stigh air a mhàgan gu fàlaidh—tharruinn e' bhiodag, agus chuir e roimhe nach fàgadh e cùil na cial gun ransachadh. Cha deach' e fad' air adhart nuair chual' e an dithis dhaoine a consachadh sa deasbaireachd; agus ann an cearn eile de'n aitreabh osnaichean cianail muldach. Smaonaich a gu'n rachadh e sa chiad dol a mach far an robh an neach na eigin—a stigh a ghabh e, agus co bha'n so ach bantighearna bhoidheach lurach na sineadh na h-aonar air fiar-saidhe. 'Nuair chunnaic i Rob thug i scriach aisde, mar gu'n rachadh a gonadh. "Co, no cia as duitse," ars' ise, "led' bhiodaig air chul-duirn a tighinn gam mhort!" "Chan ann a chum do mhort a Bhaintighearn," arsa Rob, "ach a chum do theasargain: ma tha thu'n cunnart-innis dhomh a dhaon fhacal co thu, agus ciamar thachair dhuit a bhi san àite ùldai fhasail namhasach so!"

'Nuair chual i so dheirich i air a h-uilinn, ach nuair bheachdaich i air a choigreach a bha cho fiadhaich coltas, cha chreideadh i gu'n robh e da rìreamh: "S ann tha thu," ars' ise "air tì mo mheallaidh? Cha'n eil mealtairachd nam chom," ars' esan; 's mise Rob Ruadh MacGriogair; iunis do sgeul a thiotadh, agus bi aithghearr. "Dia gad bheannachadh," ars' ise, "'S mise nigheann a chinn-fheadhna so air ainm; tha mi air mo shlad air falbh le Ridire Sasunnach—Oh m' athair! oh 'mo mhathair!"—"H-nist! h-uist!" arsa Rob, "earb asainsa—na fàg far am bheil thu, agus theid mise agus labhairaidh mi ris an Ridire Shasunnach." Chuir e' bhiodag na truail, 's cha dubhairt e tuille,—chaidh e gus an àite anns an cual e na daoine a' consachadh: bha iad fathast a' deasbad, agus an impis dol an badaibh a cheile arson mar thachair,—leum Rob a stigh far an robh iad, 's dh'fhàraid e co iad aig an robh a chridhe no dhànadas

tuaireabadh a chur air an t-seann chaisteal ùlaidh nd mu'n àm so a dh' oiche? Ged bha Sir Seumas, agus Percey, agus trìnir eile a stigh fon armaibh ghlac bal-chrith iad—shaoil iad gum bu bhith mi-nadura neo-thalmhaidh 'thainig orra! Ma dheireadh fhuair Sir Seumas de mhisnich fharaid, “Co thu fein, agus ciod a thug an so thu?” “Cia air bith co mi,” arsa Rob, “feumaidh tusa agus do chuideachd dol leam gu caisteal * * * oir dh' fhag thu e gun bheannachd fhagail aca.”

Tharruinn Sir Seumas a chlaidheamh; tharruinn Rob Ruadh a chlaidheamh; thoisich an comhrag; ann an da mhionaid bha Sir Seumas na shìneadh air an urlar 's fhuil a craobhadh air gach taobh! 'Nuair chunnaic Percy an Ridire, a bha air a chunntas na fhear-claidheamh cho mbath 'sa bha'n Sasunn air a leòn, ghabh e miapadh, ach cha be sin do chàch; leum iad air Rob, ach cha b' fhada sheas iad; bha mionach mu chasan dithis dhiubh ann am prioba na sùl! Ghuidh Percey air Rob a nis gu'n caomhnadh e beatha Shir Seumas; “Caomhnaidh mi, nasail cheannailt,” arsa Rob: “Chuala mi na bha endar thus' agus esan a' nochd; ma gheibh e thoilltineas gheibh e bàs is tàmailtiche na tuiteain le claidheamh *Rob Ruaidh*,—fenchaidh mi féin ra chreuchdan a dhùnadh—falbh thus agus fàigh Bàta 's gun aisigeadhnaid a Bhaintighearn agus Sir Seumas agus na tha beò gu caisteal a h-athar—chu ruig thusa leis curam na giorag a bhì ort.”

MACTALLA.

Eilean Chola.

AN SEANGAN.

Tha oibre an Tighearna gu léir a' fòillseachadh a ghliocais, a chumhachd, agus a mhaitheis neo-chrìochnichte. Mar is mò a bheachdaicheas sinne air na h-oibribh sin, agus mar is cùramaich' a bheir sinn fa'near na crìochan sònraichte a ta air an co'-lionadh leo, chì sinn nì's soilleire ar suaraidhead, agus ar neo-iòmlanachd fein. Cha'n ann gu'n aobhar a thubhairt Daibhidh, 'nàin da' bhì beachd-smuaineachadh air òirdheirceas àinm' Jehobhaidh a shocrach a ghlòir os ceann nan neàmh, “'N uair a dh' amhairceas mi air do neamhaibh, obair do mheùr; air a' ghealaich, agus air na reùtaibh, a shuidhich thu; cò e an duine gu'm biodh tusa cùimhneachail air, agus mac an duine gu'm fiosraicheadh tu e?”—Tha e 'na nì araon taitneach agus iomchuidh do'n duine, a bhì 'suidheachadh ionntinn fein air uil' oibribh Dhó, do bhrìgh gu'm bheil iad sin a' nochdadh mòrachd agus maitheis an Tì uile-ghlòrmhoir sin, trid am bheil na h-uile nìthe a' co'-sheasamh! Bha na fàidhean, agus na h-abstoil, agus na naoimh anns gach linn do'n t-saoghal, a' beachdachadh le cùram air oibribh an Tighearna, agus 'gu mholadh air son a bhearta iongantach do chloinn nan daoine. Nochd ar Slanuighear beannuichte fein maitheas Dé, le bhì 'toirt fa'near

a chùrain a bha e' gabhail do eunlaith an athair;—"Amhaircibh a'rs' esan "air eunlaith an athair: oir cha chuir iad sìòl, agus cha bhùain iad, agus cha chruinnich iad an saibhlìbh; gidheadh, a ta bhuir n-Athair neamhaidh-sa 'gam beathachadh."—Nochd e ann an àit eile gu'm bheil Dia 'gabhail cùrain eadhon do luibhìbh na macharach, agus air an aobhar sin, gu'm bu chòir do dhaoibh an dòchas a chur anns an Tighearna.—"Thugaibh fa'near na lilighean, cionnus a ta iad a' fàs: cha'n 'eil iad a' saothreachadh, no a' snìomh; gidheadh a ta mi ag ràdh ribh, nach robh Solamh fein 'na ghàidhe uile, air a sgeudachadh mar aon diubh so." Cha'n e mhàin gu'm bheil maise agus mòrachd oibre Dhé, a' sparradh irioslachd air ar n-inntiun, ach tha Dia fein 'faicinn iomchuidh ar teagasg o eiseimpleir chréatairean a ta aunta fein snarach. Chruthaicheadh an duine le barrachd tuigse na thugadh do bheathaichibh na macharach, ach thruaillleadh an inntiun aige co mòr leis an tuiteam, 's gu'm fénd na crentairean a's snaraiche a theagasg! Air an aobhar sin, tha Dia 'gar cur a dh' fhoghlam ar dleas'nais dh' ionnsuidh eunlaith nan speúr, agus bheathaichean na macharach! Am bheil sinn mi-thaingeil? Ma tha—rachamaid chum an daimh agus an asail, oir tha Dia ag ràdh, "Is aithne do'n daimh a shealbhadair, agus do'n asail prasach a mhaighstir; ach cha'n aithne do Israel; cha'n 'eil mo shluagh-sa a' toirt fa'near." (Is. i. 3.) A ris, am bheil sinn mi-chùramach ma thimchioll oibre freasdail Dé, agus a' dichnimhneachadh nan amanna a's freagarraiche chum ar dleas'nais a cho'-lìonadh? Ma tha—rachamaid dh' ionnsuidh eunlaith nan speúr; oir tha Dia ag ràdh, "Is aithne do'n chorra-bhàin anns an athar a h-àm fein, agus is aithne do'n choluman, agus do'n chorra-mhonaidh, agus do'n gholan-ghaoithe àm an teachd: ach cha'n aithne dom' shluagh-sa breitheanas an Tighearna." (Jer. vii. 7.)

A ris; am bheil sinn làn cùrain agus iomaguin, agus a' suidh-eachadh ar cridhe gu tur air ciod a dh' itheas sinn, ciod a dh' òlas sinn, agus ciod a chuireas sinn umainn? Ma tha—fòghlumaid gliocas o'n fhìtheach; oir tha Crìosd ag ràdh, "Thugaibh fa'near na fithich, oir cha'n 'eil iadsan a' cur no 'buain; cha'n 'eil aca tigh-tasgaidh no sabhal; agus a ta Dia 'gam beathachadh; cia mòr is fearr sibhse na an eunlaith?" (Luc. xii. 24.) A ris; am bheil sinn leasg, lunndach, agus diòmhlanach? Ma tha—tha Dia le beul an duine ghlice 'gar cur dh' ionnsuidh an t-seangain; "Imich a chum an t-seangain, a leisgein; thoir fa'near a shlighean, agus bi glic; aig nach 'eil fear-sèolaidh, fear-amhaire, no riàghlair, a dh' ulluicheas a bhiadh'san t-samhradh, agus a chruinnicheas a theachd-an-tir'san fhogharadh." (Gnàth. vi. 6—8.)

Gu cinnteach is beag an creutair an seangan, ach is glic, treún, agus deanadach e.—Is miòrbhuileach a ta gnàthanna agus cleachd-anna a' chréatair bhig so a' foillseachadh cùrain an Tighearna do na creutairibh a's lugha, agus a's suàraichde, co math agus do na bitibh cruthaichte a's mò, agus as' urramaiche a ta idir ann!

Thug an *Cuirtair* a cheana cùntas d'a luchd-leùghaidh, air na h-uiread do na h-oibribh a's òirdheirce 'sa chruitheachd. Labhair

e mu'n ghréin, mu'n ghealaich, agus mu chruinn-mheallaibh sòillseach nan spéur, agus riun e a dhìchioll air cumhachd agus maitheas neo-chrìochnuichte Dhé, mar a ta iad air am foillseachadh anns na cuspairibh àluinn sin, a sparradh air inntinn nan Gaidheal. Ach tha'n cumhachd agus am maitheas céudna, air am foillseachadh ceart co soilleir ann an nithibh beaga na cruitheachd, is a ta iad anns na nithibh mòra.—Tha iad air am foillseachadh eadhon anns an t-seangan, ged is beag, suàrach, agus faoin an créutair e, ann an sùilibh dhaoine.

Tha na h-uile eòlach air an t-seangan, ach feúdaidh e bhi gur ainneamh iad aig am bheil fios air innleachdaibh agus cleachdannaibh a' chréutair dhìchiollaich so.—Bheir sinn an so gu h-aithghearr fa'near iad, agus chì sinn an sin nì's soilleire an t-aobhar a bha aig Solamh gu ràdh “ Imich a chuinn an t-seangain, a leisgein.”

Tha iomadh gnè ann do na seanganaibh, a réir an dath agus an cleachdanua.—Tha gnè ann a ta 'nan sàoraibh, agus gnè eile 'nan clachairibh.—Goirear riu, mar a's trice, an seangan-donn, an seangan-geal, an seangan-buidhe, agus mar sin sìos.—Tha iad a' teachd beò, mar a's trice, 'nam bùidhnibh, agus 'nan comunnabh cosmhuil ris na seilleanaibh.—Anns gach comunn tha banrighinn, d'am bheil càch nìle a' toirt mòr-ùmhachd.—A thuilleadh air so, tha'n comunn air a dheanamh suas do na seanganaibh firionn, agus boirionn, agus do luchd-oibre, agus do shaighdaireibh nach 'eil aon chuid firionn no boirionn! 'S iad an luchd-oibre a's lìonmhoire 'sa chomunn uile, iadsan aig am bheil mar dhréuchd a bhi 'togail agus a' cumail suas an tighean agus an seòmraichean,—a bli rànsachadh air son teachd-an-tìr,—agus a bhi 'gabhail cùrain do'n òigridh. Cha dean na saighdairean obair sam bith ach saighdaireachd; agus mar biodh gu'm bheil càch 'gan cumail suas, agus 'gam beathachadh, mar dhuais air son an tréubhantais ann an cogadh, rachadh iad a dhith. Tha dà làn, cosmhuil ri da mhinidh chaol, bhiorach, a' teachd a mach a' ceann nan saighdair so, leis an lot agus am marbh iad an nàimhdean! Tha iad a ghnàth deas gn cogadh ann an àm cunnairt,—gu dol a mach air tòir an nàimhdean,—agus gu seasamh 'nan luchd-freiceadain aig dorsaibh an tighean fein. Tha sùil aig gach sgiobadh air an obair fein, agus cha chuir a h-aon bacadh no grabadh ann an rathad an aoine eile. Is mìorbhuileach mar a ta fios aca fa leth, air an dleas'nas fein, agus mar a nì iad e, gu dìchiollach agus gu toileach. Is iongantach an tlachd a ta aig a' chomunn uile 'n'am banrighinn fein. Ge b'e àit anns am bi i, tha aoibhneas mòr air a nochdadh an sin, leò-san nìle mu'n cuairt di. Leumaidh iad suas—éiridh iad air an cosaibh-deiridh,—ruithidh iad mu'n cuairt di,—agus nì iad strìth cò a's mò a nochdas do chàirdeas agus do dhùilleachd dhi!

Tha na seanganan, mar as trice, a' togail an tighean am measg chòilltean agus fhraoich. Nì gach buidheann àite-comhuaidh dhoibh fein, far am faic iad freagarrach e; agus togaidh iad e 'na thòrr àrd, cruinn, agus corrach, le snùirgeanaibh do 'gach gnè, agus le bioranaibh beaga a ghiùlaineas iad 'nam beùl, no air an

drùim, astar fada chum an àite ! Ni cuid eile an tighean gu h-àrd ann an craobhnaibh ; agus cuid eile fo' chlochaibh, agus ams an talamh. Tha na tighean aig na bùidhnaibh mòra, air an cur a mach 'nan seòmraichibh a ta 'nan sreathaibh os ceann a' chéile, agus air an dealachadh le slighibh àimhleathan, agus le ballachaibh-tarsuing !

Tha na seanganan ag oibreachadh a là agus a dh'òidheche, agus a réir coslais, cha'n 'eil féum aca air tàmh no codal ! Tha iad a' teachd beò air cuileagaibh, agus air biàsagaibh beaga do gach gnè, air am faigh iad gréim ; agus cha dean iad tàir air lòn sam bith a dh'ithear le creùtairibh eile. Tha déidh mhòr aca air mìl, agus air gach ni air am bheil blas milis. Ged nach 'eil iad laidir, tha iad lìonmhòr, agus trid dìchill mhiltean dhiubh cuideachd, cuiridh iad as do chrèntairibh co mòr ri luch, agus ithidh iad snas iad. Os ceann gach nìle ni eile, tha iad cùramach chum solar a dheanamh air son a' gheamhraidh ; agus gu cinnteach, mar a thubhairt Agur, "Tha na seangan 'nan sluagh nach 'eil laidir ; gidheadh, ulluichidh iad am biadh 'san t-samhradh." (Gnàth. xxx. 25.)

Is iongantach an'dichioll leis an giùlain iad lòn chum an tighean, agus is mòr na h-eallaichean a bheir iad leò comhladh ! Cha'n fhan iad aon mhìonaid dìomhanach, agus cha dhìchuimhnich aon sam bith dhiubh, a dhleas' nas fein a chò-lionadh. Ma fhliuchar an lòn aca le h-nisge 'nan ionadaibh-tasgaidh, bheir iad gu cùramach a mach e, chum a thìormachadh an uair a thig teas na gréine ! Tha iad 'gabhail mòr-chùrainn d'an oigrìdh, le bhì 'gan seòladh agus 'gan teagasg gu bhì deannadach, agus dìchiollach. Is iongantach an tùr agus an gliocas a nochdas iad 'nan uile ghnìomharaibh, ged nach 'eil fear-seòlaidh sam bith thairis orra, no fear-ainhaire agus riaghlair chum an stiùireadh. Agus cha'n e mhàin sin, ach cògaidh iad 'nan àrmailtibh riaghailteach an aghaidh an naimhdean, agus cuiridh iad as d'a chéile air gach taobh le mòr ghaisge agus chrùadal. Cha'n fhaicear faitheas no eagal air taobh seach taobh. Le mòr thrèubhantas, bheir aon chomunn ionnsuidh air comunn eile ; agus cha'n 'eil bàigh no trècair ann !

Cha nochd iadsan leis an téid an là, truas no h-ìochd sam bhìt d'an taobh-san air an tugadh buaidh ; ach bheir iad leò an teachd-an-tìr, agus an òigrìdh dh'ionnsuidh an tighean fein ; agus tuilleadh an déigh sin ni iad traillean da'm prìosanailh uile ! 'Naon fhocal, tha gnathanua a' chrèutair bhig so, co eùgsamhla agus co iongantach anna fein, is nach soirbh an ni an toirt gu léir fe'near. Làbhradh, gidheadh, ni's leòir chum aobhar na comhairle aig Solamh do'n leisgean, fhaicinn gu soilleir. Is biàsag an seangan a ta comharraichte air son dìchill agus saothreach, agus aig am bheil fuath do leisge agus do dhìomhanas. Oibrichidh e le riaghailt agus lathailt eagnuidh, a ni cinnteach e gu'n téid a' chùis leis. Glacaidh e gach cothrom chum gach ni a dheanamh 'na àm fein, agus cha dhìchuimhnich e solar a dheanamh fa chomhair an ama ri teachd. "Ulluichidh e a bhiadh 'san t-samhradh, agus cruinnichidh e a theachd-an-tìr 'san fhogharadh." Gu cinnteach tha so

'foillseachadh gliocais an Dé Uile-chumhachdaich sin; "A tha deanamh nithe mòra, agus do-rannsachaidh; nithe iongantach gu'n àireamh." Uime so,

"Éirich a lundaire gu grad,
'S thoir ort an seangan beag gu'n stad;
Oir ged nach d' fhuair e riann fear-mìl;
No neach 'ga ghreasadh air a chùl;
Fa chomhair geamhraidh uì e deas,
A' cuimhneachadh gu'n tainn a léas;
'San t-samhradh, fhuaidh e a dòn,
'San fhoghar fòmlan tha a stòr."—(Daoidh xii. 1—3.)

SGIATHANACH.

Clachan Chillmhuire
Tòiseach a' gheamhraidh, 1842. }

BLAR INBHIR NA-H-AMHANN.

CHUIREADH am blar ainmeil so, mu'm bheil sinn an dràsda gu eachdraidh aithghearr thoirt seachad, o cheann teamn air cùig ceud bliadhna. Tha an t-àite auns an do chuireadh e aunn an siorramachd Inbhirneis; agus faodar 'fhaicinn o'n rathad mhòr leo-san a bhios a' siubhal troimh Bhaideanach. Tha e thall mu choinneamh na creige mòire gruamaich ris an abrar crag Dhubh, fagus do'n chrìch eadar sgìreachd Lagain agus sgìreachd Cinn-a'-ghìusaich, far am bheil an Spé agus Truim a' coimneachadh a chèile.

B' iad Clann Mhuireich, Clann an Tòiseich, Clann Dhaibhidh, agus Clann Chamshroin na fineachan a bha 's a' chomhraidh so, agus bha 'n t-aobhar o' n d' éirich a' chomh-strì ni-eigin mar leanas:— Bha fearann aig Mac-an-Tòiseich ann an Lochabar, mar tha aige fathasd; agus aig an àm sin, an uair bha gnòthnichean air an deanamh le lánhachas làidir, a chionn 's nach robh lagh no binn a' cur eagal air daoineibh, bha na Camshronaich, a bha 'n an tuathanaich air oighreachd Mhic-an-Tòiseich, air uairibh a' diùltadh a' mhàil a phàidheadh dha. Co dhùibh bha iad 's a' chòir no 's an encoir ann bhi cumail a mach nach robh na bha a tagradh dligheach dha fhaotainn theagamh nach 'eil e mise glé fhuasd a dhearbhadh. Ach bha so 'n a aobhar strì agus còasachaidh euterra 's an àm. Mu dheireadh thug Mac-an-Tòiseich air falbh cuid do chrodh na tuatha mar aicheamhail, agus is e so bu cheann-fàth do bhlàr Inbhir-na-h-Amhann. Chuir na Camshronaich rompa gu'n cuireadh iad dioghaltas an gnìomh air Mac-an-Tòiseich air son an cuid feudalach. Thionail iad fein agus na ghabhadh am pàirt, thog iad orra fo 'n armaibh, agus dh' imich iad air an aghaidh gus an d' thanig iad gu Inbhir-na-h-Amhann. Air do Mhac-an-Tòiseich fios a bhi aige gu'n robh na Camshronaich a' tighinn, chruinnich e a chuid sluagh, agus rinn e deas gu garbh chomhdhail a thoirt dhoibh. Bha Clann Mhuireich, agus Clann Dhaibhidh le chèile gu bhi comhnadh nan Tòiseach an aghaidh nan Camshronach; ach

dìreach 'n uair bha iad gu dhòl an ordugh baiteil thuit e mach gu mi-shealbhach gu'n d' éirich eas-aonachd entorra mu dhéidhinn a' chinnidh bu chòir a bhi air an làimh dheis, agus o nach faigheadh tighearna Chluainidh an t-urram sin tharruing e féin 's a chuid dhaoine air an ais, agus shuidh iad air enoc a' gabhail beachd air a' chòmhraig, gun bhuille bhualadh fad an latha. Dhlùthaich na fineachan a nis air a chéile, Clann Chamshroin, Clann an Tòiseich, agus Clann Dhaibhidh, ann an ordugh catha fo an ciun-fheadhna fa leth, agus

“Bha bratach aig triath dha féin,
‘S a ghaisgich bu treun m’a chruaidh.”

Bhuail iad air a chéile gu garg, a' cogadh leis an treubhantas ghàbhaidh sin air son an robh ar sinnsire na Gàidhil riamh cho iomraideach. Mhair an iomairt ghailbheach so ùin fhada, agus is iomadh ceatharnach calma a bha 'n a shìneadh air an àraich mu'n do bhuadhaich taobh seach taobh. Mn dheireadh ghéill Clann an Tòiseich, agus Clann Dhaibhidh. Cha b'urrainn iad seasamh ni b'fhaide roimh ionnsuidhean sgatharra Chloinn Chamshroin, agus theich iad ris a' mhonadh a tha air taobh tuath na Spé, air an ruagadh leis na h-Abraich.

An déidh do Chloinn Chamshroin pilltinn o bhi leantuinn an nàimhdean chaith iad an oidhche air Creagan na Breagaich, am bràigh Noide Mòire, gun fhiamh gun eagal. Cho luath 's a thàinig an t-anmoch chuir Mac an Tòiseich roimhe gu'n d'thugadh e oidheirp le seòltachd air an ni a dh'fhairslich air le spionadh. Chum 's gu'n cnireadh e Clann Mhuireich agus Clann Chamshroin 's a chéile dhealbh e car innleachdach a shoirbhich leis. Chuir e a bhàrd gu tighearna Chluainidh g'a bhrosnuchadh, mar gu'n d' thigeadh e o Mhac Dhòmhnuill Duibh, leis na briathraibh a leanas:—

“Tha luchd na foille air an tom,
‘S am balg-shuileach donn 'n a dhraip :
Cha b'e bhur càirdeas ruinn a bh' ann,
Ach bhur làmh féin a bhi tais,”

Air do thighearna Chluainidh a' chainnt thàireil so chluinntinn o'n bhàrd a thàinig, mar shaoil esan, o Mhac Dhòmhnuill Duibh, thog e air gun dàil le' chuid feachd, agus thàinig e air na Camshronaich gun fhios gun fhaireach. “Fhuair Mac Dhòmhnuill Duibh,” tha e air a ràdh, “seòrsa caismeachd an oidhche sin ann aisling. Am feadh 's a bha e'n a chadal, 's a chasan am broilleach a bhràthar altruim, 'g an cumail blàth, bhruadair e gu'n robh na mucan 'g a thionndadh, agus mhosgail e le leithid do bhriosgadh 's nach mòr nach do mharbh e a bràthair altruim leis a' bhreab a thug e dha. “Ged bha Clann Mhuireich 'n an tàmh an dé,” ars esan air dha dùsgadh, “cha bhi an diugh.” Theich Clann Chamshroin an sin a mach ris a' mhonadh. Rugadh air aon diubh a bha air dheireadh air càch, a thaobh a shean aois, agus mharbhadh e aig taobh sruthain a tha 'm bràigh Noide, d'an goirear o'n àm sin “Caochan-

a'-Bhodaich." Chum iad suas rathad Dhrnim Uachdair, seachad air Coire Thearlaich, Coir Uilleim, agus Coire nan Cisteachan, far an do thuit mòran dinbh. Thionndaidh iad an sin a stigh gu Ceann Lochd Eireachd, agus chum iad air an aghaidh suas ri taobh tuath an luich. 'Nuair ràinig iad Ceann-Loch-Pataig, dh'fheuch iad aon uair eile ri iad fèin a dhìon, agus ri bacadh a chur air an Inhd tòrachd. Am measg nan laoch a bha tilgeadh bha Ceann Dubh Mac Iain, duine treun a bha taghta aig cuspaireachd. 'Nuair bha e dol seachad fo Chrag Dhubbh, an latha roimh sin, dh'fharraid e d' a cheann-cinnidh, cò chas bu mhaith leis a chur deth eun beag a bha 'n a sheasamh air craoibh. Fhreagair a cheann-cinnidh gu'm bu mhaith leis e chur na coise deise dheth, agus rinn Ceann Dubh sin air 'iarrtas. Air an taobh eile bha Tearlach Mòr Mac Ghill Onfhaidh, a bha mar an ceudna 'n a dhuine treun ainmeil, agus 'n a cheann-tighe. Choinnich an dithis so, agus thilg iad an sàigh-dean, ach cha robh iad deònach a cheile chuimseachadh. 'Se b' aobhar do so gu'n robh gnè chàrideis eutorra a thaobh comhais. Bha Ceann Dubh Mac Iain 'n a sheasamh air Meall-Ard-Laoich, agus an gaisgeach eile thall m'a chionneamh. Air do thighearna Chluainidh umhail a chur nach robh iad da rìreadh chronaich e Ceann Dubh Mac Iain. "Chuimsicheadh tu 'n dé," ars esan, "cas deas an eoin blig, an uair a dh'iarr mi ort, agus an diugh cha chuimsich thu Tearlach Mòr Mac Ghill Onfhaidh!" Bha Tearlach Mòr gu so ag eigheach,—“Tharam is tharad a Cheann Duibh,”—ach a nis dh'éigh Ceann Dubh ris,—“Annam is annad a Thearlaich,”—agus air dha so a ràdh thilg iad 'n an dithis, agus thuit iad le chèile aig an aon àm. Thogadh carn far an do thuit Tearlach, ris an abrar “Carn Mhic Ghill Onfhaidh” gus an latha 'n diugh. Cha robh Ceann Dubh Mac Iain fathasd marbh 'n uair thog a chàir-dean leò e, 'ga thoirt dhachaidh, an dùil gu'm biodh e beò; ach cha robh iad ach mu mhìle air falbh leis 'n uair thilg e'n deò, aig allt ris an abrar o sin “Caochan Cheann Duibh.”

Tha cuid am barail gu'n do mharbhadh Mac Ghill Onfhaidh aig monadh a tha os ceann Fhorais, d'an ainm Coire Thearlaich, ach o'n chaidh ràdh a cheana clithear nach 'eil e cho coltach gur ann an sin a thuit e. Gidheadh feudaidh e bhì gur ann raith-se a fhuair an Coire so 'ainm; oir tha a air aithris gu'm bu tric leis a bhì fantuinn feadh nam monaidhean eadar Lochabar agus Authol, far am faiceadh e fèin iomchuidh, agus gu'm b' àbhaist dha ràdh, gu'm b' iad fèidh nam beann a chuid-se feudail.

Air do Mhac Ghill Onfhaidh tuiteam, thàir Clann Chamshroin as a ris, a' cumail suas ris na beanntaibh, 's na nàimhdean fathasd air an tòir, gus an d' ràinig iad fagus do'n amlhainn Tréig, air crìochaibh Lochabair. Thuit mòran diùbh air an t-slighe, gu h-àraidh aig an uchdaich d' an goirear Sliabh Loraig; agus bu cho dian a leanadh an ruaig mu thinnchioll deich mìle fichead, 's nach robh ach àireamh ro dheag dhiubh a fhuair beò dhachaidh, a dh'innseadh an sgeòl.

Is còir dhuinne bhì taingeil gu'm bheil ar crannchur againn ann an làithibh a's fearr; gu'm bheil sìth agus sàmhchair a nis a' riaghladh

eadar na fineachan Gàidhealach ; agus nach 'eil sinn air ar gairn, mar bha ar siunsire o shean, gu bhi deargadh ar làmh ann an fuil ar cinnich, agus ar càirdean féin.

S.

Bàideanach.

NA TEACHDAIREAN ËASGAIDH, NO NA COLMAIN-SHIUBHAIL.

'S dòcha gu bheil mòran de'r luchd-leughaidh aig nach 'eil fios gu bheil daoine a nis 'deanamh feum de cholmain, a chum litrichean a ghiùlain o aon àite gu àit' eile—seadh, eadar rìoghachdan céin, thairis air a' chuan mhòr ; agus da rìreadh is gnothach iongantach e. 'Se'n dòigh a tha iad a' gabhail a chum so a dheanamh, mà tha dà mharsanta aig a' bheil togradh fios fhaotuin o chéile—fear dhiubh 'san Fhraing, a's fear eile dhiubh an Sasunn—cuiridh am Frangach a nall fichead no dà-fhichead colman as an Fhraing ; agus an uair a tha 'mhiaun air an fhear a tha 'tàmh an Sasunn sgriobhadh d'a ionnsuidh, no fios air bith a chuir a null gu luath, cha'n 'eil aige ach litir bheag a sgriobhadh, agus a céangal le snàthainn caol fò sgéith a' cholmain Fhrangaich, agus leigeil leis triall dhachaidh ; agus an duine 'tha 'san Fhraing, leigidh e an colman a chaidh á Sasunn air falbh, agus air ball ruigidh gach fear a dhùthaich féin. Cha'n e sin uile, ach ruigidh iad a' cheart thigh, a' cheart uinneag, as an d'thugadh air falbh iad. Bha o chionn ghoirid soilleireachadh fìor thaitneach air a so.

Air an t-samhradh so 'chaidh seachad, leigeadh as trì cheud colman fabhaineadh do mhàrsantan 'san Òlaint, ann am baile ris an canar *Antwerp*, agus a chaidh 'chuir a nall do Shasunn. Chaidh an sinbhal a thoirt doibh uile 'san aon mhionaid, air sèa uairean sa' mhaduinn, o ninneig ann am *Birmingham*. An deigh do na colmain cead' an sgiathan fhaotuin, dh'éirich iad a suas gu h-àrd 'san adhar. Ghabh iad cuairt no dhà, mar gum biodh iad a' deanamh an sùilean, 's a' toirt fainear c'ait' an robh iad, 's an sin thàr iad as gu léir air an aon t-slighe, 'chum na h-àirde 'u ear. Bha 'ghaoth leò, a's an ùine ghoirid bha iad as an t-sealladh. Thainig fios air ais as an Òlaint' an ceann seachduinn gu'n d'ràinig a h-uile h-aon de na teachdairean Ëasgnidh so, a's litir aig fo 'sgéith. Ràinig a' cheud aon diubh *Antwerp* air leth-uair an deigh naoi uairean, a' cheart mhaduinn 'san d'fhàg iad Sasunn, agus càch na dhèigh—trì, 's a ceithir, 's a sèa, le chéile, gus an d'ràinig an t-iomlan. Ràinig an t-aon mu dheireadh air leth-uair an deigh deich. Tha'n t-astar eadar an dà àite, mar a shiubhlas enn air iteig, ceithir cheud mìle. Leis a so, dh'itealaich a' cheud cholman an t-astar so ann an trì uairean gu leth—'se sin, na's mò na ceud 'us ceithir-deug mìle 'san uair. Nach iongantach an nì, ged a bha trì cheud colman ann, nach deachaidh a h-aon diubh am mearachd, agus gu'n d'amais gach aon diubh air an àit' as an d'thainig e ? Cia miorbhuèillach na buaidheanan nàduir a thug Dia dhoibh !

CUNNTAS MU NA GAEL AN AMERICA, A DH'FHÀG LEWIS.

AIR foghar na bliadhna 1838 thainig a cheud imrice dh'Ghael a shuidh-ich ann an roinn ma'n Ear Chanada—dùthaich fharsuinn, air taobh deas na h-abhainn *St. Laurence*, mu thuairmeas ceud mìle bha *Chuibèic*, agus bho *Mhontreal*. Bha chaid bu mho dhiu bho Leòbhas, (Lewis) agus fo churam fir-dùcha dhaibh féin, Iain Mac Coinnich, a bha eòlach an America. Bha iad nan cuideachd cho bochd sa theagamh a dh'fhàg a Ghaeltachd rianbh. Le bhì cho anamoch gun seòladh bha'n foghar seachad ma'n tainig iad, agus gun ach Geamhradh nuaranta Chanada romhpa! An deigh sealladh a Ghabhail air cuid mhor de'n fhearann shuidhich ma dheireadh sea-teaghlaich—dheug dhiu air Gabhail ris an abrar *Bury*—ochd mìle stigh do'n choillidh, far nach robh nae màthar beò—no idir rathad mor! Fhuair iad am fearann air ochd Tastain an t-acair, agus an ùrrad so de bhliadhnaichean gus a phàigheadh.

Bha'n Geamhradh air tighinn a stigh agus an sneachd trom air tuiteam nuair thoisich na Leobhasaich bhochdais a cheud chraoibh a ghearradh, agus gu dearbh cha bu mho leo na bhì tuilleadh 'as deas air an obair; ach chuir an comunn, gu ceanalta, dìthis no triuir a sheòladh dhoibh mar dheanadh iad.

Anns an t-suidheachadh so theirig am beagan mine thug iad leo á Albain; agus beigin do chomunn Breatunach America min a thoirt doibh, arneo cha bu bheo dhaibh: thainig iad a dhiarraidh na mine so, agus thug iad leo i air an drannaig, a chion rathaid, deich mìle air astar, agus bu bhuidhe leo 'faotainn. Leis a so, agus le luach luathre nan craobh, as fiach sea sgillinnean am *Bushal*, chuir iad seachad an ceud gheamhradh dùldaidh. Coma leis gach bochdainn agus alaban agus anacothrom a bh' ann ma'n tainig am cur an t-sìl san earrach, cha robh teaghlach nach do reitich bho chéithir gu sea acraichean fearainn.

Chaitl iad an samhradh cuid de'n ùine reiteach an fhearainn agus a chuid eile deanamh rathaidhean. Nuair thainig am foghar cha robh iad an taing ùine—bheannaich am Freasdal saothair an làmh le beannachadh sònraichte. Nnair thainig an dara geamhradh cha robh dìth air a h-aon diu fhadsa dh' fhoghnadh coirce, 's eorna, 's buntata, 's càl, 'us currainn; agus cha robh iad nìle gun rathad-mor.

Da bhliadhna an deigh dhaibh tighinn phairis bha aig na Leòbhasich bho ochd gu da-acair-dheug an teaghlach air a reiteach, agus fo làn bhàrr; gun bhì tighinn air crobh, us caoraich 'us mucan!

Nuair chunnaic iad cho mhat sa bha'n cor sgriobh iad a nis, mar bu nàdura, gu'n càirdean bochd an leantuinn. Thug na curaidhean so misneach do chorr us de cheud tighinn a nall anns a bhliadhna 1841; ach thachair gu'n tainig iadsan cuideachd tuilleadh is anamoch, air chor 's gu'n do thuit iad air na càirdean fad a gheamhradh.

Air a bhliadhna 1842; se sin a'n uraidh, thainig corr 'us sea-fichead eile a Leòbhas, cho bochd sa dh'fhoghnadh dhaibh: ach bliadhna na dha

seachad, agus tha iad suas am bruthach. Tha iad a nis co'lath sea ceud Tuathach.

Uaithe so tha e soilleir nan tigeadh na Gael a tha ri ùslain 's ri briseadh an cridhe fad an saoghail a nall gum faigheadh iad lamh-an-uachdar air an anacothram ann am *beagan mhìosan*: ni nach urrainn daibh sùil a bhi aca ris aig baile. Thigeadh duine glie dealasach air bith do'n àite so le 'eadar leth-chiad agus ciad punnd-sasunach, agus tha e na Thighearn' a thiota, agus a theaghlach na dheigh a' mor mheas.

FACAL BHO NA FOILLSEACHAIREAN.

THA'N àireamh so a' cuir crìoch air an treas bliadhna de'n Chuairtear, agus tha dòchas againn gur leoir an sanas so do gach neach a tha ga fhaotuinn diòladh gun dàil air son na fhuair iad. Tha cosdas agus dragh mòr ann a bhi a' cuir cunntais a dh'ionnsuidh gach h-aon fa leth, air an aobhar sin tha sinn ag aslachadh air an càirdean iad a phaidheadh air son na fhuair iad co luath 'sa ruigeas an t-àireamh so iad. 'Nuair a thig an t-am air an còir do gach léughdair diòl air son a Chuairtear 'an deigh so, cuirrear ga'n ionnsuidh e ann an còmhdaich gorm no uaine: 'se so as fhasa 'dheanamh no cunntas a chuir gus a h-uile h-aon fa leth. 'An déigh so, mar an ceudna, theid gach paidheadh a gheibh sinn aideachadh anns a Chuairtear féin, aig ceann gach mìos.

Tha e a' cuir iongantais a's mìothlachd oirnn' gu' bheil air càirdean 'an America co fada an déigh laimh le'm paidheadh. Mar cluinn sinn 'uapa 'an uine ghoirid's éigin do'n Chuairtear fuireach air an taobh so do'n fhainge.

CRIÒCH AN TREAS LEABHAIR.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

P. CAMPBELL & CO., BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.





